

L.36.1 LIST OF GAELIC BOOKS

And Works on the Highlands

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation
or for private circulation.

		s. d.
M'Alpine's	Gaelie and English Pronouneing Diction-	
	ary, with Grammar, 12mo, cloth,	9 0
... Ditto	ditto half bound ealf,	10 6
... Gaelie and English, separately,	cloth,	... 5 0
... English and Gaelie, separately,	cloth,	... 5 0
M'Leod and Dewar's	Gaelie Dictionary, 8vo, cloth,	10 6
Alleine's	Alarm to the Unconverted,	1 6
... Saint's	Poeket-Book, cloth, 1s. sewed,	0 6
Almanae for 1875,	in Gaelie,	0 6
Assurancee of Salvation,	18mo, sewed,	0 6
Baxter's	Call to the Uneconverted, 18mo, cloth,	1 6
... Saint's Rest,	translated by Rev. J. Forbes,	2 6
Beith's	Catechism on Baptism, 18mo, sewed	0 1
Bible in Gaelie,	8vo, strongly bound in calf,	7 6
Do.	Quarto edition of 1826, moroceo,	25 0
Boston's	Fourfold State, 12mo, cloth,	4 0
Bonar's (Rev. Dr H.)	Christ is All, 18mo, sewed,	0 3
... God's Way of Peace,	1 0
Buehannan (Dugald) of Rannoeh's	Life and Conversion, with his Hymns, 18mo, eloth,	2 0
... The Hymns,	separately, 18mo, sewed,	0 3
Bunyan's	Come and Weleome, 18mo, cloth,	2 0
... World to Come, or Visions from Hell,	cloth,	1 6
... Graee Abounding,	18mo, eloth,	2 0
... Pilgrim's Progress, (three parts)	eloth,	2 6
... Do.	do. (two parts) 12mo, 1840,	2 0
... Water of Life,	18mo, eloth,	1 0

Gaelic Books Sold by Maclachlan and Stewart,

		s.	d.
Bunyan's Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> ,		2	0
... Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> ,		1	0
... Holy War, 18mo, (<i>in the Press</i>),		2	6
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> ,		1	6
Campbell (Donald) on the Language, Poetry, and Music of the Highland Clans, <i>with Music</i> ,		7	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,		0	2
... Mother's, 1d. Gaelic and English,		0	2
... Shorter, with Proofs,		0	1½
... Brown's Shorter, for Young Children,		0	1
Confession of Faith, scap. 8vo, <i>cloth</i> ,		2	6
Dairyman's Daughter, <i>sewed</i> ,		0	4
Dàin an Deirg agus Tiomna Ghuill, (Dargo and Gaul) with a new Translation, Notes, and Introduc- tion, by C. S. Jerram,		2	6
Dewar's (Rev. Dr.) The Gaelic Preacher, 8vo, ...		0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...		0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> , ...		3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> , ...		2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> , ...		1	6
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> , ...		0	2
Elegy on Dr Macdonald of Ferrintosh, 12mo, ...		0	6
English Poems, with Gaelic Translations, arranged on opposite pages, 12mo, <i>Part 2</i> ,		1	6
Finlayson (Rev. R.) Brief Sketch of the Life of, by Rev. J. Maepherson, 18mo, <i>cloth</i> , ...		1	0
Flavel's Token for Mourners, 18mo, <i>cloth</i> , ...		1	0
Forbes' (Rev. J.) Baptism and the Lord's Supper, ...		0	4
An Lochran : Dialogues regarding the Church, 0		6	
... Long Gheal : The White Ship; a Spiritual Poem, 0		4	
Gael (The), a Monthly Gaelic Magazine, 6s. a-year, or each No.		0	6
Gaelic First Book, 18mo, 2d.; Second do. ...		0	4
Gaelic Spelling-Book, 18mo, <i>cloth</i>		0	6
Gaelic Tracts, 50 different kinds, <i>sorted</i> , for ...		2	6
Gaelic Tracts, 8 sorts, 100 for		1	0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,		1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,		2	0

National Library of Scotland




B000501553

FOIS SHI ORRUIDH

NAN

NAOMH.



THE
SAINTS' EVERLASTING REST:

OR,

A TREATISE ON THE BLESSED STATE OF THE
SAINTS IN THEIR ENJOYMENT OF GOD
IN HEAVEN.

BY THE REV. RICHARD BAXTER.

R

TRANSLATED BY THE

REV. JOHN FORBES, MINISTER OF SLEAT.

EDINBURGH:
MACLACHLAN AND STEWART,
64 SOUTH BRIDGE.

1876.

FOIS SHÌORRUIDH NAN NAOMH:

NO,

SOLUS AIR STAID BHEANNAICHTE NAN NAOMH
A' MEALTUINN DHÉ AIR NÈAMH.

LE MR. RICHARD BACSTER.

EADAR-THEANGAICHTE
LE IAIN FOIRBEIS, MINISTEAR SHLÉIT.



EDINBURGH:
MACLACHLAN AND STEWART,
64 SOUTH BRIDGE.

1876.



NA CÌNN-INNSIDH

	Taobh.
KOIMH-RADH,.....	v
CAIBDEIL I.—Tòiseachadh do'n Obair, agus heagan Cùnntais mu Nàdur Fois nan Naomh,.....	1
CAIB. II.—An t-Ullachadh mòr airson Fois nan Naomh,.....	22
CAIB. III.—Oirdhearcas Fois nan Naomh,.....	33
CAIB. IV.—Comharradh na Muinntir sin do'm hheil an Fhois so air a h-ullachadh,.....	55
CAIB. V.—Truaighe na Muinntir sin a chailleas Fois nan Naomh,.....	76
CAIB. VI.—Truaighe na Muinntir sin a chailleas, cha n-è mhàin Fois nan Naomh, ach Toil-inntinn na heatba so, agus a bhithcas gu bràth a' fulang Dòr- uinn na h-Ifriinn,.....	92
CAIB. VII.—Ar Féum air a hhi gu dìchiollach ag iarraidh Fois nan Naomh,.....	109.
CAIB. VIII.—Cionnus a dh-aithnicheas sinn ar Còir air Fois nan Naomh,.....	137
CAIB. IX.—Is è Dleasanas Sluaigh Dhé muinntir eile a mhisneachadh gus an Fhois so iarraidh,.....	164

	Taobh.
CAIB. X.—Cha n-fhaighear Fois nan Naomh air thalamh,.....	195
CAIB. XI.—Mòr luach Caithe-heatha Nèamhaidh a choimhead, no àiteachadh air thalamh,.....	222
CAIB. XII.—Caochladh Seòladh a chum Caithe-heatha Nèamhaidh a choimhead air Thalamh,.....	249
CAIB. XIII.—Nàdur a' Mheòrachaидh Nèamhaidh, agus an t-Am, an t-Ait, agus an t-Ullachadh ìnninn, a ta freagarrach air a shon,.....	277
CAIB. XIV.—Mar nithear Meòrachadh Nèamhaidh le Smuaineachadh, leis na h-Aignidhean, le Féin-lahhairt, agus le Urnuigh,.....	295
CAIB. XV.—Medrachadh Nèamhaidh air a chuid-eachadh le Nithihh faicsinneach, agus air a dhòn an aghaidh a' Chridhe sheachranaich,.....	318
CAIB. XVI.—Còmhchradh Diadhaidh a' Mheòrachaидh Nèamhaidh, no Medrachadh Nèamhaidh air a dhean-amh, no air a chleachdadh,.....	342
An Comh-dhùnadh,.....	370

ROIMH-RADH.

RUGADH Maighstear RICHARD BACSTER, Ughdair "Fois nan Naomh," ann am baile Roudoin 'an Sasunn, air a' bhliadhna 1615, agus chaochail è ann an Lunuinn air a' bhliadhna 1691. Ach is cothromach a dh-fhaodar a ràdh mu thimchioll a' mhinisteir dhiadhaidh so, mar thathas ag ràdh mu fhìrean mòr eile, "Air dhà 'bhi marbh tha è fathast a' labhairt."

Chaidh Mr. BACSTER òrduchadh, aréir riaghait na h-Eaglais Sasunnaich, chum an soisgeul a shearmonachadh, 'nuair a bha è trì bliadhna fichead a dh'aois; agus għluais è an déigh sin mar theachdair naomh, firinneach, dīchiollach, ionnsuichte, comharrachte air taobh Chriosd. Shaothraich è gu seasmħach, agus bheannaich an Tighearn a shaothair gu mòr ann an searmonachadh an t-soisgeil araon ann am baile Lunuinn agus anns na dùchaibh mu-n-cuairt. Bha è air a shuidheachadh ann an Cidderminster, far an d'fhan è sea bliadhna deug, no gus a' bhliadhna 1660. So firean a fhuair a shàrachadh ann an tomhas mòr le easlainnt, agus fós air iomadh dòigh le trioblaidibh agus le aisith na rioghachd ann an làithibh a chuairt air thalamh, gidheadh shoirbhich obair an Tighearna gu h-iongantach 'n a làmhan.

'Nuair a thàinig air Mr. BACSTER Cidderminster 'fhàgail, bu duilich e-féin agus luchd-àiteachaидh a' bhaile sin a' dealachadh ri 'chéile. Mu'n do thòisich è air searmonachadh 'n am measg, bha 'm baile air a thruailleadh gu mòr le aineolas agus mi-dhiadhachd. Cha d'fhuair è

os-ceànn teaghlaich, no 'dhà eadar dà cheànn sràide, anns an robh aoradh Dhé air a chumail gach là; ach tre bheannachd Dhé air a shaothair, cha b'fhad an déigh sin, gus an tainig atharrachadh mòr air an t-sluagh, agus gus am facas toradh taitneach na fior dhiadhachd a' fàs suas gu pàilt ann an iomadh teaghlaich. Air an là 'dh'fhàg è Cidderminster cha n-fhaighteadh os-ceànn teaghlaich no 'dhà ann an cuid de shràidibh a' bhaile anns nach robh aoradh Dhé air a chumail gu riaghailteach. An àit fuaim na h-aingidheachd agus na minnaomhachd air "là an Tighearna," bha nis "an fhuaim aoibhneach, ait" air feadh a' bhaile. Dh-fhaodadh gach neach, a ghabhadh seachad air an t-sàbaid, iomadh ceud teaghlaich a chluinntinn a' séinn, ag ùrnuigh, a' léughadh nan Sgriobtuir agus leabhraichean maith eile, 'nuair nach robh iad cruinn aig "aoradh follaiseach an Tighearna" anns an eaglais.

Is pàilt a bheannaich Dia saothair Mhaighstir BACSTER do mhuinntir Chidderminster. Mheudaich àireamh an luchd-comanachaiddh fo shearmonachadh an teachdaire dhileis so gu *sea ceud*, agus thubhairt e-féin 'nach robh dà anam dheug ameasg na h-àireimh sin mu nach fhaodadh deadh dhòchas a bhi aige, oir bha an caithe-beatha diadhaidh a' còrdadh ri 'n aideachadh'. Agus glòir do Dhia, faodar an spiorad diadhaidh, a chaidh àrach mar sin, a lorgachadh amach fathast ann an cuid de'n t-sluagh, araon anns a' bhaile sin agus 'n a choimhearsnachd. Hò ! b'fheàrr gu'n robh è na's mò ! agus air feadh gach àite anns am faighear iarmad de 'n spiorad sin bed fathast, gheibhear cuimhne thàingeil, thaitneach air Mr. BACSTER, agus ainmichear è le urram agus gràdh.

Is iomadh diadhair mòr, agus duine tuigseach, eòl-

ach, ainmeil, ionnsuichte aig an robh barail àrd agus mòr mheas air Mr. BACSTER 'n a linn, araon mar sgrìobhadair agus mar shearmonaiche comasach, soilleir, dileas. B'ann diubh sin an t-Ard-easbuig Usher; an t-Easbuig Wilkins; Dr. Barrow; Dr. Bates; Dr. Calamy; Dr. Manton; Mr. Iain Ianeway; Mr. Tómas Doolittle; Mr. Flabhel; Mr. Iòseph Alleine; Sir Nathaniel Barnardiston, &c. Thubhairt cuid diubh sin gu'n "tàinig è na b'fhaigse air dòigh sgrìobhaidh nan Abstol na thàinig duine sam-bith eile 'n a linn; gu'm bu leòr do aon linn duine cho comharrachaite ri Mr. BACSTER a thoirt do'n t-saoghal; nach robh eagal air à mi-thlachd duine sam-bith, agus nach robh sùil aige ri onoir o neach air-bith." B'iongantach, ann an tomhas air-leth, a chomas searmonachaiddh, a' fosgladh, a' dearbhadh 's a' daingneachadh gach pùng le argumaidibh soilleir, làidir, bunaichte air firinnibh nan Sgriobtuir, agus air réusan an duine, a' bualach astigh gu dìreach air cridheachan a luchd-éisdeachd le saighdibh géur na firinn, a' deargadh orra gu domhain, teànn, a' dùsgadh nan ciontach, a' rùsgadh an cionta dhoibh, a' toirt pheacach mi-chùramach gu mothachadh air an cionta agus air an truaighe, agus gu sìth 'us slàint iarraidh ann an Criod. Is gānn a b'urrainn anam air-bith, mur robh è "mar nathair bhodhar," éirigh o theagasc shoilleir, bheò an teachdaire spioradail so, gun drùigheadh air. Glòir do Dhia, is iomadh anain dorch, seachranach a fhuair solus, agus sòlas, agus a chaideh a threòdrachadh gu "carraig na slainte" le teagasc ghlic an aodhaire ghlic so. "Tha briathra nan daoine glice mar bhioraibh." *Ecles. 12. 11.* Mar sin bha briathran an fhìrein so do chridheachan mhìltean. Bha lad mar chlainbeamh géur dà fhaobhair ann an

làimh gaisgich gun fhìamh, a' sgathadh 's a' gearradh slos truaillidheachd a' chridhe. Bha e-féin air a lànbheothachadh leis an Spiorad Naomh, agus an Iorg sin bu mhiannach, taitneach leis a bhi gu tric a' taomadh amach soluis nèamhaidh air cridheachan peacach, dorch, fuar, marbh, 'g an lionadh le blàs agus beatha, agus mar sin, a' leaghadh sios nan cridheachan bu chruaidhie 'n an tuamaithh reòta, le beò ghràdh hlàth do Dhia.

Sgrìohh Mr. BACSTER mòran leabhrachaean. Is iongantach, ann an tomhas air-leth, an comas sgrìobhaidh a fhuair è. Cha lugha na *ochd fichead leabhar* 's a *h-ochd* a thàinig amach o pheànn an diadhair so ; agus fhad 's a bhitheas Eaglais Chriosd air thalamh, is ionmhas làn, taitneach dhì a chuid leabhrachaean diadhaidh ; oir gheibhear cuiisle bhed, neartmhòr, nèamhaidh a' bualadh anns gach aon diubh. Is ainmig leabhar air-hith, ach am Biobull fèin, anns am faighear uiread de spiorad na fìor dhiadhachd, no tuigse, gràdh, eòlas, dilseachd agus solus cho mòr 's a gheibhear ann an oibrihh an ùghdaidh so. 'Tha iad a' treòrachadh gu pailt a chum "diadhachd fhìor-ghlan agus neo-shalach" àrach ameasg dhaoine. Bha 'us tha iad air am meas glé luachmhòr, agus air am beannachadh do mhìltibh, 'am fad 's am fagus.' Tha iad éifeachdach a chum peacaich mhi-chùramach a dhùsgadh, a chum na h-aineolaich a theagasc, a chum na h-amharusaich a dhaingneachadh, a chum sòlas a thoirt do na h-airseulaich, a chum sluagh mi-dhiadhaidh iompachadh, agus a chum sluagh diadhaidh a thogail suas ann an naomhachd.

Sin anis teisteanas dhaoine diadhaidh, urramach, ach, do'm b'aithne Mr. BACSTER, air-féin agus air 'oibrihh diadhaidh. Bha è ainmeil air feadh na riogh-

achd, araon mar shearmonaiche agus mar sgrìobhadair, ionnus gu'm bu "toil leis ań rìgh féin urram a chur air." Shearmonaich è an làthair Rìgh Teàrlach II. Chuir an rìgh sin onoir air, agus thug è dreuchd dhà, agus an déigh sin chaidh dreuchd àrd eile a thairgse dhà fo làimh an rìgh, nach b'àill leis a ghabhail.

Is comharraichte, prisail an leabhar "*Fois nan Naomh.*" Is è so do réir barail dhaoine glice, diadhaidh an t-aon a's luachmhoire de leabhraichean Mhaighstir BACSTER. Sgrìobh è an obair so 'nuair a bha è mu dheich bliadhna fichead a dh'aois. Is ãnn mar ùrachadh, mar shòlas, agus mar neart d'a anam féin a sgrìobh è "*Fois nan Naomh,*" 'us dùil aige, gach là fad iomadh mìos, ri gairm a' bhàis, am feadh a bha è 'g a sgrìobhadh; oir bha è air an àm sin a' fulang fo easlaint, agus anns an stàid sin làn-shuidhich è a smuaintean agus 'aignidhean air Dia, agus air sonas agus glòir nan naomh air nèamh. "Is ì so," ars' e-féin, "obair 'bu tarbhaiche do m' anam na na h-uile nithe eile 'dh'ionnsuich mì riamh." Ach b'i toil an Tighearna mhaith neart aiseag dhà an déigh sin, geda b'ainmig a bha è aon là saor o easlaint, agus a làithean a shìneadh a chum tuilleadh seirbhis a dheanamh do'n eaglais air thalamh; a' beannachadh eadhon easlaint an fhìrein so gu pait d'a anam féin, agus fòs do mhìltibh eile; oir "a ta fhios againn gu'n comh-oibrich na h-uile nithe," eadhon easlaint, "chum maith, do'n dream aig am bheil gràdh do Dhia." Shearmonaich è "*Fois nan Naomh*" ann an Cidderminster, agus an déigh sin chaidh an obair a chlò-bhualadh air tùs, air a' bhliadhna 1660.

Chithear ann am "*Fois nan Naomh*" dearbh chomh-arradh air inntinn naoimh, nèamhaidh,—inntinn a fhuair sealladh mòr air an t-sìorruidheachd. Is gànn a gheibhear, ann an obair duine sam-bith eile, sealladh cho

mòr, cho làn, agus cho soilleir de'n t-saoghal shìorruidh 's a gheibhear anns an leabhar so. Chum ar tàladh suas gu nèamh, thug an t-ùghdair nèamhaidh so dhuinn sealladh air "an ionad naomh" a ta shuas,—sealladh air sonas, glòir agus àrd aoibhneas an t-sluaigh bheann-aichte a ta nis an làthair Dhé air nèamh,—sealladh anns am bheil nithe nèamhaidh air am fosgladh do shùil an fhìor Chriosduidh, agus air an riochdachadh amach dhà air dòigh cho soilleir, cho làidir, cho cìnnteach, drùighteach, beò 's a bheir air amhare air uile nithibh boillsg-each, siùbhlach, ðiomhain an t-saoghal so, mar neo-nì ann an coimeas ris "na nithibh a ta shuas," agus an cur cho suarach 's a chuireas seànn duine mireag, no cluith na cloinne bige. Air an làimh eile, chum eagal slàinteil a dhùsgadh suas ann an sluagh gun chùram. thog è am brat de uamhasaibh goirt, garg na h-ifrinn, a' nochdadh an teine shìorruidh, a' foillseachadh truaighe agus bròin an t-sluichd, agus a' leigeil-ris fulang agus dòruinn shìorruidh an t-sluaigh mhallaichte anns na lasraichean làidir nach mùchar a chaoidh, air dòigh ach beag, cho soilleir, eagalach, drùighteach as geda bhithleadh ifrinn féin fosgailte nis fo shealladh ar sùilean. O ! na'n smuainicheadh muinntir gu cùramach, tric air an t-sealladh uamhasach a thugadh dhoibh an so air fulangas searbh nan aingidh ann an ifrinn, nach bu leòr sin, shaoileamaid, gu bacadh 'us casgadh a chur air gach olc ameasg dhaoine fedlmhor, mi-chùramach, truagh.—(Faic CAIB. V.)

Fois nèamhaidh ! O cait am faighear ni eile cho luachmhor ! Fois shìorruidh ! O cait am faighear saoibhreas air-bith eile cosmhuil ri sin ! Dearbh chinnteas air an fhois bheannaichte sin aig gach anam gràsmhor ! Cia luachmlior, sòlasach sin do gach firean ! Cia féumail

dò na h-uile smuaincachadh agus labhairt air an fhois ghlòrmhoir so! Agus sin an fhois a gheibhear air a fosgladh dhuinn ann an teagasg àrd an leabhair so. Tha è air a lionadh le còmhàradh nèamhaidh. Is meadhon éifeachdach è chum anamanan a threòrachadh gu staid na naomhachd. Beannaichidh Dia an còmhnuidh gach meadhon a ta freagarrach a chum a ghlòir féin, agus sonas sìorruidh dhaoine 'chur air aghaidh, agus bheannaich è cheana am meadhon so—an leabhar so—aùn an tomhas air-leth do mhòran. Is iomadh neach sean 'us òg, saoibhir agus bochd, àrd agus iosal, do'n robh an leabhar iongantach so air a bheannachadh gu pailt, agus aig am bheil ri ràdh, le tàingealachd agus gairdeachas, So am meadhon beannaichte leis an robh mise air mo thoirt, fo làimh Dhé, gu smuaineachadh gu ceart air fois shiorruidh m'anama. Is è thubhairt balachan òg, diadhaidh ann an àit àraig, aois dà bhliadh-na dheug, do'm b'abhaist a bhi 'léughadh "Fois nan Naomh," 'us è nis dlùth do'n bhàs, "Dhomh-sa leabhar Mhaighstir Bacster, chum gu'n léugh mi beagan fathast mu'n t-siorruidheachd, mu'n léid mi stigh do'n t-saoghal shiorruidh."

Sgrìobh MR. BACSTER leabhar comharrachte, maith eile do'n ainm "*Gairm do 'n t-Sluagh Neo-àiompaichte*," agus thubhairt e-fèin 'nach robh aon air-bith eile, ach "*Fois nan Naomh*," de na leabhraichean lìonmhor a sgrìobh è, air a bheannachadh cho mòr le Dia do anam-aibh dhaoine, ris àn leabhar sin—leabhar a tha, gus an là an diugh, air a bheannachadh do mhòran.

B'ionmhuinn leis a' mhiniestcar dhiadhaidh, Mr. Flabhel, an t-ùghdair nèamhaidh so; bha iad beò le 'chéile anns an aon lìnn. Is àrd an tcisteanas a thug è air, ach cha n'eil i na's àirde na b'fhlàch è. "Is

beag," arsa Mr. Flabhel, "nach 'eil Mr. Bacster air nèamh cheana. Tha è bed 's a shùil gach là air nèamh, a' feitheamh gu suilbhìr, sòlasach ri fois shìorruidh nan naomh maille rì Dia ann an glòir; agus air 'fhàgail beagan làithean ann ar measg-ne, mar dhearbhadh mòr, soilleir air a' mhòr chumhachd agus air an aoibhneas a ta ann am beatha neartmhoir an fhìor chreidimh."

FOIS SHIORRUIDH NAN NAOMH.

CAIBDEIL I.

*Tòiseachadh do'n Obair, 'us beagan Cùnntais mu Nàdur
Fois nan Naomh.*

"Uime sin dh'fhagadh fois fa chomhair stuaigh Dhé." EABL. IV. 3.

ANN an tuiteam Adhaimh, chàill sinn, cha n-è mhàin ar tlachd ann an Dia agus a làn mhealtuinn, ach mar-an-céudna gach uile eòlas spioradail air, agus gach fior thogradh an déigh an t-sonais sin a chàill sinn. Tha Mac Dhé a' teachd agus a' tairgse a ghràis a chum ar saoradh, agus a' foillseachadh sonais agus glòire spioradail agus storruidh dhuinn, ach gheibhear gu ro thric daoine mi-thoileach air gabhail ris tre chreidimh. Mar dhuine bochd nach creideadh gu'm b'urrainn stùim cbo mòr ri ceud pùnd Sasunnach a bhi aig neach eile, a chionn nach robh riamh uiread aige-féin, is gānn a chreideas daoine, air an là an diugh, gu'm bheil sonas ānn cho mòr 's a chàill iad, agus a dh-fhaodas iad 'fbaotuinn fathast tre chreidimh ann an Chriosd. 'Nuair a b'aill le Dia làitbean fois' a thoirt do na h-Israelich, ann an tìr na fois', bu dorra dhà ladsan a thoirt gu sin a chreid-sinn na fois ullachadh air an son, no buaidh a thoirt air an naimhdean. Agus an déigh dhoibh seilbh 'fhaotujinn air fois Chanàain, mar fhoillseachadh agus mar eàrlas beag air an fhois sin a ta fada nan clàrn na's glòrmhoire agus na's maireannaiche, eadhon an fhois a gheibhear ann an Criosd, fathast cha chreideadh iad dad tuilleadh ach na bha fo'n sùil 'us fo'n làimb, ag ràdh, leis a' gheòcraig aig a' chuilm, "Gu cìnnteach cha n-eil sonas ānn a's feàrr na so!" No, ma bha sùil aca ri ni sam-bith o'n Mhesiah, cba robb iad ag larraidh uaith, acb ambàin an

sonas tìmeil a mheudachadh. Tha 'n t-Abstol a' labhairt, anns a' chuid a's mò de'n Litir a chum nan Eabhruidheach, an aghaidh na droch mhèinn so, 's a' dearbhadh gu soilleir, làn gu'm b'ì àrd clirioch nan uile dheas-ghnàth agus nam faileas eile fo'n Lagh, sluagh a threòrachadh a dh-ionnsuidh Chriosd, brìgh nan nithe sin uile : agus gu'n robh fois nan sàbaid, agus Canàan féin a' teagasg do chloinn Israel sealantuinn an déigh na foise maireannaich, eadhon fior shonas.

So anis an co-dhùnadadh gus am bheil an t-Abstol a' teachd anns a' cheànn-theagaisg, an déigh dhà caochladh dearbhadh a thoirt air na nithibh a bhia bho thoiseach a' treòrachadh a dh-ionnsuidh na foise so. Ann a' cho-dhùnadadh so gheibhear am bònn air am bheil uile shòlas a' chreidmhich air a stéidheachadh, crìoch a dhleasanais agus 'fhlolangais gu léir, beatha agus sùim nan uile gheallaidhean, agus nan uile shocairean a ta aige mar Chriosduidh fo'n t-soisgeul. Ciod a's taitniche do dhaoine, 'nuair a bhithleas iad a' fulang fo àmhgar cuirp, air an sgìtheachadh le dleasanais muin-air-mhuin, na fois? Bheir fois, cha n-è mhàin sòlas, ach mòr mhisneachd dhuinn gach là. Tha ar beothalachd ann an deanamh ar dleasanais uile, ar foighidin ann am fulang àmhaghair, ar comas air onoir a thoirt do Dhia, spionadh ar gràidh, ar gràsan uile, seadh, eadhon bith ar creidimh agus ar Criodachd a' sruthadh o chreidsinn agus o smuaintibh naomh mu thimchioll ar fois'. Agus anis, a léughadair, co-air-bith thu, ðg no sean thu, saoibhir no bochd thu, guidheam ort, cuiream impidh ort, ann an ainm an Tighearna, a ghairmeas tu gu cùnntas gu h-aithghearr, a bheir breth ort agus a chuireas tu anns an staid shìorruidh sin nach gabh atharrachadh gu bràth, na tilg uait na nithe so an déigh dhuit an léughadh, amhàin ag ràdh gu'm bheil iad flor; ach socraich do chridhe orra, agus gabh Dia ann an Criod, agus esan 'n a aonar, mar d' fhois, agus suidhich do chridhe air-san os-ceànn nan uile. Nise gu'n deònaicheadh an Dia bed, cuibhrionn agus fois a shluagh naoimh féin, na h-inntinnean fedlmhor so againn-ne a dheanamh cho spioradail agus na cridheachan talmhaidh so againn-ne cho nèamhaidh as gu'n dean sinn e-féin a

ghràdhachadh le tlachd 'us taitneas, fad uile làithean ar beatha, ionnus nach bi mis' a sgrìobh, no thus' a lèughas an leabhar so, air ar pilleadh gu bràth o shligh so na beatha, "air eagal air bhi do ghealladh dol a steach d'a shuaimhneas air 'f hìagail againn, gu'n tigeadh aon neach agaibh a dhéidh-làimh air." *Eabh.* 4. 1.

Is i Fois nan Naomh staid a's sona air an ruig an Criosduidh. So an staid anns am bi na Naoimh air an deanamh foirfe, no lomlan, a' làn-mhealtuinn Dhé gu bràth, do-réir a chomais gus an togar suas an anamanan aig a' bhàs. So an staid gus an tig araon an anamanan agus an cuirp gu fior làn, air là mòr a' Bhreitheanais dheireannaich an déigh na h-aiseirigh.

Féumar smuaineachadh an toiseach air nithibh a ta ann an nàdur na foise so; agus ainmichidh sinn cuid diubh sin anis:—Is daoine bàsmhor a ta nis ag larraidh na foise so; oir tha an fhois so cheana aig ainglibh agus aig spioradaibh glòraichte dhaoine, ach tha na deamhnan agus an sluagh mallaichte air am fàgail gun dòchas idir ri fois:—Tha na naoimh a' ròghnachadh Dhé mar an crìoch agus an sonas: ach ge-b'-e neach a ghabhas ni sam-bith eile mar a shonas, tha è mach ás a' cheud chéum de'n t-sligh:—Tha iad fada, fada bho'n chrìoch so: is è sin cor truagh nan uile bho 'n là a thuit iad. Tha Criosd a' teachd le 'ghràs ath-nuadhachaidh, 's a' faotuinn gach duine—seadh, na h-uile dhaoine—a' gluasad gun stad agus a' greasad a dh-ionnsuidh sgrios shìorruidh—a' deanamh cabhaig' gu ifrinn; gus an toir è orra stad le mothachadh a thoirt doibh air an cunnart, ag lompachadh an cridheachan agus a' pilleadh céum am beatha gu dìleas d'a ionnsuidh féin. Gabh anis a' chrìoch so agus a h-birdhearcas mar nithe aithnichte a thàtar ag larraidh. Cha ghluaisear neach sam-bith gu maith neo-aithnicht' iarraidh. Féumar smuaineachadh araon air an astar a tha sluagh o'n fhois so agus air fior eòlas mu'n astar sin. Iadsan nach d'aithnich riamh gu'm bheil iad gun Dia aca, agus air an t-sligh gu ifrinn, cha d'aithnich iad fathast an t-sligh gu nèamh. Ma thuigeas duine gu'n do chàill è Dia agus 'anam féin, nach glaodh è mach, *Tha mi càillte?* Carson a tha àireamh cho beag ag amas air an fhois so? Cha n-àill leo a chreidsinn

gu'm bheil iad, do thaobh còir, fad ás uaipe, agus do thaobh cleachdaidh, a' breabadh 'n a h-aghaidh. Cò a dh'arr riamh ni, gun fhios aige gu'n do chàill sè è? " Cha 'n ànn aig a' mhuinntir a ta slàn a ta féum air an léigh, ach aig a' mhuinntir a ta euslan." *Mata 9. 12.* Féumaidh siun smuaineachadh mar-an-céudna air àrd Chumhachd gluasaid—cumhachd a ghluaiseas sinn gus an fhois so iarruidh, air-neo seasaidh sinn balbh, gun aon chéum a dheanamh d' a h-ionnsuidh. Nis is ànn o Dhia a ta an cumhachd so, oir mur gluais Dia sinn, cha n-urrainn sinn-féin gluasad a dh-ionnsuidh ar fois'. Is cuid ro fhéumail de ghliocas a' Chriosduidh, a bhi 'géilleadh do Dhia, a bhi 'g a earbsadh féin ris, a bhi air 'fhaotuinn anns an t-sligh 's am bheil Dia ag imeachd, agus far am bheil a Spiorad gu tric a' gluasad; an aire 'thoirt nach dealaich sinn ri Dia, nach fàilnich ar dùil ri cuideachadh ùr gach là, agus nach dì-chuimhich sinn, uair sam-bith, gu'm bheil mòr fhéum againn an còmhnuidh air cumhachd an Spioraid. Cho luath 's a thàdisicheas sinn ri earbsa 'chur ann ar stòras fcin, ann ar tuigse féin, no ann ar rùn féin, a chum gluasad gu naomh ann an céum ar dleasanais, tha sinn an sin ann an cunnart tuiteam air falbh o Dhia. " Cha 'n 'eil sinn foghainteach uainn-féin chum ni sam-bith a smuaineachadh mar uainn-féin: ach is ann o Dhia a ta ar foghainteachd." *2 Cor. 3. 5.* " As m'éugmhais-sa," arsa Criod, " cha 'n urrainn sibh aon ni a dheanamh." *Edin 15. 5.*

Arìst féumaidh iadsan a ta 'g iarraidh na foise so, bonnachair (*principle*) na beatha spioradail a bhi aca 's an taobh astigh dhiubh. Cha n-ànn mar chlachan a tha Dia a' gluasad dhaoine. Tha è 'buileachadh beatha orra, cha n-ànn a chum an deanamh comasach air gluasad ás éughmhaïs a chuideachaidh féin, ach a chum ùmhachd a thabhairt dà-féin. Agus a bhàrr air sin, féumaidh gach anam, a ta ag iarraidh na foise so, gnàth-iarraidh d'a h-ionnsuidh gu riaghailteach, seas-mhach, dùrachdach, gniomhach. Esan a dh-fholaireas a thàlant, gheibh è tuarasdal an t-seirbhisich lùnndaich. Cha n-'eil gach rathad a' treòrachadh a dh-ionnsuidh na foise so, ach an Tì a rinn le 'mhaitheas an fhois òrduchadh, rinn è le 'ghliocas agus le 'àrd ùghdarras

an rathad d'a h-ionnsuidh òrduchadh mar-an-céudna. Theagamh gur iad ar ròidean féin a's glice, a's maisiche, a's diriche agus a's taitniche leinn-ne ; ach is i an iuchair, a dh'òrduich Dia féin, a's feàrr a dh'fhosglas a' ghlas. O! nach iomadh anam aineolach, baoth-chreideach a thari saothair agus cosdas airson na foise so, agus an déigh sin uile gheibhear a shaothair uile ñiomhain ! Cia lìon-mhor iadsan aig am bheil éud do thaobh Dhé, ach cha n-änn aréir edlais, aineolach air fìreantach Dhé, 's a' dol mu-n-cuairt ag iarraidh am fìreantachd féin a chur suas, cha n-àill leo strìochdadhl do f'hìreantachd Dhé agus cha n-aithnich iad gur "è Criod crìoch an lagha, chuin fìreantachd do gach neach a chreideas." *Ròm.* 10. 2-4.

Is è Criod an dorus, an aon sligh a dh-ionnsuidh na foise so. "Ach is cumhann an dorus, agus is aimh-leathan an t-slighe." *Mata* 7. 14. Féumaidh sinn "spàирн chruaidh a dheanamh," ma's àill leinn "a dhol a stigh;" "oir a ta mi ag ràdh ribh," arsa Criod, "gu'n larr mòran dol a stigh agus nach urrainn iad," (*Lùc.* 13. 24,) a' clàllachadh le sin gu'm bheil rioghachd nèimh a' fulang ainneirt. *Mata* 11. 12. Ni mò a bheirear sinn gu fois nan naomh 'ma thòisicheas sinn anns an spiorad, ach a' crìochnachadh anns an fhedil.' *Gal.* 3. 3. Is è mhàin an neach a "bhitheas seasmhach chum na criche, a thèarnar." *Mata* 24. 13. Cha d'fhuaire aon anam riamh fois maille ri Dia, aig nach robh a mhiann air a shocrachadh air Dia os-cionn gach ni eile 's ant-saoghal. "Oir ge b'e àit am bheil bhur n-ionmhas; is ann an sin a bhios bhur cridhe mar an céudna." *Mata* 6. 21. Gheibhear fuigheall ar seànn nàduir a' lagachadh 's a' bacadh ar deadh mhiann gu mòr, ach cha n-urrainn sin buadhachadh thairis air. Féumar a' cheart aire 'thoirt gu'm bheil droch bhuidhean ar nàduir a' dol calg-dhìreach an aghaidh ar deadh mhiann, gu'm bheil ar deadh bhuidhean lag, agus gu'm bheil sinn an còmh-nuidh astar fada bho 'n fhois. Air an aobhar sin, féumaidh sinn spàирн dhìchiollach a dheanamh, chum a' chrìoch a ruigheachd. Bithidh na nithe sin uile air an cnnasachadh gu cùramach, tric leis gach Crioduidh a ta nis ag iarraidh còir air fois nèamhaidh.

Dhìrich sinn suas na chéuman sin do thaobh-muigh na cùirte, seallamaid anis air taobh-stigh “a’ bhraít-roinn.” Faiceamaid ciod iad na nithe a ta air am filleadh anns an fhois so, cho maith ris na nithe a roimh-bheachd-aichear mu ’timchioll. Och! cia beag is aithne dhomh-sa de ghòdir na foise so! Bha nithe anns a’ bhoillsgeadh a fhuair Pòl dhù, nach b’urrainnear agus nach fhaodar a labhairt. Na’n do labhair è ann an càinain nèimh, air na nitibh a chunnaic è air nèamh, gun neach ānn a thuigeadh an càinain sin, ciod a b’ fheàirrd sluagh è? Gu’n deanadh an Tighearn ’fhoillseachadh dhomh-sa ciod is còir dhomh ’fhoillseachadh dhuibh-se! Gu’n deònaicheadh Dia solus a dh-fheuchas an oighreachd so dhuibh-se agus dhomh-sa! Cha n-ānn mar a nochdadh do Bhalàam òirdhearcas nam bùth aig Iacob, agus nam pailliunn aig Israel, far nach robh cuibhrionn aige, agus o’n robh a sgrios féin gu teachd! Cha n-ānn mar a’ nochdadh “tìr a’ gheallaidh” do Mhaoris, a fhuair sealladh an àite seilbh, agus a chunnaic an tìr do’n neach deachaidh è riamh astigh! Ach mar bha an neamhnuid air a foillscachadh do’n cheannaiche anns an t-soisgeul, nach do stad gus an do reic è na bha aige, agus cheannaich sè || agus mar bha nèamh air ’fhosgladh do Stephen beannaichte, do’n robh è gu dhol astigh gu grad: chunnaic esan glòir air an robh è gu seilbh ’fhaotuinn dhàféin! So anis na nithe a gheibhear anns an fhois nèamhaidh:—eadhon Sgur de mheadhonaibh nan gràs:—Làn shaorsa bho gach ole:—An céum a’s àirde de iomlanachd phearsantail nan naomh, araon do thaobh cuirp agus anama:—Dlùth mhealtuinn Dhé, am maith a’s àirde:—Agus gnàth obreachadh milis aig uile chomas-aibh cuirp agus anama ann am mealtuinn so Dhé.

1. Anns an fhois nèamhaidh “sguirear de mheadhonaibh nan gràs.” ‘Nuair a ruigear an cala, sguiridh sinn a shedladh. ‘Nuair a gheibh an t-oibriche a thuarasdal, tuigear gu’n d’rinn è ’obair. ‘Nuair a ruigeas sinn ar ceànn-uidhe, fàgaidh sinn an t-sligh. “Ma’s faidh-cadaireachda ’ta ann, théid iad air cùl; ma’s teangaidh, sguiridh iad; ma’s eòlas, cuirear” mar-an-céudna, cho fad ’s a bha nàdur nam meadhon ànn, “air cùl è.”

1 Cor. 13. 8. Cha bhi ùrnuigh ànn ni’s mò, do bhràigh

nach bi féuin oirre, ach bithear a' làn-mhealtuinn nan uile nithe maith a b' àbhaist duinn a bhi 'g iarraidh ann an ùrnuigh. Cha bhi féum air trasgadh, air guil, no caithris ni's mò, oir bithidh sinn saor o gach peacadh agus buaireadh. Thig crìoch air searmonachadh; sguiridh ministearachd an duine. Cha bhi féum air na sacramaidean. Tha an luchd-oibre air an gairm, do bhrìgh gu'm bheil am foghar air a chruinneachadh, an cogull air a losgadh, agus an obair crìochnaichte; bithidh an sluagh neo-iompaichte gun dòchas, agus na naoimh gun eagal, gu sìorruidh.

2. Tha "làn shaorsa bho gach olc" anns an fhois nèamhaidh, seadh o gach olc a bha riamh ag iadhadh umainn fad ar turuis, agus a dh-fhéumas ar leantuinn, fhad 's a bhitheas sinn dealaichte bho'n àrd mhaith. A bhàrr air sin, tha saorsa againn o lasraichean agus o thruaighean sìorruidh fo'm bheil iadsan, a rinn tàir air Criod agus air a ghràs, a' fulang gun stad, agus sin am peanas eagalach air an robh sinne airidh araon do thaobh ar breith agus toilltineas ar deanadais, cho maith riutha-san! Ann an nèamh cha n-eil "ni air-bith a shalaicheas," no ni neo-ghlan. Tha iad sin uile air "an taobh a muigh." (Faic *Taisb.* 21. 27. agus 22. 15.) Cha n-eil bròn, no doilgheas, no ni sam-bith mar sin air nèamh. An sin, cha n-eil aoduinn ghlas, corp fànn, uilt laga, naoidheanachd gun treòir, aois chròn, chröm, droch galar, càil aimhleasach, tinneas cràiteach, eagal, goirteachadh, no seargadh, no ni sam-bith do'n ainm olc. Rinn sinne guil agus caoidh 'nuair a bha an saoghal ri gàirdeachas; ach pillear ar bròn gu gàird-eachas, agus ar gàirdeachas cha bhuin neach air bith uainn'. *Edin.* 16. 20, 22.

3. Gheibhearr anns an fhois so, "an céum a's àirde de ioimlanachd phearsantail nan naomh, faraon do thaobh cuirp agus anama." Air meud an glòir, bu bheag dhoibh è, mur biodh an cuirp agus an anamanan air an deanamh comasach agus freagarrach air son glòir'. "Cha 'n fhaca sùil, agus cha chuala cluas, agus cha d'thàinig ann an cridhe duine, na nithe sin a dh'ulluich Dia dhoibh-san aig am blieil gràdh dhà." 1 *Cor.* 2. 9. Cha n-eil an t-sùil fheòlmhor comasach air na nithe sin 'fhaicinn, no

a' chluas an cluinntinn, no an cridhe so an tuigsinn. Ach air nèamh, tha an t-sùil, a' chluas agus an cridhe air an deanamh comasach; mur biodh, ciamar eile 'dheanadh làd am mealtuinn? Mar a's coimhlionta an léirsinn, is ànn a's taitniche cuspair àillidh do'n t-sùil. Mar a's coimhlionta a' chàil, is ànn a's mìlse am biadh. Mar a's ceòlmhoire a' chluas, is ànn a's taitniche an ceòl. Mar a's coimhlionta an t-anam, is ànn a's aoibhniche na h-aoibhneasan sin, agus a's glòrmhoire dhuinn a' ghàdir sin.

4. Is i nis a' chuid àraid de'n fhois so, sinn "a bhi 'dlùth mhealtuinn Dhé, am maith a's mò." Agus an so, a léugh-adair, na gabh iongantas mur bi fios agam-sa, agus mur ruig mo thugse, ach amhàin air beagan de na nithibh a ta air am filleadh ann mo bhriathraibh. Mur robh "è soilleir fat hast" do Eòin, an deisciobul ionmhuinn, "ciod a bhitheas sinn," ach amhàin a ràdh gu gnàthaichte, "gu'm bi sinn cosmhuil ri Criosd, 'nuair a dh'fhoill-sichear è," (1 *Eòin* 3. 2.) na gabh iongantas mur aithue dhomh-sa ach beag. Agus o nach aithne dhomh ach beagan mu thimchioll Dhé, cha n-urrainn mòr fhios a bhi agam ciod è sin Dia a mhealtuinn! Ma's beag m' edlas air spioradaibh, cia beag m' edlas air Athair nan spiorad, no air an staid anns am bi m' anam féin, an déigh a thogail suas gu mealtuinn Dhé? 'Nuair a sheasas mì ag amharc air tòrr sheangan, 'us mì 'g am faicinn uile fo mo shùil; cha n-aithne dhoibh-san mise, mo bhith, mo nàdur, no mo smuaintean, ged is mì an co-chréutair; cia beag, matà, is aithne dhuinn-ne de'n Chruthaidhear mhòr a tha, le aon sealladh a shùl, gu soilleir a' faicinn nan uile dhaoine! Cha n-eil au diugh aig na naoimh, a tha "ag amharc mar ann an sgàthan," ach boillsgeadh, no sealladh beag leis am bheil sinn air ar deanamh comasach air beagan smuaintean gànn, dorch 'fhaotuinn air na nithibh sin a chithear an déigh so ann an glàdir. Ma labhras mì ri duine saoghaltach air naomhachd agus air aoibhneasaibh spioradail nan naomh air thalamh, cha tuig è mì, oir cha n-urrainnear gràs aithneachadh gu soilleir ás éugmhais gràis; nach mòr na's lugha na sin a b'urrainn è mo thuig-sinn, na'n lìnsinn dhà mu thimchioll na glòire so! Ach tha na's mò mhisneachd agam gu labhairt ris na

naoimh, oir thug gràs dhoibh edlas dorch agus blasad beag air glòir. Ged thòisicheadh daoine agus ainglean ri labhairt air àrd shonas na staide beannaichte so, ciod eile a b'urrainn iad a ràdh na's mò na so ann an aon fhocal, *Is è so dlùthlàn-mhealtuinn Dhé.* O! cia mòr an làn aoibhneas a ta air a thairgse do'n chreidmheach le Criosd anns an aon rānn so, "Athair, is àill leam an dream a thug thu dhomh, gu'm bi iad maille rium, far am bheil mi chum gu'm faic iad mo ghlòir a thug thu dhomh." *Eòin* 17. 24. Tha gach focal dhiubh sin làn beatha agus aoibhneis. B'aobhar iongantais glòir Sholaimh do bhàin-rìgh Shéba, ag ràdh ris "Is sona do dhaoine, is sona iad so do sheirbhisich, a sheasas a' d' fhanuis an còmhnuidh, ag éisdeachd ri d' ghliocas. 1 *Rìgh* 10. 8. Ach cia tuilleadh 'us sona iadsan a sheasas an còmhnuidh an làthair Dhé, a' faicinn a ghlòire agus glòir' an Uain. Dhoibh-san "bheir Criosd ri itheadh de chraoibh na beatha agus de'n mhana f holuichte," seadh, "ni è iad 'n am puist ann an teampull a Dhé, agus cha téid iad ni's mò amach ás: agus sgrìobhaidh è ainm a Dhé orra, agus ainm caithreach a Dhé, a's è Ierusalem Nuadh a thig a nuas o nèamh o a Dhia, agus sgrìobhaidh e 'ainm nuadh féin orra," seadh tuilleadh fòs, ma's urrainn tuilleadh a bhi ànn, "bheir e dhoibh comas suidhe maille ris air a rìgh-chaithir." "Is iad so iadsan a thàinig á h-àmhghar mòr; agus nigh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain. Uime sin tha iad an làthair rìgh-chaithreach Dhé, agus a' deanamh aoraidh dhà a là agus a dh'oidhche 'n a theampull; agus gabhaidh an tì a ta 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir còmhnuidh 'n am measg. Beathaichidh an t-Uan a tha am meadhon na rìgh-chaithreach iad agus treòraichidh è iad gu bed-thobraichibh uisge; agus tiormaichidh Dia gach deur o'n sùilibh." *Taisb.* 2. 7; *Caib.* 3. 12, 21; *Caib.* 7. 14-17. O shaoghail dhoill, bhréugaich, mheàllta! Feuch dhuinn a leithid sin de ghòdir, ma's urrainn thu! Is è so caithir ar Dé far am bheil "pàilliun Dhé maille ri daoinibh, agus ni esan còmhnuidh maille riu, agus bithidh iadsan 'n an sluagh dha, agus bithidh Dia féin maille riu, agus 'n a Dhia dhoibh. Shoillsich glòir Dhé e, agus is e an t-Uan a's

solus da." *Taisb.* 21. 3. 23. "Agus cha bhi mallachd air bith ann ni's mò: ach bithidh rìgh-chaithir Dhé agus an Uain innte; agus ni a sheirbhisich seirbhis da. Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain. Tha na briathra so dileas agus fìrinneach. Agus na nithe sin a's éigin tachairt gu h-aithghearr." *Taisb.* 22. 3, 4, 6. Their sinn anis le Mephiboset, "Gabhadh" an saoghal "an t-iomlan, oir thig ar Tigh-earn ann an sìth." *2 Sam.* 19. 30.

"Deanaibh gàirdeachas," uime sin, "anns an Tighearn sibhse 'f hìreana." *Salm* 33. 1. Agus abraibh le Daibh-idh "Is e an Tighearn cuibhrionn m'oighreachd. Thuit mo roinn dhomh-sa ann an ionadaibh aoibhneach; seadh, *tha* oighreachd thaitneach agam. Chuir mi an Tighearn romham a ghnàth: a chionn gu bheil e air mo dheas làimh, cha għluaisear mi. Uime sin ni mo chridhe aoibhneas, agus ni mo ghidir gairdeachas: gabhaidh m'f heòil mar an ceudna fois ann an dòchas. Oir cha'n fhàg thu m'anam anns an uaigh: cha leig thu le t'aon naomh truaillidheachd f'haicinn. Feuchaidh tu dhomh slighe na beatha: tha lànachd aoibhneis a'd' làthair-sa: tha mòr shubhachas aig do dheas làimh gu siorruidh." *Salm* 16. 5-11. Nach bu ladurna dhuinn-ne smuaineachadh, no labhairt air na nithibh glòrmhor sin, mur labhradh Dia féin ruinn orra roimhe so? Cha bu dàna dhomh smuaineachadh air àrd-ìnbe nan naomh anns a' bheatha so féin, mur bitheadh è air a dheanamh aithnichte dhomh le fìrinn shoilleir Dhé. Nach bu mhi-chìatach dhuinn labhairt umainn-féin mar "Chlànn Dé—a' labhairt ris—ann an co-chomunn ris—a' gabhail còmh-nuidli ànn, agus esan annainn-ne," mur b'ì so càinnt Dhé féin! Ciamar bu dàna dhuinn aon uair smuaineachadh idir gu'm bheil sinn "a' dealrachadh mar a' għrlan,"—gur "comh-oighreachan sinn maille ri Criod,"—gu'n "toir sinn breth air an t-saoghal,"—gu'm bheil sinn "a' suidhe air rìgh-chaithir Chriod,"—gur "aon sinn ànn-san agus anns an Athair?" Seadh, ciamar bu dàna dhuinn sinn-féin àrdachadh mar sin, mar biodh làn ùghdarras againn o bhéul agus fo làimh-sgrlobhaidh Dhé féin? Agus "an dubhaint e agus nach dean e? agus an do labhair e agus nach coimhlion se

e? *Air.* 23. 19. Seadh anis mar is fior an Tighearn Dia, "Mar so nithear do'n duine air an toil le" *Criosd* "urram a chur." *Est.* 6. 11. Biodh deadh mhisneachd agad, a Chriosduidh, is goirid an ùin gus am bi Dia agus tusa fagus d' a chéile, cho fagus agus is urrainn thu a dheadh-mhiannachadh. Gabhaidh tu còmhnuidh 'n a theaghlaich. Nach leòr sin? "Is feàrr a bhi ri dorsaireachd ann an tigh Dhé, na bhi chòmhnuidh ann am pàilliunaibh aingidheachd." Seasaidh tu gu sìorruidh 'n a làthair, timchioll a rìgh-chaithreach, astigh 'n a shèdmar maille ris. Ain b' àill leata bhi na's fhaisg' air? Bithidh tu mar leanabh dhà, agus bithidh esan 'n a Athair dhuit. Bithidh tu 'n ad' oighre air a rìoghachd: seadh, tuilleadh fòs, 'n ad' chéile d'a Mhac. Ciod tuilleadh a b' urrainn thu 'mhiannachadh? Bithidh tu 'n ad' bhàll de chorp a Mhic; agus bithidh am Mac 'n a Cheànn dhuit. Is aon thu maille ris-san a's aon maille ris an Athair, mar ghuidh è o'n Athair air do sbon, "Chum gu'm bi iad uile 'n an aon; chum mar a ta thusa, Athair, annam-sa, agus mise annad-sa, gu'm bi iadsan mar an ceudna 'n an aon annainne; chum gu'n creid an saoghal gu'n do chuir thusa uait mi. Agus thug mise dhoibh-san a' ghàdir a thug thusa dhomh-sa, chum gu'm bi iad 'n an aon, mar a ta sinne 'n ar n-aon; mise annta-san, agus thusa annam-sa, chum gu'n deanar coimhlionta iad ann an aon; agus a chum gu'm bi fios aig an t-saoghal gu'n do chuir thusa uait mi, agus gu'n do ghràdhaich thu iadsan, mar a ghràdhaich thu mise."

Eò. 17. 21-23.

5. Anns an fhois so tha "gnàth-oibreachadh milis aig uile chomasaibh agus aig uile bhuaidhean an anama agus a' chuirp ann am mealtuinn so Dhé." Cha n-ionann so as fois cloiche a sguireas de għluasad cho luath 's a ruigeas i a h-àite-tàimh. Atharraicheadh an corp, ionnus nach fuil 'us fedil è ni's mò, oir cha n-fheudar le fedil agus fuil rìoghachd Dhé a shealbhachadh, ach le corp spioradail." 1 *Cor.* 15. 50. "Cha 'n e an corp a bhitheas a ta sinn a' cur. Ach a ta Dia a' toirt cuirp dhà mar bu toil leis, agus do gach uile shiol a chorp féin." *Rānn* 37, 38. Ma tha gràs ag atharrachadh a' Chriosduidh o'n staidl 's an robh è roimhe, cho mòr as

gu'm bi aige ri ràdh " Cha mhì anis an duine 'bu mhì roimhe," cia mòr a's mò na sin a dh-atharraicheas glòir sinn ? Mar is àrd corp spioradail os-ceànn na gréine ann an glòir, seach mill fheòla lag, chronail, éucaileacb, àrdaichear sinne agus gach ceud-fàdh a ta annainn, Ardaichidh Dia ar ceud-fàidh (*senses*) gun teagamh. Meudaichidh è ar comas, agus do réir sin àrdaichidb è sonas nan ceud-fàdh sin ; agus lìonaidh è suas ar n-uile thugse ás a lànachd féin. Carson a bhithheadh an corp air a thogail suas, mur faigheadb è cuid ann an glòir ? Mar bha cuid aige ann an tabhairt ùmhachd agus ann am fulang, is amhuil sin a bhios cuid aige ann an sonas,—duais luchd-ùmhachd. Cheannaich Criod an duine gu h-iomlan, air an aobhar sin, gheibh an duine uile—an t-anam agus an corp—beannachd shìorruidh na ceannachd so. Nis is ì obair shìorruidh nan naomh,—sluagh beannaichte,—seasamh an làthair rìgh-chaithir Dhé agus an Uain, a' moladh Dhé fad saoghal nan saoghal. Lìonar an sùilean agus an cridheachan le eòlas àrd air a ghlòir. Lìonar am beòil le 'mholadh. Gabhaibh air aghaidh, uime sin, O sibhs' a naoimh ! a' deanamh bhur dleasanais, fhad's a bhios sibh air thalamh. Ionn suichibh, O ! ionnsuichibh obair nan naomh, oir is " ciatach cliù " Dhé ann am béal nan naomh. Deanaibh ùrnuaigh, ach molaibh Dia gun stad. Molaibh è an làthair a shluaign. Is ì so an obair shìorruidh a bhios agaibh-se. Molaibh è 'nuair a bhios a naimhdean ri magadh agus càineadh air. Molaidh sibh è fathast, agus bithidh iongantas orra-san ruibh, air an là 's am bi iad-féin ri caoidh. O ! cia beannachte obair nan daoine glòraichte, a' seasamh an làthair Dhé agus an Uain, gu bràth a' séinn amach gu h-ait, " Is airidh thusa, a Thighearna, air glòir, agus urram, agus cumhachd fhaotuinn." *Taisb.* 4, 11. " Is airidh an t-Uan a chaidh mharbhadh, air cumbachd, agus saoibhreas, agus gliocas, agus neart, agus urram, agus glòir, agus moladh fhaotuinn. Shaor thu sinne do Dhia le t'fhuil féin, ás gach uile thréibh, agus theangaidh, agus shluagh, agus chinneach ; agus rinu thu rìgbrean dhinn agus sagairt do ar Dia." *Taisb.* 5, 12, 9, 10. " Alelùia ; Slàinte, agus glòir, agus urram, agus cumhachd do'n Tighearn ar Dia-ne." *Taisb.* 19, 1. " Alelùia :

oir a ta an Tighearn Dia uile-chumhachdach a' rioghachadh." *Taisb.* 19. 6. O Chriosduidhean, so an fhois bheannaichte ! fois a ta, mar gu'm b' eadh, gun fhois ; oir cha sguir iad "a là no dh' oidhche," a ràdh "Naomh, naomh, naomh, an Tighearn Dia uile-chumhachdach, a bha, agus a ta, agus a bhitheas." *Taisb.* 4. 8. Agus ma's i so obair ghlòrmhor a' chuirp, O cia maiseach, àrd, obair òirdheirc an anama ! Is iad buaidhean 'us comasan an anama a's mó gu mòr, 's an lorg sin, bithidh a dhean-adais na's comasaiche agus a thoil-inntinn na's mìlse. Bithidh an iomairt féin aig ceud-fâdhaibh a' chuirp, a' faotuinn 's a' mealtuinn an cuspairean féin ; agus 'iomairt féin aig an anam a' mealtuinn a chuspair féin, ag aith-neachadh, a' cuimhneachadh, a' gràdhachadh, 's a' deanamh gàirdeachais le taitneas mòr, do-labhairt.

Is taitneach eòlas dheth-féin. Is feàrr réusan na mothachadh dorch. Is feàrr taitneas a' chàileadair, a theagaisgeas eòlas mu nithibh diomhair nàduir, na taitneas a' gheòcair, a' mhisgeadair, an duine neo-ghlain, 's an druiseir. Ach is òirdheirc an fhùrinn uile. Cia mòr, matà, taitneas an t-sluaigh aig am bheil eòlas àrd air Dia na firinn ? Cia òirdheirc a' hhuaidh tuigse an anama ! Le so cuairtichidh è an talamh : tomhaisidh è na nèamhan, cian astar na gréine, na gealaich, agus nan réult : innsidh è iomadh bliadhna roinbh-làimh, gach dubhar spéurail (*eclipse*), gu-ruig a' mhionaid. Ach is è an céum a's àirde de òirdhearcas an anama, eòlas air an Dia neo-chriochnach, a rinn na nithe sin uile, ach is beagan eòlais a gheibhear 's a' hheatha so, ach mòran, mòran an déigh so. O gliocas agus maitheas an Tighearna bheannaichte ! Chruthaich è an tuigse, agus chuir è innte aomadh 'us togradh nàdurrach an déigh na firinn, mar a cuspair,—an déigh na prìomh fhùrinn mar a prìomh chuspair. A nis, a Chriosduidh, 'nuair a sheallas tu suas ùin fhadha gu nèamh, gheihh thu boillsgeadh de Chriosd. Nach saoil thu, air uairibh, gu'n rohh thu maille ri Pòl anns "an treas nèamh, ma's anns a' choluinn, no ás a' choluinn," agus gu'm faca tu nithe "do-labhairt ?" Nach abair thu le Peadar, "A mhaighstir, is maith a bhi an so ?" O nach robh mo chòmhnuidh air a' bhéinn so ! O faicean gu bràth na tha mi

'faicinn anis! Nach do lean thu riamh a' sad-amharc air "Gréin na fìreantachd," gus an róbh do shùilean air am bualadh le deàrsadh na glòire iongantaich a ta ànn? Agus nach robh gach ni eile, fo'n deàrsadh sin, dubh 'us dorch dhuit? gu h-àraid air làithibh d' f hulangais airson Chriosd, an t-àm air am faigh a phobull gu tric sealladh na's mò dheth, nach fhaca tu riamh aon "a' coiseachd ann am meadhon an teine" maille riut. 's "a choslas mar mhac Dhé?" *Dàn.* 3. 25. Creidibh mì, a Chriosduidhean, seadh, creidibh Dia · sibhs' a's mò eòlas air Dia ann an Criosd anis, cha n-eil è ach mar neo-ni ann an coimeas ris an eòlas a gheibh sibh. Is gànn is airidh è idir air eòlas a ghairn dheth. Mar a sguireas na cuirp so, is amhuil sin a sguireas an t-eòlas so airson edlais na's coimhlionta: "Ma's eòlas, cuirear air cùl e. Oir a ta eòlas againn ann an cuid, agus tha sinn ri fàidheadaireachd ann an cuid. Ach an uair a thig an ni a ta ìomlain, cuirear air cùl an ni sin nach 'eil ach ann an cuid. 'Nuair a bha mi a'm' leanaban, labhair mi mar leanaban, thuig mi mar leanaban, reusonaich mi mar leanaban: ach air fàs domh a'm' dhuine, chuir mi na nithe leanabaidh air cùl. Oir tha sinn a' faicinn 'san àm so gu dorcha tre ghloine; achi an sin chi sinn aghaidh ri h-aghaidh: 'san àm só is aithne dhomh ann an cuid; ach an sin aithnichidh mi eadhon mar a ta àithne orm." 1 *Cor.* 13. 8-12. Na gabh iongantas, uime sin, a Chriosduidh, gur "ì a' bheatha mhaireannach eòlas air Dia agus air Iosa Criosd." Is è Dia agus Criosd a mhealtuinn "a' bheatha mhaireannach," agus is è eòlas toil-inntinn an anama. Cuiridh iadsan, aig am bheil an tlachd amhàin ann an nithibh talmhaidh, an comhairle ris an fheòil, agus is bochd an sonas leo eòlas air Dia. Ach "Tha f hios againn gur ann o Dhia a tha sinn, agus tha'n saoghal uile 'na luidhe 'san olc. Agus tha f hios againn gu'n d'thàinig Mac Dhé, agus gu'n d'thug e tuigse dhuinn, chum gu'm b'aithne dhuinn esan a ta fiòr: agus tha sinne ann-san a ta fiòr, ann a Mhac Iosa Criosd. Is e so an Dia fiòr, agus a' bheatha mhaireannach." 1 *Edin* 5. 19, 20.

Bithidh obair bheò, mhaireannach, shòlasach, tharbhach aig do chuimhne anns an staid bheannaichte so.

Togar suas an duine naomh gu àirde mhòir o'm faod è sealltuinn 'n a dhéigh agus roimhe; agus air dhà a bhi 'beachdachadh air nithibh a bha 's a ta, dùisgear suas, 'n a anam beannaichte, meas 'us mothachadh do-smuainichte air a staid. A' seasamh dhuinn air a' bhéinn sin o'm faic sinn, 's an aon àm, araon am fàsach agus tir Chanàain; a' seasamh dhuinn air àirde nèimh, a' sealltuinn sìos air an talamh 's a' beachd-smuaineachadh air an t-sealladh ghlòrmhor a chithear, le tuigse, le inothachadh 'us breth shoilleir, għlan 'us län, nach buailear gach anam le àrd aoibhneas gu éigheachd amach 's an uair sin, "An ì so an oighreachd a chosd luach cho daor ri ful Chriosd?" O cia ard! O cia iongantach! O cia gràsmhor! O cia beannaicht' an luach 's an gràdh trì-bheannaichte, a fhuair amach an luach, 's a dhèdnach è! An ì so crìoch mo chreidimh? An ì so crìoch air obair an Spioraid? An è so an caladh gus am bheil mi air mo shéideadh le oiteagan gràis? An ann gu so 'tha m'anam air a thàladh le Criosd? O thus', a thuruis bheannaichte, agus trì-bheannaicht' a cheànn! An è so glòir nan daoine naomh mu'n robh na Sgriobtuirean a' labhairt agus ministearan a' searmouachadh cho liuthad nì? Nach soilleir a clì mi nis gur deadh sgéul an soisgeul,—seadh sgéul sìth,—sgéul mòr aoibhneis do gach sluagh gu dearbh! An tainig mo chaoidh, mo thrasgadh, in' irioslachd, mo chéuman trōm gu so? An tainig m'ùrnuigh, mo chaithris 'us m'eagal roimh pheacadh, gu so? An tainig m'àmhghar uile, buaireadh Shàtain, fanaid 'us tarcuis an t-saoghail, gu so? Ah! mo dhroch nàdur a bha cho fada 's cho dìan a' diùltadh beannachd cho inòr! Anam neo-airidh! an è so an turus air an tainig thu cho mì-thoileach? An robh thu sgìth dhe do dhleasanais? An robh an saoghal ro mhaith leat gu dealachadh ris? An robh thu duilich na h-uile nithe a thréigsinn, na h-uile nithe àicheadh, agus ni sam-bith 'fhlang airson so? An robh thu leisg bàsachadh, gu teachd an so? O chridhe mhealltaich, is beag nach do mheall thu sìos mì gu lasraichean sìorruidh! Is beag nach tug thu ðrm mo ghlòir a chäll! O m'anam! nach 'eil nàir ort anis, teagamh a chur riamh anns a' ghràdh sin a thog suas gu so thu? amharus a bhi agad inu

dhìlseachd do Thighearna,—amharus agad air a ghràdh, 'nuair bu chòir dhuit amharus a bhi agad ort-féin? Nach 'eil nàir ort gu'n robh thu riamh air d' fhaotuinn a' mùchadh toil a Spioraid, a' mì-mhìneachadh nam freasdal 's a' gearan air na slighibh sin a threòraich thu gu àit cho glòrmhor? Tha làn f hios agad anis gu'n robh d' Fhear-saoraidh 'g a do theàrnadh 'nuair a bha è 'casgadh do mhìann, cho maith 's an uair a bha è 'g a dheidhachadh dhuit; 'nuair a bha è 'briseadh do chridhe, cho maith 's an uair a bha è 'g a shìlanachadh. Neorthaing dhuit, 'Fhéin neo-airidh, airson do chrùin so; ach do Iehòbhah agus do'n Uan bitheadh a' ghlòdir gu bràth."

Ach O! cia làn, cia fagus, cia milis an toil-inntinn, an gràdh sin! "Is gràdh Dia: agus an tì a tha 'fantuinn ann an gràdh, tha e 'n a chòmhnuidh ann an Dia, agus Dia ann-san." Is è gearan an anam' bhochd an diugh, "Hò! nach robh tuilleadh gràidh agam do Chriosd!" Air là do ghlòire gràdhaichidh tu è gu làn. An diugh cha n-aithne dhuit ach beag, cho gràdhach 's a tha è; agus uime sin, cha n-'eil do ghràdh dhà ach beag. Air an là sin, buailidh do shùil do chridhe, a' sìor-bheachd-achadh air àilleachd iomlain Chriosd; bithidh tu air do ghnàth-lionadh le beò ghràdh. A Chriosduidhean, nach 'eil anis cuimhne air fios a ghràidh a' beothachadh gràidh annaibh? Nach 'eil sibh air bhur leaghadh? nach 'eil bhur cridheachan fuar, reòt' a' blàthachadh ri cuimhneachadh air caoimhneas Chriosd agus air grìansholus a mhaitheis. Nach mò na sin gu mòr bhur gràdh, 'nuair a bhitheas sibh beò air a ghràdh, uile Ann-san, neach a's è "na h-uile?" Gu cìnnteach is obair agus duais gràdh. Cia àrd an t-sochair gu'm bheil Dia a' ceadachadh dhùinn e-féin a ghràdhachadh, agus gu'n gràdhaichear è leo-san a ghràdhach ann-mànn 'us peacadh air thoiseach air! A bhàrr air sin, bheir è gaol airson gaoil, ni-h-eadh ach mìle uiread na's mò. A Chriosduidh, lionar suas thu gu do bhéul le gràdh air an là sin, ach air meud a' ghràidh a bheir thu, gradhaichear thu deich mìle cuairt na's mò. Faic gàirdeana Chriosd a' fosgladh air a' chrànn-chéusaidh agus rathad air 'f hosgladh do'n t-sleagh a dh-ionnsuidh a chridhe, agus nach f hosgail a làmhan agus a chridhe

dhuit-sa ann an glòir? An do thòisich a ghràdh dhuit inu'n tug thusa gràdh dhà-san, agus nach mair è nis? An tug è gràdh dhuit-sa, nàmhuid dhà? thus' a pheacaich? thusa, do'm bu ghràin thu-féin, nach d' aidich è thu, 'nuair a bha thu 'g ad' àicheadh féin? agus nach gràdhaich è thu thar tomhas 'nuair is mac dhà thu? Seadh thusa, aon de na fior naoimh? thus' a thug beagan gràidh airson gràidh. An Tì a ghuil ann an gràdh os-ceànn seànn Ierusalem 'us i dlùth d'a sgrios, cia mòr an gràdh leis an dean è gairdeachas thairis air an "Ierusalem Nuadh" 'n a gloir? A Chriosd-uidh, creid è, smuainich air; bithidh tu gu siorruidh air do chaidreachadh ann an àrd uchd a ghràidh sin—an gràdh a bha 's a bhitheas tre shiorruidheachd,—an gràdh a thug Mac Dhé bho nèamh gus an talamh, bho'n talamh gus a' chrànn-chéusaidh, bho'n chrànn-chéusaidh gus an uaigh, bho'n uaigh gu glòir—an gràdh, a bha sgìth, acrach, air a bhuaireadh, air a chur an dìmeas, air a sgiùrsadh, air a bhualadh, air a lot, air a mhaslachadh le smugaidean, air a chéusadh, air a shàthadh leis an t-sleagh,—an gràdh sin a rinn trasgadh, a rinn ùrnuigh, a rinn teagastg. a rinn slànachadh, a rinn guil, a shil fallas mòr, a dhòirt 'fhuil, a bhàsaich! Sin an gràdh a chaidricheas tusa gu siorruidh! 'Nuair a choinnicheas làn ghràdh cruthaichte agus gràdh iomlan neo-chruthaichte a chéile, cha n-ānn cosmhuij ri coinneachadh Iòseiph agus a bhràithrean a' guil air inuinealaibh a chéile, ach a' gràdhachadh agus ri gairdeachas gun bhròn idir. Ach anis clisgidh cùirt Shàtain, 'nuair a chluinnear gu'm bheil bràithrean Iòseiph air teachd, agus gu'm bheil na naoimh air ruigheachd uchd Chriosd gu'sàbhailt, fad ás o ifrinn gu siorruidh. Cha n-ionann so ri gràdh Dhaibhidh agus Ionatain, a' briseadh amach 's a' seargadh às ann an caoidh tròm, truagh. Aithnich so, a chreidmhich, mar do shòlas siorruidh, 'nuair a chaidricheas na gairdeanan ud thu aon uair, cha u-urrainn peacadh, no ifrinn do spionadh á sid gu bràth. Cha n-ānn ri crèutair neo-sheasmhach a tha do ghnothach-sa, ach ris an Tì "maille ris nach 'eil atharrachadh, no sgàile tionndaidh." Cha n-ionann a ghràdh-san dhuit-sa, agus do ghràdh-sa

dhà-san air thalamh, ainmig agus fuar, suas 'us sios, anull's anall. An Tì nach do hheagaich a ghràdh dhuit, 'nuair a hha thu gu naimhdeil, dearmadach 'g a rag-dhiùltadh, an sguir a ghràdh dhuit anis, an déigh dhà do dheanamh fior ghràdhach, àillidh? An Tì a bheir ort a hhi seasmhach ann do ghràdh dhà, ionnus gu'm faod thu a ràdh nach bi "trioblaid, no àmhghar, no géur-leanmhuinn, no gorta, no lomnochduidh, no cunnart, no claidheamh comasach do ghràdh a sgaradh o Chriosd," cia mòr na's seasmhaiche na sin a hhitheas e-féin. Is maith a dh-fhaodas tu 'ràdh le Pòl, "Tha dearbh-hheachd agam, nach hi hàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd, no àirde, no doimhne, no creut-air sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a ta ann an Iosa Criosd ar Tighearn." *Ròm.* 8. 38, 39. Nach éigh sinn amach anis fo iongantas an Abstoil "Ciod a their sinn ris na nithibh sin?" Is diomhaireachd an gràdh neo-chriochnach so do chomas crìochnach. Cha n-iongantach ged "is miann leis na h-ainglibh a hhi 'beachdachadh" air an diomhaireachd so. Agus ma's è miann nan naomh an so, "a thuigsinn ciod è leud, agus fad, agus doimhne, agus àirde gràdh Chriosd, a chaidh thar gach uile edlas," is ì fois shiòrruidh nan naomh, mealtuinn Dhé le gràdh.

Is ì so an toil-inntinn gus am bheil na h-uile nithe maith a' treòrachadh, agus anns aih bheil iad a' crìochnachadh, eadhon an tlachd do-smuainichte a tha aig an t-sluagh bheannaichte ann am faicinn, ann an aithneachadh agus ann an gràdhachadh Dhé, agus ann a bhi air an gràdhachadh leis. Is ì so "a' chlach gheal nach àithne do neach air bith, ach do'n tì a gheibh ì. *Taisb.* 2. 17. Is cìnnteach, is è so "an t-aoibhneas anns nach 'eil comh-roinn aig coigreach." Tha uile shlighean tròcaireach Chriosd a' treòrachadh gu aoibhneas nan naomh, 's a' crìochnachadh ànn. Ghuil è, hha è hrònach, dh'-fhuiling è, chum gu'n deanadh iadsan gàird-eachas. Cuiridh è a Spiorad d'an ionnsuidh gu bhi 'n a Chomhfhurtair dhoibh. Lìonmhoraichidh è geall-aidhdean doibh, foillsichidh è an sonas doihh, "chum gu'm bi an aoibhneas làn." Fosglaidh è tobar nan

“uisgeachan beò” dhoibh, chum gu’m bi tuilleadh tairt orra, agus gu’m bi è “’sruthadh suas ànta chum na beatha maireannaich.” “Smachdaichidh è iad a chum fois a thabhairt doibh.” *Salm 94. 12.* Bheir è orra “gàirdeachas a dheanamh ànn-féin a ghnàth,” agus their è riutha rìst “Deanaibh gàirdeachas.” Cha n-fhàg è gu bràth iad ann an eor cho ìosal as nach bi aca aobhar gàirdeachais na’s mò na aobhar bròin. Faic, a Chriosd-uidh, mòr chùram an Tighearna mu do shòlas an so ! Ach O ! cia mòr an t-aoibhneas a bhitheas agad ’s an àit sin far am bi an t-anam làn-ullaichte airson aoibhneis, agus aoibhneas ullaichte le Criosd aig an anam ! Is i ar n-obair agus ar gnothach an sin, aoibhneas gu sìorruidh ! Creid sin, O m’ anam ! Bithidh aoibhneas uan naomh, ’n a thomhas, na’s mò na pìan nan daoine mallaichte ; oir is è pìan chréutairean a ta ’n am pìan-san “a dh’ulluicheadh do’n diabhul agus d’a ainglibh :” ach is è ar n-aoibhneas-ne “aoibhneas ar Tighearna.” *Mata 25. 41, 21.* Glòir co-ionann ris “a’ ghìdir a thug an t-Athair do’n Mhac, thug am Mac dhoibh-san,” eadhon “suidhe maille ris air a rìgh-chaithir, amhuil fòs mar tha e-féin air a shuidheachadh maille ris an Athair air a rìgh-chaithir-san.” Thus’ anis, anam bhochd, a ta ’g ùrnuigh airson aoibhneis, a’ feitheamh ri aoibhneas, a’ gearan air d’easbhuidh aoibhneis, fo fhadachd airson aoibhneis, bithidh làn aoibhneas agad air an là sin, uiread ’s is urrainn thu ’ghabbail, agus na’s mò na smuainich, no ’dh’iarr do chridhe riamh. An diugh gluais gu cùramach, dean caithris a ghnàth, agus leig le Dia do làithean agus do thomhas aoibhneis a roinn amach dhuit. Ma dhaoite gu’m bheil è ’g an cumail uait gus àm bi d’ fhéum na’s mò. B’fheàrr dhuit do shòlas a chàll na do theàruinteachd. Ged a bhàsaicheadh tu làn eagail agus bròin, cha mhair sin ach mionaid. Teichidh d’ eagal ’us do bhròn. Crìoch-naichidh iad uile ann an lànachd d’ aoibhneis—ann au aoibhneas do-mheasraichtie.—Mar “ghàirdeachas a’ chealgair,” cha mhair eagal an fhìrein “ach car tiota.”

“Oir ’fhearg cha mhair ach mionaid bheag,
’N a dheadh-ghean beatha tà :
Tràth oidhche fòs ged robh ann bròn,
Thig aoibhneas leis an là.”—*Salm 30. 5.*

O cia beannaicht' a' mhaduinn ! cia beannaichte là glòrmhor nan naomh ! 'Anam bhochd, iriosail, f'hannaichte, nach bu mhòr d' aoibhneas anis, na'n cluinneadh tu guth o nèanh ag innseadh dhuit mu ghaol Dhia, mu mhaithneas do pheacaiddh, 'us è 'g a do dheanamh cìnnteach air do chuid anns na h-aoibhneasaibh sin ! Ach cia mòr d' aoibhneas 'nuair a bhitheas làn f'hios agad air do chòir orra le bhi 'g an làn-mhealtuinn, 'us tu air do thogail suas gu nèamh, ach beag gun f'hios duit, ainglean 'g a do ghiulain a dh-ionnsuidh Chriosd, 'us Criod, mar gu'm b' eadh, 'g a do ghabhail air làimh, 'g a do threòrachadh a dh-ionnsuidh na h-oighreachd ceann-aichte, 'g a d' fhàilteachadh a dh-ionnsuidh na foise, 'g a do nochdadadh neo-lochdach an làthair Athar, agus a' tabhairt dhuit d' àite timchioll a rìgh-chaithreach ! Nis a chreidmhich bhochd, ciod a their thu ris an là sin ? Nach bi thu ach beag, ullamh gu seasamh air d' ais ag ràdh " Ciod è so ! Mise, a Tighearna ! Mise ! neach cho neo-airidh a rinn dearinad air do ghràs, dìmeas air d' f'huil agus tāir air do ghràdh ! Am faigh mis' a' ghlòir so ? Cha n-airidh mì idir gu'n goirteadh mac dhòm ! Ach is ì so toil a' ghràidh ! O m' anam ! air an aobhar sin, gabh astigh d'a aoibhneas ?

Agus cha n-ānn agads' amhàin a bhitheas an t-aoibhneas so. Gheibhear an t-aoibhneas cho maith ris a' ghràdh so, aig uile luchd-àiteachaiddh nèimh. An robh aoibhneas air nèamh air là d' iompachaiddh, agus nach bi aoibhneas an sin air là do glilòrachaiddh ? Nach fàiltich na h-aingil thu do nèamh, agus nach dean iad comh-ghairdeachas airson do theachd sàbhaitl ? Is iad a ni. Seadh, ni Criod gàirdeachas. 'Nuair a gheibh sinne aoibhneas, chì Criod crìoch a ghnothaich, crìoch a shaothair, crìoch 'f'huilaingais agus a bhàis. 'Nuair a bhitheas è "air a ghlòrachadh 'n a naomhaibh, agus iongantach ànnta-san uile a ta 'creidsinn." "chì e do shaothair 'anama agus bithidh e toilichte." *Isà. 53. 11.* Is è so foghar Chriosd, 'nuair a bhuaineas è toradh mòr a shaothair. An sin, cha bhì aithreachas air idir airson na dh'f'huilig è, ach ni è gàirdeachas thairis air a phobull, —an oighreachd a cheannaich è,—agus ni iadsan gàird-eachas ànn-san. Seadh, gabhaidh an t-Athair féin

gàirdeachas ann ar gàirdeachas-ne. Geda "chuir sinne doilgheas air a Spiorad," agus geda "sgìthich sinn è le ar n-éuceartaibh," gidheadh bithidh gàirdeachas air ann ar maith. O nach ealamh a chì a shùil anis an struidhean ("am mac struidhiel") bochd a' pilleadh, eadhon "fad naith"! O faic mar a 'ruitheas è 'g a choinneadh, a' gabhail truais dheth, a' tuiteam air a mhuineal agus 'g a phògadh, a' cur uinie na culaidh a's feàrr, a' cur fainne air a làimh agus brògan air a chosaibh, a' marbhadh an laoidh bhiadhta chum itheadh agus a bhi subhach! *Lùc.* 15. 20-23. Gu dearbh is sona a' choinneamh i so, ach mar neo-ni ann an coimeas ri caidreachadh agus gàirdeachas na coinnimh mòire, deireannaich sin. Seadh, fathast, mar tha Dia a' gràdhachadh agus ri gàirdeachas, gabhaidh è dha-féin an fhois mar bheir è fois dhuinn-ne. O cia fad an t-sàbaid shìorruidh 'nuair a làn-chriochnaichear obair saoraidh, naomhachaидh, teàrnaidh agus glòrachaидh gu bràth! "Tha 'n Tighearna Dia ann ad' mheadhon cumhachdach; ni e do thèarnadh; ni e gairdeachas os do cheann le luaghair; gabhaidh e fois 'n a ghràdh; ni e gàirdeachas os do cheann le seinn." *Seph.* 3. 17.

Och, och mise! is beag nach 'eil eagal air mo chridhe meat tuilleadh a ràdh. Thàr leam gu'n cluinn mì guth an Uile-chumhachdaich ag ràdh rium "Cò e so a tha 'dorachadh comhairle le briathraibh gun edlas?" Ach O Thighearna, maith do d' sheirbhiseach, cha do bhean mise ri nthibh neo-fhoillsichte. Is muladach leam mo thuigse 'bhi cho tròm, mo smuaintean a bhi cho bochd, m' aignidhean a bhi cho marbh, mo bhriathran cho iosal agus cho neo-fhreagarrach airson glòir' cho mòr. Amhàin "le éisdeachd na cluaise chuala mì." Hò! faiceadh do sheirbhiseach thu agus seilbhicheam an t-aoibhneas so; an sin, tuigidh mì na's freagarraiche agus bheir mì glòir na's mò dhuit. "Gabhaidh mì gràin dhiom-féin," mar tha mì an dràst. Aicheadhaidh agus tilgidh mì uam mo neo-iomlanachd uile. "Chuir mi an céill nithe nach do thuig mi, nithe tuilleadh 'us iongantach air mo shon-sa, nach b' aithne dhomh." *Job* 42. 3-6. Gidheadh "chreid mi, agus uime sin labhair mi." Ciod, a Tighearna, a gheibh thu bho'n duslach ach

luaineachas? no bho thruaillidheachd, ach truailleadh? Ged is è lag-obair agus mì-urram toradh mo thruaillidheachd-sa, gidheadh cuirear teine bho d' altair féin, agus òrduichear obair leat. Cha do sheall mis' air taobh astigh d' àirce-sa. Cha do shìn mì amach mo làmh d'a h-ionnsuidh, gun thusa leam. "Glan" air falbh uam gach smal dhiubh sin "ann am ful an Uain." Féumaidh gach seirbhis a nithear dhuit an so a bhi neo-iomlan, no gun deanamh idir. 'Athair nèamhaidh, gabh 'us éisd mo thagair air sgàth do Mhic, a thubhaint "Tha 'n spiorad togarach, ach a ta 'n fheòil anmhuinn." Mata 26. 41.

CAIBDEIL II.

An t-Ullachadh mòr airson Fois nàn Naomh.

Cha n-'eil an rathad gu Pàrras anis air a dhùnadhl suas mar bha è fhad 's a bha an lagh 's am mallachd a' righeachadh. Uime sin, a Chriosduidhean ionmhuinn, a' faicinn gu'm "bheil slige nuadh agus bhèd air a coisrigeadh dhuinne, tre 'n roinn-bhrat, sin r' a ràdh tre f'huil Chriosd," trid am faod sinn le "dànochd a dhol a steach do'n ionad a's naomha, thig mi am fagus le làn dearbh-bheachd." *Eabh.* 10. 19-22. A' faicinn gu'm bheil an "claidheamh lasarach" air a thoirt air falbh, seallamaid arìst astigh ann am pàrras ar Dé: agus a chionu nach "meas toirmiste" so, agus gu'm bheil è "maith a chum bidh" agus "taitneach" do na sùilibh spioradail, "agus 'n a chraoibh r'a mìannachadh a dheanamh neach" fìor "ghlic" agus fìor shona, gabhaidh mì, tre chòmhnuadh an Spioraid, agus ithidh mì dheth mi-féin, agus aréir mo chomais, bheir mì dhuibh-se dheth, chum gu'n ith sibh. Tha "sgàil-thigh," no "fosglan" an teampuill so, (an t-ionad a's ro naomha) anabarrach glòrmhor, agus theirear "Sgìamhach" ris an dorus aige. An so tha ceithir nithe, mar cheithir oisnean an sgàil-thighe so.—An so tha teachd agus foill-scachadh àrd-ghlòrmhor Chriosd, Mac Dhé:—Obair 'mhòr sin Iosa Criosd a' togail suas nan corp againu o'n

ùir 'us è 'g an aonadh arìst ris na anaïnaibh aca :—An gluasad follaiseach, mòr aig a' bhreitheanas, na Naoimh fèin; an toiseach, air an làn-shaoradh 's air am fìrean-achadh, 's an déigh sin iad a' toirt breith air an t-saoghal, maille ri Criod, agus crùnadadh greadhnach, maiseach nan naomh 'us iad a' faotuinn na rioghachd.

1. Is maith a dh-fhaodar a ràdh gu'm bi teachd agus foillseachadh anabarrach glòrmhor Criod, a chum glòir a shluaign. Oir is ànn air an sgàth-san a thàinig è do'n t-saoghal, a dh'fhuilic è, a bhàsaich è, a dh'éirich è rìst, agus a chaith è suas air nèamh ; agus is ànn air an sgàth-san a thig è rìst. Chum na crìche so 'thig Criod arìst a ghabhail a shluaign d'a ionnsuidh-fèin, chum far am bheil esan gu'm bi iadsan mar-an-céudna.' Eò. 14, 3. Cha n-ànn air litir-dhealachaidh a dh'fhalbh am fear-nuadh-pòsda. Cha d'fhàg è sinn le rùn gun philleadh tuilleadh. Dh'fhàg è iomadh urras againn, chum ar deanamh cìnnteach gu'n "tig è rìs." Tha 'f hocal againn, a gheallaidhean againn, a shàcramaidean againn, "a' foillseachadh a bhàis gus an tig e;" a Spiorad againn, a chum ar tredrachadh, ar naomhachadh agus ar comh-fhurtachadh, "gus an tíg e." Tha cuimhneachan tric a ghaoil againn naith, a' dearbhadh dhuinn, nach di-chuimhnich è a ghealladh, no sinne. Chithear a theachd-airean, gach là, a' roimh-ìnnseadh a theachd, mar dh'ìnnis e-fèin è roi-làimh. Chithear 'an crann-fige a' cur amach a dhuilleagan, agus an lorg sin aithnichidh sinn gur fagus an sàmhradh.' Ged their an saoghal aimhreiteach, "A ta mo Thighearn a' cur dàil 'n a theachd," gidheadh "togadh" na naoimh "suas an cùnn ; oir a ta an saorsa am fagus." O mo chomh-Crioduidhean ! ciod a dhean-amaid mur tigeadh ar Tighearn arìst ? Ciod an cùs anns am faighteadh sinn ! Ciod è ! ar fàgail an so "ameasg mhàdadadh-alluidh" agus "ameasg leòmhan,"—"siol nan nathraiche-nimhe." Nach do cheannaich è gu daor sinn, agus am fàg è an so sinn a' peacachadh, a' fulang, ag osnaich, a' bàsachadh gach là, gun teachd d'ar n-ionnsuidh ni's mò ? Cha n-fhaod è 'bhith. Is cosmhuil an teagamh so ri ar deanadas neo-bhàigheil fèin do thaobh Criod, gun chùram annainn mu theachd d'a ionnsuidh, 'nuair a gheibh sinn sinn-fèin blàth ann an achlais an

t-saoghal. Ach cha n-ānn mar sin idir a tha Criod a' deanamh d'ar taobh-ne. An Tì a thàinig a dh-fhulang, gun teagamh thig è 'dheanamh buaidh-chaitream. An Tì a thàinig a cheannach, gu cìnnteach thig è a ghabhail seilbh air a chuid fèin. Càit eile am biodh ar dòchas uile? Ciod a b'fhiach ar creidimh, ar n-ùrnuighean, ar deòir agus ar feitheamh? Ciod a b'fhiach uile fhoighidin nan naomh? Nach "bu sinn a's truaighe de na h-uile dhaoinibh?" 1 Cor. 15. 19. A Chriosduidhean, nach tug Criod òirnn an saoghal uile a thréigsinn agus a bhi air ar tréigsinn leis an t-saoghal uile? Agus na h-uile 'fhuathachadh agus a bhi air ar fuathachadh leis na h-uile? agus sin uile air a sgàth-san, a chum gu'm mealamaid e-fèin 'n an àite-san uile? Agus, an saoil sibh, an déigh so uile, am fàg 's an tréig e-fèin sinn? Gu-ma fad a leithid de smuain o gach cridhe! Ach carson nach do chòmhnaich è maille ri 'shluagh an so? Carson nach robh an obair air a crìochnachadh air an talamh? Tuigidh tusa carson, O anam ghràsmhòir. Nach f'héumadh è seilbh a ghabhail air glòir air ar son? Nach f'héumadh è eadar-gluide 'dheanamh ris an Athair, air ar son, a' tagair le 'fhublangais, a bhi air a lìonadh an Spiorad a chum a chur a dh-ionnsuidh a phobuill, leis ùghdarras 'fhaotuinn, a naimhdean a cheànnsachadh? Is goirid ar cuairt air an talamh. Na'n do thuinich è air an talamh, ciod a b'fhiach a mhealtuinn beagan laithean, agus an sin bàsachadh? Tha cuideachd na's mò aige air nèamh gu còmhchnachadh maille riutha, eadhon spioradan mhòran ghinealach. Is àill leis sinne 'bhi bed an so, "a réir creidimh 'us cha 'n ann a réir seallaidh."

O mo chomh-Criodduidhean! cia mòr an là sin air am bi sinne, a tha 'n ar priosanaich aig a' pheacadh, aig peacaich agus aig an uaigh, air ar fuasgladh amach leis an Tighearn fèin. Cha n-ānn mar bha ceud theachd Criod a bhithreas a dhara teachd. Thàinig è air tùs ann am bochduinn, ann an dìmeas, gu bhi air a mhas-lachadh, air a bhualadh, 's air a chéusadh. Ach, O shaoghal mi-chùramraig, cha n-ānn gu bhi air a chur suarach agus air a dhearmad leat-sa a thig è rìst. Gidheadh bha glòir comharraichte 'n a cheud teachd. Aig a cheud teachd rinn "cuideachd mhòr do armaitibh

neamh luaidh air àm a bhreith “a' moladh Dhé” air a shon, ach O cia àrd glaodh aoibhneach nan aingeal agus nan naomh aig a dhara teachd, ag éigheachd amach “glòir do Dhia anns na h-àrdaibh agus air tbalamh sìth, deadh-ghean do dhaoinibh.” Aig a cheud teachd, threòraich “réult” daoine glice o chrìochaibh iomallach na talmhainn gu “teachd a thabhairt aoraidh de naoidhean nèamhaidh ann am prasaich, ach féuch ciamar a ghluaiseas glòir a dhealrachaидh an saoghal uile gu uachdarachd Chriosd aidheachadh aig a dhara teachd! A' marcachd air asail, 'us Hosanna 'g a séinn dà leis gach béul, chaidh è roimhe asteach do Ierusaleм, ach féuch! ciod an t-sìth 's a' ghlòir leis an tig è dh-ionnsuidh an “Ierusaleim Nuaidh!” Ma thubhaint sluagh 'us è ann an “cruth seirbhisich, Ciod e ghnè dhuine so, gu bheil na gaotha féin agus an fhairge ùmhail dha?” Ciod a their iad 'nuair a chì iad è nis a' teachd 'n à ghlòir agus na nèamhan 's an talamh a' tabhairt ùmh-lachd dhà? “An sin ni uile thréubhan na talmhainn bròn.” Is dona 'thig do aon air-bith de na naoimh, ach is maith a thig do gach peacach neo-ìompaichte, smuaineachadh agus labhairt air an là sin le bròn. Nach glaodh na h-aingidh, 'nuair a chì iad è, “Sid è, rinn sinne tàir air 'f huil. Dhiùlt sinn a ghràs agus a chomh-airle. Cha b' àill leinn géilleadh d' a uachdarachd idir?” Agus nach glaodh na naoimh le aoibhneas do-smuainichte, “Sid è, shaor 'f huil sinne. Ghlan a Spiorad sinne. Cheànnsaich a lagh sinne. Dh'earb sinn ás, agus cha meall è sinn. Dh'fheith sinn fada ris, ach anis chithear nach b' ànn gu ðiomhain a dh'f heith sinn ris! O thruaillidheachd mhallaichte! a dh'-iarradb òirnn pilleadh ris an t-saoghal agus ris na nithibh a ta làthair, ag ràdh “c'arson a dh'f heitheamaid air an Tighearn ni's faide?” Nise chithear so, “Is beannaithe iadsan uile a ta 'feitheamh air-san.” A Chriosduidhean, nach bu chòir dhuinn anis an ùrnuigh so a chur suas gu h-ìnnitinneach, “Thigeadh do rioghachd?” “Tha an Spiorad agus a' bhean-nuadh-phòsda ag ràdh, Thig. Agus abradh an tì a chluinneas,” agus a léughas, “Thig.” Tha ar Tighearn féin ag ràdh “Gu deimhin.

ta mì a' teachd an aithghearr. Amen. Seadh, thig, a Thighearn Iosa." *Taisb.* 22. 17. 20.

2. Is è 'n dara ni a tha 'treòrachadh nan naomh gu Pàrras, obair mhòr sin Chriosd a' togail suas nan corp agaínn, 'us è 'g an aonadh arìst ris an anam. O nach iongantach éifeachd a' chumhachd 's a' ghràidh neo-chriochnaich! "Seadh, is iongantach sin gu dearbh," arsa béul béumach, searbhan ás-creidimh, "ma tha è flor? Ciod! am fàs na cnàmhàn 's an duslach prònn, sgapta, sgaoilte sin 'n an duine bed arìst? Tagram le urram anis airson Dhia, agus airson a' chumhachd sin leis am bheil mo dhòchas éirigh o'n uaigh. Cò a chuir crìochan ri cuan mòr nan uisgeachan? Cò ás a tha lònadh 'us traoghadh buan an làin-mhara (*tide*)? Cia lian uair is mò am meall glòrmhor soluis sin, a' ghrìlan, na'n talamh? Nach 'eil è cho furasda na mairbh a thogail ris an talamh agus nèamh a dheanamh uile de neo-ni? Na seall idir ris na cnàmhàn marbh, agus ris an dus, no air dorradas air-bith, ach amhairec air a' ghealladh. Cuir na cuirp sin gu toilichte 'n am prìosan nach' fhad a chumas iad. "Laidheamaid sìos 'an sith" agus gabhamaid ar fois. Cha dhorchadas siorruidh, no cadal bith-bhuan a bhith-eas ànn. Ma's è "rùsgadh" a tha 'cur eagail ort, is ànn a tha è chum d'éudachadh na's feàrr. Ma's è do thilgeil amach air an dorus a tha 'cur eagal ort, cuimhlich, an uair a "sgaoilear o chéile tigh talmhaidh* a' phàilliuin so, gu'm bheil agad aitreatbh o Dhia, tigh nach do thogadh le làmhaibh" dhaoine, tigh "siorruidh anns na nèanhaibh." 2 *Cor.* 5. 1-4. Càirich gu suilbhír anns an uaigh am meall "truaillidheachd" so, oir gun teagamh gheibh thu è rìst "ann an neo-thruaillidheachd." Càirich sìos gu saor "an corp talmhaidh, nàdurra" so, gheibh thu rìst "è 'n a chorpa nèamhaidh, spioradail." Geda chàiricheadh tu sìos è le mòr "eas-urram," gheibh thu "è ann an gloir." Geda dhealaicheadh uaith thu tre "anmhuiinneachd," togar suas arìst "è ann am" mòr "chumhachd, ann an tiota, 'am priobadh na sùl, ri guth na trompaide deireannaich, oir séididh an trompaid, agus éiridh na mairbh neo-thruaillidh, agus caochlaidh-

* Is è sin an corp air a sgaradh o'n anam leis a' bhàs. Ach gheibl anam an fhirein aít còmhnuidh slorruidh air nèamh.—*Eadar.*

ear sinne." 1 Cor. 15. 42-52. "Eiridh na mairbh ann an Criosd air tÙs. An déigh sin, iadsan a bhios beò agus a dh'fhàgar, togar suas iad maille riu-san anns na neulaibh, an còdhail an Tighearna 's an athar." 1 Tes. 4, 16. Dean caithream anis, a Chriosduidh, anns na geallaidhean sin. Is goirid gus an dean thu caithream 'n an coimhlionadh dhuit.

"So féin an là a dh'òrduich Dia,

'S am bi sinn suilbhir ait."—*Salm 118. 24.*

An uaigh nach b'urrainn ar Tighearn a chumail innse cha n-urrainn ì sinne 'chumail. Dh'éirich è air ar sonne, agus leis a' chumhachd chéudna, bheir è comas éirigh dhuinn-ne. "Oir ma chreideas sinn gu'n d'fhuair Iosa bàs, agus gu'n d'éirich e rìs, amhul sin mar an ceudna an dream a choidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris." An urrainn an Ceànn a bhi beò agus an corp, no na buill fantuinn marbh? Nis, a Chriosduidh. Hò! grad-sgrìobh na briathran so air do chridhe, "*Do bhrigh gu bheil mise beò,*" arsa Criosd, "*bithidh sibhse beò mar an céudna.*" Ed. 14. 19. Cho cìnnteach 's a tha Criosd beò; bithidh sinne beò. Cho cìnnteach 's a dh'éirich Criosd, éiridh sinne. Mur fìor sin, bithidh na mairbh càillte. Mur fìor sin, ciod è ar dòchas? Ach tha bònn dòchais cìnnteach againn-ne. A thuilleadh air a' bheatha so, tha "beatha" eile againn, a "ta folaichte maille ri Criosd ann an Dia;" agus "'nuair a dh'fhoillsichear Criosd, neach a's è ar beatha-ne, an sin bithidh sinn mar-an-céudna air ar foillseachadh maille ris ann an glòir." Col. 3. 3. Na seallamaid gu bràth ris an uaigh, ach beachdaicheamaid air an aiseirigh a ta air a taobh thàll. Seadh, bitheamaid "daingean, neogluasadach, a' sìor-mheudachadh ann an obair an Tighearna, air dhuibh fios a bhi agaibh nach 'eil bhur saothair diomhain anns an Tighearn." 1 Cor. 15. 58.

3. Is è cuid de 'n trìall shòlasach, bhùinn so gu fois nan naomh, an gluasad soilleir, mòr aig am breitheanas, far am bi iad-féin, an toiseach, air an làn-shaoradh agus air am fireanachadh, agus an déigh sin, a' toirt breith air an t-saoghal maille ri Criosd. Féumaidh gach òg agus sean, na stàitean mòra agus na cinnich uile a bha riamh ann o là mòr a' chruthachaidh gus an là sin.

teachd an so, agus am binn 'fhaotuinn. O cia uamhasach ! O cia aoibhneach an là ! Uamhasach dhoibh-san a dhì-chuimhnich teachd an Tighearna ! Aoibhneach do na naoimh a bha gu seasmhach a' feitheamh agus aig an robh dòchas ris an là so 'f haicinn. Air an là sin, chì an saoghal "maitheas agus gèur-cheartas Dé, geur-cheartas" 'n an aghaidh-san a bhios càillte, "ach maith-eas" d'a shluagh taghte féin. *Ròm.* 11. 22. Féumaidh gach aon "cùnnatas a thoirt air a stiùbhardachd." Cùnntar dhuit an sin gach tàlant a fhuair thu, eadhon tìm, slàint, réusan, tròcairean, àmhgharan, meadhonan, rabhadh. Fosglar suas agus aìnmichear gu follaiseach an lìathair ainglean agus dhaoine, peacaidhean d'òige a dhì-chuimhnich thu, agus gach peacadh uaigneach a rinneadh leat. Chì peacaich an Tighearn Iosa, air an d'rinn iad tàir, a' diàltadh àmhachd d'a fhocal, a' càineadh a mhiniestarán, 's a' fuathachadh a sheirbhiseach, anis 'n a shuidhe air caithir-breitheanais a' toirt breith orra-féin. Eighidh an coguisean ciontach amach 'n an aghaidh féin. Gairmidh iad gu'n cuimhne an uile dhroch gniomhran féin. Càit anis an seall am peacach truagh ? Cò is urrainn smuaintean oillteil a chridhe ghoirt a thuigsinn ? Nis cha n-urrainn an saoghal a chuideachadh. Cha n-urrainn 's cha n-àill leis na naoimh a chuideachadh. Is è mhàin an Tighearn Iosa a's urrainn, ach so an truaighe, cha n-àill leis an cuideachadh anis. Bha uair ànn, a pheacaich, air am b' àill le Criod do chuideachadh, ach cha b' àill leat-sa. Bu bhuidhe leat-sa Criod anis, ach cha n-àill leis-san thusa. Is diomhain air an là sin éigheachd "ris na sléibhtibh agus ris na creagaibh, Tuitibh oirnne agus folaichibh sinn o ghnùis an tì a ta 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir ;" oir is è Tighearn nan beànn 's nan creag do namauid, agus is ànn ri 'ghuth-san a dh-éisdeas iad, agus cha n-ànn idir ri do ghuth-sa. "Tha mi a' sparradh ort uime sin am fianuis Dé, agus an Tighearna Iosa Criod, a bheir breth air na beothaibh agus air na marbhaibh, aig a theachd dealrach, agus ann a rioghachd :" (2 Tim. 4. 1.) thus' thu-féin a chur a sinuaineachadh gu làn-chùramach air na nithibh sin.

Ach Carson a hhiodh cagal ort-sa, O anam iriosail, ghràsmhoir? An Tì nach do chàill aon Noah anns an dile mhòir, an Tì nach d'fhàg aon Lot ann an Sòdom; ni-h-eadh, nach deanadh ni sam-bith an aghaidh an droch hhaile sin, gus an tainig Lot amach ás, an di-chuimhnich è thusa air an là sin? "Is àithne do'n Tighearn na daoine diadhaidh a shaoradh o bhuaireadh, agus na daoine eucorach a choimhead gu là a bhreitheanais chum peanas a dheanamh orra." Is aithne dhà aon là a dheanamh 'n a uamhas glé mhòr d' a naimhdibh, agus 'n a aoibhneas glé mhòr d' a phobull féin. "Cha'n'eil dìteadh sam bith do'n dream sin a ta ann an Iosa Criosd, a tha 'gluasad cha'n ann a réir na feòla, ach a réir an Spioraid. Cò a chuireas coire sam hith á leth daoine taghta Dhé?" Am faod an lagh an dìteadh? Chan-fhaod idir: "Oir shaor lagh Spioraid na beatha, ann an Iosa Criosd, iadsan o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis." An dean an coguis an dìteadh? Cha dean. Oir "tha an Spiorad féin a' deanamh fiantis maille ri 'n spiorad-san gur iad clann Dhé. Is e Dia a dh'fhìreanaicheas. Cò a dhùcas" iad? *Ròm.* 8. 1, 2, 16, 33, 34. Mur dean ar Breitheamh glòrmhor, mòr ar dìteadhl cò a dh-fhaodas a dheanamh? An Tì a thubhairt ris a' hhan-adhaltrانich, "An do dhùt duine air bith thu? cha mhò tha mise 'g a d' dhùteadh," nach abair è ruinn-ne air dòigh na's firinniche na thuirt Peadar ris-féin, "Ged dh'aich-eidheadh," no ged dhùteadh "na h-uile dhaoine thu," cha dean mise sin. Air dhuit-sa "mis' aideachadh am fianuis dhaoine, aidichidh mise thusa mar an céudna am fianuis m'Athar a ta air nèamh." *Mata* 10. 32.

O cia do-labhairt an t-aoibhneas, ar Tighearn aig am bheil làn ghràdh dhuinn, agus do'm bheil mòr ghràdh againn-féin, a hhi 'n a Bhreitheamh òirnn! An eagal le duine breth a thoirt air le caraid fìor ghràdhach? An eagal le mnaoi a dhol fo bhreith a còmpanaich féin? Féuch, a Chriosduidh, thàinig Criosd anuas, agus dh'fhuilic è, agus ghuil è, agus dhòirt è 'f huil, agus bhàs-aich è air do shon-sa,—agus an dean è nise do dhùteadh? Thugadh breth air-féin, dhùteadh e-féin, chéusadh e-féin air do shon-sa,—agus an dean e-féin thus'a dhùteadh anis? Nach do chrìochnaich è a' chuid a's mò de'n

obair cheana, chum do shaoradh, d' ath-ghineamhunn, ao naomhachadh agus do shlànachadh,—agus an atharraich è sin uile nis? Ro mhaith! ro mhaith! matà, air meud uamhasan an là sin, cha n-eagal dhuinn-ne—cha n-eil cunnart ànta dhuinn-ne. Criothnaicheadh na diabhalan agus na h-aingidh fòpa, ach léumaidh sinne le aoibhneas. Is ann againn-ne 'bhios am mothachadh géur, àrd air ar tròcair agus air ar sonas féin, 'nuair a chì sinn a' chuid a's mò de shluagh an t-saoghal so air chrith le tròm uambas, agus sinn-féin ri caithream àrd-aoibhneach; 'nuair a chluinneas sinn iad air an dìteadh gu lasraichean sìorruidh, agus sinn-féin air n-éigheachd 'n ar n-oighreachan air an rioghachd,—seadh, mo chreach! iadsan a bha 'chòmhnuidh 's an aon bhaile ruinn, 's an aon tigh ruinn, a' dol do'n aon eaglais ruinn, 'us air am meas na's urramaiche na sinne anns an t-saoghal, anis, anis, anis air an sgaradh uainn gu sìorruidh le òrdugh Fir-rànnsachaidh nan cridheachan. Tha na nithe sin uile, àrd ghreadhnachas agns crith-eagal an là mhòir sin air an sgrìobhadh gu drùighteach leis an Abstol anns na briathraibh so:—"Do bhrìgh gur ceart an ni do Dhia, àmhghar iocadh dhoibh-san a tà 'cur àmhghair oirbh; agus dhuibh-se a ta fo àmhghar, fois maille ruinne, 'nuair a dh'fhoillsichear an Tighearn Iosa o nèamh, maille r'a ainglibh cumhachdach, ann an teine lasarach, a' deanamh dioghaltais air an dream aig nach 'eil eò is air Dia, agus nach 'eil ùmhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Criod. Muinntir air an deanar peanas le sgrios sìorruidh o làthair an Tighearna, agus o ghlòir a chumhachd; 'nuair a thig e gu bhi air a ghlòrachadh 'n a naomhaibh, agus chum gu'n deanar iongantach e anntasan uile a ta 'creidsinn 'san là sin, (do bhrìgh gu'n do chreideadh ar fianuis-ne 'nur measg-sa.") 2 *Tes.* 1. 6-10.

Tuilleadh fathast. Cha bhi idir geilt-crith dirnn-ne ri breitheanas an là sin. An àite sin is ànn a nìtear sinn-féin 'n ar breitheadhan: oir bheir Criod "com-misean" d'a phobull féin gu suidhe maille ris, a' moladh a bhreitheanais fhìor. "Nach 'eil f'hiös agaibh gu'n toir na naoimh breth air an t-saoghal?" Ni-h-eadh, ach "air ainglibh?" 1 *Cor.* 6. 2, 3. Cò a chreideadh sin? nach bu dànadas sin a ràdh, mur biodh an onoir mhòr

ud air a h-ðrduchadh dhoibh le Criod fíín? Ach nach d'innis Enoch so o chìan? "Agus rinn Enoch mar an ceudna, an seachdamh pearsa o Adhamh, fàidheadair-eachd orra sin, ag ràdh, Feuch, tha'n Tighearn a' teachd le deich mìle d'a naomhaibh, a dheananamh hreitheanais air na h-uile, agus chum iadsan uile a tha mi-dhiadhaidh 'n am measg fhlàgail ris, a thaobh an uile ghnìomhara mi-dhiadhaidh a rinn iad gu mi-dhiadhaidh, agus a thaobh an uile bhriathar cruidhe, a labhair peacaich mi-dhiadhaidh 'n a aghaidh." *Iud.* 14, 15. Mar sin, cuirear onoir air na naoimh, "agus bitidh uachdaranaichd aig na fìreanaibh anns a' mhaduinn." *Salm* 49.14. O dhaoine mi-chùramach an t-saoghal, "nach bi sibh glic, nach tuig sibh so, nach toir sibh fainear bhur crìoch dheireannach." Hò! nach smuainich sibh anis mar a ni sibh, 'nuair a chì sibh "na nèamhan a' dol thairis le toirm mhòir, agus na dùilean a' leaghadh ás le dìan-theas, agus an talamh mar an céudna agus na h-oibre a ta air, air an losgadh suas!" An sin, bitidh gach nì'n a theine n.u bhur cluasaibh agus gach glòir talmhaidh a' caithean.h ás. Oir "tha na nèamha agus an talamh a tha nis ann, leis an f hocal sin féin air an tasgaidh suas, agus air an gleidheadh fa chomhair teine air cheanni là a' bhreith-eanais, agus sgrios dhaoine ain-diadhaidh. Uime sin do bhrigh gu'm bi na nithe so uile air an sgaoileadh as a chéile, ciod a' ghnè dhaoine bu chòir a bhi annaibh, ann an caithe-beatha naomh, agus diadhachd, le sùil a bhi agaibh ris, agus luathachadh chum teachd là Dhé, anns am bi na nèamha, air dhoibh bhi ri theine, air an sgaoileadh o chéile, agus anns an leaghar na dùile le dìan-theas?" *2 Pead.* 3. 7, 11, 12.

4. Is è an t-uidheamachadh mu-dheireadh airson fois nan naomh, iad a bhi air an crùnad gu maiseach, greadhnach, 's an rioghachd 'fhaotuinn. Oir mar tha Criod, an Ceànn, air 'ùngadh araon 'n a Rìgh agus 'n a Shagart, mar sin fodha-san, nithear a phobull araon 'n an rìghrean agus 'n an sagartan do Dhia gu rìgheachadh, agus gu bhi 'g a mholadh gu sìorruidh. *Taisb.* 5. 10. "An crùn fireantachd a hha air a thasgadh fa'n comhair, bheir an Tighearn, am breitheamh cothromach, dhoibh 's an là ud." "Bha làd firinneach gu bàs," air an aohhar

sin, " bheirear dhoibh crùn na beatha." Agus aréir an tomhais anns an do ghnàthaich iad gu maith an tâlantan 's a' bheatha so, bithidh an onoir air a meudachadh an déigh so. Cha n-è tiodal faoin a gheibh iad, ach fìor uachdaranachd. " Bheir Criosc dhoibh comas suidhe maille ris-féin air a rìgh-chaithir." " Bheir e dhoibh cumhachd os-ceànn nan Cinneach," mar fhuair e-féin o'n Athair, agus " bheir e dhoibh réult na maidne." Bheir an Tighearn fèin seilbh dhoibh air an còir, 'g am moladh 'us 'g am failteachadh leis na briathraibh so, " Is maith, a dheadh sheirbhisich f'hìrinnich; bha thusa firinneach ann am beagan do nithibh, cuiridh mise os ceànn mòran do nithibh thu : imich a steach do aoibh-neas do Thighearna."

Agus crùnaidh è air a chaithir iad leis an fhàilteachadh naomh, shoilleir, bheannaichte so, " Thigibh, a dhaoine beannaichte m'Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rioghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaite an domhain." Is beatha agus aoibhneas gach focal dhiubh sin. " Thigibh." So anis sìneadh amach na slait-òir rioghail a' toirt barantais dhuinn teachd fagus do ghlòir. " Thigibh" anis cho fagus 's is àill leibh. Na bitheadh eagal 'òirbh á breitheanas a' Bhetsemich ; oir " tha an naimhdeas air a chur air cùl" gu léir. Cha n-ionann " Thigibh" so 's a b' àbhaist duinn a chluinn-tinn ag ràdh " Thigibh, togaibh bhur crann-céusaидh agus leanaibh mise." Bu mhilis sin, ach is è so a's mìlse gu mòr,— " Thigibh a dhaoine beannaichite." Is beannaichte sinn da rìreadh, 'nuair a ghairmear " beannaichte" sinn le béul sin nam beannachd ! Oir geda bha sinn air ar meas, leis an t-saoghal, mar dhaoine mallaichte, agus geda bha sinn ullamh gu sinn-féin a mheas mallaichte, gidheadh " is beannaichte" gu cìnnteach " iadsan a bheannaicheas esan ; agus is mallaichte iadsan a mhallaicheas è ; agus a bheannachadh-san cha n-urrainnear atharrachadh."—" A dhaoine beannaichte m'Athar-sa," beannaichte ann an gràdh an Athar agus a' Mhic, oir " is aon" iad. Dhearbh an t-Athair a ghràdh dhoibh 'n an taghadh, 'n an tabhairt do Chriosc, ann an cur Chriosc g' an saoradh, agus ann an gabhail na h-éirig a phàidh Criosc air an son : agus tha gràdh Chriosc air a

làu-dhearrbhadh dhoiilh leis an fhocal mhòr "sealbh-aichibh." Cha luchd-daorsa iad na's fhaide, no idir seirbhisich, no clànn fo aois, ach "oighreachan" uile "air Dia tre Chriosd." *Gal. 4. 7.* Agus "oighreachan air an rioghachd." *Séum. 2. 5.* Agus "comh-oighreachan maille ri Criod." *Rdm. 8. 7.*—"An rioghachd:" cha lugha na rioghachd ar còir-ne. Is è tiodal freag-arrach Chriosd féin a bhi 'n a "Rìgh nan rìgh" agus 'n a "Thighearn nan tighearn." Ach gheibh sinne 'bhi 'n ar rìghrean agus "rìgheachadh maille ris." *Taisb. 20. 6.* Tha mealtuinn na rioghachd so mar sholus na gréine. Tha ì uile aig gach aon neach, gun a lughdach adh do neach eile.—"Air a deasachadh dhuibh." Is è Dia Alpha agus Omega* ar beannachaидh. Is è an gràdh siorruidh a shuidhich stéidh na rioghachd so, agus a dheasaich ì air ar son-ne, agus a dheasaich sinne air a son, an déigh sin. So comhairle agus òrdugh Dhia air an deasachadh, a bha gu bhi air an coimhlionadh le Criod a' deanamh tuille deasachaidh.—"Dhuibh-se." Cha n-ānn amhāin do na creidmhich gu coitchionn, ach do gach aon dìbh-se gu pearsantail,—"O leagadh bunaithe an domhain." Cha n-ann amhain o uair a' gheallaidh an deigh tuiteam Adhaumh, ach o shiorruidheachd !

Mar so chì sinn an Crioduidh a' dol astigh gu sàbhailt do Phàrras, agus air a ghiùlain le urram 'us onoir a dh-ionnsuidh fois'. Beachdaicheamaid anis, a' dol céum na's fhaide, a' dìreadh céum na's àirde anns an ath Chaibdeil, air àitibh-còmhnuidh, agus air dlighibh nan naomh, agus faiceamaid am bheil glòir sam-bith eile ann cosinhuil ris a' ghàidh so.

CAIBDEIL III.

Oirdhearcas Fois nan Naomh.

Thigeamaid anis beagan na's faisge, agus faiceamaid òirdhearcas comharrachte na foise so. Ho ! gu'n dean-

* *Alpha agua Omega.* Sin a' cheud agus an litir mu-dheireadh de'n Abideil Ghréugaich, leis am bheilear a' clàllachadh anna an Sgriothuir an toiseach 's an deireadhl; no slorruidheachd agus iomlanachd Dhé.—*Eadar.*

adh an Tighearn ar folach ann an còsaibh na creige, agus sgìath chaomh a ghràis a sgaoileadh thairis òirnn, fhad 's a hhitheas sinn a' dlùth-hheachdachadh air an t-sealladh àrd so! Is "seilbh cheannaichte" an fhois so;—Saor thiodhlac ;—Còir àraig nan naomh ;—Co-chomunn ri naoimh agus ainglibh ;—A h-aoibhneas bäll-dìreàch o Dhia féin ;—Bithidh ì deadh-thràthail ;—Freagarrach ;—Iomlan ;—Sìorruidh.

1. Is onoir fior àraig do fhois nan naomh gu'n goirear "seilbh cheannaichte" dhì. *Eph.* 1. 14. Sin anis toradh na fola sin a chaidh dhòrtadh—fuil Chriosd, Mac Dhé : seadh, àrd thoradh, crìoch, iomlanachd 'us éifeachd na fola sin. Gràdh a's mò na so cha n-eil ànn, am fear-gaoil a leigeil sìos a bheatha. O cia taitneach dhuinn sùilean ar n-anamanan a bhi 'sìor-amharc air ar Fear-saoraidh, heò mhothachadh agus ùr chuimhne 'bhi againn air a ghràdh a dh'fhuilich agus hhàsaich air ar son! Cia làn an t-aoibhneas gun chrìch a bhitheas air ar eridheachan a' cuimhneachadh gur ànn tre chuan gràidh na fola so a shnàmh sinn anàll tre ainneart an t-saoghail, tre ribichibh Shàtain, tre mhealladh na fedla, tre chorruich Dhé do'n tug sinn oilhheum, tre dhùteadh na coguise ciontaich, tre theagamhan 'us eagalan tròm, draghail a' chridhe mhìchreidich, agus a rèinig sinn lèthair Dhé gu sàhhailt! An diugh tha Criod ag éigheachd "O sihhse uile tha 'gabhair an rathaid, amhaireibh agus faicibh am bheil bròn sam bith cosmhuil ri mo bhròn-sa." *Tuir.* 1. 12. An diugh, is gànn a dh-éisdeas sinn ri 'ghuth brònach, no 'bheir sinn fainear a lotan. Ach air an là sin, mothaidh sinn agus lasaidh ar n-anamanan foirfe le gràdh airson gràidh! Cia iongantach am beachd leis an amhaire na naoimh shaorta gu bràth air am Fear-saoraidh—am fear-ceannaich agus an luach maille ris an t-seilbh! An sin cha n-ath-nuadhaicheadh ar bròn le sealltuinn air lotaibh a ghràidh. An Tì a thubhairt ris a' hhan-pheacaich mhòr ud, an déigh dhà éirigh o'n uaigh, "A' bhean c'ar son a ta thu 'gul?" (*Ed.* 20. 15.) is aithne do'n Tì sin gràdh agus aoibhneas a hheothachadh suas annainn gun bhròn, gun dedir, gun neul, gun stoirm air-hith. An Tì a dh'fhàg cuilm na sàcramaid aig 'eaglais féin a chuimhneachadh a bhàis, bheir è òirnn an luach heann-

acht', a thugadh air a son, a làn-mhealtuinn, mar "smior 'us saill." Agus ma's aoibhneas an diugh a chluinntinn o bhéul féin "Is è so mo chorp-sa a ta air a thabhairt air bhur son-sa, agus is ì so m' fhuil a ta air a dòrtadh air bhur son-sa," cia àrd an t-aoibhneas a bheirear an uair a chluinnear Criod ag ràdh, Is ì a' ghlòir so toradh mo chuirp agus m' fholà! Ma bhitheas ni sam-bith aig neach, a bha air a cheannach dhà le caraid dileas, a thug a bheatha air a shon, nach luachmhòr leis è? Ma dh-fhàgas caraid againn comharradh air a ghràdh, aig uair a bhàis, nach cùramach a ghleidheas sinn è, a' ciùmhneachadh air a' charaid sin, cho tric 's a sheallas sinn ris, mar gu'm biodh 'ainm féin sgriobht' air. Agus mar sin, nach dean bàs ar Tighearna ar seilbh air glòir a mhìlseachadh gu bràth. Mar a sgriobhas sinn sìos a' phris a chosd bathar dhuinn, amhuil sin sgriobhamaid an luach, eadhon fuil luachmhòr Chriosd, air ar fìreantachd* agus air ar glòir. Rìaraich fulangais Chriosd an ceartas mòr sin nach gabhadh rìarachadh gun fhuil. Ghiùlain è am peanas mòr a thoill peacaich. Dh'aisig è iad a dh-ionnsuidh na beatha sin a chàill iad, agus a dh-ionnsuidh na staide sona sin o'n do thuit iad. Tha tlachd an Athar anns an t-saorsa a choisinn Criod, cho mòr 'us gu'n tug è dhà cumhachd gus a phobull taghta féin àrdachadh, agus a' ghlòir sin, a thugadh dhà-féin, a thabhairt doibh-san, agus sin uile "a réir a dheadh-ghean féin" agus "comhairle a thoile féin." *Eph. 1. 9, 11.*

2. Is nèamhnuid eilc ann an crùn nan naomh, gur saor thiodblac è. Is iad an dà nèamhnuid sin, eadhon ceannachte agus *saor—a nasgaidh*—na slabhruidhean dir a ta 'deanamh suas nan cuairteag (*wreaths*) a ta air àrd-chinn nam post ann an teampull Dhé! *Rì. 7. 16, 17.* Bu daor è do Chriosd ach saor dhuinn-ne. 'Nuair a bha Chriosd a' ceannach an tiodhlaic so, cha b'fhiach airgiod 'us òr ni sam-bith dhà. Cha b'uarrainn ùrnugh-ean 'us deòir fulang,—no nì sam-bith ach fuil Chriosd,—ach is è mhàin saor ghabhail ar ceannach-ne. Tha è againn saor, "gun airgiod agus gun luach." Cha n-e

* *Fìreantachd.* Ionracas, neo chiontas : iomlanachd, maitheas agus tròcair Dhé : ümhlaichd Chriosd do'n lagh : caithe beatha glau, agus sonas nan daoine diaidhaidh.—*Eadar.*

fiachan a phàidheadh idir, gabhail gu taingeil ri fuasg-ladh saor uatha, gun aon sgillinn idir a dhìoladh. Tha na h-uile nithe saor, no a nasgaidh an so. Am Mac air a thabhairt gu saor leis an Athair. Na fìlachan air am pàidheadh gu saor leis a' Mhac. Am pàidheadh leis a' Mhac air a ghabhail gu saor le Dia, ged is maith a dh-f hoadadh è sin larraidh o'n chalpa—o na ciontaich. Tha faraon an t-Athair agus am Mac a' taigse na beatha ceannachte so dhuinn a nasgaidh, ma ghabhas sinn i gu toileach. Tha iad a' cur h-ugainn an Spioraid gu saor, a chum ar deanamh comasach air a gabhail. Agus nach saor sin uile? O cia àrd an t-iongantas buan-mhaireannach a ghlacas na naoimh a' meòrachadh air an t-saorsainn fhìal so! "Ciod a chunnaic an Tighearn annam-sa," deir gach aon diubh, "gu'm measadh è mis' iomchuidh airson inbhe cho àrd!—Mise truaghan bochd, tìnn, suarach a sgeadachadh le dealradh na glòire so!—Mise durrag shnàigeach air m'àrdachadh gu onoir cho mòr so!—Mise a bha, o cheànn ghoirid, ag osnaich, a' guil 's a' bàsachadh, anis air mo liònadh le gàirdeachas cho län 's a chumas mo chridhe! Seadh, air mo thogail ás an uaigh far an robh mì 'grodadh, o'n duslach agus o dhorchadas, far an robh mì mar neach air dìchuimhne, agus anis air m'àrdachadh an so an làthair rìgh-chaithir Chriosd!—Mise air mo shaoradh o bhraigheanas, maille ri Mordecái, agus air mo shuidheachadh làimh ris an rìgh, agus air mo thogail maille ri Dāniel ás an t-slochd, gu bhi air m'àrdachadh mar fhear-riaghlaidh air prionsachan 'us mòr-roinnean! Cò a thomhaiseas gràdh gun tomhas?" Cia milis, àrd am fonn! an t-anam iriosal a bha roimlie 'g a fhein-dhiteadh, 'g a mheas fein neo-airidh air aon òirlich de'n talamh air an robh è ag imeachd, neo-airidh air deò-anail, air itheadh, no ðl, anis air 'àrdachadh gu glòir!—Neach nach gabhadh car ùine air-féin teachd gu bòrd an Tighearna, do bhràigh gun robh è neo-airidh,—neach a's gānn a ghabhadh air-féin a dhol ameasg nan naomh neo-iomlan, no 'labhairt riutha air talamh,—neach a's gānn a ghabhadh air-féin léughadh, no eisdeachd, no aslachadh, no m'Athair a ràdh ri Dia! An neach sin 'g a fhaicinn féin air a spionadh suas do nèamh ann am mionaid, agus air a ghlacadh ann an làmhan

Chriosd. Ho ! smuainich anis air ioghnadh iongantach, aoibhneach an anama sin ! " Esan leis nach b'aill fiù a shùil a thogail suas gu nèamh, ach a' seasamh fad air ais, a' bualadh 'uchd 's ag ràdh, A Dhia, dean tròcair orm-sa 'ta am pheacach," anis air 'àrdachadh gu nèamh ! Esan do'm iongantas ciamar a ghiùlain foighidin Dhia leis cho fada, agus a cheadaich è dhà 'bhi beò ! Cia mòr 'iongantas anis, a' faicinn gu'm bheil a shlàint shìorruidh cìnnteach dhà, ged shaoil leis gu'm fàgadh a neo-airidh-eachd è gun tròcair. Ah ! a Chriosduidh, cha n'eil aon fhocal an sid air d'airidheachd-sa, no air do neo-airidh-eachd. Na'm b' ann air sgàth airidheachd a ghabhteadh astigh do nèamh sinn, dh-fhaodamaid suidhe sìos a' guil maille ri Eòin " do bhrìgh nach d'fhuadaradh aon neach airidh. Ach is airidh Ledmhan* tréibh Iudah, agus bhuadhaich e." *Taisb.* 5. 4. Sin anis ar còir air an oighreachd. Agus an sin bheir sinn an iobairt a dhiùlt Daiblìidh a thabhairt, eadhon moladh airson " an ni sin a fhuair sinn a nasgaidh." *2 Sam.* 24. 24. So anis ar barantas, " A nasgaidh fhuair sibh, a nasgaidh thugaibh uaibh." Ach ged is daor a cheannaich Criod, a nasgaidh bheir è.

Bu mhòr an t-iongantas an tiodhlac so 'fhaotuinn a nasgaidh gun deadh thoilltinneas idir annainn-féin ; ach is ann an aghaidh ar toilltinneis féin, agus an aghaidh gach oidhirp a's tric a thug sinn air sinn-féin a sgrios, a ta sinn 'g a fhaotuinn ! Is iongantach an nì smuaineachadh air an eadar-dhealachadh anabarrach sin a gheibhear eadar na nithibh a thoill sinn agus na nithibh a gheibh sinn,—eadar an staid anns an robh sinn agus an staid anns am bi sinn !—a' sealltuinn sìos orra-san a ta air am pianadh ann an ifrinn, 's a' faicinn an eadar-dhealachaidh anabarraich a rinn gràs eadar sinne agus iadsan l—a' faicinn na h-oighreachda duibhe sin, do'n d'rugadh sinne, ag eadar-dhealachadh cho mòr o'n oighreachd gus am bheil sinne air ar n-uchd-mhacachadh ! O mar bhuaileas gràdh gach aoin dhinn aig smuaineachadh, " Sid an t-àit gus am b'aill leis a' pheacadh mis' a thoirt ; ach so an t-àit gus an tug Criod mì ! B'è am bàs ud ' tuarasdal a' pheacaidh.' ach is ì so 'a' bheatha

* Sin Criod laidir mar ledmhan, agus uile-chumhachdach gu buaidh a thoirt air a naimhdean féin, agus air naimhdean a shluaign.—*Eadar.*

mhaireannach, tre Iosa Criosd ar Tighearn! 'Cò a rinn eadar-dhealachadh orm-sa o nach eile?' 1 Cor. 4. 7. An robh mo chridhe-sa do thaobh nàduir na's easgaidh do Chriosd na cridheachan an t-sluagh chàillte, no idir air a ghlناساد na's feàrr air tùs gu éisdeachd ri tagair an Spioraid? An tòisichinn-sa riamh ri gràdh a thoirt do Dhia, mur gràdhraigheadh Dia mis' air tùs? Am bithinn-sa riamh air mo dheanamh 'toileach,' muir deanadh e-féin 'toileach' mì? Nach bithinn-sa mar chàch, mur deanadh e-féin m' eadar-dhealachadh uatha? Nach bithinn-sa nis anns na lasraichean ud, na'n robh mì air m' fhàgail amhàin do mo rathad agus do mo thoil féin? Nach stadainn ann an Sòdom gus am beireadh na lasraichean òrm, mur deanadh Dia, 'n a thròcair, mo 'ghreasad a mach ás?' O gun teagamb is iongantas sìorruidh so dhomh-sa, crùn cho saoibhir, àillidh a bhi air a shocrachadh air ceànn peacaich cho suarach! O iongantas do-labhairt!—mise a bha cho mì-thorach, mi-thaingeil, air m' àrdachadh cho àrd!—Mise, crèutair cho truaillidh, ceannairceach air teachd gu aoibhneas cho luachmhor, buan-mhaireannach! Ach neor-thaing dhomh-féin, neor-thaing do mo dhleasan, do mo shaothair féin, na's lugh a sin do dhearmad 'us leisg.' Is aithne dhuinn co dhà a bhuiteas a' ghàdir, agus a gheibh a mholadh airson so gu bràth. Gu dearbh is ànn a chum na crìche so a rinn an Gliocas neo-chriòchnach uile riaghait na slaint' a chumadh amach do'n duine ann am molltar na ceannachd agus na nasgaidheachd so, chum gu'm biodh gràdh agus aoibhneas an duine air an deanamh ionlan; gu'm biodh onoir a' ghràis, a rinn a theàrnadh, air a h-àrdachadh gu ro mhòr, chum nach biodh dol-amach aoin seach aon diubh sin air a choinneachadh, air a leasachadh, no air a bhacadh le deadh-thoilltinneas crèutair, agus gu'm fosgladh dorus nèimh air an dà lùdan sin, eadhon ceannachd agus nasgaidheachd. Mar sin, matà, rachadh toilltinneach a sgriobhadh air dorus na h-ifrinn, ach an t-saor thiodhlac air dorus nèimh.

3. Is còir àraig leis na naoimh, an fhois so. Cha bhuin i do neach air-bith eile de chloinn nan daoine. Ged bu sholus an Eiphit uile, cha bu laghaid solus nan Israel-

each sin. Ach faic ladsan a' mealtuinn an t-soluis uile, agus an coimhearsnaich ann an tiugh dhorchadas, thigeadh dhoibh an lorg sin géur mhothachadh a bhi aca air an sochair. Dùisgidh tròcair shònruichte mothachadh na's mò na tròcair choitchionn. Na'n d'fhuair Phàraoh thairis cho sàbhailt ri Israel, cha bhiodh cuimhne cho iomraiteach air a' *Mhuir Ruaidh*. Mur biodh a' chuid eile de'n t-saoghal air a bhàthadh, agus Sòdom 'us Gomòrrah air an losgadh, cha b'iongantas teàrnadh Noah, agus cha hhitheadh iomradh cho mòr air saoradh Lot. 'Nuair a chithear neach air a shoillseachadh, agus neach eile air 'fhàgail dorch; neach air 'ath-leasachadh, agus neach eile 'n a thràill d'a ana-mìann féin, aomaidh sin na naoimh gu éigheachd amach "A Thighearn, c'ar son a dh'fhoillsicheas tu thu-féin dhuinne, agus nach dean thu sin do'n t-saoghal?" 'Nuair a chuirear am faidh a dh-ionnsuidh na h-aon bhantraich, ged nach ban-Israeleach ì, agus a glananadh aon Naamain, Siriach, ameasg nan lobhar nile, (*Lùc.* 6. 25-27); chithear an tròcair sin na's comharrraighe. Gu cìnnteach bithidh géur-mhothachadh aig an dà shedrsa sluaigh, an uair a hhitheas "dithis 's an aon leabaidh," agus "dithis anns a' mhachair," agus a "ghabhar aon diubh, agus a dh'fhàgar am fear eile." *Lùc.* 17. 34, 36. Seallaidh na naoimh anuas air an loch-losgaidh, agus fo ghéur mhothachadh air an sonas féin, 's a' gabhail flor thlachd ann an oibríbh cothromach Dhé, dòirtidh an gàirdeachas amach agus seinnidh iad an t-ðran bìnn so, "Is cothromach thusa, O Thighearn, a ta, agus a bha, agus a bhitheas, do blrig gu'n d'thug thu breth air an dòigh so." *Taisb.* 16. 5.

4. Buinidh an fhois àluinn so do na naoimh uile; oir is comunн de spioradaibh beannaicht' iad. Is comunн naomh foirfichte, araon na naoimh agus na h-ainglean, air am bheil Criod 'n a Cheànn. So "co-chomunn nan naomh" air an deanamh foirfe. Mar hla sinn cuideachd ann an saothair, ann an dleasanais, ann an cunnart, 's ann an àmhghar, hithidh sinn cuideaclida' mealtuinn na duaise agus na saorsa mòire so. Mar rinneadh tàir agus dimeas òirnn roimhe, aidichead agus àrdaichead sinn anis 'an cuideachd a chéile. Sinne, a chaidh tre là dubhachais,

gheibh sinn là subhachais agus là mòr a' ghàirdeachais maille ri 'chéile. Iadsan a fhuair géur-leanmhuinn agus prìosan maille ruinn, bithidh iad sin maille ruinn ann an lùchaint an t-sòlais. Nach bu tric a bha ar n-osnaichean mar aon fhuaim, ar dedir a' sileadh mar aon tuil, agus ar mìann diadhaidh mar aon ùrnuigh! Ach anis is aon cheol binn ar moladh uile. Is aon eaglais ar n-eaglaisean uile. Is aon chorp sinn-féin uile: oir is "aon" sinn uile ann an Criod, eadhon "mar a ta E-féin agus an t-Athair 'n an aon." *Eò. 17. 21.* Ach féumaidh sinn an aire 'ghabhail nach bi sinn ag iarraidh na buaidh sin anns na naoimh, a gheibhear amhàin ann an Criod féin 'n a aonar. Ach ma's aoibhneas laghail dhuinn anis smuain-eachadh roi-làimh air "suidhe sìos maille ri Abraham, agus Isaac, agus Jacob ann an rìoghachd nèimh," nach mò gu mòr na sin, làn shealladh agus làn sheilbh! Cia sòlasach anis a bhi 'medrachadh air an là sin anns am bi sinn a' togail an drain maille ri Maois, a' togail nau salm-molaidh maille ri Daibhidh, agus "á séinn drain an Uain" maille ris "a' mhuinnitir shaorta" gu bràth! An sin, chì sinn "Enoch a' gluasad maille ri Dia;" chì sinn crìoch a dhìlseachd iongantaich aig Noah; crìoch a dheadh-bhéus aig Iòseph; crìoch 'fhoighidin aig Iob; crìoch 'ionracais aig Heseciah; agus "crìoch an creidimh" aig na naoimh uile. Chì sinn, cha n-è mhàin, ar seànn luchd-eòlais, ach na naoimh uile ás gach linn, aghaidhean nach f' haca sinn riamh 's an f' hedil, aith-nichidh sinn an sin iad, agus bithidh an cuideachd sòlasach dhuinn. Seadh, bithidh na h-aingil, cho maith ris na naoimh, 'n an luchd-eòlais beannaichte dhuinn. Iadsan a tha an dràst gu toileach 'n an "spioradan frithealaidh" dhuinn, bithidh iad an sin 'n an còmpanaich dhuinn ann an aoibhneas. Iadsan a rinn gàirdeachas cho mòr air nèamh, aig uair ar n-dòmpachaiddh, nì iad gàirdeachas maille ruinn gu subhach ann ar glòrachadh. Air an là sin their sinn le Daibhidh,

"'S fear-comuinn mì 'us còmpanach

Do 'n dream d'an eagal thu."—*Salm 119. 63.*

An sin thig sinn "Gu sliabh Shioin, agus gu caithir an Dé bhèd, an Ierusalem nèamhaidh, agus cuideachd do-kreamh do ainglibh, gu làn-choimhthional agus eaglais

nan ceud-ghin, a tha sgrìobhta 'sna nèamhaibh, agus gu Dia breitheamh nan uile, agus gu spioradaibh nam fìrean air an deanamh fairfe, agus gu Iosa eadar-mheadhonair a' choimhcheangail nuaidh, agus chum fola a' chrathaidh, a tha 'labhairt nithe a's feàrr na fuil Abeil." *Eabh.* 12. 22. Ach tha sinn air teachd a dh-ionnsuidh an ìonaid sin cheana, do thaobh còir, eàrlais agus ceud-thoraidh : ach an sin, thig sinn gu làn sheilbh 'fhaotuinn. Ma's sonas a bhi bed maille ris na naoimh 'n an staid neo-iomlain 's a' bheatha so far am faighear nithe searbh a' pheacaidh 'n an comunn, cho maith ri nithe milis na naomhachd, cia mòr an sonas a bhi maille riutha 'n an staid iomlain far am bheil na naoimh uile gu léir 'n am fior naoimh! Is dìrdhearcas comharrachte dhuinn-ne ann ar fois nèamhaidh, gur sinne "luchd aon bhaile ris na naomhaibh agus muinntir-teaghlaich Dhé." *Eph.* 2. 19.

5. So anis buaidh àraid eile ann ar fois-ne : gheibh sinn a h-aoibhneas *bàll-dìreach* o Dhia féin. An dràst, cha ruigear air dad sam-bith bàll-dìreach, ach tre dhara làimh, treas làimh, no iomadh làimh, o'n talamh, o'n duine, o'n ghréin 's o'n ghealaich, o fhrithdealadh nan aingeal, agus o'n Spiorad 'us o Chriosd. Ged nach 'eil droch bhlàs a' pheacaidh, no neo-iomlanachd pheacach air sruth na firinn mar thig è h-ugainn tre làimh nan aingeal, gidheadh gheibhear hlàs neo-iomlanachd nan crètairean dheth. Mar thig è o'n duine, gheibhear an dà hhlàs sin air, eadhon blàs a' pheacaidh agus neo-iomlanachd a' chréutair. Ach nach "bed agus cumhachdach focal Dé" ànn-féin "chum eadar-sgaradh!" *Eabh.* 4. 12. Ach gu tric, cha n-eadar-sgair è an cridhe, 'nuair is lag an làmh a ta 'g a làimhseachadh. Cia mòr lànachd 'us luach gach focail de'n t-soisgeil bheann-aichte! Gu leòr, shaoileamaid, gus an t-anam a's mairbhe a bhioradh, a għluasad agus 'uile smuaintean agus 'aignidhean a làn-ghlacadh ; ach gidheadh, cia tric, mo chreach ! a thuiteas an soisgeul air a' chluais mar uisg air cruidh chloich ! Is nèamhaidh nithe Dhà, a ta sinne 'làimhseachadh, ach is talmhaidh ar dòigh làimhseachaidh orra. Is gānn ni ris am hean sinn air nach fàgar lorg ar meòdir 'n ar déigh. 'Nuair a labhras Dia féin am focal, air chinte, is focal eadar-sgaraidh agus leaghaidh

è. Is maith is aithne do'n Chriosduidh o 'fhiosrachadh féin, gur è an t-aoibhneas a's báll-dàrlche a gheibh è o Dhia féin, aoibhneas a's mìlse; seadh, an t-aoibhneas anns an lugha 'gheibhlear de'n duine, agus a's dàrlche a thig o'n Spiorad. Is iad na Criosduidhean a's trice a bhios ag ùrnuiigh 's a' medrachadh gu h-uaigneach, daoine a's mò beatha agus aoibhneas, do bhrigh gu'm bheil làd a' faotuinn am beatha spioradail na's dàrlche bho làimh Dhia féin. Ach na leigeamaid dhùinn idir a bhi 'g eisdeachd, a' léughadh 's a' comh-labhairt ri 'cheile. Na deanamaid dearmad idir air meadhonaibh nan gràs, no air aon sam-bith de òrduighean Dé. Bitheamaid gu seasmhach aig aoradh follaiseach Dhé ann an "Tigh na h-ùrnuiigh" air gach Sàbaid. Is i sligh a' Chriosduidh a bhi 'gnàthachadh nam meadhon gu fritheilteach, ach bitheadh è bed os an ceànn. Gheibhlear aoibhneas tre na meadhonaibh sin. Ach is ànn "an làthair Dhé" féin a gheibhlear "lànachd aoibhneis" gun mheadhon idir. Ann an nèamh gheibh sinn solus gun choinnil agus là buan gun ghréin, oir "cha'n 'eil feum aig a' bhaile air a' ghréin, no air a' ghealaich a dhealrachadh ann; oir shoillsich glòr Dhé e, agus is e an t-Uan a's solus da. Agus cha bhi oidhche an sin, agus cha 'n 'eil feum aca air coinnil, no air solus na gréine; oir bheir an Tighearn Dia solus dhoibh: agus rìghichidh làd gu saoghal nan saoghal." *Taisb.* 21. 23; agus *Caib.* 22. 5. An sin, soillsichear ar n-ìnnntinn agus 'ar tuigse gun Sgriobtuir, agus riaghlar sinn gun lagh sgrìoblita: oir fairfichidh an Tighearn a lagh ann ar cridheachan, agus bithidh sinn uile air ar làn-theagast le Dia. An sin, gheibh sinn aoibhneas nach d'fhuair sinn riamh roimhe bho ghealladh, o chreidimh, no bho dhòchas. Bithidh againn comanachadh gun sàcramaid, gun "toradh so na fionain air an là sin a dh'òlas Criosd e nuadh maille ruinn ann an rìoghachd 'Athar." *Mata* 26. 29. An sin, ùraichidh è sinn le fion sòlasach 'us toil-ìnnntinn gun mheadhon idir. Is è 'bhi ann an uireasbhuidh gun chuideachadh idir, cor truagh nan aingidh ann an ifrinn. Is è 'bhi ann an uireasbhuidh 'us cuideachadh againn tre mheadhonaibh chréutairean, ar cor air an talamh. Is è 'bhi ann an uireasbhuidh, 'us cuideachadh 'fhaotuinn, gun mheadhon

idir, bäll-dreach o Dia féin, cor nan naomh air nèamhl. Is è 'bhi gun uireasbhuidh idir, ceart chòir Dhé féin.

6. So òirdhearcas eile anns an fhois so :—bithidh i deadh-thràthail. An Tì aig am bheil sùil ri "toradh an fhion-lios" aig an àm shuidhichte, ni è a phobull "mar chraoibh suidhichte làimh ri sruthaïhh uisge, a bheir a mach a toradh 'n a h-aimsir." Agus bhéir è dhoibh an crùn 'n a àm féin. An Tì leis am maith "focal a lahhairt ann an deadh àm ris an neach a ta airsnealach," nach toir è aoihhneas dhuinn aig an áma's freagarraiche? *Isà. 50. 4.* 'Iadsan nach 'eil sgìth do mhaith a dheanamh, mur fannaich àd, huainidh àd ann an àm iomchuidh.' *Gal. 6. 9.* An Dia sin "a tha 'toirt araon an uisge thoisich agus an uisge dheireannaich eadhon d'a naimhdibh, " 'n a àm féin," agus "a' gleidheadh sheachd-uinean suidhichte an fhogharaidh air ar son," agus ag innseadh dhuinn anns a' chùmhnant gu'm bi ànn là 'us oidhche 'n an àm, nach toir è, mar-an-céudna, am foghar glòrmhor féin do na naoimh 'n a àm? *Ier. 5. 24.* An Tì a ghrad-choimhlion a ghealladh do chloinn Israeil, gun dàil aon là, no uair a chur 'n an saoradh amach á tir na h-Eiphit, air a' cheart àm a gheall è, ach "air an là sin féin" thug è mach àd "aig ceànn nan ceithir cheud agus nan deich bliadhna thar f hichead," (*Ecsod. 12. 41.*) an cuir è dàil ann an là glòrachaидh a shluagh? Is è nach cuir. Nach deadh-thràthail camhanach an là 'us "grìan na fireantachd" ag èirigh suas dirnn, an déigh oidhche fhada, dhorch an t-saoghail so? Nach deadh-thràthail dachaiddh hhlàth, an déigh turus fada, sgìth tre iomadh cunnart? Nach deadh-thràthail buaidh agus sìth, an déigh cogadh fiadhaich, gàbhaidh, borb anns an d'fhuaire sinn iomadh lot? Tha daoine bed ann an sgìos gun stad. Tha na naoimh gu h-àraig glé sgìth de nithihh nach urrainn an saoghal a mhothachadh. Cuid sgìth de inntinn dhàll: cuid sgìth de chridhe cruidh: cuid de'n teagamhan 's an eagalan féin gach là: cuid de easbhuidh aoihhneis spioradail, agus cuid de mhothachadh air corruiich Dhia. Agus nach deadh-thràthail do'n Chriosduidh fuasgladh 'fhaotuinn o gach dragh dhiubh sin, an déigh dhà hhi 'g' a ìarraidh, a' feitheamh ris, 's ag ùrnuigh air a shon fad iomadh bliadhna? Is è gearan

a' Chriosduidh air uairibh, "O nach robh agam Canàan anns an fàsach ! O nach robh agam drain Shioin ann an tìr choimhich ! O nach robh agam caladh ann am meadhon a' chuain ! O nach robh agam fois o theas an là ! O nach robh agam nèamh mu'm fàg mì 'n talamh." Agus nach bu deadh-thràthail, taitneach sin uile ?

7. Agus bithidh an fhois so *freagarrach*. Bheir nàdur nuadh nan naomh air an spioradan làn-chòrdadh ris an fhois so. Gu dearbh cha n-eil ni eile 'n an naomh-achd ach sradag air a toirt ás an "eileamaid" so,—an còrdadh ris an fhois,—agus air a lasadh 'n an cridheachan, le Spiorad Chriosd : agus bithidh an lasair naomh sin, a ta bho Dia, a' sior-aomadh a dh-ionnsuidh an àite ás an tàinig i. Cha b' urrainn rioghachdan 'us crùinteann tìmeil fois ullachadh do na naoimh. Cha b'ann le nithibh cho truaillidh sin a bha iad air an saoradh. Mar sin, cha truaillidh, bochd an nàdur idir. Is àill le Dia iad aoradh spioradail a thabhairt dhà,—aoradh freagarrach d'a bhith spioradail féin, agus a chum sin a dheanamh, bheir è dhoibh fois spioradail a' freagairt d'an nàdur spioradail. Làn edlas air Dia agus air Criosd, tlachd aoibhneach anns a' ghràdh mhòr sin taobh-air-thaobh, gàirdeachas siorruidh ann am mealtuinn ar Dé, agus buan shéinn a chliù. Is nèamh sin do na naoimh. An sin bithidh sinn bed ann ar "n-eileamaid" féin. An so, tha sinn mar iasg ann am soitheach 'us beagan uisg' aig' ànn,—uiread 's a chumas bed è. Ach ciod è sin ann an coimeas ris a' chuan ? Tha dedò-anail beag againn an so fo àile nan spéur, ach ciod è sin ann an coimeas ris na h-osagaibh ùrachaидh a gheibbear air "sliabh Shioin ?" An so tha gath-soluis againn o'n gbréin a chum ar dorchadas a shoillseachadh, agus gath blàth chum ar cumail o reothadh ; ach an sin, bithidh sinn bed ann an solus, agus ath-bheothaichear sinn le teas na gréine gu siorruidh. Bithidh mìann nan naomh aréir an nàduir ; agus is è mìann ar nàduir air 'ath-nuadhachadh do'm bheil an fhois so a' freagairt. Fhad 's a bhios ar miann truaillidh, seachranach, is mòr an tròcair a dhiùltadh : is feàrr a ghearradh ás gu léir na idir a riàrachadh. Ach is ann de "shuidheachadh" an Tighearna féin an sluagh spioradail, agus "uisgichidh"

è iad 'us bheir è orra fàs. Cuiridh è acras 'us tart òirnn an déiglì fìreantachd, a chum ar deanamh sona le làn rìarachadh a thabhairt duinn. Nis, a Chriosduidh, so an fhois a tha réir do chridhe. Gheibh thu innte gach ni a's urrainn do chridhe bochd a mhìannachadh. Gheibh thu innte na nithe sin airson an robh thu cho-fad ag ùrnuigh 's a' saothrachadh. B' ànnsa leat Dia ann an Criosd a bhi agad na 'n saoghal uile. Matà, tha iad agad an sin. Ciòd nach tugadh tu airson "dearbhbheachd air gràdh Dhé? Tha sin agad 's an fhois so, gun amharus. Mìannaich, a Chriosduidh, ciòd is urrainn thu, iarr ciòd is àill leat, agus bheìrear dhuit è, cha n-è mhàin gu leth na rioghachd, ach faraon an rìgh 's an rioghachd a mhealtuinn. Anns a' bheatha so cha-n-eil againn ach miann 'us ùrnuigh, ach anns a' beatha sin, is è 'bhitheas againn rìarachadh 'us toil-lìnntinn. Tha 'n fhois so mar-an-céudna flor fhreagarrach ri uireasbhuidh nan naomh. Gheibhear innte gach uile ni air am bheil fèum aca. Cha n-è sòlas tròm, tiugh, cruthaichte, a bhitheas, cosmhuil ri àrmachd Shauil air Daibhidh, 'n a eallach, 'us cha n-ànn 'n a chuideachadh dhoibh. Is è Chriosd agus naomhachd iomlan air am bu mhò am féum, agus dednaichear sin dhoibh gu pailt.

8. Tuilleadh fathast, bitidh an fhois so *sàr iomlan*. An sin bitidh againn aoibhneas gun bhròn, agus fois gun sgùlos. Cha bhi aon bhoinne truaillidheachd againn ameasg ar gràsan, no idir fulang maille ri sòlas. Cha n-eil aon 's an acarsaid ud de na tonnaibh fuar, garbh, buaireasach sin leis am bheil sinn an so air ar luasgadh sìos 'us suas. An diugh, gheibhear slàn sinn, am màireach tìnn,—an diugh ann am meas, am màireach ann an dìmeas,—an diugh càirdean againn, am màireach gun charaid idir. Cha n-è sin amhàin, ach gheibh sinn, anns a' bheatha so, fion mìn, milis agus fion-géur, searbh anns an aon chopan. Ma "thogas taisbeana chum an treas nèamh sinn" buailidh teachdair Shàtain sinn gu grad, agus gheibh sinn "sgolb 's an fhèdil" a chum ar n-isleachadh. Ach cha n-eil atharrachadh sam-bith mar sin ann an nèamh. Ach mar "thilgeas gràdh dionghalta an t-eagal amach," is amhuil a "thilgeas" aoibhneas "dionghalta" am bròn.

amach, agus tilgidh sonas iomlan amach gach cuimhne air truaighe, agus gheibh sinne fois o gach olc 'us o gach fulangas peacaidh.

Cha n-fhaod seòrsa peacaidh sam-bith a dhol astigh do nèamh air chor sam-bith, "cha téid air chor sam-bith a steach ann ni air bith a shalaicheas, no a db'oibrich-eas gràineileachd, no a ni breug: ach iadsan a mhàin a tha sgrìobhta ann an leabhar beatha an Uain." *Taisb.* 21. 27. Carson a bhàsaich Criod na'n gabhadh nèamh astigh anamanan neo-iomlan? "Is ann a chum na crìche so a dh'foillsicheadh Mac Dhé chum gu'n sgriosadh e oibre an diabhail." 1 *Eò.* 3. 8. Cha b' ànn a chum ar fagail salach, a rinn fuil agus spiorad Cbriod so uile. "Ciod è," arsa Pòl, "comunn an t-soluis ris an dorchadas? agus ciod an réite a ta aig Criod ri Belial?" Nis, a Chriosduidh, 'nuair a ruigeas tu nèamh, cha pheacaich lu ni's mò. Nach sgéul aoibhneach sin dhuit-sa, a bha cho fada ri "ùrnuigh agus caithris" an aghaidb a pheacaidh? Tha fios agam na'm faigbeadh tu do roghainn gu'n b'f heàrr leat a bhi saor o pheacadh na'n saoghal uile. Gheibh thu do roghainn matà. An cridhe cruaidh sin, agus na smuaintean brucach, draghail sin a bha 'g a do leantuinn aig gach dleasanais, fàgaidh tu iad ad' dhéigh gu sìorruidh. Cha chuir aineolas dragh air do thugse gu bràth. Bithidh gach rānn de'n Sgriobtuir a bha roimhe dorch ort, anis air a dheanamh làn shoilleir dhuit. Na h-uile nithe, a bha roimhe, mar shaoil leat-sa, a' comh-àicheadh a chéile, bithidh iad air an dean-amb làn-reidh, làn-shoilleir dhuit. Is è an Chriosduidb, a's bochda 'tha an dràst air nèamh, diadhair a's coimhlionta, agus a's ionnsuichte gu mòr na'n Chriosduidh a's mò air talamh. O cia sona an là sin, 'nuair nach bi mearachd idir ànn gu bràth, 'nuair a ìonar ar tuigse le Dia féin nach fhàg dorchadas idir annainn! Bithidh gnùis Dhé 'n a sgriobtuir dhuinn, anns an léugh sinn an fhìrinne uile. Is iomadh duine diadhaidb anns a' bheatha so, a rinn le éud gun eòlas, muinntir éile a mhi-threòdrachadh, a mhealladh 's a thruailleadh, nach urrainn an cur ceart aris, 'nuair a chì è a mhearachd féin. Is tric air an là an diugh a gheibhearr barailean mearachdach aig sluagh maith, air bheag eòlas, agus

tha làd sin glé chunnartach. Ach air nèamh bitlidh sinn uile a' comh-chòrdadh 's an aon f hìrinn, mar aon maille ri Dia neach a's E-féin an fhìrinn. Fòs gheibh sinn fois o gach peacadh toile, peacadh aignidh 'us còmhraidi. Dealaidh sinn gu bràth ris a' bhith cheannairceach sin, "a' *Mhi-thoil*," a ta fathast ag iarruidh ar tarruing air falbh o Dhia. Cha shàraichear 's cha bhuairear sinn le mothachadh, no faicinn cumhachd truailidheachd sam-bith, no le pròis, no "paisean," no lùnndaireachd, no mì-f haireachadh, no coimheachas ri Dhia 'us ri nithibh Dhé, no gluasad mì-chothromach, no aigneadh fuar, no gràdh lag, no ciùrradh an Spioraid, no gnòmh sgainnealach, no còmhradh mì-naomh: o na nithe sin uile gheibh sinn fois gu brath! An sin, còrdaidh ar toil ri toil Dé, mar a f hreagras aghaidh do aghaidh ann an sgàthan. Is E-féin ar lagh agus ar riaghait, 'us cha chlaon sinn uaith-san gu bràth. *Eabh.* 4. 10.

Air thalamh dh'fhuilic sinn an lorg ar peacachaide, ach air nèamh sguiridh gach peacadh agus fulang gu léir. Gheibh sinn fois o na teagamhan sin uile a bha againn mu ghràdh Dhia. Cba n-abrar ni's mò, mar thuirt Dochdadar Iain Preston gu cothromach, "Is cos-mbuil teagamhan ris a' chluaran, is droch luibh è, ach gheibhear a' fàs è ann an talamh maith." Cha chluinn sinn càinnt 'us ceist mar so ni's mò, "Ciod a nì mì chum fios 'fhaotuinn air mo staid? Ciamar a dh-aithnicheas mì gur è Dia m' Athair?—gu'm bheil mo chridhe ceart?—gu'm bheil mo chòmhradh flòr—mo chreidimh treibh-dhireach? Tha eagal òrm nach 'eil mo pheacaidhean air am maitheadh,—gur cealgaireachd m'oibrean uile,—gu'n diùlt Dia mì—nach 'eil è 'g éisdeachd m' ùrnugh." Tionndaidhear so uile gu moladb an sin. Gheibh sinn fois o gach mothachadh air corruih Dhia. Cha bhi eagal ifrinn idir air nèamh. Air uairibh, "chuimhnich" an t-anam gràsmhor "air Dia, agus bha è fo bhuaireas, rinn è gearan agus chlaoideadh è, agus dhiùlt è sòlas a ghàbbail; luidh fearg Dhé air gu teann, agus chlaoideh Dia è le 'thonnaibh uile." Ach dearbhar dhuinn air an là sin, ged "dh'fholair Dia a ghnùis uainn car tiota;" fathast "le caoimhneas sìorruidh nì e tròcair dirnn." *Isà.* 54. 8. Gheibh sinn fois o uile bhuaividhean Shàt-

ain. O cia trōm an doilgheas do Chriosduidh iarraidh air a Thighearn àicheadh, agus ged nach géill è idir do'n droch bhrosnachadh sin, nach pìan d'a anam iarrtas cho oillteil! dōruinn d'a chridhe è 'bhi air a ghluasad le smuaintibh cho toibheumach : air uairibh le smuaintean cruaidh mu Dhia,—smuaintean mì-mheasail mu Chriosd.—smuaintean mì-chreidmheach mu'n Sgriobtuir,—droch smuaintean mu f'hreasdal Dhé : air a bhrosnachadh, air uairibh, gu pileadh ris na nithibh a ta làthair, a' cluith ri maghar dubhanach a' pheacaidh, a' léum gu taitneas na fedla, agus air amaibh a' tuiteam ann aui glamair dubh na h-aindiadhachd féin ! O nach math is aithne dhuinn foill ar cridheachan féin, iad cho ealamh ris an spong gu teine 'ghabhail, cho luath 's a bheanas aon de na srad-aibh sin riutha ! Tha comas aig Sàtan ar brosnachadh "anns an f'hasach," ach cha n-fhaod è 'dhol astigh do'n "bhaile naomh." Faodaidh è ar "cur air binnein an teampuill" anns an "Ierusalem" thalmhaidh, ach cha n-fhaod è teachd fagus do'n "Ierusalem Nuadhl." Faodaidh è ar "toirt chum beinne ro àird," ach cha n-urrainn è "Sliabh Shioin" a dhìreadh gu bràth : agus geda b'urrainn, is beag a b'fhlach "uile rioghachdan an domhain agus an glòr" le anam a f'huair seilbh air rioghachd ar Tighearna. *Mata 4. 1-8.* Is beag gu dearbh ! Mar sin, is diomhain do Shàtan a bhi ri brosnachadh tuilleadh. Fòs sguiridh gach brosnachadh a bheir an saoghal agus an fhèdil. Och ! cia lòn mhòr ar cunnartan 's an t-saoghal so gach uair ! Is ribe gach ceud-fàdh 'us bàll. Is ribe dhuinn gach crèutair, gach tròcair 'us dleasanais. Is gànn a dh-fosglas sinn ar suilean, gun chunnart ole a smuaineachadh ; farmad againn riuth-san a ta os ar cionn, dìmeas 'g a dheanamh orra-san a's ilse na sinn-féin ; a' sànnachadh cuid muinn-tir eile ; le an-iochd 'us àrdan a' deanamh tàire air crètairean bochd, luideagach. Ma chithear bòichead pearsa, dùisgidh ana-mìann. Ma chithear ciorram air neach, nithear tàir 'us fanaid air, no gabhar gràin deth.

Nach ealamh a dh-éisdeas an cridhe ri cùl-chàineadh, fala-dhà dhìomhain, 'us càinnt rapach ! Nach sinn a dh-f'héumadh ar droch càil a chaithris 's a cheànn-sachadh gach uair ! Am bheil thu sgàmhach, bòidheach ?

Lasaidh sin d' àrdan annad. Am bheil thu ciorramach, cám, no crùbach? Fàgaidh sin thu gearanach. Am bheil tälant inntinn agad, ealamh, comasach air ionnsachadh? Séididh sin suas thu, ag larraidh do mholadh, 'us tàir a dheanamh air muinntir eile nach 'eil cho barr-aichte riut-féin! Am bheil thu aineolach? Cia tric a bheir sin ort tàir a dheanamh air nithibh nach tuig thu, agus nach aithne dhuit! Am bbeil tìghdarras, no cumhachd agad os-ceànn muinntir eile? Cia tric a gheibhear thu 'g a mhì-ghnàthachadh, do thoil féin mar lagh dhuit, taitneas dhaoine eile air a chur suarach leat; 'us gach nì 'g a iomairt leat, a chum do thoil 'us do chùisean féin a chur air aghaidh, gun sùim mu mhaith chàich! An iochdaran thu? Cia ullamh thu gu labhairt air àirde muinntir eile, a' toirt breith air an gniomhraibh gu farmadach, aréir do dhroch bharail féin! Am bheil thu saoibhir gun bhi ro uallach ás? Am bheil thu bochd gun bhi mì-thoilichte? Am bheil thu 'deanamh do dhleasanais, no 'deanamh Slànuigheir de do dhleasanais? Leis na ribichean sin tha è buailteach dhuinn a bhi air ar glacadh. Cha d'rinn Dia iad a chum sinne 'rib-eadh leo, ach rinn ar truaillidheachd féin iad 'n an ribichean dhuinn. Is è sinn-féin—ar droch nàduri fén—painntearan a's miosa dhuinn. Ach so ar sòlas mòr, fuasglaidh an fhois so sinn uatha sin gu léir. Cha n-fhaigh Sàtan, no smuain olc a dheanamh seirbhis dà, astigh do'n ionad naomh! An sin, bitidh gach smuain glan, 'us àrd-mholar ar Fear-saoraidh mòr leis na h-uile.

Agus bitidh sinn saor, dealachte bho uile ghéurileaumhuinnibh 'us o dhroch gréadhadh t-saoghaill. An sin, freagrar ùrnughean "nan anamanan fo'n altair," agus "dìolaidh Dia am fuli orra-san a ta 'n an còmhnuidh air an talamh." *Taisb.* 6. 9, 10. An diugh, àm ar crùuaidh le droighionn; an sin, àm ar crùnaidh le glòir. An diugh, "Iadsan uile leis an àill am beatha a chaith-eamh gu diadhaidh ann an Iosa Criod, fuiligidh iad géur-leanmuinn." Ach an sin, "Iadsan a dh'f huilig maille ri Criod, glòraichear iad maille ris." *Ròm.* 8. 17. An diugh, "fuathaicheadh sinn air sgàth Chriosd," ach an sin, "nithean iongantach è 'n a naomhaibh" a bha mar sin air am fuathachadh. Air an talamh, "is

bàll-amhairc sinn do'n t-saoghal, agus do ainglibh, agus do dhaoinibh, mar shalachar an t-saoghaileòd, mar anabas nan uile nithe." 1 Cor. 4. 9. "Cuiridh daoine ás an cuideachd sinn, bheir iad càinnt mhaslach dhuinn, agus tilgidh iad amach ar n-ainm mar olc." Ach air an là sin, dùr-amhaircidh iad dirnn ann an glòir. Ach tilgear iadsan amach á cuideachd nan naomh, agus dealaicheadh uainn iad àill air nàill. An diugh, is gànn a gheibh sinn ùrnuigh a dheanamh ann ar teaghlaichean, no cliù a shéinn do Dhia, gun bhéum 'fhaotuinn uatha, ma chluinneas iad ar guth. O nach iad a bhios air an cràdh 'nuair a chì iad sinne ri gairdeachas agus a' moladh, 'us iad-féin ri donnalaich 'us caoidh! Thusa nach urrainn, an diugh, do làmh a chur ri obair Dhé, gun deadh-ghean an t-saoghaileòd a chàll, smuainich agad-féin gu'n co-oibrich gach aon air nèamh leat gu toileach, a chridhe 's a ghuth ag aonadh maille riut ann an aoibhneas agus moladh sìorruidh. Gus a sin, 'sealbhaich d' anam ann am foighidinn.' Fuilig tàir 'us masladh airson Chriosd. Ceangail suas iad mar chrùn air do cheànn. Meas iad 'n an saoibhreas a's mò gu mòr na stòras an t-saoghaileòd uile. Oir "is ceart an ni do Dhia, àmhghar iocadh dhoibh-san a ta 'cur àmhghair oirbh; agus dhuibh-se a ta fo àmhghar, fois maille ri Chriosd." 2 Tes. 1. 6, 7.

An sin, gheibh sinn fois o na roinnean agus o na diùbhrasan nàireach sin a bha eadarainn-féin mu eaglaisibh. Nach gràdhach a chòrdas mìltean maille ri 'chéile air nèamh, a bha 'mi-chòrdadh air thalamh! Cha n-'eil còmhsti an sin, do bhrigh nach fhaighear àrdan, no aineolas, no truaillidheachd air-bith ànn. Cha bhi smuain, an sin, air meudachadh aon phàirtidh, no air beagachadh pàrtidh eile, le briathraibh 'us céumaibh carach, innleachdach. Ma bhitheas nàire, no bròn air nèamh, bitidh sinn brònach 'us fo nàire ri cuimhneachadh air a' ghiulain aimhreiteach so air talamh; mar bha bràithrean Iòseiph a' cuimhneachadh 'n a làthair air an droch gréadhadh a rinn iad air roimhe sin. Mo nàire! Nach leòr leinn an saoghal uile 'bhi cogadh 'n ar n-aghaidh, gun sinn-féin a bhi ri cogadh an aghaidh a chéile? Moladh do làithibh na gèur-leanmuinn a thug gu tric air Chriosduidhean dlùthachadh ri 'chéile ann an

gràdh. Ach ged robh carraig againn an so car tiota pronnaidb grìan-sholus na saorsa gach ainneart 'us aimhreit gu duslach. O cia sona là fois nan naomh ann an glòir, far, mar nach 'eil ànn ach aon Dia, aon Chriosd, aon Spiorad, nach bi againn uile ach aon chridhe, *aon eaglais*,* aon obair gu sìorruidh !

Gbeibh sinn fois o chompàirt ann an deucbainnibh ar bràithrean. Is "ospadal," no tigb-bhochd an eaglais air thalamh. Cuid innt' ag osnaich fo thugse dhorch,—cuid fo chridhe gun mhotbachadb,—cuid a' fannachadh fo lag-chuis gun toradb,—cuid air an ciùrradh le 'n droch giùlain féin,—cuid ag éigheacbd fo bhochduinn,—cuid air am pànanadh le anmhuinneachd,—cuid a' caoidh an iomadb càlldacbd. Ach nach è doilgbeas a's mò na sin uile, ar càirdean dàimheil, gràdhach 'fhaicinn a' teicbeadh o fhìrinn Cbriosd, a' dearmad Chriosd; a' dearmad an anamana féin, gun dùsgadb idir amach á clò-chadal a' pheacaibd. Seall air athair, no màth-air, bràthair, no piuthar, fear-pòsda, no bean-phòsda, leanabh, no caraid ain-diadhaidh; agus smuainich nach 'eil teagamb nach bi iad sin a' losgadh ann an ifrinn gu bràth, ma bhàsaicheas iad anns an staid neo-iompaichte so anns am bheil iad. Smuainich air an t-soisgeul air a dhìultadb le daoine—anamanan bochd, mì-thoileach air am fàgal falambah, dàll, dorch, 'us iad a' cur ás an t-soluis a dheanadh an treòrachadb gu slàint ! Ach bitidh là mòr ar fois-ne saor o na nithe sin uile. "Criochnaicheadh làithean a' bhròin, agus, "O Thighearna," bitidh do shluagh uile 'n am fireanaibh; sealbhaichidh iad am fearann gu sìorruidh; am meangan a sbuidbich thu, obair do làmha, chum gu'm bi tbu air do ghlòrachadh." *Isà. 60. 20, 21.*

An sin, gheibh sinn fois o gach fulangas cuirp a ta againn an dràst. Faodaidh so a bhi beag ann an sealladh muinnir a tha nise bed ann an socair 'us ann am pailteas: ach do'n anam, a ta gach là air 'fbàsgadb 'us air a chràdh le trioblaid, is milis smuaineachadh air nèamh. Och cia lionmbor ! cho lionmhor ri làithean 'us uairean, trioblaidean na beatha bàsmhoir so fo'm

* Is ian *fhor Eaglais*, flor phobull Dhia, ciod-air-bith meur de luchd-aideachaidh d' am buin iad.—EADAR.

bheil sinn bed an diugli ! Dh'fhàg ar Fear-saoraidh na boinnean searbh sin againn ri òl, chum ar gràineachadh o'n olc le droch bhlas na dibhe scirbhe, chum ar pill-eadh gus an deoch mhilis, bheò, ghlan iarraidh agus òl à amhuinn an t-sòlais ; agus mar sin, ar glanadh 's ar gealachadh airson crùin na beatha. An diugh buailidh bròn astigh air gach ceud-fàdh, a' pìanadh a' chuirp 's a' ciùrradh a' chridhe. Nach 'eil gach bâll o'n cheàuin gus a' chois gu tric a' fulang ? Ach fàgaidh sinn gach pìan 'us peacadh, gach dus 'us fedil uile gu léir 'n ar déigh. O suaimhneas beannaichte na rioghachd sin far nach 'eil nì ach sìthi mhilis gun sgur ! O sin àit na slainte, gun oicb, gun acain, gun aon neach tìnn àun ! O cia beannaicht' an tìr anns am bheil na h-uile 'n an rìghrean ! Cia naomh an coimhthional anns am bheil na h-uile 'n an sagartan ! Cia saor an stàit anns nach 'eil òglaich idir ach òglaich an Ard Rìgh ! Cha bhi duine bochd, sgìth an sin ! Cha bhi acras, no tart an sin ! Cha bhi neach luideagach, no lomnochd an sin ! Cha bhi zeothadh, crith-fhuachd, no cruaidh theas an sin ! Cha bhi ar n-aghaidhean glas, no dubhach an sin ! Cha bhi aimhreit, no sgaradh eadar càirdean an sin ! Cha bhi tigh-airé, no tigh-bròin, no caoidh, no dedir an sin : oir " tiormaichidh Dia gach déur o ar sùilibh an sin !" O m' anam giùlain anis le anmhuinneachd do phàilliuin thalmhaidh. Cha mhair so ach mionaid bheag. Tha fuaim casan an Fhir-shaoraidh eadhon aig an dorus.

Fòs gheibh sinn fois o gach dleasanasa ta an diugh 'g ar sgitheachadh. Cluinnear gach fear-riaghlaidh, párant 'us ministear coguiseach, dleasanach a' gearan an diugh " O 's ann òrm-sa 'tha 'n t-eallach tròm." Tha caochladh dleasanasa aig gach staid 'us aois, agus gheibhear gach Crioduidh cùramach a' gearan, " O m' eallach ! Och is tròm m'eire ! Och is è mo lag-chuis fèin a tha 'g a dhcanamh tròm !" Ach tilgidh an fhois, a ta 'feitheamh òirnn, an t-eallach so dhìnn.

Aon uair fathast, gheibh sinn fois o na trioblaidibh dràghail sin uile a dh-fhéumas a bhi 'g ar leantuinn an so gus an tig an là air an nochdar sinn an làthair Dhé. An diugh, gheibhear boinnean trioblaid ann ar miann, ann ar dòchas, ann ar fadachd, 'us ann ar feitheamh

spioradail, ach sguiridh sin. Air an là sin, gheibh sinn an t-ionmhas an còmhnuidh, gach uair a sheallas sinn ann ar cisteig. Gheibh sinn Criod an còmhnuidh ann ar cridhe, gun dol idir ni's mò o mheadhon gu meadhon 'g a iarraidh, oir criochnaichear gach uile mheadhon dhuinn ann an làn mhealtuinn uile bheannaichte.

9. Is è 'n t-séud mu-dheireadh ann ar crùn, *Fois Shìorruidh*. Dh-easbhuidh so, is beag nach bu neo-ni na nìthe ud uile. Bu bhoinne searbh ann ar gàirdeachas, eadhon smuaineachadh air dealachadh ris an *fhois* so. B'ifrinne air nèamh smuaineachadh air a cāll aig àm air-bith, dìreach mar bu sheòrsa nèimh è do'n mhuinntir mhallaichte anns an t-slochd, na'n robh dòchas aca ri faighinn ás uair-eigin. Tha bàsmhorachd sgriobhte air gach toileachas fo'n ghréin. Caillear ar toil-ìnnntinn anns gach cuspair taitneach 'g a fhaicinn a' bàsachadh ann ar làimh! Ach, O a Shìorruidheachd bheannaichte! far am bi againn beatha agus toil-ìnnntinn bhuan gun chùram, gun eagal bàis! far am bi sinn " 'n ar puist ann an teampull ar Dé, agus cha téid sin ni's mò a mach ás." *Taisb.* 3. 12. Am feadh bu sheirbhisich sinn, thugadh àite dhuinn fo aonta, agus sin fad là goirid ar beatha;" "ach fanaidh am mac 'san tigh gu bràth." *Eò.* 8. 35. Ann ar pàrras talmhaidh, Eden, bha rathad *amach* ás, ach cha d'fhuaradh riamh rathad *astigh* ànn arist. Ach anns a' phàrras shìorruidh so tha rathad *astigh*, gun rathad idir *amach* ás arist. *Lùc.* 16. 26. "O m' anam tilg uait do smuaintean faoin mu thaitneasaibh na beatha so. Tilg uait do ghireim de'n talamh 'us de'n fhedil. Smuainich tric, smuainich làn air brìghmhorachd an aon fhocail so—*Sìorruidheachd*. Dè so! a bhi beò, seadh beò gun bhàsachadh gu bràth! Dean gàirdeachas, seadh gàirdeachas gu bràth! O bu shona dhuibh-se anamanan mallaicht' ann an ifrinne shìos, na'm faigheadh sibh fuasgladh an déigh do cheud mìle bliadhna 'dhol seachad! O bu truagh dhuibh-se, a naoimh air nèamh, na'n caileadh sibh bhur seilbh air glòir, an déigh do iomadh ceud mìle saoghal a dhol seachad. Anns an fhocal so *Sìorruidh*—*Sìorruidh*—*Sìorruidh* (a' slor-ruith,) tha dòruinn iomlan nan deamhnán, agus glòir iomlan nan naomh. O na'n smuainicheadh am peacach air an fhocal so,

shaoilinn gu'n tugadh è air léum amach á cadal a pheacaidh ! O na'n smuainicheadh an t-anam gràsmhor air, shaoilinn gu'm beò-neartaicheadh sin è fo'n àmhghar a's dóruinniche !—Agus O Tighearn, am bi Mise mar sin beò gu sìorruidh ? Matà, bheir mì fös gràdh gu sìorruidh. Am bi mo ghàirdeachas neo-bhàsmhor ? agus nach bi mo thàing-mholadh neo-bhàsmhor mar-an-céudna ? Is cìnnteach, mur càill mì mo ghlòir gu sìorruidh, nach sguir mì idir de do mholadh-sa gu sìorruidh. Ni thu mi-féin agus mo ghlòir iomlan agus buan-mhaireannach, mar sin is leat-sa mì, agus cha leam-féin mì, agus is è mo ghlòir-sa do ghlòir-sa. Agus do bhrìgh gu'm b'è do ghlòir féin d' àrd chrìoch ann mo ghlòir-sa, is è sin mo chrìoch-sa, mar-an-céudna, an déigh dhuit mo chrùnadh leis a' ghlòir sin air nach tig crìoch idir. “ A nis do'n Rìgh shìorruidh, neo-thruaillidh, neo-fhaicsinneach, do Dhia a ta mhàin glic, gu robh urram agus glòir, gu saoghal nan saoghal. Amen.” 1 Tim. 1. 17.

Mar so dh'oidhirpich mì boillsgeadh a nochdadadh dhuibh de'n ghlòir a tha ri teachd. Ach is geàrr mo bhriathran-sa air òirdhearcas na glòire sin ! A léughadair, ma's creidmheach sìmplidh, iriosal thu, a' feitheamh le fadachd, 's a' deanamh saothair airson na foise so, is goirid gus am faic agus am mothach thu gur fìrinn so uile, agus gheibh thu sealladh cho soilleir de'n staid bheannaichte so 's a bheir ort truas mòr a ghabhail de na crètairean truagh sin leis nach àill an fhois so iarr-aidh, no 'għabbail. Chì thu nach d'innseadh leam-sa an so, an deicheadh mìle cuid de òirdhearcas na fois' a ta 'feitheamh air na naoimh. Ach an dràst, deanadh am beagan a chuala tu d' iarrtas agus do dhìchioll a bheothachadh. Eirich ; tog ort ; oibrich ; ruith agus dean spàирн ; cathaich agus cum romhad ; oir is cìnnteach, glòrmhor an duais a ta romhad. Coimhlionaidh Dia a ghealladh. Feuch màta, nach māg, nach meal 's nach mìll thusa d'anam féin le dàil, no leisgeul. Ciod a shaoileas tu, a b'fheàrr do Chriosduidhean, ann an cuairt am beatha 's an dleasanais, na glòir na foise so a chumail an còmhnuidh ùr, blàth 'n an smuaintibh ? Cia naomh am fonn anns am biodh an spioradan, na'n leanadh iad a' bed-mheòdrachadh tre chreidimh air glòir

nèimh? Am biodh an cridhe cho trōm, dorch? an gnùis cho dùbhach? an sòlas cho talmhaidh, gānu? Am biodh eagal fulang, no bàsachadh orra? Nach ann a bhithheadh gach là 'n a bhliadhna dhoibh, gus an amais-eadh iad air an fhois? An Tighearn a shlànanachadh ar cridheachan feòlmhor, air eagal nach "téid sinn a steach d'a shuaimhneas, airson ar mì-chreidimh." *Eabh.* 3. 19.

CAIBDEIL IV.

Comharradh na Muinntir sin do'm bheil an Fhois so air a h-ullachadh.

Am feadh a bha mì shuas air a' bhéinn, a' searmonachadh air òirdhearcas Fois nan Naomh, mhothaich mì gu'm bu mhaith dhomh a bhi an sin. Air an aobhar sin dh'fhuirich mì car fad ānn, agus mur bitheadh gur beag, bochd mo bhreithneachadh air mòrachd na cùise, dh-fhanainn ānn mòran na's fhaide. Cò a ghabhadh sgios a bli 'beachdachadh air tir cho sona? Na'n cluinn-eadh coigreach mu 'n àrd ghlòir do-labhairt so, cha b' iongantach geda theireadh è, O cò è an crèutair mòr, àraig, dealrach airson an deachaidh a' ghlòir anabarrach ud ullachadh? Gu cìnnteach is crèutair fior luachmhòr è! Ach cò è nis an crèutair àraig sin? Cha n'-eil ach slige* bhochd, làn duslaich air a bheothachadh le anam réusanta, neo-fhaicsinneach, agus air a cheartachadh le cumhachd neo-fhaicsinneach gràis ath-nuadhachaidh. Sin, matà, an crèutair a gheilbh seilbh air a' ghlòir do-labhairt ud. Shaoileadh tu gur éudar gur è crèutair fior airidh agus fior luachmhòr a ruigeas air a leithid a ghlòir. Matà, cha n'-eil è idir airidh, no luachmhòr. Ma's airidh è air nì sam-bith, is ānn air dìteadh a ta è airidh; oir bhuaileadh è roimhe gu sgrios, mur bitheadh è air a għlacadh le gràdh, agus air a philleadh air ais leis an Tì sin a's è "na h-uile." *Col.* 3. 11. Agus air

* Is è a chorp sèin, no peacach sam-bith eile, a tha an t-Ughdaix diadhaidh a' ciallachadh leis an "t-slige," an sò.

dhà gabhail gu caidreach ris an Tì sin, agus e-féin a shocracbadh air-san, gheibh è ànn-san agus trìd-san a' ghldbìr ud uile. Is iad gu h-àraid a' mhuinntir airson am bheil an fhois so air a h-ullachadh—"sluagh Dhé" air an taghadb le Dia o shìorruidheachd,—air an tabhairt do Chriosd mar am Fear-saoraidh,—air an ath-bhreith,—fo ghéur mhothachadb air olcas agus truaigh' a' pheacaidh,—air dìomhanas a' chréutair,—agus air làn phailteas Chriosd,—an toil air a h-ath-nuadhachadh,—iad 'g an ceangal féin ann an cùmhnan ri Criosd, agus a' buanachadh anns a' cheangal so gus a' chrìoch.

1. Is iad "sluagh Dhé," iadsan a ta air an taghadb le Dia o shìorruidheachd. Tha è soilleir o'n Sgriobtuir agus o fhiosrachadh, nach 'eil ànnta ach àireamh bbeag de'n chinne-daoine. Is "tréud bheag" iad agus "dhoibhsan is e deadh thoil an Athar an rioghachd a tboirt." *Lùc.* 12. 32. Tha an àireamh na's lugha na tha an saoghal a' smuainachadh; ach cha n-'eil iad cho gānn 's a shaoleas anamanan fānn aig am bheil amharus nach 'eil Dia toileach a bhi 'n a Dhia dhoibh, 'nuair a gheibh sìad iad-féin mi-thoileach a bhi 'n an sluagh dhà-san.

2. Tha 'mhuinntir so air an tabhairt le Dia d'a Mhac, gu bhi air an saoradh leis o'n staid chàillte, agus air an àrdachadh leis gu glèdir. Thug Dia na h-uile nithe d'a Mhac, ach cha n-ànn mar thug è a "shluagh taghta" dhà. Thug Dia "cumhachd dhà air gach feoil, na h-uile a thug thu dhà chum gu'n tugadh esan dhoibh a' bheatha mhaireannacb." *Ed.* 17. 2. Tha 'n t-eadar-dbealachadh so air a mhìneachadh dhuinn gu soilleir leis na Abstol ag ràdh "Chuir e na h-uile nithe fuidh a chosaibh, agus thuig se e gu bhi 'n a cheann os ceann nan uile nithe do'n eaglais." *Eph.* 1. 22. Cha n-ànn air an dòigh àraid anns am bheil Criosd 'n a éirig airson a shluaiqb féin, a tha è "'na éirig airson nan uile." *1 Tim.* 2. 6.

3. Is buaidb mhòr, àraid anns a' mhuinntir so, gu'm bheil iad air an ath-bhreitb—air am "breith a ris." *Ed.* 3. 3. B'u cho do-dheante do mhuinntir a bhi 'n an sluagh do Dhia, gun ath-ghineamhuinn, 's a bhi 'n an cloinn do dhaoine gun ghinealach. Do bhrìgh gur naimhdean do Dhia sinn, mar bheirear sinn o'n bbroinn, féumaidh sinn a bhi air ar n-ù·bhreith,—an ìnninn a

bhi air a h-atharrachadh le Spiorad Dhé, a chum a bhi air ar deanamh 'n ar mic do Dhia, air-neo fantuinn 'n ar naimhdean dhà. Faodaidh ath-leasachadh beatha a bhi air 'oibreachadh ann an duine, ach cha theàrnadh, cha shlàint spioradail sin idir, gus am bi an ùr-bhreith air a h-oibreachadh 'n a anam.

4. Foillsichear a' bheatha nuadh so ann an "sluagh Dhé" le géur mhothachadh mu nithibh naomh. Gheibh iad mothachadh air oleas a' pheacaidh. Bheirear am peacach gu aithneachadh agus a mhothachadh gur è am peacadh sin, anns an robh a thlachd, ni a's grâineile na losgunn, no nathair, agus olc a's mò na plàigh, no gorta, gur briseadh è air lagh firinneach an Dé a's ro àirde, eas-onoir do Dhia, agus sgrios do'n pheacach féin. Anis cha n-fhuaim gun bhrìgh leis achmhasan aui aghaidh a' pheacaidh na's fhaide, deargaidh anis gach focal mu pheacadh air a chridhe, agus gabhaidh è cronachadh. B'abhaist dà iongantas a bhi air carson a bhathas a deanamh a leithid a thoirm an aghaidh a' pheacaidh? Carson nach gabhadh duine beagan toil-lnnntinn ann an nì toirmisgte? Cha do thuig è roimhe gur ànn an lorg droch bhith a' pheacaidh a b'èigin do Chriosd bàsachadh, agus a bhitheas saoghal gun Chriosd air am pianadh gu bràth ann an ifrinn. Ach cha n-eil a' chùis mar sin anis; oir dh'fhosgail Dia a shùilean anis a dh-fhaicinn gràinealachd a' pheacaidh.

5. Gheibhear faireachadh aca air an truaighe féin an lorg a' pheacaidh. Iadsan a bha roimhe 'léughadh nam bagairtean a ta lagh Dhé a' labhairt an aghaidh pheacach, mar sgéul air cogadh fad-ás, chì iad anis gur iad na bagairtean sin an sgéul féin. Gheibh iad am binn féin ànta. Chì iad an ainmean féin sgriobt' anns a' mhallaichd, no cluinnidh iad an lagh ag ràdh, bâll-dìreach, ris gach aon diubh, mar thuirt Natan, "Is tusa an duine." 2 Sam. 12. 7. Roimhe so, bha corruiich Dhé do'n pheacach, mar stoirm do dhuine ann an tigh tioram, dlonach, no mar chràdh an duine thinn do'n duine shìlan ag amharc air, ach anis mothaidh è gu'm bheil è air a dhìeadh,—gur duine marbh è air a dhìeadh leis an lagh, agus na'n robh binn an lagha air a h-oibreachadh amach 'n a aghaidh, gu'm bitheadh è càillte gu sìorruidh.

Is ì so obair an Spioraid air a gintinn, ann an tomhas éigin, anns na h-uile a ta air an ath-uuadhadachadh. Ciamar a thigeadh peacair a dh-ionnsuidh Chriosd a dh-iarraidh maitheanais, nach d'fhuair e-féin riamh ciontach, no air a dhìteadh?—no 'dh-iarraidh beatha gun e-féin fhaotuinn marbh gu spioradail. "Cha'n 'eil féum aca-san a ta slàn air an léigh, ach aca-san a ta tinn." *Lùc. 5. 31.* 'Nuair a chithear an leigheas no, an ioc-shlaint, cho luath ris a' ghalar, caisgear roinn mhòr de thrioblaid an duine thinn. Agus faodaidh mothachadh aoibhneach air tròcair a thoirt air neach mothachadh air a thruaighe féin a dhì-chuimhneachadh na's luaithe.

6. Tha mothachadh aig a' mhuinntir so air ðiomhanas agus air easbhidheachd a' chréutair. Is fear-iodhol-aoraidh gach duine do thaobh nàduir. Dh'fhalbh ar cridheachan o Dia ann an tuiteam Adhaimh, agus riamh o'n là sin, is è an créutair bu dia dhuinn. Is è so peacadh mòr ar nàduir. Bheir gach duine neo-ìompaicht' a' chòir 's a' ghòdir a bhuineas do Dia 'n a aonar, agus an t-àit a's àirde 'n a chridhe, dò'n chréutair. Cha n-eil teagamh nach abrar Tighearn agus Slànuighear ri Dia agus Chriosd, ach an déigh sin uile, gheibhear fior dhùil a' chréutair ris a' chréutair, agus bheirear dhà an onoir bu chòir a thoirt do Dia féin. Is iad taitneas, buannachd 'us onoir, trionaid an duine nàdurraich, agus is è Féin feòlmhor an triùir sin 'n an aon. B'è iarraidh a bhi "mar dhée" ar ceud pheacadh, agus sin am peacadh a's mò a ta air a ghitinn ann ar nàdur o ghinealach gu ginealach. 'Nuair a tha Dia ag iarraidh ar treòrachadh, treòraichidh sinne sinn-féin. 'Nuair a tha Dia ag iarraidh ar riaghladh, cha n-àill leinn-ne ach ar riaghladh, féin. Gheibh sinn coire do'n lagh a thug Dia dhuinn. B'àill leinn 'atharrachadh, no, na'm faodamaid, a dheanamh air dòigh eile—lagh ùr a dheanamh aréir ar càil féin. Is àill le Dia cùram a ghabhail dhùnn, agus mur gabh, bitidh sinn càillte, ach is feàrr leinn-ne ar cùram féin. 'Nuair bu chòir dhuinn ar cuid iarraidh air Dia gach là, is feàrr leinn a bhi bed air ar cuid féin. 'Nuair bu chòir dhuinn strìochdadh d'a fhreasdal, is ann a gheibhear sinn ri gearan air, 's a' smuaineachadh gu'n deanadh sinn-féin cùisean òrduchadh na's feàrr na rinn Dia. 'Nuair bu

chòir dhuinn smuaineachadh air gràdh, tìmhlichd 'us onoir a thoirt do Dhia, is ànn a gheibhear sinn a' smuaineachadh air gràdh, tìmhlichd 'us onoir do ar nàdur feòlmhor fèin. An àit a bhi ag iarraidh sùil Dhé a bhi òirnn, is ànn b' àill leinn sùilean 'us eisimeil nan uile dhaoine 'bhi òirnn-fèin, agus buidheachas, cliù 'us moladh 'fhaotuinn o na h-uile dhaoine. Mar sin, is sinn-fèin, do thaobh nàduir, ar n-iodhol-aoraidh fèin. Ach sìos tuigidh an Dagon so 'n a chriomagan, cho luath 's a dh-ath-nuadhaicheas Dia an t-anam. Is è àrd chrioch na h-oibre mòire sin,—obair an ath-nuadhachaidh,—an-cridhe a thoirt air ais a dh-ionnsuidh Dhé fèin. Dearbhaidh Dia air a' pheacach nach urrainn an crèutair a bhi 'n a Dia dhà, chum a dheanamh sona,—nach urrainn è bhi 'n a Chriosd dhà, chum a shaoradh o thruaighe, agus 'aiseag a dh-ionnsuidh Dhé,—a shonas. Ni Dia so cha n-ànn amhàin le teagastg 'fhocail, ach mar-an-céudna le teagastg a fhreasdail. So anis an t-aobhar gu'm bheil trioblaid ghoirt a' freagairt cho tric ann an obair an lompachaide. Eignichear sluagh gu éisdeachd ri argu-maid a ruigeas am bed, 'nuair a dheanadh iad dìmeas air na briathraibh a's comasaiche. Faic peacach a rinn dia de nitibh aimsireil, onoir, creideas agus saoibhreas, 'nuair a leigeas Dia näire, no masladh tròm air, a thilgeas sè è ann an staid chruaidh ás nach urrainn na nithe sin fuasgladh a thoirt dà, no 'ghearras è air falbh uaith iad gu léir, nach tric a chuidicheas cronachadh mar sin ann an toirt a' chridhe gu mothachadh ! Ma's è sògh a's dia do dhuine, maille ris gach nì a mhiannaicheas a shùil luasganach, a chluas dhéigheil, a chàil shànntach 's a chridhe collaidh, agus gun dean Dia iad sin uile a ghearradh air falbh uaith, no am fàgail 'n an searbhadas agus 'n am burmaid dhà, nach tric a bheir buille mar sin an cridhe cruaidh gu mothachadh ! 'Nuair a thilgeas Dia duine ann an tinneas cràiteach a' gearradh a chridhe le lotaibh, 's a' dùsgadh a choguis fèin 'n a aghaidh, agus ag ràdh ris, mar gu'm b' eadh, " Feuch an urrainn creideas, saoibhreas, no sògh do chuideachadh anis ? An urrainn iad do choguis leoínte a shlànanachadh ? do chorp a chumail suas fo chrith a' bhàis ? no d' anam a chumail o ghairm a' bhàis ? thu-fèin a theàrnadh o'n

fheirg shìorruidh? no d' anam a shaoradh o lasraichibh sìorruidh? Anis éigh gu h-àrd riutha sin, agus faic an seas iad dhuit an àite Dhé agus Chriosd?" O mar dh-oihricheas so gu dlùth, teànn air a' pheacach! Moth-aichidh 'us aidichidh an fheòil féin anis maille ris gach càil gur dìomhanas an crèutair.

7. Fòs mothachidh "sluagh Dhé" lànachd agus àrd birdhearcas Chriosd, agus am féum mòr air Chriosd. Tha iad mar dhuine gortach a' mothachadh a mhòr fhéum air biadh, no mar dhuine ciontach air a dhìteadh, a' mothachadh 'fhéum air maitheanas, no mar dhuine glaiste ann am prìosan airson fhiachan, a' mothachadh 'fhéum air neach a phàidheas air a shon. Is ann anis a mhothaicheas am peacach eallach tròm, do-ghiùlain féin, agus a chì è nach 'eil aon ānn a's urrainn a thoirt deth, ach Chriosd. Tuigidh è gu'm bheil è air éigheachd 'n a cheannairceach lcis an lagh, agus nach 'eil aon ānn ach Chriosd a's urrainn fuasgladh a thoirt dà bho thòireachd an lagha. Tha è mar dhuine air a ruagadh le led-mhan, agus a dh-fhéumas bàsachadh mur faigh è didean gu grad. Gheibhear è nis ann an ìmcheist so: "Féum-aidh mi an dara cuid," "their è, a bhi air m' fhìreanachadh le Chriosd, no air mo dhìteadh gu sìorruidh,—a hhi air mo theàrnadh le Chriosd, no air mo losgadh le teine na h-ifrinn gu sìorruidh,—Chriosd mo thoirt a dh-ionnsuidh Dhé, no a hhi air mo thilgeil aimach o làthair Dhé gu bràth." Cha n-iongantach geda dh-éigheadh è mach, mar a rinn am martarach, "Chriosd féin, Chriosd féin, gun aon air-bith ach Chriosd." Cha n-òr, ach aran a shàsaich-eas neach acrach. Cha toir nì sam-bith ach maitheanas sòlas dhà-san a ta air a dhìteadh. "Tha na h-uile nithe air am meas leis anis, mar aolach, chum gu'n cosinn è Chriosd, agus na nithe a bha" roimhe "'n am bnannachd air am meas" anis "'n an call airson Chriosd." *Philip.* 3. 7, 8. 'Nuair a chì am peacach a thruaighe féin, agus nach urrainn a chomas féin, no "na h-uile nithe" eile 's an t-saoghal a theàrnadh, tuigidh è nach 'eil tròcair theàrnaidh ānn amach á Chriosd. Chì è ged nach urrainn e-féin, no crèutair sam-bith a theàrnadh, gur urrainn Chriosd. Ged nach urrainn duileagan-fìgis beaga, bochd ar droch fhìreantachd féin ar lòmnochd a chòmhachd,

gidheadh is mòr, is leòr fìreantachd Chriosd chum ar n-anamanan a sgeadachadh. Cha n-urrainn ar fìreantachd fèin aon phùng de cheartas an lagh' a riàrachadh, ach riàraichidh agus sìthichidh fìreantachd Chriosd a h-uile pùng dheth. Tha Criosd a' deanamh eadar-ghuidhe ris an Athair airson a' pheacaich, agus an lorg àrd inbhe an Eadar-mheadhonair ghlòrmhoir sin, agus luach a dheadh-thoilltinneis, dednaichidh an t-Athair dhà gach iarrtas. Roimhe so, cha b'aithne do'n pheacach oirdhearcas Chriosd, na's feàrr na's aithne do dhuine dàll solus na gréine, ach tha è nis a'faicinn a ghlòir'.

8. Fo'n ghéur mhothachadh so atharraichear an toil. Clio luath 's a chithear olc a' pheacaidh leis an tuigse, pillidh an toil air falbh uaith, le fuath agus gràin. Ach cha n-atharraichear iarrtas dligheach na toile, ni mò a dh-fhuathaicheas ì cuspair laghail, neo-thoirmisgte sam-bith. Tha atharrachadh so na toil' a' co-sheasamh ann a bhi 'gabhal gràin de gach smuain, focal agus gnìomh olc, no de gach nì nach 'eil areír toil Dé, ciòd-air-bith è. Cha n-è mhàin gu'm faicear anis aimhleas truagh a' pheacaidh, ach nithecar caoidh air a shon. Cha n-urrainn an t-anam amharc air a chionta mòr an aghaidh Dhé, no idir a' chàll namhasach a thug è air-féin, gun bhruithadh cridhe. Gach neach a chì gu soilleir gu'n do chéus è Criosd gu bàs, agus gu'n d'rinn sè e-fèin a mharbhadh, bithidh è gu cìnnteach ann an tomhas éigin "air a bhioradh 'n a chridhe." Mur urrainn è guil, is urrainn a chridhe osnaich a dheanamh. Mothaichidh a chridhe an ni a ta an tuigs' a' faicinn. Tréigear anis agus tilgear amach diomhanas a' chréutair ás a' chridhe le gràin. Gidheadh cha n-fhaodar tàir, no dìmeas a dheanamh air ceart ghnàthachadh a' chréutair. Faigheadh è an t-àit 's an onoir a's dligheach dhà, ach gabh an aire nach fhaigh è gu bràth àit agus onoir Dhé anns a' chridhe. O na dean idir dia dheth. An è Criosd an t-sligh, far an è an créutair a' chrioch? Am bheil sinn ag iarraidh gu Criosd a chum ar deanamh réidh ri Dia, 'nuair is è an créutair a's ànnsa leis na cridheachan againn na Criosd? Is è an créutair is Dia agus is Criosd ann an anam gach duine nach eil air a' th-nuadhachadh. Am bbeilear a' creidsinn ann an Criosd, far am bheil ar

fìreantachd féin, no nì sam-bith eile mar Shlànuighear dhuinn? Air do'n chridhe làn dearbhadh 'fhaotuinn air peacadh agus truaighe, agus a bhi air a philleadh air falbh o aoradh a' chréutair, agus o gach féin-f'hìreantachd, cha n-flìag Dia an t-anam sin gun 'ath-nuadhachadh: oir far am bheil an obair glan, bithidh i làn. Cha n-urrainnear pilleadh gu glan idir o'n chréutair, a dh-ionnsuidh Dbé, tre rathad sam-bith eile, ach tre Chriosd féin: mar sin cha chreidsinn glan, no flor idir ann an Criosd, creidsinn air-bith a ni duine, fhad 's a bhios a chridhe fo bhuaidh a' chréutair. Is aon obair gach peacadh agus gach iodhol-aoraidh a thréigsinn, agus Criosd a cheart-ghabhail h-ugainn. Agus làn-choimh-lionaidh Dia an obair so, far an tàrmaircheart i leis. Agus aig a' cheart àm sin dhì-leanaidh an toil ri Dia agus ri Criosd. Air do'n pheacach a làn-mhothachadh nach fhaighcar sonas ann an cuspair sam-bith eile, gheibh ènis a shonas ann an Dia. Agus air dhà a mhothachadh fòs gur è Criosd 'n a aonar a tha comasach agus toileach sìth a dheanamh ri Dia air a shon, gabhaidh è ris gu flor ghràdhach mar a Shlànuighear. B'è searmonachadh Phòil "aithreachas a thaobh Dhé agus creidimh a thaobh ar Tighearna Iosa Criosd." Agus tha "a' bheatha mhaireannach" a' co-sheasamh, anns a' cheud àit, ann an "eòlas a bhi againn air an aon Dia fhior, agus," anns an dara h-àit, "air Iosa Criosd a chuir è uaith." *Eò.* 17. 3. Is è an Tighearn a gliabhall mar ar Dia, a' chuid nàdurrach de'n chùmhnant; ach is è Criosd a ghabhail mar ar Fear-saoraidh, a' chuid os-nàdurrach, no a' chuid a's àirde na nàdur,—a' chuid mhiorbhuleach,—de'n chùmhnant. Is flor fhéumail a' cheud chuid an toiseach, agus tha i air a filleadh anns an dara cuid. Cha chreidimh fireanachaидh idir Criosd a ghabhail gun ghràdh, gun chaidreadh cridhe. Cha n-ànn amhàin mar thoradh a dh-oibriceas gràdh do Chriosd, ach le Criosd 'fhailt-eachadh 's a ghràdhachadh báll-dìreach: oir is è an creidimh glan, Criosd a ghabhail h-ugad le d' uile anam. "An tì a ghràdhcheas athair no màthair ni's mò na Criosd, cha'n airidh air é;" n mò a bhitheas è air 'f'hìreanachadh leis. *Mata 10. 37.* Gabhaidh creidimh è mar a Shlànuighear agus mar a Thighearn; oir is àill

leis a bhi air a ghabhail anns an dà dhàimh sin, air-neo cha ghabhar idir è. Aidichidh creidimh, cha n-è mhàin fulangais Chriosd, agus gabhaidh è maitheanas agus glòir, ach aidichidh è uachdararanachd Chriosd, a' strìochdadadh dhì mar shligh na slàinte.

9. So comharradh brìghmhor eile air "sluagh Dhé:" —Théid iad anis astigh gu toileach ann an cùmhnant, no ann an co-cheangal ri Criosd. Cha robh am peacach riamh ann an cùmhnant teànn, sòlasach ri Criosd gus anis. Tha è air a dheanamh cìnnteach lè saor thairg-seachan Chriosd gu'm bheil Criosd ag aontachadh leis, agus tha e-féin anis ag aontachadh le Criosd gu toileach. Mar sin, tha còrdadh air a làn-dheanamh eatorra. Anns a' chùmhnant so tha Criosd 'g a thoirt féin le 'shòlasaibh uile do'n pheacach, agus am peacach 'g a thoirt féin suas do Chriosd gu bhi air a theàrnadh 's air a riaghadh leis. Agus anis their an t-anam gu suidhichte, "Bha mì ro fhada air mo dháll-threòrachadh le feòil 'us ana-miann, leis an t-saoghal agus leis an diabhul. Theabas mo léir-sgrios leo. Bithidh mìnis gu léir fo riaghadh mo Thighearna, a cheannaich mì le 'f huil féin, agus a bheir mì 'dh-ionnsuidh a ghàidhre féin."

10. Agus buanaichidh "sluagh Dhé" anns a' chùmhnant so gus a' chrioch. *Mata* 24. 13. Faodaidh gu'n tachair do'n chreidmheach peacadh a dheanamh gidheadh cha dean am fior chreidmheach a Thighearn àicheadh gu bràth,—cha diùlt è ùmhachd a thoirt dà uair air-bith, cha bhi aithreachas air airson a' chùmhaint a rinn è ri Criosd, agus cha n-urrainnear a ràdh gu ceart gu'm bheil an cùmhnant sin air a bhriseadh, fhad 's a mhaireas an creidimh air am bheil è air a shuidheachadh. Faodaidh iadsan, nach d'rinn ach amhàin cùmhnant beòil a dh-easbhuidh làn toil a' chridhe, "fuil a choimhcheangail a shaltair fo'n cosaibh, mar ni mì-naomha," (*Eabhd. 10. 29.*) le dealachadh riuth-san a ta air taobh muigh na h-eaglais, ach cha n-urrainn an "sluagh taghta" a bhi air am mealladh mar sin. *Mata* 24. 24. Ged is cìnnteach am buanachadh so do na fior chreidmhidh, gidheadh tha è air a dheanamh 'n a chumha dhoibh air slàint, seadh air am beatha agus air toradh

a ghiùlain leo gu buanaichte, sìor-mhaireannach, agus air mairsinneachd am fìreanachaiddh, ach cha n-ānn air mairsinneachd an ceud fhìreanachaiddh. Faic *Eòin* 15. 4. 6, 9.; *Caib.* 8. 31. *Taisb.* 2. 25, 26.; *Caib.* 3. 11, 12. *Col.* 1. 23. *Ròm.* 11. 22. Gu-ma beannaichte gu bràth làmh sin a ghràidh a sgrìobh agus a shéulaich an gealladh saor leis am bhéil a ghràs agus an rìoghachd air an deanamh cìnnteach d'a shluagh.

Sin anis na h-àrd bhuaidhean brìghmhor, àraid a gheibhear aig sluagh so Dhé: ach cha n-eil an dir-dhearcas uile, agus gach comharradh eile leis an aithnichear iad, air an làn-ìnnseadh fathast.

Ach, a léughadair, guidheam ort anis, ma tha srad de dhòchas a' Chriosduidh, no réusan duine agad, thoir breth ort-féin, mar aon air an toirear breth gu h-aithghearr, leis an Dia Uile-chothromach. Freagair anis gu firinneach na ceistean so a chuirear riut. Cha n-i idir a' cheist luachmhor cò aca 'tha, no nach 'eil cuimhne agad cuin, no ciamar a thòisich obair an Spioraid annad, no cuin, no ciamar a bha thu air d'iompachadh. Theagamh nach gabh sin ìnnseadh le làn chinnteas. Ach is beag is f hiù sin, ma tha fios agad gu'm bheil an obair mhaith a' gabhail air a h-aghaidd 'n ad' anam. Ach ceasnaich thusa thu-féin anis, agus feòraich dhiot-féin gu cùramach mar so:—Am bheil làn mhothachadh agam-sa air tròm thruailleadh m' anama gu léir? air tròm aingidheachd m' uile bheatha? air gràinealachd a' pheacaiddh? Nach do bhris mì air a' chùmhant? nach 'eil mì an lorg siu toilltineach air bàs sìorruidh airson a' pheacaiddh a's lugha? Am bheil mì 'tuigsinn gur fiòr agus cothromach an lagh, agus gu'm bheil mi-féin air mo dhìteadh leis gu bàs? Am bheil mì 'tuigsinn nach urrainn crèutair sam-bith mo shaoradh, sonas a thoirt domh, no bith truagh a' pheacaiddh a għlanadh uam? Am bheil mothachadh agam gur ānn o Dhia féin amhàin a thig sonas, agus gur è Criod an t-sligh gu Dia?—gu'm féum mì 'bhi air mo thoirt a dh-ionnsuidh Dhé tre Chriod, no 'bhi càillte gu sìorruidh? Am faca mì mo mhòr fhéum air Criod a mhealtuinn, agus air an làn phailteas a ta ann-san a chum in' uireasbhuidh uile a honadh suas? Am faca mì dir-dhearcas na "neamhnuid"

so a's fhìach a h-uile nì a ta agam "a reic a chum a ceannach?" An robh mis' ag iarraidh slàinte do m' anam mar dhuine tartmhòr ag iarraidh dibhe? An robh mo pheachadh 'us mo thruaighe 'n an gràin agus 'n an eallach do m' anam? Am bheil mì ri guil'us caoidh 'us osnaich airson sin? Am bheil mis' ag àicheadhd m' fhìreantachd féin gu léir? Am bheil gach dia-bréige, gach iodhol 'us dòchas ri crèutair air an tilgeil amach á mo chridhe, agus am bheil mo chridhe nis 'n a sheirbhiseach dileas do Dhia agus do Chriosd?

Seadh, a léughadair, am bheil thus' a' gabhail ri Criosd mar do Shlànuighear, a' feitheamh ri fireanachadh, teàrnadh agus glòir uaith-san amhàin? Am bheil d' anam agus do bheatha air an riaghladh le lagh Chriosd. An fheàrr leat gnàth-ghéilleadh do lagh Chriosd na do ghairmibh na fedla? An ànnsa leat toil Chriosd na do chreideas, do bhuannachd, do thaitneas, no eadhon do bheatha? Am bheil an t-àit a's àirde aig Criosd ann do chridhe, agus ged nach urrainn thu a ghràdhachadh cho mòr 's a b'aill leat, gidheadh gur mò do ghràdh dhà-san na do chuspair sam-bith eile? Am bheil thu chum na crìche so, gu toileach a' deanamh co-cheangail ris, agus 'g a do "lìrigeadh" féin suas dà? Am bheil thu gu mòr-chùramach, caithriseach, oidhirpeach a' saothrachadh a chum an co-cheangal so a choimhead gu fìrinn-each, agus geda thuiteadh tu ann am peacadh, nach bris thu do bhargan, nach tréig thu do Thighearn, agus nach toir thu thu-féin suas do chumhachd sam-bith eile, ged gheibheadh tu an saoghal uile? Ma's è sin gu cìnnteach do staid, is aon thu de "shluagh Dhé," a ta ainmichte anns a' cheànn-theagaisg, agus cho cìnnteach 's a tha geallasdh Dhé fìor, tha an fhois bheannaichte so air a fàgail fa do chomhair-sa. Amhàin gabh an aire gu'm "fan thu ann an Criosd." *Eò. 15. 4.* Gabh an aire gu'm bi thu "seasmhach chum na crìche." *Mata 24. 13.* Cuimhnich "ma philleas neach sam-bith air ais, cha bhi aig Criosd tlachd ann." *Eabh. 10. 38.*

Ach mur faighean dad de'n obair so annad-sa fathast, ciod-air-bith a their do chridhe meallta, ciod-air-bith cho làidir 's a tha do dhòchas bréugach, chì thu air do chosd, mur bacar è le làn iompachadh d' anama, nach

buin fois nan naomh dhuit-sa. ‘O bi glic, matà, tuig so, thoir fainear do chrioch dheireannach!’ Am feadh a ta fathast d’ anam ann do chorp, agus “luach ann do làimh,” agus fàth-chothrom agus dòchas romhad, fosgail do chluas ’us cröm do chridhe ri comhairle Dhé, chum gu’m faigh thu fois maille ri “sluagh Dhé” ann an “oighreachd nan naomh ’s an t-solus.” *Col.* 1. 12.

Tha è fior shoilleir o’n Sgriobtuir gu’m bi an fhois so air a mealtuinn le “sluagh Dhé.” Tha sin air a dhearbhadh dhuinn ann an caochladh àit de’n fhìrinn. Tha an sluagh so air an “roimh-òrduchadh” airson na foise so, agus an fhois so air a roimh-òrduchadh air an son-san. “Cha nàir le Dia gu’n goirear an Dia-san dheth : oir dh’ulluich e dhoibh baile.” *Eabh.* 11. 16. Is iadsan “soithichean na tròcair, a dh’ulluich e roimh-làimh chum a ghàidhre.” *Ròm.* 9. 23. “Ann an Criod fhuair iad oighreachd, air dhoibh bhi air an roimh-òrduchadh a réir rùin an tì a ta ’g oibreachadh nan uile nithe a réir comhairle a thoile féin.” *Eph.* 1. 11. “Agus an dream a roimh-òrduich e, ghàidhreac e mar an céudna.” *Ròm.* 8. 30. Cò is urrainn an fhois so a thoirt o “shluagh Dhé,” a ta air a h-ullachadh dhoibh le comhairle Dhia féin. Tha iad aréir an Sgriobtuir “air an saoradh” airson na foise so. “Tha dànochd againn chum dol a steach do’n ionad a’s naomha, tre f’huil Iosa.” *Eabh.* 10. 19. Théidear asteach an diugh tre chreidimh agus ùrnuigh, agus le làn sheilbh an déigh so. Seinnidh na naoimh “dran nuadh” air nèamhl “Dhàsan a shaor iad do Dhia le ’fhuil féin, ás gach uile shluagh agus chinneach, agus a rinn righrean agus sag-airt dhiubh do Dhia.” *Taisb.* 5. 9, 10. Carson, a bha fuil Chriosd air a dòrtadh? carson a dh’fuilig è? no ciamar a “chì è do shaothair ’anama,” mur ’eil “fois air a fàgail fa chomhair sluaigh Dhé?” Tha ’n fhois so air a gealltuinn doibh gu tric anns an Sgriobtuir. Mar dhealraicheas na spéuran àrd le réultaibh, tha focail na fìrinн a’ dealrachadh le geallaidhean gràsmhor Dhé d’ a shluagh. Tha Chriosd ag ràdh riutha “Na biodh eagal ort, a thréud bhig; oir is ì deadh thoil blur n-Athar an rioghachd a thoirt duibh.” “Agus a ta mise ag òrduchadh dhuibh rioghachd, mar a dh’orduich m’ Athair

dhomh-sa; chum gu 'n ith agus gu 'n òl sibh air mo bhòrd-sa ann am rioghachd." *Lùc.* 22. 29, &c. Tha uile mheadhonan nan gràs, obair an Spioraid air an anam, deanadas gràsmhor nan naomh 'n ar measg, gach gairm gu aithreachas agus creidsinn, gu trasgadh agus ùrnuigh, gu bualadh agus iarrайдh, gu spàирн agus saothair a dheanamh, gu ruith agus cathachadh, a' dearbhadh gu'm bheil "fois air a fàgail fa chomhair sluaigh Dhé."

Carson eile 'thogadh an Spiorad miànn cho làidir an déigh nèimh, agus gràdh cho mòr do Chriosd annainn, mur faigheamaid an nì air am bheil ar miànn 's ar gràdh? An Tì a "threòraicheas ar cosan air sligh na sìthe," nach toir è sinn gu cìnnteach a dh-ionnsuidh "na sìthe?" *Lùc.* 1. 7, 9. Faic cho dlùth 's a tha na meadhonan agus an crìoch d'a chéile! "Tha rioghachd nèimh a' fulang ainneirt agus luchd na h-ainneirt, 'g a glacadh le làmhachas làidir." *Mata* 11. 12. "ladsan a leanas Criosd anns an ath-ghineamhuinn, suidhidh iad maille ris air caithir a ghlòire féin." *Mata* 19. 28. Tha sinn air ar deanamh làn chìnnteach leis an Sgriobtuir gu'm bheil "toiseach," "roi-bhlas," "geall-daingnich" agus "séulachan" na foise so aig na naoimh anns a' bheatha so. "Tha rioghachd Dhé an taobh a stigh dhiubh." *Lùc.* 17. 21. "Ged nach f hac' iad Criosd, gidheadh, air dhoibh creidsinn ànn agus a ghràdhachadh, tha iad a' deanamh mòr ghàirdeachais le h-aoibhneas air dol thar labhairt (do-labhairt) agus làn do ghlòir: a' faotuinn crìche an creidimh, eadhon slàinte do'n anamaibh." 1 *Pead.* 1. 8, 9. "Tha iad a' deanamh gàirdeachais 'an dòchas glòire Dhé." *Ròm.* 5. 2. 'Tha Dia 'g an séulachadh le Spiorad naomh sin a' gheallaïdh, neach is e geall-daingnich na h-oighreachd aca, agus nach toir è làn sheilbh dhoibh?' *Eph.* 1. 13, 14. Gheibhear fòs anns an Sgriobtuir ainmean "muinntir a chaïdh a steach cheana do'n t-suaimhneas" so, eadhon Enoch, Abraham, Làsarus, an gaduiche 'chaïdh chéusadh maille ri Criosd, agus feadhain eile. Agus ma tha fois ànn dhoibh sin, air chìnnte, tha fois ànn do na creidmhich uile. Ach cha ruigear a leas a bhi 'càrnadh suas tuille dearbhaidh o'n Sgriobtuir air a' chùis; oir is i crìoch nan Sgriobtuir uile, ar treòrachadh a dh-ionnsuidh na staide beannaichte

so. Is è an Sgriobtuir a' bhànn-sgriobhta anns an léugh sinn ar còir air oighreachd na fois.'

Aréir an Sgriobtnir, is ànn amhàin airson "sluagh Dhé" 'n an aonar, a tha 'n fhois so air a fagail. Cha buin i do mhuinntir sam-bith eile, ach dhoibh-san amhàin. Mar sin, cha n-eil cuid, no còir innse aig a' chuid eile de'n t-saoghal. "As éugmhais naomhachd cha n-fhaic neach air bith an Tighearn." "Mur beìrear duine a rìs cha'n fheud e rioghachd Dhé fhaicinn." "An tì nach 'eil a' chreidsinn anns a' Mhac, cha'n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air." "Cha'n 'eil aig fear-striopachais air bith, no aig neach neo-ghlan, no aig duine sanntach, a ta 'n a fhear-iodhol-aoraidh, oighreachd ann an rioghachd Chriosd agus Dhé." *Eph.* 5. 5. "Cuirear na h-aingidh gu h-ifrinn, na cinnich uile nach cuimhnich Dia." *Salm* 9. 17. "Bithidh iad uile air an dìteadh, nach do chreid an fhàrruin, ach aig an robh tlachd anns an éucoir." 2 *Tes.* 2. 12. "Thig an Tighearn Iosa ann an teine lasarach a dheanamh ðiogh-altais air an dream aig nach 'eil eòlas air Dia, agus nach 'eil umhal do shoisgeul ar Tighearn Iosa Criosd; muinntir air an deanar peanas le sgrios shiorruidh o làthair an Tighearna, agus o ghàdir a chumhachd." 2 *Tes.* 1. 7-9. Na'm b' àill leis na h-aindiadhaich pilleadh mu'n do bhàsaich iad, agus gabhail gu toileach ri Criosd mar an Slànuighear agus an Rìgh, agus a bhi air an teàrnadh leis aréir a dheadh òrdùigh féin, dh-fhaodadh iad a bhi air an teàrnadh. Thairg Dia beatha dhoibh gu saor, ach cha b' àill leo-san a gabhail. Is è taitneas na feòla a b' ànnsa leo na glòir nan naomh. Thairg Sàtan aon diubh sin dhoibh, agus thairg Dia an aon eile dhoibh. Fhuair iad an roghainn dhiubh sin gu saor, ach b'fheàrr leo "sòlas a' pheacaidh a mhealtuinn rè seal" na fois shlorruidh maille ri Criosd. Agus nach ceart an nì gu'n diùltar dhoibh anis an nì nach b' àill leo 'ghabhail roimhe so, geda bha Dia 'g a sparradh orra gu dùrachdach, agus 'g an tèladh astigh gu dìan, gidheadh cha b' àill leo-san? Càit, uime sin, an coir dhoibh a bhi achi "a muigh" maille ris na "madruidh?" Ged nach géill an t-aingidh gus am buadhaich mòr chumhachd gràis air, gidheadh is fìor a dhì-fhaodar a ràdh gu'm faod è bhi air

a theàrnadh, ma's àill leis teàrnadh aréir òrdugh Dhé. Cha leisgeul idir do dhuine sam-bith a ràdh nach 'eil è comasach e-féin a theàrnadh. Ma rànnsaicheadh a' chùis gu h-onorach, chithear gur ànn o aingidheachd a' chridhe, agus o mhì-thoil a' chridhe a tha am mì-chomas, no an leisgeul olc so a' sruthadh. A dhuine! nach 'eil thu comasach air ith 'us dl a dheanamh? nach 'eil thu comasach air cur 'us buain a dheanamh? seadh, nach 'eil thu comasach gach nì a chì thu féumail a dheanamh airson do chuirp, 'nuair is àill leat? Agus an Tì a thug comas dhuit gach nì féumail iarraidh 's a dheanamh airson do chuirp, nach tug è dhuit mar-an-céudna comas gach nì féumail—teàrnadh, beatha, fois—iarraidh 's a ghabhail do d'anam, ma's àill leat? Cha n-eil teagamh air. Uait do dhroch leisgeul matà. Cha n-fheàrr è na leisgeul an adhaltrannaich a their nach urrainn è gràdh a thoirt d' a mhnaoi féin, no leisgeul an duine ghàmhlas-aich a their nach 'eil è comasach a bhi réidh ri coimhers-nach, no bràthair. Ann an ifrinn cuiridh peacaich a' choire gu léir air an toil féin gu bràth. An sin labhraidiù an coguis fo dhòruinn gu réusanach 'n an aghaidh féin. Bu mhòr an t-sìth d'an coguisibh, 's am faothachadh d'an dòruinn, cha b' ifrinn ifrinn doibh, na'm b'urrainn iad a ràdh, is è Dia a ta ri 'choireachadh airson so, agus cha n-è *sinn-féin*. Ach neartaichidh sìor chuimhne air an droch thoil "an teine nach mùchar," a' biadhadh "cnuimh" sin na coguis nach bàsaich a chaoidh. *Marc. 9. 44.*

Is i toil Dé nach faigh a shluagh an fhois so a lànmhealtuinn gus an ruig iad an saoghal eile. Cò is còir na crètairean a riaghlaigh, ach Dia féin a rinn iad? Am bheil thu 'faighneachd carson nach 'eil an fhois so againn air thalamh? Bu cho math dhuit a ràdh, carson nach 'eil earrach 'us foghar gun gheamhradh againn, no carson a tha an talamh so fodhainn 's an larmailt os ar cionn? Féumaidh na h-uile nithe teachd gu'n làn inbheachd, a' chuid 's a' chuid. Bu leanabh an duine a's treise, air tùs. Bu chnò an daraga 's àirde, uair-eigin. B'eigin do'n sgoilear a's ionnsaichte tòiseachadh leis an Abideil. Is i bheatha so ar leanabanachd. Ciamar a thigeadh dhuinn iarraidh a bhi làn mhòr anns a' bhroinn, no air ar breith aig àirde duine? Na'n robh ar fois an so,

bu ghānn féum air freasdalaibh Dhé. Bithidh glòir aig Dia ann an saoradh mìorbhuiileach na h-Eaglais, agus ann an tuiteam a naimhdean; agus an dealaich è ris a' ghàdir sin le àrd shonas a thoirt do dhaoinibh ann an cuairt na beatha so? Na'n robh sinn uile sona, neochiontach, iomlan, càit am bitheadh féum air na h-oibríbh glòrmhor sin,—ar naomhachadh, ar fìreanachadh, agus ar slàint ri teachd? Mur bitheadh easbhuidh nì sambith òirnn, cha dlùthachaimeamid cho mòr ri Dia, ni mò a ghairmeadh sinn air cho dùrrachdach. Na'n robh againn gach nì a b' àill leinn, is beag a dh-làrramaid air Dia! Cha bhithheadh àrd drana molaidh air an toirt rìamh do Dhia le Maois, aig an Fhairge Ruaidh agus anns an fhàsach, agus arìst le Deborah, Hannah, Daibhidh 'us Heseciah, na'n robh an sonas 'n an làimh féin. Agus, a Chriosduidh, nach minig a thug do chunnart 'us do théinn ort àrd mholadh a thoirt do Dhia? Bithidh an cliù 's a' ghloir a's àirde aig Dia 's an t-saoghal so airson na saorsa, na réite, agus na slaint' a tha è 'tabhairt tre Chriosd, agus nach i truaighe dhaoine a b' aobhar air sin? Far nach fhaigh Dia fath-chothrom air tròcair a nochdad, caillidh an duine an sonas a thig o thròcair a mhealtuinn. Far nach fhaigh Dia a mholadh, cha n-fhaigh duine sòlas. O cia milis an sòlas a gheibh na naoimh airson an ùrnuighean! Ciamar a dh-aithnicheamaid cho teò-chridheach 's a tha ar n-Athair nèamhaidh, mur rachadh, mar rinneadh air an struidhear, plaoisg nan sòlas talmhaidh a dhiùltadh dhuinn? Cha mhothaicheamaid gu bràth cho blàth-chritheach 's a tha Criod, mur faigheamaid sinn-féin sgìth agus tròmluchdaichte, acrach agus tartmhòr, bochd agus bràite. Is taitneach do'n t-saighdear, no do'n fhear-astair, sealltuinn air ais air a dhol-ás o gach cunnart, is è nise sàbhailt. Agus mar sin is taitneach do gach aon de na naoimh air nèamh sealltuinn air ais air na cunnartaibh mòr' o'n deachaidh è ás,—air a chuid peacaidh agus bròin air talamh,—air' eagal agus a dhedir,—air a naimhdean agus 'aimhreitean, 'easbhuidhean 's a thrioblaidhean. Ni sin a ghàirdeachas na's aoibhniche. Uime sin, labhraidh na naoimh bheannaichte ann am moladh an Uain, air an saoradh leis ás gach cinneach, teangaidh agus sluagh

agus mar sin, ás gach peacadh, truaighe agus easbhuidh, 'us iad anis air an deannamh 'n an rìghrean agus 'n an sagartan do Dhia. Ach mar bitheadh nì sam-bith aca ach toil-inntinn 'us fois air thalamh, cò ás a dheanadh iad gàird eachas an déigh sin ?

Cha n-eil sinn idir comasach air fois a mhealtuinn air thalamh. Ciamar a b'urrainn làn toil-inntinn agus fois a bhi aig anam cho lag ann an gràs, cho buailteach do pheacadh, cho dlù-naisgte ri ban-chompanaich cho truaillidh ris an fheòil ? Ciod è sin fois anama, ach a bhi saor o gach peacadh, o gach neo-iomlanachd agus o naimhdean ? Ciamar a gheibheadh anam fois, a ta gach là air a phlàigh-bhuaireadh leis na h-uile sin uile ? Carson a chluinnear Crioduidhean cho tric ag éigheachd amach le Pòl "Och is duine truagh mì ! cò a shaoras mi ?" Carson a tha iad a' dìan-ruith a dh-ionnsuidh a' chomharraidh, a' greasad a chum gu'm faigh iad an duais, 's a' deannamh spàирn gu dol astigh, ma's comasach iad air an fhois ud a mhealtuinn anns a' bheatha so ? Ni mò is urrainn ar cuirp an fhois ud a mhealtuinn an dràst. Cha n-iad so na cuirp ghrian-ghlan a bhitheas ànta 'nuair a "chuireas an corp truaillidh so neo-thruaillidheachd uime, agus an corp bàsmhor so neo-bhàsmhorachd uime." Is eallaich agus pròsain ar cuirp-dhuinn an diugh, làn anmhuiinneachd agus easbhuidh, sinn a' frithdealadh dhoibh an còmhnuidh, 'g an càramh, 'us 'g an eiridinn. Ciamar a b'urrainn anam neo-bhàsmhor fois 'fhaotuinn ann an dachaidh cho euslainteach agus cho cronail ? Is cìnnteach, féumaidh na cuirp thinn, sgìth, ghràineil sin a bhi air an geal-ghlanadh mu'm bi iad comasach air fois naomh a mhealtuinn. Cha leòr uile nithe na beatha so gu fois a thoirt. Och ! och ! cha n-urrainn an saoghal uile fois a thoirt duinn. Iadsan aig am bheil an tomhas a's mò dheth, is iad a's mò dragh,—a's truime cual. Gach fear a's mò toileachas agus aoibhneas ris an t-saoghal, éighidh è mach mu dheireadh, "Is dìomhanas agus buaireadh è uile." Geallaidh daoine nèamh dhoibh-féin air thalamh, ach cho luath 's a thig iad 'g a mhealtuinn, teichidh è uatha. Esan aig am bheil meas air oibríbh Dhé, faodaidh è 'fhaicinn gu soilleir gur è an crìoch uile gach dia-bréige 'phronn-

adh sìos, ar fàgail sgìth dhinn-féin, agus ar fois iarraidh ann an Dia féin amhàin. Nach tric a bhuaileas è sinn far am mò ar toil-lìnntinn? Ma shuidhicheas tu do chridhe ro theànn, eadhon air aon de do leanabanaibh, is tric a thig sin gu bròn dhuit. Ma chuireas tu làn earbsa, nolàn dòchas ann an caraid, a' smuaineachadh nach atharraich è, agus nach meall è ort, gheibh thu sin gu tric mar sgiùrsair dhuit. An àit, no staid fois' sin? Agus a chionn nach leòr na nithe a ta againn 's a' hheatha so chum ar fois, cha n-eil Dia, ged is leòr è, air a mheal-tuinn leinn an so, ach ann an tomhas beag. Oir cha n-ànn an so a dh'ullaich è seòniar-làthaireachd a ghàidhre. Sgaoil è brat-folaich eadar e-féin agus sinne: mar chréutairean tha sinn fada uaith, mar bhàsmhoraich laga na's fhaide, agus mar pheacaich na's ro fhaide bho Dhia. Cluinnidh sinn, an dràst 's arìst, focal sòlais uaith, agus gheibh sinn dileab a ghràidh, chum ar cridheachan agus ar dòchas ùrachadh 's a chumail bed, ach cha n-è sin ar sonas làn. Ciamar anis a h'urraiunn aon anam d' an cuibhrionn Dia,—cuibhrionn gach anam' a theàrnar leis,—fois 'fhaotuinn an so air astar cho anabarrach fad-ás uaith, agus 'g a mheal-tuinn cho beag 's cho ainmig?

Ni mò 'tha sinn air an àm so freagarrach airson fois': oir féumaidh sinn a bhi air ar deanamh *airidh* air fois mu'n ruig sinn oirre. Cha toir Criod an crùn do neach air-bith ach neach a ta airidh. Cha n-eil sinn freagarrach airsou a' chrùin gus am "buadhaich" sinn. Cha n-eil sinn freagarrach airson "na duaise" gus an "ruith" sinn an "reis." Cha n-eil sinn freagarrach airson ar "peghinn" 'fhaotuinn gus an oibrich sinn "anns a ghàradh-fhiona." Cha n-eil sinn freagarrach airson "uachdar-anachd" 'fhaotuinn "air deich bältibh," gus am "buannaichear deich pùind:" no cha n-eil sinn freagarrach gu "imeachd asteach do aoibhneas ar 'Tighearna" gus am faighear sinn 'n ar "deadh sheirbhisich f'hìrinneach." Cha n-atharraich Dia céum a cheartais gu fois a thoirt duit, gus an oibrich thu airson crùin na glòire—gus am "buadhaich" thu. Tha làn aobhar air ar fois "fhàgail fa chomhair" na beatha ri teachd. Gabh an aire, matà, a Chriosduidh, ciamar

a dh-iarras tu fois air talamh. Gabh an aire nach fhaighear thu ri gearan an aghaidh Dhé, airson do thrioblaid, do shaothair 'us d' easbhuidhean 's an fheòil. Am bheil thu air do sgìtheachadh le bochduinn, le easlaint, le naimhdean guineach agus càirdean mì-chaoimhneil? Féumaidh sin a bhi an so. Am bheil thu sgìth dhe gràinealachd nan aimsir, peacadh luchdaideachaidh, 'us cruadhachadh nan aingidh? Féumaidh sin a bhi, gus an ruig thu d' fhois. Am bheil thu sgìth dhe do pheacaidhean agus dhe do dhroch cridhe féin? Tuilleadh 'us tuilleadh sgios dhuit. Ach fo'n sgios 'us fo'n airtneal so uile, an i bheil thu làn-toileach a dhol a dh-ionnsuidh Dhé, d' fhois? agus do chogadh, do réis 'us d'obair a chriochnachadh? Mur 'eil, dean tuilleadh gearain air do chridhe féin, agus fàs na's sgìthe gus am bi an fhois so na's taitniche leat.

Cha n-eil agam ach aon nì eile ri ràdh ann an co-dhùnad a' chaibdeil so; agus is è so è:—Tha sonas agus glòir do-smuainichte—sonas agus glòir nach gabh tuigsinn—aig anamaibh nan creidmheach, eadhon fad na li-ùine a dh-fhàgar iad dealaitch' o'n cuirp. Ciòd a's soilleire na briathran Phòil air a' cheànn so? “Tha sinn a ghnàth deadh-mhisneachail,” arsa Pòl, “air dhuinn fios a bhi againn am feadb a ta sinn aig an tigh (no air chuairt) anns a' cholruinn gu bheil sinn air choigrich (no air falbh) o'n Tighearn: oir a ta sinn a gluasad a réir creidimh, agus cha'n ànn a réir seallaidh. Tha deadh mhisneach againn, (tha mì ag ràdh) agus hu ròghnuiche leinn gu mòr a bhi air choigrich (air falbh) ás a' choluinn, agus a bbi làthair maille ris an Tighearn.”

2 Cor. 5. 6-8. No, gabh an dearbhadh so eile bho'n Abstol naomh:—“Tha mi air mo theannachadh eadar dhà ni, air dhomh a bhi-togarrach air siubhal, agus a bhi maille ri Criod, oir is e so a's ro fheàrr.” *Philip.*

1. 23. Mur bitheadh sùil aig Pòl ri Criod a mheal-tuinn gus an tig an aiseirigh, carson a bha è “air a theannachadh,” no “togarrach air siubhal?” Nach ànn a bhitheadh è duilich “siubhal” air a' cheart bhònn sin féin? oir am feadh a bha è fathast anns an fheòil, bha è 'mealtuinn Chriosd ann an tomhas. Is làn shoilleir focail Chriosd féin air an labhairt ris a' ghaduiche.

"Bithidh tu maille rium-sa an diugh ann am pàrras." *Lùc.* 23. 43. Tha Criod ag innseadh dhuinn, arist gu soilleir, ann an ccmh-samhlachd an duine shaoibhir agus Làsarus, gu'm bheil an t-anam a' dol báll-dìreach gu sonas, no gu truaighe an déigh a bhàis. *Lùc.* 16. 19-31. Ann an toirt dearbhaidh dhuinn air aiseirigh nam marbh, tha Criod ag ràdh "Cha'n e Dia, Dia nam marbh, ach nam beò." Air an aobhar sin, bha anamanan Abrahàim, Isaac agus Iacoib beò maille ri Dia aig an àm a labhair Criod na briathran sin. *Mata* 22. 32. Mur faigheadh "na mairbh bheannaichte, a ghcibh bàs 's an Tighearn," sonas na's àirde na fois anns an uaigh, bu cho sona brùid, no clach riuth-san. *Taisb.* 14. 13. Cha bu bheannachd ach mallachd an cor. Nach è 'bhi beò tràcair bu mhò dhoibh, a' deanamh seirbhis do Dhia 'us maith do dhaoinibh—a' mealtuinn shòlas na beatha so, co-chomunn nan naomh, chomhfhurtachd nan òrduigh-ean agus mòran do Chriosd—na 'bhi a' grodadh anns an uaigb. Ach tha àrd shonas a' feitheamh air na naoimh an déigh am bàis : mur bitheadh, ciamar eile a theirear "Tha sibh air teachd gu spioradaibh nam fìrean air an deanamh fairfe." *Eabh.* 12. 22, 23.

Is cìnnteach, bithidh corp an fhìrein, cho maith ri 'spiorad, air a dheanamh fairfe aig an aiseirigh. Nach 'eil an Sgriobtuir ag innseadh dhuinn gu'm bheil Enoch agus Elias air an togail suas cheana gu glòir? Agus an abair sinn nach 'eil ach iadsan amhàin a' sealbhachadh na glòire sin? Nach fhaca Peadar, Séumas agus Edin, Maois maille ri Criod air a' bhéinn? Ach, deir an Sgriobtuir, bhàsaich Maois. Is cìnnteach nach mealladh Criod iad le Maois 'f heuchainn doibh, mur faigheadh è seilbh air glòir gus an tig an aiseirigh. Agus nach dearbhadh focail Stephein cho làidir 's is urrainnear iarraidh, "A Thigearn Iosa glac mo spiorad." *Gníomh.* 7. 59. Is cìnnteach, mà ghlacas an Tighearn an Spiorad, nach 'eil è 'n a chadal, no marbh, no air a chur gu neon, ach maille ri Criod far am bheil è, agus a' faicinn a ghàire. Gheibhean dearbhadh céudna ann am briathraibh an duine ghlic, "Pillidh an spiorad chum Dhé, a thug uaith e. *Ecles.* 12. 7. Mur ruigear glòir gus an tig an aiseirigh, cianar a theirear 'gu'm bheil

a' bheatha mhaireannach againn,—gur è edlas air Dia a' bbeatha mhaireannach,—gu'm bheil a' bheatha mhaireannach aig an neach a tha 'creidsinn anns a' Mhac, agus gu'm bheil rìoghachd Dhé 's an taobh astigh dbinn ? Cha bu bheatha mhaireannach a bhi dealaichte bho Chriosd agus o ghlòir, gus an tig an aiseirigh. Nach 'eileas ag innseadh dhuinn gu'm bheil bailtean Shōdoim agus Ghomōrrah (sluagh nam bailtean sin) anis “a' fulang dìoghaltais teine shiorruidh, (*Iudas* 7.) Agus mar tha na h-aingidh cbeana mar sin a' fulang ann an teine siorruidh, is cìnnteach, tha anamanan na firean bed ann an sonas siorruidh. 'Nuair a fhuair Eòin an sealladh glòrmhor “bha è” iomadh uair “'s an spiorad,” agus “aingeal 'g a thoirt leis anns an spiorad.” 'Nuair “a thogadh Pòl chum an treas nèamh, cha b' f hios dà an anns a' choluinn, no ás a' choluinn.” Tha sin a' ciällachadh gu'm bheil spioradan comasach air nitbe glòrmhor mar sin 'f haicinn, a db-easbhuidh nan corp 'g an cuideachadh. Nach 'eil sin air a chìällachadh arist le briathraibh Eòin ag ràdh “Chunnaic mi fo'n altair, anama na muinntir a mharbbadh airson focail Dé ?” *Taisb.* 6. 9. Tha Chriosd ag ràdh “Na biodh eagal na muinntir sin oirbh a mharbhas an corp, ach aig nach 'eil comas an t-anam a mharbhadh,” a' ciällachadh gu soilleir gu'm bi an t-anam bed an déigh dbì bhi air a dhealachadb o'n chorp, ma's ann le ainneart dhaoine, no le bàs nàdurrach. Bha anam Chriosd bed 'nuair a bha a chorp marbh air a' chrànn, agus mar sin, bithidh na h-anamanan againn-ne bed mar-an-céudna. Tha so soilleir o ghealladh Chriosd do'n ghaduiche, “Bithidh tu maille rium-sa an diugh ann am párras.” Agus arist o ghuth Chriosd air a' chrànn, “Athair, a ta mi 'tiomnidh mo spioraid a'd' làmhaibh-sa.” Bha spioradan na muinntir sin, “a bha eas-ùmhàl ri lùn Noah, ann am priosan,” is è sin, bed agus a' fulang ; is cìnnteach mata, gu'm bi spioradan nain firean bed an déigh dhoibh dealachadh ri 'n cuirp, agus a' mealtuinn làn sbonais. 1 *Pead.* 3. 19, 20. Ùime sin, mata, cho luath 's a dh-fhàgas anamanan firinneach priosan na feòla, léidichidh ainglean iad, is è Chriosd agus uile spioradan foirfichte nam firean a's còmpanaich dhoibh ;

nèamh an àit-còmhnuidh ; agus Dia an sonas. 'Nuair a thig gairm a' bhàis, faodaidh iad sin a ràdh, le dànaachd agus tre chreidimh maille ri Stephen naomh, "A Thighearn Iosa, glac mo spiorad, 'g a thiomnidh, mar a rinn Criod, do làmhan an Athar!"'

CAIBDEIL V.

Truaighe na Muinntir sin a chailleas Fois nan Naomh.

Ma tha thus', a léughadair, aineolach air Criod agus air nàdur 'us beatha dhiadhaidh a shluagh a chaidh ainmeachadh roimh so, agus ma bhitheas tu bed 's ma gheibh thu bàs anns an staid sin, ceadaich dhomh innseadh dhuit nach ruig thu gu bràth air aoibhneas nèimh, agus nach blais thu idir air fois shìorruidh nan naomh. Their mì riut, matà, mar thuirt Ehud ri Eglon, "Tha teachdaireachd agam o Dhia ad' ionnsuidh." *Breith.* 3. 20. Agus cho cìnnteach 's a tha focal Dhia fior, chan-fhaic thu gnùis Dhé gu bràth le sòlas. Tha è air àithneadh dhomh a' bhinu so a thoirt amach ort. Gabh i mar is àill leat. Teich uaipe ma's urrainn thu. Tha fios agam gu'm faod thu teicheadh le ùmhachd a thoirt gu toileach do Chriosd a tha toileach d'aideachadh mar aon de 'shluagh, agus cuid a thoirt duit ann an oighreachd nan naomh. Ma bheir mo "theachdaireachd" a dh-ionnsuidh an t-sonais sin thu, cha bhi idir fearg òrm, mar bha air Iönah, nach 'eil corruiich Dhé air a dòrtadh amach gu do sgrios. Is ann a bheannaicheas mì an là sin air an d'rinneadh mì am' theachdair cho féumail dhuit-sa. Ach ma chaitheas tu do bheatha an: an staid neo-iompaichte, cho cìnnteach 's a tha an iarmailt os do cheànn, agus an talamh fo do chasaibh, glaisear anach thu bho fhois nan naomh, agus gheibh thu do chuibhrionn anns an teine shìorruidh. Ach thar leam gu'n éirich thu òrm anis, ag ràdh "Cuin a dh'fheuch Dia leabhar na beatha dhuit-sa, agus a dh'innis è dhuit cò a bhitheas agus cò nach bi air a theàrnadh." Stad beag ort. Cha n-eil mì 'labhairt

riut-sa air d' ainm. Cha n'-eil inì ach amhàin a' labhairt air sluagh neo-iompaichte co-air-bith iad, agus ort-sa ma's aon diubh sin thu; 's ag innseadh na firinn doihh. Ni mò tha mì 'gabhal orm-féin a ràdh cò a nì aithreachas, agus cò nach dean; no idir a ràdh nach dean thus' aithreachas gu bràth. B'fheàrr leam gu mòr innseadh dhuit ciamar a dh-fhaodas tu-féin a bhi sona, mur càill thu sonas le dàil a chur anns a' chùis. B'fheàrr leam do thàladh gu comhairl' a ghabhail mu'm bi è ro anmoch, na idir a ràdh riut nach 'eil dòchas gu'm pil thu dh-ionnsuidh Dhé, le aithreachas. Ach mur 'eì cor d'anam' a' freagairt do'n iomradh a chuala ta air pobull Dhia anns an Leabhar so, is cìnnteach nach ceist chruaidh leat 'fhaighneachd dhòt, am bi thu air do theàrnadh? Cha ruigear a leas a dhol suas gu nèamh a dh-iarraidh fios cò nach bi 'us cò a bhitheas air a theàrnadh. Gabh focail so Dhé a tha ag innseadh so gu dir each, soilleir :—“ás éugmhais naomhachd cha n-fhaic neach air-bith an Tighearn.” “Iadsan a tha glan 'n an cridhe chì lad Dia.” “Mur beirear duine a rìst cha 'n fhaod e dhol a stigh do rioghachd Dhé.” Cha ruigear a leas a dhol suas gu nèamh a dh-iarraidh fios o Chriosd air an nì sin a dh'innis e-féin agus na h-Abstoil air an talamh, agus a dh'fhàg iad sgrìobht' aig an t-saoghal uile. Agus ged nach aithne dhomh-sa smuaintean do chridhe, agus nach urrainn mì an lorg sin cor d'anam' innseadh, gidheadh ma bhitheas tu-féin toileach, dìchiollach, faodaidh tu fios 'fhaotuinn co dhiubh is oighre air nèamh thu, no nach eadh.

Is è bu mhìann leam gu h-àraid, ma tha thusa fathast truagh, gu'n tuigeadh tu do chor, agus gu'n “teicheadh tu airson do bheatha.” Ach cionnus a théid thu ás, ma ni thu dìmeas air Criosd agus air slàinte? Ma ni, tha è cho do-dheante dhuit a bhi air do theàrnadh 's a tha è do na deamhnaibh féin. Tha sin air innseadh mu do leithid, gu soilleir le Dia anns an Sgriobtuir. Faic anis do chor truagh. Shaoilinn gu'n dean sealladh dheth, do lìonadh le iongantas 'us uamhas. “'Nuair a chunnaic” Belsasar “meòir làimhe duine a' sgriobhadh air a' bhalla, chaochail a ghnùis agus rinn a smuaintean a bhuaireadh, air chor as gu'n robh uilt a leasraidh air

am fuasgladh agus bhual a ghlùinean an aghaidh a chéile." *Dàn.* 5. 5, 6. Agus nach 'eil critli-eagal ort-sa 'us lành Dhia fèin air a sìneadh amach a d' aghaidh, agus a ghuth air feadh nan Sgriobtuir a' bagairt do ghearradh amach o rioghachd na ghàire slorruidh? O'n is è mo mhìann gu'n gabhadh tu so gu cridhe, nochdaidh mì dhuit nàdur 'us an-tromachadh do chàll, mur ruig thu nèamh.

I. Caillidh na h-aingidh,—caillidh na h-aingidh iomlanachd phearsantail nan naomh,—Caillidh iad Dia fèin agus gach gràdh taitneach dhà,—agus caillidh iad co-chomunn nan aingeal agus nan naomh.

1. Caillidh na h-aingidh thruagh au iomlanachd ghlòrmhor sin a bhios anamanan agus cuirp nan naomh a' mealltuinn gu bràth air nèamh. Caillidh iad an sàr dhealradh cuirp sin a's àillidh na gnùis na gréine aig àrd mheadhon-là. Ged thogar cuirp nan aingidh na's spioradaile na bha iad air talamh, cha dean sin dhoibh ach dóruinn na's gedire. B'fheàrr leo an sin gach bàll a bhi marbh; an corp uile a bhi mar chairbh ghrod anns an duslach, gun chomas pìan fhaireachadh idir. Caillidh iad an iomlanachd bhéusach sin a gheibhear aig an t-sluagh bheannaichte. Caillidh iad gach deadh thogradh inntinn, gach aomadh suilbhira dh-ionnsuidh Dhé, agus làn ionracas 'n an uile dheanadasaibh. An àit sin, is è 'bhitheas aca an toil choirbte sin, am fuath mòr sin do mhaith, an gràdh dìan sin do'n olc, agus a' bhoil-inntinn sin a bha aca air talamh. Cha n'-eil teagamh nach bi an tuigse nis air a fosgladh suas gu inòr; oir sguiridh gach obair mheallaidh anis, agus chì iad, air an cosd, mealltaireachd an amaideis. Ach tha 'us bithidh an droch gnè cho olc 's a bha i riamh. Bu mhìann leo peacachadh fathast na'm urrainn iad, na'm saigheadh iad fàth chomas. Bithidh eadar-dhealachadh na's inò eadar na béiste an truagh sin, agus na Criosd-uidhean glòraichte, na tha eadar an losgunn snàigeach air an làir, agus a' ghrìlan anns na spéuraibh. Cha robh an duine saoibhir idir air 'àrdachadh cho mòr le purpur, eudach grinn agus biadh sòghail, 'nuair a bha Lásarus air a shìneadh làn chréuchd aig a dhorus.

2. Caillidh na h-aingidh gach dàimh 'ns co-chomunn

sòlasach ri Dia. O'n "nach bn taitneach leo eòlas Dé a chumail," ach ag ràdh ris, "Imich uainn : oir cha'n àill leinn eòlas do shlighean," is gràineil le Dia iadsan "a chumail" 'n a theaghlaich. Cha leig è 'stigh gu bràth iad do oighreachd nan naomh. Cha cheadaich è idir dhoibh seasamh 'n a làthair, ach "aidichidh è dhoibh, cha b'aithne dhomh riamh sibh ; imichibh uam, a lucbd-deanamh na h-éucorach." Ach tagraidh iad gu dàna nis còir air Criosd agus air nèamh, mar gu'm bu naoimh chreideach, threibh-dhireach iad. Their am mlonnadair, am misgeadair, an striòpadair 's an splocair, "Nach è Dia m' Athair-sa, cho maith 'us d' Athair-sa ?" Ach an uair a chuireas Criosd sgaradh eadar a shluagh féin agus a naimhdean, eadar a chàirdean dileas agus na sodalaich mhealltach ud, ciod an sin, a thig dhe'n tagair dhànadais so ? Chì iad nach è Dia an Athair, do bhrigh nach b' àill leo-san a bhi 'n an cloinn dà-san. Cha b' àill leo spiorad Dhia còmhnuidh a ghabhail ànnta ; air an aobhar sin, cha chòmhnuich na h-aingidh ann an àros Dé. Is iadsan amhàin a għluiseas maille ri Dia air thalamh, a bhitheas bed, sona maille ris air nèamh. O is beag is aithne do'n anam aig nach 'eil fios air cāll an anama sin a chailleas a chòir air glòir Dhia ! Nach bu tōll dubh, dorch an talamh so na'n cailleadh è solus na gréine ! Nach blàanach għraineil an corp 'nuair a chailleas è an t-anam ! Ach is neo-ni na nithe sin uile ann an coimeas ri cāll Dhé. Mar is è mealtuinn Dhia nèamh nan naomh, is è cāll Dhia, ifrinn nan daolne mi-dhiadhaidh. Agus mar is è mealtuinn Dhia, mealtuinn nan uile nithe, is è cāll Dhia cāll nan uile nithe.

3. Fòs caillidh na h-aingidh gach togradh gaolach taitneach a dh-ionnsuidh Dhé. Caillidh iad sàr eòlas air ; sealladh aoibhneach air a għnūis ghidormhoir ; an taitneas do-labhairt sin a għeibhear 'n a għraddhachadh ; mothachadh air a għraddh neo-chriochnach dhuinn-ne ; sior aoibhneas nan naomh, agus na h-aimhnichean sòlais leis am bheil è 'g an riarachadh. Am beag na nithe sin a chāll uile ? Cha n-'eil obair rīgh, ann au riaghlaidh a riogħachd, cho àrd seach obair na tràill' a's suaraiche, 's a tha an obair nèamhaidh so seach obair rīgh thalmaidh. Bheir Dia do dhaoinibh obair freagarrach ri 'n nàdur.

A pheacaich thruaigh, cha robh do chridhe riamh suidhichte air Dia ri do bhed; cha robh è riamh air a bhlàthachadh le gràdh Dhia; cha robh fadachd riamh air an déigh Dhia; cha robh tlachd agad labhairt, no cluinntinn mu Dhia; b'fheàrr leat fantuinn gu bràth a'ir an talamh, na'm b'urrainn thu, na cuid a ghabhail ann am binn nìholadh glòrmhor Dhia. An ceart, matà, gu'm faigheadh tusa, no do leithid, àit maille ris an luchd-ciùil nèamhaidh? Cha ghabh è deanamh idir, idir.

4. Caillidh an sluagh mi-dhiadhaidh cuideachd bheannaichte nan aingeal agus nan naomh glòraichte. An àit a bhi 'n an còmpanaich do na spioradaibh sin, agus air an àireamh maille ris na rìghribh aoibhneach sin, is ann a bhitheas iadsan ann an cuideachd gharg na h-ifrinn maille ri còmpanaich dhréineach, ghràineil. Cha b'è 'bhi 'deanamh tàir air na naoimh, 'g an càineadh, 'g am fuathachadh, agus a' deanamh gàire-fanaid riutha 'n an trioblaidibh, an céum gu ruigheachd air sonas. Ach anis, a pheacaich, tha thu air do dhùnadhbh amach ás a' chuideachd sin o'n d'rinn thusa thu-féin a dhùnadhbh amach air tùs, agus tha thu dealaichte bho'n t-sluagh sin de nach b'aill leat cuideachd a dheanamh. Cha n-fhuiligeadh tu iad ann do thigh, ann do bhaile, no, ach gānn, 's an rioghachd. Theireadh tu, mar thuirt Ahab mu Eliah, gu'm bu luchd-buairidh 's an tìr iad; agus mar chaidh a ràdh an aghaidh nan Abstol, gu'n robh iad "a' cur an t-saoghal bun os ceànn." Ma thachair aimhreit sam-bith, bu luath a choiricheadh tu iadsan airson sin. 'Nuair a ghairm am bàs iad, no 'bha iad air am fògradh ás an tìr, bu mhaith leat air falbh iad. Bu shàrachadh dhuit iad a bhi gu dileas a' cronachadhl do pheacaidh. Bu draghail an còmhradh naomh le do choguis, 'us fios agad gu'n robh iad fad air thoiseach ort-féin. R'an-shocair leat an guth a chluinntinn ri ùrnuiigh, no moladh an àit air-bith. An iongantach, matà, thu 'bhi dealaichte uatha an déigh sin? Is fagus an là air nach cuir iad dragh ort ni's mó. 'Bithidh doimhne mhòr air a cur eadar iadsan agus thusa'. *Lùc. 16. 26.* 'An àm do na naoimh a bhi air an sàrachadh le fanaid, le uireasbhuidh, le trioblaid, le cràdh agus, ann an tomhas, le neo-iomlanachd an nàduir féin anns a' bheatha so, is

è teisteanas an Spioraid Naoimh mu'n timchioll, "nach b'airidh an saoghal orra." *Eabh.* 11. 36-38. Agus mar "b'airidh an saoghal" air an cuideachd air talamh, is cìnnteach nach airidh è air an cuideachd ann an glòir air nèamh.

II. Ach tha fios agam gu'm bi mòran ullamh gu ràdh, gu'n gabhadh seachnadh dhoibh air na nitibh àrda sin anns an t-saoghal so, agus carson nach gabhadh iad seachnadh anns an t-saoghal ri teachd? Ach a chum a thuigsinn gu'm bi càll nèimh ro ghoirt doibh, thugadh iad sin fainear na nithe so:—Bithidh an tuigse air a soilleireachadh chum fios a thoirt doibh air an càll,—Bithidh iad comasach air an càll a làn-bhreithneachadh,—Labhraidh an cogaisean féin na's geòire riutha air an càll,—Cha bhi an aignidhean cadalach na's fhaide,—agus cha mheàll an cuimhne iad.

1. Air an là sin bitihlli tuigse nan daoine mi-dhiadhaidh air a soilleireachadh a chum luach na chàill iad a leigeil ris doibh. An diugh, cha n-eil an càll so a' cur bròin sam-bith orra, do bhrìgh nach do ghabh iad eòlas riamh air dìrdhearcas Dhé, ni mò tha guth aca air càll na h-oibre agus na cuideachd naoimh, do bhrìgh nach b'aithne dhoibh riamh an luach. Am fear a chailleas séud nach mò leis na clachag chumanta, is beag a chùram air a shon, gus am faic è mòr luach an àilleagain a chàill è: agus an sin ni è caoidh air a shon. Their è, "Och is mis' a chàill an nì luachmhor!" Ach cha bhi tuigse an t-sluaigh mhallaichte air a naomhachadh idir, geda bhitheas i air a fosgladh suas gus am mile mearachd 'fhaicinn. Saoilidh iad an diugh gur feàrr onoir, saoibhreas, taitneas, slàint 'us beath' an t-saoghail so, na nithe glòrmhor an t-saoghail ri teachd. Ach an uair a bliitheas iad truagh an déigh do na nithe sin am fàgail, agus a chì iad gu soilleir gur fìor na nithe de nach l'àill leo sùim a ghabhail, atharraichear am beachd. Cha chreideadh iad gu'm bàth an t-uisg, gus an robh iad ann am builsgean na fairge; no gu'n loisg an teine, gus an robh iad air tuiteam ànn. Ach creididh iad gu grad, 'nuair a dh-fhairicheas iad. Chì iad, tre làn fhiosrachadh, gur bréugach a' bhoil-inntinn sin a thug orra tàir a dheanamh air Dia, tàir air aoradh Dhia agus

tàir air pobull Dhia. Meudaichear an eòlas chum am bròn a mheudachadh. Na truaghanan bochd ! bu shona dhoibh fo choimeas, na'n robh an tuigse air a gearradh uatha gu léir, 'us iad air am fágail cho aineolach ri amadan no brùid. Bu laghaid am buaireadh, mur b'aithne dhoibh na's mò ann an ifrinn, na b'aithne dhoibh air talamh. Bu shona leo gun fhios a bhi aca idir gu'm bheil a leithid a dh-àit ri nèamh ànn ! An diugh dh-fhaodadh iad, na'm b'aill leo, eòlas 'fhaotuinn a bheireadh gu fois nèimh iad, ach o'n nach gabh iad an t-eòlas sin tre éisdeachd, no léughadh, gabhaidh iad fathast àill air nàill, eòlas a bhitheas 'n a chonnadh do'n teine leis am bi iad air an losgadh. Tha iad an diugh ann an cadal marbh, a' bruadair gur iad-fèin sluagh a's sona 's an t-saoghal ; ach O ! mar dh-atharraichear am barail ann an tiota, 'nuair a dhùisgeas am bàs iad, agus a chì iad an sin an cor truagh le làire !

2. Meudaichear an tuigse 's an comas breithneachaidh gu mòr,—a thuigsinn ciod è luach na glòire sin a chàill iad. Tuigidh iad anis gu soilleir, searbh, ciod è sin corruiich Dhia, boil-ghoraich a' pheacaidh, dòruinn nam peacach. Tuigidh iad anis cia cruaidh, cia géur, cia goirt, cràiteach truaighean na h-ifrinn, seach na chualas riamh mu'n timchioll air talamh. Faic ciontach a' gluasad gu sgàlan na croiche, gu bhi air a ghrad-chrochadh, O cia teànn, làidir, géur mhothachadh an dnine sin anis air luach a bheatha, seach am mothachadh a b' àbhaist a bhi aige, 'nuair a bha è mach á cunnart a' bhàis ! Ach is mò gu mòr na sin géur bhreithneachadh nan aingidh mhallaichte air an càll, 'nuair a chì siad iad-fién air an glasadhbh amach gu bràth o shonas siorruidh. Mar chumas soitheach mòr na's mò na slige, is amhuil a ghabhas tuigse mheudaichte nan aingidh, tuilleadh fios air an càll, gus an dóruinn a neartachadh, 's a theannachadh, seach an tuigse bheag a bha aca 's a' bheatha so.

3. Agus buailidh an coguis orra nis na's treise na rinn i riamh. Labhraidh i ruitha cho dìreach, cruaidh ri gnith tàirneanaich 'us dealanaich, ni a mheudaicheas an dóruinn gu h-anabarrach. Their gach aon diubh nis, 'Och 'us och ! so mo chàll ! mo thruaighe shìorruidh

nach gabh leigheas ! Is è easbhuidh an fhein achmhas-ain so is àrd aobhar do'm mi-chùram anns a' bheatha so. Is gànn a chreideas iad an diugh gu'm bheil truaighe cho mòr ann idir ; agus is dorra na sin a thoirt orra 'chreidsinn gu'm bheil iad-féin a' ruith a dh-ionnsuidh na truaighe so. Is beag aca gach searmoin, bagairt 'us rabhadh. Cba ghabh iad comhairle bho aon de mhinistearan Chriosd, a dh-innseas dhoibh gu soilleir, dileas gu'm bheil iad ann an cunnart. Labbradh è riutha air a' ghlòir sin a chailleas iad, agus air an truaighe 's an dòruinn fo'm bi iad a' fulang, ach cha ghabh iad rabhadh, cha chreid iad gu'm bheil iad ciontach. Is ann a shaoileas iad gur peacaich uamhasach, àraig eile, agus cha n-iadsan idir, a tha am fear-teagaisg a' ciallachadh. Cha n-eil ni sam-bith eile 's an t-saoghal a's dorra na crèutair aingidh a thoirt gu thuigsinn gu'm bheil è aingidh, olc, no 'f baicinn gu'm bheil è fo dhìteadh 'us fo eborruich Dhia. Faodaidh daoine mi-dhiadhaidh a ta 'n an coigrich do'n ùr-bhreith, agus aig am bheil fuath do naomhachd, làn f hios a bhi aca gu'm bheil iad fathast ann an staid chàillte, ach an àit sin a chreidsinn, is ann a gheibhear iad a' smuaineachadh gu'm faic iad Dia, gu'm bi iad air an teàrnadh, agus gu'm bheil iad c'eo maith 'us cho naomh ri aon air-bith de na naoimh. Nach ainmig a chluinnear aon diubh ag eigeachd amach an déigh a chor truagh a rùsgadh gu soilleir, "Is mis' an duine," no idir ag aideachadh, ma bhàsaicheas iad anns a' chor sin, gu'm bi iad càillte gu sìorruidh. Ach cho luath 's a ghrad-thilgear sìos iad gu tir an dorchadair, far am bi iad air an léireadh fo gharbh theas nan lasair dearg, 'us fuadaichte air falbh gu bràth o làthair Dhia ; an sin, creididh iad gu h-ealamh gu'm bheil iad fo thröm chorruich Dhia : an sin, rànaidh, bêucaidh, bùiridh iad amach, a' rag-aideachadh mar so, "Och mo thruaigh mi ! Mile mallachd air mo ghòraich ! Mo chreach ! Mo léir-chreach ! Och, och mo chàll gun leigheas !"

4. Agus an sin, bithidh an aignidbean na's glòire na bha iad riamb. Cha bbi aon diubh cadalach, neo-thuig-seach na's fhaide. In diugh, is beag aig a' chridhe chruaidh cluinntinn mu nèamh, no ifrinn. Ged nochdas sinn glòir 'us truaigbe shìorruidh do dhaoine, gheibhear

iad mar dhaoine marbh. Tha ar focail dhoibh mar chlachan a thilgear air balla cruaidh, teànn, a' tuiteam air an ais arist 'n ar n-aghaidh. Labhair riutha air nithibh uamhasach, ach fathast gheibhear rag-mharbhiad. Rànnsaich an lot, ach cha n-fhairich iad do làmh. Labhair riutha gu drùighteach, ach fathast gheibhear iadsan mar ilbhinn. Is luaithe 'chlisgeas an talamh tròm na iadsan. Ach an uair a dhùisgear suas na h-anamanan marbh sin, O nach géur am faireachadh ! nach làdir an aignidhean ! nach grathail gath an uamhais ! nach tròm, domhainn, dòmhail am bròn 's an uair sin ! Dearg-léumaidh iad 'n an aghaidh féin ! Béucaidh iad fo bhorb chuthach an aghaidh an gòraich 's an t-saoghal so ! Is beag caoidh na mnà gaolaich an déigh bàis a còmpañach ; no caoidh na màthar a's gràdhaiche an déigh bàis a cloinne ann an coimeas ri caoidh nan truaghan sin, an déigh dhoibh còir air nèamh a chàll gu bràth. O nis na crètairean fiadhaich, truagh sin 'g an dìteadh féin, 'g am pìanadh féin, gach aon a réubadh a chridhe féin, 'us è mar fhear-dioghaltais Dhé, 'n a aghaidh féin. B'ìad-féin amhàin màthair-aobhair thoilltinneach an dòruinn, agus mar sin, is iad-féin anis an crochadairean féin 'g am marbhadh féin, gun chomas bàsachadh. Cha dean eadhon Sàtan, nach robh ri 'choireachadh airson an gòraich cho mòr ri 'n toil féin, am pìanadh anis cho garg, searbh, tròm, 's a nì an coguisean eòlach féin. Bu shona leo na'm bu charraigean balbh iad anis, gun mhothachadh air ni sam-bith. Bu shona leo bhi nis cho beag mothachadh 's a b'abhaist dhoibh a bhi fo eisdeachd ùrnuigh, searmoin 'us rabhaidh anns a' bheatha so ! Ach theirig an amайдeachd anis, agus gheibh iad a toradh truagh.

5. A bhàrr air sid uile, bithidh cuimhne làn aca nis air gach nì. Bu bhuidhe leo na'm b'urrainn iad an càll anabarrach a dhì-chuijmheachadh, ach cha n-urrainn idir. Bu thròcair mhòr leo nis a bhi mar neo-ni,—a bhi mach á bith, ach cha n-fhaighear sin. Gu bràth mairidh an tuigse, an coguis, an aignidhean agus an cuimhne beò, chum am pìanadh. Na comasan inninn sin 'bu chòir dhoibh a ghnàthachadh roimhe ann an deanamh seirbhis a threòraicheadh gu sonas iad, bithidh iad sin

anis 'n an dòruinn shìorruidh dhoibh. Leo sin bu chòir dhoibh a bhi fad làithean am beath' a' beathachadh air gràdh 'us gràs Dhia, agus ag òl á lànachd a shòlais, ach leo sin bithidh iad anis gu bràth a' beathachadh air corruich Dhia, agus ag òl searbh uisge na dòruinn. An diugh, cha n-fhaic iad fàth-chothrom, no àit air-bith aca-féin gu smuaineachadh, no cuimhneachadh, no labhairt air nithibh sìorruidh, ach ann an ifrinn, cha bhi obair sam-bith eile aca, ach cuimhneachadh a ghnàth air an cionta, an càll 's an truaighe! Cia tric a b'àill le Dia teagastg "na beatha maireannaich" a sgriobhadh dhoibh air puist an dorsan, air an làmhan 's air an cridheachan agus iadsan sin a chuimhneachadh agus labhairt air, 'an àm dhoibh laidhe sìos agus eirigh suas, an àm dhoibh suidhe 'n an tigh agus imeachd air an t-sligh,' ach dhiùlt iadsan comhairle so Dhé, agus an lorg sin sgriobhaidh Dia am binn fo'n sùilean ann an àit an daorsa, ionnus gu'm faic iad i ciod-air-bith taobh a sheallas iad. Is pìan gun stad dhoibh smuaineachadh air meud na glòir' a chàill iad. Na'm bu chàll sin a b' urrainn iad a leasachadh, no 'dheanamh suas air dòigh sam-bith, càll slàinte, càll saoibhreis, càll chàirdean, no eadhon càll beatha, bu bheag sin. Ach O "glòir cho ro anabharrach agus sior-mhaireannach a chàll!"

Is dòruinn gharbh dhoibh a chuimhneachadh gu'n robh àm ànn air am faodadh iad a' ghìdir so 'fhaotuinn — "àm," their gach aon diubh, "air an robh coltas orma-sa, cho maith ri feadhain eile, ruigheachd air an rìoghachd. Na'n d'rinn mise mo dhleasanais gu glic, ceart, fad mo chuairt anns an t-saoghal, dh-fhaodadh seilbh a bhi agam anis air an oighreachd. An àit a bhi air mo phìanadh ameasg nan diabhlan mallaichte sin, dh-fhaodainn a bhi nis ameasg nan naomh beann-aichte shuas an sid ann an glòir. Chuir an Tighearn 'beatha agus bàs romham', ach ròglinaich mis' am bàs, 'us thoill mi dòruinn. Chuireadh romham 'an duais,' agus na'n robh mi air ruith gu maith, dh-fhaodainn a faotuinn. Na'n d'rinn mi spàирн, bheirinn buaidh. Na'n do 'chathaich' mi gu tréun, bha mi air mo 'chrùnad' anis." Is dòruinn dhoibh a chuimhneachadh

nach è mhàiu gu'm faodadh iad an crùn 'fhaotuinn, ach gu'n robh iad coslach ri 'fhaotuinn. Lotaidh so gach aon diubh ag ràdh " bha uair ànn air au robh oiteagan an Spioraid ullamh chum mo chuideachadh. Bha rùn òrm fàs diadhaidh, Criod a dhlù-leantuinn, 's an saoghal a thréigsinn. Is beag nach do rùnaich mì Dia a làn-leantuinn. Bha mì eadhon a' tréigsinn nan ana-mìann gràineil sin a rinn mo chreach. Thréig mì mo sheànn chòmpanaich, agus bha mì 'dol le sluagh Dhé: gidheadh phìll mì air m' ais, cbàill mì mo ghreim, bhris mì mo ghealladh. 'Is beag nach robh mì air m' aomadh gu bhi am' Chriosduidh', ach mhùch mise gach aomadh maith. Bu làdir oibreachadh mo chridhe, 'nuair a chluinninn ministear gu dìleas a'sparradh na fìrinn orm ! O bu choslach mis' uair-eigin ri neach a' dol do nèamh ! Is beag nach d'ràinig mì nèamh, ach thuit mì air an t-sligh, agus chàill mì è. Na'n 'deachaidh mis' air m' aghaidh a ghabhail edlais air an Tighearn', bhithinn anis beannaicht' ameasg nan naomh." Is dòruinn anabarrach dhoibh cuimhneachadh air na fàth-chothroman a chàill iad. "Cia lian," their gach truaghan, " seachduin, mìos agus bliadhna 'chàill mì, a dh-fhaodadh, na'n robh mis' air féum a dheanamh dhiubh, mo dheanamh sona ! Bu mhis' an truaghan nach gabhadh ùin gu smuaineachadh air an obair sin airson an robh m' ùin uile air a buileachadh orm !—Mise nach gabhadh ùin, ameasg mo shaothair uile, gu saothrachadh airson slorruidheachd ! Nach robh ùin gu leòr agam gu ith 'us dl 'us cadal, carson nach robh ùin agam gu m' anam a theàrnadh ? Nach robh ùin agam gu sùgradh 'us còmhراadh dìomhain, carson nach robh ùin agam gu ùrnuigh ? Nach robh ùin agam greim a dheanamh air mo chòir shaoghalta, 'us nach robh ùin agam greim a dheanamh air còir nèamhaidh ? O cia luachmhor ùin ! Uair-eigin bha ùin gu leòr agam-sa, ach cha n'-eil anis ! Uair-eigin cha robh fios agam ciod a dheanainn de m' ùin mhòir, ach och ! dh'fhalbh i nis ; cha bheir mì oirre ni's mò ! Ho ! nach robh agam anis aon de na bliadhna chan ud ! Is mis' a dheanadh an t-aithreachas grad ! Is mis' a dheanadh an ùrnuigh dhùrachdach ! Is mis' a dh-éisdeadh gu dìan ! Is mis' a chitheadh mo chor gu luath ! Is mis' a bhitheadh bed gu diadhaidh !

Ach tha è ro anmoch anis! Och 'us och! ro anmoch anis!"

Mòr-mheudaicbear an dosgainn,—a' cuimhneachadh cia tric a bhathas 'g au comhairleachadh gu pilleadh ri Dia. Their gach aon, "Bu mhiann leis a' mhinistear a thoirt òrm teicheadh o na plàntaibh so. Nach gràdhach, iochdmhor, dìan, dùrachdach a ghuidh è òrm! ach cha d'rinn mis' ach magadh air. Nach tric a dhearbh è òrm mo chionta! ach mhùch mise gach mothachadh. Nach tric a dh'fheuch è mo dhroch cridhe dhomh! ach b'fhuathach leam-sa fios a ghabhail air olcas mo chridhe. O sid am fear a bhitheadh aoibhneach, na'm fac' è mis' a' pilleadh gu toileach a dh-ionnsuidh Chriosd! Chomhairlich mo chàirdean diadhaidh mì, dh'innis iad dhomh ciod a thigeadh dhe mo mhì-thoil agus dhe mo dhearmad mu-dheireadh, ach cha do ghabh mise sùim dhiubbh. Is fhada 'bha Dia féin a tagair rium!—a Spiorad a' sìor-strì ri mo chridhe, mar gu'm bu duilich leis diùltadh a ghabhail dhòm!—Criod arìst a' seasamh aig dorus mo chridhe, agus a' bualadh, sàbaid an déigh sàbaid, agus ag éigheachd rium 'fosigail, a pheacaich, do chridhe do d' Shlànuighear agus thig mis' astigh agus gabhaidh mì mo shuipeir maille riut agus thusa maille riumsa! Carson a tha thu cho mairnealach? Cia fhad a dh-fhanas smuaintean diomh-anais air taobh stigh do chridhe? Nach àill leat maith-eanas? nach àill leat naomhachd? nach àill leat sonas? Ciod a thig dhe do chridhe." Och! och! diombadh targ an anama mhallaichte air-féin 'nuair a ch uimhnich-eas è air na gairmean nèamhaidh sin! "Ah mise! sgìthich mì foighidin Chriosd! Dia néimh 'g am ghairm gu diombain, agus sgìth a dh-éigheachd rium 'Pill! Pill! Dean aithreachas!' Is mis' a thoill an dòruinn so! Is cuthach targ dhomh anis cuimhneachadh air foighidin Dhia rium. Is cràdh géur so leis am bheil mì air mo thröm-bhuaireadh air dòigh nach urrainn car a chasgadh gu bràth! 'Nuair a ghairm an Tighearn òrm, ag ràdh, 'Cuin idir is àill leat a bhi glan?' Thuirt mo chridhe, no mo chleachdadh 'Cha n-àill gu bràth.' Gheibhear mì nis ag éigheachd 'Cia fhad gus am fuasclar mì ás an dòruinn so?' ach cha chluinn mì ach

guth a' cheartais chéudna sin ag ràdh 'Cha n-fhuasgail gu bràth, gu bràth'."

Fòs gearrar an eridheachan gu domhain le cuimhneachadh cho furasda 's a bha è dhoibh a dhol ás o'n truaighe so uile. Cha d'iarradh riamh orra beànnntan atharrachadh, no rioghachdan a cheànnsachadh, no an tiodal a's lugha de'n lagh a choimhlionadh, no ceartas a riarachadh airson an easaontais uile. Bu "shocrach a' chùng agus b'eutrom an t-uallach" a b'aill le Criod a chur orra. Agus b'è sin aithreachas a dheanamh, gabhail ris-féin gu toileach, mar an Slànuighear, gach sonas goirid, faoin àicheadh; an Tighearn a ghabhail mar an cuid àrd mhaith; an saoghal 's an fheòil àicheadh; strìochdadadh do uachdararanachd chiùin, ghràsmhoir Chriod; an sligh 's an innleachd féin a thréigsinn, agus gluasad ann an slighibh naomh, taitneach an Tighearna. "Ah!" deir an truaghan truagh fo dhòruinn, "nach ceart a thoill mì an cràdh so uile, cha b'fhiù leám saothair idir a dheanamh chum a sheachnadh? Càit an robh mo thugse 'nuair a thuirt mì 'maighstear cruaidh' ris an Tighearn, a' smuaineachadh gur daorsa shearbh a slieirbhis mhaith, agus nach faigh-eal saorsa ach amhàin ann an seirbhis an diabhuil agus na fedla? Nach bu mhiosa mise mìle cuairt na duine fo'n dearg chuthach, 'nuair a choirich mì sligh naomh Dhia, mar riaghait ro theànn, ro phungail; 'nuair bu ro theànn leain lagh Chriod, agus ro mhòr leam na rinn mi-féin airson na beatha ri teachd? Ciod a b'fhìlach call nan uile nithe 'fhublang airson Chriod? nach bu bheag, nach bu shocrach gach obair eile, ann an coimeas ris an dòruinn theth so a dh-fhuiligeal leam gu sìorruidh? Nach pàidheadh nèamhl, a chàill mis', airson gach càlldachd eile. Och! phàidheadh 'us cha bhithheadh cuimhne ni's mò air fulang, no air bròn. Na'n iarradh Criod òrm anis mòran 'fhublang, a bhi bed fo uamhas 'us fo bhròn gun sgur, am bàs 'fhublang ceud uair, nach deanainn sin? O carson, matà, nach do ghéill mì dhà, 'nuair nach d'iarr è uam ach amhàin 'Creid agus bi sàbhailt. Iarr m'aghaidh agus mairidh d'anam bed. Tog do chrànn-céusaidh, agus lean mise, agus bheir mì dhuit a' bheatha mhaireannach'? O nach

bu ghràsmhor an tairgse sin ! O nach bu shocrach an cumha sin ! Och ! och ! bu mhis' an truaghan mallaichte nach gabhadh è !

Bithidh iad air an ro phianadh, a' cuimhneachadh mar reic iad an sonas sìorruidh air droch luach. Ciod is luach anis do shòlasaibh dubh a' pheacaidh ann an coimeas ri luach an dìol-thuarasdail dhàlighich ? Buailidh an t-eadar-dhealachadh anabarrach so iad le uamhas do-labhairt ! smuainichidh iad air taitneas salach na feòla, air cèò-mholadh dhaoine, no air mill òir a bha 'n an làimh, agus an déigh sin air glòir sìorruidh ! gach truaghan a' caoidh, " So na bh'agam-sa airson m' anama—so mo dhia 'us dòchas mo shonais !" Cò is urrainn a chur an céill mar ni na smuaintean scarbh, garg, géur sin an cridheachan a réubadh ás a chéile ? Béucaidh àrd gach aon amach " Och ! bu mhis' an truaghan truagh ! Nach do reic mì m' anam air luach salach ? Nach do dhealaich mì ri mo Dhia airson beagan smùir 'us salachair ? Mar Iùdas, nach do reic mì mo Shlànuighear air beagan airgid ? Cha robh ann mo dhòchas ri nèamh, ach bruadar taitncach ; dhùisg mì nis, 'us leagli è ás. Is domblas anis mo chriomag, is burmaid mo chopan. Bhais mì orra sin, 'us bliàsaich iad uam gu grad. Agus an è so na th'agam uile airson an ionmhais ro phriseil ? Nach ana-cueasda, eagalach a' mhalairt a rinn mì ? Ciod a' b' fheàrrd mì, ged chois-ninn an saoghal uile, agus m'anam a chàll ? Ach, mo chreach ! is beag an roinn de'n t-saoghal a b'fheàrr leam-sa na còir air glòir !" Hò ! nach ànn a smuainich-eadh peacaich air so, 'nuair a gheibhearr iad a' snàmh ann am pòll-thaitneas na feòla, agus a' strì gu bhi saoibhir, àrd 's an t-saoghal ! a' dìan-léum gun fhios, gun athadh, air easaontas agus a' peacachadh an aghaidh tagair an coguis féin !

Garbh-theannaichear, an dóruinn,—ri fhaicinn gur iad-féin a thug sgrios orra-féin. Na'm b'urrainn iad a ràdh gu'n robh iad air an eigneachadh gu peacadh a dheanamh, b'fhaochadh sin féin d' an coguisibh stoirmeil, garg; no na'n robh iad air am peanasachadh airson cionta neach eile, no na'm b'è neach eile a b'àrd aobhar d'an sgrios, bu shòlas leo sin. Ach a' faicinn gur l'an

toil féin a ròghnaich an sgrios agus nach b' urrainn neach sam-bith eile an éigneachadh gu peacachadh an aghaidh an toil' féin; gearraidh sin iad mar iarunn géur, dearg, teth! Deir an truaghan mallaicht' a sgrios e-féin, "Och! Och! nach robh naimhdean gu leòr agam 's an t-saoghal, ach bu mhise mo dhearg nàmhuid féin. Cha tug Dia riamh do'n diabhul, cumhachd cho mòr thairis orm, 's a dh-éignicheadh mì gus am peacadh a's lugha 'dheanamh. Cha b'urrainn an diabhul ach a'nhàin mo bhrosnachadh. Is i mo thoil féin a ghéill. Is mi-féin a rinn an t-olc. Cha b' fhìach leain ach làmh a chur 'n am anam féin, agus m' fhuil féin a dhòrtadh! Cha robh nàmhuid riamh agam cho olc riùm-féin. Dhiùlt mì gach maith a thairg Dia riamh do m' anam. Bha è gu tric a' càrnadh tròcair air tròcair dhomh, a' toirt fuasglaidh an déigh fuasglaidh dhomh, chum mo chridhe 'tbarruing d'a ionnsuidh féin; seadh, rinn è mo chronachadh gu mìn, thug è osnaich òrm fo luchd m' eas-ùmhlaichd: agus gheall mì gu pailt gabhail ris, air uair mo thrioblaid, ach mo thruaighe! cha robh mo chridhe riamh làn-toileach seirbhis a dheanamh dhà." Cnàmhaidh so eridheachan nan cion-tach ud, a' mothachadh gur iad-féin amhàin a dh'aobhar-aich an sgrios féin, a' buanachadh gu toileach, dàna 'n an ceannaircich an aghaidh Dhia, agus 'n an deònair-ean (*volunteers*) ann an seirbhis Shàtain.

Doimhnichear lot an coguis gu mòr,—ri cuimhneach-adh air a' chosdas mhòr 's an t-saothair gus an deachaidh iad, a chum cur ás dhoibh-féin. Ciod an obair mhòr anns nach do chuir iad an làmh, chum an sgrios féin a dheanamh cìnnteach, a' mùchadh an Spioraid,—a' cur an aghaidh gach cumhachd tròcair agus breitheanais,—ag àicheadh fìrinn Dhé,—a' ciosnachadh cumhachd réusain 's a' bàthadh guth na coguis. Na nithe sin uile dh'ìarr 'us rinn iad. Geda bha iad an còmhnuidh ann an cunnart fulang fo chorruich Dhia, 'us fios aca gu'm faodadh è an leagail anns an dus, agus an tilgeil sìos gu ifrinn ann am mionaid, gidheadh cha do chaisg sin an droch céum. O saothair mhòr nam peacach gu bhi mallaichte! Is maith a dh-fhaodadh iad a bhi meas-arra, slàinteil, socrach air cosdas na's lugha, ach is feàrr

leo gedcaireachd, misg, bochduinn, näire 'us easlaint. Dh-fhaodadh iad a bhi toilichte, sitheil, taitneach, ach is feàrr leo sànn agus féin-ghòir leis gach cùram, saothair, cosdas, eagal 'us iomagain a ta 'n an lòrg. Cia tric a gheibhear daoine 'g am buaireadh féin le feirg, farmad 'us iarraidh dìoghaltais. Cia tric a tha mòran 'g an truailleadh féin le neo-ghloine, ni a mhilleas an cuirp, an cuid 's an cliù, ach is feàrr leo gach droch shaothair dhiubh sin 'fhlang uile, na sonas iarraidh d'an anamaibh ! O nach oillteil gaor nan crèutairean truagh sin a' caoidh an amайдeachd ann an ifrinn ! gach-truaghan a' béucadh, a' bùireadh 's a' glaodhaich, "Och! och! mo shaothair 's mo chosdas gu mi-féin a mhallaichadh ! Cha bu leòr leam mallachd a nasgaidh, ach a cheannach daor ! Shaoil leam gu'm faodainn a bhi air mo-theàrnadh air beag saothair, carson a rinn mì saothair cho mòr a chum mi-féin a sgrios ? Nach è mo dhamnadhlé féin a bha mis' ag oibreachadh amach gu dìchiollach, dìan, 'nuair a bha Dia ag àithneadh dhomh mo shlàinte féin a làn-oibreachadh amach ? Na'n d'oibrich mis' airson nèimh, mar rinn mì airson ifrinn, bha mì nis air nèamh gun teagamh. Bu tròni leam céum na diadhachd, bu shearbh leam guth idir air féin-àicheadh, is è bu taitniche leam saothrachadh ann an obair Shàtain agus a' bhàis. Na'n do ghràdhaich mise Criod, mar ghràdhaich mì m' ailghios, mo bhuanachd 'us m' onoir féin ; na'n d'ìarr mise Criod, a' socrachadh mo chridhe air-san, cho dìchiollach, tric 's a rinn mì air na nithibh sin ; O bu shona dheth an diugh mì ! Ach nach ceart-thoilltinneach dhomh-sa fulang fo lasraichibh na h-ifrinn !—mis' a cheannaich an dóruinn so cho daor !—mise nach gabhadh fois 'us glòir nèimh a bha air an taigse dhomh a nasgaidh ! Och, Och ! Och 'us Och mise !"

O gu'n deònaicheadh Dia thus' a threòrachadh, a léugh-adair, gu làn-smuaineachadh air na nithibh sin an diugh, chum nach bi agad ri cuimhneachadh orra gu bràth, mar do phianadair féin ann an dosgaiinn do-smuainichte na h-ifrinn ! Na abair idir nach 'eil anns na smuaintibh eagalach so ach obair a' mhic-mhcanmna, no deilbh fhaoin na h-inntinn. Léugh smuaintean an "duine

shaoibhir, air dhà bhi ann am plantaibh." *Lùc.* 16. 22-31. Is anamanan réusantach a bhitheas a' mealtuinn fois na glòire air nèamh; agus is anamanan réusantach a bhitheas a' fulang dóruinn na truaighe ann an ifrinn. Is daoine fathast iad, agus mar dhaoine mothaidh agus gluaisidh iad gu bràth.

CAIBDEIL VI.

*Truaighe na Muinntir sin a chailleas, cha n-è mhàin
Fois nan Naòmh, ach Toil-inntinn na beatha so,
agus a bhitheas gu bràth a' fulang Dóruinn na
h-Ifrinn.*

"Aig an diadhachd tha gealladh na beatha a ta làthair, agus a chum teachd." *1 Tim.* 4. 8. Agus ma "dh-iarras siun air tùs rioghachd Dhé agus fìreantachd Dhé," an déigh sin, "cuirear ruinn na h-uile nithe" eile a's lugha na iad sin. Ach aig ain-diadhachd, no daoine mi-dhiadhaidh cha n-eil "gealladh" idir air sonas. Caillidh iad araon gach toil-inntinn spioradail agus aimsireil. Tha so air a bhagairt 'n an aghaidh, do bhrìgh nach d'iarr iad "air tùs rioghachd Dhé agus 'fhìreantachd-san." Caillidh iad an nì sin nach d'iarr agus an uì siu a dh-iarr iad. Bheirear uatha am beagan a ta aca cheana. Bu bheag aca cäll nèimh na'm maireadh toilinnntinn na beatha so dhoibh. Ach cha mhair sin idir. Na'n do "thréig iad na h-uile nithe airson Chriosd," gheibheadh iad arist na h-uile nithe ànn-san, agus bhitheadh è dhoibh mar "na h-uile anns na h-uile." Ach anis o-na thréig iad Chriosd airson nithe eile, caillidh iad Chriosd, agus gach ni a bha iad ag iarraidh, —eadhon toil-inntinn na beatha so,—agus gheibh iad dóruinn na h-ifrinn.

I. Caillidh iad uile thoil-inntinn an t-saoghal so:— Caillidh iad am beachd an-dàna, faoin air còir ann am fàbhar Dhia, agus ann an toilltinneas Chriosd,— Caillidh iad an dòchas uile,—sìth mhealltach an coguis uile,—An sùgradh fedlmhor uile—agus an taitneas collaidh uile.

1. Caillidh iad am beachd, no an creidimh an-dàna,

faoin air còir ann am fàbhar Dhia, agus ann an toill-tinneas Chriosd. Is ann leis a' chreidimh mhealltach sin a tha iad an diugh 'g am misneachadh, 'g an neart-achadh 'us 'g an dòn féin o gach uamhas a dh-fhaodadh an glacadh a dh-easbluidh a' phruip bhochd so. Ach càit am faigh iad fois o'n téinn, 'nuair a sguireas an creidimh faoin—an dàll-cheò—an dòchas baoth so? Faodaidh duine, a tha glé dhlùth do thubaist mhòir, a chreidsinn gu làidir gu'm bheil è sàbhailt, agus a bhi cho subhach ri neach nach 'eil ann an cunnart idir. Na'm bu leòr gu duine 'dheanamh sona, a thoirt air a chreidsinn gu'm bheil, no gu'm bi è sona, bhitheadh sonas mòran na's pailte na gheibhear è. Is è flor chreidimh gràs treòrachaidh na muinntir lompaichte, mar sin, is è creidimh faoin, olc treòrachaidh na muinntir neo-lompaichte. Carson a tha mòran bed gu toilichte, gun mhaiteanas peacaidh aca, 'nuair a dh-fhaodadh iad làn mhaiteanas 'fhaotuinn? Tha dìreach iad a bhi bhi 'smuaineachadh gu'm bheil am peacaidhean air am maitheadh cheana. Na'm b' urrainn thu fhaighneachd de na truaghanaibh ann an ifrinn, dè an tubaist a thug ànn iad, fhreagradh miltean—a' mhòr chuid diubh, "Rinn sinn sinn-féin cìnnteach gu'n robh sinn sàbhailt, gus an d'fhuaire sinn sinn-féin càillte, mallaichte. Dh-iarr-amaid an ath-ghineamhuinn agus bed chumhachd na diadhachd mòran na's dùrachdaiche na rinn sinn, ach shaoil leinn gu'm fhòr Chriosduidhean sinn cheana. Mheàll sinne sinn-féin sìos a dh-ionnsuidh na dóruinn so, 'ns cha n'-eil leigheas air anis." A léughadar, ceadaich dhomh innseadh dhuit gu dileas, nach 'eil anns a' chreidimh an-dàna sin leis am bheil na mìltean de chrétairean mi-chùramach, mì-naomh, neo-lslichte a' smuaineachadh gu'm bheil iad ann an staid shàbhailt, agus ás am bheil iad gu tric a' deanamh uaill, ach cùis-bhréige, a chrìochnaicheas ann an sgrios anamanan. Cha n'-eil faileus de'n chreidimh so ann an ifrinn. B'ì ìnnleachd Shàtain sluagh a cheò-dhalladh, chum gu'n leanadh iad è gun eagal, ach cho luath 's a gheibh è an glasadhbh ann an ifrinn, bheir è an dall-cheò dhe 'n sùilean, agus chì iad an sin càit am bheil iad.

2. Fòs caillidh iad an dòchas uile. Geda bha cor-

ruich Dhia gu tric a' bagairt 'n an aghaidh anns a' bheatha so, bha dòchas fathast aca gu'n rachadh iad ás. Is gànn misgeadair, no mionnadair, no fear-magaидh truaillidh, ris an labhair sinn, aig nach fhaighear dòchas gu'm bi è air a theàrnadh an déigh sin uile. O thus' a shaoghail shona, na'n robh teàrnadh cho cumanta ris an dòchas so ! Ni-h-eadh, ach cònsaichidh an luchd-dòchais làidir so air a' chùis ri Criod féin aig caithir a bhreitheanais. An sin, tagraidh iad ris, ag ràdh "a Thighearna, nach d'ith 's nach d'òl sinn a'd' làthair-sa ? nach d'rinn sinn faidheadaireachd a'd' ainmsa ? nach do thilg sinn amach deamhain a'd' ainmsa ?" Ach cha n-aidich iad idir gu'n d'rinn iad dearmad air Criod, 'nuair a bha è "ocrach, tartmhòr, lomnochd, no ann am priosan." Bithidh so uile air a rag-àicheadh leo, gus an éigh è bréugach iad leis a' bhinn-ditidh a bheirear amach 'n an aghaidh. Och ! nach truagh cor nan daoine sin 'nuair a dh-fhéumas iad "soraidh leibh" a-ràdh ri'n dòchasaibh uile ! "Nuair a bhàsaicheas an droch dhuine, théid ás d'a dhòchas ; agus teirgidh dùil luchd-eu-ceirt." *Gnàth.* 11. 7. "Fàilnichidh sùilean nan aingidh ; agus dol ás cha bhi aca ; agus bithidh an dochas mar thoirt suas an deò." *Iòb* 11. 20. "A' toirt suas an deò !" is freagarrach, ach uamhasach, an sàmhladh sin air duine aingidh a' toirt suas a dhòchais. Is ann le mòr phian a dhealaicheas an t-anam ris a' chorpa, amhuil sin, is ann le mòr phian a dhealaicheas an t-aingidh ri 'dhòchas. Dealaichidh an t-anam ris a' chorpa ann an tiota, an déigh dhà fantuinn ànn le taitneas fad iomadh bliadhna ; agus dìreach mar sin dealaichidh a dhòchas ris an aingidh. Cha phìll an t-anam gu bràth tuilleadh a ghabhail còmhnuidh maille ris a' chorpa, anns an t-saoghal so ; agus cha phìll dòchas an aingidh gu siorruidh. Air là miorbhuileach na h-ais-eirigh, bitliidh an t-anam agus an corp arist air an aonadh ri 'chéile, ach cha bhi aiseirigh idir aig dòchas an t-sluagh mhallaichte. Thar leam gur è sealladh a's muladaiche 's an saoghal so, crèutair mi-dhiadhaidh 'fhaicinn a' bàsachadh, 'us 'anam 's a dhòchas a' dealachadh gu bràth ri 'chéile ! Cia brònach an t-atharrachiadh staide fo'n nochdar è ann an saoghal eile !

Na'm b'urrainn thu nis fhaighneachd de'n anam gun dòchas "Am bheil do dhùil ri teàrnadh anis cho làidir 's a b'abhaist dhì 'bhi? Nach muladach am freagairt a bheireadh è! Hò! nach robh peacaich air an dùsgadh gu smuaineachadh air so mu'm bi è ro anmoch!

A léughadair, na gabh fois gus an urrainn thu "réusan a thoirt airson an dòchais a ta annad"—réusan bunaichte air focail-gheallaith a' Bhìobuill. Am bheil do dhòcas a' glanadh do chridhe? a' beothachadh do shaothair ann an obair na diadhachd? Am bheil do dhòchas a' dol ammoid, agus do pheacadh a' dol an lughad? Agus am bheil d' ùmhachd a' sìor-fhàs na's cothromaiche? Ma's ànn mar sin a tha do dhòchas ag oibreachadh annad, gabh air d' aghaidh ann an neart an Tighearna, cum gu daingean do dhòchas, agus "gu bràth cha chuir è gu nàir' thu." Ach mur 'eil aon dearbhadh fallain, soilleir agad gu'm bheil obair gràis a' dol air a h-aghaidh air d' anam, tilg uait do dhòchas. Bi na éu-dòchas nach teàrnar thu gu bràth "mur beirear arìst thu," no nach fhaic thu Dia "as éugmhais naomhachd," no nach bi cuid agad ann an Criod mur "gràdhaich thu è ni's mò na athair, no màthair, no do bheatha." Is è an t-éu-dòchas so aon de na priomh chéumaibh gu nèamh. 'Nuair a théid duine dhe 'n rathad, ciod a' cheud ni a dh-fhéumar a dheanamh chum a chur air arìst? Ciod ach tuiteam ann an éu-dòchas nach ruig è ceànn a thuruis gu bràth, air an rathad a ghabh è, ma bhitheas a dhachaидh 's an Aird-an-ear, agus esan a' gabhail a dh-ionnsuidh na h-Aird-an-iar. Fhad 's a tha dòchas aige 'bhi ceart, buailidh è roimhe, agus fhad 's a mhaireas a dhòchas mar sin, is ànn a's fhaide 's a's fhaide théid è air seachran; agus an uair a dh-fhalbhas a dhòchas nach fhaigh è dhachaïdh gu bràth air an rathad ud, mur pìll è air ais, an sin pillidh è, agus faodaïdh dòchas ceart a bhi aige gu'n ruigear an dachaïdh. Sin dìreach mar tha thus', a pheacaich. Tha thu air do bhreith amach ás an t-sligh gu nèamh. Bha 'us tha thus' a' gabhail air d' aghaidh, sad iomadh bliadhna, air do rathad féin, 'an dòchas gu'm bi thu air do theàrnadh, a chionn, mar their thu-féin, nach 'eil thu cho olc ri

feadhain eile. Ach mur tilg thu uait an dòchas sin, agus mur fhaic thu gu'n robh thu rè na h-ùine so gu léir, amach ás an t-sligh gu nèamh, cha phìll thu gu bràth, agus cha bhi thu air do theàrnadh. Cha n-eil ni eile 's an t-saoghal a's dòcha d'anam a chumail amach á nèamh na do dhòchas mealltach gu'm bheil teàrnadh agad, am feadh a tha thu mach á sligh na slàinte. Faic mar dh-an-tromaicheadh truaigh' an t-sluaigne inhallaichte, maille ri càll nèimh, caillidh iad gach dòchas leis am bheil iad 'g an suas-phròpadh féin an diugh.

3. Fòs caillidh iad an t-sìth mhealltach coguis sin uile, a ta 'g an deanamli cho socrach an dràst. Cò a shaoileadh, ri faicinn cho sitheil 's a tha miltean de dhaoine mi-dhiadhaidh beò an dràst, gur goirid an dùn gus am féum iad laidhe sìos ann an lasraichean siorruidh? Gheibhear iad cho beag eagal á ifrinn ris a' chreidmheach a's diadhaidh, agus mar a's tric, is lugha iomagain an inntinn na iomagain na muinntir sin a theàrnar. O bu sibh na daoine sona, na'm maireadh an t-sìth so! "Oir an uair a their iad, Sìth agus tèar-uinteachd, an sin thig sgrios obann orra, mar shaothair air mnaoi thorraich; agus cha téid iad ás." 1 *Tes.* 5. 3. O a Shìth an-iocdmhor a chriochnaicheas ann an cogadb cho uamhasach! Do thaobh nàduir is "gearasdan" do Shàtan anam gach duine. Is sìth gach uile ni do anam an duine sin, gus an tig Criod air le geilt chaismeachd breitheanais agus ifrinn, 'g a bhualadh le buillean bagairt agus buillean eagail, gus an eignichear è gu gélleadh do thròcair, agus Criod féin a gbabhail mar 'Uachdaran. Air an uair sin 'tilgidh è Sàtan amach, a' toirt buaidh air, agus a' toirt uaith 'armachd anns an robh a dhòigh, agus a' roinn na creiche.' *Luc.* 11. 22. Mar sin daingnichidh è sìth mhaireannach dhà-féin. Mur 'eil agad-sa fathast ach a cheud seòrsa sìth' a dh'ainmich sinn, na creid gu bràth gu'm mair i dhuit. An urrainn sìth mhaireannach a bhi aig d'anam, is tu ann an naimhdeas ri Criod? An urrainn sìth a bhi aig duine, is Dia féin a' cogadh 'n a aghaidh? Cha n-eil rùn na's feàrr agam dhuit na gu'm buaileadh Dia astigh air do chridhe mi-chùramach, gu'n tilgeadh è

mach do shìth mhealltach, agus gu'n leagadh è sìos thu aig cosaibh Chriosd, ag ràdh "A Thighearna, ciod is àill leat mise a dheanamh?" agus gu'm faigheadh tu mar sin sìth mhaith agus chinnteach nach toirear uait gu bràth, eadhon tòiseachadh do shìthe sìorruidh nach tréig thu idir, mar thréigeas sìth ghnogach an t-saoghal.

4. Caillidh iad an sùgradh feòlmhor uile. Their iad-féin mu'n "gàire" faoin, "Is cuthach e; agus mu shùgradh, Ciod a nì e?" *Ecles.* 2. 2. Cha b'fheàrr è na "fuaim droighnich fo phoit." *Ecles.* 7. 6. Cha robh ànn ach lasair a mhair car tiota, chaith è seachad gu grad, agus cha till è tulleadh. Is searbh leo an diugh focal air bàs 'us breitheanas. Mùchaidh sin an sùgradh! Cha n-fhuilic iad aon smuain air am peacadh 's air an cunnart féin. Ut, ut! cha n-fhuilic; tromaichidh sin an spiorad! Cha n-fhaodar idir guil, no caoидh airson peacaidh, no "iad-féin irioslachadh fo làimh chumhachdaich Dhé." Ni iad gàire ri bròn diadhaidh. Ruagaidh iad air falbh càram le faoin dran; seadh, sgiùrsaidh iad uatha gach smuain air na nithibh tìamhaidh sin. Na abair diog rintna mu mhèdrachadh air Dia, no ùrnuigh; is leòr sin gu'm fàgail truagh, no gu'n cur ás an ciàll! Anamana bochd! Cia truagh bhur beatha, 'nuair nach bi ni idir agaibh ach dubh bhròn,—craidh sgàineadh cridhe a' sìor-theannachadh 'ur bròin a dh-easbhuidh aoibhneas mòr nan naomh, 's a dh-easbhuidh bhur seànn aoibhneas goirid féin! An saoil sibh 'bheil aon chridhe mear, aon ghnùis aoibhneach, no aon teangaidh shùgraiddh ann an ifrinn? Their sibh an diugh, "Is feàrr beagan sùgraiddh na mòran bròin." Ach nach b'fheàrr dhuibh gu mòr beagan bròin diadhaidh, a bheir aoibhneas sìorruidh, na bhur sùgradh faoin uile; oir is à crìoch an t-sùgraiddh sin bròn.

5. Fòs caillidh iad gach taitneas collaidh uile. Caillidh iad gach uile ni bu taitnich' agus bu luachmhoire leo,—an ni bu nèamh dhoibh. Caillidh iad an ni sin bu dia dhoibh, cho maith ri Dia féin. O tuitidh an duine mòr-chuiseach, glòir-mhiannach sìos o àirde gach onoir! Cha n-aithnichear a dhus 's a chnàmhan ameasg dus 'us ehnàmh nam "baigear" a's bochda, ni mò a bheirear urram, no fàbhar d' a anam seach iadsan. Cia lìon-

mhòr duine mòr, uasal, ionnsuicht' a ghlaisear amach o làthair Chriosd ! Càit anis am bi an tighean maiseach, mòra, cosgail ? càit am bi an leapaichean mìn, àluinn ? càit am bi an làmhsaidean socrach, grinn ? càit am bi an liosan snasmhor, craobhach ? càit am bi an cluain-tean taitneach, an coilltean naine, 's am foghar pait ? Cò anis a chòmhdaicheas 's a fhrithhealas am bùird ? Thréig sin iad uile. Cha n-eil an "duine saoibhir" air a sgeadachadh an sin ni's fhaide, le "purpur 'us lion-eudach grinn," no idir "a' caitheamh a bheatha gach là gu sòghail." Cha n-eil modh, no onoir do dhuine sam-bith an sin. Bithidh iad a' caitheamh an dùine ri mulad agus caoidh, 's cha n-ānn ri spòrsalachd. Och cia mòr an t-atharrachadh ! Mairidh teas an ana-mìann gun chomas idir a shàsachadh. Oilltichidh an cridh-eachan ri faicinn aghaidhean a chéile, a' mallachadh an là sin 'bu là coinnimh dhoibh ! Hò ! nach smuainicheadh peacaich an diugh, "an téid taitneas a' chuirp leinn gu ifrinn ! Nach dòruinn theànn dhuinn cuimhneachadh air an sin ? An fheàrr leinn còmpanas 's an olc na fìor chàirdeas ? C'uime reiceamaid gàirdeachas cho mòr, cho maireannach, cho do-mheasraichte air blasad taitneis gun fhiù ? Thigibh ! O Thigibh ! sinne 'pheacaich mar ri chéile, deanamaid anis ùrnuigh mar ri chéile, iarramaid maitheanas o Dhia, cuidicheamaid a chéile gu nèamh. O na faightear sinne gu bràth tuilleadh a' truailleadh, a' mealladh 's a' sgrios a chéile." O na'n tuigeadh daoine ciod a tha iad ag iarraidh le riàrachadh na fedla ? Cha n-eil ach am buaireadh a mheudachadh 's am pàinntearan féin a theannachadh.

II. An-tromaichear an truagh chor le càll fois nan naomh, le càil an toil-ìnntinn aimsireil, agus a bhàrr air sin, na's mò gu mòr le fulang dòruinn na h-ifrinn. Chithear truimead anabarrach na dòruinn sin, le thoirt fainear gu'm bheil i air a h-òrduchadh le Dia fèin o thoiseach a' pheacaidh,—Tha àit agus staid na dòruinn sin air an òrduchadh le Dia,—Is i an dòruinn sin obair dioghaltais Dhé,—Tha tlachd aig an Uile-chumhachdach ann an òrduchadh na dòruinn sin,—Bithidh Sàtan agus peacaich féin 'n an luchd-dioghaltais aig Dia,—Agus bithidh an dòruinn coitchionn, gun lasachadh, gun chríoch.

1. Is è Dia féin a dh'òrduich dóruinnean na h-ifrinn. Cha bu lugha na Dia féin a fhuair oilbheum o pheac-aich, air an aobhar sin, cha lugha na Dia a ni peanas orra airson am peacaidhean. Dh'ullaich è na dóruinnean sin airson a naimhdean. Bithidh a mhòr chorruich a' stòr-chur ás doibh; anail a chorruich a' beothachadh nan lasair, mar éire do-iomchair d' an anamaibh. Na'm bu chorruich créutair ì, is ann a b'fhasa dhoibh a giùlain. An-aoibhinn dhà-san a thuiteas fo bhuillean an Uile-chumhachdaich! "Is ni eagalach tuiteam ann an làmhaibh an Dé bheo." *Eabh.* 10. 31. Bu neo-ni an saoghal uile a bhi 'n an aghaidh, agus na h-uile chréutairean cruinn 'g am planadh, ann an coimeas ri so. B'fheàrr leo roimbe fearg a chur air Dia, na fearg a chur air uachdaran, custamair, maighstear, caraid, nàbuidh, no air am fedil féin, ach anis b'fheàrr leo mile cuairt a bhi air am fuathachadh leis an t-saoghal uile, na fàbhar Dhia a chàll. Ah! is "teine dìan-loisgeach" a chorruich! Ma lasas ì òirnn ach mionaid, seargaidh sinn ás mar f'héur! Cia luath a chrònias ar neart gu laigse, agus a philleas ar bòichead gu mì-dhreach! Na's luaithe na Loisgeas an lasair conlach thioram, caithidh corruich Dhé na h-aingidh thruagh sin. Air thalamh cha n-fhuiligeadh iad prìosan, no tàire, crann-losgaidh, no croich, no teine, no fraoch-fanaid, airson Chriosd, cionnus matà, 'dh-fhuiligeas iad anis lasair corruich Dhé 'g an caitheamh ás gu sìorruidh?

2. Tha àit agus staid na dóruinn air an òrduchadh le Dia, chum a cheartas a ghlòrachadh. Is ànn a chum a chumhachd féin a ghlòrachadh a chruthaich è na saoghail. Tha cruth maiseach nan uile chréutairean, a rinn a làmh, a' foillseachadh a ghliocais. Tha freasdal Dé air a nochdadhbh dhuinn ann an cumail suas nan uile nithe. 'Nuair a lasas eadhon aon srad de chorruich Dhia air an talamh, bàthar an saoghal uile, ach amhàin *ochdnar*. Loisgear Sòdom, Gomòrrah, Admah agus Seboim le teine bho nèamh. Dùnar cuid ann am béul na mara. Fosglaidh an talamh a bhéul agus sluigear sìos feedhain eile. Sgriosaidh a' phlàigh a mìltean. Nach soilleir an fhianuis air corruich Dhia, cor brònach nan Iudhach air an là an diugh! Ach is ànn airson na beatha ri


teachid, a tha tròcair agus ceartas glòrachaiddh Dhia air an rùnachadh, agus gu bhi air am foillseachadh anns an tomhas a's àirde. An sin glòraichidh Dia a thròcair, air dòigh nach urrainnear a thuigsinn an diugh leis na naoimh féin a bhitheas 'g a mealtuinn: agus foillsichidh è fòs a cheartas air dòigh a dhearbas do na h-uile gur è sin ceartas Dhé da rìreadh. Cha mheasar lasraichean bith-bhuan na h-ifrinn tuilleadh as teth airson nan anamanan ceannairceach; agus an déigh a bhi 'g an losgadh tre mhìltibh de mhìltibh bhliadhna chan, cha n-aithreach leis an t-olc a thainig orra. An-aoibhinn do'n anam a chuirear suas mar sin 'n a bhàll-amais gu bhi air a bhualadh le corrui ch an Uile-chumhachdaich! agus mar phreas a' sìor-losgadh ann an lasraichibh a dhìoghaltais, nach fhaodar a smàladh ás gu sìorruidh!

3. Bithidh dòruinn an t-sluaigh mhallaichte ana-barrach goirt, do bhràgh gu'm bheil i air a dòrtadh orra le dìoghaltas Dhé. Is uamhasach corrui ch, ach cò a sheasas dìoghaltas! Their an Dia mòr, "Sin sibhse mo chréutairean ceannairceach. Is tric a rinn sibhse tàir air m' fhoighidin-sa. Pàidhidh sibh anis air a shon. Cuimhnichibh cia tric a ghairm mis' oirbh, cia tric a chròm mì sios a' tagair ribh, agus cia tric a ghuidh mì oirbh sonas a ghabhail, ach cha b'aill leibh-se. An robh sibh am barail gu'n ceadaichinn dhuibh a bhi 'magadh òrm gu bràth?' Dìoghlaidh è orra gach tàir' a rinn iad air a thròcair, agus gach dearmad a rinn iad air Criod agus air gràs. Hò i faiceadh daoine so anis. Hò! thugadh iad taitneas do Dhia ann an casgadh an sgrios féin, mu'm bi è ro annoch!

4. Fòs cuimhnich "cha n-eil idir tlachd air-bith aig Dia ann an sgrios nan aingidh." B'f heàrr leis gu ro mhòr iad a philleadh d'a ionnsuidh féin agus gabhail ri Criod agus tròcair. Ach an uair gheibhearr iad gu rag-cheannairceach a' diùltadh ùmhachd a thoirt do Dhia, gabhaidh è tlachd ann an oibreachadh a cheartais 'n an aghaidh. Tha Dia ag ràdh, "Annam-sa cha'n eil dìan chorruich;" ach, deir è, an déigh sin, "Cò a chuireadh an droighionn agus an dris a'm' aghaidh anns a' chath? rachainn trompa, loisginn iad le

chéile." Och nach truagh cor nan créutairean sin ! " Cha ghabh an tì a rinn iad truas diubh ; agus cha nochd é caoimhneas dhoibh." *Isà.* 27. 4, 11. " Mar a rinn an Tighearn gairdeachas os an ceànn a dheanamh maith dhoibh ; mar sin ni an Tighearn gairdeachas os an ceànn gu'n sgrios, agus gu'n toirt gu neo-ni." *Deut.* 28. 63. Is truagh do na h-anam-aibh a bheir air Dia gairdeachas a dheanamh 'n am peanas ! " Ni è mar-an-céudna gàire ri 'n sgrios : ni è fanaid 'nuair a thig an eagal, 'nuair a thig eagal orra mar fhàsachadh, agus a thig léir-sgrios orra mar ioma-ghaoith ; 'nuair a thig téinn agus cràdh-eridhe orra." *Gnàth.* 1. 26, 27. Is uamhasach an ni thar càinnt 'us smuain, 'nuair nach faighear aon air nèamh, no air talamh, a chuidicheas ach Dia, agus nach dean esan ach gairdeachas ri "téinn" nan créutairean truagh sin ! Cha n-ānn idir gu litireil a " tha Dia a' deanamh gàire agus fanaid" ri truaighe nam peacach ceannaireach. Is ann amhain aréir gnàth-labhairt dhaoine 'tha na focail sin air an labhairt anns an Sgriobtuir, ag innseadh cho teànn 's a bhuiteas Dia ris a' pheacach, ni nach gabh innseadh air dòigh eile na's freagarraiche le càinnt dhaoine.

5. Bithidh Sàtan agus peacaich féin 'n an luchd-dioghaltais aig Dia,—'g am piànadhl aréir òrdugh a cheartais. Is è Sàtan a rinn na peacaich sin a bhuaireadh, a mhealladh 's a chumail o Chriosd, agus tròm-phìanaidh è iad anis airson géilleadh dhà. Sin amhàin an duais a bheir è dhoibh airson na seirbhis a rinn iad dhà gu tric. Dhiùlt 'us thréig iad Dia agus Criosd ; agus rinn iad dearmad air an anamanan féin : oir is i comhairle Shàtain a b' ànnsa leo na sin uile. Air an aobhar sin, cuirear iad fo dhroch cùng an droch mhaighsteir féin. Na'n robh iad cho firinneach ann an deanamh seirbhis do Chriosd 's a bha iad ann an deanamh seirbhis do Shàtan, gheibheadh iad duais na's feàrr. Is ceart, matà, iad a bhi 'n am piànadairean orra-féin, a chum gu'm faic iad mar sin, gu'm b' iad-féin a sgrios iad-féin, agus nach urrainn iad a choir-eachadh ach iad-féin amhàin airson na dóruinn a ta iad a' fulang anis.



6. Agus bithidh dòruinn nan aingidh *coitchionn*. Mar bha cuid aig gach bàll anns a' pheacadh, bithidh cuid aig gach bàll ann an dòruinn. Is è an t-anam bu mhò cuid ann am peacachadh, mar sin is è a's mò cuid ann am fulang. Is è an t-anam a's mò luach na 'n corp, mar sin bithidh a dhòruinn fada na's truime na dòruinn a' chuirp. Mar bheir aoibhneas an anama barrachd air taitneas collaiddh, bheir piantan an anama barrachd air piantaibh a' chuirp. Chá n-è mhàin anam, ach anam peachach a dh-fhéumas fulang. Cha ghabh teine mur bi an connadh tioram; ach an uair a bhitheas an connadh tioram, loisgidh è gu garg! Bithidh an cionta féin do na h-anamaibh mallaichte, mar spòng fo fhùdar, a' glacadh lasraichean na h-ifrinn d' an ionnsuidh gu dìan. Agus fuiligidh an corp a chuid féin cuideachd. An corp ud a bha roimhe sin air a choimhead cho càramach, mùirneach, air 'eiridinn cho caoin, agus air 'eideadh cho grinn, ciod a thàinig air anis! Is losal a thuit a shealladh uaibhreach! Is beag sùim nan lasraichean ud d' a sgeimh 'us d'a mhaise! Na sùilean ud, a b'abbhaist a bhi toilichte leis gach sealladh àillidh, cha n-fhaic iad nì anis ach crith-uamhas, corruiich Dhia a' taomadh anuas orra, na naoimh ud air an d'rinn iadsan tàir', anis air an àrdachadh a dh-ionnsuidh na glòire sin a chàill iad-féin, 'us iad-féin anis gun chòmpanach idir, ach deamhnan 'us spioradan mallaichte do-àireamh. Seallaidh iad anàll anis 'us their iad, "An ànn gu so a thàinig gach cuilm, cluith 'us ròdic a bh'agáinn?" Na cluasan ud a bha cleachdte ri cèd 'us fònn nan òran, cha chluinn iad ach sgread 'us glaodh oillteil dhaoine mallaichte, clànn a' sìor-mhallachadh am párrantan a threòraich iad anns an olc, le droch eisampleir; fir-phòsd' a' mallachadh an aghaidh nam ban-pòsda, maighstearan an aghaidh sheirbhiseach, ministearan an aghaidh pobuill, uachdarain an aghaidh iochdar, 'us gach aon ag eigh-eachd ris an aon eile, "Is tus' a thug an truaighe so òrnsa, cha do sheòl thu mo dhleasanas dhomh—cha do chaisg thu mo pheacadh—cha do labhair thu dileas rium, —cha d'innis thu mo chunnart dhomh. Ah! mise!" Sin anis còmpanas nan anam 's nam corp mallaichte ann an truaighe na dòruinn!

7. Mairidh an dòruinn sin *gun lasachadh* idir. So ni a ghéuraicbeas an gath píanaidh gu h-anabarrach. Ma chuir ifrinn eagal riamh orra, no ma bha an coguis fo-thrioblaid, uair air-bith 's an t-saoghal so, gheibheadh iad fear-sòlais aig an làimh. B'è sin caraid fèdlmor, gnothach tìmeil, fearas-chuideachd, no sùgradh faoin. Dh-fhuadaicheadh iad air falbh gach bròn le ith 'us òl, cluith 'us cadal. Ach dh'fhalbh anis gach fear-sòlais dhiubh sin. Bha an eridheachan cruaidh, an-dàna, mì-chreidmheach 'g an dòn mar bhalla-cloiche an aghaidh gach trioblaid inntinn. Cha deanadh rabbadh sam-bith drùigbeadh orra. Is è Sàtan fèin a b' fhear-sòlais doibh. Is tric a thuirt è riutha, mar thuirt è ri màthair 'a chinne-daoine, "An dubhaint Dia, 'cha n-ith sibh? gu cìnnteach cba'n fhaigh sibh bàs.' Am bheil Dia ag innseadh dhuibh gu'n laidhr sibh ann an ifrinn? Pugh, cha dad idir sin. Tha Dia tròcaireach. Ma tha ifrinn ann idir, carson a bhitheadh eagal oirbh? Nach robh fuil Chriosd air a dòrtadh air bhur son? Nach Criosd-uidhean sibh? Carson, matà, 'bhitheadh cùram oirbh? Cha n-eagal idir dhuibh." Aréir sin, mar is è Spiorad Chriosd is Comhf hurtair, no fear-sòlais do na naoimh, is è Sàtan comhf hurtair nan aingidh. Is cùramach am meirleach air eagal gu'n dùisg è sluagh, fhad 's a bhios è gu carach a' "robigeadh" an tighe, a cheart cho cùramach sin tha Sàtan air eagal gu'n dùisg è am peacach. Fhad 's a bhitheas inntinn a' pheacaich dàll-mharbh, cha n-abair Sàtan aon ghuth ris, brosgul, no sòlas. Càit anis, matà, an téid am peacach truagh a dh-iarraidh sòlais? Iadsan a chuir a chas anns an ribe, agus a gheall a theàrnadb, thréig iad è nis, agus tha iad-féin air an tréigsinn. Theich a shòlas gu léir. Ach tha an Dia cothromach sin, do'n tug esan gu tric tàmailt 'us tàire, nis a' làn-choimhlionadh dhà gach bagairt a labhair è riamh 'n a aghaidh.

8. Agus bithidh dòruinn nan aingidh *sìorruidh*—mairidh i gu bràth. Tha i uamhasach air gach dòigh eile, ach is è sin—a sìorruidheachd—a' cbuid a's uamh-asaiche dhì. An déigh do iomadh mile bliadhna—miltean do mhìltibh—a dhol seachad, bithidh dòruinnean an t-sluaigh mhallaichte cho ùr agus cho piantail

dhoibh 's a bha iad air a' cheud uair a dh'f hairich iad lasair na h-ifrinn. Bu shocair leo na'n robh dòchas idir ri crìoch a theachd air an dòruinn, ach O! cia cruaidh ri smuaineachadh gu'in mair ì "gu bràth!" Anns a' bheatha so, cha robh iad riamh sgìth dhe'n pheacadh, nis cha bhi Dia sgìth dhe bhi 'g am piànad. Cha d'rinn iad riamh fìor aithreachas airson am peacaidh, anis cha bhi aithreachas air Dia airson an dòruinn. Bhris iad lagh an Dé shìorruidh, agus air an aobhar sin, fuiligidh iad peanas sìorruidh. Bha fios aca gu'n do dhiùlt iad rìoghachd shìorruidh a ghabhail, agus biodh fios aca nis gu'm bi iad air an glasadh amach àisde gu sìorruidh. Pheacaich an anamanan neo-bhàsinhor, agus air an aobhar sin, fuiligeadh iad piàn neo-bhàsmhor. Bu shona leo iad-féin anis, na'n robh iad fathast 'n an laidhe aùns an uaigh, no na'm faodadh iad laidhe sìos innte rìst. O mar dh-éigheas iad ris a' bhàs, "O bhàis! càit an deach thu nis? nach tig 's nach geàrr thu ás mo bheatha thruagh? O b'fheàrr gu'u cuireadh am piàn so mis' amach á bith! O b'fheàrr nach bithinn idir ànn! O faigheam bàs! O pilleadh mo dhèò gu neo-ni!" Mar sin, bithidh na h-osnaichean searbh a dh-fhàisgear ás gach cridhe fo'n dòruinn shìorruidh. B'fhada leo gach searmoin 'us ùrnuigh a chual' iad 's an t-saoghal so. Och! och! nach fhada dhòibh anis smuaineachadh air an dòruinn gun chrìch! Nach bu ghoirid mionaid bheag an taitneis ann an coimeas ri sìorruidheachd chìlan am bròin! Cha robh 'n an taitneas feòlmhor ach mionaid, ach mairidh am peanas gu bràth!

O pheacaich, cuimhnich gu'm bheil d'ùin ach beag air ruith. Tha thu nis a' seasamh aig dorus na sìorruidheachd 's am bàs a' feitheamh gus an dorus sin 'fhosgladh agus thus' a thogail astigh. Caidil romhad beagan oidhcheachan, gabh mu-n-cuairt beagan làithean air an talamh, agus an ùin glé ghoirid, no mu'n saoil thu, bithidh d' aimsir, do smuaintean, do chùram agus do thaitneas uile air an slugadh suas leis an t-sìorruidheachd 'us ruigidh tu-féin staid, sona no dona, nach atharraicheadar fad linn nan linn. Mòr aoibhneas nèimh, agus mòr dhòruinn na h-ifrinn, cha n-urrainnear aon

diuhh sin a thuigsinn. Ach dòruinn shiorruidh ! sin dòruinn nach gabh breithneachadh.

Ach thar leam, a pheacaich uile, rag gu'n cluinn mì thus' ag ràdh aun do chridhe, " Ma bhitheas mì càillte, bitheadh, cha n-eil comas air. Is feàrr leam mo chunnart a sheasamh na géilleadh do iarrtas an Sgriobhtuir. Cha bhi mì na's miosa dheth na mo choimhearsnaich agus sluagh eile. Ma bhitheas peanas àun, cha n-eil air ach a ghiùlain mar a's feàrr is urrainnear." Och ! a chréutair bhochd, guidbeam ort anis, mu'n diùlt thu tròcair ás 'us ás, thu éisdeachd chùramach a thoirt do bheagan cheistean a chuireas mì, agus smuaineachadh orra mar dhuine réusanach. Cò thus' gu'n ghiùlaineadh tu corruiich Dhé ? An dia thu, no duine ? Ciod è do neart-sa ? Nach 'eil è mar neart céir, no conlaich an aghaidh an teine, mar mhòll an aghaidh na gaoith', no mar dhus an aghaidh garbh shéideadh na cuairt-ghaoith' ? Ged robh do neart mar iarunn, do chnàmhan mar umha, do bhònn mar an talamh, agus do chumhachd mar na nèamhan, sgriosar thu fo anail a chorruich. Ach cò thusa ? Criomag chriadha fo dheò, air do bheathachadh le tròcair an Tì sin a tha thus' a' diùltadh, agus air do chumail beagan làithean o bhi air do chagnadh le durragaibh bréun ! Sin thus'a thruaghain ; gidheadh cha näire leat a ràdh nach 'eil eagal ort & corruiich an *Uile-chumhachdaich* ! Amadain ! carson, matà, a chritheas tu 'nuair a chì, no 'chluinneas tu comharraighean uambasach a chumbachd agus a chorruich ? Ciod a their thu ri fuaim atnihoir an tâirneanaich a' réuhadh nan spéur, no ri garbh ghathan an dealanaich a' spoltadh 's a sgoltadh nan creag 's nan crànn, no ris "a' phlàigh a ghluaiseas ann an dorchadas," a' sgrios dbaoine mu-n-cuairt duit ? Na'm faca tu plàighean na h-Eiphit, no an talamh a' fosgladh a bheòil 's a' sìos-shlugadh Dhàtain agus Abíraim, no 'Eliah a' toirt teine bho na nèamhaibh a losgadh suas nan ceannard agus nan leth-cheud', nach cuireadh aon de na seallaidhean sin tròm gheilt air do chridhe ? Ciamar, matà, a slieasadhbh tu fo phlàighean na h-ifrinn ? Carson a bhitheas eagal ort 'nuair a thig goirteas beag sam-hith air do chorp ? Déide, lòinidh, alt-ghalar, teasach, càll

làimhe, no coise, no tuiteam fo bhochduinn 'us nàire Ach is beag am peanas na plàntan sin, geda a bhiodh iad uile air an càrnadh air aon neach, ann an coimeas ri dòruinn na h-ifrinn. Carson a chuireas teachd a' bhàis eagal cho mòr ort? O cia fuar leat a bhuaileas è do chridhe! Nach bu phàrras an uaigh ann an coimeas ri àit na dòruinn nach 'eil anis a' cur càraim ort: sa? Nach dòruinneach, do-iomchair leat bàll de do chorp a losgadh 's an teine? Ciod a theirear, matà, ri fulang gu bràth, deich mile cuairt na's mò ann an teas na h-ifrinn? Carson a chuireas iomradh, no smuain air ifrinn, iomagain, gluasad, buaireadh, no eagal air d' inntinn? Mur fuilige thu eadhon sin gun uamhas, cionnus a sheasadh tu dòruinn an àite sin? Carson a tha an "duine saoibhir" a' goirt-ghearan ri Abraham, gu'm bheil è "air a phìanadh ann an ifrinn?" No carson a chithear do dhroch còmpanaich a' càll am misneachd aig uair a' bhàis, agus aig an àm sin a' sgur de'n droch càinnt?

An do labhair thu riamh ri duine fo éu-dòchas? Nach bu mlù-shòlasach a bhriathran? Nach bu tròm a bheatha leis? Cha n-fhaigheadh è maith, no fois ann an ni sam-bith a bha aige; chàill a bhiadh 's a dheoch am blàs milis dhà; bu draghail leis a chàirdean 'fhaicinn; bha è sgìth dhe 'bheatha, agus fo eagal a' bhàis. Ma's urrainnear truaigh' an't-sluaigh mhallaichte 'fhlàng, carson nach fhuilige daoine na's socraiche gach roimh-bhlàs dhiubh sin air ifrinn? Ciod a theireadh tu na'in faiceadh tu Sàtan ann an cruth eagalach a' seasamh ri do thaoblì? Nach fàilnicheadh do chridhe le tròm uamhas, agus nach seasadh d'fhalt air a cheànn? Agus ciamar a sheasas tu gu sìorrnidh am far nach bi cuideachd air-bith agad, ach diabhlàn agus sluagh mallaichte 'g a do phìanadh 's a' fulang maille riut?

Faighnicheam so dhiot aon uair fathast,—Ma's ni cho beag leat-sa corruiich Dhia, carson a bha i cho mòr le Mac Dhia féin? 'Nuair a ghabh an Tì sin, a bha flòr neo-chiontach, os-làimh na fiachan a phàidheadh air ar son-ne, a' seasamh ann ar n-àit, agus a' giùlain a' pheanais a thoill sinne; thug a' chorruich sin air Criod "fallas mar bhraonaibh mòra fola a' tuiteam sios air an talamh." Ghlaodh Tighearn na beatha, fo

bhruthadh na corruiich sin; "A ta m' anam ro bhrònach eadhon gu bàs :" agus arìst air a' chrànn-chéusaidh, "Mo Dhia, mo Dhia, c'arson a thréig thu mi ?" Is cìnnteach na'm b'urrainn neach air-bith am fulangas sin a ghiùlain le socair, gu'm b'e Iosa Criosd an neach sin. Oir bha neart eile aige-san nach 'eil idir agad-sa, gus am fulangas ud a ghiùlain. An-aoibhinn duit, a pheacaich, airson do mhi-chùraim gun chiàll ! An saoil tbu-féin am bi an ni sin, a bha cho tròm do Chriosd, so-iomchair dhuit-sa. Faic bha Mac Dhé air a chur "ann an cruidh ghleachd anama," agus ann am "fallas fola," amhàin fo mhallachd an lagha, ach thusa, crèutair lag, gòrach, cha ni sam-bith leat tuiteam araan fo mhallachd an lagh' agus an t-soisgeil, agus mar sin a bhi 'toilltinneach air peanas na's mò gu mòr.' *Eabh.* 10. 29. Gu'n deanadh an Tighearn maith d' inntinn a cheartachadh le aithreachas.

Agus anis, a léughadair, faigheam do rùn. Ciod a tha thus' a' eur romhad a dheanamh ? Ciod am féum a tba thu 'dol a dheanamh de'n teagastg so uile ? Am bi é neo-tharbhach dhuit, no an àill leat gabhail ris gu flor dhùrrachdach ? Is iomadh rabhadh o Dhia, a chuir thu suarach agus a thilg thu uait ; agus an tilg thu so uait. Gabh an aire nis, cha bhi Dia an còmhnuidh a' stri riut-sa le rabhadh agus bagradh. Tha nis an làmh dhìoghaltais air a togail suas, agus tha buillean tròm a' teachd, ach an-aoibhinn dhà-san air an tuit iad ! An tilg thu uait an Leabhar so, ag ràdh nach 'eil dad ànn ach labhairt air ifrinn 'us damnadh. Is ann mar sin is àbhaist dhuit a bhi ri gearan air gach searmonaiche dileas. Ach am b'fheàrr leat nach innseamaid na nithe mòra sin dhuit idir ? An iarradh tu òirnn a bhi ciontach do fhuil d' anama, le fantuinn 'n ar tosd, agus Dia féin ag àithneadh dhuinn gu teànn na nithe sin a dheanamh aithnichte dhuit-sa ? Am bi thu-féin càillte le socair, tosdachd 'us dearmad, agus am b'fheàrr leat sinne 'bhi càillte maille ruit, na fearg a chur ort, le labhairt na firinn riut ? Faodaidh thus' a bhi ciontach ann an an-iochd-mhorachd cho uamhasach sin, ach "nar leigeadh Dia" gu'm faighear sinne cho ciontach, dàll-amaideach,

aingidh riut-sa. Is maith a tha fios againn gu'm fuathaicheadh sinn le daoine, 'nuair a gheibhear sinn a' searmonachadh, no 'sgriobhadh gu dileas mar so. Tha gaol air moladh ag iadhadh gu nàdurrach ann am broilleach gach duine, agus air eagal moladh, no deadh-ghean dhaoine feòlmhor a chàll, le mì-thlachd a chur orra, is gānn luchd-teagaisg a labhras riu air dòigh a dh-fhaodas a bhi mì-thaitneach leo. Ach smuainich thus' am bheil, no nach 'eil na nithe so fior? Mur 'eil iad fior théid mise leat gu grad a dhìeadh neach sam-bith a gheibhear a' cur eagail air sluagh, gun aobhar. Ach ma's iad na bagairtean sin briathrau Dhia, nach bu tus' an truaghan nach 'eil ag eisdeachd riutha, 'g an toirt fainear, agus 'g an gabhail gu cridhe! Ma's aon thusa de "shlnagh Dhé," gheibh thu an teagasg so uile 'n a shòlas, agus cha n-änn idir 'n a uamhas duit. Ach ma tha thu fathast ann an staid neo-iompaichte, thigeadh dhuit, aréir mo bheachd-sa, uiread a sgàth a bhi ort cluinnntinn mu nèamh 's a tha ort cluinnntinn mu ifrinn, mur leòr dhuinn amhàin ainm nèimh agus na slàinte. Tha sinn a' searmonachadh nèimh agus tròcair dhuit, a chum a thoirt ort iad sin larraidh agus a ghabhail gu toileach: agus tha sinn a' searmonachadh ifrinn dhuit a chum a thoirt ort an t-àit sin a sheachnad. Mur biodh dòchas idir gu'm faod thus' a dhol ás o'n dòruinn ud, bu ñiomhain a bhi 'g innseadh mu ifrinn dhuit, ach fhad 's is bed thu, bithidh dòchas ri do theàrnadh. Uime sin, matà, féumar gach meadhon a ghnàthachadh gu dian, dileas a chum thus' a dhùsgadh amach á suain-ghalar a' pheacaidh.

Och nan ochan! cò an cridhe is urrainn a smuain-eachadh, no cò an teangaidh is urrainn a chur-ancéill, ciod i dòruinn nan anamanan sin a ta nis a' fulang fo chorruich Dhé? Air là do dhòruinn, a pheacaich, éighidh tu ri Criod, "O trocair! O tròcair! O ghabh truas dhòm! O iochd air m' anam bochd!" Ach, O dhuine, tha mis' anis ann an ainm an Tighearn Iosa ag éigheachd riutsa, "O' dean tròcair! O dean iòchd air d' anam féin!" An dean Dia iochd ort-sa leis nach àill iochd a dheanamh ort-féin? Ma chì eadhon d' each slochd roimhe, is gānn is urrainn thu 'thoirt air

léum ànn ; agus an grad-thilg thusa thu-féin cho dùr sìos do ifrinn, an déigh do d' chunnart a bhi air innseadh dhuit roi làimh ? " Cò a's urrainn seasamh roimh fhearg an Tighearna ? agus cò a dh'fheudas fuireach ann an ðian-theas a chorruich ?" *Nah.* 1. 6. Shaoilinn gur leòr na chuala tu nis. Ach tilg uat do pheacadh mallaichte—a sgriosas an t-anam—agus lìrig thu-féin gu léir suas do Chriosd. Rùnaich so, agus dean è gu grad, chum gu'm faic mise do ghnùis *ann am fois* ameasg nan naomh. Gu'n deònaicheadh Dia do threòrachadh gus an co-cheangal so a dheanamh ris, gun dàil aon mhionaid eile 'chur auns a' chùis ! Ach ma chruadhaicheas tusa do chridhe gu bàs, agus nach bi teàrnadh air do shon, na abair air là mòr eile, nach d'fhuaire bu rabhadh dileas, agus nach robh caraid agad, a bha gu dùrachdach ag iarraidh do shaoradh o ifrinn nam mallachd.

CAIBDEIL VII.

Ar féum air a bhi gu dìchiollach ag iarraidh Fois nan Naomh.

Ma bhitheas Fois cho cìnnteach, glòrmhor aig na Naoimh, carson nach 'eil sluagh 'g a h-iarraidh na's dìchiollaiche ? Shaoileadh neach, ma chuala duine sam-bith, agus ma chreid è mar fhirinn gu'm faodar glòir cho anabarrach mòr 'f haotuinn, gu'm bitheadh flor mhiann làdir air a bheothachadh suas 'n a chridhe an déigh onoir cho àrd, gur gānn a chuimhnicheadh è air ith, no òl, no gnothach air-bith eile, ach a' siorlabhairt air an onoir so,—a' sior-fheòrachadh cionnus a ruigear air an àrd ionmhas so. Ach an àit sin, is ànn a gheibhear sluagh, a ta 'cluinntinn mu thimchioll an ionmhais so gach là, 's ag aideachadh a bhi 'creidsinn ànn mar àrd phùng de'n creidimh, cho mi-chùramach, mi-shùimeil 's a deanamh cho beag saothair mu 'thimchioll, as ged nach cluinneadh iad riamh gu'm bheil a leithid idir ànn, no ged nach bitheadh iad a' creidsinn aon smid' de na tha iad a' cluinntinn mu 'n fhois so.

Is iad an sluagh sin gu h-àraid—Luchd-na-h-inntinn-

saoghalta,—Am mòr-shluagh mi-naomh,—Luchd-aid-eachaidh foirmeil, no na Fuar-chràbhaich,—agus eadhon a' Mhuinntir dhiadhaidh féin.

1. Tha a'f Luchd-na-h-ìnn-tinn-saoghalta air a slugadh suas cho mòr le nithibh aimsireil, ionnus nach 'eil toil, no ùin aca gus an fhois so iarraighe. O pheacaire amaideach! cò a rinn bhur dalladh? Dh'f hág an saoghal sibh cho dàll ris na brùidean. Spòn è uaibh bhur cìall gu mòr. Cha n'-eil ach ruith 'us léum, cha n'-eil ach strì 'us éud an déigh nithe nach fiù, gun ghuth idir air fois shlòrruidh! B'è sin na h-ìnnleachdan, 's an dìan chùram aig sluagh gu éirigh suas céum na's àirde na muinntir eile 's an t-saoghal so, gun aon ghuth air onoir rioghail nan naomh! Faic lòtadh lonach dhaoine an dèigh gach taitneis fheadh-mhoir, ach tha moladh Dhé 'us aoibhneas nan aingeal air am meas leo mar eallach tròm! Ciod nach dean iad gu flor dhìchiollach, chum an ainm 's an clànn féin àrdachadh, 's an seilbh a mheudachadh, ged, ma dh-fhaoite, nach beir aon trà air trà eile dhoibh, ach cha smuainich iad car aon uair' ciod a thig dhiubh air là mòr a' bhreitheanais a tha nis a' teannadh orra gu dlùth! Nach moch a dh-çireas iad, nach anmoch a thíeid iad a chadal, nach dìan an saothair, ag oibreachadh o bhliadhna gu bliadhna chum iad-féin 's an teaghlaichean a chumail suas ann an creideas, gus an tig uair am bàis, gun smuain idir càit am bi iad an déigh sin! Is è their na daoine sin "Nach fhaod sinn a bhi air ar teàrnadh gun dragh cho mòr sin?" Is moch a thogas iad an seirbhisich gu'n obair, ach is ainmig a ghairmeas iad astigh iad gu ùrnuigh, no léughadh na firinn! Ciod a rinn, no ciod a ni an saoghal so airson na muinntir sin a tha 'g a ghràdhachadh cho mòr, 'g a iarraighe cho dùrachdach, 's a' fulang uiread air a shou, 'nuair a tha Criod agus nèamh air an dearmad leo gun sùim idir dhoibh? Is goirt ar rathad astigh do'n t-saoghal; is goirt ar saothair agus ar cuairt ànn, ach is goirte na sin uile, ar rathad amach ás. O dhaoine gun chìall, cò a dhàll sibh! am mair sùgradh 'us sôgh dhuibh gu bràth? An urrainn òr 'us glòir an t-saoghal seasamh mar chàirdean tarbhach dhuibh, 'nuair a's mò bhur

féum? An éisd iad ribh air uair 'ur téinn? An tour iad freagairt, no fuasgladh aig uair a' bhàis? An téid iad leibh do'n t-saoghal eile, am briob iad am Breith-eamh, an saor iad sibh o pheanas, an ceannaich iad àit dhuibh ameasg nan diadhair beannaichte? Carson nach fhaigheadh an "duine saobhir" aon sileag uisce 'dh-fhuarachadh a theangaidh? *Lùc. 16. 24.* An fheàrr criomagan milis 'us onoir thaitneach, ghoirid na beatha so na fois shìorruidh? Am pàidh iad càll an ionmhais a mhaireas? Am faod dòchas idir a bhi ri aon de na nithibh sin? A shaoghail ghràineil, mhealltaich! Is tric a chualas do sheirbhisich ro dhileas a' cruaidh-ghearan ort mu dheireadh, ag ràdh "Och! Och! mheàll an saoghal mì! Tha mi càillte! Bhreug è mì air là mo shoirbheachaidh, ach thilg è uaith mì air là mo théinn. Na'n d'rinn mise seirbhis do Chriosd, cho dìchiollach, dileas 's a rinn mì do'n t-saoghal, cha n-fhàgadh Easan mì mar so gun dòchas, gun sòlas." Mar sin gearainidh iad gu goirt, gidheadh cha ghabh peacaich eile comhairle.

2. Anis is lìonmhòr Sluagh mì-naomh, agus is beag saothair a ni iad airson slàinte. Is gànn an càram mu dhleasanasaibh cumanta na diadhachd, eadhon o'n leth-muigh. Ma gheibhear an soisgeul air a shearmonachadh fagus d'an àit-còmhnuidh, theagamh gu'n téid iad còrr uair a dh-éisdeachd, air sgàth an fhasain. Ach is beag an leisgeul a chumas aig an tigh iad. Ma bhitheas frasag uisg' ann, is leòr an leisgeul sin. Ma bhitheas an Tigh-aoraidh beagan mhiltean uatha, is maith an leisgeul sin leo. Cuid eile cha u'il aodach aca, mar their iad-féin, agus is mòr an leisgeul sin. Ach biodh an là fliuch no tioram, fuar no teth, gheibh iad aodach 'us cas-bheirt a bheir iad, iomadh mile, gu féill, no còdhail, no àit air-bith de'n dùthaich, a dh-íarraidh solair d' an cuirp. Cuid eile gu cronail a' smuaineachadh gu'm bheil iad a' deanamh fàbhair do'n mhinistear 'nuair a thig iad a dh-éisdeachd an t-soisgeil air a shearmonachadh, ged is ann dhoibh-féin a tha am fàbhar sin uile. Air uairibh, cha n-fhaicear ach aon, no dithis ás gach teaghlaich ann an Tigh Dhé air an t-sàbaid. Ach mo chreach! is lìonmhòr iadsan nach

fhaicear anns an "Tigh-aoraidh" eadar dà cheànn na hliadhna! Tha iad sin a' cruadhachadh an cridheachan an aghaidh àithne Dhé, 's a' fàs cho feòlmhor, mi-chùramach ris na brùidean féin. Aidichidh an sluagh sin uile, 'nuair a lahhrair riutha, gur è an Sgriobtuir lagh Dhé leis am hi iadsan air an aideachadh, no air an dìteadh aig a' bhreitheanas; agus aidichidh iad fòs gur "beannachte an duine sin aig am bheil tlachd ann an lagh an Tighearna, agus a sinuainicheas air a laghsan a là agus a dh'oirdhche." *Salm 1. 2.* Ach cha chuir iad dragh orra-féin caibdeil dheth a léughadh aon uair 's an là. Cuid a bheir am Biobull leò do'n eaglais air an t-sàhaid, ach tuilleadh féum cha dean iad dheth; cha sheall iad ànn fad na cuid eile de'n t-seachduin. Tha è air àithneadh dhoihh "ùrnuigh a dheanamh gun sgur," seadh a hhi ri ùrnuigh a ghnàth, ach gidheadh cha n-fhaighear iad ag ùrnuigh gach là an làthair an teaghlaichean, no idir ann an uaigneas. B'fheàrr le Dàniel a bhi air a thilgeil ameasg nan leòmhan, na sgur a dh-ùrnuigh gach là 'n a thigh féin, far am faodadh a naimhdean a chluinntinn, ach is feàrr leis an t-sluagh so iad-féin 'fhangail gu bràth mar chreach do Shàtan, an leòmhan bécach, na slàint iarraidh dhoibh-féin. No, ma nì iad ùrnuigh còrr uair, gheibhear i cho fuar, neo-spioradail, ionnus gur è diùltadh 'us cha n-è freagairt a tha i 'toilltinn o Dhia. Esan a dh-iarras ainmig, mi-chùramach, is coma leis, ach heag, co dhníbh a gheihh, no nach fhaigh è an ni a ta è 'g iarraidh. Cha n-airidh idir air nèamh, eadhon leo féin, iadsan nach iarr fois nèimh a ghnàth gu dùrachdach.

Na'n comharrraigheadh le *cailc* no *cil* dorus gach tigh 's an tìr, ag iarraidh gu'n dòirteadh Dia anuas a chorruich air na teaghlaichean sin nach 'eil gu dùrachdach a' cumail aoradh Dhé 'n an tighean gach là, gheibhteadh an dùthaich 's a bailtean mar àit air a mhilleadh leis a' phlàigh, an sluagh marbh astigh, agus comharradh hhreitheanais ainuigh. Is aobhar eagail gu'm biodh deich tighean air an comharrachadh amach airson a' bhàis, an àit gach aoin a rachadh ás. Is beag an àireamh dhaoine a gheibhear 's an dùthaich, a'

buileachadh cairteil na h-uaire gach là air ùrnuigh ri Dia airson an anamanan féin agus an teaghlaichean. Och ! is beag an cùram mu fhois shìorruidh d' an anamaibh ! Cba dean na lùnndairean dearmadach sin nì sam-bith, chum an sonas féin a chur air aghaidh, mur cuir iad aréir cleachdaidh, an dràst 's arist, an làmh ri dleasanais fhollaiseach, a chum an creideas féin a chumail suas ameasg nan coimhearsnach. Iarr orra leabhairchean maith a léughadh, stéidh an creidimh ionnsachadh ás a' Cheist-leabhar, là naomh an Tighearn' a chaitheamh ann an ùrnuigh, an soisgeul éisdeachd air a shearmonachadh, am focal a bheò-chumail 'n an smuaintibh a ghnàth, gach focal agus smuain diòmhain, talmhaidh a thilgeil uatha ; seadh. comhairlich sin doibh, 'us bithidh è dhoibh mar chuing ro thröm agus sgìth ; mar nach b' fhìach fois na glòire saothair cho mòr a dheanamh air a son.

3. Faic anis an "Luchd-aideachaидh foirmeil," no na "Fuar-chràbhaich :" gheibhear iad so a' deanamh uile dhleasanais na diadhachd o'n leth-muigh, ach cha n-urrainn thu an toirt gu bràth gu thuigsinn ciod è nàdur na diadhachd sin a gheibhear a' glan-oibreachadh astigh air a' chridhe. Searmonaichidh, eisididh, no léugaidh an sluagh so gu grinn. Labhraidh iad air nèamh, ni iad ùrnuigh 'n an teaghlaichean, cuidichidh iad leis gach aobhar maith, agus is toigh leo a bhi air am meas 'n an sluagh diadhaidh, ach gu bràth cha n-fhaighear an cridheachan a shocrachadh air na dleasanasaibh flor spioradail. Cha n-fhaigh iad blàs idir air na h-oibríbh naomh so,—gnàth ùrnuigh dhùrachdach agus meòrachadh diadbaidh ann an uaigneas,—féin-cheasnachadh treibh-dhireach,—inntinn nèamh-aidh,—caithris thairis air an cridheachan, air an càinnt 'us air an céumaibh féin,—an fheòil a chlaoïdh 's a h-ana-mìann a chumail fodha,—an naimhdean a ghràdhachadh agus maitheanas a thoirt doibh gu toileach,—am bràithrean a chur air thoiseach orra-féin—an cui'd 's an gnòmh gu léir a chur aig cosaibh Chriosd, ag amharc air a sheirbhis agus air 'fhàbhar mar na nithe sin a's àirde luach—iad-féin ullachadh airson a' bhàis, gu toileach a' fàgail an cùisean uile fo chùram Chriosd.

Sin nithe nach dean an cealgadair gu sìorruidh—cha dean è aon diubh. Faodaidh an cealgadair faoin-cridheach gabhail ris an t-soisgeul le gàirdeachas, ach ciod è dhe sin, 'nuair nach dean an teachdaireachd ach amhàin beantuinn ri uachdar 'anama gun dol idir astigh ànn. Cha leig è idir leis an t-siòl mhaith greim domhain, teànn 'fhaotuinn 'n a anam. Faodaidh am focal a bharail atharrachadh, ach cha n-eil idir a chridhe faoin air a leaghadh agus air a chumadh ás-ùr ann am mölltair an fhocail; cha n-eil Chriosd agus a làn chumhachd air an cur suas 'n a chridhe. Gheibhear a' chuid a's mò de dhiadhachd a' chealgadair sin a' ruith air barail dhaoine, agus cha chluinnear mar a's trice ach guth barail 'n a iomairt agus 'n a chòmhradh. Gu tric is deasbair aineolach, dàna, féin-spéiseil è, agus cha duine sùmplidh, iriosal a dh-òlas astigh an fhìrinn le gràdh agus ùmhlachd. Gheibhear è gu tric a' dean-amh tàire air daoine eile, agus air an teagast: ach is ainmig a chluinnear e-féin uair sam-bith a' labhairt gu h-iriosal, ciùin, càramach mu nithibh mòra Chriosd. Feuchaidh è gu soilleir gur ànn 'n a eanchainn a gheibhear a cuid diadhachd uile, agus cha n-ànn idir 'u a chridhe. Séidear anùll 's anall è leis gach gaoth-bhuaireadh, mar mholl, no mar iteag, do bhràigh nach 'eil a chridhe air a stéidheachadh air Chriosd trc ghràs. Cha chluinnear è ann an còmhradh uaigneach ri neach air-bith, gu h-iriosal ri caoidh airson truaillidheachd agus olcais a chridhe féin, no idir agaideachadh le bròn, cho beag gràdh 's a gheibhear ànn do Chriosd. Is làd na barailean claoen a ta 'n a cheànn, 's an comunn do'm buin è, culaidh-shòlais a's mò dhà na dearbh-bheachd air "cridhe glan."

Faodar an ni céudna a ràdh mu thimchioll a' chealgadair shaoghalta. Mùchaidh am fear-aideachaidh so fàs an t-soisgeil 'n a chridhe féin, le droighionn, iarrtas agus "ro chùram an t-saoghail." Mata 13. 22. Tha làn fhios aige nach urrainn è idir a bhi air a theàrnadh a dh-easbhuidh a bhi diadhaidh, agus air an aobhar sin, léughaidh è, éisidh è, ni è ùrnuigh agus tréigidh è nis a sheànn chòmpanaich agus a sheànn chéuman; gidh-a bhreith, is è Dia an t-àrd mhaith; ach cha dubhaint eadh dlù-leanaidh è ris na nithibh a ta làthair. Aréir

a chridhe agus 'aignidhean sin riamh. Gheibhear a' chuid a's mò de aignidhean an duine so suidhichte air an t-saoghal, agus cha n-ānn idir air Dia, agus an lòrg sin, is è an saoghal is dia dhà. Cha téid è fada le barailean 'us iomairt ùir, cosmhuil ris a' chealgadair eile, am "faoin-chridheach," a dh'ainmich sinn; gidheadh dlù-leanaidh è ris a' bharail sin, ciod-air-bith ì, a's feàrr a fhreagras a chum a bhuanachd shaoghalta' a chur air aghaidh. Agus mar neach aig am bheil a mhisneachd air a lagachadh le droch galar, tha inntinn an duine so air a milleadh le plàigh an spioraid shaoghalta. Is ainmig agus fànn a gheibhear è ri ùrnuigh gu h-uaigneach; is beag ceasnachadh a ni è air a nàdur féin; is beag a smuaineachadh air Dia; is beag a chaithris air a chridhe féin; is fuar a ghràdh do Dhia, is tearc a għluasad maille ri Dia; cha dean è għairdeachas ann an Dia, agus cha n-iarr è d'a ionnsuidh! Aontaichidh na cealgadairean sin, agus mòran eile, leat gu réidh anns na nithibh a bhuineas do leth-muigh na diadhachd, ach cha téid iad aon chéum leat gu dleasanasaibh naomh a' chridhe.

4. Agus gheibhear eadhon a' Mhuinntir dhiadhaidh féin leisg ann an iarraidh na foise sìorruidh. Och! ged is mòr ar solus, is beag ar blàs! ged is mòr ar n-aidmheil, is beag ar gniomh! Cò a tha 'ruith le cabhaig, mar airson nèimh! Nach 'eil sinn a' seasamh fuar, balbh! Nach diomhanach a gheibhear sinn ri obair! Nach 'eil sinn a' caitheamh na h-ùine ri bruidhinn, cluith 'us fearas-chuideachd! Nach cealgach a gheibhear sinn a' deanamh seirbhís Dhé! Nach 'eil sinn gu tric ag éisdeachd, mar nach bitheamaid ag éisdeachd; ag ùrnuigh, mar nach bitheamaid ag ùrnuigh; 'g ar ceasnachadh féin, a' smuaineachadh air Dia, agus a' crónachadh peacaidh, mar nach bitheamaid a' deanamh sin; a' mealtuinn Chriosd, mar nach bitheamaid 'g a mhealtuinn! Am bheil sinn a' gnàthachadh nithe nèimh agus nithe an t-saoghail, mar a theagaisg na h-Abstoil dhuinn? O ciod an doille reòta a rinn ar cridheachan a mheileachadh! Ged tha sinn a' bàsachadh le fios duinn, cha għluais sinn; ged tha sinn 'n ar seasamh aig dorus sonais, no truaighe sìorruidh, cha toir sinn sin fainear;

am bàs a' bualadh aig ar dorus, ach cha chluinn sinn è ; Dia agus Criod ag éigheachd ruinn, "An diugh ma chluinneas sibh mo ghuth, na cruaidhichibh bhur cridhe;" seadh, 'oibrichibh, am feadh is là è, oir tha 'n oidhche a' teachd 'nuair nach urrainn aon duine obair a dheanamh.' Nis togaibh oirbh, buailibh air bhur gnothach, deanaibh saothair airson bhur beatha, gairmibh gach neart 'us uair gu féum, mur dean sibh anis é, cha dean sibh gu bràth è. Ach O ! is gānn a għluaiseas sinne. Is gānn a dhùisgeas sinn á clò-chadal a' mhi-chùraim ! Nach luath cabhag bàis 'us breitheanais a' teachd h-ugainn ! Nach 'eil iad a' teannadh dirnn gach mionaid ! Is beag nach 'eil sinn 'n an làimh, ach gidheadh cha n-fhaicear sinn a' greasad—a' greasad—a' greasad ar céum. A Thighearn. nach marbh, talmhaidh, ifrinneach an ni cridhe cruaidh ! Càit am faighear an duine sin a's Crioduidh dùrachdach da rìreadh ? Tha eagal òrm gur priobaid an staid shiøruidh le daoine anns gach àit. Is beag saothair a tha iad a' deanamh air a son anis. Cha n-eil iad ag amharc air an staid sin mar ghnothach am beatha. Mur bithinn fèin tinn fo'n ghalar chéudna, is mis' a Ronadh ing an leabhair so le déoir ! ciod an osnaich leis an dòirteadh mo ghearan amach ! ciod am bròn cridhe leis an deanainn caoidh thairis air a' mharbhachd choitchinn so !

Am faighear luchd-riaghlaidh a' deanamh an oibre fèin gu diadhaidh ann ar measg ? Am bheil iad éudmhòr air taobh Dhé ? Am bheil iad a' suas-thogail a thighe ? Am bheil iad gu toileach, dileas a' cur onoir air Dia ? Am bheil iad a' cuideachadh leis an fhocal, a' casgadh peacaidh agus pheacach, na buaireadairean sin a tha nis a' toirt gach uilc 'us truaigh dirnn ? Am bheil iad a' deadh-ghnàthachadh an cumhachd, an saoibhreis, an onoir agus an ùghdarrais uile, a chum aobhar Chriosd a chur air aghaidh, mar dhaoine a dh-fhéumas cùntas "a thoirt air an stiùbhardachd" gu h-aithghearr ?

Nach gānn a għebhearn eadhon ministearan a tha da rìreadh dùrachdach 'n an obair ! Nach neo-iomlan a' chuid a's feàrr dhiubh anns a' chùis so ? Am bheil sinn, "ann an làn-dearbhadh an Spiorad," ag éigheachd amach an aghaidh eas-ùmhlachd dhaoine do'n t-soisgeul,

agus a' labhairt an aghaidh a' pheacaidh, mar an teine-sgrios a gheibhear anns gach dùthaich agus baile, 's ag éigeanachadh sluaigh gu teicheadh uaith airson am beatha? Am bheil sinn, mar níhuinntir aig am "bheil fios air uamhas an Tighearna, a' cur impidh air daoinibh?" Am bheil sinn a' sparradh air sluagh gabhail ri Criod, ris an ath-ghineamhuinn, ri creidimh agus naomhachd, a' làn-chreidsinn nach urrainn beatha 'bhi gu bràth aig daoine 'dh-easbhuidh sin? Am bheil ar cridheachan a' tiomachadh ris a' mhòr-shluagh aineolach, mhi-chùramach, rag-mhuinealach? 'Nuair a sheallas sinn riutha anns an aoduinn, am bheil ar cridheachan a' leaghadh le eagal os an ceànn, nach fhaic sinn an gnùis gu bràth ann am fois? Am bheil sinn, mar bha Pòl, a' guil 's ag innseadh dhoibh cho feòlmhor, talmhaidh, truaillidh 's a tha an cridheachan? Am bheil sinn 'g an "teagast gu follaiseach agus o thigh gu tigh," air gach àm, agus "le iomadh deur?" Am bheil sinn a' guidhe orra air sgàth slàint' an anamanan? No, am faighear sinn ag iarraidh cliù dhaoine, agus taitneas a thoirt do luchd-éisdeachd tiolpach, gogaideach, mar gu'm b'e an gnothach agus an dleasanais a's luachmhoire a ta aig ministear ri dheanamh, sgéul mìn, binn innseadh, a thaitneas ri cluasaibh dhaoine, fhad 's a bhitheas è 'labhairt, gun sùil tuilleadh a thoirt an déigh an t-sluaigh gus an tig an ath shearman? Nach tric a gheibhear gliocas feòlmhor, no fìamh crèutair a' bàthadh ar bed-dhùrachd! Nach blian ar searmoinean air cinn-theagaig fior dhùrlighteach! Nach mìn, socrach a làimhsicheas sinn na peacaidhean eagalach sin a tha agus a bhitheas a' làimhseachadh anamanan an t-sluaigh cho an-iochdmhor, sgriosail! A dh-aon fhocal, tha easbhuidh dìandhùrachd annainn-ne gu tric a' geas-thàladh anamanan dhaoine gu "foirmeileachd" fhuair, agus 'g an aomadh gu bhi ag éisdeachd le gnàth mhì-chùram a sgriosas iad. Gu'n deònaicheadh Dia peacadh mòr so na ministearachd a mhaiteadh anns an ni so; agus, gu h-àraig, mo chuid-sa dheth!

Agus am bheil an sluagh—am pobull féin—na's bed-dhùrachdaiche na luchd-riaghlaidh, no ministearan? Ciamar a bhitheadh? A léughadair, seall ambàin

riut-féin agus fuasgail a' cheist so. Fedraich ri do choguis—ri do chridhe féin, agus ma cheadaicheas tu dhà labhairt, ìnnsidh è an fhìrrinn dhuit. An do shocraich thusa do chridhe air fois shìorruidh mar ghnothach mòr do bleatha auns an t-saoghal so? An robh thu ri caithris agus saothair le d' uile dhìchioll “chum nach glac neach air bith do chrùn?” An robh thus' a' deanamh cabhaig', air eagal gu'm bi thu ro anmoch, agus gu'm beir am bàs ort, mu'm bi d' obair deante? An robh thus' a' dìan-ruith ameasg gach ana-cothroim, “a dh-ionnsuidh a' chomharraidh,” eadhon “duais àrd-ghairme Dhé ann an Iosa Criod,” gun stad. ‘g ad' shineadh féin chum nan nithe a ta romhad?’ Am fianuis do choguis air d' eigheachd, air d' osnaich agus air do dheòir dhìomhair? Am fianuis do theaghlaich gu'n robh thu 'g an teagastg ann an eagal Dé, agus gu dileas, dìchiollach a' toirt rabhaidh dhoibh gun dol gu “àit na dòruinn?” Am fianuis do mhiniștear gu'n cual' è thus' ag eigheachd “Ciod is còir dhomh a dheanamh chum gu'n teàrnar mi?” a' dòrtadh amach do ghearin an aghaidh do thruaillidheachd, 's ag iarraidh na sligh' a dh-ionnsuidh an Tighearna? Am fianuisean do choimhearsnaich gur àbhaist duit a bhi gu glic a' cronachadh chréutairean mì-dhiadhaidh, 's a' saothrachadh a chum anamanan do nàbuidhean a theàrnadh? Thugadh na fianuisean sin uile breth an diugh eadar Dia agus thusa, am bheil, no nach 'eil thusa gu bed-dhùrachdach ag iarraidh na foise nèamhaidh. Aithnichidh tu air an tomhas oibre a rinn è, co aca 'bha, no nach robh do sheirbhiseach leisg 'n a ghnothach, an uair nach robh do shùil air, mar sin, seall ri d' obair féin anis, agus aithnich an robh thu-féin leisg ann an gnothach d' anama. Am bheil do ghràdh do Chriosd, do chreidimh, d' éud agus do ghràsan eile, lag, no làidir? Ciod è d' aobhar gàirdeachais? Ciod è do dhearbh-bheachd? Am bheil gach ni dòigheil, òrdail 's an taobh-stigh dhiot? Am bheil thu ullamh airson a' bhàis, na'n gairmeadh è ort anis? Am bheil agad “beannachd” an t-sluaigh ris am b' àbhaist dhuit a bhi 'conaltradh? Thoir breth ort-féin aréir nan nithe sìn, agus chithear leat gu grad, co dhiubh bu leisgean, no oibriche dileas, dùrachdach tarbhach thusa.

O a shìth bheannaichte, cia mòr ar dearmad ort! O a rìogbachd ghlòrmhor, cia mòr ar dìmeas ort! Is beag is aitbne do dhaoine mi-chùramach, ciod è mòr luach na foise sin a tba nis cho suaracb led. Na'm b'aithne dhoibh idir è, is cìnnteach db-iarradh làd i na's dìchiollaiche. Is è mo dhòchas, a léughadair, gu'm bbeil thus' a' tuigsinn gur eagalach an ni dhuit-sa nis a bhi dearmadach mu do shìth shiorruidh, agus gu'n robh thu-féin cheana tròm-cbiontach do thaobh na cùise so. Is è mo dhòchas cuideachd nach leig thu leis a' mhothachadh, a fbuair thu air a' chùis, bàsachadh air d'inn-tinn. Na'n abradh an dochdadair riut, 'us tu tìnn, "ma leanas tu air dl aon chÙngaidh-leighis àraid a bheir mise dhuit, cha n'-eil teagamh idir agam nach leighisear do ghalar," nach gabhadh tus' a chomhairle gu luath? Mar sin matà, tha mis' anis ag innseadh dhuit, ma ghabhas tu an aon loc-shaint so 'n a h-aonar do d' anam, cha n'-eil teagamh idir agam-sa nach bi thu air do theàrnadh. Anis matà, crath dhìot do lùnndaireachd, agus cuir umad d' uile neart; tog ort agus bi a' d' Chriosduidh amuigh 's amach, agus gheibh thu sonas. Chaighdhu fad air seachran o Dhia, ach iarr è nis le d' uile chridhe, agus cha n'-eil teagamh nach fhaigh thu è. Agus ged bu mhì-chaoimhneil thu ri Criosd, iarr è gu toileach, thoir làn ùmhachd dhà, agus ma nì thu sii, bitidh do theàrnadh cho cìnnteach dhuit, as geda bhiodh è agad cheana. Ach ged is làn toilltinneas Chriosd, ged is saor a ghealladh, agus ged is mòr tròcair Dhé, is beag is fheàrrd thusa sin gu bràth, mur dean thu ach amhàin labhairt orra gun an gabhail h-ugad 's an coimhead gu bed-dhùrachdach; seadh, ma sheasas tu leisg, diomhanach, 'nuair bu chòir dhuit oibreachadh gu dìan, caillidh tu an crùn, eadhon "crùn na beatha." Buail air an obair, matà, gu dùrachdach, grad, agus beannaich Dia gu'm bheil ùin agad fathast gu obair a dheanamh. Agus a chum a dhearbhadh dhuit, nach 'eil mise 'g a do chur thuige gun aobhar, ainmichidh mì nis caochladh cùis-theagaisg gu do bheothachadh agus do għreasad air aghaidh. Dùisg snas do spiorad, agus, mar thuirt Maois ri Israel, "Socraich do chridhe air na focail uile air am theil

mise a' toirt fianuis dhuit air an là an diugh: oir cha ni dòmhain e dhuit, a chionn gur e do bheatha e." *Deut.* 32. 46, 47. Hò! gu'm fosgladh an Tighearn do chridhe, agus gu'n teannaicheadh è nis a chomhairle féin gu h-éifeachdach air d' ìnn-tinn.

Thoir fainear, is àrd-luachmhor an t-ionmhas a tha sinn ag larraiddh, air an aobhar sin, is réusanach an ni gu'n deanamaid dìchioll air 'fhaotuinn, freagarrach ri luach an ionmhais sin. Is mòr an obair a ta againn ri dheanamh, agus is goirid, neo-chìnnteach ar là, agus is lòn-mhor, dìchiollach ar naimhdean; air an aobhar sin, is còir dhuinn dìchioll a dheanamh a bhios freagarrach ris gach gairm agus cunnart dhiubh sin. Chan-urrainn tuigse dhaoine idir a bhreithneachadh cho mòr 's a tha cròch a' Chriosduidh 'n a larrtas 'us 'n a oidhирpibh uile. Càit am bheil ni eile cho bìrdheirc, cho luachmhor, cho urramach, cho féumail ri glòrachadh Dhé, ri slàint ar n-anamanan féin agus anamanan dhaoine eile, le teicheadh o dhòruinn na h-ifrinn, agus le seilbh 'fhaotuinn air glòdir nèimh? Agus an urrainn duine sam-bith a bhi air a ghreasad ro mhòr an déigh nithe cho prìseil? An urrainn è an larraiddh ro dhùrachdach, an gràdhachadh ro bhàth, no saothrachadh ro dhìchiollach air an son? Nach 'eil fhios againn, inur buadhaich ar n-ùrnuighean, gu'm bi ar saothair dòmhain agus sinn-féin càllte gu sìorruidh?

Is mòr, iomadh-ghnèitheach obair a' Chriosduidh anns a' bheatha so. Féumaidh 'anam a bhi air 'ath-nuadhachadh; féumaidh a thruaillidheachd a bhi air a cur gu bàs; cleachdad, buaireadh agus buannachd aimsireil a bhi air an ciosnachadh; an fhedil air a claoïdh: féumaidh beatha, creideas 'us càirdean a bhi air an àicheadh; féumaidh a' choguis a bhi tre bhonnachair ceart air a sitheachadh, agus féumar dearbh-chìnnteas 'fhaotuinn air maitheanas agus teàrnadh. Geda bheir Dia dhuinn na beannachdan sin uile gun deadh-thoilltinneas air-bith annainn-féin, gidheadh cha bhuilich è dirnn aon diabh, mur larr sinn iad gu toileach, dùrachdach, dìchiollach. A bhàrr air sin, féumar mòr eòlas a chruinneachadh, òrduighean a ghnàthachadh agus dleasanais a dheanamh. Tha sothair ùr ri dhean-

agus dleasanais a dheanamh. Tha saothair ùr r dheanamh anns gach linn, air gach bliadhna, air gach là, anns gach àit gus an tig sinn, agus anns gach gnothach a bhitheas againn ris gach uile neach, agus anns gach cor anns am bi sinn. Tha dleasanais againn ri dheanamh gnn stad, do fhearaibh-pòsda, do mhnathan, do chloinn, do sheirbhisich, do nàbuidhean, do chàirdean agus do naimhdean. Ciod ì do bhrefh féin anis? Daoine aig am bheil obair cho mòr sin air an làmhan, nach còir dhoibh mòr shaothair a dheanamh, no, an saoil thu, an è an gliocas a bhi leisg, agus dàil a chur anns an obair?

Tha dùin a' teicheadh 'n a deànn. Fathast beagan làithean 's cha bhi sinn ànn ni's mò. Is liomhor galar a tha 'n tòir òirnn, ullamh gu greim a dheanamh òirnn agus ar gearradh ás. Féumaidh sinne 'ta nis a' searmonachadh, agus sibhse 'ta nis ag éisdeachd, a' bruidhinn 's ag imeachd, a bhi gu goirid air ar giùlain air falbh, agus air ar càramh ann an duslach "an tighe chaoil," agus air ar fàgail aig na durragaibh ann am fuar dhorchadas, agus ann an dubh thruaillidheachd. Is beag nach 'eil sinn ànn cheana. Cha n-eil fhios againn am faigh sinn aon searmoin, no sàbaid, no là, no uair eile. Cia dìchiollach, matà, bu chòir dhoibh-san a bhi aig am bheil dùin cho geàrr 'us obair cho mòr!

Agus tha naimhdean guineach againn a' sìor-dheilbh innleachdan 's a' saothrachadh a chum ar sgrios. Nach dìchiollach Sàtan leis gach seòrsa brosnachaidh ag iarraidh ar glacadh! Uime sin, "Bithibh stuama, deanaibh faire; do bhrìgh gu bheil bhur nàmhaid an diabhl, mar leòmhan beuchdach, ag imeachd mu'n cuairt, a' sireadh cò a dh'fheudas e 'shlugadh suas. Cuiribh-sa 'n a aghaidh, air dhuibh bhi daingean 's a' chreidin." **1 Pead. 5. 8.** Nach dìchiollach uile "theachdairean Shàtain!" luchd-teagaisg bréige, luchd-fochaid, géur-leanmuinnich, agus truaillidheachd ar eridhe féin, nàmhaid a's miosa, a's dìchiollaich' a ta againn! An dean cogadh fànn, lag an aghaidh nan naimhdean sin an gnothach dhuinn? Nach bu chòir dhuinn a bhi na's gnìomhaich', dìchiollaich', tapaidh a chum sinn-féin a shàbhaladh, na gheibhear ar naimhdean a chum ar milleadh?

Thigeadh dhuinn fòs ar dìchioll a mheudachadh 'nuair a bheir sinn fainear gach tàlant 'us tròcair a ta againn, agus ar dàimh ri Dia, maille ris gach trioblaid leis am bheil è 'g ar cronachadh. Is mòr agus is lìonmhor tàlant a fhuair sinne. Càit am bheil sluagh eile fo nèamh a fhuair teagasc na's soilleire, comhairlean na's drùightiche, no rabhaidhean na's trice, na fhuair sinne, ann an àm agus ann an an-àm?—searmoinean, gus am bheil sinn sgìth dhiubh; agus sàbaidean gus am bheil sinn 'g am mi-naomhachadh? Leabhrachean maith cho pailt 's gur gànn tha fhios againn cò a' cheud fhear a léughas sinn? Càit am bheil sluagh eile aig an robh Dia cho fagus doibh? no 'chunnaic uiread de Chriosd air a chéusadh fo'n sùilibh? no do'n robh glòir nèimh agus dóruinn na h-ifrinn air an deanamh cho soilleir? Carson nach luathaicheadh sluagh mar sin an céum gu nèamh! Nach fhaodadh iad éirigh suas air iteig leis na sgiathan sin! Nach bu chòir dhoibh seòladh luath, 'us sruth, grìan 'us gaoth leo! Cha bheag an tomhas gràis a fhreagras do leithid sin a shluagh, agus cha leòr dhoibh idir dìchioll beag ann an seirbhis Dhé.

Tha ar beatha 's ar turus uile làn thròcairean. Saoibreas na mara, saoibreas an fhearan, saoibreas nèimh agus na talmhuinn air an taomadh dirnn gu tròcaireach le Dia. Tha sinn air ar beatbachadh, agus air ar còmhdaich le tròcair. Tròcairean lionmhor againn astigh 's amuigh. Cha n-eil crìoch air ar tròcairibh. Innis an àireamh ma's urrainn thu; innis an toiseach àireamh nan réult agus na gainimh mìne air tràigh a' chuain! Ma tha eadar-dhealachadh idir eadar ifrinn agus talamh, seadh, no eadar nèamh agus talamh, gu cìnnteach tha iomadh tròcair againn-ne. Ma's tròcair fuil Chriosd, Mac Dhé, gun teagamh thug Dia tròcair dhuinn-ne. Cha ro mhòr agus cha ro mhaith le Dia na tha e-féin a' deanamh air ar son-ne, agus am mòr leinn-ne gach saothair a ni sinn air a shon-san? 'Nuair a choineasas mi mo bheatha mhàll, neo-tharbhach féin ris na tròcairean lionmhor, prìseil a thug Dia dhomh, fasaidh nàir 'us tosd òrm, agus fàgaidh è gun leisgeul mì.

Ach nach ionmhui'n ar dàimh ri Dia? An sinne

clānn Dé? Ma's sinn, gu cìnnteach, is còir dhuinn gràdh làdir, blàth, làn, agus flor àmhlachd a thabhairt dà os-ceànn gach nì 'us neach eile? An sinne "céile Chriosd," agus nach toir sinn bed ghràdh agus làn àmhlachd dhà. 'Ma's Athair ma tà, cait am bheil 'onoir? agus ma's maighstir è, c'ait am hheil 'eagal?' *Mal. 1. 6.* 'Tha sinn a' gairm Maighstir agus Tigh-earn dheth-san, agus tha sinn ag ràdh gu maith.' *Eò. 13. 13.* Ach mur hi ar dìchioll freagarrach ris an dàimh sin, tha sinn 'g ar diteadh fein, 'nuair a their sinn gur sinne clānn agus seirbhisich Dhé. Faic an t-saothair mhòr 's an obair chruaidh a ni seirhhisich gach là, chum am maighstearan timeil a thoileachadh, agus nach 'eil sin a' dubh-dhìteadh na muinntir leis nach àill saothair agus obair cho cruaidh a dheanamh airson a' Mhaighstir mhòir, shìorruidh! Gu cinnteach, cha n'-eil maighstear idir ànn cho maith ris-san, agus cha n-fhaigh seirbhisich air-bith eile duais cosmhnil ris an duais a bheir Dia d'a sheirbhisich dhileas, dhìchiollach fein.

Agus an uair a gheihhear sinn a' dol amach o rathad Dhé, no ri cadal, no moille air an rathad, buailidh è sinn gu tric leis an slait-smachdachaidh, chum ar pilleadh air ais, agus ar cur arist anns an t-sligh mhaith. Is ealamh a fhreagras gach báll 'us crèutair, 'nuair a dh-àrduicheas Dia do aon air-bith dhiuhh, sinne a chasgadh, no 'chronachadh. Air uairibh, nithear na tròcairean a's milse leinn 'n am bròn duinn. Cha bhi Dia gun slait dhuit, ged dheanadh è sgiùrsair dhiot-fein a chum thu-fein a smachdachadh. Faic do chorp tinn ag acain 's ag osnaich; thu air do shàrachadh le cridhe duilich; no do choguis chiontach fein 'g a do théumadh mar scorpion 'n a d' uchd. Co dhiubh nis a's fhusa leat d'ohair, na spuir ghoirt mar sin a chur riut? Co dhiubh a's feàrr leat a bhi air do chlaidh le trioblaid, na d' obair a dheanamh gn dìchiollaich? Bithidh, gun teagamh, ionadh trioblaid 'us àmhghar anns a bheatha so gu tric, aig a' mhuinntir a's mò a nì,—aig na seirbhisich a's dìchiollaiche, ach tha dà thohar sòlais aca-san nach 'eil idir aig an leisgean: gheibhear sìth coguis aca, agus dearbh chìnnteas air an dìchioll 's an dilseachd ann an seirbhlis Chriosd, agus cho fad 's a bhitheas an

sòlas dùbailt sin aca, cha bhi copan na trioblaid idir cho searbh dhoibh.

Chum ar dìchioll a mheudachadh ann an obair an Tighearna, is còir dhuinn a thoirt fainear ciod iad na nithe lionmhòr a ta againn a chum ar cuideachadh; ciod iad na firinnean a tha sinn ag aideachadh, agus a bhi làn chinnteach nach urrainn sinn eùs, no tuilleadh 's a' chòir a dheanamh gu bràth. Nach 'eil an saoghal gu léir againn mar sheirbhisich a chum ar cuideachadh ann an seirbhis Dhé?—a' ghrìan, a' ghealach agus na réultan a' feitheamh dhuinn, le solus agus buaidh, a chum ar cuideachadh? An talamh leis an uidheam mhòr a ta air,—clach, fiadh, luibh, toradh, eun agus beathach,—an cuan 's a chréutairean iongantach gun àireamh,—an t-àile, a' ghaoth, an t-uisg, na neòil, an sneachd, an reothadh, teas, tigh 'us teine,—nach 'eil iad sin uile a' feitheamh dhuinn, agus a' cuideachadh leinn aig an obair? Seadh, nach 'eil eadhon ainglean na glòir a' feitheamh dhuinn, mar "spioradan frith-ealaidh." Agus nì a's mò na sin uile, nach 'eil foighidin Dhé féin a' feitheamh ruinn; Criod leis an t-sìth a cheannaich 'fhuil, a feitheamh ruinn, an Spiorad Naomh a' feitheamh agus a' strì ris gach cridhe seachranach? Agus nach 'eil ministearan an t-soisgeil ag ullachadh 's a' feitheamh, a' searmonachadh 's a' feitheamh, ag ùrnuigh 's a' feitheamh ri peacaich gun chùram? Nach uamhasach an cionta, matà, dearmad a dheanamh air an obair, agus ainglean 'us daoine, seadh, an Tighearn glòrmhor féin cho fagus duinn, agus iad, mar gu'm b'eadh, ullamh gus a' choinneal a chumail ruinn, agus sinn-féin gun a bhi 'deanamh dad idir! Guidheam dirbh, a Chriosduidhean, ge-b'-e uair a bhitheas sibh ag ùrnugh, a' cronachadh luchd-uile, no ri dleasanais air-bith, cuimhnichibh-se cia lionmhòr, comasach bhur luchd-cuideachaидh, agus thugaibh féin breth am bheil è sàbhailt dhuibh dàil a chur anns an obair mhòir so, no 'bhi 'g a deanamh gu fuar, fànn, rag, leisg, an dràst 's arist?

Is iad na firinnean mòra a tha siùn ag aideachadh, gur è Dia féin an t-àrd mhaith,—gu'm bheil ar sonas uile ann an gràdh Dhé, agus, air an aobhar sin, gur

còir dhuiinn sonas iarraidh, agus meas a chur air Dia os-ceànn nan uile nithe,—gur è Dia fèin amhàin ar Tighearn, agus, air an aobhar sin, gu'm bheil againn ri seirbhis a dheanamh dhà, air thoiseach air na h-uile,—gu'm féum sinn Dia a ghràdhachadh le ar n-uile chridhe, ar n-uile anam agus neart,—gur è ar gnothach mòr 's an t-saoghal so, Dia a ghlòrachadh, agus slàint 'fhaotuinn. Am faicear an teagasg sin anis ann ar cleachdadadh? No am faighear ar gnìomh-obair ag àicheadh nan nithe a tha ar briathran ag aideachadh?

Ach, ciod-air-bith cho mòr 's a bheothaichear an obair leis gach bōnn-firinn agus luchd-cuideachaidh, tha sinn làn-chìnnteach nach urrainn sinn cùs a dheanamh gu bràth. Geda dheanamaid "na h-uile nithe, is seirbhisich neo-tharbhach sinn." *Lùc.* 17. 10. Ach tha sinn cìnnteach gu'm bheil sinn a' deanamh ro bheag de gach dleasanais. Cha n-urrainn duine sam-bith seirbhis ro mhòr, no ùmhachd ro mhòr a thoirt do Dhia. Ma's ànn do bhaoth-chreidimh agus air seirbhis do innleachdan a dheilbh sinn-féin, a gheibhear sinn ag oibreachadh gu h-éudmhor, dian, faodar a ràdh gu'm bheil sinn "anabharrach fireanta;" ach fhad 's a leanas sinn riaghailt an Fhocaile, cha n-urrainn sinn a bhi ro "fhìreanta" gu bràth. Nach ana-cneasda, gàmhlasach an saoghal a their gur nednach, amaideach an ni, sluagh a bhi glé dhìchiollach, fìrinneach, dileas ann an deanamh seirbhis do Chriosd! Ach is fagus an là air an aidich na saoghaltaich sin gu luath, nach urrainnear seirbhis ro mhòr, no gràdh ro mhòr a thoirt do Dhia; agus nach urrainn duine sam-bith a bhi ro dhìchiollach airson 'anam fèin a theàrnadh. Faodaidh sinn obair ro mhòr a dheanamh gu tric do'n t-saoghal, ach cha n-urrainn sinn idir obair ro mhòr a dheanamh do Dhia.

Faic so anis:—Is è nàdur gach gràis ar dìchioll a mheudachadh,—is saothair chàillte gach leisg-obair a nithean anns an t-sligh gu nèamh,—tha mòran àine luachmhor air a mhi-ghnàthachadh cheana,—agus is ànn àréir ar saothair a bhitheas ar luach-saothrach. Thoir fainear, matà, nàdur 'us aomadh gach gràis. Ma tha gràdh glan agad do Dhia, cha shaoil thn idir ro

mhòr, no ro dhraghail, ni sam-bith a's urrainn thu 'dheanamh chum a sheirbhis a chur air aghaidh, agus a thoileachadh na's mò. Tha gràdh beò, togarrach, gniomhach, cùramach. Ma tha gràdh agad do Criod, coimhididh tu 'àithntean, agus cha n-abair thu gu bràth, mar leisgeul dhuit-féin, gu'm bheil iad ro theànn, no ro chruaidh ort. Ma tha creidimh agad, beothaichidh agus misnichidh è thu an còmhnuidh. Ma tha dòchas na glòir' agad, bithidh è dhuit mar an dual-mòr (*main-spring*) do'n uaireadair, cuiridh è gach cuidhle 'n a d' anam air għluasad. Ma tha eagal Dé ort, dùisgidh è thu agus fuadaichidh è air falbh do leisg. Ma tha éud agad, lasaidh è, agus ithidh è suas thu. Ciod-air-bith tomhas anns am bheil thu air do naomhachadh, no do chridhe air a għlanadh, is ānn dìreach aréir an tomhais sin a għebhear thu bed-dhūrachdach agus dìchiollach, gniomhach ann an obair Dhé.

Ach iadsan a ni leisg-obair, caillidh iad an saothair. 'Tha mòran, cosmhuij ri Agripa, ach "beag" 'n an Crioduidhean. Ach chì iad sin mu dheireadh, gu'm bi iad ach *beag* air an teàrnadh. 'Nuair a bhitheas ditbis a' ruith ann an geall-réis, caillidh am fear a's maille céum araon an duais agus a shaothair. Ma tha duine a' togail cudthroim, abair clach mhòr, no bolla-mine, féumaidh è neart gu leòr a chur ris, mur cuir, bu cho math dhà gun fheuchainn idir ris. Nach lìonmhor dleasanais a tha Crioduidhean a' cāll, a dh-easbhuidh an làn dheanamh,—an deanamh ás 'us ás ! "Iarraidh mòran dol a stigh, ach cha'n urrainn iad." *Lūc.* 13. 24. Ach is dòcha gu'm b'urrainn iad, na'n d'rinn iad "spàирн chruaidh." Uime sin, dean-sa dìchioll beagan na's mò, agus cuir neart beagan na's mò ris an obair, air eagal gu'n cāll thu na rinn thu cheana.

A bhàrr air sin, nach 'eil mòran ùine luachmhòir air a cāll cheana ? Dh'fhalbh làithean leanabachd agus òige bho chuid dhìnn, agus o chuid eile, leth an aois, agus is goirid, neo-chìnnteach na làithean a ta romhainn. Nach mòr an ùin a chaith sinn ri cadal, ri bruidhinn gun toradh, ri cluith, agus ri smuaintibh 'us cùram saoghalta! Nach beag obair a tha deante ! Cha bheirear air na làithean a dh'fhalbh gu bràth; mar an

corp a chàraichear 's an "tigh chaol gun léus," cha till iad tuilleadh! Nach còir dhuinn, matà, am beagan làithean a ta romhainn a ghlacadh agus a chur gu buil mhaith? Ma chaidleas am fear-astair, no ma's māl a choiseachd air toiseach an là, féumaidh è uis a chéum a luath-ghreasad 's an fheasgar, air-neo cha ruig è ceann a thuruis.

Bi cìnnteach gu'm bi do dhuais aréir do shaothair. An sìol a chuirear 's an talamh, bàsaichidh è ànn, agus cha n-fhaicear è ni's mò, gidheadh chithear a thoradh taitneach, trōm 's an fhoghar. Mar sin bithidh saothair mhaith an diadhair dhìchiollaich. Oibrich thusa, matà, an diugh; oir ciod-air-bith a ni thu nis, no 'dh-f huiligeas tu airson Chriosd, pàidhidh fois shiorruidh air a shon uile. Cha ghabhar aithreachas gu bràth airson saothair, no cruaidh-oibre tre'n téidear airson crùin-gldire. Cha n-abaira on neach aig uair a' bhàis, "B'fheàrr nach d'rinn mì saothair cho mòr, b'fheàrr nach robh mì ri ùrnuigh cho tric, b'fheàrr nach robh mì cho teànn-phùngail, no b'fheàrr dhomh cùisean a ghabhail cho socrach ri sluagh eile." Ut, ut! cha n-abair, ach seallaidh a' mhuinnitir naomh air an ais, le aoibhneas, air gach saothair 'us trioblaid, a' moladh àrd chumhachd Dhé a rinn iadsan a shaoradh o gach "trioblaid agus téinn." Is maith a dh-fhaodas sinn uile a ràdh le Pòl, "Tha mi a' meas nach airidh fulangais" agus saothair "na h-aimsir a ta làthair a bhi air an coimhmeas ris a' ghlòir a dh'flioillsichear annainn." *Röm.* 8. 18. Cha n-eil 'n ar saothair an diugh ach mionaid, ach mairidh ar fois gu siorruidh. Cò anis nach dlù-chleachdadh a neart uile car aon uair a chum, le obair na h-aon uaire sin, a bhi 'n a phrionnsa fad a bheatha? "Cha n-eil Dia mì-chothromach, gu'n dì-chuimhnicheach è obair agus saothair ar gràidh." *Eabh.* 6. 10. Nach bi ar "deòir uile air an tior-machadh air falbh," agus gach bròn, a bhual sinn ann an cuairt ar dleasanais, air a dhì-chuimhneachadh air là na foise glòrmhoir' shuas?

Nis is maith na nithe prìseil so a thoirt fainear, eadhon gur è "spàирн chruaidh a dheanamh" an dòigh a dh'òr-duich Dia fein a chum ruigheachd air slaint,—gu'm

bheil, no gu'm bi an dòigh so air a h-aideachadh gu taitneach leis na h-uile dhaoinibh,—gu'm bheil na Criosduidhean a's feàrr ri caoidh aig uair a' bhàis airson an dearmaid,—agus gu'm bheil mòran a' càll an còir air nèamh, do bhrìgh nach 'eil iad a' deanamh cruaidh spàирn, agus nach ruigear nèamh gu bràth air dòigh sam-bith eile a's socraiche na sin.

Is è 'n Dia uile-ghlic féin a ta nis ag innseadh dhuinn gu'm féumar "spàирn chruaidh a dheanamh" leis gach uile neach a chum ruigsinn air teàrnadh. Tha gliocas Dhé a' faicinn so iomchuidh; agus cò aig a's feàrr a tha fios air an dìchioll a dh'f'héumar a dheanamh air an t-sligh gu nèamh, na aig Dia nèimh? 'Nuair a chluinnear daoine feòlmhor a' gearan an aghaidh so mar òrduigh ro theànn, cò a tha iad a' coireachadh, Dia no seirbhisich Dhé? Ma tha coire sam-bith ann, féumaidh i bhi aig an Tì sin a tha 'toirt na h-àithne, agus cha n-ann againn-ne idir a tha nis a' toirt àmhachd dhì. Their na daoine sin ruinn, an sibhs' a's glice na daoine eile? mar sin, a' gabhail gu dàna orra-féin a bhi na's glice na Dia féin. Cionnus a chordas am beachd 's am briathran, ri lagh 'us briath-raibh Dhé? Mar so deir an Tighearn:—"Tha rioghachd nèimh a' fulang ainneirt agus luchd na h-ainneirt 'g a glacadh le làmhachas làidir." Mata 11. 12. "Deanaibh spàирn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann: oir a ta mi ag ràdh ribh, gu'n iarr mòran dol a stigh, agus nach urrainn iad." Lùc. 13. 24. "Ge b'e ni a gheibh do làmh r'a dheanamh, dean e le do dhìchioll; oir cha 'n'eil obair, no innleachd, no eòlas, no gliocas anns an uaigh, d'am bheil thu a' dol." Ecles. 9. 10. "Làn-obrichibh bhur slàinnté féin le h-eagal agus ball-chrith." Philip. 2. 12. "Deanaibh tuilleadh dìchill chum bhur slàinnté agus bhur taghadh a dheanamh cìnnteach." 2 Pead. 1. 10. "Agus ma's ann air èigin a theàrnar am firean, c'ait an taisbein an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach e-féin?" 1 Pead. 4. 18. Labhradh na daoine sin gach sgèòd a's àill leo an aghaidh "ainneirt" dhiadhaidh agus "cruaidh spàирn" nan naomh; is leòr leam-sa so a chum am bréug-nachadh, nach 'eil Dia idir ag ràdh mar tha iadsan ag

ràdh, agus nach è am beachd-san, beachd Dhé air an obair so. Dh'àithn Dia dhomh-sa mòran a dheanamh, agus ged nach fhaicinn aobhar sam-bith eile airson a dheanamh, bu leòr an t-aobhar leam a thoil mhaith féin. Cò bu chòir lagh a dheanamh air ar son, agus àithneadh dhuinn a choimhead, ach an Tì a rinn sinn? Agus cò bu chòir an rathad gu nèamh a chomharrachadh amach dhuinn, ach an Tì a's urrainn ar toirt gu nèamh? Agus cò bu chòir cumha na slaint' a dhean ainh ruinn, ach an Tì sin a ta nis a' tabhairt beannachd na slàinte dhuinn? Mar sin, labhradh an saoghal, an diabhul 's an fheòil an aghaidh cruaidh spàирн nan daoine dìchiollach, naomh; ach is è mo fhreagairt-sa, *Dh'àithn Dia féin* è.

Cha robh riamh, agus cha bhi duine idir ànn nach aidich gu toileach, air aon là mor, gu'm bu ghlic, ceart saothair mhòr nan naomh. Agus cò nach deanadh saothair agus nach gabhadh an rathad a bhitheas fathast air an àrd-mholadh leis gach duine? Is maith "tha fhios againn gu'n labhrar anns gach àit an aghaidh" na "cruaidh spàирн" so. Ach ceadaichibh dhomh innseadh dhubh gu'm bheil a' chuid a's mò 'labhras 'n a h-aghaidh ag aontachadh leatha 'n an innseadh, agus a' chuid nach 'eil an diugh ag aontachadh leis an obair mhaith so, is goirid gus an tig an là air an aidich iad i ann an saoghal eile. Ma théid iad do nèamh, féumaidh an innseadh a bhi air a h-atharrachadh mu'n ruig iad an t-àit sin. Ma théid iad do ifrinn atharraichear am beachd, àill air n-àill an sin. Is toigh leat an diugh a bhi bed aréir barail 'us beachd a' mhòr shluaign, carson matà, nach bitheadh tu nis de'n bharail sin a gheibhear fathast aig na h-uile? Sibhse nis a bhios ag ràdh gur 'ro-dhraghail, cruaidh leibh saothair nan daoine diadhaidh,' carson a bheireadh sibh breth 'n an aghaidh, agus sibh cùinnteach gur goirid an ùin gus an atharraich gach aon dibh a' bhreth sin. Hò! b'fheàrr gu'n robh sibh cho glic anns a' chùis so, ris a' mhuinntir a ta nis ann an ifrinn!

Gheibhear eadhon na Crioduidhean a's feàrr a tròm-chaoidh, air là mòr am bàis, cho dearmadach 's a' bha iad. Their gach aon diubh, "O! b'fheàrr gu'n robh

mise mile cuairt na's naomha, na's nèamhaidh, na's dìchiollaiche, airson m'anama! Geda bha 'n saoghal 'g a mo dhìteadh airson a bhi 'deanamh saothair rò inhor, tha mì nis air mo dhìteadh le mo choguis féin airson cho beag saothair 's a rinn mì. B'f hasa leam gu mòr giùlain le béumaibh magaidh an t-saoghail, na le buillibh dìtidh na coguis. B'f heàrr leam a bhi air mo chàineadh leis an diabhul airson a bhi gu tric ag iarraidh slàinte do m' anam, na bhi air mo chronachadh le Dia airson a bhi 'g a dhearmad." Nach iad a hhitheas air an luasgadh 's air an leòn le cuimhneachadh air an iomadh fàilinn féin, ged bu ro naomh 'us ro dhiadhaidh leis an t-saoghal iad. Is ann le eashhuidh tuilleadh dìchioll a tha sonas nèimh air a chàll gu tric le mòran. Oir 'ged chual' iad am focal, ged ghahh iad ris air hall le gàird-eachas, ged rinn iad mòran do nithibh, ged dh'éisd iad teachdairean Chriosd gu toileach,' (Mata 13. 20. ;) gidheadh hàsaichidh iad, sgriosar iad; do bhrigh nach d'rinn iad saothair agus spàирн leanmuinneach. Hò! dùisgeadh sin anis sluagh amach ás am mi-chùram! Nach iomadh fear 'us té a chaidh iomadh céum le Chriosd 's a thréig è an déigh sin, 'nuair thàinig àm an dearhaidh—an t-àm gus an càil agus an dòchas saoghalta, fedlmhor àicheadh!

Rùnaich Dia nach ruig neach sam-bith nèamh air rathad air-bith eile na's socraiche na'n rathad a dh'ldruidh e-féin. Gheihhear fois an còmhnuidh an déigh mòr shaothair a dheanamh. "As éugmhais naomhachd cha'n fhaic neach air-bith an Tighearn." Cha deanar dìchioll treibh-dhireach gu hràth, a dh-easbhuidh bed-dhùrachd. Mur 'eil thu bed-dhùrachdach, naomh cha Chriosduidh idir thu. Is è hed-dhùrachd naomh, cha n-è mhàin céum àrd ann an creidimh a' Chriosduidh, ach a bhith 's a bheatha. Cha n-ionann idir basbairean, no bocsairean ag iadhadh ri 'chéile air sgàlan-cleasachd agus saighdearan dileas a' cur cath' airson am heatha, mar sin matà, cha n-ionann cealgadairean as Chriosuidhean bed-dhùrachdach. Na'm b'urrainn daoine 'bhi air an teàrnadh gun dìchioll, dìan, bed-dhùrachdach mar so, cha ghabhadh iad sùim idir dheth, bu bheag aca gach saothair. Cha deanadh gach dìrdhearcas àrd a ta aon an slighibh Dhé

féin an tèladh gu bràth d'a ionnsuidh. Ach anis air dhuit-sa 'fhaicinn gu'n d'òrduich Dia nach faigh neach air-bith fois an déigh a bhàis, mur dean è dìchioll bed-dhùrachdach an dràst—anns a' bheatha so—nach è do ghliocas, matà, dìan shaothair a dheanamh air a son le d'uile dhìchioll ?

Ach, a lèughadair, ceadaich dhomh nithe prìseil eile, seadh, nithe iongantach, a chur romhad, a chum d'aomadh, ma's urrainnear, gu bhi dìan, dùrachdach ann an iarraidh fois do d'anam. Cuimhnich so matà,— Tha Dia féin làn-dhùrachdach anns gach uile ni mu do thimchioll-sa ; agus carson anis nach bitheadh tua làn-dhùrachdach anns gach ni do thaobh Dhé? Annas gach àithn, anns gach bagairt, agus anns gach gealladh, a tha Dia a' toirt dhuit, bha agus tha è, gu cìnnteach, a' rùnachadh a' cheart ni sin a tha è nis a' labhairt. Nach robh è dùrachdach anns gach breitheanas a thug è riamh air sluagh anns an t-saoghal so?—ann am bàthadh nan cul-dìleach,—sluagh an t-seànn saoghal,—leis an tuil? ann an sgrios Shōdoim agus Ghomōrrah le teine? agus ann an sgapadh nan Iudhach? Agus an àm so, matà, gu leisg-obair a dheanamh do Dhia? Bha Criodh làn-dhùrachdach ann an ceannach saorsa dhuinn le 'fhuil. B'fheàrr leis sluagh a theagasc na biadh, no deoch. Faic Criodh a' buanachadh ann an ùrnuih rè na h-oidhche : a slor-dheanamh maith. Chuir a shaothair mhòr iongantas air a chàirdean; b'amaideachd a bhèdhùrachd le cuid diubh. Ach O! faic fulangas mòr Criodh! Thraig è dà f hichead là, bha è air a bhuaireadh, air a bhrath, air a mhaslachadh le smugaidean, air a bhualadh, air a chrùnadh le droighionn, air a chur ann am fallas mòr fola, air a chéusadh, air a bhruanadh, air a chur gu bàs : cha b' obair bheag sin uile! Agus nach tigeadh dhuinn-ne nis a bhi bed-dhùrachdach ann an oibreachadh amach ar slàinte féin? Tha 'n Spiorad Naomh làn-dhùrachdach 'g ar gairm gu sonas. Nach tric, dìan, toileach, iarrtasach a chéum a' slor-strì ruinn, agus "doilgheas" air an uair a dhiùltas sinn a thairgse ghràsmhor! Agus nach tigeadh dhuinn-ne nis a bhi dìan-dhùrachdadh ann an toirt ùmhlachd 'us éisdeachd do ghairmibh mìn, ciùin an Spioraid? Tha Dia dùrachd-

ach ann an éisdeachd ar n-ùrnuighean, agus ann am buileachadh a thròcair dirnn. 'Nuair a thilgear sinn ann an anshocair, bithidh anshocair air-san. Eisdidh è gu grad ris gach acain, ochain 'us osnaich, agus gleidhidh è gach déur, a shileas a phobull, 'n a shearraig fein. An ath uair a bhitheas tu fo thrioblaid, iarraidh tu éisdeachd dhùrachdach do d' ùrnuigh, ach ciamar is urrainn sùil a bhi agad ri àrd thròcair, fhad 's a gheibhear thu blian, fànn, fuar, mäll ann an seirbhuis Dhé?

Tha ministearau Chriosd dùrachdach ann an earail agus ann an teagastg. Tha iad ag iarraidh an Tighearna agus 'g ad' iarraidh-sa. Is mòr leo gu mòr (le cuid mhòir co dhiubh,) slàint d' anama-sa na idir am maith aimsireil féin. Ged mharbhadh siad iad-féin le obair, ged chuirteadh gu bàs mar mhartaraich iad, agus ged gheibheadh iad iomadh tàire airson searmonachadh an t-soisgeil, measaidh iad sin uile mar thròcair, ma gheibhear è 'n a mheadhon a' cur glòir Dhé agus teàrnadh d' anama-sa air aghaidh. Agus am b' àill leat-sa daoine eile a bhi cho cùramach, iomaganach mu thimchioll do shláinte, agus thu-féin cho dearmadach? Nach dùrachdach, dichiollach uile chréutairean Dhia, a' deanamh seirbhuis dhuit!—a' ghrian le cabhaig a' cuairteachadh an t-saoghal air do shon! Uisg nan spéur a' sileadh anuas air do shon! tobraichean a' sruthadh air do shon; aimhnichean a' slor-ruith air do shon; earrach agus foghar 'n an àm air do shon; do dhamh 'us d' each a' cruaidh-oibreachadh air do shon gach là! Faic anis cho fior dhùrachdach 's a tha iad sin a' deanamh seirbhuis dhuit! Agus am faighear thusa,—thu-féin amhàin,—dearmadach, mi-chùramach, mi-dhùrachdach ann an seirbhuis Dhé? Ma gheibhear, is truagh do chor.

Tha seirbhisich an t-saoghal air do diabhuil glé dhùrachdach, 'n an obair féin. Tha iad ag oibreachadh gu teànn, dìan, dichiollach, mar nach b'urrainn iad gu leòr a dheanamh. Is mòr an cabhag, mar gu'm b' fhada leo gus an ruig iad ifrinn. Bheir iad dùbhlann do mhiniestarán, do shearmanibh agus do gach meadhon gràis eile, agus gabhaidh iad air an aghaidh gun stad. Agus am faighear iadsan na's dichiollaiche chum am mallachadh féin, na gheibhear thusa chum do theàrnadh

féin? Nach 'eil maighstear na's feàrr, obair na's taitniche, misneachd na's mò, agus duais na's feàrr agad-sa? Bha uair ànn air an robh thusa dùrachdach ann an deanamh seirhhis do Shàtan agus do'n fheadil, mur 'eil a' chìùs mar sin fathast. Nach bu dùrachdach thus' a' leantuinn cleasachd, droch cuideachd agus céum a' pheacaидh! Agus nach bi thu nis, matà, cho dìan, dùrachdach sin air taohh Dhé? Tha thu gus an là an diugh dùrachdach mu nithibh na beatha so. 'Nuair a hhitheas tu tìnn, no ann am piän, nach dùrachdach a ni thu do ghearan féin? Ma tha thu bochd nach dìchiollach, cruaidh a shaothraicheas tu airson do bheathachaidh? Ach nach ì obair do theàrnaidh gu mòr a's luachmhoire na sin? Cha n'-eil fala-dhà ann an nèamh, no ann an ifrinn. Tha làn shonas aig na naoimh air nèamh, agus làn truaighe aig an t-sluagh mhallaichte ann an ifrinn. Cha n'-eil moladh mäll air nèamh, no caoidh mhäll 'an ifrinn. Tha gach neach fior dhùrachdach an sin. 'Nuair a ghairmear thus', a léughadair, gu bàs agus hreitheanas, O! sin an t-àm air an smuainich thu gu dìan, domhain, géur air sìorruidheachd! Thar leam gu'm bheil mì cheana 'g ad' fhaicinn air do bhualadh le uamhas, ag ràdh "O ciamar a bha mise cho fada coma do na nithibh sin!" Thar leam gu'n cluinn mì thu nis ag eigeachd amach an aghaidh do dhoille, do mhi-dùrachd agus do ghòraich.

Agus anis, a léughadair, air dhomh na h-argumaidean mòra, flor sin, nach gabh àicheadh, a chur romliad, tha mì, ann an ainm Dhé, nis ag iarraidh do rùin—An àill, no nach àill leat dùmhachd a thoirt? Tha mì cìnnteach gu'm bheil do choguis féin anis fo mhothachadh air do dhleasanais. An dàna dhuit, matà, do chleachdadh mi-chùramach, olc a leantuinn na's fhaide, a' dol an aghaidh guth do réusain, a' dol an aghaidh àithne Dhé, 's an aghaidh solus do choguis féin? An dàna dhuit a hhi beò cho mi-shùimeil, a' peacachadh cho ladurna, agus ag ùrnuigh cho ainmig 's a b'abhaist dhuit roimhe so? An dàna dhuit a bhi fathast a' mi-naomhachadh na Sàbaid, a' deanamh dearmaid 'us tàir' air aoradh Dhé, 's a hhi leisg, mi-chùramach mu do staid shìorruidh, mar hha thu roimhe so? No am bheil thu nis a' cur romhad

"leasraidh" d' inntinn "a chrioslachadh suas," agus do chridhe a làn-shuidheachadh air obair do shlàinte, a' seasamh amach an aghaidh gach ana-cothroim agus gach fochaid 'us béum o'n t-saoghal, agus a' cur dhiot 'gach lethtroim, agus a' pheacaidh sin a ta gu furas ag iadhadh umad, agus a' ruith le foighidin na réis a chuireadh romhad?" *Eabh.* 12. 1. Tha mi an dòchas gur è sin do làn rùn. Ach o'n is maith is aithne dhomh-sa an ragaireachd a ta ann an cridhe an duine, agus o-na tha mi flor dhùrachdach ag iarraidh gu'm maireadh d'anam-sa bed, guidheam ort, aon uair fathast, a' cheart aire 'thoirt do na ceistibh a chuirear riut an so, agus tha mi nis ag àithneadh dhuit o Dhia, Na mùch guth do choguis, agus na diùlt faireachadh, ach freagair iad gu firinneach, agus thoir ùmhachd gu toileach. Nise, matà, na'm faigheadh tusa, bho bheatha dhiadhaidh, saoibhreas, onoir, no àrd inbhe 's an saoghal so, fuasgladh o easlaint, no bhi bed gu bràth ann an làn phailteas de gach nì taitneach air thalamh, nach atharraicheadh tu do chaithe-beatha agus nach deanadh tu saothair dhùrachdach ann an seirbhis Dhé? Ach nach i Fois nan naomh sonas a's dìrdheirce na sin uile? Na'n cuirteadh gu bàs thu airson a bhi an diugh a' briseadh na Sàbaid, a' dearmad aoradh teaghlaich, ùrnuigh uaignich, no 'bhi mi-chùramach, ole 'n a do chaithe-beatha, ciamar a dheanadh tu an sin? Ach nach è am bàs shiorruidh a's uamhasaiche na 'm bàs aimsireil? Na'n deanadh Dia peanas foillaiseach an diugh air gach gnìomh peacach, mar a rinn è air Ananias agus Saphira, (*Gnìomh.* 5.) ciod an seòrsa caithe-beatha 'bhitheadh agad, a pheacaich? Ach nach è corruiich shiorruidh a's uamhasaiche gu mòr na sin uile?

Na'n tigeadh aon de do sheànn luchd-edlais anis o na mairbh, agus na'n innseadh è dhuit gu'n robh è air a phianadh le cruidh dhòruinn ann an ifrinn, o uair a bhàis, airson nam peacaidhean sin de'm bheil thusa nis ciontacl, ciod an gnè chréutair a bhitheadh annad an déigh sin? Ach nach è rabhadh o Dhia cùis eagail a's mò dhuit na eadhon sin. Na'n robh thu air do dheanamh làn chinnteach gur è so an là mu-dheireadh dhuit 's an t-saoghal so, ciamar a chaitheadh tu è? Agus cha n-eil

fhios idir agad nach è so do là mu-dheireadh, agus tha thu cìnnteach nach 'eil è fada uait. Na'm faiceadh tu an saoghal uile air a leaghadh ás, agus a ghlòir 's a ghreadhnachas uile air an losgadh gu neo-ni, ciod a theireadh tu ris an t-sealladh uamhasach sin? Matà, chì thus' an sealladh sin gun teagamh. Na'm faiceadh tu caithir a' Bhreitheanais air a suidheachadh, agus na leabhairchean air am fosgladh, agus na h-aingidh a' seasamh fo chrith air làimh chlìth a' Bhreitheimh, agus na naoimh a' deanamh gàirdeachais air a làimh dheis, agus caochladh hinn 'g a toirt amach air gach sluagh dhiubh sin, ciod an sedrsa dùine 'bhitheadh annad an déigh an t-seallaidh sin? Bi cìnnteach, matà, gu'm bheil là 'teachd air am faic thus' an sealladh sin. Na'm faiceadh tu ifriùn fosgailte, agus a' mhuinntir mhallaichte gu léir ann an teth dhòruinn nach sguir; agus na'm faiceadh tu nèamh fosgailte, mar chunnaic Stephen diadhaidh, agus na naoimh uile ri àrd chaithream ann an glòir, ciod an sedrsa caithe-heatha 'bhitheadh agad an déigh dhuit sin fhaicinn? Matà, cha n-f hada gus am faic thus' an dà shealladh mhòr sin. Na'n robh thu air do shìneadh ann an ifrin fad aon bhliadhna, aon là, no aon uair, a' fulang na dòruinn sin mu'm hheil thu nis a' cluinntinn, nach dòrrachdach, càramach a lahradh tu, agus a dheanadh tu ùrnuigh chum an t-àit sin a sheachnad! Agus nach gabh thu focal fìrinn Dhia mar dhearbhadh air an dòruinn sin, mur fairich thu i? No na'n robh seilbh agad air glòir nèimh fad aon bhliadhna, nach deanadh tu saothair anabarrach mòr, a chum do sheilbh air a' ghlòir gun choimeas sin a chumail gu bràth!

Ach nach dubhaint mì gu leòr? Mur dean so am peacach a dhùsgadh suas gu obair dhùrrachdach a dheanamh airson a shlàinte fèin, faodaidh è tosd a chur air, agus 'f hágail gun leisgeul, 'nuair a ghairmear è gu hreitheànas Dhia. 'Nuair a gheibh ar càirdean hàs, cha dean focal, no gnìomb uainn-ne féum idir dhoibh, ach a chum ar dàimh riutha agus ar hròn air an son a nochdadh, ni sinn guil 'us caoidh air an son. Air an dòigh chéudna, matà, ni mise caoidh airson nan anamanan truagh sin a tha marbh anns a' pheacadh. Tha crith

air mo chridhe 'smuaineachadh orra 'n an seasamh nàraichte, tosdach an làthair an Tighearna! 'Nuair a their è riutha, "An è an saoghal, no Sàtan caraid a b'fheàrr dhiubh na mise? An iad sin a's mò a rinn air bhur son na mise? Feuchaibh anis an urrainn iad sin bhur sàbhaladh, no bhur duaiseachadh airson càll nèimh, no idir a bhi cho maith dhuibh 's a b'aill leams' a bhith." Ciod a their am peacach truagh ris na nithibh sin? Ach ged nach éisd an duine sinn, faodhaidh sinn labhairt ri Dia, agus éisidh è. "O Tighearn' a ghuil agus a rinn osna 'n ad' spiorad os-cionn Lasurais mhairbh, gabh truas ris na h-anamaibh marbh gun chìall sin; thoir iad gu guil 'us osnaich air an son féin, gus an gabh iad truas dhiubh-féin! Mar thug thu comas labhairt do d' sheirbhiseach, labhair féin anis; éisidh iadsan do ghuth-sa 'labhairt ri 'n eridheachan, nach éisd rium-sa 'labhairt ri 'n cluasaibh. A 'Thighearna, is f hada bha thus' a' bualadh aig dorsaibh an eridheachan gu diomhain; bris anis na dorsan agus rach astigh."

Ach buinidh do'n t-sluagh dhiadhaidh, os-ceànn nan uile dhaoine, a bhi gu dùrachdach, dìchiollach, sùrdail ag iarraidh gu nèamh, agus a chum a nochdadh dhoibh carson is còir dhoibh saothair mhòr a dheanamh, hu mhìann leam 'fhaighneachd dhiubh, "ciod a' ghnè dhaoine 'bu chòir a bhi ànnta-san" a thagh Dia gu bhi 'n an soithichean tràcair? iadsan a fhuair am bioradh le goimh an dearmaid féin aig uair na h-ùr-bhreith, fo ghéur agartas coguis, fo theagamh agus eagal, no ann an àmhuinn na trioblaid? a dh'aidich peacaidbean an dearmaid gu tric do Dhia 'n an ùrnuigh; agus a cheangail iad-féin ri Dia le iomadh cùmhnant. Ciod a' ghnè dhaoine 'bu chòir a bli ànnta-san a tha cho fagus do Dhia ri cloinn a theaghlach féin? a bhlais gur maith 's gur milis ùmhlachd dhìchiollach a thoirt do Dhia? iadsan 'us mòran diubh cho neo-chìnnteach ciod an staid anns am bi an anamanan tre àlaibh na bith-bhuantachd? Ciod a' ghnè dhaoine 'bu chòir a bhi ànnta-san ann an naomhachd, agus an naomhachadh fathast cho neo-iom-lan? iadsan a dh-fhaodas, le deadh chaithe-beatha agus le ceart aire d' an dleasanasaibh, mìltean a theàrnadh, no

le caithe-beatha mi-chùramach 'us dearmad dleasanais, miltean a sgrios; seadh, iadsan air am bheil Dia féin ag iarraidh a ghàdir a chur air aghaidh?—Do bhràigh gu'm bheil na nithe sin mar sin, tha mis' a' sparradh ort, a Chriosduidh, ann an ainm do Mhaighstir, thus' a' cheist mhòr so a thoirt fainear agus 'f huasgladh, “Ciod a' ghnè dhaoine 'hu chòir a bhi annainn, ann an caithe-beatha naomh, agus diadhachd?” *Pead. 3. 11.* Agus freágradh do chaithe-beatha nis a' cheist, cho maith ri do theangaidh.

CAIBDEIL VIII.

Cionnus a dh-aithnicheas sinn ar Còir air Fois nan Naomh.

Am bheil Fois cho glòrmhor sid cho faisg air làimh? Agus nach ruig neach sam-bith air an fhois ud, ach sluagh Dhé? Ciamar, matà, a gheihhear a' chuid a's mò de shluagh an t-saoghal bed gu toilichte, gun chinntreas aca air còir anns an fhois so, agus gun saothair cheart air-bith a dheauamh a chum a dhearbhadh am bheil, no 'm faod còir a bhi aca-san innse? An déigh do'n Tighearn sonas na rìoghachd glòrmhoir 'fhosgladh suas cho làn shoilleir dhuinn—sonas air nach ruigear gu bràth ach amhàin leis na creidmhich ùmhal. dhileas; agus an déigh dhà innseadh cho soilleir ciod iad na dòruinnean sin a bhithear a' fulang gu bràth ann an ifrinn leis a' chuid eile de'n t-saoghal, shaoilinn nach fhaigheadh a' mhuinnitir, a tha 'creidsinn gu'm bheil sin uile fìor gun teagamh, sìth no socair ànnfa-féin gus am hi iad làn chinnteach gur oighreachan iad air an rioghachd. A Thighearna, nach uamhasach a' bhoile so! daoine, aig am bheil fios gu'm féum iad ann an dùn glé ghoirid a dhol astigh do aoibhneas, no do dhòruinn nach atharraicheadh gu bràth, a bhi fathast heò cho neo-shùimeil, neo-chìnnteach do thaobh na crannchuir a bhitheas aca, as ged bhitheadh iad uile air an deanamh làn chinnteach áisde, gun chunnart idir dhoiħħ! Ani

bheil iad 'n an dùisg, no 'n an cadal? Cò air a tha iad a' smuaineachadh? Càit am bheil an cridheachan? Ma bhitheas cùis àraig aca ann an cùirt-lagha, nach cùramach a dh-iarras iad fios co dhiuhh a théid a' chùis leo, no 'n an aghaidh? Na'n rohh iad ann an cunnart am beath' a chàll fo bhìnn cùirte talmhaidh, nach cùramach a chìteadh iad ag larraidh fios co dhiuhh a bha iad gu bhi air an saoradh, no air an dìeadh, gu sònruichte na'n faodadh cùram mu'n cor a bhi 'n a mheadhon teàrnaidh dhoibh. 'Nuair a bhitheas iad ann an tinneas glé chunnartach, faigh-nichidh gach aon diuhh gu cùramach de'n dochdadair, "Dé bhur barail dhiom? an saoil sibh an tig mì troimhe? am fàs mì slàn arist?" Ach cha chuir iad aon cheist mu shlàint an anamanan; fanaidh iad neo-chìnnteach do thaobh sin, toilichte gu leòr. Ma dh-iarras tu air a' mhòr chuid de dhaoine "réusan an dòchais a ta ànuta," their iad riut, "Tha Dia tròcaireach, agus hhàsaich Criod airson pheacach." Cha n-fhaigh-ear aca ach "réusan" coitchionn mar sin, a dh-fhaodas neach sam-bith a thoirt. Ach cuir iad a dhearbhadh an còir ann an Criod, agus ann an tròcair theàrnaidh Dhia, agus cha n-urrainn iad dearbhadh idir a thoirt air a' chùis. Na'n abradh Dia, no duine ri aon diubh, A dhuine, ciod an cor anns am bheil d'anam? am bheil, no nach 'eil è air 'ath-ghineamhuiinn, air a naomhachadh agus an d'fhuaire è maitheanas? gheihhteadh è ullamh gu ràdh, mar thuirt Cain olc mu Ahel a hhràthair féin, "Cha n-eil fhios agam, am mise fear-gleidhidh m'anama? tha deadh dhòchas agam; tha mis' ag earbsa m'anam' ri Dia; hithidh mì cho maith dheth ri muinntir eile; taing do Dhia, cha robh teagamh sam-bith agam-féin rìamh mu shlàinte m'anama."

Ach, O dhuine, is ann agad-féin a tha an t-aobhar teagaimh, a chionn nach rohh teagamh riamh agad, agus a thuilleadh air sin, a chionn gu'n robh thu mi-chùramach 'n ad' earbsa. Nach 'eil do hhriathran ag innseadh gu soilleir gu'n d'rinn thu dùr dhearmad air sluinte d'anama? Tha thu dìreach mar sgiobair a leigeadh leis an luing a rathad féin a ghabhail fo na siùil sgaoilte, ag ràdh rithe, "gabh romhad ameasg nan creag, nan tònn 's nan gaoth; tha mise 'g ad' earbsa ri Dia; hithidh tu cho maith dheth

ri soithichean eile." Nach uamhasach an eas-onoir sin do Dhia! neach a bhi mar sin a' gabhail air-féin a hhi 'g a earhsa féin ri Dia, chum cleòc a chur air a dhear-mad féin, no chum a mhi-chùram 'fholach! Ma tha thu da rìreadh a' cur d' earbsa ann an Dia, bithidh tu air do riaghladh agus air do threòdrachadh le Dia, agus cuiridh tu d' earbs' ànn, mar tha e-féin ag òrduchadh dhuit. Tha Dia ag iarraidh ort "tuilleadh dìchill a dheanamh chum do ghairm agus do thaghadh a dheanamh cìnnteach." 2 Pead. 1. 10. Agus mar sin earbaidh tu ás. Tha è nis ag innseadh dhùit anns an Sgriobtuir ciamar is còir dhuit cor d' anam' a rànnsachadh agus a dhearbhadh, agus mar dh-fhaodas tus' a bhi air do dheanamh cìnnteach air a' chùis. Nach b' amaideach leat fear-astair a choisicheadh air aghaidh air rathad, gun fhios aige co dhiuhh a bha è 'dol ceart no dochair, agus a theireadh, "tha mi 'an dòchas gu'm bheil mi ceart, gabhaidh mi romham, ag earhsa ann an Dia?" Agus nach 'eil thusa ciontach anns an amaideachd sin, air d' astar a dh-ionnsuidh na sìorruidheachd? Carson, matà, nach 'eil thu nis a' faotuinn amach am bheil, no nach 'eil thu air an t-sligh cheart? am hheil do shaoth-air tarbhach no diomhain, am féum thu saothair na's dìchiollaich' a dheanamh, no mur dean thu sin, slàint d' anam' a chàll, agus a hhi air do sgrios? Cionnus is urrainn thu smuaineachadh, no lahhairt air an Dia uile-chumhachdach, gun uamhas ort, fhad 's a gheibhear thu neo-chìnnteach co aca is Athair no nàmhaid dhuit è, agus gun fhios agad nach bi a chumhachd mòr air 'oihreachadh 'n ad' aghaidh?

No cionnus a smuainicheas tu le aoibhneas air Criod, gun fhios agad am bheil, no nach 'eil d' anam air a ghlan-adh le fuil Chriosd, am bi thu air do shaoradh, no air do dhiteadh leis air "là mòr a' bhreitheanais?" an è clach-stéidh do shonais, no an clach-thuislidh dhuit è leis am bi thu air do bhriseadh agus air do phronnadh gu mìn dhus? Ciamaid a dh-f hosglas tus' am Biòbull gun sgàth ort? Nach hi gach duilleag dheth dhuit mar bha an sgriobhadh ud air a' hhalla do Bhelsàsar, ach amhàin cho fad 's a gheibhear i' g a do thoirt gu do dhleasanais a dheanamh. 'Nuair a léughas tu mu na geallaidhean, cha

n-fhios duit an ruig thu-féin air toradh aoin idir dhiubh. 'Nuair a léughas tu na bagairtean, cha n-fhios duit nach i do bhinn fén a tha thu nis a' léughadh. Cha n-iongantach idir ged is dearg nàmhuid thu do shearmonachadh soilleir, dileas, dian ; cha n-iongantach ged labhras tu gu suarach an aghaidh a' mhinisteir, mar a labhair Ahab an aghaidh an fhàidh, ag ràdh, " Tha fuath agam dhà, oir cha n-eil e 'deanamh faistneachd mu m' thimchioll idir air nithibh maith, ach air olc." 2 *Eachd.* 18. 7. Cionnus a nì, no 'dh-éisdeas tu ùrnuigh gun sgàth ort ? 'Nuair a gabhas tu an t-sàcramaид, cha n-eil f hios agad co aca bhitheas, no nach bi sin 'n a bheannachd dhuit. Ciòd an sòlas a bheir caraid, onoir, tigh, no fearann dhuit, gus am hi thu cìnnteach gu'm bheil heannachd Dhia agad leo sin, agus gu'm faigh thu fois maille ri Dia 'nuair a thréigeas iad sin thu ? Tairg cèl, aodach grinn, onoir agus sùgradh do phrìosanach ciontach, mu'n toirear amach a bhinn, ach is beag aige na nithe sin uile, gus am faigh è fios am bi a hheatha air a caomhnadh ; is beag sòlas a bheir saoibhreas agus onoir dhà, ma tha fios aige gu'm féum è bàsachadh air an ath là. Shaoilinn, matà, gu'n tigeadh dhuits' a bhi anns an t-suidheachadh chéudna gus am faigh thu fios air do staid shìorruidh. Shaoilinn nach fhaigheadh tu sith no fois, a là, no dh'-oidhche, gus am hi làn f hios agad air so. Nach fhaic thu cho sòlasach 's a tha sluagh Dhé a' gluasad air an t-sligh gu glòir, 'us tu-féin gun dòchas maith idir agad gu'n ruig thu air glòir a chaoidh ? Nach cuir sin doilgheas air do spiorad anis ? Cionnus a smuainicheas tu air uair do bhàis, 'us fios agad gu'm hheil è fagus duit, agus nach gabh è seachnadh, no casgadh le innleachd air-bith ? Ma gheihh thu bàs an diugh, (agus cò aig a tha fios ciòd a hheir là uaith ?) cha n-eil thu cìnnteach co dhiuhh a théid thu do nèamh, no gu ifrinn. Agus cionnus is urrainn thus' a bhi subhach, gus am faigh thu mach ás a' chunnart so ? Ciòd an innleachd leis a cum thu do chridhe saor o eagal, 'nuair a smuainicheas tu air là mòr a' bhreitheanais, agus air lasraichean sìorruidh ? Nach gahh thu " eagal mòr " ri cluinntinn mu'n là sin, mar ghabh Felics ? Ma 'chriothnaich an luchd-

coimhid' agus ma chaidh iad an riochd mairbh 'nuair a chunnaic iad aingeal a' carachadh na cloiche bho uaigh Chriosd,' ciamar is urrainn thusa smuaineachadh air a bhi bed maille ri deamhnaibh ann an ifrinn, gus am faigh thu cìnnteas bunaichte gu'n téid thu ás? Is ro shocrach do leabaidh, no is ro chruaidh do chridhe, ma gheibh thu fois ann an staid cho neo-chìnnteach.

Mur gabhadh leigheas idir air an neo-chìnnteach chumanta so, a gheibhear aig mòran do thaobh an teàrnaidh, dh-fhéumteadh giùlain leis, mar ghiùlaineas leis gach aimhleas eile nach gabb seachnad. Ach mo chreach! is ann aig daoine féin—aig an droch dhearmad féin—a gheibhear a' choire gu léir. Cha n-àill leo an leigheas a ghnàthachadh. Is è féin-cheasnachadh, rànn-sachadh 'us dearbhadh staid a chridhe féin aréir riaghailt an Sgriobtuir, an dòigh a's feàrr is urrainn duine sam-bith a ghabhail a chum fios cìnnteach 'fhaotuinn air cor 'anama féin. An dara cuid, cha n-aithne do dhaoine nàdur agus luach an dleasanais so, no cha n-àill leo-dragh a chur orra-féin a dhearbhadh na cùise. Feuch co-thional anns am bheil mìle pearsa, agus is ro bheag a gheibhear ànn, a bhuilich riamh aon uair air faotuinn amach an còir air nèamh le féin-cheasnachadh dleas, teànn. Feòraich anis de do choguis féin, a léughadair, cò an t-àm, agus cò an t-àit anns an d'rinn thusa gu bed-dhùrachadh do chridhe féin a ghairm gu cùnntas an làthair Dhia, 'g a do cheasnachadh féin aréir an Sgriobtuir, agus a' fiosrachadh amach am bheil, no nach 'eil do chridhe air 'ath-nuadhachadh agus air a shòcrachadh na's mò air Dia no air a' chréutair, air nèamh no air an talamh? agus cuin a lean thusa air a cheasnachadh so, gus an d'fhuair thu mach do chor, a' toirt breith 'us bìnn ort-féin aréir do chor?

Ach o'n is obair mhòr, luachmhor ì so, a ta gu ro-thric air a mòr-dhearmad, feuchaidh mì dhuit anis—gu'm faod muinntir teachd le saothair gu làn chìnnteach air cor an anamanan,—Ciod a tha nis a' bacadh dhaoine bho 'n staid féin a dhearbhadh agus aithneachadh;—An déigh sin ainmichear caochladh aobhar a chum do għluasad gu tòiseachadh air d' fhein-cheasnachadb,—agus caochladh seòladh,—le comħarraidhean o'n Sgriob-

tuir leis am faod thus' a dhearbhadh agus aithneachadh gu cìnnteach, an ànn, no nach ànn de sliliagh Dhé thu-féin.

1. Tha Focal Dé ag innseadh dhuinn gu'm faod neach dearbhadh cìnnteach 'fhaotuinn air a theàrnadh féin, agus gur còir dhà sin iarraigd le saothair. Tha 'n Sgriobtuir ag innseadh dhuinn gu tric gu'n d'fhuaire na naoimh, a bha romhainn, fios air am fireanachadh agus air an teàrnadh sìorruidh féin : tha sin air 'fhoillseachadh anns na briathraibh so :—“Ge b'e neach a chreideas ann an Criod, cha sgriosar è, ach tha a' bheatha mhaireannach aige.” Ach bu dìomhain sin a ràdh mur h' urrainn neach aithneachadh ànn-féin am bheil, no nach 'eil è nis a' creidsinn ann an Criod. Tha eadar-dhealachadh mòr air a chur, anns an Sgriobtuir, eadar cloinn Dé agus cloinn an diabhuil : agus tha è ag àithneadh dhuinn “tuilleadh dìchill a dheanamh, chum ar gairm agus ar taghadh a dheanamh cìnnteach.” Tha è a' dìan-sparradh òirnn ‘sinn-féin a cheasnachadh, agus a dhearbhadh, agus aithneachadh annainn-féin, am hheil sinn 's a' chreidimh, agus am bheil Iosa Criod annainn, mur daoine a chuireadh air cùl, no daoidh sinn.’

2 Cor. 13. 5. Tha fòs àithntean an Sgriobtuir ag iarraigd òirnn gàirdeachas a dheanamh do ghnàth, ar n-Athair a ghairm do Dhia, a bhi bed 'n a mholadh, gràdh a thoirt do theachd Chriod, a hhi 'g iarraigd a theachd an aithghearr, agus sòlas a ghabhail dhuinn-féin ri luaidh air sin. Ach cò is urrainn aon de na nithibh sin a dheanamh gu toileach, mur 'eil è cìnnteach, ann an tomhas, gur leanabh do Dhia è ?

2. Cha n-'eil teagamh nach 'eil Sàtan a' deanamh a chuid féin ameasg nan iomadh bacadh a tha gu tric a' cumail dhaoine bho dhleasanas an fhéin-cheasnachaidh. Ciod-air-bith cumhachd a ta aig Sàtan, no meadhon, no inneal, no innleachd a's urrainn a' bhéist a ghnàthachadh, hi cìnnteach gu'n cuirear air obair iad uile, chum thus' a chumail air d' ais o'n dleasanas so, seach gach dleasanas eile. Is duilich leis truaillidheachd nan daoine diadhaidh a bhi nis a' leaghadh ás fo 'n aoibhneas, fo'n chìnnteachd agus fo'n bhuannachd a gheibhearr leo 'n an ceasnachadh féin gu tric, toileach, dileas. Is maith a tha fhios aige, do thaobh nan daoine mì-dhiadhaidh,

na'n ceasnaicheadh aon diubh e-féin gu dùrachdach, eadhon aon uair, gu'm faigheadh iad amach a chuil-bheirtean, agus an cunnart féin, agus mar sin gu'm faodadh iad a dhol ás uaith. Ciamar a b'urrainn è cho liuthad mìle crèutair a thoirt do ifrinn na'n robh fios aca, no na'n creideadh iad gu'n robh iad a' dol do'n àit sin? Ach nach math a dh-fhaodadh fios a bhi aca cait an robh iad a' dol, na'm feuchadh iad ri fios 'fhaotuinn, agus solus glan an Sgriobtuir aca chum an céum air an robh iad a dheanainh soilleir dhoibh. Mur bi an ribe folaithe, théid an t-eun ás. Is sedhta, glic, tapaidh a ni Sàtan iasgach air anamaibh; cha leig è dboibh an dubhan no 'n drìamlach 'fhaicinn idir, cha dean è fuaim a chuireas eagal orra, agus cha n-fheuch è idir a chruth gràda féin doibb. Ach séididh è càil an uilc astigh orra gun fhios doibh. Mar sin, saothraichidh è gu dìan a chum sluagh a chumail o éisdeachd shear-moin a rànnsaicheas an cridhe; no chum am ministear a chumail o chobhair a thoirt doibh gu iad-féin a rànn-sachadh; no chum am faobhar a thoirt de chlaidheamh an fhocail, ionnus nach eadar-sgair agus nach geàrr è; no togaidh è air falbh an aire, no ñonaidh è iad le claon-bhreth. Is maith a tha fios aig Sàtan, cò an t-sàbaid air am bi searmoin rànnsachaidh air a h-ullachadh leis a' mhinistear, freagarrach ri cor 'us easbhuidh cuid de'n luchd-éisdeachd, agus uime sin, ma's urrainn è, cumaidh è aig an tigh iad air an là sin, no bheir è cadal orra 's an tigh-aoraidh, no goididb è air falbh am focal le ro chùram agus le briathrachas an t-saoghail; no bacaidh è obair éifeachdach an fhocail air dòigh air-chor-eigin eile.

Is *luchd-bacaidh* mòr eile air féin-cheasnachadh, sluagh aingidh. Tha iad sin air iomadh dòigh a' tàladh muinntir gu mi-chùram. Fuathaich thusa droch eisampleir nan aingidh; an cuideachd 's an còmhradh gàireach, spòrsail; an gnàth dhéigh air cùisibh saoghalta; an sgallais 's am magadh air muinntir dhiadhaidh; an aomadh, am breugadh, ambuaireadh 's am bagradh—tha gach droch bhuaidh dhiubh sin glé ullamh gu daoine neo-chaithriseach a thilgeil ann an suain na foise feallsa. Is gànn a dh-fhosglas Dia sùilean peacaich bhochd gu fheuchainn dà gu'm bheil è air an t-sligh dhochair, nach

grad-léum sgaoth de theachdairean Shàtain air, ag iarr-aidh a mhealladh 's a thoirt air ais gu socair a ghabhail fo riaghlaigh a sheànn mhaighstir. "Ciod è so, a dhuine!" their iad, "a bheireadh ort-sa teagamh air-bith a bhi agad mu do theàrnadh? thusa 'bha bed cho maith agus nach d'rinn riamh cron air neach eile? Tha Dia tròcaireach; agus mur bi do leithid-sa air a theàrnadh, gu'n sealladh Dia air mòran eile! Ciod a their thu ri do shìnnsearan? Agus ciod a thig dhe do chàirdean 'us do choimhearsnaich a tha bed mar tha thusa? An ditear iad sin uile? Uainn è, uainn è, mur leig thu dhìot éisdeachd ris an t-seòrsa luchd-searmonachaидh sin, a bhitheas a' cur eagail air sluagh, cuiridh iad ás do chìall thu. Nach peacaich na h-uile dhaoine? Agus nach do bhàsaich Criod chum peacaich a theàrnadh? Na cuireadh na smuaintean sin cùrain ort gu bràth, agus éiridh gu maith dhuit." Och! och! tha na mìltean 's na deich mìltean air an cumail 'n an cadal, le druidheachd mar sin, fo mhealladh 'us fo mhi-chùram, gus an dùisg am bàs agus ifrinn iad. Tha Dia ag éigheachd ris a' pheacach agus ag innseadh dhà, "Is cuimhnann an dorus, is aimhleathan an t-slighe, agus is tearc iad a ta 'g amas oirre: dearbh agus ceasnaich thu-féin; dean tuilleadh ñichill a chum a bhi cinnteach." Tha 'n saoghal ag éigheachd, "Na bitheadh teagamh idir agad, na cuireadh na smuaintean sin dragh ort gu bràth." Ach cuimhnich thus', a pheacaich, anns a' cbàs so, gur è Criod, agus cha n-iad do shìnnsearan, no do choimhearsnaich, no do chàirdean, a bhitheas 'n a bhreitheamh ort mudbeireadh, agus ma dhìtear thu le Criod, cha n-urrainn iadsan do theàrnadb. Uime sin, nach 'eil eadhon chìall nàdurrach féin ag innseadh dhuit nach ànn idir o bhriathraibh dhaoine talmhaidh, aineolach, acb o fhocal Dhé, is còir dhuit dòchas do theàrnaidh iarraidh. Bu bhàs do Ahab sin iarraidh ameasg nam fàidhean brosgulach. Is urrainn iad sin le brosgul muinntir a chur anns an ribe, ach cha n-urrainn iad innseadh ciamar a gheibhear ás. "Na mealladh neach air bith sibh le briathraibh ñiomhain: oir air son nan nithe sin tha fearg Dhe a' teachd air cloinn na h-eas-ùmhlaichd. Na bithibh-se uime sin 'n 'ur luchd-comh-pàirt riu." *Eph.* 5. 6, 7.

Ach is iad an *luchd-bacaidh* a's miosa, droch cridh-eachan dhaoine féin. Tha cuid cho dàll, aineolach as nach aithne dhoibh idir ciod è sin féin-cheasnachadh, ni mò is aithne dhoibh ciod a tha ministear ag cìallachadh 'nuair a chomhairlicheas è dhoibh iad-féin a dhearbh-adh, no cha n-'eil iad a' tuigsinn am féum air sin. Is ann a their iad, gur còir do gach duine a chreidsinn gu'm bheil a pheacaidhean air am maitheadh cheana, co aca 'tha, no nach 'eil, agus gur mì-cheart teagamb san-bith a bhi aig neach air a' chùis so. No their iad nach ruigear idir air dearbhachd, no nach 'eil mòr eadar-dhealachadh eadar aon duine seach duine eile, gur Crioduidhean sinn tìle agus, air an aobhar sin, carson a chuireamaid tuilleadh dragh', no cùram òirnn-féin mu thimchioll sin; no cha n-aithne dhoibh brìgh an eadar-dhealachaidh a tha eadar am fìrean agus an t-aingidh. Gheibhear am beachd air an ath-ghineamhuinn, cho brucach, lapach ri beachd Nicodémuis. Their cuid nach cuir Dia eadar-dhealachadh idir eadar daoine anns a' bheatha ri teachd. Cuid a dh-éisdeas ruinn, ach sin uile na nì iad: tha iad cho fuar, rag-chruaidh as nach gabh iad gu cridhe ni sam-bith a their sinn. Cuid air an lionadh suas cho mòr le féin-spéis agus uabhar, as nach fhaodar a ràdh idir gu'm bheil iadsan ann an cunnart air-bith, cosmhuil ri ceannache mòr-chuisseach leis nach b'fhiach comhairle ghlic a ghabhail o neach a dh-iarradh air a leabhar-cùnnntais féin a chur ceart, no ri pàrrantaibh ro bheadarrach nach creid 's nach éisd droch-sgéul an aghaidh aoin de'n cloinnn féin. Cuid cho ciontach as gu'm bheil eagal orra iad-féin a dhearbhadh, ach gidheadh cha n-'eil eagal orra ás an dearbhadh uamhasach a ta gu cìnnteach a' feitheamh orra, air là mòr a' chùnnntais. Cuid aig am bheil gràdhl cho mòr do shlighibh a' pheacaidh, agus gràin cho mòr do shlighibh Dhia, as nach dàna dhoibh an giùlain féin a dhearbhadh, air eagal gu'n éignicheadh iad gus an céum a's taitniche leo a thréigsinn, agus an céum is fuathach leo a leantuinn. Cuid a' rùnachadh cho làdir nach atharraicheadh iad o'n staid anns am bheil iad gu bràth, as mar sin a' dearmad féin-cbeasnachaidh mar ni gun mhaith. O-na chaidh iad sin cho fad air

seachran cheana, is feàrr leo an cunnart a sheasamh—an anamanan 'fhàgail fo chunnart a bhi càillte—coma ciod a thig dhiubh, na pilleadh ri Dia. Tha mòran arìst air an cur ann an dìan chabhaig cho mòr leis an t-saoghal as nach gabh iad aon mhionaid a chum iad-féin a cheasnachadh air an còir air fois nèimh. Cuid eile air an sacachadh cho mòr le lùnndaireachd spioraid, as nach fhaighear iad a' ceasnachadh an cridhe féin uair sam-bith. Ach is è an creidimh feallsa agus an dòchas mealltach sin de'n goirear "dànanas," no "dàll-earbsa," an *luchd-bacaidh* a's cumanta agus a's cunnartaich a ta ànn. Tha iad sin a' deanamh greim air cridheachan na cuid a's mò de'n t-saoghal, agus 'g an cumail gun amharus agus gun smuain idir air an cunnart.

Ach abair gu'm bheil neach anis a' buadhachadh thairis air an *luchd-bacaidh* sin uile, agus a' tòiseachadh air e-féin a cheasnachadh, féumaidh è 'thoirt fainear nach ruigear air dearbh-bheachd a dh-aon bhéum, no air bäll. Tha ro mhòran 'g am mealladh féin anns a' chùis so, tre aon, no aon eile de na h-aimhreitibh a dh-ainmichear anis :—

Gheibhearr aimhreit 'us dorchadas cho mòr ann an anam an duine, gu h-àraid duine neo-lompaichte, as gur gànn is urrainn è innseadh ciod a tha e-féin a' deanamh, no ciod a ta ànn-féin. Faic tigh anns nach fhaighear *nì* sam-bith 'n a àit féin, ach na h-uile nithe thar a chéile, bun-os-ceànn, is duilich innseadh ciod a tha dh-eas-bhuidh air; mar sin gheibhearr an cridhe anns am bheil na h-uile nithe ann an droch òrdugh. Is coigrich a' chuid a's mò 'n an dachaidh féin, is beag edlas na muinntir sin air mèinn 'us gluasad an cridheachan féin. Cha chleachd iad sin 'f haotuinn amach idir. Iarrraigd mòran breth a thoirt air an cor féin, mu'm faigh iad dearbhadh air. Cosmhuil ri breitheamh cealgach fo bhrìb, no brìbichte, a rànnsaicheas a' chùis mar gu'm àill leis breth chothromach a thoirt amach, an déigh dearbhadh na cùis' a chluinntinn, geda rùnaich è roi làimh gu'n téid a' chùis leis an taobh a thug a' bhrìb dhà. Bithidh daoine mar sin, bàigheil, leth-bhreitheach riutha-féin; ullamh gu smuaineachadh nach 'eil am peacaidhean mòra ach beag, agus gur neo-ni am

peacaidhean beaga; agus gur obair gràis toradh an nàduir féin. Their iad mar thuirt an t-òganach ri Criosd, "Choimhid mi iad sin uile o m' dige." Their gach aon diubh "Tha mi beartach agus air fas ann an saoibhreas, agus gun fhèum agam air ni sam-bith." *Taisb.* 3. 17. Cha dean a' chuid a's mò de dhaoine ach leth an dleasanais airson an anamanan, ma ni iad sin féin. Mur gabh an dleasanais deanamh gu socrach, aithghearr, caillidh iad am misneachd, agus sguirear dheth. A dh-easbhuidh eòlais air fior nàdur na diadhachd, gheibhear iad 'g an ceasnachadh féin le caochladh dearbhadh 'us riaghailt nach 'eil idir aréir teagaisg an Sgriobtuir. Cuid a' gabhail seachad air riaghailt an Sgriobtuir, agus cuid eile a' gabhail pàirt dì. Gheibhear iad gu tric a' dol dochair anns an obair so, ag iarraidh a deanamh 'n an neart féin. B'aill le cuid an Spiorad Naomh a deanamh air an son, gun saothair idir a chur orra-féin. Feuchaidh cuid eile rithe, gun chuideachadh air-bith iarraidh o'n Spiorad agus gun sùil ris. Gu cìnnteach cha n-urrainn iad sin ruigheachd air dearbh-bheachd.

Air uairibh, gheibhear luchd-bacaidh àraid a' cumail Chriosduidhean firinneach féin o làn dearbh-bheachd sòlasach air an staid. Tha an dearbh-bheachd air a bhacadh gu tric le laigead an gràis. Is gānn a dh-aith-nichear nithe beaga. Is leòr leis a' mhòr chuid do Chriosduidhean tomhas beag de ghràs, gun làn neart spioradail iarraidh idir. Is è an leigheas a's feàrr air an laigead so, buanachadh ann an deanamh an dleasanais gus am meudaichear an gràs. Feith air an Tighearn ann an gnàthachadh nam meadhon a dh'òrduich è, agus beannaichidh è thu, agus meudaichidh è gràs dhuit. Hò! b'fheàrr gu'm builicheadh Chriosduidhean a' chuid a's mo de'n ùin sin air tuille gràis iarraidh, a tha iad a' buileachadh air smuaineachadh 'us faighneachd le teaganach iomaganach, co dhiubh a tha gràs aca, no nach 'eil! B'fheàrr dhoibh gu mòr a bhi gu bed-dhùrachdach ag ùrnuigh airson tuille gràis, na bhi cho tric a' gearan air lughad an gràis. Guidheam ort, a Chriosduidh, thu so a ghabhail mar chomhairle bho Dlia. Creid gu dian, dleas, agus gràdhaich gu bed, blàth, agus cha

n-urrainn teagamh na's mò 'bhi agad mu do chreidimh 'us do ghràdh, na tha aig duine blàth gu'm bheil è blàth, no aig duine làidir, sùnnach gu'm bheil è beò. Tha Criosduidbean a' beagachadh an sòlais fèin, le sealltuinn na's mò agus na's trice ris na comharaidhean a ta nis ag innseadh dhoibh ciod a tha ànnta-fèin, na ris na riaghailtibh a ta gu soilleir ag innseadh dhoibh ciod bu chòir dhoibh a dheanamh: mar gu'm bi an staid anns am bheil iad, an dràst, an staid anns am bi iad gu sìorruidh: agus mur faigh iad maitheanas anis, nach 'eil leigheas air an son. Nach b' amadan fear a laidheadh a' guil 's a' caoidh nach 'eil è nis a' faotuinn maitheanais, agus a rìgh 'n a sheasamh fad na h-ùine làimh ris, agus a' tairgse maitheanais dhà, agus 'g a chomhairleachadh gu sin a ghabhail? A Chriosduidh, cha chreidimh fireanachaидh do dhearbh-bheachd-sa air gràdh sònruichte Dhia dhuit, ach do ghabhail-sa ri Criosd—thusa Criosd a dhlùghabhail h-ugad, a chum do dheanamh ionmhuinn, gràdhach. Is feàrr dhuit gu mòr Criosd a ghabhail h-ugad, mar tha è air a thairgse dhuit, na bhi cho tric a' caitheamh ùine ri teagamh co dhiubh a tha Criosd agad, no nach 'eil.

Is cùis iomagain eile do Chriosduidhean, na teagamhan sin a bhitheas ag iadhadhi orra, 'nuair nach fhaigh iad an gàirdeachas sin a thig air uairidh le dearbh-bheachd, no 'nuair a chuirear dearbh-bheachd fèin an àit gàird-eachais. Ach c'uime 'chuireadh sin iomagain orra? Nach fhaod leanabh a ràdh gur mac è, ach amhàin cho fad 's a bhitheas è 'faicinn fìamh-ghàire ann an gnùis 'Athar, no 'cluinnntinn briathran sòlasach a bhèdil? no nacb 'eil an t-athair a bha aige roimhe 'n a athair cho caoimhneil, dileas dhà fathast 's a bha è, ged nach fheàicteadh fìamh-ghàire air, no ged sguireadh a bhriathran aoibhneach? Ciod air-bith a their, no ni athair, cha sguir a dhàimh 's a ghràdh d'a leanabh fèin. Agus mar sin, cha n-fhàilnich gràdh Dhia d'a chloinn fèin gu bràth.

Gheibhearr anamanan fo iomagain a ta gu tric ag éirigh o aineolas air a' mheadhon, no air an dòigh ghnàthaichte trid am bheil Dia a' toirt sòlais. Saoilidh iùd nach 'eil tuilleadh aca ri dheanamh ach 'iarraidh, agus gu'm builich Dia orra gach ni mar their iad-fèin.

Ach féumaidh iad sin aithneachadh gu'm bheil brigh an sòlais air a filleadh ann an geallaidhean Dhia, agus gur ānn uatha sin a dh-fhéumas iad sòlas a tharruing, cho tric 's a bhitheas sùil, no toil aca sòlas 'fhaotuinn, agus sin le medrachadh gu dìchiollach gach là air na geallaidhean; agus le sin a dheanamh, faodaidh iad dùil a bhi aca, gu'n compàirtich an Spiorad sòlas riutha. Is aon aoibhneas, aoibhneas nan geallaidhean, agus aoibhneas an Spioraid Naoimh. Aig cuid bithidh dùil ri dearbh-bheachd na's mò, na's soilleire na tha Dia gu tric a' buileachadh. Fhad 's a bhitheas iad ann an teagamh, saoilidh iad nach 'eil dearbh-bheachd idir aca. Mar sin, cha n-'eil iad a' toirt fainear gu'm bheil iomadh céum de dhearbh-bheachd ānn. Faodaidh tomhas na's mò dheth a bhi aig cuid na tha aig cuid eile. Ach cuimhnicheamaid, fhad 's a bhitheas sinn an so, nach 'eil "eòlas againn" ach "ann an cuid." 1 Cor. 13. 9. Agus gheibhear Criosduidhean, aig toiseach an turuis, a' gabhail sòlais dhoibh-féin air bònn mi-fhreagarrach. Is minig a rinn anam gràsmhor sin—anam aig am bheil bònn maith gun fhios aig air. Tha beatha aig naoidhean gun fhios aige-féin air; agus tha iomadh ni mu 'thim-chioll nach 'eil e-féin a' tuigsinn, ach cha dubhaint sin idir nach 'eil è bed. Agus mar sin an Criosduidh, ged gheibh-eadh è easbhuidh 'n a cheud shòlas, cha n-fhaod è idir a cho-dhùnadadh o sin gu'm bheil easbhuidh 'n a theàrnadh.

Tha mòran air an cumail fo theagamh le laigead an nàduir. Is iomadh eridhe simplidh aig am bheil ceànn lag, agus do nach aithne ciamar is còir dhà e-féin a dhearbhadh. Aidichidh an seòrsa so luach nan geallaidhean, ach cha dean iad làn għreim orra. Mur dean Dia féin an réusan lag a chuideachadh air dòigh air-chor-eigin eile, is duilich 'fhaicinn ciamar is urrainn sìth shoilleir, chìnnteach a bhi aca. Is aobhar iomagain mòr agus ro chumanta do mhòran, iad a bhi fathast ag altrum peacaidh aithnichte sam-bith. Tha sin a' lugh-dachadh an gràis, agus 'g a fhàgail na's duirche. A chuid nach mill am peacadh, fàgaidh è dorch i. Th' obair a' għràis air casgadh, far am bheil bnaidh sam-bith aig peacadh air-bith: oir bithidh għu a' għräis air a bhàthadh, ionnus gur gānn a chluinnear è, fhad 's a

leanas fuaim truaillidh a' pheacaidh so. Doilleirichidh dallaidh, no dùnaidh neul a' pheacaidh sùilean an anama, ionnus nach fhaic 'us nach mothach è a chor féin. Agus mu dheireadh gràinichidh è Dia air falbh o'n anam, agus mar sin fàgar è gun sòlas, gun chobhair an Spioraid. An déigh sin cha n-urrainn neach sam-bith dearbhli-bheachd a bhi aige gu bràth gus an tréig è am peacadh sin a ghràinich Dia agus a Spiorad air falbh ás. Cha n-urrainn peacadh agus sìth spioradail còmhnuidh a ghahhail le chéile anns a' chridhe, oir chuir Dia dealachadh eatorra. Is dòmhain dhuit dùil a bhi agad ri sòlas, fhad 's a gheibhear àrdan, gràdh do'n t-saoghal, mìann na fedla, no cleachdadh mi-dhiadhaidh sam-bith air a chaidreachadh leat. 'Ma chuireas duine suas iodholan dhà-féin 'n a chridhe, agus ma chuireas è suas ceap-tuislidh 'aingidheachd fa chomhair a ghnùis; agus ma thig è gu ministear no gu Dia, ag iarrайдh sòlais, an àit sòlas a thoirt dà, bheir Dia freagradh dhàsan a thig, aréir lionmhoireachd 'iodholan.' *Esec.* 14. 3-9.

So anis aobhar glé mhòr agus ro choitchionn eile, a ta gu tric a' fàgail muinntir gun sòlas, agus is è sin easbhuidh beo-oibre, easbhuidh a bhi gu beothail, dileas, seasadhach ag oibreachadh a' ghràis a ta aca, biodh a thomhas beag no mòr. Mar a's mò do dhragh agus do dhìchioll a' dol tre do dhleasanais gach là, is ann a's cìnntiche do chéum gu sòlas. Bheir Criod gu pait sìth agus sòlas dhoibh-san a hheir gu dileas ùmhlachd dhà-féin. Misnidh è a phobull ùmhal, dileas le sìth agus sòlas. Agus ged' nach 'eil ùmhlachd air-bth, a's urrainn iad a thoirt, airidh air na beannachdan sin, gidheadh is ann aréir an dìchill, a ghnàthaichear leinn ann an deanamh ar dleasanais, a bhuilichear iad mar is trice. Ma's beag do dhìchioll, is heag do shith: ma's mòr do dhìchioll, is mòr do shith. Féumaidh d' ùrnuigh a bhi air a lìonadh le creidimh agus bed-dhùrachd, cho maith ri làn earbsa ann am ful agus ann an eadar-ghuidhe Chriod, ma's maith leat soirhheachadh. Agus mar sin bitheadh gach páirt eile de d' ùmhlachd hed, hlàth, tric, dìchiollach. Ma dh-fhàsas tu foirmeil, fuar, gu h-àraig ann an ùrnuigh uaignich ri Dia, a' deanamh do dhleasanais amhàin aréir àbhaist, no cleachdhaidh, gun

lughdachadh idir air d' aoibhneas, is aobhar eagail gu'm bheil d' aoibhneas fèdlñhor, no deamhnaidh. A bhàrr air sin, cha n-fhaicear agus cha mhothaicheadh gràs leis an anam, ach am feadh a bhithear 'g a oibreachadh : air an aobhar sin, cha n-urrainn dearbh-bheachd a bhi aig an anam anns nach 'eil obair gràis ; oir ginidh easbhuidh deanadais, easbhuidh dearbh-bheachd. Ach an uair a gheibhear an t-anam 'g a oibreachadh féin air seirbhis ghlòrmhoir na diadhachd, thig mòr shòlas gu nàdurrach leis an obair sin. Nach milis, do-labhairt an gnìomh a bhi gu tric a' gràdhachadh Dhia Tha 'n t-anam a's mò gràs,* 'nuair nach 'eilear ag oibreachadh a' ghràis leis, cosmhuil ri inneal-ciùil grinn air a dheadh-ghéusadh le téudaibh, nach dean ceòl na's feàrr na maide sam-bith eile, fhad 's a dh-fhàgar è gun a làimh-seachadh, ach an uair a làimhsicheadh 's a dh-oibrichear è le fear-ciùil sgilear, eòlach, ni è fuaim a's binne ceòl. Gheibh an t-anam tomhas sòlais o gach deadh ghnìomh, mar gheibhear blàs o theine, agus taitneas o sholus na gréine. Gach duine a ta fuar, is còir dhà oibreachadh gus am fàs è blàth ; agus mar sin, gach neach aig nach 'eil dearbh-bheachd, oibricheadh è leis gach gràs, no fàth-chothrom a thug Dia dhà, gus an teich gach teagamh a ta aige.

Is tric a gheibhear cuid a dh-easbhuidh sòlais 'n an anam, 'nuair a tha iad a' fulang fo throm-ìnntinn, no fo dhubbh-bhròn. Tha è cho dualach do dhuine treibh-dhireach ann an dubh-blìròn, a bhi fo theagamh, fo eagal agus eu-dòchas, 's a tha è do dhuine tìnn a bhi ri

* *Gràs*: fàbhar, aochair, tiodhlac aimsireil, no apioradail air a bhuil-eachadb gu saor le Dia air a' cbinne-daoine. Ann an t-aeadh ain, tha "gràs" aig gach neach a tha nis a' sealbhachadh tròcair o Dhia : mar tha solua na gréine, biadh 'us aodach, &c. Ach ann an seadh Sgiob-tuireil agus spioradail an shocail, "gràs," gheibhear uile bheannachdan àrd, aaoibhir, luachmhor an t-aoiageil. Is iad cuid dhiubh sin eòlas slàinteil, ath-ghineamhuinn, fireansachadh, solus au Spioraid, réite tre Chriosd, dòchaa na beatha maireannaich, maithseanaa peacaidh agus teàrnadh storruidb, &c. Tha gach sochair dhiubh ain air a buileachadh, mar shaor ghràs, no a nasgaidh, le Dia tre Chriosd air na fior ebreid-mhich, cha n-ànn air agàth airidheachd air-bitb a ta ànotá-séin, no sìl lorg edir aam-bith a ta aca-séin air aon sochair, ach amhàin air sgàth tròcair, no saor ghràs Dhia ann au Chriosd. "Oir ia ann le gràs (fàbhar Dhia) a ta sibh air bhur teàruadh, tre chreidimh ; agus siu cha'n ann uaibh-séin : oir is e tiodhlac Dhé e." Eph. 2. 8.—EADAR.

osnaich, no do leanabhl sgread a dheanamh, 'nuair a bhuailear è. Gu tric is beag a ni saothair a' mhinisteir, a dh-easbhuidh an léigh, ann an cùis mar sin. Faodaidh tu an trom-ìnntinneach a chur sàmhacbh, ach cha n-uarainn thu sòlas a thabhairt dà. Faodaidh tu a thoirt air aideachadh gu'm bheil tomhas gràis aige, ach cha n-urrainn thu a thoirt gu sòlas an sìthe. Is ainmig a mhaireas gach misneachd 'us comhairle mhaith a bheirear dhà air a chor, seach là no dhà. Gheibhear an duine dubh-bhrònach a' sìor-smuaineachadh 's a' labhairt le grath air a' pheacadh, agus air corruch Dhia, gun tuigsinn idir gur è leann-dubh, no galar a chuirp féin, is àrd mhàthair-aobhair do'n eagal, do'n bhuaireadh 'us do'n smuairean so uile.

3. So dhuit anis caochladh aobhar maith a chum do għluasad agus do bhrosnacbadh gu tħiseachadh gun dàil air dleasanas an fħéin-cheasnachaidh, no air thu-féin a cheasnachadh; agus guidheam ort aire cheart a thoirt do na nithibh a dh-ainmichear anis :—Tha è glé fħurasda dhuit a bhi air do mhealladh mu do chòir air nèamh. Is mòr an àireamh a tha nis ann an ifrinn, nach do shaoil idir riamh gu'n robb an cridheachan air am mealladh, muinntir aig an robb mòr ghliocas tìmeil, agus a bha bed fo sholus glan an t-soisgeil, agus a bha gu tric a' searmonachadh an aghaidh mi-chūraim muinntir eile. Tha sluagh air am mealladh gu ro thric anns a' chùis so. Is è so cor na cuid a's mò de'n t-saoghal. Nach bu tearc an àireamh air an robb eagal breith-eanais, anns an t-seànn saoghal agus ann an Sōdom! Iarraidh ach beag gach duine ann ar measg a bhi air a theàrnadh. Ach tba Criod ag innseadh dhuinn gur 'tearc ladsan a ta 'g amas air an dorus chumhang, agus air an t-slighe aimhleathain a ta 'treðrachadh chum na beatha'. *Mata. 7. 14.* Agus ma tha àireamh cho anabarrach mòr air am mealladb, nach tigeadh dhuinn-ne sinn-féin a rànnsachadh gu dìchiollach, air eagal gu'm meallar sinn mar-an-céudna? Cha n-'eil ni sam-bith ānn a's cunnartaiche na muinntir a bhi air am mealladh mar so. Ma mheasas sluagh diadhaidh an staid féin na's miosa na tha ì, togaidh am mearachd sin bròn doibh: ach cha n-urrainnear càinnt idir a clur

air meud an aimhleis a thig air na h-aingidh thruagh. Bunaichidh è iad ann an obair Shàtain. Fàgaidh è gun éifeachd meadhonan nan gràs doibh. Cumaidh è duine gun iochd a dheanamh air 'anam féin. Càit am bheil cùis air-bith eile cho àrd-luachmhor ri aire cheart a thoirt nach bi thu air do mhealladh, agns an lorg sin air do mhallaichadh gu sìorruidh? Agus cuimhnich ma cheadaicheas tu dhuit-féin a bhi air do mhealladb gus an tig uair do bhàis, tha thu càillte gu bràth. Faic mar sin matà, cia mòr do chunnart, agus ma's duine glic thu, rànnsaichidh tu do chridhe féin a là 's a dh'oidhche, gus am faigh thu dearbh-bheachd air teàrnadh. Tuig cho beag 's a tha saothair an dleasanais so, ann an coimeas ris an dóruinn a thig o dhearmad a dheanamh air. Ni thu saothair 'us obair chruaidh, ghoirt o bhliadhna gu bliadhna, chum bochduinn thìmeil a sheachnad, carson, matà, nach builicheadh tu beagan ùine air féin-cheasnachadh, a chum dol ás o thruaighe shìorruidh? Dearmaid an dleasanais so, agus is gänn is urrainn thu taitneas eile na's mò na sin a thoirt do Shàtan, no cron na's mò 'dheanamh ort-féin. Is àrd chrìoch Shàtain, anns gach aomadh a bheir è dhuit, do mhealladh agus do chumail aineolach air do chunnart, gus an tilgear thu ann an lasraichean sìorruidh; agus carson a bhitheadh tus' a' cuideachadh leis an diabhnl a chum thu-féin a mhealladh? Fhad 's a ni thu sin, tha thu dìreach a' deanamh na cnid a's mò de'n obair air a shon. Agus am bheil è airidh air do chuideachadh féin a chum d' anam a mhallaichadh? Is fagus an là air an ceasnaich Dia thu. Ged nach bitheadh agad ri sheachnadach àmbghar na beatha so féin, b'f heàrr leat air an là 's an gairm Dia gu cùnnatas thu, gu'n d'rinn thu do dhleasanais, a chum dol ás o bhreitheanas an Uile-chumhachdaich. B'uamhasach a' ghairm do Adhamh, "C'ait am bheil thu?" "an d'ith thu do'n chraoibh?" agus do Chàin, "C'ait am bheil do bhràthair?" "Cha 'n 'eil daoine a' toirt fainear 'n an cridhe (deir an Tighearn) gnàr cuimhne leam-sa an uile aingidheachd; a nis chuairtich an gnàomhara féin iad air gach taobh; tha iad fa chomhair m' agbaidh-sa." *Hos. 7. 2.*

Their fòs fainear cho milis 's a bhitheas toradh an

f héin-cheasnachaidh so. Ma bhitheas tu cothromach agus diadhaidh, treòraichidh sin thu dìreach gu dearbh-bheachd air gràdh Dha. Mur 'eil thu mar sin fathast, bheir è trioblaid dhuit an dràst, ach aomaidh è do chridhe gu sonas, agus treòraichidh è thu mu-dheireadh gu dearbh-bheachd air do shonas. Nach taitneach an ni dhuit fios cinnteach a bhi agad ciod a tha gu tach-airt dhuit an déigh so? gu h-àraig ciod a tha gu tach-airt do d' anam? ciod è an t-àit 's an staid anus am bi thu-féin gu bràth? Agus ma's taitneach eòlas féin air a' chùis, nach mò gu mòr a's taitniche na sin an sòlas a gheibhear o chìnnteas air teàrnadh! Nach milis na smuaintean a bhitheas agad air Dia! Bithidh a' mhòrachd 's an ceartas sin uile a tha 'n an cùis eagail do mhuinntir eile, 'n an cùis aoibhneis dhuit-sa. Nach milis smuaineachadh air Criod, air an f'huil a dhòirt è, agus air na beannachdan a cheannaich è dhuiinn le 'f'huil! Nach taitneach a gheibh thu focal Dé, agus nach 'maiseach leat cosan nan teachair a chluinneas tu 'g a shear-monachadh!' Nach milis dhuit na geallaidean 'us tu cìnnteach gu'm buin iad uile dhuit-féin! Bheir eadhon na bagairtean sòlas dhuit a' cuimhneachadh nach 'eil iad anis 'n a d' aghaidh féin. Cia mòr an dànaidh agus an sòlas a bhitheas agad, 'nuair a dh-fhaodas tu "ar n-Athair" a ràdh, le làn chìnnteas! Bithidh suipeir an Tighearna 'n a cuilm ùrachaидh do d' anam! Fàsaidh gach tròcair eile,—na tròcairean a's lugha,—mòran na's milse dhuit. Cia sòlasach a dh-fhaodas tu nis a dhol tre gach àmhghar. Bithidh tu socrach ann an smuaineachadh air a' bhàs, air breitheanas, air nèamh 'us air ifrinn! Fàgaidh so thu beothail ann an obair an Tighearna, agus tarbhach, féumail do gach neach mun-cuairt duit! Cuiridh so spionadh ann do bhuidhean gràsmhor agus d' aignidhean uile! Beothaichidh so d'aithreachas, lasaidh è do ghràdh, geuraichidh è do dheadh mhiann, agus daingnichidh è do chreidimh! bithidh è 'n a thobar aoibhneis a' sruthadh annad an còmhnuidh, sàr-lionaiddh è do chridhe le tàingealachd, togaidh è suas thu ann an obair bhìnn, mhilis a' mholaidh, bheir è dhuit ìnninn nèamhaidh, agus fàgaidh è thu buan-dhìchiollach anns na h-uile nithibh. Sin anis

cuid de na toraidhean milis a thig o dhearbh-bheachd, agus dheanadh làd do bheatha mar nèamh dhuit air talamh.

Is cìnnteach mise gur mòr brìgh agus réusan nan aobhar ceasnachaидh sin uile, gidheadh, a léughadair, tha ro eagal òrm gu'm faod thus' an leabhar so a chur seachad, mar nach biodh tuilleadh agad ri dheanamh ach so a léughadh, agus nach buail thu idir air cleachdadadh do dhleasanais. Ach smuainich thus' anis. Is i so cùis a's mò luach dhuit-sà,—Co dhiubh a bhitheas tu gn sìorruidh beò air nèamh, no ann an ifrinn! An so guidheam ort, matà, air sgàth d' anama féin; ni-h-eadh, ach tha mis a' sparradh ort ann an ainm mòr an Tighearna, na cuir dàil aon mhionaid na's fhaide anns a' chùis. Buail air an obair air báll. Gairm do chridhe féin anis gu cùnntas; agus gu dtan, dùrachdach smuainich agad-féin, ceasnaich thu-féin, agus fedraich dhìot-féin mar so:—"Am bheil è cho furasda, cho cumanta, agus cho cunnartach do shluagh a bhi air am mealladh? Am bheil cho liuthad rathad meallaidh ànn? Am bheil an cridhe cho cealgach? Carson, matà, nach 'eil mis' a' rànnsachadh gach oisinn de mo chridhe féin, gus am faigh mi fios air mo staid? An éudar dhomh a bhi gu h-aithghearr air mo dhearbhadh an làthair caithir breitheanais Chriosd? agus nach dearbh mi mi-féin anis? Ciod a thig dhòm ar sin, ma bhitheas mi air mo mhealladh? Am faod fios a bhi agam air mo staid le beagan rànnsachaidh a dheanamh gu dìchiollach anis? agus nach dean mi saothair?" Ach theagamh gu'n obair thu, "Cha n-aithne dhomh ciamar a nì mi è." Ach ni mise do shedladh anis. Ach mo chreach! bitidh mo shedladh dòmhain, mur 'eil thus' a' cur romhad a chleachdadadh. Am bheil thu, matà, mu'n téid thu céum na's fhaide, anis a' gealltuinn an làthair an Tighearna, gu'm buail thu gun dàil idir air deanamh do dleasanais aréir gach sedlàidh a tha mis' a' dol a thoirt duit anis o fhocal Dé? Cha n-eil mi idir ag iarraidh ni sam-bith do-dheante, no mi-réusanach ort. Cha n-eilear ag iarraidh ort ach amhàin beagan uairean a bhuileachadh a chum fios 'fhaotuinn ciod an staid anns am bith thu-féin gu bràth. Na'n iarradh coimhearsnach, no caraid ort uair, no dà uair a chur

seachad maille ris, a' labhairt air gnothach féumail sam-bith, is cìnnteach nach diùltadh tu sin; agus an diùlt thu uair do d' anam féin air a' ghnothach a's àirde luach! Guidheam ort, matà, a' chomhairle so a ghabhail uam, mar gu'm bithinn 'g a toirt dhuit, ann an ainm Chriosd, air mo ghlùinibh; agus théid mi air mo ghlùinibh arìst, ag ùrnuigh ri Criosd gu'n deanadh è do chridhe rag aomadh a dh-ionnsuidh an dleasanais so.

4. So anis seòladh dhuit, ciamar is còir dhuit thu-féin a cheasnachadh:—Tilg amach o d' inntinn gach uile smuain agus gach uile chùram eile, chum nach bi d'inntinn air a h-ioma-luasgadh, no air a roinn leo. Is leòr an obair so féin dhuit aig aon àm, gun smuain, gun obair sam-bith eile maille rithe. An déigh sin cröm thu-féin sìos air do ghlùinibh an làthair Dhia, ann an ùrnuigh ris gu toileach, dùrachdach ag iarraidh cobhair a spioraid, chum do chor a dheanamli làn shioilleir dhuit, agus a chum d' inntinn a shoillseachadh anns gach céum de'n obair so. Ròghnaich an t-àm 's an t-àit a's freagarraiche. Gabh àit uaigneach, agus uair air nach cuirear dragh ort le ni sam-bith eile. Ma dh-fhaodar idir, gabh an uair so—"anis an t-àm." Biodh agad ùr air d'chridhe, no ann an sgrìobhadh, cuid de'n Sgriobtuir anns am bheil cùnnatas air na naoimh, agus geallaidhean an t-soisgeil air teàrnadh, agus dean thu-féin làn-dearbhte gur fìrinn neo-mhearachdach iad. An déigh sin, tòisich air a' cheist a chur riut-féin. Ach cha n-e idir am bheil ni maith annad-féin? no am bheil gràs beag, no mòr agad? Ach co dhiubh a tha, no nach 'eil gràs slàinteil—gràs teàrnaidh —annad, ann an treibh-dhireas? Ma dhiùltas do chridhe 'dhol air aghaidh leis an obair, na gabh idir diùltadh dheth, ach eignich air aghaidh è. Leig d'òrdugh air gu teànn. Gnàthaicheadh do réusan a chumhachd os a chionn. Seadh, thoir àithn Dhia dhà agus spàrr air ùmhachd a thoirt dì, air eagal tuiteam fo fheirg Dhé. Deanadh do choguis a cuid féin de'n dleasanais so cuideachd; agus na stad idir gus am bi do chridhe air a ghléusadh airson na h-oibre. Gabh an aire nach leig thu le 'do chridhe, uair sam-bith, a bhi gu diomhain a' caitheamh na h-àine 'bu chòir dhà

'bhualeachadh gu dìchiollach air an obair so. Bitheadh agad-sa ri ràdh mar thuirt an Salmadair, "Rinn mi cainnt ri mo chridhe féin, agus rànnsaich mo spiorad gu géur." An neach a bheir buaidh air a chridhe féin, bheir è buaidh maille ri Dia.

Ach mur faigh thu thu-féin stéidhichte an déigh do shaothair uile, iarr amach cuideachadh. Gairm air aon de shluagh Dhé, cha n-è aon a dh-fhaodas a bhi fathast gun "dearbh-bheachd," mar tha thu-féin, ach duine diadhaidh, fiosrach, tuigseach, comasach, fìrinneach, agus innis do chor dhà, agus iarr a dheadh chomhairle chum do chuideachadh. Gabh a chomhairle airson d'anama, mar ghabhar comhairle dochdadair airson a' chuirp. Agus ged nach urrainn an céum so do dheanamh làn chinnteach air teàrnadh, faodaidh è do chuideachadb, do neartachadh agus do shedladh gu mòr ann an deanamh tuille saothair. Gabh a' cheart aire gu'm buanaich thu ann an obair an fhéin-cheasanachaidh, a' cuimhneachadh an còmhnuidh nach urrainn comhairle duine sam-bith, air a feothas, ach amhàin do chuideachadh a chum saothair na's feàrr a dheanamh. Faodaidh a' chombairle bbi glé mhaith, ach cha leòr sin idir dhuit-sa; oir féumaidh tu-féin leantuinn gu seasmhach air an obair fo shedladh na comhairle, agus gu h-àraig aréir na fìrinn, gu bràth gus am faigh thu fios chinnteach air an nì luachmhor a ta dh-easbhuidh ort. Nise, matà, cho luath 's a chì thu gu soilleir d'fhiòr staid féin, thoir amach binn ort-féin, aréir do staid. Faic anì flor Chriosduidh thu-féin, no nach eadh? Ach na bi idir grad, no cabhagach leis a' bhinn so. Na dean sodal, no brosgul riut-féin, agus na bi air do ghluasad le dubh eagal, no tròm uamhas, ach dearbh do staid le briathran an Sgriobtuir agus le do réusan, gu cùramach, stòlda, fìrinneach, aréir do choguis. Saothraich a chum do chridhe féin a thoirt gu làn mhothachadh air a chor, aréir na breith a thug thu mach air. Ma gheibh thu è gun ghràs ànn, smuainich air do chor truagh. Ma tha è air 'ath-nuadhachadh agus air a naomhachadh, smuainich air an staid bheannaichte gus an tug an Tighearn thu-sa. Lean romhad ag altrum nan smuaintean sin gus an dean iad làn ghreim agus

drùigheadh air do chridhe: agus sgrìobh an cuimh-neachan so air clàr do chridhe. "Air leithid so a dh'äm, an déigh dhomh mi-féin a làn-cheasnachadh, f'huair mis' amach gu'm bheil mo staid mar so, no mar sid." Bithidh am focal-cuimhne sin fìor fhéumail dhuit an déigh so. Na abair idir gur leòr na f'huair thu mach cheana. Na earb ás idir mar nach biodh féum agad air tuilleadh dearbhaidh, ach rànnsaich do chor 'us do shligh gach là. Ma's éudar dhuit thu-féin a cheasnachadh gu tric, na biodh idir droch mhisneachd agad. Mur 'eil thu fathast air d'ath-ghineamhuinn, thoir a' cheart aire nach abair thu idir nach f'haod thu 'bhi air d'ath-ghineañhuinn an déigh so. Na abair idir gu'm bi do staid an déigh so, mar tha ì an dràst. Na abair idir "Tha mise mi-dhiadhaidh agus mar sin gheibh mì bàs: Is cealgadair mise, agus mar sin bithidh mì." Na tuit idir ann an éu-dòchas. Cha n-urrainn ni sam-bith ach do mhì-thoil fèin do chumail o Chriosd. Gabhaidh è riut fathast, ma thig thu, ged bha tbu roimhe so mi-chùramach, no ri cleasachd a' chealgadair.

5. Ceadaich dhomh anis beagan chomharraidhean a thoirt leis am faod thu do chòir air Fois nan Naomh a dhearbhadh. Cha n-ainmich mì ach a dhà dhiubh sin —eadhon, Dia a ghabhail mar d' àrd mhaith,—agus Criosd 'n a aonar a ghabhail gu toileach mar do Shlàn-uighear agus do Thighearn.

Is è Dia féin àrd shonas gach anam' aig am bheil còir air an fhois so. Is è làn mhealtuinn glòrmhor Dhia an fhois so. Is Pàganach, agus fear-iodhoil-aoraidh suarach gach neach nach gabh ri Dia, mar a mhaith àrd agus sìorruidh. Faighnicheam dhòt, matà, an è, no nach è an sonas a'a feàrr agus a's àirde leat an Tighearn a mhealtuinn ann an glòir? An urrainn thu 'ràdh, "Is è Dia mo chuibhrionn? Cò th'agam anns na nèamhaibh ach thusa, agus an coimeas riut cha n-eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh." Ma's oighre thus' air an fhois so, their thu sid. Ged bhitheas an fheòil ag larraidh taitneis dhi-féin, agus an saoghal a' snàigeadh astigh air d'aignidhean, gidheadh ann am fonn ceart, gnàthaichte, suidhichte d' inntinn agus d' aignidhean, is è Dia a's ànnsa leat na gach uile ni 's an t-saoghal, Is

è crìoch do mhìann agus do shaothair uile. Is ànn gu h-àraig a chum thu-féin a dheanamh cìnnteach ás an fhois so, a dh-éisdeas tu agus a ni thu ùrnuigh, agus a dh-iarras tu 'bhi bed air thalamh. Ged nach 'eil thu 'ga h-iarraidh cho tric, dìchiollach, dian as bu chòir dhuit, gidheadh is i àrd chuspair do dhéigh agus d'oidhirpean uile, agus cha n-iarrar agus cha n-fheàrr leat cuspair sam-bith eile air thoiseach oirre. Cha chruaidh, searbh leat saothair air-bith a's urrainn thu nis a dheanamh air a son. Agus geda dh-fhaodas an fheòil crùbadh, no sgàth a ghabhail air uairibh, fo'n t-saothair so, gidheadh fathast tha thusa gu toileach a' cur romhad seasamh an aghaidh gach dosguinn gus an toir thu buaidh. Bithidh meas cho àrd agad air an fhois so, agus gràdh dhì cho mòr, as nach tugadh tu do chòir oirre agus do dhòchas innte airson nì 's an t-saoghal, no airson an t-saoghail so uile. Ged theireadh Dia riut, So dhuit air aon làimh, toil-inntinn shìorruidh air thalamh, agus air an làimh eile, fois nan naomh air nèamh, agus gabh do roghainn dhiubh, dhiùltadh tu an toil-inntinn thalmhaidh, agus ròghnaicheadh tu an fhois nèamhaidh.

Ach mur 'eil thu fathast air do naomhachadh, is feàrr leat ann do chridhe, sonas an t-saoghail so na Dia; agus geda dh-fhaodas do bhéul a ràdh gur è Dia an t-àrd mhaith, cha n-e sin idir barail do chridhe. Oir is ànn an déigh an t-saoghail a tha do mhìann 'us do shaothair uile. Tha do chridhe dìreach bunaichte air an t-saoghal. Tha do chùram agus do shaothair air am buileachadh air do chreideas agus air do thaitneasaibh feòlmhor. Is beag a dh'ìarr thu riamh a thuigsinù de ghlòir neo-fhaicsinnich sin an t-saoghail eile. Is beag a chunnaic thu de àileachd na glòire sin, agus mar sin, is beag saothair a rinn thu airson fois na glòire. Ma rinn thu saothair idir air a son, bu bhochd, mi-thoileach i. Bha thu dùrachdach, cùramach, dìchiollach ann an deanamh seirbhis do'n t-saoghal, ach bu leòr leat beagan smuaintean fuar, fànn, mi-chùramach a bhuiileachadh air seirbhis Dhia, 'nuair nach robh an saoghal a' gairm ort. Leigeadh tu leis a' ghnothach aimsireil 'bu lugha seasamh eadar thu agus obair Dhia. Bu leòr

leat fuighleach an t-saoghail a thoirt do Dhia, ma thug thu dad idir dhà. Cha d'rinn thu airson nèimh ach na fhuair thu féumail, taitneach a chum do chuid, do chliù agus do bhuanachd a chumail riut air thalamh. Faodaidh tu beagan a dheanamh airson Dhia an dràst agus arist, 'nuair a cheadaicheas an saoghal dhuit, air eagal gu'n tilgear do ifrinn thu an déigh do bhàis. Ach an urrainn thu-féin a ràdh gur seirbhis dhileas sin do Dhia? Ach ma theirear an fhìrinn, is ro theànn leat òrdugh Dhé, agus an lorg sin cha n-àill leat gnàth-ghluasad agus saothair a dheanamh aréir riaghait an t-soisgeil, agus an uair a dbearbhar thu gu cnàimh do dhröma 'dh-fheuchainn co aca is feàrr leat Criod, no do shonas saogbalt' a thréigsinn, gheibhear thus' a' dol leis an t-saoghal 's a' diùltadh ùmhachd a thoirt do Dhia. Na'n ceadaicheadh Dia dhuit a bhi beò gu bràth ann an slàint 'us saoibhreas air thalamh, b'ànnsa leatsa sin na fois nan naomh. Iarradh iadsan leis an àill gu nèamh, ach is è sid sonas a b'fheàrr 's a b'airde leat-sa. So anisdo chor, mur 'eil thu fathast air d' ath-ghineamhuinn, no air d' ath-breith,—mur 'eil do chridhe air 'atharrachadh o staid nàduir gu staid naombachd,—tha thu gun chòir ann am fois nan naomh.

Ach ma tha thu nis a' socrachadh do chridhe air Dia, mar d' àrd mhaith, gabhaidh tu gu toileach, taitneach ri Criod mar do Shlànuighear agus do Thighearn a chum do threòdrachadh a dh-ionnsuidh na foise so. Anns a' cheud chomharradh bha sùim "na ceud àithne agus na h-àithne mòire," eadhon àithn an lagha, "Gràdhaich-idh tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe." Agus anns an dara comharradh so, a bheir mì dhuit anis, tha sùim àithn' an t-soisgeil, "Creid anns an Tighearn Iosa Criod, agus tèarnar thu." Agus is è an dà àithn sin a choimhlionadh, an diadhachd agus an creidimh Criodail uile. Is mìneachadh so air creidimh. Am bheil thus' a' tuigsinn gur peacach càillte thu do thaobh nàduir, agus air do dhìteadh an lorg do bhriseadh air a' cheud chùmhñant? Am bheil thus' a' tuigsinn gur è Iosa Criod an t-eadar-mheadhonair a thug làn rìarachadh do'n lagh? agus air dhuit a chluinntinn anns an t-soisgeil gu'm bheil è air a thairgse gu saor do na

h-uile dhaoine, am bheil thu gu toileach a' dlù-ghabhal ri Criod 'n a aonar, mar do Shlànuighear, gun earbsa sain-bith a chur ann an obair, no ann an dleasanais air-bith a ni thu-féin, ach amhàin mar mheadhonaibh air an òrduchadh fo làimh Chriosd. Am bheil thus' ag amharc air gach obair, dleasanais, no gnìomh a nì thu-féin, mar nithe nach 'eil comasach ann an tomhas air-bith air gairm an lagh' a riàrachadh agus a mhallaichd a thoirt air falbh, no mar nithe anns nach 'eil fireantachd laghail air-bith? Am bheil thu toilichte teàrnadh d'anam' earbsa ris an t-saorsa mhòir a choisinn Criod? Am bheil thu mar-an-céudna toilichte Criod a ghabail mar do Thighearn agus do Rìgh, a chum a bhi air do riaghlaigh agus air do threòrachadh le lagh agus le spiorad Chriosd? Am bheil thu toileach agus ullamh gu ùmhlaichd a thoirt do àithn Chriosd, eadhon an uair a chuireas è na dleasanais a's truime agus a's cruaidhe mu do choinnimh, seadh, na dleasanais a's mì-thaitniche do chàil na fcòla? Am bi doilgheas ort, am brònach leat, ma thuiteas dhuit do rùn suidhichte mu aon de na nithibh sin a bhriseadh uair air-bith, agus an aoibhneas mòr dhuit an coimhead gu ceart, agus fìor ùmhlaichd a thoirt do Chriosd? An neach thu nach tréigeadh do Thighearn agus do Mhaighstear airson an t-saoghal uile? Ma's fìor Chriosduidh thu, bheir do chridhe freagradh glan do na ceistibh sin uile. Ach ma's cealgadair thu, cha taitinn iad idir ri do chridhe truagh. Faodaidh tu "Mo Thighearn" 'us "mo Shlànuighear" a ghairm do Criod, ach cha n-fhaca tu riamh gu'm bheil thu càllte gun Chriosd, cha d'ìarr thu è agus cha d'earb thu ás mar do Shlànuighear, a' creidsiun nach urrainn thu idir a bhi air do theàrnadh ach trìd-san amhàin. No cha d'aontaich thu leis gu toileach, a' tabhairt suas d' anam' agus do bheatha dhà gu bhi gu bràth air an ceànnsachadh agus air an riaghlaigh leis: ni mò 'ghabh thu focal agus lagh Chriosd, a chum do smuaintean agus do ghnìomhran a riaghlaigh aréir a thoile. Faodaidh gu'm bu mhaith leat a bhi air do theàrnadh o ifrinn le Criod, 'nuair a ghlacas am bàs thu, ach an dràst cha n-àill leat ùmhlaichd a thabhairt dà, no e-féin aideachadh idir mar do Thighearn, ach

amhàin cho fada 's a fhreagras sin do d' thaitneas agus do d' bbuannachd shaoghalta. Agus na'n ceadaicheadh è sin dhuit, b'fheàrr leat a bhi beò gu bràth aréir an t-saoghail agus aréir na feòla, na idir aréir an fhocail agus an spioraid. Faodaidh tu, air uairibh, a dhol céum no dhà le Criosd, ach tha rùn 'us mìann cumanta do cridhe suidhichte air nithibh aimsireil—cuspairean a's ànnsa leat na Criosd. Agus air an aobhar sin, cha n-fhòr Chriosduidh thu. Cha n-eil thu fathast a' fior-chreidsinn ann an Criosd. Ged tha thu 'g a aideachadh le do bhriathraibh, 'tha thu ann an oibrabh 'g a àicheadh, air dhuit a bhi gràineil, agus eas-ùmhal, agus a thaobh gach deadh oibre ás éugmhais tuigse.' Tit. 1. 16. Is è sin anis cor na muinntir a dhùinear amach o fhois nan naomh.

Thoir fainear, is è aonta do chridhe, no do thoil a thathas ag iarrайдh a rànnsachadh gu h-àraig. Cba n-eilear a' faighneachd dhiot an so, am bheil dearbh-bheachd agad air teàrnadh, no an urrainn thu 'chreidsinn gu'm bheil do pheacaidhean air am maiteadh, agus gu'm bheil thu ionmhuinn le Dia agus le Criosd? Cha phàirtean na nithe sin idir de chreidimh fìreanachaидh, ach toraidhean maiseach a' chreidimh sin. Iadsan a gheibh na nithe sin, bithidh iad air an deanamh sòlasach leo, ach theagamh nach fhaigh thus' iad gu bràth anns a' bheatha so, agus gidheadh faodaidh gur oighre flor thu air an fhois so. Na abair idir matà, "Cha n-urrainn mis' a chreidsinn gu'm bheil mo pheacaidhean air am maiteadh, no gu'm bheil mì taitneach do Dhia, 's an lorg sin cha n-fhòr chreidmheach mì." Na tilg thu-féin idir anns a' mhealachd sin. Is ì so a' cheist,— Am bheil thusa gu toileach a' gabbail ri Criosd, a chum gu'm bi d' uile pheacaidhean air am maiteadh dhuit, gu'm bi thu air do dbeanamh réidh ri Dia, tre Chriosd, agus mar sin air do theàrnadh? Am bheil thu làn toileach Criosd a ghabhail, agus anis 'g a ghabhail mar do Thighearn, a cheannaich thu, agus a bheir do nèamh thu 'n a rathad féin? Sin anis creidimh fìreanachaидh agus creidimh teàrnaidh, agus an comharradh leis am féum thusa thu-féin a dhearbhadh. Ach thoir fainear fathast, féumaidh an t-aontachadh so uile a bhi fìor,

toileach, deònach, slàn; cha n-ānn cealgach, feallsa, faoin ann an tomhas air-bith. Cha n-fhaodar a ràdh, mar thuirt am mac cealgach, "Théid mì, a Mhaighstir." Agus an déigh sin, cha deachaidh è. Ma tha do chridhe na's suidhichte air ni, no neach eile, na tha è air Criod, cha dheisciobul dà thu, cha n-ānn de shluagh Chriosd thu. Is cìnnteach mise gu'm faighear an dà chomharradh sin aig gach fìor Chriosduidh, agus nach fhaighear iad aig neach air-bith ach fìor Chriosduidh. O matà, gu'n deanadh an Tighearn thus' aomadh anis gu thu-féin a làn-dhearbhadh, chum nach criothnaich d'anam le uamhas, 'nuair a dhearbhar thu le Breitheamh an domhain uile, ach gu'n dean sùil ri teachd bàis agus breitheanais do spiorad a bheothachadh, agus do lìonadh le aoibhneas!

Agus anis, a Chriosduidh, leis an àill sòlas agus sonas 'fhaotuinn nach meall ort agus nach tréig thu gu bràth, is è gnothach àraig do bheatha, saothair mhòr a dheanamh chum fàs ann an gràs, cumhachd Chriosd a mheudachadh agus àrdachadh 'n a d'anam, agus cumhachd na feòla a lagachadh agus a chlaoidh. Na leig dhuit-féin a bhi air do mhealladh le smuaineachadh gu'n d'rinn Criod na h-uile nithe air do shon, gun ni sani-bith fhàgail agad-féin ri dheanamh. Agad-sa tha ri buaidh a thoirt air an diabhul, air an t-saoghal agus air an fheòil, agus a chum sin a dheanamh, féumaidh tu caithris a dheanamh agus seasamh fo d' armachd an còmhnuidh, a' sior-chogadh gu foighidneach, tréun, gus am faigh thu crùn na beatha. Is ānn le caithe-beatha mar sin a's feàrr agus a's luaithe a ruigear air dearbh-bheachd air ar slàint shlòrruidh. Sibhse 'tha air bhur baisteadh, agus sibhse, a phàrantan, a thainig astigh fo bhóid a' bhaistidh do Dhia, ciamar a choimhlionas sibh bhur gealladh do Dhia, agus ciamar a sheasas sibl 'n a làthair le sòlas, an déigh uair bhur bàis, agus air là mòr a' bhreitheanais, mur faighear sibh an diugh gu fritheil-teach, riaghailteach a' feitheamh air na meadhonaibh naomh sin a dh'òrduich Dia chum bhur sonas slòrruidh a chur air aghaidh? Ge-b'-e neach nach 'eil gu seas-mhach, dìchiollach ri saothair airson anama féin, air gach là sàbaid 'us seachduin, cha Chriosduidh idir è.

Cha n-eil 'n a chreidimh, ma tha creidimh idir aige, ach sgled. Cha n-ānn idir do gach neach a chreideas gn̄ ðiomhanach, dàna, ach "do 'n tì a bhuadhaicheas a bheir Criod r' a itheadh do'n mhana fholichte, agus bheir è dhà clach gheal, agus air a' chloich ainm nuadh sgrìobhta, nacb aithne do neach air-bith ach do'n tì a gheibh i; ithidh e do chraoibh na beatha, a tha ann am meadhon pàrrais Dhé, agus cha chiùrrar leis an dara bàs e. Aidichidh Criod ainm-san am fianuis 'Athar, agus am fianuis aingle-san, agus nì se e 'n a phost ann an teampull Dhé, agus cha téid e ni 's mò amach ás, agus sgrìobhaidh e ainm a Dhé air, agus ainm caithreach a Dhé, a's i Ierusalem nuadh, a thig a nuas o nèamh o a Dhia; agus sgrìobhaidh e ainm nuadh féin air. Seadh, "bheir e comas dhà suidhe maille ris air a rìgh-chaithir, amhuil fòs a bhuadhaich e-féin, agus a shuidh e maille ri 'Athair air a rìgh-chaithir-san. An tì aig am bheil cluas, eisdeadh e ciod a ta an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisibb." *Taisb.* 2. 7, 11, 17: agus *Caib.* 3.

CAIBDEIL IX.

'S è Dleasanas Sluaigh Dhé muinntir eile 'mhisneachadh gus an Fhois so ìarraidh.

Am bheil duais cho ghlòrmhor ri Fois nan Naomh air a cur romhainn le Dia, agus an d'rinn è sinne comasach air sonas cho do-mheasraichte 'fhaotuinn? Carson, matà, nach 'eil clànn na riogbachd so a' saothrachadh na's mò, chum muinntir eile 'thoirt a dh-ionnsuidh na foise so? carson nach 'eil sinn 'g an cuideachadh na's mò, chum an treòrachadh gu sonas cho mòr a mhealtuinn? Mo chreach! nach beag sùim a gheibhearr a' chuid a's mò dhùinn a' gabhail do anamaibh bochda mu-ii-cuairt duinn! Tha sinne 'faicinn glòir' na rioghachd, ach cha n-eil iadsan: tha sinne 'faicinn truaighe na muinntir a tha mach áisde, ach cha n-eil iadsan, tha sinne 'g am faicinn a' dol fad air seachran o'n

t-sligh, agus tha fios againn mur pillear air an ais iad, nach tig iad a dh-ionnsuidh na slighe gu bràth, oir cha n-aithne dhoibh-féin an t-sligh gu fois. Nach tigeadh dhuinn-ne, matà, am mearachd 's an cuinart 'fheuchainn doibh gu cùramach, agus oidhirt a thoirt, leis gach cuideachadh ann ar comas, air an cur anns an t-sligh mhaith, chum gu'm mair iad bed? Och, is tearc a gheibhear Criosduidhean a tha tric a' saothrachadh, aréir an uile chomais, a chum anamanan a shàbhaladh! Neor-thàing dhuinn-ne, mur bi nèamh falamh, agus mur caillear anamanan ar bràithrean. A' faicinn, matà, cho àrd-fhéumail 's a tha 'n dleasanais so, chum glòir Dhé, agus sonas dhaoine peacach a chur air aghaidh, mìnich-idh mì—Ciamar is, còir a dheanamh,—Carson a tha è air a dhearmad cho mòr;—agus an déigh sin, bheir mì beagan carailean a chum sluagh aomadh gus a dheanamh.

I. Is è dleasanais gach Criosduidh a bhi gu tric a' cuideachadh 's a' misneachadh muinntir eile chum an toirt gus an còir air fois nan naomh aithneachadh, ach cha n-eilear idir a' ciàllachadh le sin gur còir do gach Criosduidh a bhi 'n a shearmonaiche follaiseach, no 'dhol aon chéum thairis air crìochaibh na gairme sòn-ruichte a ta aige, no taobh-spiorad (*party spirit*) àrach, no aon fhocal a ràdh an aghaidh mearachdan dhaoine air an cùlaobh, gun labhairt idir riu-féin anns an aoduinn. Cha n-è sin idir nàdur an dleasanais so. Is è nàdur àraig an dleasanais so—Truas ri anamaibh truagh ar co-chréutairean,—Gach fàth-chothrom a ghlacadh a chum an teagastg ann an sligh na slàinte,—Am buannachd a chur air aghaidh le meadhonaibh follaiseach nan gràs.

Bitheadh; matà, •truas ann ar cridhe ri anamaibh truagh ar co-chréutairean. Bitheamaid iochdmhor riutha, agus iarramaid gu beò-dhùrrachdach an aiseag gu slàinte. Ma bhitheas fadachd dhùrrachdach dirnn airson an iompachaидh, agus ma bhitheas ar cridheachan éudmhor gu maith a dheanamh dhoibh, tòisichidh sinn air an obair, agus beannaichidh Dia ar saothair.

Féumaidh sinn gach fàth-chothrom ann ar comas a ghabhail, a chum a theagastg dhoibh cionnus a dh-fhaodas iad ruigheachd air teàrnadh. 'Nuair a choinnicheas tu

neach aineolach dean saothair a chum a thoirt air a thuigsinn ciod è àrd shonas an duine. Ciamar a chàill è am fìor shonas a bha aige air tùs. Cianiar a bhris è an cùmhnant a rinn Dia ris. Ciòd am peanas a tha è nis a' toilltinn an lorg a' bhrisidh sin, agus meud na truaighe sin a thug è air-féin le tuiteam air falbh o Dhia. Teagaing dhà a mhòr fhéum air Fear-saoraidh; tròcair mhòr Chriosd ann an teachd a shaoradh dhaoine; mar phàidh è am peanas a thoill iad; ciòd è brìgh a' co-cheangail nuaidh; ciamar tha daoine air an toirt a dh-ionnsuidh Chriosd; na sochairean agus an saoibhreas a tha aig na creidmhich ann an Criosd. Mur dean na nithe sin drùigheadh air an aineolach, feuch dhà dir-dhearcas na glòire sin a tha e-féin a' dearmad. Feuch dhà uamhas agus teànnntachd na dóruinn sìorruidh a tha aig a' mhuinnitir mhallaithe; gur ceart peanas na h-ifrinn a dheanamh air gach h-uile shluagh a tha nis a' rag-dhiùltadh gràis: feuch dhà cho cìnnteach 's cho fagus 's a tha uamhas a' bhàis agus a' bhrithleanais; dìomhanas nan uile nithe air thalamh; àrd luachmhorachd Chriosd; olcas a' pheacaidh; féum gach duine air ath-ghineamhui, air creidimh, air naomhachd agus air fìor nàdur nan nithe sin a làn-thuigsinn. Ach ma gheibh thu do cho-chréutair air a mhealladh le dòchas feallsa, aslaich air a staid a rànnsachadh, agus dearbh dhà a mhòr fhéum air sin a dheanamh; cuidich è, agus na dealaich idir ris, gus an dearbh thu air, cait am bheil a dhochann agus a leigheas. Feuch dhà cia dìomhain, millteach an obair a bhi 'cur a dhlcasanais an àit Chriosd, agus mar sin ag iarraidh e-féin 'fhìreanachadh tre oibribh luideagach an duine. Ach air a h-uile cor, treòraich è gu gnàthachadh nan uile mheadhon,—léughadh agus éisdeachd an fhocail; gairm air Dia ann an ùrnuigh; conaltradh ri pobull Dhia; seachnadh a' pheacaidh; seachnadh gach cuideachd 'us céum a bhrosnaicheas gu peacadh, gu h-àraig droch còmpanach. Comhairlich na nithe sin dhà, agus maille riutha sin, comhairlich dhà a bhi gu tric a' feitheamh gu foighidneach air Dia ann an gnàthachadh nam meadhon, ag innseadh dhà gur ann amhàin tre na meadhonaibh, a gheibhear eòlas air Dia agus fagus dà.

Ach o'n is ohair fìor luachmhor ì so, féumar mòr aire 'thoirt do'n rùn cridhe leis an deanar ì. Air an aobhar sin, bi air do stiùradh g' a h-ionnsuidh leis na riagh-ailtibh so:—Tòisich air an ohair le deadh rùn. Iarr glòir Dhia a chur air aghaidh ann an teàrnadh do chochréutair. Dean an obair, cha n-ānn a chum ainm mòr 'us meas 'fhaotuinn, no idir a chum muinntir a chur fo chomain dhuit, no chum an aomadh leat gu pàrtidh sam-bith a leantuinn, ach ann am fìor ùmhachd do Chriosd, agus aréir eisampleir Chriosd, gu tòorail a' gràdhachadh anamanan dhaoine. Na biodh d' obair idir cosmhuil ri obair na muinntir sin a cheartaicheas gu cùramach an clànn 's an seirhhisich 'nuair a thuiteas iad ann am mearachd a chuireas càll, no droch-gean orra, ach nach d'iarr riamh an anamanan a threòdrachadh gu sligh na slàinte, mar tha sin air 'òrduchadh le Dia.

Dean an ohair gu grad. Ma's maith leat do chochréutair pilleadh gu sonas gun dàil, na cuir-sa dàil ann an iarraidh air pilleadh. Am feadh a gheibhear thus' a' rùnachadh, no 'smuaineachadh a theagascg 's a chuid-eachadh, gun tòiseachadh air an obair, tha esan a' dol na's doimhne ann an clàhar a' pheacaidh; fearg a' càrnadh suas 'n a aghaidh; am peacadh a' freumhachadh ànn na's mò; a chleachdadh a' greimeachadh air; a bhuaireadh a' dol a mòid: a choguis a' seargadh; chridhe 'cruadhachadh; an diabhul 'g a riaghlaidh Criod air a dhùineadh amach leis; an Spiorad air a dhiùltadh, eas-onoir air a cur air Dia gach là; lagh Dhé air a hhriseadh; Dia gun seirbhis o'n neach so 'bu chòir a bhi deanamh seirbhis dhà; ùin a' ruith gu dlùth: hàs 'us breitheanas aig an dorus, agus dè ma bhàsaicheas è, agus ma thnitez è ann an ifrinn am feadli a tha thus' a' cur romhad tòiseachadh air a chumail ás! 'Nuair a bhitheas corp do chochréutair tinn, cha n-abair thu ris "Bi falbh 'us thig aròst, am màireach bheir mì leigheas dhuit, agus è agad anis aig do làimh. Ciamar a thig dhuit, matà, dàil a chur ann an leigheas, no cuideachadh a thoirt dà airson 'anama? Cha n-fheàrr na mortair, an léigh sin a chuireas dàil ann an loc-shlaint, no comhairle sam-hith a thoirt do

neach thinn gus am bàsaich è, no gus an téid è thar leigheas. Uainn leisgeulan 'us nithe beaga, matà, agus "Earaillichibh a chéile gach aon là, am feadh a ghoir-ear An là 'n diugh dheth; air eagal gu'n cruidhichear neach air bith agaibh tre mhealltaireachd a' pheacaidh."

Eabh. 3. 13.

Bitheadh d'earail ann an iochd agus ann an gràdh. Cha n-ānn le fala-dhà, fanaid, trod, no càineadh, a cheartaichear daoine, no idir a dh-iompaichear iad gu Dia. Ruig am peacach le deòir ann do shùilibh, a' feuchainn dà gu'm bheil thu 'creidsinn gu'm bheil è truagh, agus gu'm bheil gun teagamh truas agad ris. Bitheadh do chomhairle dhà, dùrachdach, iriosal. Tuigeadh è gur è dùracbd do chridhe maith a dheanamh dhà, nach 'eil crìoch sam-bith eile agad ann an labhairt ris, ach a shonas sìorruidh a chur air aghaidh, agus gur è d'fhios air a chunnart agus gràdh d'a anam a dh'éignich thu gu labhairt ris. Seadh, gu'm bheil "fios agad air uamhas an Tighearna," agus eagal ort gu'm faodadh esan a bhi air a dhìeadh fo'n "uambas" sin gu dóruinn shìorruidh.

Abair ris a' pheacacb, "Mo charaid, cha n-'eil mis' ag iarraidh buannachd air-bith dhomh-féin. Ged bu toilichte leat an dràst mise do bhreugadh, agus d'f'hàgail mar tha thu, no leigeil dhuit a bhi beò gun Chriosd, gidheadh cha cheadaich mo ghràdh do d' anam dhomh a bhi tosdach, agus mì 'g ad' fhaicinn-sa nis a' dol bàs. Cha n-'eil mì idir ag iarraidh ni sam-bith uait, ach do thoirt gu sonas a ghabhail. Ma thig thus' a dh-ionnsuidh Chriosd, is ànn dhuit-féin a bhitheas a' bhuanachd agus an sòlas sin uile." Na'n lablramaid air an dòigh so ris gach crèutair aineolach, no nàbuidh aingidh, cha b'fhad a gus am faiceamaid toradh beannaichte an déigh ar saothair!

Dean an obair gu soilleir, sìmplidh, dileas. Na dean idir peacadh an aineolaich na's lugha na tha è. Labhair ris an aghaidh an dòchais fheallsa. Ma gheibh thu è gun solus idir 'n a anam, ni a tha anabarrach cunnartach, abair ris gu soilleir, direach, "Mo nàbuidh, tha eagal òrm nach d'ath-nuadhaich Dia do chridhe fathast; tha eagal òrm nach 'eil thu fatbast air do thoirt o chumh-

achd Shàtain a dh-ionnsuidh Dhé. Tha eagal òrm nach do ròghnaich thu Criod os-ceànn gach cuspair eile, agus nach do ghabh thu ris gu toileach mar d'àrd Thighearn. Na'n gabhadh tu ri Criod, is cìnnteach nach bu dàna dhuit ùmhachd a dhiùltadh dhà, no dearmad a dheanamh cho tric air aoradh Dhia ann do thigh fèin, agus gu follaiseach anns an tigh-aoraidh air an t-sàbaid. Ma ghabh thu ri Criod, ciamar a tha do chridhe 'us do mhiànn gu léir a' dol leis an t-saoghal, gun fhocal idir agad ach air nithibh aimsireil nach fhad a mhaireas dhuit? Na'n do ghabh thu ri Criod, no na'n robh thu 'ann an Criod, bu chréutair nuadh thu; rachadh na seànn nithe seach, agus bhitheadh na h-uile nithe nuadh.' Bhitheadh agad smuaintean nuadh, labhairt nuadh, cuideachd nuadh, oidhirpean nuadh, caithe-beatha nuadh, agus còmhradh nuadh. Bi cìnnteach mur faighear na nithe sin agad, nach urrainn thu idir a bhi air do theàrnadh. Theagamh nach è sin do bharail fèin. Ach ciod-air-bith do bharail 'us do dhòchas, chì thu gu'm bi thu air do mhealladh leò, agus gu'in bàsaich iad uile maille riut.' Air an dòigh so, féumaidh tu labhairt gu dìleas ri daoine, ma tha rùn ort maith a dheanamh dhoibh. Cha n-ionann leigheas am anama agus leigheas a' chuirp. Ann an leigheas a' chuirp cha n-fhaodar gu tric a chunnart innseadh do'n neach thinn, air eagal gu'm millear éifeachd an leigheis. Ach ann an leigheas an anama féumar a chuunart uile agus a thruaighe innseadh gu soilleir do'n pheacach, agus féumaidh e-féin an leigheas a chleachdadh dha-fèin. Mur bi fios aige air a thruaighe fèin, cha dean è caoidh air a son gu bràth, agus cha n-fhaic è idir a mhòr fhéum air Slànuighear.

Dean an obair gu beò-dhùrachdach, éudmhor, éif-eachdach. Saothraich a chum peacaich a thoirt gu thuigsinn nach nithe beaga nèamh agus ifrinn idir, nach leòr idir labhairt, no smuaineachadh ümpa gu cabhagach, mi-chùramach an dràst's arist. "Is cìnnteach, a pheac-aich, nach fhada gus am bi thusa ann an aoibhneas, no ann an dóruinn shiorruidh; agus nach dùisg sin thu? Nach beag an àireamh a tha air sligh na beatha? nach mòr an àireamh a ta air sligh a' bhàis? Nach doirbh a

hol ás? nach soirbh dhuit a bhi air do mhealladh? agus thusa fathast leisg, lùnnidach, dìomhanach gun chùram, gun saothair? Ciod a tha thu 'ciàllachadh? An saoghal a' teicheadh uait: gach taitneas, gach onoir 'us buannachd a' seargadh ás, agus 'g ad' fhàgail; sìorruidheachd dlùth dhuit; Dia cothromach 'us éud-mhor; a bhagairtean cìnnteach. Bithidh an là mòr uamhasach. Uin a' ruith 'n a deànn. Do bheatha neo-chìnnteach. Thusa fad air dheireadh. Do chor cunnartach. Ma gheibh thu bàs am màireach, nach mi-ullamh thu! Cia mòr an t-uamhas leis an dealaich d'anam ri do chorp! Agus nach dean thusa cabhag anis? Cuimhnich, tha Dia rè na h-àine so uile a' feith-eamh riut. Foighidin Dhia nis a' giùlain leat! Fad shulangas Dhia nis a' giùlain leat! Tròcair a' guidhe ort! Fuil agus toilltinneas Chriosd 'g an tairgse dhuit! An Spiorad a' strì riut! Do choguis féin a' dìeadh! Sàtan ag larraidh do ghlacadh! *Anis—anis—anis* d'äm, no cha n-fhaigh thu àm gu bràth. An fheàrr leat a bhi gu bràth a' losgadh ann an ifrinn na aithreachas a dheanamh air thalamh? An fheàrr leat diabhulan a bhi 'n am piànadairean dhuit na Chriosd a bhi 'n a Uachdar-an ort? An fhùcarr leat cùl a chur ri Dia agus glòir, na cùl a chur ris a' pheacadh? O! mo charaid, ciod a tha thu-féin ag ràdh ris na nithibh sin? Rinn Dia duine dhòt. Thug Dia réusan dhuit. O! na tilg uait è matà, 'nuair is còir dhuit a ghnàthachadh gu ceart." Och! Och! cha dean focail mhaol, mhàll, bhliàn, thröm am peacach cruaidh-chridheach a thaiseachadh. Cha dean fala-dhà, miodal, no magadh, no earail leth-dhùrachdach an eridhe marbh a dhùsgadh. Cha ghlaodh fuar, fànn, no draid air nàdur 'us cunnart teine a bheirear 'nuair a bhitheas tigh a' losgadh, ach ruith-ear 'us éighear gu h-àrd, Teine! teine! Air uairibh, is beag maith a ni è, gu tric is mó an càll na 'm maith, a pheacaidhean uamhasach innseadh do dhuine gu mìn, fuar, socrach, mar a labhair Eli ris na mic olc aige-féin, no mar a chronaich Iehosophat Ahab, ag ràdh "Na abradh an rìgh mar sin." Thatar a' sgrios dhaoine le sgàth mi-thlachd a chur orra, ann an labhairt riutha gu dileas, an aghaidh a' pheacaidh a ta ànnta

Ach air eagal gu'n abair thu ro bheag, no ro mhòr, na's mò, no na's lugha na bu chdir dhuit a ràdh ris a' pheacach mhi-chùramach, is ì mo chomhairle dhuit labhairt ris le gliocas agus ciall. Ròglmaich an t-àm a's freagarraiche. Na labhair ri daoine air a' chùis so, 'nuair a bhitheas fearg, no "paisean" orra, no air dìgh a bheir masladh do dhuine sam-bith. Is ànn an uair a bhitheas an talamh bog, a théid an crànn astigh ànn. Labhair ri duine 'nuair a bhitheas è fo àmhghar, no fo-dhùrigheadh an déigh searmoin eisdeachd. Mar Chriosduidhean fìrinneach, is còir dhuinn, cha n-è mhàin maith a dheanamh air gach àm air an gairmear sinn, ach gach fàth-chothrom a ghlacadh a chum maith a dheanamh. Labhair aréir gnè agus mèinn an duine. Cleachd argumaid 'us réuson na's mò na comhairle ann an labhairt ri duine tùrail, géur-chuiseach. Cleachd araon argumaid agus comhairle ri neach aineolach. Is còir aignidhean neach, aig am bheil faireachadh air a chor, a bhìathachadh. Is còir an duine rag-chroasd a chronachadh gu géur. Labhair gu tòrrail, blàth ris gach lag-chridheach. Freagraidh focail shìmplidh, dhùrachdach a' ghràidh do na h-uile, ach is gànn a dh-fhuiligeas cuid focail atmhor an uamhais. Gnàth-aich briathran glàn, fìor fhreagarrach : oir gràinichidh càinnt mhi-thlachdmhor an luchd-eisdeachd air falbh o'n bhiadh air am bu chòir dhoibh a bhi beò, gu h-àraig ìna's sluagh iad aig am bheil cluasan foirmeil, no eridheachan feòlmhor. Is maiseach teagasg na fìrinn, agus air an aobhar sin, is còir an teagasg sin a lìrigeadh ann am briathraibh maiseach.

Daingnich gach earail 'us achmhasan le focal Dé. Dearbh air peacaich nach ann idir à do cheànn féin a tha thus' a' labhairt riutha. Feuch dhoibh an caibdeil 's an rànn anns am bheil am peacaidhean air an dìteadh, agus an dleasanais air an àithneadh dhoibh. Is suarach guth duine, ach tha guth Dhé àrd-urramach, cunhachdach, uamhasach. Iadsan do nach dàna focail Dhé a dhiùltadh, faodaidh iad do theagast-sa 'chur suarach.

Bitheadh d' earail tric do dhaoine. "Is còir ùrnuigh a dheanamh do ghnàth, agus gun fhannachadh." *Lùc.* 18. 1. Is toigh le Dia sinu a bhi 'sìor-iarraidh air-féin :

agus mar sin, is ann le sìor-iarraidh air daoinibh am peacadh a thréigsinn, is dòcha dhuinn buadhachadh orra. Is i so àithn Dhé dhuinn, "Earaillichibh a chéile gach là." *Eabh.* 3. 13. Agus is còir sin a dheanamh "leis an uile fhad-fhulangas." *2 Tim.* 4. 2. Cha tric a bheirear teine ás an spor leis a' cheud bhuelle : mar sin, cha n'-eil aignidbean dhaoine air an làn bhlàthachadh leis a' cheud earail ; agus ged bhithheadh, is goirid gus am fàs iad fuar, mur leanar air earail a thoirt doibh arist 's arist. Lean am peacach, ag iarraidh air gu caomh, dùrachdach gabhail ri Criod, agus na leig fois leis anns a' pheacadh. Is fior ghràdh so. So an céum gu anamanan a theàrnadh, agus bheir è mòr shòlas dhuits' a leanas è.

Saotbraich a chum d'earailean a thoirt gu buil mhaith. Ged labhradh tu na briathran a's drùightiche fuaim, is ainmig a shoirbhicheas do shaothair, ma sguireas do chùram uile maille ri do bhriathraighe. Ach is tric Dia a' beannachadh saothair an luchd-teagaisg a tha gu dùrachdach ag iarraidh anamanan iompachadh, agus a' suidheachadh an cridheachan air an obair sin. 'Nuair a chironaicheas tu peacadh, na stad gus an geall am peacach dhuit am peacadh sin a thréigsinn, agus gach brosnachadh d' a ionnsuidh a sheachnad. 'Nuair a chomhairlicheas tu do neach a dhleasanas a dheanamh, ma's urrainn thu idir, na leig ás è gus an geall è tòiseachadh air gun dàil. Ma's maith leat muinntir a threàdrachadh a dh-ionnsuidh Criod, na dealaich riutha gus an aidich iad truaighe na staide neo-iompaichte anns am bheil iad, am féum air Criod, agus air "cridhe glan," agus gus an geall iad tòiseachadh air gnàthachadh nam meadhon. O b'fheàrr gu'n labhradh, cha n-è amhàin ministearan, ach na h-uile Crioduidhean air an dòigh so ri coimhearsnaich a ta 'n an tràillean aig a' pheacadb, agus aineolach air Criod !

Aon uair fathast. Bi cìnnteach gu'n teagaisg d' eis-empleir féin sluagh, cho maith ri do bhriathraighe. Faiceadh iad thu-féin seasmhach anns gach uile dhleasanas a tha thu, uair sam-bith, a' comhairleachadh dhoibh-san. Faiceadh iad, ann do chaithe-beatha féin, an deadh ghiùlan barraichte sin a tha thu gu tric a'

moladh dhoibh-san. Faiceadh iad do shaothair airson nèimh a' dearbhadh gu soilleir gu'm bheil thu-féin a' làn-chreidsinn nan nithe sin a b'aill leat iadsan a' chreidsinn. 'Nuair a labhras tu ri muinntir eile air aoibhneas mòr nèimh, 'us tu féin cho tàrlaideach mu'n t-saoghal, cho déigheil air saoibhreas, no cho frionasach ri do choimhearsnaich, no ri sluagh eile, cò a chreideas do bhriathran, no 'dh-iarras sonas sìorruidh an déigh de chomhairle? Na faiceadh daoine thu-féin àrdanach 'us tu 'g an comhairleachadh gu bhi iriosal, no do chridhe féin cruaidh, an-iocdmhor ann an ni sam-bith, 'nuair a b' àill leat an cridheachan-san a bhi caoin, iochdmlior, tlàth. Is pàin gun sgur do pheacaich mu-n-cuairt duit, caithe-beatha nèamhaidh, naomh a' sìor-iarraidh orra-féin gach peacadh a thréigsinn.

A bhàrr air comhairlibh uaigneach, is còir dhuit mòr shaothair a dheanamh, chum sluagh mi-chùramach a thoirt amach gu meadhonaibh follaiseach nan gràs-searmonachadh an fhocail agus òrduighean eile an t-soisgeil: a' sìor-chomhairleachadh dhoibh féum a dheanamh dhe na meadhonaibh sin a chum buannachd 'fhaotuinn uatha. Chum na crìche so, is còir gach saothair a dheanamh chum ministearan dìleas, diadhaidh ullachadh airson an t-sluaigh. "Cionnus a chluinneas iad gun searmonaiche?" *Ròm.* 10. 14. Anns a' chùis sùgnàthaich do dhìchioll, do chumhachd, do chomas agus do chuid, agus na stad gus am buadhaich thu. Is mòr an àireamh anamanan a dh-fhaodas a bhi air an teàrnadh leis a' mhinistearachda dh-uallaicheadh le do chuideachadh-sa! Is è ullachadh airson anamanan, gràdh a's àirde agus a's dìrdheirce gu mòr, na fuasgladh air cuirp dhaoine. Is mòr am maith a dh-fhaodadh daoine saoibhir a dheanamh na'm builicheadh iad beagan de'n cuid a chum òganaich dhìleas, ealamh, chomasach, dhiadhaidh a theagast airson dreuchd na ministearachd. Is mòr am maith a dheanadh uaislean na tire, na'n comhairlicheadh 'us na'n cuidicheadh iad anamanan truagh-dearmadach gu tighinn amach a dh-éisdeachd an t-soisgeil air a shearmonachadh. Bi-sa mèta, 'g an sìor-tharruind a dh-éisdeachd. Thoir tric gu'n cuimhne na nithe prìseil a chual' iad, agus cho tric 's a ghabhas è deanamh.

bitheadh na nithe sin air an aithris 'n an teaghlaichibh. A bhàrr air cruinneachadh gu follaiseach anns a' cho-thional air gach sàbaid, cuidich iad a chum cruinneachadh gu léughadh 'us ùrnuigh maille ri 'chéile air làithibh eile, cha n-ànn mar cho-thional air-leth, ach mar mheur de cho-thional na h-eaglais, ag iarraidh gu fior dhìchiollach, no na's dìchiollaiche na càch, a bhi nis "ag ath-cheannach na h-aimsir," agus a' cuideachadh a chéile air an turus gu nèamh. Teagaig dhoibh mòr mheas a chur air òrduighean an t-soisgeil uile. Is beag a dh-oibríchear air duine sam-bith le ni air am bheil e-féin a' deanamh dìmeas. Mar so deir an t-Abstol, "guidheamaid oirbh, a bhràithre, aithne 'bhi agaibh air an dream a tha saoithreachadh 'n'ur measg, agus a tha os bhur ceann s' an Tighearn, agus a tha 'g'ur comhair-leachadh; agus meas mòr a bhi agaibh dhiubh ann an gràdh air son an oibre. Bithibh slochail 'n'ur measg féin." 1 Tes. 5. 12, 13.

II. Rànsaichidh sinn anis ciod is aobhar do 'n dearmad nàrach a thatar a' deanamh cho tric air an dleasanas so. Faiceamaid cò iad, agus càit am bheil an luchd-bacaidh, agus an déigh sin is còir dhuinn ionn-sachadh ciod i an dìgh a's feàrr a chum buaidh a thoirt orra,—chum an tilgeil ás an rathad. Is iad euid de'n luchd-bacaidh so, peacadh agus cionta dhaoine. Daoine aig nach 'eil ànnta-féin tlachd, no aoibhneas ann an nithibh nèamhaidh, is beag an cùram mu anamaibh muinntir eile: is beag saothair dhùrachdach a ni iad a chum an co-chrétairean a thoirt gu tlachd, no aiteas a ghabhail anns na nithibh sin nach fhiù leo-féin. Cha do mhothaich iad fathast gu'm bheil iad-féin ann an staid chàillte, gu'm bheil mòr fhéum aca air Criod agus air solus an Spioraid. Ciamar a b' urrainn daoine anns a' chor thruagh sin saoibhreas Chriosd a dheanamh aithnichte do mhuinntir eile? Tha iad-féin ciontach, agus an lorg sin, bitidh nàir orra daoine ciontach eile 'chronachadh airson a' pheacaidh a tha iad-féin a' deanamh cho tric.

Is aobhar bacaidh eile, an ain-diadhachd fholaithe sin a gheibhear a' buadhachadh ann an cridheachan dhaoine. Na'n robh sinn a' làn-chreidsinn gu'm bi gach

anam neo-ionpaichte, mì-naomh air a phìanadh gu sìorruidh, ciamar a dh-fhanamaid 'n ar tod? ciamar nach briseadh ar dedir amach? 'nuair a shealladh sinn ri crètairean neo-ionpaichte anns an aoduinn, gu h-àraid ar luchd-dàimh agus ar cairdean gràdhach fein. Ach tha sinn air ar bacadh, air ar casgadh agus air ar cumail air ais o'n dleasanas so le cumhachd an as-creidimh f' holaichte sin a gheibhear a' snàmh ann ar cridheachan. O Chriosduidh, na'n do chreid thu da rìreadh gu'm bi do choimhearsnaich, do bhean, do chòmpanach, do mhac, do nighean, ain-diadh aidh gu cìnnteach air am pìanadh ann an ifrinn gu bràth, mur bi iad air an làn-ionpachadh—air an deanamh 'n an crètairean nuadh—mu'n spionar air falbh iad leis a' bhàs, nach bu leòr sin gu do għreasad gu labhairt riutha, gach là 'us oidhche, gus an faigheadh tu an toirt gu sligh na slàinte. Is mòr an cāll a tha 'n t-as-creidimh mallaichte so gu tric a' deanamh air ar n-anamaibh fein, agus air anamaibh ar coimhearsnach.

Tha 'n dleasanas so air a bhacadh gu mòr le easbhuidh gràidh agus iochd ri anamaibh dhaoine. 'Nuair a chì sinn anamanan bochda, truagh, gabhaidh sinn seachad orra, mar ghabh an sagart agus an Lébhitheach seachad air an duine leòinte. *Luc. 10. 30-32.* Nise gèd nach iarradh am peacach fein, a ta air a lot leis a' pheacadh agus air a ghlacadh le Sàtan, cuideachadh air-bith uait, tha cor truagh a' pheacaich sin ag éigheachd riut gu h-àrd. Mur cluinneadh Dia àrd ghlaodh ar truaighean mu'n eual' è glaodh ùrnuigh uainn, agus mur deanadh è iochd òirnn, gus an d'ràinig ar n-iarrtas è, no gus an d'iarr sinn tròcair, is f'hada bhitheamaid 'n ar tràillean aig Sàtan. Ni thu ùrnuigh ri Dia airson do cho-chrétairean, a' guidhe air gu'm fosgladh è an sùilean agus gu'm pilleadh è iad. Ach ma tha thus' a' mìannachadh sin, carson nach 'eil thu idir a toirt oidhrip air an ionpachadh? Agus mur 'eil thu 'g a mìannachadh, carson a tha thu 'g a iarraidh? Carson nach 'eil thu idir ag iarraidh orra-fein smuaineachadh air an cor, agus pilleadh ri Dia, cho maith 's a tha thu ag iarraidh air Dia an ionpachadh 's am pilleadh. Na'm faiceadh tu do choimhearsnach a' tuiteam ann an tòll dubh,

domhainn, am bu leòr leat iarraidh air Dia a chuid-eachadh amach ás an tòll, gun thu-féin do làmh a shìneadh idir g' a chuideachadh, no aon sedladh a thoirt dà chum e-féin a chuideachadh? Gu cìnnteach cha b' eadh: oir mur deanadh tu ach ùrnuigh ri Dia air a shon, rachadh do dhìeadh mar chealgadair an-iochdmhor. Is còir dhuit, matà, furtachd a dheanamh air anam do choimhearsnaich, cho maith 's a ni thu air a chorp. "Ge b'e neach a chì a bhràthair ann an uireasbhuidh agus a dhruideas a chridhe 'n a aghaidh, cionnus a tha gràdh Dhé a' gabhail còmhnuidh annsan?" 1 *Eòin* 3. 17. Am bheil gràdh idir aig an duine sin do anam a bhràthar?

Tha sinn gu ro thric air ar bacadh o'n dleasanas so le spéis dhìblidh do thoil dhaoine. Air eagal muinntir a mhì-thoileachadh, am fàbhar, an gean maith, an glòir, 's an deadh bharail umainn a chàll, gheibhear sinn a' dearmad an dleasanais aithnichte so. Nach b' amaideach, mi-dhileas, olc, dochdadair a leigeadh le duine tìnn bàsachadh, air eagal dragh a chur air. 'Nuair a bhitheas caraid, no coimhearsnach ás a chiàll, cha toilich thu è le ni sam-bith a dh-fhaodas cròn a dheanamh air—cha leig thu a dhroch thoil féin leis. Ach ged chithear do chàirdean 'ns do choimhearsnaich ás an ciàll do thaobh slàint an anamanan, agus a' ruith gu gòrach a dh-ionnsuidh sgrios, cha chaisg thu iad, air eagal am mhì-thoileachadh. Ciamar is Crioduidhean sinn ma's "àmisa leinn glòir dhaoine na glòir Dhé?" Oir ma 'dh-làrras sinn daoine a thoileachadh, cha sheirbhisich do Chriosd sinn.' *Gal.* 1. 10.

Is tric a bhacar an dleasanas so le saidealtais, ciontach, no nàire labhairt ri neach an aghaidh a' pheacaидh. 'Nuair bu chòir dhuinn a bhi gu dùrachdach a' nàireachadh muinntir eile air falbh o'n gnìomhraibh peacach, is ànn a gheibhear nàir òirnn-féin an dleasanas sin a dheanamh. Ach nach 'eil sinn air ar dìeadh leis na peacaich sin féin, oir cha bhi nàir orra-san a bhi ri buaireadh, ri mionnan, ri misg, 's a' dearmad aoradh Dhé mu-n-cuairt duinn, ach gheibhear nàir òirnn-ne iarraidh orra, no 'chomhairleachadh dhoibh an t-olc sin a thréigsinn? Is peacach an ni saidealtais ann an cùis na h-éigin, no air uair do dhleasanais. Carson a

bhitheadh saidealtas, no nàir air neach ùmhachd a thoirt do Dia le iarraidh air neach eile am peacadh a thréigsinn agus pilleadh ri Criod? Gu cìnnteach cha n-aobhar näire sin. Anis, a léughadair, nach tric a dh'innis do choguis so dhuit, ag iarraidh ort labhairt ri peacaich bhochda, ach bha nàir ort-sa do bhéul 'fhosg-ladh, agus mar sin leig thu leo 'dhol fodha no snàmh. O léugh focal Dé agus criothnaich, "Ge b'e neach a ghabhas näire dhiom-sa, agus do m' fhoclaibh, anns a' ghinealach adhaltrannach agus olc so, dheth-san gabhaidh Mac an duine näire, 'nuair a thig e 'an glòir Athar, maille ris na h-ainglibh naomha." *Marc.* 8. 38.

Is aobhar bacaidh eile dhuinn, spiorad dìomhanach, mi-fhoighidneach. Gu tric is obair neo-thaitneach, obair gun tàng an dleasanais so, agus air uairibh togaidh i naimhdean dhuinn ameasg dhaoine. A bhàrr air sin, is ainmig a shoirbhicheas a' cheud oidhirp, mur leanar oirre. Is fhad a dh-fhéumar a bhi 'teagasg nan aineolach 's a' coimhairleachadh chréutairean rag-mhuinealach, mu'm faighear an toirt gu fìor edlos. Ach cuimhnich thusa cho mòr-fhoighidneach 's a bha Dia riut-sa, 'nuair a bha thu-féin bed anns a' pheacadh. An-aoibhinn dhuinn-ne, na'n robh Dia cho mi-fhoighidneach ruinn-féin 's a gheibhear sinne ri muinntir eile. Is aobhar bacaidh eile, féin-iarraidh, "Oir tha na h-uile-ag iarraidh nan nithe a bhuineas doibh-féin, cha 'n iad na nithe a bluineas do Iosa Criod." *Philip.* 2. 21. Cha n-e maith an co-chréutairean a mheud-achadh.

Is ceap-bacaidh mòr eile do mhòran, àrdan. Labhradh cuid gu luath ri duine mòr, na'n saoileadh iad nach gabhadh è gu h-olc è. Ach iarr orra sin a dhol ameasg an t-sluaigh bhochd, agus saothair a dheanamh 'g an teagasg 'n an tighean-còmhnuidh, agus càit am faigh thu neach a nì è? Ni mòran uaill 'us gairdeachas ma bha iad 'n am meadhon air duine-uasal iompachadh, (agus is mòr an t-aobhar gairdeachais è,) ach dearmaididh iad an sluagh bochd, mar nach bitheadh a h-uile anam cho luachmhor le Dia. Mo chreach! is beag a tha iad sin a' toirt fainear cho losal 's a dh'ílsich Criod e-féin a chum daoine bochda, peacach a thearnadh. 'Cha

n-iomadh iad a tha saoibhir, agus uasal agus glic, a ta air an gairm.' Is iad na bochdan a gheibhear a' gabhail ri deadh sgéul mòr-aoibhneach an t-soisgeil. Tha cuid air an cumail o'n dleasanas so le aineolas. Ma's aithne dhoibh idir gur dleasanas Chriosduidhean so, cha n-aithne dhoibh gur è an dleasanas féin è. Ma's ann dhiubh sin thus', a léughadair, is è mo dhòchas gur aithne dhuit do dleasanas anis, agus gu'n tòisich thu air.

Na diùlt do làmh a chur ris an dleasanas' so, ag ràdh nach 'eil thu comasach air earail a thoirt do neach eile. Mur urrainn thu-féin a dheanamh, faigh neach eile na's comasaiche na thu-féin gu làmh a thoirt air an obair gun dàil, no oibrich gu iriosal, dileas leis a' bheagan comais a ta agad, ag innseadh do pheacaich, mar dh-fhaodas duine lag a dheanamh, ciod a tha Dia féin ag ràdh 'n a fhocal. Na trèig do dhleasanas eadhon an uair is còir dhuit comhairle, no earail a thoirt do neach a's mò inbhe na thu-féin. Is teànn, dìan a dh-fhéumar labhairt air uair cunnairt. Ma's pàrant, céile, no fear-teagaisg è, féumar labhairt ris air a' chùis so. 'Nuair a bhitheas pàrant ann an uireasbhuidh, féumaidh a chlānn a chuideachadh. 'Nuair a bhitheas duine-pòsda tìnn, féumaidh a bhean cùram a ghabhail, 'n a àit, de'n teaghlaich. 'Nuair a thig duine saoibhir gu bochdainn, féumaidh è déirc 'fhaotuinn. 'Nuair a bhitheas an léigh tìnn, féumaidh cuid-eigin frithealadh dhà. Mar sin, is còir do'n t-seirbhiseach a's ilse earail modhail, dileas a thoirt d' a mhaighstear, an leanabh d' a phàrant, a' bhean d' a còmpañach, am pobull d'am ministear, agus biodh sin air a dheanamh gu dileas, 'nuair a bhitheas aobhar ceart air a shon, ach an còmhnuidh le fior irioslachd, le fior bhéusachd agus fior chiùineachd.

Na abair idir, "nithear luchd-searmonachaидh dhùnn uile leis an obair sin:" oir ged nach searmonaiche follaiseach gach deadh Chriosduidh, is fear-teagaisg è, agus is còir dhà cùram a bhi air mu anam a' choimh-earsnaich. Is dochdadair gach duine, far nach ruigear air an dochdadair aidichte, agus far am faodar an easlaint a leigheas le duine tuigseach air-bith, agus air an dòigh

chéudna, is fear-teagaisg d'a choimhearsnach gach Crioduidh.

Na abair idir nach téid an obair leat. Nach maith is uarrainn Dia a thoirt air do shaothair soirbheachadh? Agus nach ann le meadhonaibh, agus air uairibh le meadhon beag, a bheirear ì gu buil? Na tagair idir nach 'eil anns an obair so ach "tilgeadh nèamhnuidean am fianuis nam muc." 'Nuair a bhitheas tu ann an cunnart a bhi air do réubadh ás a chéile, is àill le Criod thu seasamh dileas, ach ciod is fhìach do leisgeul-sa, nach 'eil idir ann an cunnart mar sin? Fhad 's a dh-éisdeas neach riut, is misneachd sin dhuit-sa gu labhairt. Air an aobhar sin, na toir thairis idir è mar chréutair suarach. Agus na abair, "So caraid do'm bheil mì fo mhòr chomain, agus ma thòisicheas mì ri innseadh a pheacaidh agus a thruaighe dhà, cha dean è fàbhar tuilleadh rium, 'us caillidh mì an taic a's feàrr a th'agam." An luachmhoire leat fàbhar na teàrnadh do charaid? An fheàrr leat sochair dhuit-féin na slàint do anam do cbaraid? Am fuilig thu dhà gu tosdach ruith gu sgrios, o'n is è do charaid è? An è sin comain a's feàrr a chuireas tu air airson a chàirdeis riut? An fheàrr leat è 'bhi gu bràth a'losgadh ann an ifrinn na 'n dòn 's am fàbhar a nochd è dhuit a chàll?

III. Ach a chum na h-uile dhaoine, air am bheil eagal Dé, a għluasad gu oibreachadh air gach dòigh 'n an comas—agus tha beagan comais aig gach Crioduidh—chum an obair bheannaichte so a chuideachadh air aghaidh, guideam dirbh na h-aobharan so a dh-ainmich-ear anis a thoirt fainear gu cùramach. Seadh matà—tha nàdur féin, ach gu h-àraid gràs, ag aomadh an anama gu maith a chompàirteachadh ri muinntir eile. Uime sin, is peacadh an aghaidh nàduir agus gràis, dearmad a dheanamh air an obair so. Nach bu mhinàdurrach leat duine sam-bith a leigeadh le 'leanabh féin, no le coimhearsnach bàsachadh le acras air an rathad mhòr, agus biadh aige 'n a làimh a dh-fhaodadh è 'thoirt doibh? Agus nach mi-nàdurraiche na sin an neach a leigeas le cloinn, no coimhearsnaich bàsachadh agus a bhi càillte gu sìorruidh, gun a bhéul 'fhosgladh

riamh chum an teàrnadh? Is uile-bheist an duine mì-thròcaireach, an-iochdmhor, a dh-fhuathaichear leis na h-uile. Na'n larradh Dia ort dealachadh ri do chuid de'n t-saoghal, no ri do bheatha, chum do cho-chréutair a theàrnadh, is cìnnteach nach b' àill leat sin a dheanamh, 'nuair nach bulich thu aon dedò dhe d'anail, eadhon focal do bhèdil, a chum a theàrnadh. Nach airidh anam còmpanaich, no mnà, no leinibh, no nàbuidh air beagan bhriathran? Is fìor mhallaichte am peacadh, an-iochdmhorachd ri cuipr dhaoine, ach a's mallaichte na sin, an-iochdmhorachd ri anamaibh dhaoine; oir is è an t-anam a's luachmhoire gu mòr na 'n corp, agus is ì sìorruidheachd a's luachmhoire na tìm. Is beag d'fhios nach 'eil iomadh anam a' fulang, air a' mhionaid so, ann an ifrin, a bhàsaich anns a' pheacadh, ach a dh-fhaodadh a bhi air an teàrnadh, na'n tug thusa earail dileas dhoibh.

Smuainich ciod a rinn Criod a chum anamanan a theàrnadh. Mheas è iad airidh air 'fhuil féin, agus nach meas sinne iad airidh air fuaim ar bedil. Nach dean thius' obair bheag, far an d'rinn Criod obair cho mòr? Smuainich cho féumach 's a tha anamanan mì-dhiadhaidh air truas. Tha iad "marbh ann an éuceartaibh, agus ann am peacaibh." Cha n-eil cridheachan aca, a mhòthaicheas an truaighean, no 'ghabhas truas dhiubh-féin. Mur gabh muinntir eile truas riutha, is beag truas a ghabhas iad riutha-féin; oir is è droch nàdur an galair a bhi 'g an deanamh an-iochdmhor riutha-féin, seadh 'n an sgriosadairean ro chruaidh-chridheach dhoibh-féin.

Smuainich gu'n robh thu-féin aon uair mar tha iad-san. B'è òrdugh Dhia do na h-Israelich a bhi caoimh-neil ri coigrich, do bhrìgh gu'n robh iad-féin 'n an coigrich ann an tìr na h-Eiphit. Mar sin, matà, is còir dhuit-sa truas a ghabhail ris na crètairean sin a tha 'n an coigrich do Chriosd, agus do dhòchas 'us do shòlasaibh nan naomh, do bhrìgh gu'm bu choigreach thu-féin aon uair do na beannachdan sin.

Smuainich air an dàimh anns am bheil thu-féin agus do cho-chréutair d'a chéile. Is è do choimhearsnach, do bhràthair a's còir dhuit a ghràdhachadh mar thu-féin. "An tì nach gràdhaich a bhràthair," ars' an t-Abstol

Eòin, "a tha e 'faicinn gach là, cionnus a dh'fheudas e Dia nach fac e a ghràdhachadh." Agus am bheil an duine sin a' gràdhachadh a bhràthar, a chì è nis a' greasad gu ifrinn, agus nach dean saothair a chum a chumail ás?

Smuainich air a' chionta thröm a tha dearmad an dleasanais so a' fàgail air d' anam féin. Tha thu ciontach ann am mort 's ann am mallachadh nan anamanan sin uile air an d'rinn thu dearmad; tha thu ciontach anns gach peacadh a tha iad a' deanamh an diugh; ciontach anns gach eas-onoir a tha iad a' toirt do Dhia, agus ciontach anns gach breitheanas a bhéir am peacaidhean air a' bhaile, no air an dùthaich anns am bheil iad a' gabhail còmhnuidh.

Smuainich ciod a their thu riut-féin, ma chì thu an déigh so do chàirdean bochd ann an lasraichean sìoruidh, agus do choguis féin ag innseadh dhuit, mur bitheadh do dhéarmads' orra, gu'm faodadh iad a bhi air an teàrnadh. Ma sgriosar thu-féin maille riutha, gu'n dean an dearmad so do dhòruinn an-tromachadh. Ma gheibh thu gu nèamh, gu'm bi thu brònach (sin ri ràdh ma dh-fhaodas bròn idir a bhi 's an àit naomh sin,) a' cluinntinn nan anamanan bochda sin, shòs ann an ifrinn, ag éigheachd amach riut gu bràth, agus gach aon ag ràdh, "Och l'och! na'n d'innis thusa mo pheacadh agus mo chunnart dhomh gu soilleir, dileas: na'n do lahhair thusa gu dìreach, teànn ri mo chridhe, dh-fhaodainn a dhol ás o'n dóruinn so, agus a bhi ann am fois l'" Nach bu mhuladach leat an glaodh sin!

Smuainich cia àrd an t-aoibhneas dhuit air nèamhl, coinneachadh an sin ri anamaibh a bha thu-féin a' cuideachadh 's a' treòrachadh a dh-ionnsuidh an àite sin, agus gur tu hu mheadhon air an toirt ànn! Thu nis a' faicinn an aghaidhean dealrach, 'us tu gu bràth a' moladh Dhia maille riutha-san do'n robh thu, gu tric air thalamh, a' teagastg eòlais air Criod, 's ag aslachadh orra ùmhachd a thahhairt dà!

Smuainich cia lian anam a riun thus' tharruing gu sligh nam mallachd, no 'bha air a chruadhachadh leat anns an t-sligh sin. Bha còmpanaich againn-féin anns a' pheacadh, air làithibh ar n-aineolais agus ar mi-

chùram, 'g am mealladh 'us 'g am misneachadh anns an droch shligh. Agus nach cubhaidh dhuinn uiread a dheanamh anis, chum anamaanan a theàrnadh, 's a bha sinn a' deanamh roimhe so chum an sgrios?

Smuainich cho dìchiollach 's a tha naimhdean a chum na h-anamanan bochda sin a tharruing slos do ifrinn. An diabhal 'g am buaireadh a là 's a dli'-oidliche. An ana-mìanna féin 'g an sìor-mhilleadh. An fheòil a sìor-iarraidh a càil féin a rìarachadh. Seànn chòmpan-aich a' sìor-fhuathachadh naomhachd, agus mur faighean neach idir a threòraicheas gu teàrnadh iad, ciod a dh-éireas dhoibh?

Smuainich cho géur, cho domhainn 's a lotas dearmad an dleasanais so, 'nuair a dhùisgear suas a' choguis: 'nuair a thig duine gu uair a bhàis, their a choguis féin ris, "Ciod am maith a rinn thusa air làithean do bheatha? Is è sàbhaladh anamanan obair a's mò àgus a's feàrr, ciod a rinn thusa dhe 'n obair mhaith sin? Cia liàn anam ris an robh thus' a' labhairt gu tric, dìan, dileas?" Is tric a chunnaic mì coguisean dhaoine, aig uair am bàis, air an tròm-lot airson an dearmaid so. 'Nuair a bha mi-féin dlùth do'n bhàs, rinn mo choguis mo dhìeadh airson dearmaid an dleasanais so, na's mò na airson peacaidh sam-bith eile; i gu teànn a' labhairt rium air gach nàbuidh aineolach, mi-dhiadhaidh do nach d'innis mis' a chunnart riamh. Theireadh i rium, "Bu chòir dhuit a dhol agus labhairt riutha os-ìosal, àgus an cunnart uamhasach innseadh dhoibh gu h-onorach, geda b'ann air uair do bhéidh, no uair do chadail, mur faigheadh tu fàth-chothrom eile." Chuimhnicheadh mo choguis dhomh mar bha mì air leithid so no sid a dh'äm ann an cuideachd nan aineolach, no ag imeachd air an t-sligh maille ri rag pheacach, àgus cothrom agam labhairt ris air cor 'anama, gun fhocal a ràdh ris air a' chùis sin, no ma thubhairt, bu bheag a bhuil. Gu'n deònaicheadh Dia dhomh-sa mo dhleasanais a dheanamh fad làithean mo bheatha, chum nach bi aobhar mòr aig mo choguis mo dhìeadh aig uair a' bhàis.

Smuainich cho deadh-thràthail 's a tha do chothrom air an obair so a dheanamh anis. Faodaidh uairean a bhi ànn air nach bi è sàbhailt dhuit labhairt, no air

an cailleadh tu do shaorsa, no do bheatha. Air an aobhar sin, bi dìchiollach, éudmhòr fhad 's a mhaireas do chothrom. Cha n-fhad gus an gairm am bàs thu-féin agus do choimhearsnaich amach ás an t-saoghal so. Greas ort, matà, a Chriosduidh co-air-bith thu, agus labhair riutha, cho fad 's a dh-fhàgar an cothrom agad.

Smuainich gur ì so obair a's mò gràdh, agus gu'm faod ì gu cìnnteach a bhi air a deanamh leis na h-uile, —leis na h-uile aig am bheil gràdh do Dbia, agus gur còir dhì 'bhi air a deanamh leis gach Criosduidh, agus leis gach ban-Chriosduidh —leis gach aon de shluagh Dhé, bitheadh è bochd, no saoibhir. Tha teangaидh ann am béul gach aoin gu focal caoimhneil, dileas a labhairt ann an deadh àm ri peacach.

Aon uair fathast, smuainich air toraidhean sona, saoibhir na h-oibre so, far an deanar ì gu dileas, ceart. Thàinig Criosd anuas o nèamh agus bhàsaich è chum anamanan a theàrnadh, agus tha ainglean Dhé a' sìor-dheanamh gàirdeachais airson an teàrnaidh, agus ma's instrumaid thusa air teàrnadh anamanan, beannaichidh iad sin thu tre thím agus tre shìorruidheachd. Glòraichear Dia le do shaothair. Meudaichear agus ùraichear an eaglais leis. Leasaichear agus neartaichear d'anam féin le sòlas a' chreidimh, agus le spionnadh na beatha diadhaidh agus meudaichear sith do choguis, agus d'aoibhneas anns an Spiorad Naomh. Le labhairt ri muinntir eile air lànachd Chriosd, bithidh do chridhe féin air a bheothachadh, agus do ghràdh air a bhlàth-achadh. Fosgail suas olcas agus cunnart a' pheacaidh do muinntir eile, agus bithidh d'fhuath féin do'n pheacadh agus do bhuaidh 'n a aghaidh air am meud-achadh gu mòr. Bu liomhòr tròcairean Dhia riamh do m' anam fein. Gràdh Dhia ann an Criosd do m' anam, an tròcair a's àirde luach, agus, anns an ath chéum do, sin molaidh mì Dia gu h-aoibhneach, a shoirbhich cho pait le mo shaothair ameasg muinntir eile. O cia mòr an toradh a chithinn, na'n robh mì na b'fhìrinniche! Is maith a tha fios agam gu'm féum sinn a bhi glé amharusach air ar cridheachan féin anns a' chùis so, air eagal nach faighear ann ar gàirdeachas ach uaill, no

féin-ghlòir. Is nàdurrach dhuinn cliù larraidh dhuinn-féin airson gach deadh oibre. Ach is è dleasanas gach aoin de chloinn Dé, eisampleir 'Athar nèamhaidh a lean-tuinn aùn an deanamh iochd 'us maith; agus gàirdeachas a dheanamh aréir an tomhais anns an deanar maith. Dh'innis mì dhuit mar so, matà, fiosrachadh m' anama féin air an dleasanas so, chum do mhisneachadh, agus na'm b'aithne dhuit a thoradh aoibhneach, is cìnnteach inì nach b'urrainn cùis, no gnothach air-bith do sgàth-achadh o'n obair bheannaichte so air là, no oidhche.

Togaibh oirbh, matà, gach aon aig am bheil teangaidh 'n a cheànn, agus a ta 'n a sheirbhiseach do Chriosd, deanadh è beagan ann an seirbhis a Mhaighsteir. Carson a thug è teangaidh dhuibh, ach gu labhairt 'n a sheirbhis? Agus ciod an t-seirbhis a's urramaiche is urrainn sibh a dheanamh dhà na treòrachadh anamanan d'a ionnsuidh? An Tì a ghairmeas "beannaichte sibh" air an là dheireannach, agus a dh-fhàilticheas sibh a dh-ionnsuidh "na rioghachd a ta air a deasachadh dhuibh," a chionn gu'n 'tug sibh biadh dhà, gu'n d'eudaich sibh è, agus gu'n tainig sibh a dh-amharc air' ann an nochdadh caoimhneis "do aon de na bràithribh a's lugha," gu cìnnteach gairmidh è "beannaichte sibh" airson obair cho mòr ri treòrachadh anamanan a dh-ionnsuidh a rioghachd. An Tì a thubhairt, "Tha na bochdan agaibh a ghnàth maille ribh," dh'fhàg è na daoine mi-dhiadhaidh "a ghnàth maille ribh" chum gu'm bitheadh agaibh fathast cuspairean air an tigeadh dhuibh bhur gràdh a thaomadh amach. Ma tha cridh-eachan Chriosduidhean, no dhaoine agaibh, tiomaicheadh iad anis ri bhur coimhearsnaich aineolach, mhi-dhiadhaidh. Abraibh, mar thuirt lobhair Shamaria, "Cha'n 'eil sinn a' deanamh gu ceart; is là deadh sgéil an là so, agus tha sinne 'n ar tosd." 2 Rì. 7. 9. Nach mòr an tròcair a rinn Dia dirbh-féin, agus nach dean sibhse tròcair air bhur coimhearsnaich bhochd?

Buinidh an dleasanas so do gach uile Chriosduidh, ciod-air-bith inbhe, no suidheachadh anns am bheil è, ach gu h-àraid do chuid, aréir mar a ghairm Dia iad, no mar a dheasaich è iad air a shon. Dhoibh sin gu sònruichte, matà, bheirear earail anis.

Tha Dia ag iarraidh an dleasanais so uait-sa gu h-àraid a's mò ionnsachadh agus eòlas, agus a's feàrr comas labhairt na do choimhearsnaich. Cuimhnich, is è Dia a bhuilich na tàlantan sin ort, agus is àill leis thus' am buileachadh air a sheirbhis féin. Is còir dhoibh-san a tha làidir a' mhuinntir lag a chuideachadh : agus féumaidh iadsan, a ta nis a' faicinn, na doill a threòdrachadh. Is ì toil Dhé thusa gach cnid, gibht 'us gràs, a thug è dhuit, a ghnàthachadh ann an deanamh an dleasanais so gu firinneach, agus ma dhearmaideas tu sin a dheanamh, b'fheàrr dhuit nach d'fhuair thu riamh iad ; oir meudaichidh iad do dhìteadh, agus cha n-oibrich iad teàrnadh dhuit-féin, no do mhuinntir eile.

Tha Dia ag iarraidh an dleasanais so air na h-uile a ta edlach air muinntir mhi-dhiadhaidh. agus aig am bheil càram àraid dhiubh. Dh'ith 'us dh'òl Criosd fèin maille ri cùs-mhaoir agus ri peacaich, ach is ànn a chum an teagastg, no chum a bhi 'n a Léigh dhoibh a rinn è sin, agus cha n-ànn idir a chum a bhi 'n a chòmpanach dhoibh ann an amaideas. Cò is urrainn a ràdh nach do chuir Dia do luchd-edlais, no do chàirdean fo do chùram-sa chum na crìche so ? Cha n-eil fhios nach tus' an instrumaid, no 'm meadhon leis am bheil iad gu bhi air an lompachadh. Iadsan nach éisd ri guth coigrich, faodaidh iad éisdeachd ri bràthair, no ri piuthair, no céile, no mnaoi, no caraid, oir is mòr cumhachd càirdeis, seach dàimh air-bith eile, gu iochd agus caoimhneas a ghintinn eadar duine 'us duine.

Is còir do léighean, no do dhochdadairibh a tha tric mu thimchioll dhaoine tìnn, no ri uchd a' bhàis, a cheart aire 'thoirt do 'n dleasanais so. Is mòr am fàth-chothrom àraid a ta aca-san air maith a dheananàh do anamaibh an co-chréutairean. Gheibhear iad maille riutha air àm na h-euslaint' agus a' chunnairt—àm air an éisd a' chluas, agus air an lùb an cridhe na's feàrr na air uair na slàinte. Amlaircidh daoine air an dochdadair mar dhuine aig am bheil am beatha 'n a làimh, no an car a's lughá, mar neach a dh-fhaodas mòr chobhair a thoirt a chum an slàint aiseag dhoibh, agus mar sin gabhaidh iad a chomhairle gu toileach. Sibhse aig am bheil dreuchd urrainach na dochdadaráchd, na abradh aon

dibh gu bràth nach buin dhuibh-se comhairle dhiadhaidh a thoirt do dhuine tìnn, no slàn; na abraibh nach buin do bhur gairm-sa saothair a dheanamh chum anamanan a theàrnadh; na abraibh idir gur ànn amhàin do mhiniștearan a bhuineas an obair so uile, mur àill leibh a ràdh nach Crioduidhean sibh-féin, no nach bu chòirdhuibh a bhi iochdmhor. O dhochdadair, matà, cuidich na h-euslaintich chum slàint 'fhaotuinn d'an anamaibh! Ma's beattha, no bàs doibh, teagaisg dhoibh ciamar is còir dhoibh a bhi bed, agus ciamar is còir dhoibh bàsachadh. Thoir leigheas airson an anama, cho maith 's a bheir thu airson a' chuirp. Glòir do Dhia, is iomadh àrd dhochdadair diadhaidh a gheibhear a' deanamh an dleasanais so anns an linn so, agus mar sin a' glòrachadh Dhé, agus ag àrdachadh an dreuchd féin.

Is mòr fath-chothrom dhaoine saoibhir, cumhachdach aig am bheil mòran luchd-eisimeil fòpa, air an dleasanais so a dheanamh, na'm b'àill leo an làmh a chur ris. Na'n gnàthaicheadh uaislean an ùghdarras agus an cumhachd a chum sonas islean a chur air aghaidh, is mòr, maireannach am maith,—maith nach gabhadh àireamh, no ainmeachadh,—a dheanadh iad ameasg dhaoine! O dhaoine saoibhir, cumhachdach, nach è Dia féin a thug dhuibh gach saoibhreas 'us onoir a ta agaibh? Nach 'eil Criod ag ràdh, "Gach neach d'an d' thugadh mòran, iarrar mòran uaith?" Na'n labhradh sibh ri bhur luchd-eisimeil—riutha-san a ta fo bhur cumhachd, air an dleasanais do Dhia, faodaidh gu'n gabhadh iad bhur comhairle, 'nuair a dheanadh iad dìmeas air comhairle ministeur. Anis, Uachdarain, ma's luachmhor leat onoir Dhé, ma's luachmhor leat do shòlas féin agus teàrnadh anamanan, deanadh do chumhachd thairis air tuathanaich 'us coimhearsnaich an treòrachadh a dh-ionnsuidh Chriod. Ruig an tighean-còmhnuidh. Faic am bheil iad ag aoradh do Dhia 'n an teaghlaichibh. Glac gach fath-chothrom chum an toirt gu'n dleasanais a dheanamh do Dhia. Na dean tair idir orra. Cuimhnich, "Cha n-'eil Dia ag amharc air pearsaibh seach a chéile." Faiceadh daoine, mar tha toiseach agad air muinntir eile ann an saoibhreas agus onoir an t-saoghal, gu'm bi toiseach agad orra ann an

oibrigh dìchiollach, iochdmhor, diadhaidh. Féumar aideachadh gu'n dean an obair so duine sònruichte —air-leth dhiot, ach bitidh tusa "sònruichte" ma ruigeas tu air glòir nèimh; oir "cha 'n iomadh iad a ta cumhachdach agus uasal a ta air an gairm." Ach glòir do Dhia, tha cuid de na daoine mòra, cumhachdach air an gairm anns gach rioghachd, agus gheibhear iad sin a' saothrachadh gu h-éifeachdach anns 'a' ghàradh-fhiona.'

Agus, a Mhiniștearan an t-soisgeil, is è anamanan a chuideachadh 'n an turus gu nèamh, obair mhòr, àraig bhur gairme-sa. Cuimhnichibh matà, amharc an còmhnuidh air an obair so mar àrd chrìoch bhur meòrachaidh agus bhur searmonachaидh. Is è am ministear sgileil, eòlach, comasach, am fear a's feàrr eòlas air teagasg, air soilleireachadh, air comhairleachadh, agus an lorg sin, air buinnigeadh anamanan; agus is ì an t-searmoin leis an deanar sin, searmoin a's feàrr. Ma's è bhur glòir féin a's feàrr leibh na glòir Dhé, is sibh a's suaraiche de na h-uile dhaoine ann am fianuis Dhé. Is fìor do thaobh bhur cliù féin an ni a ta Criod ag ràdh do thaobh bhur beatha. "Esan a ghràdhcheas 'anam (a bheatha) caillidh se ò." Dearbhadh spionnadh gach earail a bheir sibh, gu'm bheil sibh-féin a' làn-mhothachadh inòr luach a' ghnothaich air am bheil sibh a' labhairt. Searmonaichibh gu stòlda, dìan, dùrachdach mar dhaoine a tha da rìreadh a' creidsinn an teagaisg féin, agus aig am bheil fios, mur creid an luchd-éisdeachd, gu'm bi iad mallaichte.

Ullaichibh gu cùramach airson na cùbaid, oir is è am ministear a's feàrr a dh-ullaicheas a's feàrr a shearmonaicheas. Ach cuimhnichibh nach 'eil bhur n-obair uile anns a' chùbaid. Is buachaillean sibh aig an còir fios a bhi air cor gach aoin de'n tréud; gach aon a tha fathast fo ghalar a' pheacaidh a chuideachadh gu leigheas, agus gach aon a théid air seachran a threòrachadh dhachaidh. Fòghlumaibh o Phòl, cha n-è mhàin an sluagh "a theagasg am folkais," ach "o thigh gu tigh." Fiosraichibh ciamar a tha iad a' fàs ann an eòlas, agus ann an naomhachd, agus ciod am bònn air am bheil iad a' stéidheachadh an dòchais airson slàinte, agus co dhiubh a tha iad 'g an giùlain féin gu cothromach, agus a' deanamh an dleasanais, gach aon 'n a ìdit féin. Biodh

fios agaibh am bheil iad a' cumail aoradh Dhé 'n an teaghlaichibh, agus biodh eòlas agaibh orra, chum an treòrachadh a dh-ionnsuidh Dhé. Faicibh ciod am féum a tha iad a' deanamh de shearmonachadh an fhocail. Mur 'eil aca ach beag tlachd ann an nithibh spioradail, gabhaibh truas dhiubh, ach na dearmaidibh iad.

Ma chithear aon air-bith a' gluasad gu mi-riaghailteach, iarraibh a chur ceart le dìchioll agus foighidin. Ma gheibhear cuid aineolach, faodaidh coire sin a bhi agaibh-se, cho mòr riutha-féin. Feuchaibh nach caidil sibh 's am madadh-alluidh 'n a dhùisg. Buinibh gu dìleas ris gach neach. Cha n-àill le cuid am peacaidhean innseadh do'n t-sluagh, a chionn gur daoine mòra, no daoine diadhaidh iad, mar nach bu chòir labhairt gu soilleir, dìleas an aghaidh a' pheacaidh, ach amhàin ri crètairean aingidh, bochd.

Bithibh glic, seòlta, cìallach ann an labhairt ris gach neach, chum gu'm freagair an dòigh oibreachaidh do òirdhearcas na h-oibre. Gheibhear gràdh agus tuigse aig gach anam réusonta, air an aobbar sin, bitheadh gach searmoin spioradail, réusonta, tuigseach, caidreach. Meòraichibh agus aslaichibh, agus aslaichibh agus medraichibh, a cbum saothrachadh mar luchd-oibre "nach ruig a leas nàire a ghabhail, a' roinn focail na firinn gu ceart," ionnus gu'm bi araon taitneas agus buaannachd aig an t-sluagh ann an eisdeachd ruibh.

Teagaisgeadh bhur caithe-beatha, cho maith ri bhur briathran. Bitheadh bhur caithe-beatha nèamhaidh, naomh, a' còrdadh ris an teagastg a tha sibh a' sparradh air muinntir eile. Bitheadh bhur searmoinean spioradail 's a' togail suas inntinn an t-sluagh ann an eòlas. Fuiligibh gach uile nì, mu'n leig sibh leis an t-soisgeul agus le anamaibh dhaoine fulang fo bhur làimh. Faiceadh muinntir nach ànn amhàin mar cheàird gu bhi bed oirre, a ghabh sibh dreuchd na ministearachd, ach gu'm bheil bhur cridheachan suidhichte air sonas anamanan a chur air aghaidh.

Mar theagaisgeas sibh macantas, irioslachd, suairceas, nu féin-àicheadh o'n t-soisgeul, teagaisgibh sin mar-an-céudna le bhur deadh eisampleir féin. Iarraibh gu

cùramach aonachd agus sìth a ghnà-chumail suas ameasg an t-sluaigh. Ma's maith leihh aohhar Chriosd agus slàint an t-sluaigh a chur air aghaidh, deanaibh gach nì ann an céum na sìth agus a' ghràidh. Bu cho furasda coinneal a chumail hedh ann an stoirm, ri sluagh a chumail ann an deadh eager coguis, no ann am fònn fallain, tuigseach, cìallach, gràsmhor, nèamhaidh, spioradail, diadhaidh, agus ann an caithe-heatha riaghailteach, ameasg aisith agus còmhstiri. Uime sin, matà, àraichibh-se aonachd, sìth agus gràdh ameasg an t-sluaigh. "Is beannaichte an seirhhiseach sin, a gheibh a Thighearn, an uair a thig e, a' deanamh mar sin." *Lùc.* 12. 43.

Agus deanadh am pobull an dleasanais féin do'n luchd-teagaisg. Eisdeadh iad gu dùrachdach agus gabhadh iad gu toileach ri teagasg a' mhinisteir a tha gu dileas a' searmonachadh soisgeil Chriosd dhoibh. Cuidicheadh iad è; neartaicheadh iad a làmhan, agus misnicheadh iad a chridhe, air gach dòigh 'n an comas, a chum obair an Tighearn' a chur air aghaidh. Cuimhnichibh-se, a phobuill, gu'm féum gach ministear firinn-each, dìchiollach, là no làithean de'n t-seachduin a chur air leth, a chum ullachadh a dheanamh gu h-uaigneach 'n a shedmar-smuaineachaidh, airson gach sàbaid. Agus ma's maith leihh hiadh spioradail a bhi air 'ullachadh air hhur son féin, ma's maith leibh obair an Tighearn' a chuideachadh air a h-aghaidh ann hhur measg féin, leigibh fois le hhur ministear air làithibh an ullachaidh. Gahhaibh a' cheart aire nach fhaighear sibh a' cur dragh air, no 'g a għluasad, gun aobhar ro àraid, air na làithibh sin. Chithear crétairean cho feòlmhor, talmhaidh, no aineolach, ionnus gu'm bheil iad coma ciamar a théid ohair naomh an ullachaidh so air a h-aghaidh, ma gheibh iad an gnothach féin, geda dh-fhaodadh è 'bhi deante air là eile. 'Bitheadh aithne agaibh air seirbhisich an Tighearna, a tha os bhur ceànn, agus 'g a hhur comhairleachadh; agus biodh meas mòr agaibh dhiubh ann an gràdh airson an oibre.'

1 Tes. 5. 12, 13.

Anis sibhse uile ris an d'earb Dia clànn agus seirhhisich, cuimhnichibh cùram a ghabhail de'n an

amaibh. Bithidh gu tric 'g an cuideachadh agus 'g an treòrachadh a dh-ionnsuidh na foise nèamhaidh. Faic, a phàraint, cho soilleir 's a tha an dleasanas so air 'aithneadh dhuit le Dia 'n a fhocal, " Agus bithidh na briathra so, a tha mi ag aithneadh dhuit an diugh, ann ad' chridhe ; agus teagaisgidh tu iad do d' chloinn, agus labhraidih tu orra 'nuair a shuidheas tu a'd' thigh, agus an uair a dh'imicheas tu air an t-slighe, agus an uair a luidheas tu sìos, agus an uair a dh'éireas tu suas." *Deut.* 6. 6-7. " Teagaisg leanabh a thaoblì na slighe air an còir dha imeachd ; agus an uair a bhios e sean, cha tréig e i." *Gnàth.* 22. 6. " Togaibh bhur clànn ann an oilean (eòlas) agus ann an teagasg an Tigh-earna." *Eph.* 6. 4. Abraibh agus deanaibh, mar a thuirt 's a rinn Iosua diadhaidh, " Ach air mo shon-sa agus airson mo thighe ni sinne seirbliis do'n Tighearn." *Ios.* 24. 15. Agus tha Dia féin a' moladh cùram Abrahaim mu'n dleasanas so, " Oir is aithne dhomh e, gu'n toir e àithne d'a chloinn, agus d'a theaghlaich 'n a dhéigh agus gleidhidh iadsan slighe an Tigh-earna." *Gen.* 18. 19. Cuimhnich gur còir dhuit, aréir ceartais, an dleasanas so a dheanamh airson do chloinn féin. Is ann uait-sa a thug iad truighe agus truaillidheachd an nàduir ; àgus air an aobhar sin, is è do dhleasanas gach saothair 'us dìchioll ann do chomas, a dheanamh chum an aiseag gu slàint. Smuainich cho dlùth 's a tha do chlann dhuit. Is pàirt dhìot-féin iad. Ma shoirbhicheas iad an déigh do bhàis, tha sin leat mar gu'm bitheadh tu-féin bed agus a' soirbheachadh ànnta ; agus nach còir dhuit mar sin d'inntinn a shuidheachadh air am fois shìorruidh ? Ma dhearmaideas tu an dleasanas so, is fianuis thu an aghaidh d'anama féin. Is mòr do chùram, do shaothair agus do chosdas a chum an cuirp a bheathachadh, ach dìtidh sin thu, ma dhearmaideas tu an anamanan prìseil. Seadh, dìtear thu leis na brùidean féin, oir gheibhear iad sin uile glé chùramach mu thimchioll an òg shliochd féin.

Smuainich gur è Dia féin a chuir clànn agus seirbhisich air do chùram. An abair thu gu'm bheil iad air cùram a' mhinisteir agus a' mhaighsteir-sgoile ? Cuimhnich

thusa gur còir dhuit cùram na's mò a ghabhail de gach anam ann do theaghlaich, na ghabhas ministear, no duine sam-bith eile ; oir gu cìnnteach gairmidh Dia gu cùnnas thus', a phàraint, no thus' a mhaighsteir, airson do theaghlaich. Is è so cùram a's mò a dh'earhadh riamh riut, agus an-aoibhinn duit-sa, ma leigeas tu dhoihh a bhi aineolach, aingidh, an lorg do mhi-chùraim de'n taobh. Smuainich air an obair a tha dhuit 'n an nàdur, 'n an togradh agus 'n an caithe-heatha. Cha n-aon pheacadh ach mìle a gheibhear an sin : éucailean lìonmhòr, dùchasach a' pheacaidh air am measgachadh 'n an nàdur truaillidh. Agad-sa tha le teagasg fhallain ri buaidh a thoirt air na h-uile sin uile. Na lagaireadh do mhisneachd, ged gheibheteadh na leasanan, a's còir dhuit a theagasg, a' dol calg-dhìreach an aghaidh tlachd 'us toil na fèòla. Gu'n deòn-aicheadh Dia dhuits' a thuigsinn cho mòr, luachmhòr 's a tha do chùram agus d'obair !

Smuainich cia searhh am bròn a tha thus' ag ullachadh dhuit-féin, ma tha thu nis a' deanamh dearmaid air teagasg do theaghlaich. Ma bhitheas a chlānn sin fathast 'n an sguilb ghoirt dhuit, cuimhnich is ànn de do shuidheachadh féin iad. Ma bhitheas tu-féin air do theàrnadh, agus iadsan air am mallachadh, nach uamhasach, goirt dhuit smuaineachadh gur è do mhi-chùram féin a h'aobhar d'an sgrios ? Ma bhàsaicheas tu-féin agus iadsan anns a' pheacadh, mallaichidh iad thu, ag éigheachd amach gu targ 'n ad' aghaidh ann an ifrin, "Is tus' a thug an truaighe so dirnn uile. Bu chòir dhuit ar dleasanais a theagasg dhuinn, ach cha d'rinn thu è. Bn chòir dhuit sinne 'chasgadh 's a chronachadh o'n olc, ach cha d'rinn thu sin." Nach teannaichear do thruaighe féin gu mòr leis gach glaodh dòruinneach dhiubh sin !

Smuainich, air an làimh eile, air an t-sòlas a bhitheas agad, ma gheibhear fìrinneach thu anns an dleasanais so. Mur téid è leat, bithidh d'anam saor o chiont' a dhearmad, agus bithidh sìth aig do choguis. Ma théid è leat, hithidh do shòlas do-lahhairt. Chì tha do chlann gràdhach, ùmhal, taitneach, taiceil dhuit, anns a' chuid a tha romhad de do thurus gu glòir. Is mòr is fheàrrd

do theaghlaich uile è, ma gheibhear eadhon aon leanabh, no aon seirbhiseach diadhaidh ànn. Ach is mòr d'aoibh-neas an là a their thu, "a Thighearna, Feuch mise, agus a' chlānn a thug thu dhomh." An déigh sin bithidh tu beò gu h-aoibhneach maille riutha gu bràth.

Smuainich cho mòr 's a tha maith na h-eaglais agus na riòghachd an eisimeil an dleasanais so. Cha n-urrainn riaghailtean maith an lagha sluagh glic, diadhaidh a dheanamh dhùnn, mur tòisich ar teagasg ann an uchd an teaghlaich. Agaibh-se, a phàranta, tha 'n obair so ri dheanamh, agus ma dh-fhàgar ì gun deanamh, gus an tig bhur clànn, aineolach agus cruadhaichte leis a' pheacadh, fo làimh mhiniștearan, ciod is urrainn ministearan a dheanamh? Ach na'n robh iad air an teagasg leibh-se ann an eagal Dé air làithibh an òige, agus air an treòrachadh ann an eòlas, agus ann an cleachdad na diadhachd, O bu mhòr a' mhisneachd sin do mhiniștearan, agus shoirbhicheadh obair an Tighearna gu mòr 'n an làmhan! Innseam dhuibh gu cìramach, gur è dearmad air teagasg na cloinne ann an eòlas air an dleasanais do Dhia, a's aobhar do uile thruaighean na h-eaglais agus na riòghachd.

Guidheam fòs air pàrantaibh smuaineachadh air na cothroman lòn-mhor, luachmhor a tha aca, chum an clànn a theàrnadh. Tha iad fo bhur làimh, am feadh a ta iad maoth, sùlbait, òg. Cha chrànn garbh daraich a ta agaibh ri lùhadh, ach fiùran a dh-aomas leibh. Na'n spionadh pàrantan meacain a' pheacaidh amach á eridheachan an cloinne féin, cha bhitheadh duhhailcean freumhaichte, cruidh, garbh a' pheacaidh cho tric ri ghearradh ásda an déigh dhoibh fàs suas. Cha n'-eil coguisean na cloinne air an cruadhachadh cho mòr le cleachdad a' pheacaidh agus le diùltadh gràis, 's a tha coguisean muinntir eile. Tha eridheachan na cloinne mar an talamh bog, tais a ghabhas astigh an crànn gu luath, ach tha eridheachan na h-aois mar thalamh cruidh, clachaidd air a theannachadh fad iomadh bliadhna fo chéumaibh an uilc. Is obair dhùbaitl iad-san, nach d'fhuair an ionnsachadh air làithibh an òige, a theagasg anis; oir féumar air tùs am pilleadh o'n olc, 's an déigh sin maith a theagasg dhòibh. Ach na'n

d'fhuair iad an teagasg òg, bu leòr leth na h-oibre sin. Is ann duibhs' a's mò an gràdh air thalamh. Is sibhse a's mò ùghdarras os an ceànn. Is ann ruibh-se tha iad a' sealltuinn airson am beathachaidh uile. Is ann duibh-se a's feàrr is aithne am mèinn 's an togradh. Tha sibh maille riutha do ghnàth, agus fàth-chothrom agaibh an còmhnuidh gu bhi 'biadhadh an cridheachan le èdas maith. Cuimhnichibh-se so gu h-àraid, a mhàthraighean, a tha na's trice na 'n aithrichean maille ri bhur cloinn, am feadh a tha iad fathast òg. Is mòr bhur dìchioll a chum an cuirp a bheathachadh. Is mòr bhur pìan agus bhur saothair 'g an toirt astigh do'n t-saoghal. Agus nach dean sibh saothair a chum an anamanan a theàrnadh? Tha dìan ghràdh blàth agaibh dhoibh, agus an leig sibh dhoibh a bhi càillte gu siorruidh? Guidhcam dirbh, matà, air sgàth sliochd blur cùim féin, teagaisgibh iad, comhairlichibh iad, agus gabhaibh mòr chùram dhiubh, agus na leigibh fois leo, gus am faigh sibh an treòrachadh a dh-iomsuidh Chriosd.

Guidheam dirbh, a pbàranta Criosdail, a léughas na briathran so, deanaibh iochd air anamaibh bochd bhur cloinne féin. Bithibh firinneach, dileas do Dhia a dh'earb clànn ruibh. Mur urrainn sibh na b' àill leibh a dheanamh, deanaibh na 's urrainn sibh air an son. Tha 'n eaglais agus an stàit, gach baile agus dùthaich ag osnaich gu tròm fo'n dearmad a thathas a' deanamh air an dleasanais so. Cha n-eil èdas aig bhur cloinn air Dia, no air a lagh, ach bheir iad "ainm Dhé an dìomhanas;" ni iad tàir air aoradh Dhé; agus cha theagaisg 'us cha cronaich sibh iad. Air an aobhar sin, cronaichidh Dia iadsan agus sibhse. Cha léir do bhur gràdh do bhur cloinn am peacaidhean. Na bitheadh iognadh dirbh, matà, ged ghoirticheadh Dia sibh airson peacaidhean bhur cloinne, oir tha sibh ciontach anns gach peacadh a tha iad a' deanamh, a chionn gu'n d'rinn sibh dearmad air an teagasg agus air an cronachadh. Tòisichibh anis, matà, air an dleasanais so, agus na deanaibh dearmad air na's fhaide. Cuimhnichibh air Eli. Tha bhur clànn mar bha Maois ameasg nan cuilc, ullamh gu bàsachadh mur faigh iad an cuideachadh. Ma's àill leibh nach dìtear sibh mar

mhortairean an anamanan, no ma's àill leibh nach cluinn sibh an glaodh 'g a bhur dìteadh fén anns an teine shòrruidh, tòisichibh gu grad ri teagastg dhoibh ciamar a dh-fhaodas iad a dhol ás o'n teine sin ; agus togaibh iad ann an naomhachd 'us ann an eagal Dé.

Tha mi nis a' sparradh air gach aon dibh, aréir bhur bóidean-baistidh do Dhia, agus mar dh-fhéumas sibh uile freagairt do Dhia'an ùin glé aithghearr, na diùltaibh agus na dearmaidibh an dleasanas àrd-fhéumail so air chor sam-bith. A phàraint, mur 'eil thu toileach a dheanamh, agus fios agad gur dleasanas mòr è, is ceannairceach thu, agus cha sheirbhiseach fìrinneach do Chriosd. Ma tha thu toileach, ach gun fhios agad ciamar is còir dhuit do dhleasanas a dheanamh ri do chloinn fén, gabh anis beagan seòlaidh, chum do chuideachadh. Treòraich do chlànn, le do dheadh eisempleir fén, gu ùrnuigh agus dleasanasaibh diadhaidh eile. Teagaisg an tuigse. Lòn an cuimhne le eòlas maith. Ceartaich an toil. Beothaich an aignidhean. Cum an coguis beò, blàth. Caisg an teangaidh. Teagaisg briathran glan dhoibh. Caithris 'us ceartaich an giùlain 's an caithe-beatha. Faigh Blòbuill 'us leabhrainchean maith eile dhoibh, agus faic iad 'g an léughadh. Ceasnaich iad gu tric air na nitibh a tha iad ag ionnsachadh. Cuimhnich gu'm bi thu-fén 'us iadsan ris an obair so air gach là sàbaid. Na ceadaich idir dhoibh a bhi ri amайдeachd, cluith, no diomhanas sam-bith air an là naomh sin. Thoir maille riut gu "Tigh Dhé" iad. Cum anns an sgoil-shàbaid iad gu seasmhach, riaghailteach. Is mòr, luachmhor an cuideachadh do pharantaibh an sgoil-shàbaid. Bi gu tric a' mìneachadh dhoibh brìgh nan nithe a tha iad a' léughadh 's ag ionnsachadh. Na leig le leisgeulan beaga an cumail ás an sgoil ; oir gach là a chailleas iad de'n sgoil, cha bheir iad gu bràth air. Na dearmaid an *Leabhar-cheist* a theagastg dhoibh. Cum amach á droch cuideachd iad. Treòraich iad gu eòlas air sluagh diadhaidh. Thairis air gach uile nì, teagaisg agus cuimhnich dhoibh gu tric cho féumail, cho oirdheirc, cho taitneach, cho luachmhor, glòrmhor 's a tha eòlas air Dia, agus air a sheirbhis ; agus saothraich a chum làn bheachd air sin a shuidheachadh gu teànn air an cridheachan.

CAIBDEIL X.

Cha n-fhaighear Fois nan Naomh air thalamh.

Cha n-eil sinn fathast air teachd a dh-ionnsuidh ar n-àite-tàimh. Ach tha àit-tàimh a' feitheamh dirnn. O matà, nach peacach, amайдeach a bhi 'g a iarraidh, no dùil a bhi againn ris an so! Càit am faighear Criosduidh nach 'eil toilltinneach air achmhasan do thaobh na cùise so? B'àill leinn gach cùis soirbheachadh leinn an còmhnuidh. Dh-iarramaid gach ni a tha socrach, taitneach do'n f heòil. Is beag a tha sinn a' tuigsinn cho mi-réusanach 's a tha ar miann. Ma gheibh sinn àitean-còmhnuidh goireasach, biadh 'us aodach, fearann 'us teachd-astigh, agus meadhanan nan gràs a dh'òrduich Dia, chum ar maith spioradail, is leòr sin leinn, agus iarraidh sinn fois ànta. Ma's fortanach, no mi-fhortanach ar staid, ma's tìnn no slàn sinn, gheihhear sinn gu dìan a' sior-iarraidh fois' ann am mealtuinn a' chréutair,—ann an taitneasaibh fac-sinneach. 'Nuair a bhitheas taitneas aimsireil uainn, nach fhaighear sinn 'g a iarraidh na's dùrachdaiche na dh-iarras sinn Dia féin? Nach fheàrr leinn a mhealtuinn na mealtuinn Dhé? Agus ma chailleas sinn ar taitneas aiinsireil, nach truime leinn sin na làthaireachd Dhé féin a chàll? Cha leòr leinn ar beannachdan aimsireil a ghnàthachadh a chum ar cuideachadh agus ar n-ùrachadh air an t-sligh gu nèamh, ach féumar nèamh féin a dheanamh dhuinn dhiubh sin. A Chriosduidh a léugas so, cha n-eil peacadh sam-bith eile 's an t-saoghal a b'fheàrr leam thus'a thuigsinn's a sheachnad na 'm peacadh so, na'm b' urrainn mi ìnnseadh ciamar a thuigear è; oir is mòr cònsachadh an Tighearna ruinn anns a' chùis so. Anis a chum sin a thuigsinn guidheam ort gu dùrachdach smuaineachadh—cho réusanta 's a tha trioblaid an beatha so,—agus cho mi-réusanta 's a tha fois iarraidh ann an toil-ìnntinn aimsireil;—smuainich fòs cho mi-thoileach 's a tha sinn a dhol anùll air a' bhàs a chum seilbh 'fhaotuinn air fois shìorruidh.

I. Chum réusantachd nan trioblaid a thuigsinn, smuainich—gur iad an t-sligh gu fois,—Tha, iad a' teagasg dhuinn gu soilleir càit am cheil ar fois,—Tha iad 'g ar treòrachadh air an t-sligh gu fois,—Tha iad a' greasad ar céum d'a h-ionnsuidh,—Is ann gu h-àrraid do'n fhéil a tha iad draghail,—fo thrioblaidibh gheibh sluagh Dhé gu tric an roimh-bhläs a's mìlse air am fois.

1. Thoir fainear, gur è saothair 'us trioblaid an rathad cumanta gu fois, araon ann an cùrsa nàduir agus gràis. An urrainn idir fois a bhi ann gun sgios? Coisichidh agus oibrichidh tu an toiseach, 's an déigh sin, gabhaidh tu fois. Caithear an là ri saothair 's an déigh sin, thig an oidhche le fois. Carson a dh-iarramaid cùrsa gràis atharrachadh na's mò na cùrsa nàduir? Is òrdugh suidhichte "gur ann tre iomadh àmhghar is éigin duinn dol a steach do rioghachd Dhé." *Gníomh.* 14. 22. Agus "ma dh'fhuiligeas sinn, rìghichidh sinn mar an ceudna maille ri Criod." *2 Tim.* 2. 12. Agus ciod è sinne gu'm bitheadh reachdan Dhé air an atharrachadh a chum taitneas a thoirt duinn?

2. Tha trioblaid, no àmhghar ro fhéumail a chum a dhearbhadh dhuinn càit am bheil ar fois. Is céum toileach, agus cha chéum éignichte, céum a' Chriosuidh gu nèamh. Air an aobhar sin, is féumail gach ni cruaidh, no socrach a chuidicheas a thoil agus a thuigse. Is è am mearachd a's cunnartaiche d'ar n-anamaibh, an crèutair a chur an àit Dhé, agus an talamh a chur an àit nèimh. Nach blàth, deothasach, dìan ar cridheachan a' dol an déigh an t-saoghal, gus am fuaraichear 's an ceànnsaichear iad le trioblaidibh. Labhraidh trioblaid gu h-éifeachdach, agus eisdear rithe le cuid nach d'éisd riagh gu ceart agus nach eisd ri searmonaiche. Is iomadh Crioduidh bochd a gheibhear air uairibh a' suidheachadh a smuaintean air saoibhreas, no air feòil-thaitneas, no air cliù timeil, agus mar sin, a' call a thlachd ann an Criod, agus ann an aoibhneas nèamhaidh, gus am buailear a shaoibhreas, a chlann, a choguis, no a shlàint le Dia, agus am brisear slos a neart a shaoil è cho mòr. Agus an uair a thilgear è, an déigh sin, ann an geimhlibh Mhanasseh, no air leabaidh na h-easlaint,

is neo-ni leis an saoghal, ach is rud-eigin nèamh leis. Mur cuireadh ar Tighearn gràdhach na stuib sin ann ar cluasaig, chaidleamaid amach ar beatha, agus chaill-eamaid ar glòir.

3. Tha Dia a' gnàthachadh trioblaid mar mheadhon fior éifeachdach a chum sinne 'threòdrachadh agus a chumail air an t-sligh gu fois. A dh-easbluidh na callaide drisich so air an làimh dheis 'us chlìth, is gànn a chumadh sinn an rathad gu nèamlì. Ma chì sinn aon bheàrn, no cachlaidh fosgait' air, nach ullamh sinn gu léum amach oirre? 'Nuair a dh-fhàsas sinn mear, no saoghalta, no uaibhreach, faic mar dh-lslichear sinn le tinneas, no trioblaid eile! Faodaidh gach Criosduidh a ràdh, cho maith ri Luther, gur è trioblaid aon de na maighstearan-sgoil' a's feàrr a bha riamh àige; agus a ràdh maille ri Daibhidh, "Mu'n robh mi ann an àmhghar chaidh mi air seacharan; ach a nis tha mi a' gleidheadh t'fhocail." *Salm.* 119. 67. Is iomadh mìle peacair lompaichte a dh-fhaodas eígheachd amach, "O thinneis shlàinteil! O bhròin shòlasaich! O chàll-daich tharbhaich! O bhochduinn shaoibhir! O là bheannaichte air an robh mis' ann an trioblaid l'" 'Bheir na cluaine glasa agus na uisgeachan ciùin, agus cadhon an t-slat agus an lorg comhfhurtachd dhuinn.' Is è am focal agus an Spiorad a ni an fhior obair éifeachdach air a' chridhe, ach bheir trioblaid 'us fulang an crànn-dùnaidh dhe dorus a' chridhe, chum rathad réidh a dheanamh do'n fhocal gu dhol astigh.

4. Tha trioblaid féumail, mar-an-céudna, chum ar céum a ghreasad a dh-ionnsuidh na fois'. B'fheàrr gu'm fòghnadh gràdh gu sinne 'thàladh gu nèamh! ach am far nach gluaisear fo ghairm a' ghràidb, is tric a ghreasar fo bhuille na slaite. O-na tha ar cridheachan cho rag-olc as nach gabh iad tarruinn le caomh thròcair, is feàrr ar greasad leis an sgiùrsair a's gedire buille na maille chàillteach a dheanamh, cosmhuil ris "na h-dighean amайдeach," gus am bi an dorus air a dhùnad. O nach dian, làn, dùrachdach an ùrnuigh a ni sinn ann am builsgean na h-easlainte, seach an ùrnuigh eutrom, fhuar, fhoirmeil a gheibhearr againn air làithibh ar slainte! Co dhiubh a's doimhne an t-aithreachas a

nithear air là na socair, no air là na h-anshocair ? Och ! Och ! mur cuirteadh an spur annainn air uairibh, bu mhàll céum na cuid a's mò dhinn gu nèamh ! Carson, matà, nach gabhamaid gu toileach buillean-greasaidh géur o Dhia, chum ar maith, 'us féum cho mòr aig ar droch nàdur orra ? Smuainich féin, a Chriosduidh, nach cùramach, caithriseach, luath a għluuiseas do chéum gu nèamh fo bħuillibh na h-easlainte, seach do chéum fo thaitneas soirbheachaiddh.

5. Thoir fainear arist—is ì gu h-àraid an fhedil a's mò a gheibhear air a buaireadh agus air a goirteachadh le trioblaidibh. Gheibhear an t-anam saor o'n chuid a's mò de na fulangasaibh do'm bheil sinn buailteach, mur dean sinn-féin a phlànadh d'ar deòn. “Carson, matà, O m'anam, a tha thus' a'dol leis an fbeòil sin, agus a' gearan mar tha ise ri gearan ? Nach bu chòdir dhuit a cumail fodha, agus a cur fo smachd; agus ma ni Dia sin air do shon, an tig dhuit a bhi mì-thoilichte ? Nach è thus' a bhi 'g a toileachadh a thug ach beag gach bròn spioradail ort ? Carson, matà, nach deanadh a mì-thoileachadh d'aoibhneas a mheudachadh ? ‘Nach séinn Pôl agus Silas laoidh-mholaidb, ged tha 'n casan daingnichte anns a' cheap' ? Cha robh an spioradan ann am priosan. Ah, anam neo-airidh ! an è sin do tbàingealachd do Dhia a dh'àrdaich thu cho mòr os-ceànn do cbuirp ? 'Nuair a bhitheas do chorpa' grodadh anns an uaigh, is còmp-anach thusa do spioradaibh foirfichte nam fìrean. Nach 'eil sòlas agad an dràst, air nach 'eil fios aig an fheòil ? Na gearan idir, matà, air làimh Dhé, 'nuair a bheanas ì ri do chorpa. Is gràdh gach smachdachadh a bheir a làimh : agus carson nach buineadh è riut-sa mar bhuin è ris na naoimh uile ? Na creid gu bràth gu'm mìnich an fheòil dhuit gu ceart a' chùis a tha 'n t-slat a' ciäll-achadh. Their d'fheòil gur fuath, gràdh ; agus gu'm bheil Dia a' sgrios, an uair a tha è 'teàrnadh. Tha d'fheòil a' fulang, agus an lorg sin cha bhreitheamh freagarrach idir ì.” O ! na'n creideamaid Dia féin, na'n géillcamaid do'n t-slat-smacbdachaidh, mar tba focal Dhé ag àithneadh, na'n tuigeamaid cho tarbhach 's a tha ì do'n anam, na'm faiceamaid mar tba ì 'g ar greasad a dh-ionnsuidh ar fois', agus na'm b'urrainn sinn tosd a

chur air craos collaideach na fèòla, is ànn an sin hu chothromaiche ar heachd agus ar breth air aohhar agus deadh thoradh ar triohlaidean uile.

6. Ach smuainich fathast—is ainmig a bheir Dia d'a shluagh roimh-hhläs air an fhois ri teachd, cho milis 's a hheir è dhoibh 'n an àmhghar tröm. Gleidhidh è dhoibh an deoch-ùrachaидh a's mò luach, gus an tig an uair a's mò am fannachadh agus an cunnart. Bheir è dhoihh i 'nuair a chì è féum oirre, agus an uair a chì iadsan a luach, agus a hheir iad tàing dhà air a son, agus a bhitheas iad air an deanamh aoibhneach leatha. Gu h-àraid, ma gheiblhear sinn a' fulang dìreach airson aohhair Dhé féin. Is tric leis, air an àm sin, cupan searbh na triohlaid a dheanamh milis. Is ànn an uair hu ghoirte agus hu doimhne fulangas nam martarach a b' àirde agus bu mhìlse an aoibhneas. Is ànn an uair a bha eridheachan nan deisciobul hrònach a' dealachadh ri Criod, hu mhò leo an sòlas a labhair è riutha. Is ànn an uair a 'hha iad cruinn agus na dorsa dùinte orra, air eagal nan Iudhach, a thàinig Iosa agus a sheas è 's a' mheadhon, ag ràdh riu, Sìth dhuibh.' Is ànn an uair a hha Stephen a' toirt suas a hheatha, mar fhianuis airson Chriod, a chunnaic è nèamh fosgailte. Nach i staid a's feàrr, an staid sin anns am mò a chì 's a gheibh sinn de Dhia? Carson eile tha sinn ag iarrайдh gu nèamh. Ma dh-iarras sinn fois nèimh ann an taitneas-aihh feòlmhor, bithidh sinn air ar mealladh. Ahair, matà, nach misd aon air-bith de na naoimh, trioblaid 'n a thurus air an t-sligh gu fois. Am hheil sinne na's gllice na Dia? Nach aithne dhà ciod a tha chum maith dhuinn, cho maith ruinn-féin? Nach 'eil è cho cùramach umainn agus cho toileach maith a dheanamh dhuinn 's a tha sinn-féin? An-aoibhinn dhuinn-ne, mur hitheadh Dia mòran na's cùramaich' umainn na tha sinn-féin! agus mur tugadh è gràdh na's feàrr dhuinn na tha sinne 'toirt dhà-san, no dhuinn-féin!

Na abair idir, "h'fheàrr leam giùlain le trioblaid air-bitli eile na leis an trioblaid so." Na'n cronaicheadh Dia thu le triohlaid a h'urrainn thus a ghiùlain, cha n-fhaiceadh agus cha tréigeadh tu d'iodhol. Agus na abair ni's mò, "Na'n saoradh Dia mi o'n trioblaid so,

is ānn bu toilichte leam a giùlain." Nach mòr, maith leat gealladh Dhé, 'us e-féin ag ràdh gu'n oibrich i chum do mhaith? Nach leòr leat a bhi air do dheanamh cìnnteach gu'n saorar thu bho gach "trioblaid agus téinn" aig uair a' bhàis? Na abair, "Na'n robh mì comasach air mo dhleasanas a dheanamh, is ānn a b'fhusa leam giùlain le mo thrioblaid." Tha thu comasach air an dleasanas sin a dheanamh a ta chum do mhaith féin; oir is ānn a chum do dheanamh na's dùrachdaiche, do bheothachadh agus do chuideachadh na's mò ann an deanamh do dhleasanais dhuit-féin, a thàinig an trioblaid so ort. Agus anis a thaobh do dhleasanais do mhuinntir eile, cha n'-eil sin air 'iarraidh uait le Dia, gus an toir e-féin comas dhuit a dheanamh. Theagamh gu'n abair thu, "Tha mis' air mo shàrachadh le sluagh diadhaidh: na'm b'e daoine mì-dhiadhaidh a thug an trioblaid so òrm, is ānn bu shocraiche leam i." Ciod-air-bith an instrumaid tre 'n tàinig do thrioblaid, is ānn o Dhia a ta i, agus is tu-féin a thoill i; agus nach fheàrr dhuit anis sealltuinn na's mò ri Dia agus riut-féin? Nach 'eil fhios agad gu'm bheil na daoine sin a's feàrr, fathast peacach ann an cuid. Na ahair idir, "Na'n robh agam an sòlas sin a tha Dia, mar theirear, a' toirt air amaihbh fulangais, is ānn bu toilichte leam fulang: ach cha n'-eil mis' a' faicinn dad de sin." Mar a's mò 'dh'fhuiligeas tu air sgàth fireantachd, is ānn a's mò 'dh-fhaodas do dhòchas a bhi ris a' bheannachd sin; agus mar is mò 'dh-fhuiligeas tu airson do dhroch giùlain féin, is ānn a's fhaide 'bhitheas milseachd a' bheannachd sin gun teachd. Nach 'eil an sòlas a thà thus' ag iarraigheal air a dhearmad, no air a dhiùltadh leat? An d'oibrich do thrioblaid gu fàbharach ort, agus an d'ullaich i thu airson sòlais? Am bheil thu air d'irioslachadh? Am bheil thu air do thoirt gu do chionta mòr aideachadh gu flàinneach, agus gu do pheacadh sin a b'ànnsa leat, a thréigsinn; agus am faighean thu nis gu dichiollach, dùrachdach a' deanamh nan dleasanas a bha cho fad air an dearmad leat? An d'rinn do thrioblaid do chridhe peacach a thearbadh o na h-iодholaibh a bh'agad roimhe, agus do thoirt gu Dia féin a ghabhail gu simplidh, mar do chuibhrionn

agus mar d'fhois? Mur d'rinn, cionnus is u rrainn dùil a bhi agad ri sòlas? Am b'aill leat Dia do lot a cheangal suas, agus i fathast ag iongrachadh 'n a taobh-stigh? Cha n-è na tha thus' a' fulang a dh-ullaicheas tu airson sòlais, ach deadh bhuaidh agus deadh thoradh do thrioblaid air do chridhe, no féum maith a dheanamh dhì.

II. Chum 'fhaicinn cho mi-réusanta 's a tha fois iarraidh ann an toil-ìnntinnibh aimsireil, no anns na nithibh a ta làthair, smuinich,—Sin a bhi nis a' deanamh dia dhiubh,—Sin àicheadh na crìche 'tha aig Dia 'n an tabhairt duinn,—Sin an céum gus an diùltadh dhuinn, an toirt uainn, no an deanamh searbh dhuinn;—Cha n-'eil mallachd ànn cho mòr ri cheadachadh dhuinn ar fois a ghabhail 's an t-saoghal so,—sin fois iarraidh am far nach 'eil i: mheudaicheadh na créutairean, no nithe an t-saoghal, gun Dia, ar trnaighe gu mòr,—agus dearbhar sin uile, le beachdachadh air ar fiosrachadh féin agus air fiosrachadh muinntir eile.

1. Is iodhol-aoradh gràineil, no bréug-aoradh, fois iarraidh do'n anam ann an crètair, no ann am meadhon air-bith. Is i còir àraidi Dhé féin 'n a aonar, a bhi 'n a fhois do'n anam. Is iodhol-aoradh soilleir ar fois iarraidh ann an saoibhreas, no onoir, agus cha n-'eil ach iodhol-aoradh beagan na's grinne, no na's fasanta na sin ann am fois iarraidh ann am meadhonaibh maiseach nan gràs. Faic cho mì-thaitneach 's a tha so do'n Tighearn bhèannaichte: éisd anis ri gearan an Tighearna dirnn-féin agus air luchd-iodhol-aoraidh eile, "Bu chaoraich chàillte mo shluagh-sa, leig iad an àite-fois air dìchuimhne." *Ier.* 50. 6. "Is feàrr le mo shluagh-sa fois ann an ni sam-bith eile na annam-féin. Is feàrr leo taitneas a ghabhail ann an cach a chéile, na annam-sa. Ni iad gàirdeachas ann an leantuinn mo chréutairean agus m' òrduighean, ach cha dean iad gairdeachas annam-sa. Seadh, iarraidh iad fois ann an saothair 'us ann an dleasanais, ach cha n-iarr iad fois annam-sa. B'fheàrr leo 'bhi ann an àit air-bith eile na maille rium-sa. An iad sin an diathan? An iad sin a shaor iad? Am bi iad sin na's feàrr dhoibh na bha mise, no na b' aill leam a bhi dhoibh?" Na'm biodh agad-féin céile

no bean, mac no nighean leis am b'fheàrr a bhi ann an àit air-bith eile na maille riut-sa, agus a gheibh teadh toilichte, subhach 'nuair a b'fhaide uait iad, nach gabhadh tu gu h-olc è? Mar sin gabhaidh Dia è matà.

2. Tha thus' ag àicheadh na crìche sin a tha aig Dia ann am buileachadh nan toil-inntinn sin ort' Thug è dhuit iad a chum do chuideachadh gu teachd d'a ionnsuidh, agus an cuir thus' iad 'n a àite féin? Thug è dhuit iad inar bhiadh-ùrachaидh dluit air do thurus, agus am fan thu 's an tigh-òsda gun dol céum na's fhaide? Faodar a ràdh mu na sòlasaibh agus na h-òrduighean againn, mar chaidh a ràdh mu na h-Israelich o shean, "Chaidh àirc coimhcheangail an Tighearna rompa astar thrì làithean, a rànnsachadh a mach àite-tàimh dhoibh." *Air.* 10. 33. Mar sin, tha tròcairean an Tighearna a' sìor-dhol romhainn an so, ach cha n-iad na tròcairean sin ar fois. Cha n-eil ànnta, mar dh'aidich Eòin, am Baisteach, nach b'esan Criosd, ach iomadh guth a' glaodraich anns an fhàsach so, 's ag iarraidh dirnn sinn-féin ullachadh airson rioghachd Dhé, 's ag innseadh dhuinn gu'm bheil ar fior fhois am fagus. Air an aobhar sin, ma dh-iarrar fois an so, gheibhear sinn a' dol calg-dhreach an aghaidh nan crìoch airson aii tug Dia na tròcairean sin duinn, 'g am mi-ghnàthachadh gu cronail, agus 'g ar milleadh féin leis na nithibh a dh'òrduich Dia chum ar cuideachadh agus ar treòrachadh suas d'a ionnsuidh féin.

3. Ma dh-iarrar fois an so, is ì sin an dòigh gu thoirt air Dia na tròcairean a tha sinn ag iarraidh, a dhiùltadh dhuinn, no na tròcairean a ta againn a ghearradh uainn, no an car a's lugha, an deanamh searbh dhuinn. Tha Dia éudmhor anns a' chùis so seach cùis air-bith eile. Na'm bitheadh agad-sa seirbhiseach 'bu dochá le do mhnaoi na thu-féin, nach gabhadh tu sin gu h-olc dhì, agus nach cuireadh tu an seirbhiseach sin air falbh á do thigh? Mar sin, matà, ma gheibh an Tighearn thus' a' socrachadh do chridhe air an t-saoghal, agus ag ràdh, "An so gabhaidh mì fois," na bitheadh iongantas idir ort geda dheanadh è gu h-éudmhor, luath an t-socair sin anshocrach dhuit. Ma tha gràdh aige dhuit, na gabh iongantas geda bheireadh è uait an nì sin leis am bheil è 'g ad' fhaicinn a' deanamh "croin ort-féiu." Is

tric a chunnaic mise daoine 's an t-saoghal so a' toirt ionnsuidh air nithibh mòra 's a' caitheamh mòr ùine ri oibrigh ainmeil, cosgail; agus a fhuair an toil a riàrachadh le fortan mòr an oidhirpean; agus muinntir eile an déagh dhoibh a bhi fada air an sàrachadh le tròm thrioblaidibh, a fhuair buaidh orra, agus an sin, thòisich iad ri toil-inntinn agus fois a ghabhail anns an staid gus an robh iad air an toirt leis an fhortan a dh'oibrich an oidhirpean féin amach dhoibh. A dh' aon fhocal, shaoil leo gu'n robh iad anis socrach, sona, saoibhir. Ach mar bu trice, is gānn a thòisich iad ri mealtuinn na toil-inntinn so, 'nuair a bhual am bàs iad, no 'thainig aimhleas air-chor-eigin eile orra leis an robh an taitneas so uile air a dheanamh neo-thaitneach, gruamach, no searbh dhoibh. Cho luath 's a gheibbear a' chàinnt so ann an cridhe duine, "Anam gabh fois, ith, dl agus bi subhach," is i gu tric an ath theachdaireachd a thig, "Amadain, air an oidhche so féin," no air a' mhìos so, no air a' bhliadhna so, "iarrar d'anam uait: an sin cò dhà a bhuiteas na nithe sin a dh'ulluich thu?" *Lùc.* 12. 19. Càit am bheil tigh anns nach faighear an "t-amadan" sin a gabhail còmhnuidh? Feuchadh gach aon dhinn-ne nach è sin a cheart ainm féin. Is iomadb aon de sheirbhisich Dhé, a fhuair a làithean a ghiorrachadb air an talamh, an lorg a bhi air a mheas agus air a ghràdhachadh na's mò na b'fhiach è. Is dearbhlaim nach 'eil gach smuain mì-thoilichte agus gach gearan eile a gheibhear againn, cho mì-tblachdmhor le Dia, ri fois iarraidh agus toil-inntinn ro mhilis a ghabhail ann an nithibh taitneach na beatha so. Ma bhual Dia thusa le do bhean, do chlann, do chuid 'us do cbàirdean, no do thaitneas ànnta sin, a thoirt uait, feuch thusa nach ànn an lorg do thoil-inntinn a bhi 'sior-stad ànnta sin, agus thu-féin ag ràdh, "Tha mì ceart anis," agus mar sin a' deanamh dia dhe do chor taitneach, a bhrosnaich thu an Dia éudmhòr gus a làmh a shìneadh amach a'd' aghaidh? Co dhiubh is caraid uo nàmhuid do Dia thu, na biodh dùil agad gu bràth gu'n ceadaich è dhuit d' iodholan a mhealtuinn le socair.

4. Na'n ceadaicheadh Dia dhuit fois a ghabhail anns an t-saoghal so, is è sin mallachd a's mò 'b' urrainn

tuiteam ort. B'fheàrr dhuit a bhi gun aon là fois' riagh anns an t-saoghal so, oir mar sin dh-fhaodadh sgòios an t-saoghal a thoirt ort an fhìor fhois iarraidh. Ach ma cheadaicheadh dhuit suidhe sìos socrach, agus fois a ghabhail an so, is truaghan gun fhois thu tre àlaibh na bith-bhuantachd. Is è làn chuibhrionn a ghabhail anns a' bheatha so, crannchur nam peacach ro thruagh a bhitheas càillte gu sìorruidh. An tig è do Chriosduidhean, matà, dùil mhòr a bhi aca ri fois an so? Is i ar fois a's nèamh dhuinn; agus far an gabh sinn fois, ni sinn nèamh dhuinn-féin an sin. Agus nach iarradh tu nèamh na's feàrr na'n saoghal so?

5. Ma's ann an so a tha thus' ag iarraidh fois', tha thu 'g a h-iarraidh am far nach 'eil i—am far nach urrainnear a faotuinn. Agus ma leanas tu air a h-iarraidh an so, bithidh araon do shaothair agus fois shìorruidh d'anama càillte. Is i ar fois, éirigh suas mu-dheireadh gu làn mhealtuinn Dhé. Ach cha ruigear air sin anns a' bheatha so, ni mò 'dh-fhaodas dùil a bhi ri fois an so. Am faodar Dia a mhealtuinn anns an caglais a's feàrr air thalamh, mar tha è air a mhealtuinn air nèamh? Fada bho sin. Nach beag a tha na naoimh a' mealtuinn de Dhia fo na meadhonaibh a's feàrr? Innseadh an gearan 's an osnaich féin. Is bochd na comhfhurtairean na h-òrduighean a's feàrr a dh-easbhuidh Dhé féin. An tigeadh do fhear-astair tàmh air an t-sligh? Cha tigeadh idir, do bhrìgh gu'm bheil a dhachaидh aig ceànn na slighe. 'Nuair a gheibh thu gach uile ni a's urrainnear a thoirt duit tre chréut-airibh agus tre mheadhonaibh, an d'fhuaire thu, am bheil agad na nithe sin uile anns an robh thu cho-fad a' creidsinn, na nithe a bha thu cho tric ag iarraidh ann an ùrnuiigh, agus an duais àrd sin airson an robh thus' a' fulang? Thar leam nach dàna dhuit a ràdh gu'n d'fhuaire. Is cosmuil sinu ri cloinn bhig, a chaidh air seachran o thigh an athiar, agus tha Dia anis 'g ar treòrachadh dhachaïdh, ach gheibhean sinne ullainh gu dhol asteach do thigh sam-bith eile, gu stad 'us cluith ris gach ni a choinnicheas sinn air an t-sligh, agus gu suidhe sìos air gach tolman uaine; agus gu dearbh cha bheag an t-saothair ar faighinn dachaïdh.

An so tha sinn gach là ameasg shaothair 'us chunnart, agus am fois, no àite-fois sin? Nach trôm an obair a ta romhainn? Feuch, ar coimhearsnaich, ar n-anaman-an agus ar Dia, agus nach mòr an obair a tha againn ri dheanamh do thaobh gach aoin diubh sin! Agus an urrainn sinn fois a ghabhail ameasg nan obair sin uile? Is ionann ar fois air thalamh ri fois na h-àirc' ann am meadhon Ìordain: fois bheag, ghoirid: no ri Abraham ag iarraidh air na h-ainglibh tionndadh asteach agus an anail a leigeil 'n a bhùth, far nach bu taitneach leo còmhnuidh a ghabhail. An tigeadh do na h-Israelicigh fois a ghabhail anns an fhàsach ameasg nathraighean, ameasg naimhdean 's ameasg sgìos 'us gorta? An tigeadh do Noah dachaидh bhuan a dheanamh de'n àirc, agus a bhi duilich gluasad amach áisde, an déigh "do na h-uisgeachan traoghadh?" An tigeadh do'n mharaiche a dhachaïdh a thogail air druim a' chuain, agus fois a ghabhail ameasg nan creag, nan gainearmh agus nan stoirm feargach? An tigeadh do'n t-saighdear fois a ghabhail ann an teas meadhon a naimhdean? Agus nach 'eil Criosduidhean mar luchd-turuis, mar mharaichean agus mar shaighdearan? Nach 'eil eagalan againn astigh, agus cunnartan amuigh? Nach 'eil sinn ann an cunnartaibh an còmhnuidh? Cha n-urrainn sinn ith, no òl, no cadal, no obair, no ùrnuigh, no eisdeachd, no còmhradh a dheanamh, ach ameasg ribichean: agus an suidhear sìos a ghabhail fois an so? O nis, a Chriosduidh, lean air d'obair; seall ri do chunnart; cum romhad gu ruig a' chrìoch, coisinn am blàr, agus fàg an talamh, mu'n smuainich thu air fois gun anshocair.

Ge-b'-e uair a labhras tu air fois 'fhaotuinn air thalamh, is cosmhuil thu ri Peadar air a' bhéinn; 'tha thu gun fhios agad ciod a tha thu ag ràdh.' Na'n dubhaint Criosd ris a' ghaduiche iompaichte, gabhaidh tu fois an so air a' chrànn-chéusaiddh, an àit a ràdh ris, "Bithidh tu maille rium-sa an diugh ann am pàrras," nach dona 'chòrdadh sin ris? Thar leam gu'm bu bhochd an fhois do neach, fois a ghabhail ann an easlaint, ann an cràdh, ann an géur-leanmuinn 's ann an àmhghar. Ach mur dearbhar birnn le ni sam-bith eile nach fhaighear fois an so, is cìnnteach bu chòir do fhuighleach a' pheac-

aidh, "a ta gu furas ag iadhadh umainn," a dhearbhadh gu luath air gach creidmheach, nach ann an so a gheibh è fois. Air an aobhar sin, deiream ris gach neach a ta nis ag iarraidh fois' air thalamh, "Eiribh agus imichibh, oir cha-n ì so bhur còmhnuidh, a chionn gu'm bheil e air a shalachadh." *Mic.* 2. 10. Ann an nàdur nan nithe sin cha n'-eil fior fhois do'n fhìor Chriosduidh. Tha iad ro bhochd gu sinne 'dheanamh saoibhir; ro ìosal gu sinne àrdachadh gu sonas; ro fhalamh gu anam a shàsachadh; ro dhiombuan gu sinne 'dheanamh toilichte gu sìorruidh. Ma's ro shuarach fortan, no ni sam-bith a mhìannaichear leinn gu dia a dheanamh dheth, gu cìnnteach, is ro shuarach è gu fois iarraidh ann. Féumaidh fois an anama 'bhi iomlan, a chum toil-ìnnntinn mhaireannach a thabhairt dà. Ach fàsaidh gach toil-ìnnntinn sean, a bheir crètairean, agus siolaidhidh ì ás an déigh a mealtuinn car àine bige. Ged fhrasadh Dia biadh ainglean anuas òirnn, is goirid gus an gabhamaid sgùs de'n mhana féin. Is neo-bhlasda, tròm a dh-fhàsas gach taitneas air thalamh, mur ath-bheothaichear è le annas. Tha na h-uile chrétairean dhuinn-ne, mar tha na fliùraichean do'n t-seillean; is beag mil a gheibh è air aon diubh, air an aobhar sin, féumar greasad a dh-iònnsuidh aoin eile. Mar a's mò 'chì sinn de 'n chréutair, is ann a's lugha gu mòr a riaraichear sinn leis. Is iadsan amhàin nach fhaic na's mò na sgeimh a leth-muigh, a ta air an làn-toileachadh leis a' chréutair, gun aithneachadh idir cia mòr an dòmhanas a ta anns an leth-stigh dheth. 'Nuair a dh-aithnichear gu soilleir, làn, cor dhaoine eile, agus a chithear an t-olc 's am maith, a' ghaoid cho maith ris an tomhas iomlanachd a ta ànnta, sguiridh ar meas orra, agus ar taitneas ànnta.

6. Ma ghabhas sinn tlachd ann an crètairibh agus ann am meadhonaibh, a dh-easbhuidh Dhé leo, meud-aichidh sin ar truaighe. Na'n abradh Dia riut, "Gabh mo chrétairean, m' fhocal, mo sheirbhisich agus m'òrduighean, ach na gabh mi-féin;" am bu shonas sin leat? Na'n robh focal Dhé agad gun am Focal, a's è Dia féin, a bhi agad; no aran an Tighearna, 'dh-easbhuidh an Tighearna féin, neach a's è an t-aran fìor:

no na'n abradh tu leis na h-Iudhaich, "Teampull an Tighearna," agus tu gun Tighearn an teampuill agad.—nach bu bhochd an sonas dhuit sin? An robh muinntir Chaper-naum air an deanamh na bu shona, no na bu truaighe le faicinn nan oibre cumhachdach a chunnaic iad, agus le chunntinn briathran Chriosd a chual' iad? Is cinn-teach cha n-fhois dhuinu an ni sin a mheud-aicheas ar peacadh agus ar truaighe.

7. Anis, matà, dearbhar na nithe sin uile le beachd achadh air ar fiosrachadh féin agus air fiosrachadh muinntir eile. Is iomadh ceud mìle anam a dh'fheuch ri fois ionlan 'fhaotuinn air thalamh, ach riamh cha d'fhuair aon anam fois ionlan, no fois gu lcòr an so. Cha n-eilear ag ràdh nach d'fhuair iad toil-inntinn, shiubhlach, ach fois agus riarrachadh, sin nithe nach d'fhuaradh riamh agus nach fhaighear gu bràth anns a' bheatha so. Agus am faod dùil a bhi againn-ne ris an ni sin 'fhaotuinn an so, nach d'fhuair duine sam-bith eile riamh roinbhainn. Bu bheag aig Ahab a rioghachd, a dh-easbhuidh fion-lios Naboit, ach cha robh è air a riarrachadh an déigh dhà am fion-lios 'fhaotuinn.
 1 Rì. 21. 2. Geda shealladh tu thairis air an talamh, mar a rinn columnan Noah, ag iarraidh àite-fois, philleadh tu air d'ais ag aideachadh nach robh è idir ànn. Rach 'us faighnich ri onoir, Am bheil fois an so? Bu cho math dhuit fois iarraidh air sgòrr àrd nam beànn a's gailbhiche stoirm, no ann an lasraichibh Æetna*. Faighnich ri saoibhreas, Am bheil fois an so? Tha direach a leithid 's a gheibhear ann an leabaidh dhris. Iarr fois ann an taitneas saoghalta; is cosmhuil an fhois sin ris an iasg a' slugadh a' mhaghair: 'nuair a's mìlse leis an greim, is ànn a's fhaisg' am bàs air. Iarr fois do d'anam ann 'au ionnsachadh, agus eadhon ann an drduighean na diadhachd: faodaidh tu ola-ghéug an dòchais 'fhaotuinn ànnta sin, mar mheadhon a' foill-seachadh nithe na sìorruidheachd, agus a' treòrachadh dhaoine 'dh-ionnsuidh am fois, ach cha n-urrainn iad sin idir, dhiubh-féin, fois a thoirt dhuit gu bràth. Is maith a dh-fhaodadh gach aon diubh sin uile freagairt

* Réinn tìeine aon an eilean Shicilia, air taobh deas na h-Eadailt.

a thoirt, mar thug Jacob do Rachel, "Am bheil mis' an àite Dhé," gu'n tigeadh tu do m' ionnsuidh a dh-iarraidh fois do d'anam? Cha n-urrainn stàitean dhaoine, dùthaich no cùirt, bailtean no bùth-thighean, achaidhean no coilltean, airgiod no ionmhas, uaigneas no cuid-eaclid, leabhradan, searmoin no searmonachadh, ni sam-bith cosmhuil ris an fois bheannaichte so a thabhairt dhuinn. Na'm b-urrainn thu fhaighneachd de dhaoine marbh nan uile linn a bh'ann, no de dhaoine beò air feadh uile rìoghachdan a' chruinne-ché, cait am faighear fois, theireadh iad uile riut, "Cha n-eil fois an so." Ach mur leòr leat fiosrachadh dhaoine eile, seall ri d'fhiorsachadh féin. An cuimhne leat anis a bhi riamh ann an staid a rinn do làn-riarachadh, no ma bhà, an urrainn thus' a ràdh gu'm mair an staid sin dhuit gu bràth? Faodar a ràdh leinn uile, do thaobh ar fois air thalamh, mar a thuirt Pòl do thaobh ar dòchais, "Ma's anns a' bheatha so a mhàin a tha ì, is sinn a's truaighe do na h-uile dhaoinibh." 1 Cor. 15. 19.

Anis, matà, ma chreidear an Sgriobtuir, no réusan, no ar fiosrachadh féin, agus fianuis an t-saoghal uile, faodaidh sinn 'fhaicinn gu soilleir, nach 'eil ionad-tàinidh an so. Agus ged is fìor sin, nach ciontach a gheibhear a' chuid a's inò dhinn do thaobh a' pheacaidh so—iarraidh fois am far nach fhaighear i. Nach iomadh céum mi-thoileach, stad 'us seasamh a gheibhear sinne gu tric a' deanamh mu'n àill leinn an Tighearn féin a rdughnachadh mar ar fois! Gu tric féumaidh Dia ar céum a ghreasad agus sinne iomain air falbh o gach cuspair eile, air eagal gu'n suidh sinn sìos a' gabhail fois an so. Ma bheir è dhuinn fortan, saoibhreas, no onoir an so, tòisichidh sinn ann ar cridhe ri sùigradh agus dànnsa 'n an làthair, mar a rinn na h-Israelic an làthair an laoidh dir a riinn iad dhoibh-féin, ag ràdh, "Sin do dhée," agus their sinn "Is maith a bhi an so." Agus ma ni Dia na nithe sin searbh dhuinn, nach beag ar fois gus an deanar ar staid milis, no taitneach dhuiun, chum gu'm faigh sinn suidhe sìos arist a' gabhail fois ànnta! Ma bheir Dia an crètair uainn gu léir a chum ar leigheas, nach dìan, dùrachdach a gheibhear sinn ri saothair, ri éigheachd 'us ùrnuihg ag iarraidh air an crètair aiseag dhuinn, a chum fois a

ghabhail ànn arìst ! Agus am feadh a chumar uainn an t-iodhol anns an robh ar taitncas roimhe, is feàrr leinn a bhi beò ann an dòchas gu'm faigh sinn fathast è, agus fois a dheanamh dhuinn-féin dhe 'n dòchas sin, na teachd a dh-ionnsuidh Dhe ; no théid sinn o chréutair gu crèutair, ag iarraidh cuspair éigin eile 'n a àit ; agus mur faighear ni sam-bith eile a lìonas suas àit na toil-inntinn a chàill sinn, is feàrr leinn 'fantuinn mi-thoilichte, agus fois a ghabhail ann am beatha na truaighe, na na h-uile nithe a thréigsinn agus greasad a dh-ionnsuidh Dhé ! O nach mallaichte *Mì-thoil* ar n-anamanan an aghaidh teachd a' dh-ionnsuidh Dhe ! O thus' a mhì-thoil, is tu ban-mheirleach ar sìthe !

Na'n robh àit so-iomchair, no car socrach air-bith ann an ifrinn, b'fheàrr leis an anam fois a ghabhail ànn, na teachd a dh-ionnsuidh Dhé. Seadh, an uair a tha Dia 'g ar treòrachadh d'a ionnsuidh féin, agus an déigh dhà luachmhorachd a shlighean agus a sheirbhis féin a dhearbhadh òirnn, gheibhear sinne fathast 'g ar mealladh féin eadhon anns a' chéum mhaith so, oir is feàrr leinn ar cridheachan a shocrachadh air na céumaibh a tha 'g ar treòrachadh a dh-ionnsuidh Dhé, agus air na h-òrduighean a ta nis a' labhairt ruinn mu Dhia, agus air na gibhtibh 's air na beannachdan a thig o Dhia na teachd gu làn-toileach d'a ionnsuidh féin. Anis, a Chriosduidh, na gabh iongantas mis' a bhi cho dìan a' labhairt an aghaidh *foiseachaidh* anns na nithibh sin : ach gabh an aire nach 'eil thu-féin a' gabhail fois' ànnta. Thar leam gu'm bheil fios agad gur diomhanas saoibhreas, onoir agus toil-inntinn na beatha so ; agus gu'm bheil thu 'g an àicheadh mar nithe anns nach faighear fois ; agus is maith dhuit, ma's fhìor sin. Ach is beag d'amharus air meadhonaibh nan gràs. Saoilidh tu nach urrainn thu toil-inntinn ro mhòr a ghabhail ànnta, 'nuair a chì thu a' chuid a's mò de'n t-saoghal 'g an cur suarach, no a' gabhail beag tlachd ànnta. Is maith is aithne dhomh-sa gur còir an gràdhachadh, agus mòr mheas a chur orra, agus cha Chriosduidh am fear leis nach taitniche iad na ni sam-bith eile 's an t-saoghal. Ach an uair a gheibhear sinne (ni a tha ro thric a' tachairt,) toilichte le òrduighean a dh-easbhuidh Dhé leo,

'nuair is feàrr leinn searmoin mhaith na nèamh; agus an uair is ànnsa leinn bâll de'n eaglais a ta bhos na 'n eaglais iomlan a ta shuas; is brònach am mearachd sin. Na gabhadh d'anam sòlas ann an òrduighean, ach amhàin cho fad 's a gheibhear Dia féin ànnta, a' cuimh-neachadh nach iad sin nèamh, ach an ceud thoradh. 'Am feadh a ta sinn aig an tigh 's a' choluinn, tha sinn air choigrich (air falbh) o'n Tighearn'. 2 Cor. 5. 6. Agus am feadh a ta sinn air falbh o'n Tighearn, tha sinn air falbh o'n fhois. Na'n robh Dia cho toileach a bhi air falbh uainn-ne 's a tha sinne 'bhi air falbh uaith-san, agus na'n robh è cho mì-thoilichte a bhi 'n a fhois duinn, 's a tha sinne fois a ghabhail ànn-san, bhitheamaid dealachte uaith agus air ar fàgail gun fhois gu siorruidh. A dh' aon fhocal, faic cho peacach 's a tha è dhuit a bhi mì-thoilichte le do staid air thalamh, agus cho neo-sheasmhach 's a tha do thoil-inntinn ann an Dia féin, agus bitheadh d'ùrnuigh gu tric ri Dia, ag iarraidh air an cionta sin a mhaiteadh dhuit. Os-ceànn gach plàigh eile a ta air an taobh so do ifrinn, feuch gu'n dean thu caithris agus ùrnuigh nach faighear thu gu bràth a' socrachadh do chridhe air ni, no neach sam-bith ach nèamh, no idir a' ghabhail fois' do d' anam ann an ni, no neach air bith eile, ach Dia féin.

III. Is è nis an ath ni a bheirear fainear, an so,— an-toil neo-réusanach an aghaidh bàs 'fhaotuinn. Cha n-àill leinn idir dealachadh ris an fhedil bhochd so, chum seilbh 'fhaotuinn air glidir agus fois nan naomh. Gheibhear sinn a' sìor-stad agus a' deanamh maille, cosmhul ri Lot ann an Sòdom, gus, "air do'n Tighearn a bhi tròcaireach dhuinn," an spion è air falbh sinn an aghaidh ar toile. Aidicheam nach 'eil aìn bàs idir taitneach ann-féin; ach is taitneach fois an anama maille ri Dia, agus is è am bàs an rathad cumanta air an téidear a dh-ionnsuidh na foise sin. Agus a chionn gu'm bheil a' chìis so air a cur suarach le mòran, agus grathail, no mì-thaitneach do na h-uile, feuchaidh mì dhuibh anis nàdur agus leigheas na h-an-toile so, le caochladh argumaid, mar a leanas:—

Tha mòran as-creidimh innte. Na'n creideamaid da rìreadh anis a' ghealladh a tha Dia 'n a fhocal a' toirt

air fois na gldire ; na'n creideamaid da rìreadh gu'm bheil Dia gun teagamh a' ciàllachadh mar tha e-féin ag ràdh ; na'n creideamaid gu'm bheil Dia a' làn-rùnachadh gach gealladh a làn-cho-lionadh, agus gu'm bheil sonas cho mòr, 's a chuala sinn, air 'ullachadh airson nan creidmheach, 'an àit dhuinn a bhi, mar gheibhear sinn anis, mi-thoileach, no fo eagal bàsachadh, gu cìnnteach is ànn a b'fhadha leinn ar beatha, bu bhliadhna leinn gach là, gus an tigeadh ar là mu-dheireadh. An urrainnear idir a ràdh gu'm bheil sinne da rìreadh a' creidsinn gu'n togar suas leis a' bhàs sinn o thruaighean cho mòr, gu glòr cho mòr, agus sinne fathast an-toileach bàs 'fhaotuinn ? Ma's è ar teagamh féin air còir anns a' ghldir sin. is aobhar eagail dhuiinn, tuigeamaid gu'n deanadh fior chreidimh ann an cìnntead agus ann an dirdhearcas na foise so, sinne mi-fhoisneach gus am faiceamaid ar còir oirre air a deanamh soilleir dhuinn. Geda gheibhear mòr chreidimh agus mòr dhiadhachd ann ar bilibh, gidheadh tha fathast mòran mi-chreidimh agus mòran páganachd anns na cridheachan againn, agus is è sin is àrd aobhar do'n an-toil, no do'n eagal a gheibhear annainn a dhol annull tre'n bhàs.

Gheibhear an an-toil so ag éirigh bho fhuarachd redta ar gràidh. Ma's gràdhach leinn ar caraid, is toigh leinn a chuideachd, is toigh leinn a làthaireachd, is duilich leinn uainn è. 'Nuair a thig è h-ugainn, cuiridh sinn fàilt air, agus gabhaidh sinn ris le gàirdeachas 'Nuair a gheibh è bàs, ni sinn caoidh air a shon, agus gu tric caoidh ro mhòr. 'Nuair a dhealaichear neach o charaid gràdhach, dileas, tha sin dhà mar bhàll air a ghearradh o 'chorp. Agus nach bitheadh ar déigh air Dia cho làidir sin, na'n robh fior ghràdh againn dà ? Ni-h-eadh, ach nach bu chòir dhuinn gràdh fada nan cian na's mò na sin a thoirt do Dhia, oir is fior àillidh esan seach gach uile charaid eile ? O gu'n teagaisgeadh an Tighearn sinn gu sealltuinn astigh gu dlùth air ar cridheachan féin, agus gus an aire cheart a thoirt, nach fhaighear sinn 'g ar mealladh féin anns a' chùis so ! Ciod-air-bith a dh-aidicheas sinn, ciod-air-bith a their, no 'chreideas sinn, ma ghràdhcheas sinn athair, màthair, fear-pòsda, bean, leanabh, caraid, saoibhreas,

no ar beatl̄a féin, na's mò na Criod, cha dheisciobuil dhà-san sinn idir fathast. 'Nuair a thig là mòr an dearbhaidh, cha nì idir a' cheist, Co a's mò à shearmon-aich, no cò a's mò a labhair, ach, cò a's mò a ghràdhaich? Cha ghabh Criod searmoinean, no ùrnuighean, no trasgadh, no idir ar maoin a thoirt do na bochdan, no ar cuirp a thoirt gu bhi air an losgadh, 'an àit gràidh. Agus an urrainn gràdh a bhi againn dhà, agus sinn fathast coma cia fad a bhitheas sinn uaith-féin? Nach b' aoibhneach Iacob a' dol a dh-fhaicinn gnùis Iòseiph 's an Eiphit? agus am bi sinne toilichte gun sealladh 'fhaicinn do Chriod ann an glòir, agus sinn ag ràdh gu'm bheil gràdh againn dà? Cha dàna dhomh a ràdh nach 'eil gràdh idir againn dà, 'nuair a gheibhear sinn cho an-toileach a dhol dachaidh gu fois na glòire; ach their mì, na'n robh tuilleadh gràidh againn, bhitheamaid na's toiliche falbh. Na'n robh lasair naomh a' ghràidh air a làn-bheothachadh ann ar broilleach, is toilcach a theireamaid le Daibhidh, "Mar a thogras am fiadh chum nan sruth uisge, mar sin tha m'anam a' togairt a' d' ionnsuidh-sa, a Dhé. Tba tart air m'anam chum Dhé, chum an Dé bhed: c'uin' a thig mi, agus a nochdar mi 'am fianuis Dhé?" *Salm 42. 1, 2.*

Bho'n an-toil so a ta annainn a dhol tre chéum a' bhàis, tha è soilleir nach 'eil sinn ach beag-sgìth de'n pheacadh. Na'm b' è am peacadh olc a's gràineile agus a's mò leinn, cha bhitheamaid toileach fuireach 'n a chuid-eachd cho fada. "O thus' a chridhe pheacaich, amaidich! thusa-féin a b'ait-còmhnuidh, cho fada, do gach ana-mìann neo-ghlan; thusa, tobar a' sìor-thaomadh amach uisgeachan searbh, salach a' pheacaidh, nach 'eil thu fathast sgìth dheth? Anam bhochd! thu féin 'us d'uile bhuaidhean a' crionadh sìos, thu cho doilgheasach, truagh, mäll anns gach gniomh, thu cho luchdaichte leis gach éucoir, agus nach 'eil thu fathast sgìth dhe sin? Am b'aill leat laidhe sìos fathast fo d' eigin, fo do laigse, agus fo d' uireasbhuidh? An d'fhuair thus' ain peacadh 'n a bhuanachd cho tarbhach, 'n a chòmpanach cho féumail, 'n a obair cho taitneach, 'nuair a tha eagal cho mòr ort roimh uair do dhealachaidh ris? Nach ceart a dh-fhaodadh Dia do thoil a dhèdnachadh dhuit, agus, aréir d' iarrtais, d'ait

a shéulachadh dhuit, astar fada uaith-féin, agus do chluasan a thairgneachadh ri dorsaibh sin na truaighe, agus do għlasadh amach gu siorruidh bho fhois na glóire?"

Chithear nach 'eil mothachadh againn air diomhanas a' chréutair, 'nuair is fuathach leinn cluinntinn, no smuaineachadh air an imrich. "Ah! anam amaidich, mhì-shona! Nach 'eil gach prlosanach eile nis ag osnaichi an déigh fuasglaidh? Nach miannach leis gach tràill là saoraidh? Nach miannach gach duine tìnн air slàint? Nach fhada leis gach acrach gus am faigh è biadh? agus, O m' anam, am fuathach leat-sa-féin fuasgladh? Nach iarr an seòladair am fearann 'fhaicinn? Nach larr an tuathanach am foghar, agus an cosnach a phàidheadh? Nach fhada leis an fhear-astair gus an ruig è a dhachaидh? Nach fhada leis an réisear gus an coisinn è an duais, agus leis an t-saighdear gus an coisnear am blàr? agus am faighear thus' amhàin mì-thoileach toradh do shaothair a mhealtuinn, agus crìoch do chreidimh agus d'f hulangais 'fhaicinn 'us 'fhaotuinn? Aín bruadar do bhròn? Ma's eadh, is dona 'thig dhuit eagal a bhi ort dùsgadh. Ach nach éudar aideachadh gur bruadar agus sgleò uile thaitneas an t-saoghal, mur 'eil an saoghal anis air fàs tairis,—air fàs na's caoimhneile na b'âbhaist dà?" Faodaidh sinne, fo chunnart ar n-anamanan, siùn-féin a dheanamh réidh ris an t-saoghal, ach gu bràth cha dean an saoghal e-féin réidh ruinn-ne." O thus' anam neo-airidh! leis am b'fheàrr còmhnuidh a ghabhail ann an tìr an dorchadair agus a dhol air seachran anns an fhàsach thioram, chruaidh, neo-thorach so na bhi ann am fois maille ri Criod! thusa leis am b'fheàrr fantuinn a'measg nam madadh-alluidh, agus fulang gach là fo ghathaibh an scorpioin, na 'dhol a mholadh an Tighearna maille ri armaitibh nèimh!"

Is ceannaire mhòr an droch an-toil so an aghaidh an Tighearna. Nach 'eil i gu soilleir a' dearbhadh gur feàrr leinn an talamh so na Criod, agus na nithe 'ta lät̄air na sonas buan, agus gu'm bheil sinn mar sin a' deanamh fior dhia dhiubh? Na'n rðghnaicheamaid Dia féin mar ar crìoch, ar fois, ar cuibhrionn, ar n-ionmhas, ciamar a b'urr-

ainn sinn a bhi toilichte 'dh-easbhuidh a bhi gu dìrrachd ach ag iarraidh a mhealtuinn? Agus chithear cealgair-eachd anns an an-toil so. Am b'ail leat duine am-bith do chreidsinn, 'nuair a their thu gur è an Tiglicarn fèin d'aon dòchas, agus a labhras tu inu Chriosd mar "na h-uile anns na h-uile," agus air an "lànachd aoibhneis a ta 'n a làthair," agus an déigh sin uile, is feàrr leat a bhi air do shàrachadh fo na buillibh a's goirte 's a' bheatha so, na dealachadh riutha agus a dhol astigh do làthair an Tighearna. Nach 'eil sinn ag àicheadh ar briathran fèin, 'nuair a labhras sinn cho garg an aghaidh an t-saoghal agus na fedla, 's a gheibhear sinn ri osnaich 'us gearan air fulang fo thrioblaidibh goirt a' pheacaidh, agus gidheadh cha n-'eil cùis eagail ànn a's mò leinn na 'n uair sin a bheir fuasgladh dhuinn gu bràth o gach trioblaid?

Nach mòr a' chealgaireachd so! sluagh ag aideachadh a bhi ri spàирn chruaidh, agus a' cogadh airson uèimh, agus iad mì-thoileach a dhol do nèamh: ag ùrnuigh là an déigh là, 's ag iarraidh beannachd nach àill leinn a ghabhail! Is éucoir a' mhì-thoil so an aghaidh an Tighearna agus a gheallaidhean, a' maslachadh a shlighean ann an sùilibh an t-saoghal. 'Nuair a chì sluagh an t-saoghal sinne cho mì-thoileach a dhol gu fois na glòire, nach 'eil ar giùlain 'g am brosnachadh gu teagamh a chur ann am focal 's ann an gealladh Dhé? Nach abair iad, Am bheil glòir ànn cho mòr 's a tha an Sgriobtuir ag ainmeachadh? 'Nuair a chì iad sinne cho mì-thoileach dealachadh ris na nithibh a ta làthair,—sinne a dh'aidich a bhi bed tre chreidimh,—sinne a bha gu tric a' deanamh uaill ás ar dòchas ri fois ann an saoghal eile—sinne a bha cho tric ag innseadh do mhuinntir eile gur suarach na h-uile nithe a ta bhos ann an coimeas ris na nithibh maireannach a ta shuas,—fathast mì-thoileach a dhol suas a mhealtuinn nan nithe sin; nach teannaich an droch eisampleir so gu mòr sluagh an t-saoghal 'n an as-creidimh agus 'n am fedlmhorachd! "Gu cùnnteach," their iad, "na'n robh dùil aig an luchd-aideachaидh sin ri glòir cho mòr, na'n robh an saoghal cho suarach leo 's tha iad ag ràdh, cha bhitheadh iad-féin cho mì-thoileach a dhol imrich ás."

O cia mòr an éuccoir so an aghaidh Dhé agus anamanan ! ciamar a fhreagras sinn air a son ? Nach bu mhòr an onoir do Dhia, nach bu mhòr an neart do na creidmhich, agus nach bu mhòr an dearbhadh 's an teagasg do as-creidmhich, na'n deanadh Criosduidhean aréir an aideachaidh anns a' chùis so : na'm fàilticheadh iad an teachdair gu suilbhír, 'nuair a thigear 'g an gairm dhachaidh gu fois na glòire.

Tha è soilleir o'n mhi-thoil so gur beag féum a rinn sinn de'n àin mhòdir a chaith sinn air an talamh. Nach d'fhuair sinn uile làithean ar beatha chum siun-féin ullachadh gu bàsachadb ?.cbo liuthad bliadhna gu sinn-féin a dheanamh ullamh airson aon uair, agus am bheil sinn fathast cho mì-ullamh 'us cho mì-thoileach ? Ciod a bha sinn a' deanamh ? Carson a dh'fhàgadh cho fada beò sin ? An robh gnothach a b'fheàrr na so againn ri chuimhneachadh ? Am b' àill leinn rabhadh 'fhaotuinn na bu trice ? Nach tric a chunnaic sinn am bàs a' gairm air ar coimhlearsnaich ? Nach tric a bhual e aig ar dorus féin ! Nach iomadh éucail a chiùrr ar cuirp, ionnus gn'm b'éigin duinn eisdeachd ri "binn a' bhàis !" Agus am bi sinn mì-ullamh agus mì-thoileach an déigh sin uile ? O nach mi-chùramach, marbh-chridheach na peacaich sinne, crétairean mi-dhileas, neo-airidh a' dearmad nan iomadh rabhadh a thugadh dhuinn le Dia, agus a' brath ar n-anamanan féin !

Cuimhnich, mur bàsaicbear, cha ruigear air sonas gu bràth. B'è am bàs a sheachnadh, àrd shonas a chàll, mur togadh Dia suas sinn, mar thog è Enoch agus Eliah, ni nach d'rinn è riamh roimh sin, no 'n a dhéigh, ri neach air-bith eile. "Ma's anns a' bheatha so amhàin a tha dòchas againn, is sinn a's truaighe de na h-uile dhaoinibh." 1 Cor. 15. 19. Mur b' àill leat bàsachadh agusa dhol do nèamh, ciod tuileadh a b' àill leat seach gedcair, no brùid ? Carson a gheibhear sinn ri ùrnuigh, agus ri trasgadh agus ri caoidh ? Carson a tha sinn a' fulang tàire bho'n t-saoghal ? Carson is Criosduidhean, agus nach Pàganach agus as-creidmhich sinn ; mur 'eil sinn ag iarraidh na beatha ri teachd ? Anis, a Chriosduidh, am b' àill leat do chreidimh agus do shaothair, toradh do dhleasanais agus d'fhlolangais, uile chròch dc

bheatha, agus slàint tre fluil Chriosd, a chàll, agus a bhi toilichte le cuibhrionn splocaire, no brùid? Gu-ma feàrr leat a ràdh, mar thuirt aon àraid air a leabaidh-bhàis, an déigh do neach fhaighneach dheth, co dhiubh a bha, no nach robh è mì-thoileach bàsachadh, "An urrainn," ars' e-féin, "neach a tha toileach a bhi maille ri Criod, a bhi mì-thoileach bàsachadh!"

Nach 'eil Dia toileach sinne 'ghlòrachadh leis a' bhàs, agus carson a gheibhear sinn cho mì-thoileach bàsachadh, a chum a bhi air ar glòrachadh? Shaoilinn, na'm bitheadh prionnsa toileach oighre 'dheanamh dhìot air-féin, gur gānn a dhiùltadh tus' an onoir sin. Bu mhi-thàingeil, neo-airidh neach a dhiùltadh caoimhneas cho mòr. Is teànn a buineas Dia ris a' mhuinntir a bhitheas a' gabhail leisgeulan, 'nuair bu chòir dhoibh teachd a dh-ionnsuidh Chriosd: tha è nis a' labhairt 'n an aghaidh, mar so, "Cha bhlais aon de na daoinibh ud a fhuair cuireadh, de m' shuipeir-sa." *Lùc.* 14. 24. Dìreach mar sin, matà, buinidh è ruinn-ne, ma gheibhear sinn a' deilbh leisgeulan, 'nuair bu chòir dhuinn a dhol gu toileach a chum fois na glòire.

Bu toileach an Tighearn Iosa teachd anuas o nèamh a dh-ionnsuidh na talmhainn air ar son-ne, agus am bi sinne mì-thoileach a dhol imrich o'n talamh gu nèamh, air ar son-féin agus air a shon-san? Dh-fhaodadh è 'ràdh, "Ciod è sin dhomh-sa, ma dh-fhuiligeas na peacaich sin? Ma's luachmhoire leo am feòil na 'n anamanan féin, agus an ana-mìannan féin na gràdh in' Athar-sa; ma reiceas iad an anamanan air neo-ni, cò is còir an càll sin 'f hulang? An è Mise, air an d'rinn iad éucoil? Am faod iad d'an deòn mo lagh a bhriseadh, agus am féum mis' am pìan, a thoill iad, 'f hulang? An éudar dhomh teachd anuas o nèamh a dh-ionnsuidh na talmhainn agus mi-féin éideadh le fedil an duine, gu bhi air mo chur fo smugaidean 'us fo mhagadh dhaoine, gu trasgadh agus guil a dheanamh, agus gu fallas tròm a shileadh, agus gu m' fhuil a dhòrtadh agus gu bàs inallaichte 'f hulang; agus sin uile airson dhurrágan truagh leis am b'fheàrr an anamanan féin a chur fo cunnart, na aon ghreim toirmisgte àicheadh dhoibh-féin? An tilg iadsan air falbh iad-féin cho suarach, 'us mise

'g an saoradh le luach cho daor?" Mar so chithear gu'n robh cion-fàth mòr aig Criod a bhi mì-thoileach teachd 'g ar saoradh, ach gidheadh thàinig è gu toileach, deònach. Ach cha n'-eil réusan air-bith ànn gu sinne 'chumail o theachd a dh-ionnsuidh Chriosd, mur labhair sinn an aghaidh ar dòchais, ag iarraidh fantuinn gu bràth ann ar dosgainnibh féin. Thàinig Criod anuas a chum sinne 'thogail suas. Agus am b'àill leinn Criod 'fhuil a dhòrtadh, saothair cho mòr a dheanamh air ar son, agus falbh arist, gun sinn-féin a dhol maille ris idir. An do cheannaich è fois dhuinn le éirig cho luachmhòr? Am bheil oighreachd 'air a ceannach dhuinn le fuil Chriosd?' Agus am bheil sinne, an déigh sin uile, mì-thoileach a dhol astigh do'n oighreachd againn-féin? Ah! a dhaoine, is ann aig Criod 'us cha n-ànn idir againn-ne, a bha cion-fàth a bhi mì-thoileach. O gu'n deanadh an Tighearn ar mì-thoil a mhaiteadh dhuinn, agus a' mhi-thàingealachd so a shlànachadh, a' gearradh uainn gach smuain nach 'eil aréir a thoile féin.

Nach 'eil sinn a' cuideachadh le droch innleachdan nan naimhdean a's miosa agus a's an-iochdmhoire a ta againn, 'nuair a gheibhear sinn mì-thoileach siubhal, agus a dhol do nèamh? Ciod i obair au diabhuil gach là? Dìreach ar n-anamanan a chumail o Dhia. Agus am bi sinne toilichte le sin? Nach 'eil sinn ag iarraidh leth na h-ifrinn dhuinn-féin, am feadh a gheibhear sinn ag iarraidh a bhi air falbh o nèamh? Nach taitneach an spòrs so le Sàtan, a Chriosduidh, do nhìann-sa agus a mhiann féin a bhi nis a' còrdadh anns a' chuis so? 'Nuair a chì è nach urrainn è do mhealladh sìos leis gu ifrinn, is maith leis gur urrainn è do chumail cho fad amach á nèamh, agus a thoirt ort-féin a bhi gu dùrachadh ag iarraidh sin! Ho! na toilich idir an diabhlul, a' deanamh croin cho mòr ort-féin! Nach 'eil eagal a' bhàis gach là anshocrach dhuinn, 's a' sìor-phìanadh ar beatha, 'nuair bu chòir dhuinn a bhi làn aoibhneis, 's a' meòrachadh air a' bheatha bheannaichte ri teachd; gach là 'us uair air air beothachadh suas le smuaintibh milis, sòlasach air sonas sìorruidh na glòire? Ach is ànn a gheibhear sinne gu ro thric air ar crathadh, air

ar gluasad, no air ar buaireadh le droch eagalaibh gun aobhar ! Mar sin, a' milleadh ar sòlais féin, 's a' réubadh ás a chéile nan toil-inntinn a's àirde luach, 'Nuair a dhì-fhaodamaid laidhe sìos, éirigh suas agus gluasad mu-n-cuairt le cridheachan air an sàr-lionadh le aoibhneas ann an Dia, is ãnn a gheibhear sinn an còmhnuidh air ar lionadh le grath 'us uamhas. An tì air am bheil eagal a' bhàis, bithidh eagal air a ghnàth; a chionn gu'm bheil aobhar aige do ghnàth, dùil a bhi aige ris a' bhàs. Agus cionnus is urrainn beatha an duine sin a bhi sòlasach, a tha beò fo eagal gun sgur, gu'n càill è gach sòlas 'us taitneas ?

Cò ás a tha eagal a' bhàis ? nach sinn-féin a chruthaich è ? nach è am fulangas so ar deanadas féin ? Mar nach bu leòr leinn gach cronachadh a thug Dia dhuinn a chum ar maith, féumaidh sinne sinn-féin a shàrachadh a chum ar cron. Nach 'eil am bàs searbh gu leòr dheth-féin, ged nach deanadh sinne a shearbhachd dùbailt, no trì-fillte ? Tha na trioblaidean a leigear òirnn le Dia, gu léir a' treòrachadh gu buil mhaith. Tha iad 'g ar toirt o thrioblaid gu foighidin, o sin gu dearbhadh, agus arist gu dòchas, agus fa dheòigh gu glòir. Ach tha na trioblaidean, a bheir sinn òirnn-féin, a' sìor-iadhadh umainn, 'g ar sìor-chuairteachadh, agus sinn-féin a' dol o pheacadh gu trioblaid, o thrioblaid gu peacadh, agus o thruaighe gu truaighe gun stad. Cha n-è sin uile, ach fàsaidh iad mòr, lionmhor 'n an céum. Is mò gu tric gach peacadh ùr na 'm peacadh a rinneadh roimhe, agus mar sin meudaichidh trioblaid òirnn : ionnus, mar abair sinn gu'n d'rinn Dia pianadairean dhuinn-féin dhìnn, gur beag ar féum air a bhi cho tric ag altrum eagal a' bhàis.

Ach nach beag is fhìach, agus nach neo-tharbhach an t-eagal so ? 'Cha n-urrainn ar cùram uile aon fhuiltein a dheanamh geal no dubh,' no "aon làmh-choille a chur ri ar n-àirde féin." Agus cha mhò is urrainn eagal ar trioblaidean a bhacadh, no idir uair ar bàis a chur aon mhionaid na's fhaide uainn ; oir toileach, no mi-thoileach sinn, féumar falbh. Is tric a gheibhear eagal a' greasad muinntir a dh-ionnsuidh a' bhàis, ach cha chualas riamh gu'n robh bàs duine sam-

bith air a chasgadh le eagal. Gu cinn teach is maith dhuinn eagal glic, cùramach a bhi dirnn ás a' chunnart a ta an déigh a' bhàis. Bu tarbhach an t-eagal so do mhòran, agus tha è anabarrach féumail a chum sluagh a chumail amach ás a' chunnart sin a tha air taobh thàll a' bhàis; ach is neo-tharbhach, peacach eagal a bhi air aon de oighreachan Chriosd a dhol astigh d'a oighreachd fein. Nach 'eil eagal a' bhàis a' ribeadh ar n-anamanan, 's ag àrach iomadh buairidh? Ciod a thug air Peadar a Thighearn àicheadh? Ciod a bheir air luchd-claonaidh an fhìrinn a thréigsinn air am aibh dearbhaidh, no fulangais? Carson a sheargas duilleag ghòrm agus bhog a' chreidimh neo-fhreumhaichte fo theas na géur-leanmhuinn? Is olc eagal priosain, is olc eagal bochduinn, ach is è eagal a' bhàis a's mòsa gu mòr. Mar is mò d'eagal ás a' bhàis, is ànn gu tric is mò do ghealtachd agus do neo-dhìlseachd ann an seirbhis Dhé. Is è am peacadh so, anns am bheil sinn ciontach cho tric, an tòll dorch, truaillidh sin anns am bheileas a' deilbh innleachdan lìonmhòr an as-creidimh, gearan air riaghladh glic Dhé, agus droch smuaintean mu oibríbh a fhreasdail.

Smuainich air an dùin fhada, chubhaidh, chuimsich a fhuair mòran dhìnn air thalamh. Ma's àill le duine siubhal idir, carson a bhithheadh è mì-thoileach a dhol imrich gu fois na glòire, aig aois dheich bliadhna fichead, no aig dà fhichead, ma chì Dia iomchuidh a ghairm, cho deònach 's a rachadh è aig trì fichead 's a deich, no aig ceithir fichead? Cha dean dùin fhada truaillid beachd a cheànnnsachadh. Cha shearg agus cha chròn ì gu bràth le aois. Mur faigh sinn tuille gràis maille ri làithean fada, is ànn a bhitheas sinn, aréir nàduir, a' fas na's miosa.

"O m'anam siubhail 'an sìth! Mur b'àill leat saoibhreas 'us onoir gun tomhas, na iarr dùin ro fhada air thalamh. O m'anam! na'n tuigeadh tu cho neo-airidh 's a tha thu air aon uair de'n fhoighidin sin a ghiùlain leat cho fada. theireadh tu, Is mòr mo thìn. Nach 'eil crioch do làitheau air a suidheachadh le gliocas Dhé? Cuiridh Dia onoir air-fèin le caochladh duine agus le iomadh linn, agus cha n-ànn le aon duine

no aon linn. Air dhuit-sa d'obair féin a dheanamh, agus do réis òrduichte féin a ruith, gluais dhachaidh gu toilichte, agus lionadh muinntir eile d'ait, gach aon diubh a' dol'sa' tighinn 'n a char féin, cho maith riut-sa. Is lionmhòr dleasanais a tha aig làithean fada. Iarr thusa, matà, gràs a chum féum na's feàrr a dheanamh dhe d'aimsir, agus bi toilichte le àireamh do làithean.

"O m'anam! agad-sa bha tomhas freagarrach de shòlasaibh na beatha so. Dh-fhaodadh Dia do bheatha 'dheanamh truagh, tròm dhuit; dh-fhaodadh a sgòs agns a h-uallach a bhi air an deanamh cho mì-thaitneach dhuit 's a tha d'eagal anis dealachadh rithe. Dh-fhaodadh è 'cheadachadh dhnit do làithean a chaitheamh ann an dorchadas an aineolais gun eòlas teàrnaidh air Criod: ach faic mar dh'fhosgail è do shùilean air maduinn do làithean, a' teagasg eòlaisth eile gu tric air obair do bheatha. An do thilg d'Athair nèamhaidh do chrannchur anns an Roinn-Eòrpa, agns cha n-ànn 's an Asia, no ann an Africa; ann an America, no ann an Sasunn, agus cha n-ànn 's an Spàinn, no 's an Eudailt? Nach do liòn è d'uile bheatha le tròcairibh priseil, agus am beag leat anis do chuibhrionn? Smuainich, nach iomadh uair shòlasach, nach iomadh sàbaid thaitneach, léughadh Inachmhòr, còmpanach dileas, furtachd iongantach, fàth-chothrom òirdheirc, obair tharbhach, sgéul aoibhneach, fiosrachadh milis agus freasdal miorbhualeach a shealbhaich do bheatha! An robh do bheatha cho milis dhuit as nach àill leat' dealachadh rithe? An è sin do thàing do 'n Tì sin a tha, mar sin, ag iarraidh do thoirt a dh-ionnsuidh na 'mìseachd a thaisg e-féin suas dhuit? O thus' anam amaidich! b'fheàrr gu'n robh thu cho sànnntach an déigh na sìorruidheachd 's a tha thu an déigh na beatha sin a tha gach uair a' seargadh agus a' crionadh ás. B'fheàrr gu'n robh thu cho déigheil air gnùis Dhia ann an glòir 's a tha thu air còmhnuidh air thalamh! Na'n robh, ghlaodhadh tu, 'Carson a ta 'charbad co fhad a' teachd? c'arson a ta rothan a charbaid a' deanamh moille?' Cia fhad, a Thighearna! cia fhad!

"Ciod, na'n ceadaicheadh Dia dhuit a bhi beò mòran bhliadhna chan air talamh, ach na tròcairean, a bha ag-

ad roimhe, àicheadh dhuit? Nach fhaodadh è beatha 'thabbairt duit, mar thug è na gearra-goirt do na h-Israelich ghearanach? Dh-fhaodadh è beatha 'thabbairt duit gus am bitheadh tu sgìth dhì, agus cho tilichte dealachadh rithe 's a bha Iùdas, no Ahitophel; agus gus am fàgaidh i thu cosmhul ri iomadh crèutair truagh 's an t-saoghal, a's gànn is urrainn iad-féin a chumail o làmh-mharbhaidh a chur 'n am beatha féin Na bì-sa, matà, ag iarraidh làithean cho fada, air eagal gu'm faod iad a bhi 'n am mallachd 'us cha n-ànn idir 'n am beannachd dhuit.

"O m'anam! nach lòn mhòr seirbhiseach luachmhòr le Dia, ás gach linn agus àit, a chaidh dhachaидh romhad! Cha n-ànn idir air rathad neo-choisichte 'tha thus' a' dol. Cha tus' idir an ceud neach a chaidh nùll air an t-sligh so. Cò de na naoimh, ach Enoch agus Eliah, nach deachaidh tre chéum a' bhàis? Agus am feàrr thusa na iadsan? Is iomadh ceud mìle de na naoimh a fhuair bàs, seach na tha an diugh air an talamh dhiubh. Nach mòr an àireamh dhe do chàir-dean gràdhach féin, agus dhe do chòmpanaich ann an dleasanas, a dh'fhalbh, agus carson a bhithheadh tusa cho mì-thoileach an leantuinn? Ni-h-eadh, ach nach deachaidh Criod fèin air an t-sligh so? Nach d'rinn è, le 'chòrp fein, an uaigh socrach, agus an dus cùbh-raidh dhuinn, agus am bheil thusa in-ithoileach Criod a leantuinn cuideachd? Gu-ma feàrr leat a ràdh le Tómas 'Rachamaid-ne mar an ceudna, chum gu'm faigh sinn bàs maille ris'."

Mur leòr na chaidh a ràdh gu muinntir a dheanamòréidh ri imrich a' bhais, is beag a ni Sgriobtuir no réusan. Labhair mì gu pait air a' chùis so, a chionn gu'n d'fhuair mì sin féumail dhomh-féin agus do mhuinntir eile; agus a chionn gu'm faca mì mòran Chriosduidhean a b'urrainn mòran a dheanamh, agus mòran 'fhlang airson Criod, achi is beag dhiubh sin a b'urrainn am bàs 'fhlang gu toileach; agus àireamh lionmhòr eile, geda thug iad, ann am páirt, buaidh air truaillidheachd an nàduir, is ro bheag dhiubh a fhuair buaidh air an an-toil so. Cha n-eil mì idir ag iarraidh air sluagh mi-dhiadhaidh, no air na h-aingidh.

engal a' bhàis a chur uatha : is ànn is iongantach, gu dearbh, nach 'eil tuilleadh orra dheth. Is iongantach nach 'eil iad an còmhnuidh fo chrith eagal ás a' bhas. 'Tuilleadh teannachaидh dhoibh-san fo'n eagal so, gu s an tig iad a dh-ionnsuidh Chriosd a sgapas air falbh gach eagal, mar a sgapas a' ghaoth am mòll.

CAIBDEIL XI.

*Mòr luach Caithe-beatha Nèamhaidh a choimhead,
no àiteachadh air thalamh.*

Am bheil fois cho glòrmhor air a fàgail dhuinn ? Carson matà, nach 'eil sinn a' smuaineachadh oirre na's trice ? Carson nach 'eil ar cridheachan suidhicht' oirre an còmhnuidh ? Carson nach 'eil ar cridheachan a' tuineachadh air an fhois so, agus a' meòrachadh oirre gu seasmhach ? Ciod idir is aobhar do'n dearmad so ? Am hheil sinn réusantach anns a' chùis so ? Freagair a' cheist. Dh'ullaich an Dia sìorruidh glòir cho mòr dhuinn, agus gheall è sinn-féin a' thogail suas a chum còmhnuidh a ghabhail maille ris-féin, agus nach fhiach sin smuaineachadh air ? Nach bu choir do mhìann ar cridheachan a bhi 'plosgartaich an déigh na foise so ? Am bheil sinn a' creidsinn so, agus sinn fathast 'g a dhì-chuimhneachadh agus 'g a dhearmad ? Mur ceadaich Dia dhuinn teachd dlùth do'n t-solus so, ciod a thathas a' ciallachadh leis gach cuireadh dùrachdach a tha e-féin a' tabhairt dhuinn ? Carson a tha è cho tric a' diteadh talmhaidheachd ar n-inntinn, agus ag àithneadh dhuinn ar cridheachan a shocrachadh air na nithibh a ta shuas ? Ah ! cridheachan truaillidh ! Na'n robh fois nèimh air a toirmearasg dhuinn le Dia, is ànn bu dòcha sinn a h-iarraidh, ach cha għluais ar cridheachan aon òirleach d'a h-ionnsuidh, 'nuair a tha Dia ag àithneadh dhoibh éirigh suas gu nèamh. Cosinhuil ri ar sìnnsearaibh peacach, na h-Israelich, nach gluaiseadh céum, ach a dh'éirich ann an ceannairec, 'nuair a dh'òrduich Dia dhoibh gluasad a dh-ionnsuidh tir Chanàain ; ach cho luath 's a thoirmisg è dhoibh a

dhol air an aghaidh, thog iad orra gu falbh gun dàil. Mar a's trice 'their Dia "Na gràdhaichibh an saoghal, no na nithe a tha 's an t-saoghal," is ànn a's teotha dh-fhàsas ar gràdh do'n t-saoghal. Nach saor, tric a gheibhear sinn a' smuaineachadh air ar taitneasaibh, air ar cairdean, air oibríbh, air an fheòil 's a h-anainnnaibh, scadh air éucoiribh 'us truaighean, air eagalan 'us trioblaidean! Ach càit air thalamh am faighear Criosduidh aig am bheil a chridhe län-shuidhichte air an fhois nèamhaidh? Dè so? Am bheil sinn cho län aoibhneis, agus gun fhéum air tuilleadh? Nach 'eil dad idir air nèamh gu sinne 'dheanamh aoibhneach? Ach nach ànn againn a tha na cridheachan feòlmhor, tròm, dàll. Islicheamaid na cridheachan feòlmhor sin anns am bheil cho beag sùim mu Chriosd, agus mu ghlòir. Mur labhramaid air ni sam-bith cile, ach air nithibh an t-saoghal so, mheasadh na h-uile sinn mi-dhiadhaidh; carson, matà, nach meas sinn ar cridheachan féin mi-dhiadhaidh, 'us cho beag tlachd aca ann an Criosd agus ann an nèamh?

Ach is ànn anfhain riutha-san aig am bheil an cuibhrionn air nèamh a thatar a' labhairt an so,—riutha-san aig am bheil an dòchas an sin, agus a thréig na h-uile nithe airson na glòire so: agus am bi sgàth òrm a chomhairleachadh dhoibh-san inutinn nèamhaidb àiteachadh air thalamh? Mo chomh-Chriosduidhean, mur éisd. mur géill, mur creid sibhse, cò eile a nì è? Is maith a dh-fhaodas sinn gearan a dheanamh nach éisd an saoghal ain-diadhaidh, dàll ri earail dileis, agus a ràdh, mar thuirt Maois, "L'euch, cha d'éisd clann Israeil rium; cionnus ma tà 'dh'éisdeas l'haraoh riumsa?" Ach, a léughadair, comhairlicheam dhuit, ma tha dòchas agad ri cuid anns a' ghlòir so, do chridhe féin a ghairm anis gu cùnitas. Cronaich è gu sgaiteach airson a dhearmaid air Dia. Tog suas do smuaintean de gach diomhanas. Lùbadh d'anam agus smuainicheadh è-air siorruidheachd. Dean saothair chabhagach airson na beatha ri teachd. Cleachd thu-féin ri meòrachadh spioradail. Na biodh do smuaintean air na nithibh so, ainmig, no éutrom. Fairc d'anam ann an sòlasaibh nèimh. Ma gheibh thu d'anam mì-thoileach, ceànu-

saich è. Ma thòisicheas è ri fannachadh, beothaich è. Ma thòisicheas do smuaintean nèamhaidh ri sgaoileadh, cruinnich astigh iad; cum air an obair iad, agus na ceadaich dhoibh, air chor sam-bith, a bhi rag, leisg, no dearmadach. Agus an déigh dhuit, ann an ùmh-lachd do Dhia, oidhrip a thoirt air an obair mbaith so, agus fàs eòlach oirre, dean faire air do smuaintibh, gus an ionnsuich iad géilleadh: an sin gheibh thu thuféin fagus do nèamh, agus blaisidh tu air a' mhilseachd a ta ann an oibríbh agus ann an slighibh Dhé, agus tuigidh tu gur beatha aoibhneach, beatha dhiadhaidh. Gheibh thu an sòlas pailt sin a bha d'ùrnuigh, do phlosgartaich agus d'osnaich ag iarraidh—sòlas nach 'eil mòran Chriosduidhean a' faotuinn anns a' bheatha so, do bhrigh nach aithne dhoibh an rathad ceart d'a ionnsuidh, no ma's aithue, cha n-fhaighear iad gu dileas. dùrachdach a' gluasad ànn le'n uile chride. Na abair idir, "Cha n-urrainn sinne ar cridheachan a shocradh air nèamh; is è sin obair Dhé fén." Gun teagamh, is è Dia àrd fhear-riaghlaidh a' chridhe, ach cuimlinich, is tu-fén an ath fhear-riaghlaidh fo Dhia air do chridhe fén. Ged 'nach urrainn sinne ni sam-bith a dheanamli ás éugmhais Chriosd,' gidheadh fo làimh Chriosd, faodaidh tu an obair mhòr so a dheanamh, agus féumaidh tu a deanamh, mur dean, bithidh tu-fén agus do shaothair cǎillte, an lorg do dhearmaid. Anis, a Chriosduidhean, na'n robh bhur n-anamanan bed-dhùrachdach, slàinteach, neartmhor, gheibheadh iad taitneas agus milseachd ann an smuaintibh aoibhneach a' chridimh air an t-sonas ri teachd, mòran, mòran na's mò na gheibh an stamag a's fallaine cǎil anns a' bhiadh a's milse blàs, no ann an cuspair tìmeil air-bith a's urrainnear a mhealtruinn: agus thuigeadh sibh cho sòlasach, socrach,priseil 's a tha an obair bheannaichte so.

Tha fios agam gur ro ghànn ar togradh a dh-ionnsuidh an dleasanais so, fhad 's a bhitheas sinn air ar cuairteachadh leis an fheòil, agus le fuighleach na h-inntinne feòlmhoire sin a ta 'n a naimhdeas an aghaidh Dhé, agus an aghaidh na h-oibre so, agus air an aobhar sin, cuiridh mì sìos an so cùisean smuaineachaidh a bhitheas gun teagamh fior luachmhor agus éifeachdach do

Chriosduidhean, agus a ghluaiseas iad gu tòiseachadh air an dleasanais dìrdheire so, ma dh-éisdeas agus ma ghabhas iad riutha gu cùramach, 'g an tuigsinn aréir an luach. Smuainich gu h-àraig matà :—

Dearbhaidh an obair so dìlseachd do dhiadhachd,—
Is i dìrdhearcas a's àirdc ann an nàdur a' Chriosduidh,
—Is i an dòigh a's feàrr gu bhi bed gu toilichte,—Is i dion a's feàrr a ghleidheas tu bho bhuaireadh a' pheacaidh,—Beothaichidh i do ghràs agus do dhleasanais,—
Is i deoch-ùrachaидh a's feàrr anns gach trioblaid,—
Fàgaidh i thu tarbhach do mhuinntir eile,—Cuiridh i onoir air Dia ;—A dh-easbhuidh na h-oibre so diùltaidh tu ùmhachd a thoirt do àithntibh Dhé, agus caillidh tu solus fior ghràsmhor agus fior shòlasach an fhocail,—
Is i d'obair a's réusantaiche chum do 'chridhe 'shocrachadh air Dia, mar tha a chridhe-féin cho mòr ort-sa,—
agus air nèamh far am bheil còir 'us dàimh cho mòr agad ;
A bhàrr air sin, cha n'-eil nì sam-bith eile ànn, ach nèamh,
air an fhìach dhuit do chridhe bochd a shocrachadh.

1. Smuainich, ma tha do chridhe suidhichte air nèamh, cha n-urrainn thu dearbhadh na's feàrr na sin 'fhaotuinn air ionracas do chreidimh, no foillseachadh na's soilleire air fior obair nan gràs a bhi nis a' teàrnadh d'anama. Is tric a dh-fhaighnicheas tu, "Cionnus a dh-aithnicheas mì, am bheil mì air mo naomhachadh gu fior ?" So dhuit comharradh neo-mhearachdach o bhéul Chriosd féin : " Ge b'e àit am bheil bhur n-ionmhas, is ann an sin a bhios bhur cridhe mar an ceudna " Mata 6. 21. Is è Dia ionmhas agus sonas nan naomh ; nèamh an t-àit anns an dean iad a lànmhealtuinn. Air an aobhar sin, is è 'n cridhe a ta suidhichte, air nèamh, an cridhe sin a ta suidhichte air Dia : agus ciod an dearbhadh a's cìnntiche do'n chridhe air gràs teàrnaidh, na e-féin a bhi cheana suidhichte air Dia tre Chriosd ? 'Nuair nach urrainn ionnsuchadh, no eòlas air do dhleasanais, no argumaid do theanga, no idir obair do làmh, a chùis so a dhearbhadh dhuit, dearbhaidh staid do chridhe dhuit i. Gabh Chriosduidh bochd aig am bheil tuigse lag, cuimhne lag agus teangaidh mhànnach, gidheadh ma tha a chridhe suidhichte air Dia, ghabh è ris mar a chuibhrionn, agus

bithidh a smuaintean air nèamh, agus iarraidh è 'dh-ionnsuidh an àite sin, ag ràdh "O nach robh mis' an sin!" Is priosan leis gach là gus am faigh è sealladh ùrachaидh de'n t-sìorruidheachd. B'fheàrr leam bàs 'fhaotuinn ann an cor an duine sin, na ann an cor duine a ta glé ainmeil, barraichte do thaobh ghibhteán 'us ghniomhran, mur robh a chridhe snidhichte air Dia. Is è an duine aig nach bi am fonn cridhe so, am fear a ghlacar 's a dhìtear le Criosd air an là dhei'reannach, a chionn nach 'eil "trusgan na bàinnse uime." Cha n-i idir a' cheist air an là sin, Cia uiread 's a b'aithne dhuit, a dh'aidich, no labhair thu? ach ciod an gràdh a thug thu, agus cait an robh do chridhe? Anis, a Chriosduidh, ma's maith leat dearbhadh a bhi agad air do chòir air glòir, saothraich a chum do chridhe 'chumail shuas. Mur cum am peacadh agus Sàtan d'aignidhean de na nithibh glòrmhor a ta shuas, cha n-urrainn iad gu bràth do phearsa 'chumail uatha.

2. Is è cridhe nèamhaidh, òirdhearcas a's àirde ann an nàdur a' Chriosduidh. Tha òirdhearcas cumanta ann an Criosduidhean a ta 'g an àrdachadh os-ceànn an t-saoghal, ach is onoir àraig so leis am bheil a' chuid a's òirdheirce dhiubh air an àrdachadh os-ceànn na cuid eile. Tha aghaidhean nan crètairean a's inbheile ri nèamh, mar sin, tha cridheachan nan Criosduidhean a's inbheile spiorad air an sìneadh na's dìrche suas ri nèamh. Faic an cridhe nèamhaidh, naomh an déigh a thogail suas, le meòrachadh aoibhneach, a dh-ionnsuidh Dhé, thig è nuas arìst le län shealladh de Criosd, agus le àrd eòlas air àitibh na glòire! Nach naomh, àrd a labhairt! Is leòr è gu dhearbhadh air gach neach a dh-éisdeas 's a thuigeas, gu'm fac' è an Tighearn, agus nach b'urrainn duine sam-bith briathran cho nèamhaidh a labhairt, mur bitheadh è maille ri Dia. So, so an Criosduidh inbheil. Is ainmeil le daoinibh a' bhèinn 's a' chraobh a's àirde ceànn agus a's faisg' air na spéuraibh, agus is è 'n Criosduidh a's ròghnaiche le Dia, am fear sin aig am bheil a chridhe gu tric, taitneach a' dìreadh àrd gu nèamh. Ma bha neach a' gabhall còmhnuidh fagus do'n rìgh, no ma chunnaic è Sultan I'hersia, no rìgh nan Turcach, theirear gu'm bheil è

céum na's àirde na sluagh eile nach d'fhuair an onoir sin. Ciod a theirear, matà, ris an fhear a choisicheas gach là gu nèamh, agus a chì Rìgh nan rìgh an sin, a' dol astigh gu tric an làthair Dhé, agus a' sàsachadh anam' air "craoibh na beatha?" Aréir mo bheachd féin, tha'n duine sin fad air thoiseach, ann an onoir, air na daoinibh a's mò saoibhreas, urram 'us ionnsuchadh 's an t-saoghal.

3. Is i inntinn nèamhaidh céum a's cìnntiche agus a's faisge 'bheir sinn air beatha shòlasaich, thoilichte. Is fuar, reòta na dùchan a's fhaide gu tuath, a chìonn gu'm bheil iad astar fada bho theas na gréine. Carson a gheibhear Crioduidhean cho fuar, cho reòta, cho mi-shòlasach, ach iad a bhi beò astar cho fada bho néamh? Agus ciod a tha 'deanamh cuid diubh cho blàth, cho toilichte, cho sòlasach, ach iad a bhi na's àirde agus na's fhaisg' air Dia. 'Nuair a thig a' ghrìan fagus duinn 's an earrach, faic mar dh-fhàilticheas gach nì a teachd! Fàsaidh an talamh gorm, cuiridh na craobhan amach am blàth, ath-bheothaichidh na luibhean, seinnidh na h-eòin, agus bithidh fiàmh ghàire air gach nì. Anis na'n caitheamaid ar beatha maille ri Dia, a' sior-chumail ar cridheachan air na nithibh a ta shuas, is ann againn a bhitheadh an t-earrach aoibhneis 's an taobh-stigh dhùnn! Cha b' fhada gus am falbhadh geamhradh searbh ar bròin! Is moch a dh-éireamaid a mholadh a' Chruaidheir ghlòrmhoir! O Chriosduidh, faigh suas. Sin an t-àit anns am faighear co-chomunn blàth ri Dia. Is milis, blàth an co-chomunn so leis gach neach a bha shuas! Creideam gu'n do bhlais thu-féin air an t-sòlas so air uairibh. Cuin bu mò do shòlas? Nach ànn an uair a bha thu gu h-iriosal a' còmhradh ri Dia agus a' labhairt ri luchd-aiteachaidh an t-saoghal a's àirde, agus a' beachdachadh air an àitibh-còmhnuidh, agus d'anam air a liòndadh le roimh-bhlàs air glòir? Ma's aithne dhuit, o d'fhiosrachadh féin, ciod è àrd luach a' chleachdaidh so, faodar a ràdh gur aithne dhuit ciod è sin aoibhneas spioradail. "'Nuair a thogas," mar tha Daibhidh ag ràdh, "an Tighearn solus a ghnùise, air a' chridhe, cuiridh è aoibhneas ànn ni's mò na 'nuair a's pailte

arbhar agus fion." Uime sin, iadsan a's faisge 'thig air Dia, agus a's mò 'chì dheth, is iad a's mò aoibhneas. Cò a choiricheas sinn, matà, 'nuair a gheibhear ar sòlas cho beag, ach dearinad ar cridheachan féin?

Dh'ullaich Dia crùn glòire air ar son, agus gheall è dhuinn a chur gu goirid air ar cinn, agus cha n-àill leinn uiread agus smuaineachadh air. Tha Dia ag iarraidh òirnn beachdachadh le aoibhneas air ar crùn, ach is gànn a bheir sinn stùl air. Gidheadh gheibhear sinn a' gearan air lughad ar sòlais. Is ànn le làn-chreidsinn ann an Dia féin a lònar sinn le sìth agus aoibhneas, ach cha mhair sin ach amhàin cho fad 's a bhitheas ar cridheachan a' beò-chreidsinn. Is ànn 'an "dòchas" a tha na naoimh "a' deanamh gàirdeachais," ach cha mhair an gàirdeachas na's fhaide na gheibhear iadsan air an lònadh le dòchas. Tha Spiorad Dhé ag oibreachadh sòlais dhuinn le ar spioradan féin a chur a smuaineachadh le taitneas air na geallaidhean, agus togaidh è suas ar smuaintean a dh-ionnsuidh ionaid ar sòlais. Thoilicheadli tu duine sànnach le meall òir 'fheuchainn dà; mar sin, tha Dia gu tric a' toileachadh a phobuill féin le bhi, mar gu'm b'eadh, 'g an treòrachadh suas gu nèamh, agus 'g a fheuchainn féin, agus am fois' dhoibh. Cha toir è aoibhneas duinn 'nuair a gheibh è diomhain sinn, no air ar lònadh le tlachd ann an nithibh eile. Is ànn amhàin an uair a threabhas, a dh-ullaicheas, a shiòl-chuireas, a mhathaicheas, a dh-uisgicheas agus a ghlanas sinn an talamh, a' feith-eamh gu foighidneach ri beannachd Dia air ar saothair, a gheibh sinn toradh na talmhainn: agus mar sin, is ànn an déigh saothair spioradail a dheanamh, a bheir Dia sòlas do'n anam. Guidheam ort, a léugh-adair, ann an ainm an Tighearna, ma's luachmhor leat beatha aoibhneach gun sgur, agus sìth thaitneach na deadh choguis, nì a's cuilm thaitneach a ghnàth do gach ncach aig am bi ì, buail gun dàil air an obair so le beò dhùrachd, agus gabh eòlas air inntinn nèamhaidh, agus chì thu fàs ceud-filtc air d'anam, agus bithidh agad beannachd a's luachmhoire gu mòr na do shaothair. Ach so an truaighe mhòr a gheibhear ann an nàdur an duine: geda tha gu nàdurrach fuath aig gach duine do

bhròn, agus ged is toigh leis gach neach a' bheatha sin a's pailte sàbhachas agus aoibhneas, gidheadh is beag an àireamh leis an toigh sligh an aoibhneis fhìor; is beag saothair a ni ìad, agus is beag dragh a dh-fhuiligeas ìad a chum sòlas 'fhaotuinn. Is feàrr leo ni sam-bith a thig 's an rathad a ghabhail, agus a bhi toilichte le tait-neasaibh talmhaidh, na'n cridheachan a thogail suas gu nèamh a dh-ìarraidh sòlais. Agus an déigh an saothair uile, féumaidh ìad sòlas 'fhaotuinn air nèamh, no 'bhi gu bràth gun sòlas idir.

4. Is è cridhe nèamhaidh, dòn a's feàrr a chum do ghleidheadh o bhuaireadh a' pheacaidh. Cumaidh è thu ri deadh obair. 'Nuair a gheibhear diomhain sinn tha sinn a' brosnachadh an diabhuil gu sinn-féin a bhrosnachadh, dìreach mar a bheir crètairean mi-chùramach misneachd agus fàth-chothrom do mheirlich léum air an cuid. Faodaidh an cridhe nèamhaidh am buaireadair a fhreagairt, mar a rinn Nehemiah, ag ràdh "Tha mi a' deanamh oibre mòire, agus cha-nurrainn mi 'dhol." Cha n-eil adhais aige gu bhi ana-mìannach, no iollagach, àrd-inntinneach, no saoghalta. 'Nuair a bhitheas neach ag obair gu sùrdail, dìchiollach, cha bhi ùin aige, no cha bhi è cho ullamh gu eisdeachd ri sanas-aibh a' bhuaigidh, gu h-àraid ma bhitheas neach a' smuaineachadh gu cùramach air Dia. Cò am breith-eamh a dh-çireadh o'n bhòrd, 'nuair a tha è 'toirt breith eadar beatha agus bàs, gu dhol amach a chluith maille ri cloinn air na sràidibh? Agus cha mhò na sin a dh-éisdeas an Crioduidh dìleas, aig am bheil a chridhe air fois nèimh, ri geasaibh meallaidh Shàtain. Cha tig idir do chloinn na rioghachd nèamhaidh mionaid a chaith-eamh air dìomhanas, gu h-àraid an uair a tha ìad air gnothach na rioghachd sin, agus cha n-eil didean eilc aig na naoimh an aghaidh buairidh, na's feàrr na socrachadh an cridheachan air a' ghnothach sin.

Is è gach neach aig am bheil cridhe nèamhaidh a's saoire agus a's glaine bho'n pheacadh, a chionn gu'm bheil mothachadh na's cìnntiche agus na's geòire aige air nithibh spioradail; agus gur aithne dhà olcas a' pheacaidh, dìomhanas a' chréutair agus gràinealachd nan taitneas feòlmhor, cha leig è leo sin a bhuaireadh,

cha n-'eil ach beag cumhachd aca thairis air. "Is diòmhain," arsa Solamh, "an lòn a sgaoileadh ann an sealladh eòin air bith." Agus gu tric is diòmhain do Shàtan a ribichean a shuidheachadh a chum an t-anam, a ta 'g am faicinn gu soilleir, a ghlacadh. Is ànn air thalamh a tha Sàtan a' brosnachadh agus a' buaireadh, agus gu cumanta, is ànn de'n talamh an greim meallaidh leis am bheil è gu tric a' brosnachadh sluaigh, ach ciamar a mheallar an Criosduidh sin a thrèig an talamh, agus a tha nis a' gluasad maille ri Dia? Nach è còmhradh ri daoinibh glice agus ionnsuichte an rathad gu fàs glic? ach is glice gu mòr na sin a dh-fhàsar le còmhradh ri Dia. Gheibhear gliocas 'us fiosrachadh aig daoinibh a shiubhail tre iomadh àit de'n t-saoghal, an déigh dhoibh pilleadh dhachaidh, ach nach mò gu mòr na sin a gheibhear aig an fhearrastair a shiubhlas gu nèamh? Tha cuirp dhaoine air an deanamh freagarrach ri àile agus nàdur na dùcha anns am bheil iad fad a' gabhail còmhnuidh, ach cia mòr a shoillsichear, le solus glan, tuigse gach duine diadhaidh a chòmhnaicheas maille ri "Athair na soillse!"

Is dubh, dorch tuigse dhaoine saoghalta; agus cha n-iongantach è, oir glacaidh Sàtan iad 'nuair is àill leis, do bhrìgh gu'm bheil an smuaintean uile air nithibh talmhaidh, agus nach 'eil iad idir ag éirigh aon dirleach na's àirde na 'n talamh féin. Cionnus a chì na fanhan agus na durragan aig am bheil an àit-còmhnuidh do ghnàth anns an talamh? Fhad 's a bhitheas dus na talmhainn ann an sùilibh dhaoine, cha n-iongantach ged chuireas iad buannachd thàimeil 'an àit na diadhachd, am peacadh 'an àit gràis, an saoghal an àit Dhé, an toil fèin 'an àit lagh Chriosd agus mu-dheireadh, ifrinn 'an àit nèimh. Air do'n Chriosduidh a chridhe féin a thogail de smuaintibh saoghalta, agus tòiseachadh air còmhradh ri Dia air nèamh, faodar a ràdh gu'm bheil è mar bha Nebuchadnesar an déigh dhà 'bhi air a thoirt o mheasg bheathaichean na machrach a dh-ionnsuidh na caithreach rioghail, agus a réusan anis air pilleadh d'a ionnsuidh. Air do'n Chriosduidh boillsgeadh 'fhaotuinn de'n t-slorruidheachd agus sealtruinn sìos arìst air an t-saoghal, their è air an uair sin, O nach bu dubh-

amaideach mo dhearmad air Criod, nach bu truagh mo thaitneas feòlmhor agus mo chùram talmhaidh ! “ Mu gbàire,” their è, “ Is cuthach e ; agus mu shùgradh, Ciod a ni è ?” Nach abair è, Cha n-eil duine ann am “ bedlam ”* cho beag clàll ri peacaich reasgach, agus riutha-san a tha gu tric a’ deanamh tàir’ air Criod agus glòr ! Ni so duine ri uchd a’ bhàis gu tric na’s glice na mninntir eile, a chionn gu’m bbeil è nis a’ faicinn na sìorruidbeachd dlùth dhà, agus gu’m bheil a chridhe air a bhioradh le smuaintibh na’s drùightiche mu thimchioll na beatha ri teachd, na bha è riamh air làithibh a shlàinte agus a shoirbheachaidh. ’Nuair a thig uair am bàis, fosglar sùilean mhòran de naimhdibh guineach, garg nan naomh, agus éighidh iad amach, mar a rinn Balàam, ag ràdh, “ Faigheam-sa bàs an ionracain, agus bitheadh mo cbrìoch dheireannach cosmhuil r’ a chrichsan.” Ach faigheadh na daoine sin an aiseag gr slàint agus tuilleadh làithean air an talamh, agus, mar tha tric a’ tachairt, seargaidh an smuaintean ’s an càram mu nithibh na beatha ri teachd, agus is goirid an déigh sin gus am fàs iad cho mì-thuigseach, cho mi-chùramach, agus cho dearmadach mu nithibh spioradail, ’s a bha iad mu’n do bhual eagal a’ bhàis iad ! Labhair eadhon ri peacair neo-lompaichte ri uchd a’ bhàis, air saoibhreas, air onoir ’us taitneas an t-saoghal so, agus an sin their è riut, “ Is beag agam iad uile ; ciod is fhìach na nithe sin dhomh-sa, a dh-fhéumas seasamh gun dàil an làthair Dhé, agus cùnnatas a thabhairt dà air mo bheatha gu léir ?” Anis, a Chriosduidh, ma dheargar cho mòr air daoine mì-dhiadhaidh, ma dh-atharraicheadh am beachd, agus ma nithear iad mòran na’s glice na bha iad roimhe, an uair, fo eagal a bhàis, a chì iad an t-sìorruidheachd glé dhùth dhoibh ; O nach b’òirdheirc, luachmhor a’ bhuil gus an tigeadh è dhuit-sa, na’n cumadh tu do shùil an còmhnuidh air Dia, agus do smuaintean gu làn, riochdail air do staid shìorruidh ! Is cìnnteach, faodaidh an creidmheach, ma dh-oibrchieas è a chreidimh gu dleasanach, a bhi air a mhisneachadh

* Tigh-luchd-cuthaich ; tigh anns am bheil cràtairean gorach, no gun chlall, gun réusan, air an cumail.—EADAR.

le sealladh na's soilleire de'n bheatha ri teachd air làithibh a shláinte, na bhitheas mi-chreidmheach aig uair a' bhàis.

Is dìdean fòs inntinn nèamhaidh an aghaidh gach buairidh, a chionn gu'm bheil na h-aignidhean cheana làn-shuidhichte air àrd thoil-inntinnibh an t-saoghal eile. (Faic CAIB. XIV.—EAR. II.) Is ann do'n neach a's mò gràdh, 'us cha n-ann do 'n ncach a's mò eòlas, is fusa seasamh amach an aghaidh gairm a' pheacaidh. Tha maiteas cho taitneach leis an toil 's a tha 'n fhìrinn leis an tuigse. Sin taitneas àrd anns am faigh an Criosduidh mòr neart. 'Nuair a bhlaiseas tu air sòlas ùr, milis o nèamh, is duilich a thoirt ort dealachadh ris. Cha n-àill le leanabh dealachadh ri 'chuid aran milis 's a bhlàs fathast milis 'n a bhéul. O b'fheàrr gu'n robh thus' a' beathachadh na's mò air "a' mhana fholuichte," agus a' blasad gu tric air sòlasaibh nèimh ! An sin, bhitheadh do rùn diadhaidh air a dhaingneachadh, an sin, bu bheag agad amaideachd an t-saoghal, agus bu shuarach leat a bhi air do thàladh le faoineas. Na'n do bhualil an diabhal air Peadar a bhrosnachadh, 'nuair a bha è shuas air "béinn a' chruth-atharrachaidh" a' faicinn Mhaois agus Eliah a' labhairt ri Criosd, 'saoil thu-féin am bitheadh è cho furasd' a thoirt air a Thighearn àicheadh ? Ciod ! cha bhitheadh idir, 's an sealladh glòrmhor ud a' dealrachadh gu làn air a shùil. Aréir sin, matà, na'n gabhadh an diabhal air-féin tighinn a bhuaireadh a' chreidmhich, 'nuair a gheibhear 'anam shuas maille ri Criosd air a' bhéinn, nach abradh è ris air bàll, "Imich air mo chùl a Shàtain, am b'àill leat mis' a mhealladh sìos á so le taitneasaibh facin, agus mo chridhe aoibhneach a ghoid air falbh o àit so m' fhois' ? Am b'àill leat mise m'aoibhneas a reic air neo-ùi ? Am bheil onoir, no sòlas ãnn cosmhuil ri so ? Càit am bheil a' bhuannachd a b'fhìach m'fhois, no sealladh de m'fhois a thoirt air a son ?" Ach cha n-abair Sàtan aon fhocal brosnachaidh ruinn, gus an tig sinn anuas o'n bhéinn, agus gus an téid blàs nèimh amach ás ar béul, agus gus an dì-chuimhnich sinn a' ghildir a chun-naic sinn, agus an déigh sin, is furasda dhà gu tric ar cridheachan a mhealladh. 'Nuair a bha na h-Israelich aig

lochdar an t-sléibh, ag ith 's ag òl, ag éirigh 's a' sùg-radh, agus 'g an truailleadh féin an làthair an iodhoil,—an laogh òir a rinn iad dhoibh-féin,—cha b't sin idir an obair a bha aig Maois shuas air an t-sliabh. O na'n gleidheamaid an còmhnuidh blàs milis, taitneach nan nithe a ta shuas, ùr agus bed ann ar n-anamaibh, is suarach a thilgeamaid uainn greimean meallaidh a' pheacaidh!

A bhàrr air sin, am feadh a bhitheas an cridhe suidhichte air nèamh, tha duine fo theàrmunn Dhé. Ma bhuaileas Sàtan òirnn air an àm sin, tha Dia na's fhaisge dhuinn a chum ar dlon, agus gu cìnnteach seasaidh è dlùth dhuinn, ag ràdh ris gach aon dhìnn, "Is leòdir mo ghràs-sa dhuit." 'Nuair a tha neach ag iarraidh beannachd Dhé, is ann a's lugha 'chunnart a bhi air a mhealladh leis a' pheacadh. Anis, a Chriosduidh, so dhuit dìdean cumhachdach an aghaidh gach buairidh,—lcigheas maith an aghaidh gach brosnachaidh,—cum dlùth ri Dia le inntinn nèamhaidh. Bi maille ri Criosd, a' smuaineachadh air na nithibh a ta shuas. Sin cuideachadh is cìnntiche dhuit a's urrainn thu 'fhaotuinn. "Tha slighe na beatha shuas do'n duine ghlic, chum dol ás o ifrinn shìos." *Gnàth.* 15. 24. Cuimhnich, "bu duine cothromach Nòah, agus iomlan 'n a linn," oir "ghluais è maille ri Dia." Agus thubh-airt Dia ri Abraham, "Gluais a'm' fhìlanuis, agus bi iomlan."

5. 'Nuair a chumas tu do chridhe gu seasmhach air nèamh, neartaichear do ghràsan uile, agus beothaichear do dhleasanais uile. Is è an Criosduidh nèamhaidh, an Criosduidh neartmhòr, beothail. Is fuar, marbh ar cridheachan, 'nuair a gheibhear iad fada bhò nèamh. Théid an saighdear ann an cunnart a bheatha, agus seòlaidh am maraiche tre stoirmibh fiadhaich nan tònn; is beag aca sin gach cùis eagail, 'nuair a shaoileas iad gu'm faighean eadhon ionmhas tìmeil nach mair ach goirid. O nach bu bheothail, tarbhach oidhirpean a' Chriosduidh, na'n smuainicheadh è gu tric air an ionmhas mhaireannach a ta air a thasgadh dhà air nèamh! Is inàll a gheibhear sinn a' ruith, agus is leisg a gheibhear sinn "a' deanamh cruidh spàirn' ;" agus carson? Dìreach

lughad ar sùim do'n duais. Beachdaich air a' Chriosduidh a bhitheas tric air nèamh, agus chì thu nach ionann idir dà as do Chriosduidhean eile ; chithear tomhas de na nitibhbh sin a chunnaic è shuas, ann an iomairt a dhleasanais, agus a chaithe-beatha. Ma's fear-searmonachaidh è, nach nèamhaidh a shearmino! Ma's Criosduidh uaigneach è, nach nèamhaidh a chonaltrádh, 'ùrnuigh agus a ghiùlain! Tòisich air an obair so, agus chithear "aghaidh" do chonaltraidh "a' dealrachadh," agus their muinntir eile, Gu cìnnteach bha è shuas "air an t-sliabh maille ri Dia." Ach ma chromas tu sìos, a' gearan air do mharbhachd 's air do chadalachd, air aon nì 'us nì eile, ag ràdh gur beag do ghràdh do Chriosd, gur beag d'aoibhneas 'n a ghràdh, gur fànn d'ùrnuigh, agus gur mäll, fuar thu anns gach dleasanais eile, agus an obair bheothachaidh so fathast air a dearmad leat, cuimhnich, is tu-féin cion-fàth do ghearin. Nach 'eil do "bheatha folaichte maille ri Criosd ann an Dia?" Càit an téid thu 'g a h-iarraidh, matà, ach a dh-ionnsuidh Chriosd féin, agus càit am bheil sin, ach air nèamh, far am bheil Criosd. "Cha n-àill leat teachd a dh-ionnsuidh Chriosd, chum gu'm faigheadh tu beatha."

Eò. 5. 40.

Ma's àill leat solus agus teas, carson nach 'eil thu na's trice ann an deàrsadh na gréine. Ma's àill leat tuilleadh 'fhaotuinn de'n ghràs sin a tha nis a' sruthadh o Chriosd, carson nach 'eil thu na's trice maille ri Criosd 'g a iarraidh? Tha do neart ann an nèamh agus do bheatha ann an nèamh, agus o sin féumaidh tu an tarruing gach là, ma's àill leat am faotuinn. Mur bi thu gu tric a' tarruing do bheatha bho nèamh, bithidh d'anam mar lòchran gun lasadh, agus do dhleasanais mar iobairt gun teine. Thoir aon "éibhleag" gach là bhàrr na h-altair so, agus chì thu mar loisgeas do thabhartas. Las do lòchran aig an altair agus liòn è gach là leis an ola sin a gheibhear an sin, agus chì thu cho glòrmhor 's a dhealraicheas è. Cum dlùth ris an teine ath-bheothachaidh so, agus bithidh d'aignidhean air am blàthachadh. 'Nuair is beag leat do ghràdh do Dhia, tog suas sùil a' chreidimh ri nèamh agus faic maise Dhé; medraich air òirdhearcas Dhé, agus chì

thu mar bheothaichear do chridhe le smuaineachadh air àillteachd agus air maitheas iomlan Dhé. Bheír obair thimeil càil, neart 'us treòr do'n chorp, air an dòigh chéudna meudaichear gu luath gràs agus beatha spioradail do'n anam, le oibrigh nèamhaidh. Ach chan-è "teine" feallsa, no "coimheach" a gheibh thu bho nèamh airson d'ìobairtean a bhlàthachadh. Is dòcha gur éud nèamhaidh an t-éud a dhùisgear annad le meòrachadh nèamhaidh. Tha cuid de dhaoine air an deanamh dùrachdach le lèughadh leabhraichean, cuid le àmhghar searbh, cuid le béal dùsgaidh ministeir, agus cuid le amharc air luchd-éisdeachd cùramach: ach an t-anam do'n aithne an rathad dìreach gu nèamh, agus a bhitheas ag òl gach là á "tobar na beatha," ath-bheothaichear è gach là le uisg na beatha, agus leis an t-sòlas sin a ta na naoimh a' mealtuinn!

'Tre 'n chreidimh so bheir thu suas ìobairt Abeil,— ìobairt na's dìrdheirce na bheir daoine cumanta, leis am faigh thu teisteas gur fìrean thu, air bhi do Dha a' deanamh fianuis mu do thiodhlacaibh', gu'm bheil iad treibh-dhireach'. *Eabh.* 11. 4. 'Nuair a bhitheas muinntir eile, cosmhùil ri sagartaibh Bhàail, ullamh gu iad-féin a ghearradh, a chionn nach loisg an ìobairtean, faodaidh do chridhe-sa 'bhi air a mhòr-mhisneachadh, agus éirigh suas gu h-àrd ann an carbad a' mheòrachaidh, gus am bi d'anam agus d'ìobairt a' lasadh gu glòrmhor, agus cha n-urrainn an saoghal agus an fheòil lasair d'aoibhneis a mhùchadh le'n uisgeachan naimh-deil uile. Na abair idir, "Cionnus is urrainn daoine bàsmhor éirigh suas gu nèamh?" Tha sglathan aig creidimh agus is è meòrachadh, no smuaineachadh a charbad. Nach fhaic thu so, 'nuair a chumas tu criomag ghloine, mu leud bònn sgillinn, dìreach ri aghaidh na gréine, glacaidh i gathan teth, agus fadaidh i teine ann am bòrd ris an cuimsich thu builsgean na gloine, ach bu bheag blàs a' bhùird mur rachadh gathan na gréine 'chruinneachadh d'a ionnsuidh leis a' ghloine. Anis is è creidimh gloine-losgaidh d'ìobairt-sa, agus is è meòrachadh an làmh a chumas i ri aghaidh na gréine— gus an glacar blàs, ach gabh an aire nach toir thu air-falbh an làmh sin ro luath, ach cum sìnte ris a' ghréin

ì fad ùine, 's an déigh sin, bithidh d'anam a' lasadh le sòlas nèamhaidh.

Nach abair thus', a léughadair, 'nuair a chì thu Criosduidh beothail, agus a dh-éisdear leat a chòmhradh solusach, agus 'ùrnuighean blàth, dùrachdach, "O cia sona an duine sin! O nach robh m'anam féin anns an staid bheannaichte sin!" Seadh, matà, is ì mo chomhairle dhuit o Dhia, thusa d'anam a shuidheachadh gu coguiseach air an obair so. Nigh thu-féin gu tric anns an Iòrdan so, agus ath-bheothaichear d'anam lobharach, marbh, agus "bithidh fios agad gu'm bheil Dia ann an Israel," agus faodaidh do bheatha 'bhi beothail agus aoibhneach, mur dean thu-féin a milleadh le dearmad air do thròcairibh.

6. Is è sealladh tric air glòir, an deoch-ùrachaidh a's luachmhoire do'n chreidmheach anns gach trioblaid. Misnichidh an deoch so ar spioradan; fàgaidh ì gach fulangas na's socrachie dhuinn; comasaichidh ì sinn air gach trioblaid a ghiùlan le foighidin 'us aoibhneas; neartaichidh ì ar rùn, agus bheir ì òirnn nach tréig sinn Criosc le eagal trioblaid. Faodaidh an rathad a bhi garbh, ach cha n-fhada leinn è, ma tha è 'g ar treòrachadh gu nèamh. O nach imlis dhomh thus' a thinneis, thus' a mhaslaidh, thus' a phrìosain, no thus' a bhàis, 'nuair a bheir thu òrm blasad air m' fhois ri teachd! Cha leig so leis an anam fulang: cha n-fhuiligeach amhàin an fheòil—an corp truaillidh so. Mur bhitheadh am blasad beag (Och! cia beag!) a fhuair mì de 'n fhois, bu doilgheasach, tròm mo thrioblaid dhomh, agus bhitheadh am bàs na b' uamhasaiche dhomh. Faodaidh mì 'ràdh, "dh-fhannaichinn, mur biodh gu'n do chreid mì gu'm faicinn maitheas an Tighearna ann an tìr nam beò." *Salm 27. 13.* Mur biodh gu'm b'è an fhois so, a ta air a gealltuinn dhomh, "mo thlachd, an sin gheibhinn bàs a'm' àmhghar." *Salm 119. 92.* "Aon ni ghuidh mi air an Tighearn, sin iarraidh mi, a bhi 'm chòmhnuidh ann an tigh an Tighearna rè uile làithean mo bheatha, chum gu faicinn maise an 'Tighearn', agus gu fiosraichinn 'n a theampull. Oir folaichidh e mi 'n a sgàth-thigh ann an là an uile; folaichidh e mi ann an diòmhaireachd a phàilliun: air carraig togaidh

e suas mi. Agus a nis togar suas mo cheann os ceann mo naimhdean mu'n cuairt orm ; agus iobraidh mi 'n a phàilliun lobairtean aoibhneis ; seinnidh mi, agus canaidh mi cliù do'n Tighearn." *Salm 27. 4-6.* Is neo-ni gach trioblaid leinn, fhad's a gheibh sinn ar neartachadh le aoibhneas mar sin. An déigh do ghéur-leanmuinn agus do eagal na dorsan a dhùnad, is urrainn Criod tighinn astigh, agus seasamh anns a' mheadhon, agus a ràdh ri 'dheisciobuil, "Sìth maille ribh." Is urrainn Pòl agus Sìlas a bhi ann an nèamh, an uair a tha "iad air an tilgeil do'n phriosan a's fhaide astigh," an cuirp air an sgiùrsadh le "iomadh buille," agus "an casan air an daingneachadh anns a' cheap." Is mò fois nam martarach anns na lasraichean, na fois an luchd-sàrachaidh 'n am mòr-chuis 'us 'n an aintighearnas ; a chionn gu'm bheil iad (na martaraich) a' roimh-fhaicinn nan lasair ifrinneil o'n téid iad ás, agus na foise gus am bheil an carbad teine 'g an giùlain. Ma dh-imicheas Mac Dhé maille ruinn, tha sinn sàbhailt "ann am meadhon" nan lasair sin a sgriosas iadsan a thilgeas ànnta sinn. Chaidh Abraham amach ás a dhùthaich féin, "gun fhios a bhi aige cait an robh e 'dol," a chionn "gu'n robh sùil aige ri baile aig am bheil bunaitean, air am bheil Dia 'n a fhear-dealbhaidh agus 'n a fhear-togail." "Bu mhò an saoibhreas masladh Chriod le Maois, na ionmhais na h-Eiphit; oir bha sùil aige ris an luach-saoithreach." "Thréig è 'n Eiphit gun eagal a bhi air roimh chorruich an rìgh : oir bha e làidir 'n a inntinn, mar neach a bha 'faicinn an tì a ta neo-fhaicsinneach." "Chràdh-phìlanadh dream eile, gun iad a ghabhail ri saorsa ; chum gu'm faigheadh iad aiseirigh a b'fheàrr." Eadhon "Iosa, ceannard agus fear-crìochnaich ar creidimh, neach air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh'fhuing an crann-ceusaidh, a' cur na näire an neo-shuim, agus a shuidh air deis rìgh-chaithreach Dhé." *Eabh. 11. 8-35 : Caib. 12. 2.* So anis buannachd urramach a' chreidimh, chì è am meadhon agus a' chrìoch le 'chéile.

'Nuair a sheallas sinn ris an olc féin, gun idir ar smuaintean a shocrachadh air na cuspairibh glòrmhor a ta air an taobh thàll deth, fasaidh sinn mì-fhoighid-

neach, agus tòisichidh sinn ri coireachadh Dhé. Iadsan nach fhaic Criodach ach amhlàin air a' chrànn, no anns an uaigh, crathaidh iad an cùnn, a' saoiltinn gu'm bheil è càillte; ach chunnaic Dia Criodach a' bàsachadh, air adhlaiccadh, ag éirigh, air a ghlòrachadh, agus sin uile ann an aon sealladh. An so leanaidh creidimh Dia féin, cho fad 's a chuidiclear è le solus geallaidh. An diugh chì sinn Dia 'g ar càramh anns an ùir, ach cha leir dhuinn roimh-làimh là mòr an earraich sin air an ath-bheothaichear sinn nile. Na'm faiceamaid gu soilleir gur è sinn-féin àrdachadh gu nèamh, crìoch nan uile nithe socrach, no anshocrach a tha Dia a' deanamh ruinn, is cìnnteach cha bu shearbh leinn aon air-bith de dheanadasaibh. Na'n togadh Dia snas sinn anis gu beatha na glòire, chitheamaid, ged is fhada nèamh agus am peacadh o chéile, nach fhad idir o 'chéile nèamh agus prìosan, no fògradh, nèamh agus còm na muice-mara, no "gàradh nan leòmhain," nèamh agus tinneas tròm, no teachd a' bhàis. Ach mar a "chunnaic Abraham là Chriosd, agus a rinn è gàirdeachas" air a shon, dh-fhaodamaid-ne, eadhon air àm ar trioblaid, an là sin 'fhaicinn, air an toir Criodach fois dhuinn, agus gàird-eachas a dheanaimh ànn. Guidheam ort, a Chriosduidh, air sgàth an t-soisgeil agus air sgàth slàinte d'anama, na cnir dàil anns an èolas nèamhaidh so ionnsuchadh, gus an tig an uair a's mò d'éiginn, agus a's mò d'fhéum air a ghnàthachadh. Gach neach a chì, mar chunnaic Stephen, "glòir Dhé, agus Iosa 'n a sheasamh air deas làimh Dhé," giùlainidh è gu toilichte le buillibh nan clach. "Is e gàirdeachas an Tighearna ar neart." Agus féumaidh sinne an gàirdeachas sin a tharruing o'n àit anns am bheil ar gàirdeachas. Ma għluaiseas sinn a dh-easbhuidh ar neirt, cha n-urrainn dòchas a 'bhi againn ri seasamh fada, foighidneach fo thrioblaid.

7. Is tarbhach dhoibh-san nile, a ta mu-n-cuairt dà, an Chriosduidh aig am bheil a "chaithe-beatha air nèamh." Nuair a bhitheas dnine ann an tìr chéin, no ann am measg choigreach, cia taitneach leis cuideachd neach a bhuineas d'a dhùthaich féin!. Nach sòlasach leo labhairt air an dùthaich féin, air an luchd-eòlais, agus air na uithibh a dh'fhàg iad aig an dachaidh!

Nach bu taitneach le Iòseph labhairt ann an tìr na h-Eipbit ri 'bhràithribh agus fedràchadh dhiubh mu thimchioll 'athar, agus a bhràthar, Beniamin! Agus nach taitneach fòs leis a' Chriosduidh labhairt ri 'bbràithribh a bba shuas, agus fedràchadh dhiubh mu thimchioll 'Athar, agus Chriosd, a Tbighearn! Cha labhair an duine talmhaidh air ni sam-bith ach an saoghal, cha labhair am "bailtear" (*politician*) air ni sam-bith ach gnotbaichean na stàite, cha labbair an lòm sgoileir air ni sam-bith ach fòghlum aimsireil, agus cha labhair am fear-aideachaидh cumanta, no foirmeil ach air a dhleasanasaibh eile; ach gheibhear an duine nèamhaidh a' labhairt mu nèamh, agus mu'n ghlòir ioungantaich a chunnaic è le sùil a' chreidimh, agus mu'n cboinnimh bbeannaichte sin a bhitheas gu goirid aig pobull Dhé air nèamh. O nach ùrail, féumail, tarbhach, taitneach briathran an duine sin! Bioraidh agus leaghaidh a bhriatbran an cridhe, agus cruth-atbarraichear iadsan, a dh-éisdeas ris, gu sluagb eile! "Silidh a theagasg mar an t-uisge, tuitidh mar an drùchd a chàinnt; mar mhìn uisg air an Ius mhaoth agus mar fhrasan air an fbéur, 'nuair a bhitheas a bbilean a' foill-seacbadh ainm an Tigbearna, agus a' toirt mòrachd d' a Dbia!" Nach faighear a chòmhradh milis mu nèamh, cosmhuil ris a' bhocs' olaidh luachmhoir a "lion an tigh le faile cùbhraidih," an déigh dhà "bhi air a dbòrtadb air ceànn Chriosd?" Faodaidh gacb neach, a ta fagus do'n duine bheannaichte sin, a bhi air a làn-ùrachadh le sileadh taitneach a bhriathran. Is sona an sluagh aig am bheil ministear nèamhnidh! Is sona a' chlann agus na seirbhisich aig am bheil pàrant, no maighstear nèamhaidb! Is sona an duine aig am bheil còmpanach nèamhaidh a ni caithris thairis air a sblighibh, a neart-aicheas è air uair a làg-chuis, a mhisnicheas è 'nuair a bhitheas è fànn, no fo eagal, agus a shòlasaicheas è leis an t-sòlas sin leis an robh e-féin gu tric air a dheanamh sòlasach ann an co-chomunn ri Dia! Sin an duine còir a bhitheas an còmhnuidh a' séideadh sradaig' na beatha spioradail, agus a' tarruing d'anam' a dh-ionnsuidh Chriosd, agus a their riut, mar thuirt bean Shamaria, "Thigibh, faicibh aon a dh'innis dhomh-sa

na h-uile nithe a rinn mi riamh !” Aon a ghràdhaich ar n-anamanan eadhon gn bàs ! “ Nach è so Criod ! ” Nach è eòlas air Dia agus air-san, a’ bheatha mhaireannach ! Nach è glòir nan naomh, a ghlòir-san ‘fhaicinn ?

Thig do thigh an duine so, agus suidh sìos aig a bhòrd, agus sàsaichidh è d'anam le biadh blasda nèimh. Coisich naille ris air an t-sligh, agus sedlaidh agus beothaichidh è thiu air do thurus gu nèamh. Dean reic 'us ceannachd ris anns an t-saoghal, agus comhairlichidh è dhuit “ an nèainhnuid ro luachmhor ” a cheannach. Ma ni thu éucoir air, is aithne dhà maithseanas a thoirt duit, a’ cuimhneachadh gu’n do mhaith Criod a chuid éucoirean mòra dhà-féin. Ma bhitheas fearg ort, gheibh thu ciùin è, a chiùinneachd aréir an eisempleir nèamhaidh a ta e-féin a’ leantuinn; no ma théid sibh amach air a chéile, is goirid gus am bi è réidh rint, air dhà cuimhneachadh gur éudar dhuibh a bhi réidh, càirdeil, gràdhach gu sìorruidh air nèamh.

So an Crioduidh air am bheil an comharradh glan, ceart. Is mòr is fheàirrd a choimhearsnaich è. Nach neo-tharbhach cuideachd gach uile shèrsa Chrioduidhean eile, ann an coimeas ris an duine so ! Na'n tigeadh duine 'nuas o nèamh, nach b'fhada le sluagh gus an cluinneadh iad uaith an sgéul a thug è leis air an t-saoghal eile, ciod a chuinaic è, agus ciod a tha aig an t-sluagh bheannaichte 's an àit sin ! Nach è 'n duine sin còmpanach a b'fheàrr agus nach è còmhradh au duine sin 'bu tarbhaiche leo ? 'S è gun teagamh. Cuime, matà, nach 'eil cuideachd nan naomh na's luachmhoire leat an diugh ? Carson nach 'eil thus' a' farraid tuille dhinbh ? Carson nach 'eil an còmhradh na's blasda leat ? Oir théid gach naomh do nèamh ann am pearsa, agus is tric an sin a spiorad. Is tric gach naomh a' faicinn nèimh tre ghloine mhòdir an t-soisgeil. B'fheàrr leam-féin cuideachd a' Chrioduidh nèamh-inntinnich, na cuideachd an deasbair a's mò ionnsachadh, agus na cuideachd nam prionnsachan a's àirde cumhachd.

8. Cha n-urrainn duine sam-bith onoir cho àrd a chur air Dia, ris an duine sin aig am bheil a “ chaithe-beatha air nèamh.” Nach maslaichear pàrant an uair

a gheibhear a chlānn ag itheadh nam plaosg, air an eideadh le luideagan, agus iad guu chuideachd idir aca achslaughtcaran 'us baigearan? Agus nach maslaichear ar n-Athair nèamhaidh mar-an-céudna, 'nuair a gheibhear sinne, d'an ainm a chlānn, 'g ar beathachadh féin air nithibh talmhaidh; agus trusgan ar n-anamanan cosmhuiil ri sgleò an t-saoghal rùisgte, agus an uair is feàrr le ar cridheachan saor chonaltradh agus dlù-lean-tuinn ris an duslach, na seasamh an còmhnuidh an làthair ar n-Athar nèamhaidh? Is cìnnteach, tha sinn beò ann an staid ua's ilse na thig do chloinn rìgh, 'us cha n-ànn aréir àirde ar dòchais, no lòin tigh ar n-Athar, agus an ullachaidh mhòir a rinn è airson nan naomh. Is maith gu'm bheil aguinn Athair aig am bheil cridhe iochdmhor, truasail a dh-aidicheas a chlānn féin 'n an luideagaibh. Is maith gu'm "bheil bunait Dhé a' seas-amh daingean," agus gur "aithne do'n Tighearn an dream sin a's leis," no mur b'aithne, is gānn a ghabh-adh è sinne mar a chuid féin, oir tha sinn beò cho fada bho 'n onoir a bhuiteas do na naoimh. Mur tagradh an Tighearn air tùs a chòir féin òirnn, cha n-aithnich-eadh sinn-féin, no muinntir eile gur sinn a shluagh. Ach air uair a bhuiteas cridhe, no caithe-beatha Crioduidh air nèamh, gabhaidh 'anam aoibhneas anns na nithibh sin a ta neo-fhaicsinn-cach, agus cuiridh è onoir àrd air Dia. Togaidh an Tighearn fianuis air taobh a' Chriosduidh sin, ag ràdh, "Tha 'n duine so a' creidsinn annam-sa, agus a' gabhail rium air m' fhocal: tha è 'deanamh gàirdeachais ann mo ghealladh; tha è tâingeil airson nan nithe nach fhaca sùil a chuirp riamh; tha è ri gàirdeachas, ach cha n-ann 's an fheòil; gheibhear a chridhe maille rium-sa; is toigh leis mo chomunn; agus gu cìnnteach mealaidh è mo làthaireachd gu bràth ann mo rioghachd." "Is beannaichte iadsan nach faca, agus a chreid." *Eò. 20. 29.* "Dhoibh-san a bhcir urram dhomh-sa, bheir mise urram." Nach do mheas Dia mar onoir dhà-féin giùlain dìleas Chàleb agus Iosua, 'nuair a chaidh iad suas a rànnsachadh "tir a' gheallaidh," agus a phill iad arìst, a' toirt lco blasad de "thoradh na tire," ag innseadh d'am bràithribh gu'n robh "am fearann ro mhaith," agus a' misneachadh an

t-sluaign gu dhol suas! Feuch, an gealladh agus an duais a fhuair iad!

9. An t-anam sin nach socraich 'aignidhean air na nithibh a ta shuas, diùltaidh è ùmhachd a thoirt do àithntibh Dhé, agus caillidh è solus gràsmhor, taitneach an fhocail—focal Dhé. Is è an Dia sin féin a dh'áithn dhuit creidsinn, agus a bhi bed mar dheadh Chriosduidh, a tha nis ag àithneadh dhuit “na nithe a ta shuas iarraidh, far am bheil Criosd 'n a shuidhe air deas làimh Dhé,” agus “d'aigne a shuidheachadh air na nithibh a ta shuas, agus cha-n ann air na nithibh a ta air an talamh.” *Col. 3. 1, 2.* Is è an Dia sin féin a thoirmisg dhuit mortadh, gadachd, no adhaltrannas a dheanamh, a tha nis a' toirmeasg dhuit dearmad a dheanamh air an dleasanans mhòr so; agus an dàna dhuit a dhiùltadh? Carson nach 'eil do choguis a' toirt ort an dleasanans so a dheanamh, cho maith ris an dleasanans ud eile? Nach d'òrduich Dia an dleasanans so dhuit cho maith ri instrumaid do shòlais, chum do neartachadh gu làn għreim a dheanamh air do thrċairean féin? A bhàrr air sin, dearmaid an dleasanans so, agus ciod is fheàirridh thu gach cùnnas fior għlormhor mu nèamh, gach iomradh flor air an t-sonas ri teachd, agus gach gealladhpriseil air ar fois? Nach iad sin na réultan a chithear a' dealrachadh ann an iarmait an Sgriobtuir, agus na còrdan òir a chithear ann an leabhar Dhé? Shaoilinn nach dealaicheadh tu ri aon idir de'na geallaidean sin airson an t-saogħail uile.

Is è nèamh iomlanachd ar trċairean uile, mar sin is iad geallaidean nèimh anns an t-soisgeul, fior anam an t-soisgeil féin. Nach neo-ni uile shħlas an t-saogħail ann an coimeas ri aon fhocal sòlais o bhéul Dhé? Is eadh. Carson, matà, tha thns' a' deanamh dearmaid agus dimeas air cho liuthad focal sòlais? Carson a dh'fhoillsich Dia a chomhairle féin duinn ann an tomhas cho mòr, agus carson a labhair è ruinn roi-làimh air an lànachd aoibhneis a tha sinn gu shealbhachadh, ach a chum ar deanamh aoibhneach le fios 'fhaotuinn air? Mur b'aill leis sinne 'dheanamh aoibhneach le fios a thoirt duinn air ar sonas roi-làimh, dh-fhaodadh è a rùn a chumail aige-féin; gun aon

fhocal innseadh dhuinn mu 'thimchioll, gus an tig an uair air an togar suas gu glòir sinn. Seadh, a chionn gu'm bheil ar fois ann an làimh Dhé féin, dh-fhaodadh è a buan mhaireannachd a cheiltinn dirnn, ni a dheanadh ar gàirdeachas milis a lughdachadh gu mòr fo eagal a chàll. Ach b'ì toil ar n-Athar nèamhaidh a chomhairle féin 'fhosgladh suas, agus fios a thoirt duinn air làn rùn a chridhe, 'chum gu'm bitcadh ar gàird-eachas coimhliona', agus gu'm bitheamaid beò mar oighreachan air a rioghachd. Agus an dean sinne nis dìmeas air sin uile? Am bi sinn beò ann an iomadh cùram agus bròn, gun ghàirdeachas na's mò 'dheanamh anns na nithibh foillsichte sin, na ged nach sgriobhadh làmh an Tighearna riamh iad? Na'n séulaicheadh rìgh na tìre so dhuit còir-sgrìobhte air moraireachd, no gealltuinn morair a dheanamh dhìot, nach tric a bheireadh tu sùil air do chòir-sgrìobhte, a' smuaineachadh oirre le taitneas gus am faigheadh tu an onoir sin? Ach nach do shéulaich Dia còir-sgrìobhte dhuit air onoir nèimh, agus am fag thu i 'n a laidhe dùinte ri do thaobbh, gun smuain, gun sùil a thoirt oirre, mar nach bitheadh cuimhne agad gu'm bheil a leithid ànn? Ho! b'fheàrr gu'n robh ar cridheachan cho àrd ri ar dòchas, agus ar dòchas cho àrd ris na geallaidean neo-mhearrachdach sin!

10. Is còir d'ar cridheachan a bhi suidhichte air Dia, oir tha cridhe Dhé làn-shuidhichte dirnn-ne. Nach iosal a dh'ìslich Tighearn na glòire e-féin air ar son-ne ann an suidheachadh a ebridhe dirnn-ne, crèutairean peacach an duslaich! Nach bu chòir dhuinn-ne, matà, ar cridheachan a shocrachadh gu toileach, taitneach air Criod agus air glòir, a' togail suas ar n-aignidhean gach là 'dh-ionnsuidh an Tì sin a dh'ìslich e-féin cho mòr a chum sinne àrdachadh! Anis, a Chriosduidh, nach 'eil thus' a' tuigsinn gu'm bheil cridhe Dhé air a shuidheachadh ort, agus gu'm bheil è fathast a' cuimhneachadh ort le gràdh tlorail, eadhon an uair a gheibh-eas thus' a' deanamh dì-chuimhne ort-féin agus air-san? Nach 'eil a thròcairean air an ath-nuadhachadh dhuit gach là? Nach 'eil è a' sìor-labhairt ri d'anam leo? Nach 'eil è ag ullachadh airson do chuirp, agus a' gleidh-

eadh araon do chuirp agus d'anama? Nach 'eil è 'g a do ghiùlain an còmhnuidh ann an gàirdeanaibh a ghràidh, agus a' gealltuinn "gu'n comh-oibrich na h-uile nithe chum inaith" dhuit, agus gu'm bi gach ni a nì è riut a chum d'àrd bhuanachd, agus gu'n toir è "àithn d'a ainglibh mu d'thimchioll?" Agus am bi thusa toilichte le aoibhneas iosal na talmhainn, agus an dì-chuimhnich thu do Thighearn a tha cho cuimhneach ort-sa? Ah! a mhi-thàingealachd neo-chaoimhneil! Eisd ris a' labhairt air a chaoimhneas féin ruinn-ne, "Ach thubhairt Sion, Thréig an Tighearn mi, agus rinu mo Thighearn mo dhì-chuimhneachadh. An dì-chuimhnich màthair a leanabh cìche, gun iochd a dheanamh air mac a cuim? Feudaidh eadhon iadsan dì-chuimhneachadh, ach cha dì-chuimhnich mise thusa. Feuch air dearnaibh mo làmh ghearr mi thu; tha do bhallaachan a'm' fhianuis an còmhnuidh." *Isà.* 49. 14-16. Ach éisd ris anis a' labhairt air ar cùram-ne d'a thaobh féin 'us cluinnidh tu è ri gearan òirnn, "Am feud òg-bhean a h-usgraichean a dhearmad? no bean-bainnse a h-éideadh? Gidheadh dhearmaid mo shluagh mise làithean gun àireamh. *Ier.* 2. 32. Mar gu'n abradh è, "Air gach maduinn a dh-éireas sibh, is taitniche libh dìomhanas 'us éideadh grinn a chuimhneachadh na mise. An iad sin a's luachmhoire dhuibh na blur Dia? An fheàrr dhuibh na nithe sin na bhur beatha mhaireannach? Nach 'eil sibh a' dearmad na nithe sin a's feàrr là an déigh là?" Na tugamaid aobhar do Dhia a bhi ri cònsachadh ruinn. Gu-ma feàrr leinn ar n-anamanan a thogail suas a dh-ionnsuidh Dhé, taoghal aige gach maduinn, agus ar cridheachan bochd a shìneadh d'a ionnsuidh gach mionaid.

11. Nach 'eil ar còir ann an nèamh, agus ar dàimh ris an àit sin, ag larraidh òirnn ar cridheachan a chumail an còmhnuidh air nèamh? An sin, tha cùirt ar n-Athair. Gairmidh sinn dheth "Ar n-Athair a ta air nèamh. Clànn neo-airidh sinne! a bhitheas toilichte le cluith 'us faoineas, gun chuimhne air Athair cho maith. An sin, tha Criosd ar Ceànn, ar Céile, ar Beatha; agus nach seall sinn suas ris, agus nach larr sinn è cho tric 's is urrainn sinn, gus an tig an là air am faic sinn è aghaidh ri

aghaidh? A chionn gur “éigin do nèamh a ghabhail gu aimsiribh aisig nan uile nithe;” gabhadh nèamh mar-an-céudna na cridheachan againn-ne maille ris. An sin fòs “a ta an Ierusalem nuadh a’s màthair dhuinn uile.” Gal. 4. 26. An sin tha mòr àireamh ar bràithrean a’s sine. An sin tha ar càirdean, ar seànn luchd-eòlais, iadsan ’bu chuideachd thaitneach leinn anns a’ hheatha so, agus bu bhrònach sinn a’ dealachadh riutha aig uair am bàis! agus nach tog sin suas ar smuaintean gu nèamh? Na’n robh iad sin fathast air thalamh, nach rachamaid astar fada g’ am faicinn. Agus carson, màta, nach ‘eil ar spioradan a’ dìreadh suas na’s trice d’an ionnsuidh air nèamh, agus le aoibhneas a’ smuaineachadh roi-làimh air an àit agus air an là ghlòrmhor sin ‘s an coinnich iadsan agus sinne fathast? B’aoibhneach le Socrates bàsachadh, a chionn gu’n robh è ‘creidsinn gu’m faiceadh è Hòmer, Hesiod,* agus daoine comharrachte eile air taobh thàll a’ bhàis. “Nach mò gu mòr na sin m’ aobhneas-sa,” arsa ministear diadhaidh, aosda, “agus mì cìnnteach gu’m faic mì Criod mo Shlànughean, Mac siorruidh Dhé, a ghabh air-féin nàdur an duine, maille ri mòran aithrichean, fhàidhean ‘us abstol glic, naomh, ainmeil,” &c. Is còir do gach cridmheach sealltuinn suas gu nèamh, a’ meòrachadh air staid bheannaichte nan naomh, agus a’ labhairt ri ‘chridhe féin, mar so, “Ged nach ‘eil mise fathast cho sona ’s a tha sibhse, gidheadh is sòlas dhomh gach là, gur sìhhse mo bhràithrean agus mo chomh-bhùill ann an Criod, agus air an aobhar sin, is è bhur gàirdeachas-sa mo ghàirdeachas-sa, agus bhur glòir-sa, an lorg mo dhlùth dhàimh so ruihh, mo ghlòir-sa! Seadh gu h-àraigd ‘us mis’ a’ creidsinn ann an Criod fèin, agus a’ deanamh teànn ghreim air a’ cheart chreidimh agus air a’ cheart ùmhachd sin leis an robh sibhse mar so air bhur n-àrdachadh, agus a’ deanamh gàirdeachais ann mo spiorad maille ribh-se, ’s a’ meòrachadh le tàingealachd ‘us taitneas air bliur sonas gach là.”

A bhàrr air sin, is ànu *shuas* a tha ar tigh ’s ar dach-

* *Socrates, Hòmer, Hesiod*, sin ainmean thrìtir dhaoine fiosrach, ainmeil de mhuianntir na Gréige. Bha iad àun roimh theachd ar Slànnugheir.—EADAR.

aidh. "Oir a ta fios againn, na'n sgaoilteadh o chéile ar tigh talmhaidh a' phàilliuin so, gu bheil againn aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh le làmhainn, siorruidh anns na nèamhaibh." Carson, matà, nach 'eil sinn a' sealltuinn suas ris na's trice, agus "ag osnaich 's a' mìannachadh a bhi air ar n-éideadh le ar tigh o nèamh?" 2 Cor. 5. 1, 2. Na'n robh ar dachaidh mòran na's fhaisge, is cìnnteach chuimhnicheamaid oirre, do bhrìgh gur i ar dachaidh. Na'n robh thu air d'fhògradh air falbh gu tir fad-ás, nach tric a smuain-icheadh tu air do dhachaidh. Carson, matà, nach fhaighear thu gn tric a'smuaineachadh air nèamh? Nach è sin gu ceart, cùnteach ar dachaidh bhuan, far am.bi ar còmhnuidh shiorruidh, agus cha n-ānn 's an t-saoghal so ris am bheil sìil againn dealachadh air gach uair?

Is coigrich sinn, agus is è nèamlì ar dùthaich. Is oighreachan sinn agus is è nèamh ar n-oighreachd; eadhon "oighreachd neo-thrناillidh, agus neo-shalach, agus nach searg ás, a ta air a coimhead anns na nèamh-aibh dhuinn." Pead. 1. 4. An so, tha sinn fo àmhgar agus fo uireasbhuidh an còmhnuidh, ach a ta ar "maoin" air nèamh; eadhon "maoin a's feàrr a ta maireannach." Eab. 10. 34. Seadh, tha ar fior dhòchas air nèamh; ar n-uile dhòchas ri fuasgladh o gach trioblaid, ar n-uile dhòchas ri sonas, 'nuair is truagh sinn au so: agus 'tha an dòchas so uile air a thasgadh suas dhuinn air nèamh.' Col. 1. 5. Carson, a Chriosduidhean ionmhuinn, a tha còir cho mòr againn air nèamh agus cho beag smuaintean againn an sin? dàimh cho dlùth, agus gràdh cho beag? An tig dhuinn tlachd cho mòr a ghabhail ann an cuideachd choigreach; agus ar n-Athair 's ar Tighearn a dhì-chuimhneachadh? no 'bhi cho toilichte leo-san a ta 'g ar fuathachadh agus 'g ar sàrachadh, agus ar càirdean a's feàrr agus a's dilse a dhì-chuimhneachadh? no 'bhi cho déigheil air iasad faoin, agus dearmad a dheanamh air ar seilbh agus air ar n-ionmhas féin? no 'bhi cho mòr air ar ciùrradh le dedir 'us uireasbhuidh, agus ar gàirdeachas agus ar fois a dhì-chuimhneachadh? Is tric Dia a' tagair a chòir annainn; agus mar sin a' dearbhadh dhuinn gu'n oibrich è maith dhuinn, a chionn gur sinn a shluagh féin, a ròghnaich è dhà-féin amach

ás an t-saoghal. Carson, matà, nach fhaighearr sinne gu tric a' tagair ar còir ànn-san, agus mar sin a' togail suas ar eridbeachan a dh-ionnsuidh ar Dé, agus a dh-ionnsuidh nèimh, ar seilbh féin. Gu tric is ro thait-neach agus is ro luachmhor le daoine na nithe tìmeil a bhuineas doibh-féin, 'g an cuimhneachadh ro mhòr. Ho ! b'fheàrr gu'n robh ar n-oighreachd nèamhaidh leth cho taitneach agus leth cho luachmhor leinn 's is fhiach i !

12. Aon uair fathast smuainich, cha n-eil ni sam-bith ànn, ach nèamh air an fhiach dhuinn ar eridbeachan a shuidheachadh. Mur suidhich sinn iad air Dia, cò air a shuidhicheas sinn iad, no cò dhà 'bheir sinn iad ? Mur cuimhnich thu air d'fhois, cò air a chuimhnicheas tu ? An d'fhuair thu mach dia eile, no ni sam-bith eile a sheasas dhuit 'an àit fois' ? An d'fhuair thu mach sonas sìorruidh air thalamh ? Càit am bhéil è ? Ciod de 'm bheil è air a dheanamh ? Cò an duine fortanach a fhuair amach è ? Cò am fear mu-dheireadh aig an robh è ? Càit an robh a chòmhnuidh ? C'ainm a bh' air ? No, an tu-féin an cheud neach a fhuair nèamh air thalamh ? Ah ! a thruaghain, na earb á d'fhortan, na dean uaill ann do bhuanachd, gus an larr làithean fada, fiosrachaidh ort uaill a dheanamh. Na sàraich thu-féin le larraidh ni air thalamh nach 'eil idir ànn, air eagal gu'n càill thu d'anam, agus gu'n ionnsuich thu le fiosrachadh goirt, ni a dh-fhaodadh tu, na'm b' àill leat, ionnsachadh gu toinisgeil a chum do bhuanachd a's feàrr, le eisdeachd ri iomadh rabhadh o Dhia 'n a fhocal, agus le smuaineachadh air sgrios nam mìltean a mheall 's a mhìll iad-féin romhad. Geda choinnicheadh tu Sàtan air 'béinn a' bhuaividh,' agus geda 'nochdadh è dhuit an sin uile rioghachdan an domhain agus an glòir,' cha b' urrainn è ni sam-bith a nochdadh dhuit air am b'fhiach dhuit do smuaintean a shocrachadh, no idir ni a b'fhiach dhuit a ròghna chadh air thoiseach air d'fhois. Gun teagamh, féumaidh sinn, ann an céumaibh ar dleasanais, sùim a ghabhail de na nithibh a ta bhos, ach càit am faighear duine nach larr tuilleadh ? no cò an t-anam a's urrainn flor fhois 'fhaotuinn ànnta ? Am fear a's lugha cùram mu nithibh tìmeil, gheibh è cuid diubh draghail, no searbh.

Anis, a Chriosduidh, faic falamhachd 'us bochduinn nan uile nithe a ta bhos, agus lànachd phriseil nan nithe a ta shuas. Geda ruitheadh do smuaintean, cosmuil ris an t-seillean dhìchiollach, thairis air gach ni 's an t-saoghal, a' dol o luibh gu luihh, o chréutair gu créut-air, agus o shaoibhreas gu onoir, is beag mil, no milseachd a bheireadh iad dachaидh, ach na chruinnicheadh iad o'n dàimh ris an t-siorruidheachd. Ged is fior luach-mhor gach focal de fhìrinn Dhé, agus ged is còir a dion gu cùramach, gidheadh is ànn a chum ar treòrachadh a dh-ionnsuidh ar fois', a hhuineas duinn smuaineachadh air teagasg na fìrinn. Gu dearbh is fior cheart a theirear, "Nach rohh cridheachan luchd-deasboireachd air diadhachd riamh air am blàthachadh ann an deasbud, le aon sradaig de ghràdh Dhé." Is còir aire cheart a thoirt do "ghnothaichean na h-eaglais agus na stàite," fhad 's a tha iad a chum freasdal Dé a shoilleireachadh, chum an soisgeul a chraobh-sgaoileadh, a chum onoir a chur air uachdaranaichd Chriosd, agus mar sin, a chum ar n-anamanan féin agus anamanan nan ginealachd a thig 'n ar déigh a theàrnadh; ach is iad sin nithe a bhuineas do'n t-saoghal shìorruidh. Cha n-airidh na gnothaichean a's feàrr agus a's àirde 's an t-saoghal so, eadhon reic 'us ceannach, ith 'us òl, togail thighean 'us pòsadh, cogadh agus sìth, air làn smuaintean tric a' Chriosduidh, ach amhàin cho fad 's a hhuineas iad do'n bheatha ri teachd, 'us cha n-ànn do thoileachadh na fedla. Agus anis nach 'eil do choguis féin ag ràdh nach 'eil ni sam-bith ànn air an fhiàch dhuit d'anam a shocrachadh, ach amhàin nèamh agus an t-sligh d'a ionnsuidh?

Anis, a léughadair, am hheil, no nach 'eil na smuaintean sin luachmhor, cudthromach? An do dhearbh mì dhuit gur è do dhleasanais do chridhe hochd a shuidheachadh air na nithibh saoibhir a ta shuas? Freagair a' cheist. Ma their thu, Cha do dhearbh, is cìnnteach mise gu'm bheil thus' ag àicheadh guth do choguis féin. Ma dh-aidicheas tu thu-féin dearbhte, gur è so do dhleasanais, dìtidh do theangaidh sin féin thu, agus labhraidh d'aideachadh sin gu géur a'd' aghaidh, ma ni thu dearmad air do dhleasanais aidichte. Bi làn-toileach, matà, agus tha 'n obair tuilleadh 'us leth deante.

So dhuit anis beagan sheòlaidhean soilleir, anns an ath Chaibdeil, a chum do chuideachadh ris an obair mhòir so. Ach, mo chreach ! is dìomhain an ainmeachadh, mur 'eil thusa toileach an cleachdad. Gidheadh, bheirear dhuit iad, agus gu'n deanadh an Tighearn do chridhe aomadh a dh-ionnsuidh na h-oibre so !

CAIBDEIL XII.

Caochladh Seòladh a chum Caithe-beatha Nèamhaidh a choimhead air Thalamh.

Ma's luachmhòr leat an sòlas a thig o *chaithe-beatha nèamhaidh*, guidheam ort o Dhia, seachainn gu cùramach luchd-bacaiddh àraig ; agus an déigh sin, dean gu tric, dìchiollach, fìrinneach na dleasanais sin a chuidicheas tu gu mòr a chum ruigheachd air caithe-beatha nèamhaidh.

I. So anis an luchd-bacaiddh a's còir dhuit a sheachnad gu cùramach, air gach dòigh ann do chomas ; eadhon, —A bhi beò ann am peacadh aithnichte sam-bith, —Inntinn thalmhaidh, —Cuideachd dhaoine mi-dhiadhaidh, —Creidimh nam barail, —Spiorad uaibhreach, mòr-chuisseach, —Spiorad lùnndach, —Earbsadh ann an ullachadh lòm airson na beatha nèamhaidh, gun eòlas idir air a' bheatha sin féin.

1. Is *bacadh* mòr air caithe-beatha nèamhaidh, a bhi bed ann am peacadh aithnichte sam-bith. Fàsaichidh sin d'anam gu tròm. Mo thruaighe ! millidh è d'aoibhneas ! Is goirt am milleadh a rinn è air gràsaibh mhòran ! a' siòr-lagachadh neart an anama ann an coimhlionadh a dhleasanais ! Anis, a léughadair, an neach thus' a rinn ainneart air do choguis féin ? Am fear-dearmaid thu air do dhlasanasasaibh aithnichte, follaiseach no uaigneach, conaltrach no diombair ? An tràill thu do ana-mìann, no do dhroch càil air-bith ? Am bheil thu àrdanach, agus déigheil, mìannach air moladh ? An duine drànn-danach, frionasach thu, ullamh gu fearg a ghabhail ris gach focal, 'nuair a shaoleas tu gu'n d'rinneadh tàire,

no dìmeas ort? Am fear-meallaidh thu ann an dean-amh għnothaichean ri muinntir eile, no am bheil thu 'g iarraidh a bhi saoibhir, iochd, achd, àraidh? Ma's duine mar sin thu, faodar a ràdh gu'm bheil nèamh agus d'anam-sa glé aineolach air a chéile. Cha leig na sailean sin ann do shùilibh dhuit amharc suas ri nèamh. Is nebil iad a' seasamh eadar thu-féin agus Dia. 'Nuair a dh-fheuchas tu ri smuaineachadh air an t-slorruidheachd, agus ri sòlas a tharruing o'n bheatha ri teachd, seallaidh do pheacadh riut anuis an aoduinn, air a' cheart uair sin, ag ràdh riut, "Cha bhuin na nithe sin dhuit-sa. Cionnus a għeibheadh tusa sòlas o nèamh, agus tlachd cho mòr agad ann an ana-miannaibh salach na fedla?" Faic, O faic mar bhàthas sin d'aoibhneas! Ginidh è sniuaintean searbħ, agus cha n-è toil-ìnntinn mhilis dhuit! fàgaidh è thu gun tlachd ann an staid na fois! Bàthaidh gach peacadh, a ni thu, do shòlas mar bhàthas uisg an teine. 'Nuair a shaoileas tu gu'm beothaichear do shòlas, is ānn a bhàthas do pheacadh ás è gù léir. Chàill thu nise do thoil, chàill thu do chomas air éirigh suas gu nèamh le medrachadh diadhaidh; oir chàill thu do sgiath,—eadhon sgiath làidir a' chreidimh,—għeàrr do pheacadh dhìot]. Cha n-urrainn thu éirigh suas na's mò na b'urrainn eun éirigh air iteig, an déigh d'a sgiathan a bhi air an gearradh dheth.

Gearraidh am peacadh fèithean na beatha nèamhaidh so. O dhuine! Is mòr a' bheatha sin a tha thus' a' cāll! Is mòr an sòlas làitheil a tha thus' a' reic air ana-miann truaillidh! Coinnichidh nèamh agus ifrinn a chéile, agus gràdhaichidh Dia am peacadh, air an là sin air an urrainn do chaithe-beatha-sa 'bhi air nèamh le blasad air glòir, 'us tu fathast bed ann am peacadh air-bith, 's ag ði truaillidheachd. Gabh an aire nach fogair am peacadh do phearsa bho nèamh, mar tha ènis a' fògradh do chridhe bho smuaintibh nèamhaidh. Agus mur 'eil thu ciontach ann am peacadh, mur 'eil peacadh aithnichte sam-bith a'rìgħeachadh annad, smuainich, cia muladach do chor, ma għeibhear thu uair air-bith fo bhuaidh peacaidh. Dean caithris, matà; rùnaich gu làidir gach coslas peacaidh a sheachnad. agus cum amach ás gach céum buairidh. Is mòr

ar féum air an ùrnuigh so a chur suas gach uair, “Na leig sinn ann am buaireadh, ach saor sinn o ‘n olc !”

2. Is *bacadh* eile, innenn thalmhaidh; agus féumar a seachnadh gu cùramach. Cha n-urrainn tlachd do chridhe ‘bhi araon ann an Dia agus ann am mammon, ann an nèamh agus anns an talamh. ’Nuair a gheibhear an creidmheach nèanmhaidh ‘g a thoileachadh fèin le heannachd Dhia, agus “a deanamh gàirdeachais ‘an dòchas” na glòire ri teachd; theagamh gu’m faighear thusa ‘g a d’thoileachadh fèin le do shoirbheachadh saoghalta, agus a’ deanamh gàirdeachais ann an dòchas do chinneachaidh ‘s an t-saoghal so. ’Nuair a bhitheas an Criosduidh nèamhaidh a’ gabhail toil-inntinn dhà-fèin ann an sealltuinn suas ri Criosd, ris na h-ainglibh agus ris na naoimh, a’ chuideachd a bhitheas aige gu siorruidh, hithidh tus’ a’ gabhail toil-inntinn dhuit-fèin ann an sealltuinn ri do shaoibhreas, ri do chuid pàipeiran, ri do chùnntais, ri do bhannaibh-sgrìobhte, ri do bhathar, do spréidh, no d’aitreabh; agus a’ smuaineachadh air deadh-ghean dhaoine mòra, air oighreachd mhòir, thaitnich, air ullachadh mòr airson do chloinne an déigh do bhàis, air onoir do theaghlaich, no air meudachadh do luchd-eisimeil. Ma thuirt Criosd “amadan” ris an fhear a labhair ris-fèin, ag ràdh, “Anam, gabh fois, a ta agad mòran do nithibh maithe air an tasgaidh fa chomhair mòrain bhliadhna chan,” nach tus’ “amadan” a’s mò gu mòr a’ labhairt nam hriathran céudna ann do chridhe le fios duit? Innis-dhomh anis, ma’s urrainn thu, ciod an t-eadar-dhealachadh a tha eadar briathran an “amadain” so agus smuaintean do chridhe-sa?

Cuimhnich, is ann ri ‘Fear-rànnsachaiddh nan cridh eachan’ a tha do ghnothach. Bi cìnnteach á so, mar a’s mò do thaitneas agus d’fhois ann an nithibh tal-mhaidh, is ànn a’s lugh a do thaitneas ann an Dia. Faodaidh d’innenn thalmaidh còrdadh ri d’aideachadh agus do dhleasanais o’n leth-muigh, ach cha n-urrainn i còrdadh ris an dleasanais nèamhaidh so. Is maith is aithne dhuit-fèin cho ainmig, fuar, cho cahhagach, gruamach ‘s a bha do smuaintean air an aoibhneas a ta shuas, riamh o’n thòisich thu cho dìan air marsantachd an t-saoghlail.

O nach mallaichte boile sin mhòran a ta nis a' gabhail orra-féin a hhi diadhaidh! Léumaidh iad air oibríbh lòn-mhor, tròm gus am bi iad luchdaichte le saothair, agus air am bacadh le cùram, ionnus gu'm bheil è cho mi-chomasach d'an anamaibh conaltradh a chumail ri Dia 's a bhithheadh è do dhuine coiseachd le béinn air a dhruim; agus iad cho neo-dheas gu éirigh suas air sgiath a' mhèdrachaidh nèamhaidh, 's a tha 'n cuirp air cruinn léum a thoirt suas gu uchd na gréine! Agus an uair a chailleas iad a' bheatha nèamhaidh sin a dh-fhaodadh iad a choimhead air thalamh, gheibhear iad 'g an dìon féin, ni nach gabb idir deanamh, le argumaidibh faoin, grod, ag iarraidh a dhearbhadh gu'm bheil an cleachdadhl féin laghail gu leòr.

Comhairlicheam dhuit, a Chriosduidh, a hhais air taitneasaibh na heatha nèamhaidh, ma's maith leat blasad orra fathast, seachainn pöll-slugaidh na h-inntinn talmhaidh. Ma's "àill leat a bhi beartach, tuitidh tu ann am buaireadh, agus ann an ribe, agus ann an iomadh ana-miann amaideach agus ciùrrail." 1 Tim. 6. 9. Cum uia nithe sin air an taohh muigh dhiot, chum gu'm bi è soirbh dhuit an tilgeil uait air gach àm, mar thilgeadh tu d'fhalluinn uachdair; ach cum Dia agus glòir an còmhnuidh astigh ann do chridhe. Cuimhnich gu bràth "gur nàimhdeas an aghaidh Dhé, càirdeas an t-saoghal; ge b'e air bith neach uime sin leis an àill a bhi 'n a charaid do'n t-saoghal, tha è 'n a nàmhaid do Dhia." Séum. 4. 4. "Na gràdhaichibh an saoghal, no na nithe a ta 'san t-saoghal. Ma ghràdhaicheas neach air hith an saoghal, cha-n 'eil gràdh an Athar ann." 1 Eò. 2. 15. Is soilleir, dileas an teagast sin, agus is sona do gach neach a ghahhas ris gu cùramach, ceart!

3. Bi faicilleach an aghaidh cuideachd dhaoine mi-dhiadhaidh. Ach cuimhnich, cha n-eilear idir ag iarraidh ort tàir a dheanamh orra, no idir am fuathachadh. Na fuathaich ach amhàin an droch gnè, an droch càinnt 's an droch cleachdadhl. Gràdhaich an anamanan, agus fhad 's a bhitheas dòchas de'n taobh, gnàthaich gach fàth-chothrom ann do chomas, a chum an toirt gu ath-leasachadh beatha. Na abair idir nach fheàrr iad na madraighean no mucan, agus mar sin, nach

fhìach iad seasamh 'n an cuideachd, no idir labhairt riutha mu chor an anamanan. Is i an dòigh a's feàrr an comhairlcachadh gu ciùin, dileas, gràdhach, agus leantuinn air an comhairleachadh mar sin, fhad 's a bhitheas dòchas de'n taobh. Ach gabh an aire nach cum thu dlùth chòmpanas gun fhéum, gun mhaith ri daoine mì-dhiadhaidh.

Gheibhearr cronail, cha n-è mhàin cuideachd dhaoine mi-naomh, am mionnadair, am misgeadair agus nàimh-dean na diadhachd, ach gu ro thric còmpanas dhaoine modhail, siobhalta aig am bi còmhradh faoin, falamh gun teagasg nèamhaidh. Tha iad sin glé ullamh gus ar smuaintean a tharruing air falbh o nèamh. An àit sin, is ànn a chuireadh ar cridbeachan rag, féum an còmh-nuidh air cuideachadh làidir, a chum an tarruing suas gu nèamh; oir do thaobb nàduir, cha għluais aon diubh a dh-ionnsuidh nèimh, na's mò na għluaiseas clach, no clōd o'n talamh a dh-ionnsuidh nan spéur. Cha ruigeар a leas na creagan a bhacadh o éirigh suas anns na spéuraibh, is leðr gun an cuideachadh. Agus gu cìunt-cach, mur faigh na spioradan againn-ne an cuideachadh gu mòr, is furas an cumail o éirigh suas, ged nach coinnicheadh iad cnap-bacaidh sam-bith. O smuainich air so 'nuair is àill leat còmpanaich a dheanamh dhuit-féin! Ach an uair a bhitheas do spiorad cho déigheil air nèamh, ionnus nach bi féum aige air cuideachadh a chum a thogail suas, ach è, mar lasair, a'sior-éirigh suas, agus a' trusadh leis gach neach a choinnicheas è air an t-sligh, an sin, ach nì h-änn idir gu sin, faodaidh tus' a bhi car coma cò a' chuideachd anns an tuit thu. Ciod is fheàirrd do bheatha nèamhaidh a chluinntinn ciamar a tha 'dol do'n fhéill, agus do'n aimsir, no dè an naigh-eachd ùr a tha 'measg sluaigh? Is è sin còmhradh dhaoine talmhaidh.

An cuidiclear do chridhe gu éirigh suas a dh-ionnsuidh Dhé le neach a chluinntinn ag ràdh 'B'è sid am ministear comasach, no b'è sid an searmonaiche tréun, no b'è sid an Crioduidh mòr, no b'è sid an t-searmoin àluinn, no b'e sid an leabhar maith,' no le éisdeachd ri cònsachadh teànn gun stà mu chreidimh? Gu ro thric is è sin còmhradh a's feàrr a's dòcha dhuit 'fhaotuinn

aig fear-aideachaidh foirmeil, hruidhneach, marbh-chridheach. Anis ma hha thus' o chionn ghoirid a' blàthachadh do chridhe le meòrachadh air na h-aoibh-neasaihh heannaicht' a ta shuas, nach meilicheadh an còmhradh sin d'aignidhean, agus nach grad a bheireadh è air do chridhe reothadh arist? Tha mì nis a' faigh-neachd so dhe tuigse gach neach a dh'fheuch ris an ohair so, agus aig am bheil beachd idir air fonn a spioraid féin. Cha mhaith is urrainn daoine lahhairt air aon ni, agus aire cheart a thoirt do ni eile, gu h-àraid dà ni cho eadar-dhealaichte 'n an nàdur ri nèamh 'us talamh. Sibhsc, a muinntir òg, a ta ro bhailteach do'n hhuaireadh ud, smuainichibh air an teagastg so. An urrainn bhur cridheachan a hhi air nèamh, agus sibh maille ri còmpanaich stoirmeil ag éigleachd 's a' gleadh-raich os-ceànn na dibhe-teinnntich anns an tigh-òsda? no 'nuair a bhitheas sibh ag ohair maille ri crèutairean d'an càinnt chumanta "draosdachd, no còmhradh amaideach, no hao-shìugradh, nithe nach 'eil iomchuidh?"

Eph. 5. 4. Ni-h-eadh, ach leigibh dhomh innseadh dhuibh, ma's è sluagh mar sin is còmpanaich dhuibh, 'nuair a dh-fhaodadh sibh, na'in b'àill leibh, còmpanaich na b'fheàrr 'fhaotuinn, agus ma's è an cuideachd toil-inntinn a's taitniche leihh, is fhada sihhse bho chaithe-heatha nèamhaidh; cha n'-eil còir agaihh fathast air nèamh; agus mur atharraich hhur cridheachan, bithidh sibh fada, fada hho nèamh gu sìorruidh. Na'n rohh bhur n-ionmhas shuas, cha b'urrainn bhur cridhe 'bhi air nithibh a ta cho fada hho nèamh. A dh'aon fhocal, is i ar cuideachd pàirt de'n t-sonas a hhitheas againn air nèamh. agus is ànn aréir na cuideachd a ròghnaichear leinn air thalamh, a luathaichear no 'chaisgear ar céum gu nèamh.

4. Seachainn *deasboireachd* mu nitibh na diadhachd, agus creidimh aig nach 'eil stéidh sam-bith ach barail dhaoine. Is iadsan a's lugha eòlas air a' bheatha nèamhaidh. dcashoirean a's braise agus a's teotha air na nithibh a bhuineas do thaobh-mùigh na diadhachd. Am fear aig nach 'eil creidimh sam-bith eile, ach amhàin fuaim nam barail, is è a's trice agus a's éudmhoire 'gheihhear a' labhairt 's a' dòn a hharailean bochd féin

Ach am fear aig am bheil a chreidimh a' sruthadh bho eòlas air Dia, agus o ghràdh do Dhia agus do Chriosd, is è a's dìchiollaich' a labhras air an là shona sin air am faigh è an làn-mhealtuinn. Is tearc, luachmhor an Criosduidh sin d'an aithne fìor fhéum a dheanamh de'n fhàrrinn shoilleir. Air an aobhar sin, comhairlicheam dhuit-sa, ma's àill leat beatha nèamhaidh, na caith ach beag de do smuaintibh, de d'ùin, de d'éud, agus de do bhriathraibh air deasboireachd nach urrainn sìth, no sòlas a thoirt do d'anam. 'Nuair a bhitheas cealgad-airean heò air rùisg 'us plaoisg, bì-sa bed air na h-aoibh-neasaibh a ta shuas. Is maith a bhi comasach air fìrinn Dhé a dhòn ameasg dhaoine, agus is còir dhuinn léughadh agus ionnsuchadh a chum na crìche sin; ach thugamaid a' cheart aire nach ceadaich sinn do dheasboireachd mu'n fhàrrinn fein ar cridheachan a għluasad de na nitibbh a ta shuas. Is tric a chualas muinntir a' cōnsachadh ri 'chéile mu chreidimh, ach is ainmig a chunnacas iad a' fàgail na cùise na's soilleire, an déigh dhoibh sgur, na bha i 'nuair a thòisich iad. 'Tha na nithe sin ro dhomhain airson sealladh goirid dhaoine.

Is beag is fheàrrd anam air-bith cōnsachadh mu'n fhàrrinn, agus is maith nach 'eil mòr chōnsachadh mu na fìrinnibh a's prisèle luach. Ach éisdeamaid anis ciod a tha focal Dhé fein ag ràdh air a' chùis so:—"Gabhaibh ris an neach a ta anmhunn 's a' chreidimh, ach cha-n ann chum deasboireachd amharusach." *Rdm.* 14. 1. "Ach seachainn ceisdean amaideach agus neo-fhòghluimte, air dhuit fios a bhi agad gu'n tog iad connsaichidhean. Agus cha-n fheud òglach an Tighearna 'bhi cōnspoideach. 2 *Tim.* 2. 23. "Ach seachainn ceisdean amaideach, agus sloinnteireachd, agus cōnspoidean, agus cōnsachadh mu'n lagh: oir tha iad gun tairbhe agus diomhain." *Tit.* 3. 9. "Ma bheir aon neach atharrachadh teagaisg uaith, agus nach aontaich e do bhriathraibh fallain, eadhon do bhriathraibh ar Tighearna Iosa Criosd, agus do'n teagasg, a ta réir na diadhachd: Tha e uaibhreach, gun eòlas aige air ni sam-bith, ach e ás a chéill mu thimchioll cheisdean, agus bhriathar-cōnsachaidh, o'n tig farmad, comhstri, anacainnt droch amharusan, fiar-dheasboireachd dhaoine aig aìn

bheil inntinn thruaillidh, agus as eugmhais na firinn, a' meas gur buannachd an diadhachd : dealaich ri an leithidibh sin." 1 Tim. 6. 3-5.

5. Gabh an aire nach bi do spiorad naibhreach, mòr-chuiseach. Tha fuath anabarrach làdir eadar Dia agus am peacadh so. Fhad's a bhitheas am peacadh so a' righeachadh ann do chridhe, cha tig Dia agus do chridhe gu bràth fagus d'a chéile. So am peacadh a thilg Sàtan, agus na h-ainglean a thuit. amach á nèamh, agus ma gheibhear annads' è, cumaidh è do chridhe mach á nèamh. So am peacadh a thilg ar ceud sinn-searan amach á párras, agus a dhealaich sinne bho 'n Tighearn. agus a thug a mhallaichd air na h-uile chréutairibh an so fo nèamh ; agus gu cìnnteach cumaidh è ar cridheachan o phàrras, agus meudaichidh è ar dealachadh mallaichte bho Dhia. Ach cumaidh co-chomunn ri Dia sinn iriosal, agus meudaichidh an irioslachd sin co-chomunn dhaoine ri Dia. 'Nuair a chleachdas duine 'bhi tric maille ri Dia, agus a bhi 'smuaineachadh air a bhuidhean glòrmhor, 'gabhaidh è gràin dheth-féin ann an duslach agus ann an luath', agus is è am féin-irioslachd sin deasachadh a's feàrr a chum a thoirt astigh an làthair Dhé, arist. Uime sin, matà, an déigh là irioslachaiddh an anama, no air amaih trioblaid. 'nuair a's ilse an t-anam, is tric leis rathad réidh 'fhaotuinn a dh-ionnsuidh' Dhé, agus blasad gu pailt air a' bheatha sin a tu shuas. Tha tlachd Dhé anns an duine sin "a ta bochd agus leònta 'n a spiorad, agus a chriothnaicheas roimh 'fhocal.'" Isâ. 56. 2. Agus tha tlachd an anama sin ann an Dia ; agus an uair a bhitheas an tlachd mar sin taobh air thaobh, bithidh aca coinneachadh réidh, fàilt thaitneach agus conaltradh tric. Ach is fhada Dia bho chòmhnuidh an anama sin a ta uaibhreach, àrdanach, agus cha cheadaich Dia dhà teachd fagus dà. "An tì aig am bheil sealladh àrd, agus cridhe uaibhreach, esan cha-n fhuiling mi." Salm 101. 5. "Tha Dia a' cur an aghaidh na uaibhreach, aeh a' toirt gràis dhoibh-san a tha iriosal." 1 Pead. 5. 5.

Gheibhear inntinn uaibhreach 'g a h-àrdachadh féin. le féin-mheas, féin-spéis, agus le géur-thogradh feòl-

mhor. Ach gheibhear ìnn-tinn iriosal air a h-àrdachadh gu ceart 'an sealladh Dhé le géur-thogradh naomh. Sin anis dà ìnn-tinn àrd a tha, seach gach seòrsa ìnn-tinn eile, a' dol calg-dhìreach an aghaidh a chéile, mar chithear cogadh, mar a's trice, eadar rìgh agus rìgh, 'us cha n-ànn eadar rìgh agus treabhaiche. Seadh, matà, an duine thus' a tha luach-mhor ann do shealladh féin? An taitneach leat daoine eile mòr mheas a chur ort, agus an cuirear mòr sprochd ort, an uair a ni iad dìmeas ort? An docha leat muinntir a chuireas onoir ort: agus an suarach leat iadsan nach cuir. ged bn daoine còire, diadhaidh iad? Am féunar do chàil a riarrachadh? an àill leat do bharail féin a bhi 'u a riaghait, agus d'fhocal, olc, maith è, a bhi 'n a lagh do na h-uile a ta mu-n-cuairt duit? An las d'fhearg, ma dhiùltar do thoil, no d'fhocal? An ni suarach, tàireil leat spiorad iriosal? An aithne dhuit aideachadh agus géilleadh iriosal a dheanamh an déigh dhuit peacachadh an aghaidh Dhé, no cròn a dheanamh air do cho-chréutair? An duine thus' a tha coma do na bochdan, agus am bi nàir ort a bhi air d'fhaicinn 'n an cuideachd? An urrainn thu seirbhis a dheanamh do Dhia ann an àit air-bith, àrd, no iosal? Am bheil d'uailair a casgadh le crìonnachd, no seòltachd, agus cha n-ànn le irios-lachd? Am miannach leat sùilean nan uile dhaoine 'bhi ort, agus an cluinn-tinn ag ràdh, "So an duine?" Am bheil thu aineolach air mealltaireachd 'us aingidh-cachd do chridhe féin? An fheàrr leat a ràdh gu'm bheil thu neo-chiontach, na thu-féin a choireachadh, no do chionta féin aideachadh? An gànn a dh-fhuiligeas tu achmhasan, no teagast teànn, dìleas a rùisgeas droch nàdur do chridhe dhuit? Ma's iad na nithe sin dealbh do chridhe, is crétair uaibhreach thu. Tha ro mhòran de nàdur na h-ifrinn a' gabhail còmhnuidh annad. Tha d'anam cosmuil ris an diabhul, 's an lorg sin tha thu aineolach air nèamh, agus air dlùth chon-altradh ri Dia. Is è 'n duine uaibhreach a dhia féin. Cuiridh è suas e-féin mar iodhol dhà-féin. Ciamar matà, is urrainn aignidhean an dnine sin a bhi suidh-ichte air Dia? Ciamar idir is urrainn a chridhe 'bhi air nèamh? Faodaidh innleachd agus cuimhne làidir

a theangaidh a liónadh le briathraibh iriosal agus nèamhaidh, ach cha n'-eil dad de nèamh, no idir irios-lachd 'n a spiorad. Is ceart labhairt gu farsuing air a' cheànn so, a chionn gur è so am peacadh cumanta agus cunnartach a's mò 'tha gach uair a' greasad dhaoine gu peacadh mòr na h-ain-diadhachd.

O nis, a Chriosduidh ! ma's àill leat a bhi beò an còmhnuidh an làthair do Thighearna, luidh sìos anns an duslach, agus togaidh e-féin suas á sin thu. "Fògh-lumaibh uam," arsa Criod, "oir a ta mise macanta agus iriosal an cridhe : agus gheibh sibh fois do bhur n-ananiaibh." *Mata* 11. 29. Mur gabh thu tairgse Criod, bitidh d'anam "cosmhuil ris a' mhuir bhuairete, oir cha-n urrainn i bhi aig fois ; ach tha a h-uisgeachan a' dùsgadh a nìos salchair agus làthaich." *Isà.* 57. 20. Agus an àit dhuit a bhi air do liónadh le tlachd milis ann an Dia, lionaidh d'uabhar thu le buaireas nach sguir. "Ge b'e dh'ìslicheas e-féin mar leanaban, is e sin a's mò" a bhitheas an déigh so "ann an rioghachd nèimh." *Mata* 18. 4. Agus mar sin, is è neach a's mò roimh-bhlàs an diugh air an rioghachd sin. "Gabhaidh Dia còmhnuidh maille ris-san fòs a ta leònta agus iriosal 'n a spiorad; a bheothachadh spioraid nan iriosal, agus a bheothachadh cridhe nan daoine leònta." *Isà.* 57. 15. Air an aobhar sin, "irioslaichibh sibh-féin am fianuis an Tighearna, agus àrdaichidh è sibh." *Séum.* 4. 10. Agus "an uair a dh'ìslichear daoine, an sin their thu, Bithidh àrdachadh ann ; agus saoraidh è an t-iriosal." *Job* 22. 29.

6. Is fear-bacaidh tròm eile air a' chaithe-beatha nèamhaidh so, *spiorad lùnnidach, leisg*. Gu dearbh is è ino bheachd féin nach 'eil ni sam-bith eile 'g a bhacadh na's mò na sin ann an daoine aig am bheil deadhthuigse. Mur bitheadh ri dheanamh ach amhàin gniomh pearsa, gluasad nam bilean, agu slùbadh na glùine, rachadh dnoine 'n an léum do nèamh. cho tric 's a théid iad a dh-fhaicinn caraid; ach is leisg, duilich leinn ar smuaintean agus ar n-aignidhean a tharruing o'n t saoghal, gach gràs a ta againn a chur air obair, agus a chumail air obair, 'g a shiòr-mheudachadh gus an soirbhich an obair ann ar làmhaibh.

A léughadair² tha nèamh os do chionn, agus an saoil thu-féin gu'n dìspich thu an àirde mhòr sin gun rùn, gun saothair? An téid agad air do chridhe talmhaidh a thogail gu nèamh, agus d'innntinn leisg a thoirt a dh-ionnsuidh Dhé, 'us tu-féin sìnte sìos ris an talamh, agus a' gabhail fois', gun aon smuain aga'd air nèamh? Na'm bu leòr dhuinn fantuinn shìos aig iochdar na beinne, agus sealltuinn suas le sedrsa tograiddh a mullach a ruigheachd, gun saothair idir ach sin, dh-fhaodaimid coiseachd gach là gu nèamh. Ach "a ta rioghachd nèimh a' fulang ainneirt agus luchd na h-ainneirt 'g a glacadh le làmhachas làdir." Mata 11. 12. Féumar "ainneart," no obair dhian a ghnàthachadh a chum an ceud thoradh 'fhaotuinn, cho maith ri làn sheilbh. Nach 'eil thu-féin a' tuigsinn gur fìor sin, ged nach rachadh innseadh idir dhuit an so? An téid do chridhe suas, mur greas thu suas è? Tha fios agad gur è nèamh d'uile dhòchas; tha fios agad nach urrainn ni sam-bith air thalamh fois a thabhairt duit, agus gur beag sòlas a gheibh cridhe bho nèamh, nach 'eil ach ainmig a' smuaineachadh air nèamh, agus gidheadh nach 'eil thus' a' fantuinn shìos sìnte ris au talamh, ged tha iomadh fàth-chothroim agad air eòrigh suas, agus a bhi beò inaille ri Dia? Nach tric a mholas tu mìlseachd na beatha nèamhaidh, agus nach abair thu gur iad na Criosduidhean a's feàrr aig am bheil i, agus an déigh sin uile. cha bhais thu-féin oirre? Mar a shìneas an lùnndair e-féin air a leabaidh, ag éigheachd, "O b'fheàrr gu'm b'obair so!" mar sin gheibhear thusa ri bruidhinn, ri diomhanas, agus tu beò ann am fois do lùnndaireachd, ag ràdh, "O b'fheàrr gu'm faighinn mo chridhe suas gu nèamh!" Nach iomadh neach a léughas leabhairchean agus a dh-éisdeas searmoinean le dùil gu'n cluinn iad mu rathad na's socraiche, no gu'm faic iad rathad na's giorra gu sòlas, na gheibhear anns na Sgriobtuiribh? No iarraidh iad seòladh airson beatha nèamhaidh, agus na'm bu leòr èisdeachd ri seòladh, cait am faighear Criosduidhean a's nèamhaidh na iadsan! ach an uair a chomharraicheas sinn amach an obair a tha dleasanach dhoibh, agus a dh-ìnnseas sinn dhoibh nach urrainn iad an sòlas nèamhaidh so 'fhaot

uinn air dòigh na's socrache, no gun saothair cheart a dheanamh air a shon, an sin, fàgaidh iad sinn mar "dh'fhalbh an t-òganach" o Chriosd "gu brònach;" oir b'annsa leis a "shaoibhreas" tìmeil na "ionmhas air nèamh." Mata. 19. 22.

Anis, a léughadair, ma tha thu dearbhta gu'm bheil an obair so féumail a chum do shòlas a chur air aghaidh, tòisich oirre gun dàil le d'uile chridhe. Ma dhiùltas do chridhe, ceànnsaich è le do réusan. Ma chuireas do réusan 'n a h-aghaidh, leig àithn Dia air gu dian, teànn, agus éignicheadh d'fhéum è. Léugh arist na smuaintean a ta air an cur sìos anns an aon *Chaibdeil* deug de'n Leabhar so. Na leig le ionmhas cho òirdheirc laidhe romhad, agus do làmh glaiste 'n a d'uchd gun a sineadh d'a ionnsuidh. Na biodh do bheatha fo shòr aineadas 'nuair a dh-fhaodadh i 'bhi taitneach, sòlasach dhuit, na'n robh thus' a' deanamh spàирн a chum ruigheachd air solus nèamhaidh. Na suidh sìos diomhain, dubhach fo spiorad lùnndach gun għluasad a dh-ionnsuidh nan sòlaspriseil a ta nis a' fas roimh do shùilibh. Na bi cosmhul ri duine 'n a shìneadh ann an lios fhliùraichean, leis nach àill eirigh suas 'g aìn faicinn, no idir a bhlaðad air an cùbhraidheachd mhilis. Is è Chriosd tobar na beatha. Ach gu cinnteach is domhain an tobar, agus féumaidh tusa dichioll a dheanamh air uisg a tharruing ás an tobar so, mu'n urrainn thu 'bhi air d'ùrachadh leis. Cho fad 's a tha do chridhe spioradail, cha n-eil féum agad air a' "chruidh spàирн" agus air an "ainneart" so uile; ach tha thu fathast feòlmhor ann an cuid, agus fhad 's a bhitheas tu feòlmhor anns an tomhas a's lugha, bithidh mòr fhéum agad air saothair a dheanamh gach là. B'd cleachdadh nam Partach, gun bhiadh sam-bith a thoirt d'an cloinn anns a' mhàduinn, no air toiseach an là, gus am faiceadh iad fallas air an gruaidean, an déagh dhoibh obair, no saothair a dheanamh: agus mar sin tha Dia gu tric a' deanamh ri 'chloinn féin: cha toir è dhoibh blasad air na sòlasaibh milis a ta aige dhoibh, gus an tòisich iad ri fallas a chur dhiubh le saothrachadh air an son. Thoir breth, mata, co aca nis a's feàrr dhuit beatha nèamhaidh, no d'fhois fheòlmhor,

agus mar dhuine glò, rōghnaich aréir do bhreith : rōghnaich "a' chuid mhaith" Seadh anis, thoir leat so chum do mhisneachadh : Cha ruig thu leas tuille smuaintean a ghnàthachadh seach na tha nis agad. Ach so ni a dh-fhéumas tu 'dheanamh, socraich do smuaintean air nithibh na's feàrr, na's luachmhoire, na's taitniche. Builich air gach là cloi liuthad smuain cùramach, dùrachdach air glòir òirdheire na beatha ri teachd, 's a b' àbhaist duit a bhi 'caitheamh gach là roimhe so, air nithibh saoghalta, seadh, air dìomhanas 'us amaideas, agus cha n-fhada gus am bi do chridhe air nèamh.

A dh'aon fhocal, is è 'fearann an duine leisg, a ta uile air fàs suas le cluaranaibh, agus còmhdaichte le eanntagach. Marbhaidh miann an leisgein a ghàird-eachas ; oir diùltaidh a làmhan obair a dheanamh. Is è 'n leisgein a their, tha leòmhan 's an t-slighe, leòmhan anns na sràidibh. Mar a thionndaidheas an dorus air a lùdاناibh, mar sin an leisgein air a leabaidh. Folaich-idh an leisgein a làmh 'n a bhroilleach, is doilich leis a toirt a chum a bheòil, geda b'ann a chum e-féin a shàsachadh le biadh na beatha.' *Gnàth.* 24. 30, 31. *Caib.* 21. 25. *Caib.* 26. 13-15. Ciod a gheibhear anns an leisg so uile, ach milleadh ar sòlais, agus mar sin a' tilgeil uainn luach na fola prìseil a cheannaich dhuinn è? oir "an tì sin a ta leisg 'n a obair, is bràthair è do'n mhìllteir mhòr." *Gnàth.* 18. 9. Cleachd an teagastg so aig d'obair spioradail, agus smuainich air a bhrigh gu ceart.

7. So anis *cùis-bhacaidh* sholaichte, chunnartach eile, agus is è sin, sinn a bhi toilichte le ullachadh amhàin airson na beatha nèamhaidh so, agus sinn fathast tur aineolach air a' bheatha sin féin. Nach tric a gheibhear sinn làn-toilichte le nithibh nèamhaidh ionnsuchadh amhàin, le briathraighe nèamhaidh 'us barailibh umpa, no le labhairt ri càch a chéile mu 'n timchioll, mar gu'm bu leòr sin gus ar cridheachan a dheanamh nèamhaidh. Tha luchd-teagaisg na firinn, luchd-léughaidh agus gu h-àraid luchd-searmonachaидh an t-soisgeil fo chunnart glé mhor tuiteam anns an ribe su. O cia furasda dhoibh sin a bhi air am mealladh.

mur dean iad faire! Nach 'eil iad sin a sìor-léughadh agus a' sìor-ionnsuchadh mu nèamh, a' searmonachadh 's ag ùrnuigh, 's a' labhairt gu tric mu nèamh; nach i sin an gnàth obair, agus nach beatha nèamhaidh, nach caithe-beatha nèamhaidh sin! Och! cha n'-eil anns na nithibh sin uile ach amhàin ullachadh air a son! Cha n'-eil ànnta sin ach tional an stuth', no nan cùngaidhean airson na h-aitreibh, agus cha n-è idir-suas-thogail na h-aitreibh féin. Cha n'-eil ànnta sin ach tional a' mhana airson muinntir eile, agus sinn-féin gun dad itheadh. no 'mhearbhadh dheth.

Mar dh-fhaodas duine sgileil, 'us è 'n a shuidhe stigh 'na thigh féin, fìor dhealbh dùcha nach do choisich 'us nach fhac' è riamh, a tharruing gu snasmhor, mar sin faodaidh tusa taitneas agus aoibhneas nèimh a mhùn-eachadh do mhuinntir eile, agus gidheadh gun do chridhe féin a theachd riamh fathast dlùth do nèamh. Faodaidh duine dàll, ma dh-ionnsuicheas è edlas orra, labhairt gu pùngail, soilleir air solus agus dathan: mar sin faodaidh tusa labhairt gu briathrach ri muinntir eile air an t-solus nèamhaidh sin leis nach robh d'anam féin air a shoillseachadh riamh, agus an teine sin a thoirt gu cridheachan do luchd-eisdeachd, leis nach robh do chridhe féin riamh air a bhlàthachadh. Bha mòran bhriathran nèamhaidh ann an teagast Bhalàaim, ach is beag a bha 'n a spiorad dhiubh! O mhiniestar an t-soisgeil, agus uile luchd-teagaig na firinn, thugamaid a' cheart aire nach bi sinn air ar mealladh. Tha è na's buailtiche dhuinn-ne na tha è do Chriosduidhean eile, a bhi air ar tàladh air falbh o'n bheatha nèamhaidh so. Is è ionnsuchadh 'us searmonachadh mu nèamh a's mò coslas ri beatha nèamhaidh, na smuaineachadh 'us labhairt mu nithibh saoghalta, agus tha sinn fo chunnart a bhi air ar mealladh leis a' choslas sin. Sin anis bas ro thruagh 'fhaotuinn, eadhon sinn-féin a reangadh, agus aran romhainn air ar bòrd; agus bàs 'fhaotuinn le tart, agus sinn a' tarruing uisge airson muinntir eile, a' smuaineachadh gur leqr a bhi 'n a mheasg gach là, ged nach òlamaid féin dheth idir, a chum ar n-anamanan-ùrachadh.

II. Air dhomh innseadh dhuit anis cò iad an luchd-

bacaidh a bhitheas ag iarraidh do chumail o'n obair so is è mo dhòchas gu'm bheil thus' a' làn-rùnachadh seas-amh amach 'n an aghaidh, agus gu dùrachdach, cùramach a' cur romhad an seachinadh; oir mur dean thusa sin, bithidh do shaothair diomhain. Fòs iunseam dhuit an so, gur maith leam thus' a ghealltuinn, ma's luachmhor leat an roimh-bhlàs taitneach so air nèamh. gu'n coimhlion thu na dleasanais a leanas, le làn rùn do chridhe: agus tuig nach dean idir léughadh nan dleasanais sin, gun an cleachdad, nèamh a thoirt a dh-ionnsuidh do chridhe. Gu h-àraid, màta;—

Bi dearbhta nach 'eil ionmhas agus sonas ànn ach nèamh 'n a aonar,—Saothraich a chum fios 'fhaotuinn gur è so do shonas fèin —Cia fagus a tha d'fhois;—Labhair gu dùrachdach, tric air d'fhois,—Feuch ri d'aignidhean a thogail na's fhaisge air àit d'fhois' anns gach dleasanais,—Gnàthaich gach cuspair, gach cùis 'us uair a chum na crìche sin,—Bi tric ri obair dhiadhaidh a' mholaidh,—Sealbhaich d'anam le smuaintibh creid-mheach air gràdh neo-chriochnach Dhé,—Faic, fàltich agus caidrich togradh agus aomadh an Spioraid Naoimh;—Agus na dearmaid eadhon càram dleasanach a ghabhail mu shlàint do chuirp.

I. Bi dearbhta nach 'eil ionmhas agus sonas ànn achi nèamh, agus saothraich a chum fios 'fhaotuinn cia mòr. cia maith an t-ionmhas agus an sonas'sin Mur creid thu gur è sin an t-àrd mhaith, cha shocraich thu do chridhe gu bràth air: agus féumaidh an dearbhadh so greim domhain a dheanamh air d'aignidhean; (Faic *Caib.* XIV—*Ear.* II.) oir mur bi agad ach a mhàin barail air a' chuis, is beag cífeachd a gheibh d' anam ànn. 'Nuair a shaoil le Eubha gur è am meas toirmisgte 'bu luachmhoire dhì na gràdh agus mealtuinn Dhé, cha b'iongantach geda thug sin a cridhe air falbh o Dhia. 'Nuair a's feàrr le do bheachd-sa taitneas na feòla na sòlas ann an làthair Dhé, cha n-urrainn do chridhe 'bhi air nèamh. Gu tric is ro luachmhor le daoine nithe talmhaidh, 'nuair nach aithne dhoibh cho bochd, faladh 's a tha iad; mar sin, is beag is fhiach le daoine sòlas àrd nèimh, 'nuair a gheibhear iad aineolach air a mhòr luach. Ma chì thu sporan òir, agus fios agad nach 'eil

ànn ach droch airgiod, no cùineadh feallsa, is beag domh'ann 'n a dhéigh. Cha n-è fior òirdhearcas ni féin, ach fios air an òirdhearcas a ta ànn, a dhùisgeas mìann neach 'n a dhéigh. Thoir do dhuine neo-ionnsuichte leabhar anns am bheil diomhaireachd eòlais 'us ealantais air am mineachadh gu soilleir, agus is beag a's fhìach leis an leabhar, cha n-fheàrr leis è na páipeir eile, agus sin do bhrìgh gu'm bhèil è aineolach air a luach, ach thoir an leabhar do dhuine aig am bheil fios air a luach, agus cuiridh è mòr mheas air : is feàrr leis léughadh dheth na biadh, deoch 'us cadal. Chuir na h-Iudhaich am Mesiah gu bàs air a' cheart àm 's an robh iad a' feitheainh ris, no anns an robh dùil aca ri 'theachd, a chionn nach b'aithne dhoibh è, agus mar sin tha sluagh an t-saoghal an diugh, a' sior-eigheachd airson fois', agus le mòr shaothair ag iarraidh taitneis agus sonais, a chionn nach aithne dhoibh an fhìor fhois ; oir na'n robh fìor eòlas aca air mòr luach na foise nèamhaidh, ciamar a b'urrainn iad dìmeach cho mòr a dheanamh air an ionmhas shìorruidh sin ?

2. Saothraich fòs a chum fios 'fhaotuinn gur è nèamh do *shonus féin*. Faodaidh sinn aideachadh gur è nèamh an t-àit, 's an staid a's feàrr, gun làn dòchas a bhi againn idir ri nèamh a mhealtuinn ; faodaidh sinn nèamh iarraidh gu dùrrachdach, 'nuair a shaoileas sinn gu'n téid againn air a ruigheachd, ach cha n-urrainn sinn gu bràth gàirdeachas fìor thaitneach a dheanamh ann an smuaineachadh air sonas nèimh, gus an tig sinn gus ar còir féin air an t-sonas sin 'fhaicinn ann an cuid. Nach beag an sòlas do dhuine rùisgte, aodach blàth, grinn 'fhaicinn air muinntir eile ? Nach beag an sòlas do dhuine aig nach 'eil àit anns an cuir è a cheànn fo fhasgadh, aitreabh mhòr, chosgail, ghoireasach 'fhaicinn aig muinntir eile ? Nach bu dòcha sin a dheanamh na's mi-thoilichte, na's anshocraiche, no na's truaighe ? Agus mar sin, gach neach a chluinneas mu òirdhearcas nèimh, gun fhios aige co dhiubh a tha, no nach 'eil còir aige-féin ànn, faodaidh an t-iomradh sin a thoirt air an t-òirdhearcas sin a mhiannachadh agus iarraidh. ach gidheadh is beag aoibhneas a gheibh è ànn. Ciod is fheàrrd duine sam-bith a chridhe féin a shocrachaill

air cuid duine eile? Mur bu leat-féin do thigh, do inhaoin, do spréidh 'us do chlānn, is ānn bu lugha do chùram ùmpa, agus do thaitneas ànnta. Anis, O Chriosduidh! na stad thusa, uime sin, gus am faigh thu fios air do chòir ann am fois nan naomh,—gus an urainn thus' a ràdh, “Is ì an fhois sin m' fhois-sa.” Ceasnaich, rānnsaich do chridhe féin. Beachdaich air ullachadh inòr nan naomh, 's an déigh sin, air ullachadh d'anama féin. Faic aréir na fìriùn gur è ullachadh nan naomh an t-ullachadh air am bheil fèum agad-sa. Thoir breth ort-féin an diugh le focal na fìriùn a ta agad,—a' cheart fhocal sin leis an toirear breth ort air “là mòr a' bhreithanais.” Fench nach mì-thuig thu an t-iomradh, no 'n cùnnatas a gheibh thu air na naoimh anns an Sgriobtuir. Na ceadaich dhuit-féin a bhi air do mhealladh le mearachd. Oir is olc dòchas feallsa; meallaidh agus millidh è d'anam. Is ānn le dòchas gun stéidh cheart a bha 's a bhitheas a' chuid a's mò de na daoine truagh, mallaichte air am mealladh.. Seachainn droch theagamhan,—teagamhan gun stéidh, —oir lagaichidh agus millidh iad do shìth. Is mòr an t-aobhar sàrachaидh agus an imcheist iad do na naoimh. Air an aobhar sin. ceasnaich thusa thu-féin gu'sàbhailt. Stéidhich do dhòchas air a' bhònn cheart. Lean air d'obair rānnsachaïdh gu ciàllach, glic, foighidneach le làn rùn do chridhe, agus na sguir dhì gu bràth gus am faigh thu fios cìnnteach am bheil, no nach 'eil còir agad fathast anns an fhois so. Hò! na'm b'aithne do dhaoine gu ceart gur è Dia an Athair, agus Criod am Fear-saoraïdh agus an Ceànn, agus gur iad sin an “aitean-còmhnuïdh sìorruidh,” agus gu'm faod iad còmhnuïdh a ghabhail ànnta sin, agus a bhi sona gu bràth, ciamar nach ròghnaicheadh iad le aiteas àrd roimli-bhlàs air an t-sonas sin? Na'n sealladh Crioduidh suas ris a' ghréin, ris a' ghealaich agus ris na réultaibh, mar gu'm bu leis féin iad sin uile ann an Criod, ag ràdh, “Sin beannachdan a dh'ullaich mo Thighearn air mo shon-sa-maille ri nithibh eile a ta fada nan cùan na's mò na iad sin,” cia mòr an t-àrd aoibhneas naomh leis am bitheadh a spiorad air a bheothachadh!

Nach 'eil muinntir a' tròm-pheacachadh an aghaidh

an sòlais féin, agus an aghaidh gràis an t-soisgeil, 'nuair a tha iad a' géilleadh do chumhachd a' mhi-chreidimh, agus ag àrach smuaintean an-earbseach mu thimchioll Dhé, agus smuaintean cronail mu thimchioll Chriosd, am Fear-saoraidh. a' labhairt air a' cho-cheangal, cha n-ànn mar cho-cheangal gràis, ach mar cho-cheangal gnìomha, a' cur dòchais ann an oibribh a' chréutair, agus ag amharc air Chriosd mar nàmhaid 'us cha n-ànn mar Shlànuighear, mar gu'm b' àill leis iad a bhàsachadh 'n am mì-chreidimh, an déigh dhà an cuireadh 's an gairm d'a ionnsuidh féin cho tlàth, cho caoimhneil agus cho tric, agus na piantan sin 'fhlolang air an son, 'bu chòir dhoibh-féin 'fhlolang? O nach bu sinn na h-éucor-aich! ag àrach amharuis mu Chriosd, ar Tighearn, 'nuair bu chòir dhuinn a bhi ri gàirdeachas 'n a ghràdh. Càit am faighear neach a b' urrainn Chriosd a ròghnachadh, mu'n do ròghnaich Chriosd esan, no càit am bheil neach a bha na's toiliche 'bhi sona, na tha Chriosd air a dheananbh sona. Uainn, uainn, matà, na smuaintean ainharusach sin, mur abair sinn toibheumach riutha. Ma leig thu riamh amharus astigh air dorus do chridhe, tilg uait è gu grad, agus gabh a' cheart airé nach faighear amharus agad ni's md. Sgrìobh Dia ainmean a phobuill féin air nèamh, mar a sgrìobhas sinne ar n-ainmean, no ar comharradh air bëathar, no nithibh a bhuinneas dhuinn, agus am faighear sinne nis ag iarraidh ar n-ainmean a dhubbadh amach á nèamh, agus an sgrìobhadh air dorsaibh na h-ifrinn? Ach gu ma beannaichte Dia, oir 'sèasaidh a bhunait daingean.' (2 Tim. 2. 19.) Agus 'cumaidh cumhachd Dhé sinne tre chreidimh chum slàinte.' 1 Pead 1. 5.

3. Saothraich a chum fios 'fhaotuinn cho fagus 's a tha d'fhois. Ciòd-air-bith a chreidear a bhi faisg dirnn, is è sin a's aithnichte leinn na ni a chithear astar fada uainn. Is beag ar cùram mu bhreitheanas-aibh agus mu thròcairibh, fhad 's a sheasas iad sin fada uainn, ach an uair a thig iad faisg dirnn, criothnaichidh sinn fòpa, no ni sinn gàirdeachas ànta. 'Nuair a smuainicheas daoine air nèamh, mar àit fad ás,—àit a tha astar fichead, deich thar fhichead, no dà fhichead bliadhna uathla, seasaidh an cridheachan fad ás—fad air

falbh o nèamh. Cia mòr a b'fheàrr dhuinn "blinn a' bhàis" a ghabhail "annainn-féin," ar sùilean a thogail a dh-ionnsuidh na sìorruidheachd, agus 'fhaicinn cho faisg 's a tha ì air làimh | 2 Cor. 1. 9. Am feadh tha mis' a' smuaineachadh 's a' sgrìobhadh, tha ì 'teannadh òrm, agus bithidh mì stigh air a dorus mu'n saoil mì. Am feadh tha thus' a' léughadh nam briathran so, co-air-bith thu, tha tim a' taomadh seachad ort, agus falbh aidh do bheatha "mar sgéul a dh'innseadh." Na'n creideadh tu gu'n robh thu gu bàs 'fhaotuinn am màireach, nach cùramach a smuainicheadh tu air nèamh a nochd ! 'Nuair a thuirt Samuel ri Saul, "Am màireach bithidh tu maille rium-sa," bhuail sid a chridhe gu teànn. Agus na'n abradh Chriosd an dràst ri anam a' chreidmhich, Am màireach bithidh tu maille rium-sa, bheir-eadh sin gu nèamh è roimh-làimh. Amhairec ort-féin, matà, mar aon a' dol astigh do nèamh, agus cuidichidh sin do chridhe gu mòr a chum smuaineachadh na's dùrachdaiche air sonas nèimh. No bheir gnàth mheòrachadh air an fhois nèamhaidh anam a' chreidmhich na's fhaisg' air an fhois sin.

4. Bì-sa 'labhairt gu dùrachdach, tric air d'fhois shiorruidh; gu h-àraig ri muinntir anns am bheil nàdur nèamhaidh, agus mar sin a's urrainn labhairt riut-sa do réir fios 'us faireachadh an cridheachan féin. Is bochd Criosduidhean 'fhaicinn a' coinneachadh a chéile air thalamh, gun aon fhocal a ràdh mu'n dealaich iad, mu thimchioll an coinnimh air nèamh, no mu thimchioll na slighe d'a ionnsuidh. Is bochd dhoibh a bhi 'caith-eamh tòine cho mòr air còmhradh dìomhain, agus air deasboireachd gun mhaith, gun fhocal dùrachdach idir mu nèamh 'n am measg. Ar eir mo bharail féin, bu chòir dhuinn coinneachadh a dh'aon obair, a chum ar spioradan 'fhaotuinn air am blàthachadh le labhairt ri 'chéile air ar fois. 'Nuair a chluinnear Criosduidh a' labhairt gu beò, soilleir, comasach o ghealladh an t-soisgeil air an staid ghìormhoir, bheannaichte sin, bu chòir do sin a thoirt àirinn a ràdh, mar thuirt Criosduidhean eile, "Nach robh ar cridhe a' lasadh annainn, am feadh a bha e a' labhairt, agus a dh'fhosgail e dhuinn na Sgriobtuirean?" Lùc. 24. 32. Ma chriothnaicheas

Felics 'nuair a chluinneas è breitheanas air a nochdadhl dhà le fear-searmonachaidh comasach, carson nach biodh an creidmheach air a bheothachadh ás-ùr, a h-uile uair a chluinneas è an fhois shìorruidh air a searmonachadh, no air a h-ainmeachadh? Is taitneach le daoine aingidh labhairt ri 'chéile air an droch gnìomhraibh féin, agus carson, matà, nach bu taitneach le Criosduidhean labhairt ri chéile gu tric mu Chriosd? carson nach labhradh oighreachan nèimh air an oighreachd féin? Faodaidh sin ar cridheachan ùrachadh, mar bha cridhe Iacoib air a mhòr-ùrachadh, 'nuair a chual' è an teachdaireachd leis an robh è air a ghairm gu tir Ghòschein, agus a chunnaic è na carbadan leis an robh è gu bhi air a ghiùlain a dh-ionnsuidh Iòseiph. O b'fheàrr gu'n robh againn sgil na's mò agus rùn na's suidhichte chum còmhradh cumanta dhaoine a tharruing gu nithibh àrd agus luachmhor nèimh! Nuair a chluinnear muinntir a' labhairt air dìomhanas, no air nithibh gun fhéum, b'fheàrr gu'm b'aithne dhuinn focal a chur astigh airson nèimh, agus airson nan nithe prìseil a bhuineas do fhois an anama, ag ràdh, mar thuirt Peadar mu lòn a chuirp, "Ni h-eadh, oir cha deachaidh riamh aon ni coitchionn, no neo-ghlan a steach do m' bheul." Nach mòr am maith a dh-fhaodamaid a dheanamh dhuinn-féin agus do mhuinnitir eile leis a' chéum so. Nach ann a chum ar casgadh o chòmhradh mi-tharbhach, a tha Criosd ag innseadh dhuinn, "Gu'n toir daoine cùnnatas ann an là a' bhreitheanais airson gach focal dhòmhain a labhras iad." *Mata* 12. 36. Abair, matà, leis an t-Salmadair, "Leanadh mo theangadh ri m' ghial, mur feàrr leam Ierusalem na m' aoibhneas a's àirde." *Salm* 137. 6. An sin chì thu gur fior ra briathran eile so, "Is craobh beatha teangadh fhallain." *Gnàth.* 15. 4.

5. Oidhirlich anns gach dleasanais air d'aignidhean a thogail suas na's faisge air nèamh. (Faic CAIB. XIV.—EAR. II.) B'è rùn Dhé ann an suidheachadh 'òrd-uighean uile, gu'm bitheadh iad 'n an céuman treòrachaidh dhuinn a dh-ionnsuidh ar foise; agus gu'm bitheadh a' n-aignidhean, ann an ùmhlachd do Chriosd, a' dìreadh suas gach là gu nèamh, air na céumaibh sin. Gnàth-

aich thusa òrduighean Dé chum na criche so, agus gu cìnnteach soirbhichidh leat. Nach b'aoibhneach leat sgrìobag litir 'fhaotuinn o charaid, 'nuair nach b'urrainn thu 'fhaicinn aghaidh ri aghaidh! Agus mar sin, nach fhaod ar cridheachan co-chomunn a bhi aca ri Dia 'n a òrduighean féin, ged robh ar cuirp fathast fada uaith? Nach fhaod ar spioradan gàirdeachas a dheanamh ann an léughadh nan litrichean sin air feadh an Sgriobtuir, anns am bheil ar dileab agus ar còir air nèamh air an sgrìobhadh dhuinn? Le aiteas agus àrd aoibhneas faodaidh sinn léughadh mu ghràdh Dhé dhuinn, agus cluinntinn mu thimchioll ar dùcha nèamhaidh féin, ged nach tàinig fathast an là sona sin air an téid sinn astigh a ghabhail seilbh oirre! Is maith is urrainn daoine, a tha air an dealachadh o 'chéile le muir 'us fonn, labhairt ri 'chéile, agus am buannachd a chur air aghaidh le litrichean a sgrìobhadh a dh-ionnsuidh cach a chéile, agus nach fhaod an Criosduidh a dhileasanais féin a dheanamh gu glic, tarbhach, agus a bhuanachd shona sin a ghreasad air aghaidh, a bheir gu fois è!

Thig anis, matà, tilg uait foirmeachadh agus gach cleachdad 'us moladh faoin, agus lùb thu-féin sìos gu h-uaigneach, no gu follaiseach ann an ùrnuigh, agus biodh làn dòchas agad gu'm faigh thu do chridhe 'thoirt na's fhaisge air Dia, mu'n éirich thu suas. 'Nuair a dh-fhosglas tu do Bhiobull, no leabhar maith eile, bitheadh dòchas agad gu'n coinnich thu earrann de'n fhìrinn, maille ri beannachd an Spioraid, a bheir dhuit blàs na's mò air nèamh. 'Nuair a thèid thu do thigh Dhé a dheanamh aoraidh do Dia, abair, " Tha mi 'an dòchas gu'm faigh mi neart o Dia a thogas m'aignidh-ean suas, mu'm pìll mi dhachaidh arist; tha mi 'an dòchas gu'n coinnich an Spiorad rium agus gu'm mìlsich è mo chridhe le sòlasaibh nèamhaidh; tha mi 'an dòchas gu'm 'foillsich Criosd e-féin dhomh air an t-sligh sin, agus gu'n dealraig solus o nèamh mu-n-cuairt dhomh', agus gu'n cluinn mi a ghuth a' teagast agus ag ath-bheothachadh m'anama, agus gu'n toir è air na 'lannan tuiteam o mo shùilibh', chum gu'm faic mi na's mò de'n ghlòir sin na chunnaic mi riamh roimhe. Tha mi 'an dòhas, mu'm pìll mi, gu'n toir an Tighearn Iosa seall-

adh do mo chridhe air an fhois, agus gu'n suidhich è mo chridhe an làthair 'Athar, chum gu'm pìll mì, mar phill na buachaillean o'n t-sealladb nèamhaidh, 'a' glòrachadh 's a' moladh Dhé, airson nan uile nithe a chuala 's a chunnaic mì'." A' cheud uair a chunnaic na h-Innseanaich gu'm b'urrainn na Sasunnaich labhairt ri 'chéile, agus an gnothaichean a chur air aghaidh cho maith, le litrichean, shaoil leo gu'n robh spiorad air a dhùnadhb astigh anns gach litir. Chuir fios a ghiùlain o àit gu àit le litrichean mòr iongantas air na h-Innseanaich bhochd, aineolach. Mar sin, matà, gabhaidh muinntir eile iongantas 'nuair a chì iad co-chomunn aig Crioduidhean rì Dia 'n an dleasanasaibh; agus theirear, "Ciod a tha na Crioduidhean sin a' faotuinn anns na Sgriobtuiribh sin, anns na searmoinibh sin agus anns na h-ùrnughean sin a tha nis a' lionadh an cridheachan le aoibhneas cho mòr, agus 'g an togail cho àrd os-ceànn muinntir eile?" Gu cùnnteach, cuidichidh Dia sinn gu pailt ann an coimhlionadh ar dleasanais, ma bhitheas sinn an còmhnuidh dìchiollach, seasmhach. Mur tréig thusa do shonas féin, cha tréig Dia a chaoiadh thu. Cuimhnich, uime sin, a bbi gu dùrachdach a' sìor-ùrnugha airson do mhiniesteir, gu'n cuireadh Dia teachdaireachd spioradail 'n a bhéul, a bheathaicheas agus a dh-ùraicheas do spiorad le blàs nèamhaidh. Ach gu-ma feàrr leat focal Dbé féin a thoirt leat na briathran a' mhiniesteir.

6. Gnàthaich gach cuspair, gach cùis 'us uair, a chum d'anam a chnmail ann am bed chuimhne air dlùth theachd na foise so. Is meadhon gach freasdal 'us crèutair a chum ar tredrachadh a dh-ionnsuidh ar fois'; oir is ì crìoch nan uile nithe anns a' bheatha so féin sinne 'chuideachadh ann an ullachadh airson nèimh. Cha bhitheadh na beannachdan a's taitniche, a tha Dia a' buileachadh òirnn an diugh, leth cho taitneach 's a tha iad, mur bitheadh iad a' comharrachadh amach taitneis na's mò dhuinn. Cha n-eil agad ach an lòm eàrlas, gun ghuth air d'àrd thuarasdal, 'nuair a ghabhas tu do thròcairean eile, gun chuimhne agad idir air do chrùn. O b'fheàrr gu'n robh Crioduidhean na's eòlaiche air an ealantas so! Faodaidh tu do Bhiòbull

'fhosgladh agus sealltuinn fós ann an leabhar mhòr nàduir agus an fhreasdail mu-n-ouairt duit, agus léughadh ànnnta sin mu Dhia agus mu ghlòir. Na'n cleachdamaid sinn-féin mar so ri cuimhneachadh air ar fois, dh-fhaodamaid blasad air Criod agus air nèamh, aig gach trà cumanta, ann an tomhas na's mò na bhlaiseas a' mhòr chuid de dhaoinibh aig bòrd na sàcramaid. Ma shoirbhicheas tu ann do ghnothaichean aimsireil, deanadh sin do chridhe na's cuimhniché air do shoirbheachadh sìorruidh. Ma tha thu sgìth le obair, deanadh sin do smuaintean air d'fhois shìorruidh na's milse dhuit, Ma bhitheas cùisean a' dol 'n a d' aghaidh, 'us tu air do shàrachadh leo, deanadh sin do mhiann na's dùrachaiche chum crìoch, 'fhaicinn gu bràth air gach trioblaid agus bròn. Am bheil do chorp air 'ùrachadh le biadh agns cadal? cuimhnich air an ùrachadh do-mheasraichte sin a gheibhear maille ri Criod. 'Nuair a chluinneas tu deadh sgéul, cuimhnich cia aoibhneach, ait an sgéul, trompaid Dhé, agus fàilt mholaidh Chriosd a chluinntinn. 'Nuair a gheibh thu mòr thaitneas ann an cuideachd neo-iomlain nan naomh air tbalamh, cuimhnich air a' chuideachd iomlain a bhitheas air nèamh. 'Nuair a gheibh thu do spiorad air a bheothachadh le Dia, cuimhnich air àm do mhòr àrdachaidh, 'nuair a bhitheas do cho-chomnnn ri Dia agus d'aoibhneas sàr làn. 'Nuair a chluinneas tu buaireas garg nan aingidh, agus aimhreit an t-saoghal, cuimhnich air a' chòrdadh mhilis, bheannaichte sin a ta air nèamh. 'Nuair a chluinneas tu stoirm atmhor, gharg a' chogaidh, cuimhnich air an là sin air am bi thu-féin ann an làn shìth gu bràth fo sgiathraig "Prionnsa na sìthe." Mar sin bheir gach uair, cor 'us crèutair comas dhuinn cuimhneachadh air a' bheatha nèamhaidh, ma's àill leinn ar cridheachan a' shocrachadh air féum a dheanamh dhiubh.

7. Bi tric ri obair nèamhaidh a' mholaidh. Mar a's nèamhaidh d'obair, is ànn a's nèamhaidh a bhitheas do spiorad. Is è moladh Dhé, obair nan aingeal agus nan naomh air nèamh, agus is ì sin an obair a bhitheas againn-ne gu sìorruidh, agus na'n robh sinn na's trice ris an obair so an diugh, is ànn bu choltaiche 'bhith-eamaid ris an staid anns am bi sinn air nèamh. Is è

iarrtas, creidimh agus dòchas a's giorra 'mhaireas na gràdh agus gàirdeachas; agus mar sin sguiridh searmonachadh, ùrnuigh agus na Sàcramaidean, maille ris gach meadhon eile 'tha nis a' nochdadadh 's a' daingneachadh ar creidimh agus ar dòchais, 'nuair a thìosich-eas guth àrd-aoibhneach a' ghràidh agus a' ghàirdeachais sin a mhaireas gu sìorruidh. Faic pobull Dhé cruinn maille ri 'cheile fo àrd mhothachadh air a chumhachd, air 'dir-dhearcas agus air a mhaitheas, an cridheachan air an lònadh le aoibhneas agus gràdh, araon an cridhe 's an guth a' co-aonadh le 'chéile, 'us iad gu suilbhír, ceòlmhor, bìn a' séinn àrd mholaidh do Dhia. Sin agad, matà, cho fad agus is aithne dhomh-sa, an sàmhlaidh air nèamh, a's soilleire a's urrainnear 'fhaicinn air thalamh. Sin taitneas a dhearbas, cosmhuil ri obair an Spioraid, gur ànn o Dhia a ta è, agus is fianuis ànn-féin gach taitneas mar sin, gur nèamhaidh an cumhachd leis an do ghineadh è.

Is beag is aithne dhuinn am milleadh mòr a tha sinn a' deanamh òirnn-féin, 'nuair nach cluinnear moladh Dhé againn maille ri ùrnuigh, no le òin 'us aire cho beag a bhualeachadh air obair a' mholaidh 's a gheibhearn mòran a' toirt dì, am feadh a gheibhearn iad gu tric 'us pailt ri aideachadh 'us aslachadh. Cuimhnich, a léughadar, guidheam ort, tuilleadh ùine agus mòr chùram a bhualeachadh air moladh Dhé, anns gach dleasanais. Deasaich do chridhe airson molaidh, cho maith 's a dheasaicheas tu è airson aideachaidh 'us aslachaidh. Chuin na crìche sin, smuainich air dir-dhearcas agus air maitheas an Tighearna, cho tric 's a smuainicheas tu air d' uireasbhuidh agus air do neo-air-idheachd féin; smuainich air na tròcairean a fhuair thu, agus air na tròcairean a tha air an gealltuinn dhuit, cho tric 's a smuainicheas tu air na peacadhean a rinn thu. Bi tric a' moladh Dhé airson na thug agus na gheall è dhuit. "Do na h-ionraic tha cliù ciatach." "Esan a dh'ìobras moladh, bheir è glòir do Dhia," "Molaibh an Tighearn, oir tha an Tighearn maith-seinnibh cliù d'a ainm, oir tha e taitneach." *Salm 33. 1; S. 50. 23; S. 135. 3.* "Thugamaid suas ìobairt buidheachais do Dhia a ghnàth, 's e sin, toradh ar

bilean, a toirt molaidh d'a ainm." *Eabh.* 13. 15
 Nach b'fhìor nèamhaidh spiorad Dhaibhidh, a bba cho
 dùrachdach, tric ris an obair nèamhaidh so? Nach
 togar suas ar cridheachan, 'nuair nach dean sinn ach
 ambàin òran Mhaois, agus sailm Dhaibhidh a léugh-
 adh? Nach mò na sin gu mòr a gheibheadh ar spioradan
 an togail agus an ùrachadh, na'n robh sinn-féin gu
 h-eòlach, tric ris an obair so.

O nach eagalach boile na h-digridh a chaitheas-
 neart an cuirp agus an ìnn-tinn air taitneasaibh diomh-
 ain agus air ana-mìannaibh feòlmhor a ta cho mì-ebubh-
 aidh do'n obair àrd-òirdheirc a dh'òrduicheadh airson
 an duine! Agus O! nach peacach amaideas mhòran
 de na naoimb, a gheibhear a' slòr-bhàthadh an spioradan
 féin ann an dubhachas, agus a' caitheamh an làithean
 ri gearan 'us osnaich, agus mar sin 'g an deanamh féin
 eadar chorpa 'us ìnn-tinn, neo-fhreagarrach gu dhol air
 aghaidh gu suilbhìr, réidh leis an obair nihilis, nèamh-
 aidh so! 'An àit a dhol le sluagh Dhé 'g a mholadh gu
 subhach, is ãnn a gheibhear na crètairean dorch, gear-
 anach, gruamach sin a' seasamh ann an teagamh mu'n
 airidheachd agus mu'n iomchuidheachd féin, agus a'
 dubh-smuaineachadh air an truaighean féin, agus leis
 an droch dhòigh sin a' spùinneadh a ghlòire féin o Dhia,
 agus a' gearradh air falbh an sòlais féin. Ach is beag
 sòlas fallain a gheibhear ann an obair a' mholaidh,
 'nuair nach 'eil iunte ach amhàin fonn 'us ceòl bìnn a'
 bhèdil a' toileachadh na cluaise, agus ar crideachan
 diomhanach, gun dad idir a' dheanamh dhì, ged is ãnn
 doibh bu chòir a bhi làn dhì, no mar tha 'n t-Abstol
 ag ràdh, 'deanamaid ceòl do'n Tighearn ann ar cridhe.'
 Is millteir mòr air obair an fhìor inholaidh cridhe
 diomhanach.—cridhe gun cheòl's an taobh-stigh dheth.

8. Cum d'anam làn de smuaintibh creidmheach air
 gràdh neo-chriochnach Dhé. Is è gràdh a ghineas-
 gràdh. Is tearc iadsan a tha cho fìor thruaill dh as
 nach gràdhaich iad a' inhuinntir a bheir gràdh dhoibh.
 Gun teagamh is è bàs ar beatha nèamhaidh, smuaintean
 cruaidh, no fuathach a thogail, no altrum mu thimchioll
 Dhé, no 'smuaineachadh air mar aon leis am b'fheàrr
 sinne 'mhallachadh na sinne 'theàrnadh. B'e sin an

Dia beannaichte a chur ann an coltas Shàtain. 'Nuair a ghabhas neach tre aineolas agus ás-creidimh, droch bheachd, no barail chlaon. chàin mu thimchioll Dhé, 'n a ìnninn, an sin tòisichidh è air gearan nach urrainn è Dia a ghràdhachadh. Agus gheibhear a' chùis mar sin do thaobh iomadh mìle Criosduidh. Och ! Och ! sinne mar sin a' toirt toibheim do Dhia na glòire, a ghràdhhaich sinn cho mòr, agus a' sgealbadh ar gàird-eachais féin ás a chéile ! Nach 'eil an Sgriobtuir 'g ar deanamh cinnteach gur "gràdh Dia." 1 Eò. 4. 16. Agus nach 'eil idir "dian chorruich ànn-san." Isà. 27.

4. Agus nach "'eil tlachd air bith aige ann am bàs an aingidh ; ach gu'm pilleadh an t-aingidh, agus gu'm biodh è bed." Esec. 33. 11. A bhàrr air sin, dhearbh Dia a ghràdh d'a phobull taghta féin, agus a làn rùn an teàrnadh gu h-éifeachdach. O b'fheàrr gu'n smuainicheamaid a ghnàth air Dia, mar a smuainicheas sinn air caraid, mar aon aig am bheil gràdh buan, glan dhuinn, seadh, gràdh na's mò na gheibhear againn-ne dhuinn-féin, mar aon a shocraich a chridhe féin òirnn-ne, chum maith a dheanamh dhuinn, agus a dh'ullaich ionad-còmhnuidh siorruidh dhuinn maille ris-féin ; na'n smuainicheamaid air Dia mar sin, is ànn bu taitniche leinn ar cridheachan a ghnà-chumail maille ris ! Is ànn air a' chuspair a's ànnsa leis a' chridhe, a smuainicheas è gu tric, taitneach, suilbhír. Tha eagal òrm gur mò leis a' mhòr chuid de Chriosduidhean gràdh caraid aoidheil na gràdh Dhé. Cha n-ióngantach, matà, ma ghràdhcheas iad an càirdean na's mò na Dia, geda b'fheàrr leo còmhnuidh a ghabhail maille riutha, na maille ri Dia.

9. Thoir fainear gu cùramach agus caidrich gach aomadh a thig o spiorad Dhia. Ma dh-éireas d'anam gu bràth na's àirde na 'n talamh so, agus ma dh-fàsas tu eòlach air a' bheatha nèamhaidh so, cuimhnich, féumaidh d'anam a bhi air a thogail suas le Spiorad Dhia, mar bha Eliah air a thogail suas leis a' charbad—is è 'n Spiorad do charbad-togail,—seadh, dìreach am beò chumhachd leis an éudar dhuit a bhi air do ghluasad agus air do thogail. Hò ! matà, na cuir-sa doilgheas air d'fhear-treòrachaidh naomh, na mùch do bheatha,

na tilg uait cuibhleachan do charbaid ! Is beag d'fhios, gus an tuig thu è, cia mòr a mheindaichear gràs duit, agus a dh-àraichear sonas d' anama, le gabhail ris an Spiorad gu h-ùmhal, gu toileach agus gu h-ealamh. Ma dhiùltas thus' an Spiorad, 'nuair a dh-aomas è do chridhe gu dleasanais na h-ùrnuiigh, uaigneach no follaiseach, no 'nuair a bhacas è do pheacadh aithnichte dhuit, no 'nuair a chomharraicheas è mach dhuit an t-sligh air an còir dhuit gluasad, cha n-iònghantach gcd bhithheadh nèamh agus d'anam aineolach air a chéile. Mur àill leat an spiorad a leantuinn, 'nuair a tha è ag iarraidh do tharruing leis a dh-ionnsuidh Chriosd agns do dhleasanais ; ciamar a threòraicheadh è gu nèamh thu, agus a bheireadh è do chridhe stigh an làthair Dhé. Is spioradail a' chobhair agus is réidh an rathad a gheibh d' anam gu teachd dlùth do'n Uile-chumhachdach, 'nuair a bheir è làn ùmhachd sheasmhach do ghairmibh an Spioraid ! Ach nach rag, leisg, marbh, nàireach a gheibhear an duine sin ann an labhairt ri Dia, a bhris gu tric air falbh o'n Spiorad a bha gu mìn, ciùin, caomh ag iarraidh a threòrachadh ! A léughadair, ma's Criosduidh thu, nach fhaigh thu air uairibh aomadh, no iarrtas làidir annad-féin gu dhol gu taobh o'n t-saoghal, agus gu teachd dlùth do Dhia ? Na diùlt, matà, ach lean an t-aomadh maith so, gabh an taigse, agus tog suas na siùil agad, fhad 's a mhaireas an oiteag bheannaichte so a' séideadh air d'anain. Mar a's mò 'dhiùltas sinn an Spiorad, is ànn a's doimhne 'théid ar lot ; agus mar a's mò ghabhas sinn ri sanasaibh an Spioraid, is ànn a's luaithe 'thig ar sìth. Is ànn o'n Spiorad Naomh a tha gach deadh smuain, gach deadh rùn, gach deadh thoil, agus gach deadh iarrtas a għluaiseas do cridhe. Am bheil eagal glan ort nach 'eil an Spiorad agad ? Ma tha, sin dhuit-sa deadh chomharradh—obair an Spioraid féin.

10. Is i mo chomhairle dhuit, a chum do chuideachadh anns an obair nèamhaidh so, na dearmaid cùram dligheach a ghabhail mu shlàinte do chuirp. Is féumail an seirbhiseach do chorpa, ma bheirear a dhlighe féin dhà, agus gun tuilleadh ach a dhlighe féin. Ach is ain-tighearn cruaidh, glutach, béisteil, mìllteach è, ma riaraichear a chàil mhi-réusantach : agus cha n-fheàrr

è na sgìan mhaol, ma chumar uaith gu mì-cheart na tha féumail a chum a chumail suas. 'Nuair a bheirear fainear cho tric 's a tha daoine a' dol dochair anns an dà chùis so,—ann an toileachadh a' chuirp gu ro phailt, no gu ro ghànn—agus cho tearc 's a tha iadsan a gheibhear a' gnàthachadh nan corp aca-féin gu ceart, cha n-iongantach ged bhitheadh an conaltradh ri nèamhl air a bhacadh gu mòr, no ged a tha lad aineolach air a' bheatha nèamhaidh. Gheibhear a' mhòr chuid de dhaoine 'n an tràillean d'an càiil féin; is gànn a dhiùltas iad ni sam-bith do'n fheòil, agus an lorg sin leanaidh iad taitneas na feòla gu toileach, agus ribear iad le amaideas, le ana-mìanu no còmpañaich dhòlmhain, 'nuair bu chòir dhoibh an inntinn a thogail suas a dh-ionnsuidh Dhé agus nèimh. Ma's ionmhuiunn leibh bhur n-anamanan "na deanaibh ulluchadh airson na feòla, chum a h-anamìanna a choimhlionadh." *Ròm.* 13. 14. Agus togaibh leibh na briathran so eile, 'us bithibh air bhur teagastg leo gu slàinteil :—"Oir an inntinn fheòlmhior is bàs i: ach an inntinn spioradail is beatha agus sìth i: do bhrigh gur naimhdeas an inntinn fheòlmhor an aghaidh Dhé; oir cha-n 'eil i dùnhal do lagh Dhé. agus cha mhò a tha'n comas di 'bhi. Uinne sin cha-u urrainn iadsan a tha 'san fheòil Dia a thoileachadh. Uime sin, a bhràithrc, tha sinn fo fhiachaibh, cha-n ann do'n fheòil, chum ar beatha a chaitheadh a réir na feòla. Oir ma chaitheas sibh bhur beatha a réir na feòla, gheibh sibh bàs: ach ma mharbhas sibh tre'n Spiorad gnìomhara na colla, bithidh sibh bed." *Ròm.* 8. 6-8, 12, 13. Tha cuid a' milleadh an gàirdeachais nèamhaidh féin gu mòr, le àicheadh a nithe féumail do'n chorpa, agus mar sin 'g a dheanamh neo-chomasach air a sheirbhis a dheanamh dhoibh. Mur bitheadh iad sin ach a' ciùrradh na feòla 'n a h-aonar, cha bu mhòr an càll è, ach tha iad fòs a' ciùrradh an anamanan féin, dìreach mar chiùrrar an luchd-còmlinuidh, no teaghlaich 'nuair a bhrisear an tigh os an ceànn. 'Nuair a bhitheas an corp tinn, lagaichear ar misneachd, agus is tròm, mäll, fànn a għluaiseas ar s'nuaintean air aoibhneasaibh nèimh.

CAIBDEIL XIII.

Nàdur a' Mheòdrachaидh Nèamhaидh, agus an t-Am, an t-Ait, agus an t-Ullachadh ìnn-tinn, a ta freagarrach air a shon.—(Faic CAIB. XVI.)

Guidheam ort aon uair fathast, a léughadair, mar dhuine glic do'n aithne do dhleasanas foillsichte, agus do nach dàna gairm an Spioraid a dhiùltadh le do dheòn, agus leis an luachmhor sòlas àrd nan naomh, agus obair aoibhneach a' mheòdrachaидh nèamhaидh a thogas snas an t-anam,—tòisich gu luath, gu dìchiollach, firinneach, ri cleachdadadh nan seòladh a bheirear dhuit anis. Mar faic thu gu'm meudaichear d'uile ghràs leis an obair mheòdrachaидh so, agus gu'm fàs thu suas gu àirde na's mò na Crioduidhean cumanta. agus gu'm bi thu air do dheanamh na's fèumaile 'n a d'àit féin, agus na's luach-mhoire ann an sùilibh nan uile dhaoine gllice, tuigseach; mur faigh d'anam co-chomunn na's mò ri Dia, agus mur faigh thu sòlas beatha na's pailte agus dòchas tre 'n obair so a bheir dhuit neart 'us socair aig uair a' bhàis—an sin, tilg uait gach seòladh a thug mise, agus dìt mì gu bràth mar mhealltair.

So dhuit, matà, an dleasanas a ta mis' a' sparradh ort cho dùrachdach, agus a' seòladh dhuit anis ciamar is còir dhuit a dheanamh. Gu h-àraig,—“Oibrich gu suidhichte, cùramach uile bhuaidhean d'anama le medrachadh, no beachd-smuaineachadh air d'fhois shìorruidh.” A chum nàdur an dleasanais so a dheanamh soilleir, ni mì, anns a cheud àit, beagan mìneachaidh air, agus an déigh sin comharraicheadh amach an t-Am, an t-Ait agus a' mhéinn, no am fònn ìnn-tinn a's freagarraiche air a shon.

1. Is è Meòdrachadh nèamhaидh, matà, beachd-smuaineachadh air nithibh spioradail. Aidicheadh an dleasanas so leis na h-uile dhaoine, ach gheibhean a' mhòr chuid diubh 'g a àicheadh 'n an cleachdadadh. Dearmaididh mòran an dleasanas so, do nach ceadaich an coguis

dleasanais eile 'dhearmad. Is duilich leo ma chailleas iad searmoin, no là trasgaiddh, no uair na h-ùrnuigh, no àm aoraidh sam-bith eile, uaigneach no follaiseach, ach cha duilich leo idir uair a' mhèdrachaiddh a chàll, no 'dhearmad; ma dhaoite, fad uile làithean am beatha, gus an là an diugh, ged is ann leis an dleasanas so a's feàrr a bheothaichear agus a leasaichear gach dleasanas eile, agus a bheirear comas do'n anam air an fhìrinn a mhearrbhadh a chum a bheathachadh agus a lìonadh le sòlas. B' ì àithn Dhé do Iosua, "Cha téid leabhar an lagha so as do bheul; ach beachd-smuainichidh tu air a là agus a dh'oidhche, chum gu'n toir thu 'n aire gu'n dean thu a réir gach ni a ta sgrìobhta ann: oir an sin bheir thu air do shlighe soirbheachadh leat, agus an sin ni thu gu glic." *Ios.* 1. 8. Mar thionndaidheas am biadh anns an stamaig gu leann-goile (*chyle*) agus fuil a chum neart agus slàint a thoirt do'n chorp, mar sin tionndaidhidh medrachadh na firinnean, a ghabhar agus a chuimhnichear leis an anam, gu aignidhean blàth, rùn làidir agus còmhradh naomh.

Anns a' mhèdrachadh so oibrichear uile bhuidhean an anama. Is ì so obair nam bed agus cha n-ì obair nam marbh. Is obair fior spioradail agus fior àrd ì so seach gach obair air-bith eile; agus air an aobhar sin, cha ghabh ì deanamh gu maith le cridhe nach 'eil achi fedlmhor, talmhaidh. Féumaidh an cridhe beagan dàimh a bhi aige ri nèamh, mu'n urrainn è éirigh gu h-eòlach, saor a dh-ionnsuidh nèimh. Is iadsau aig am bheil còir air fois, a thatar a' ciàllachadh, 'nuair a thathas a' comhairleachadh dhoibh gàirdeachas a dheanamh ann am medrachadh air fois. Agus ma's Crioduidh thus, a léughadair, tha mis' anis a' comhairleachadh dhuit a bhi guiomhach, dìchiollach. Is ì obair d'anam' a thathas a' cur romhad, 'oir is beag tairbh a' chleachdaidh chorporra an so.' Féumar uile bhuidhean d'anama oibreachadh air a' mhèdrachadh so, chum 'eadar-dhealachadh o mhèdrachadh cumanta luchd-ionnsuchaidh eile. Cuimhnich, cha n-ì do thugse, d'anam uile; agus cha n-urrainn do thugse an obair so a dheanamh uile. Ann am beathachadh do chuirp, féumaidh do stamag am biadh a thionndadh gu leann-

goile (màthair na fola,) agus a dheasachadh airson an sgamhain, agus féumaidh an sgamhan 's an dubh-liath a thionndadh gu ful, agus a dheasachadh airson a' chridhe agus na h-eanchainn ; mar sin, matà, ann am beathachadh d'anama, 'féumaidh do thugse an fhìrinn a ghabhail astigh agus a deasachadh airson do thoile, agus do thoil a deasachadh airson d'aignidhean. Tha caochladh òirdhearcas mòr ann an Criosd agus nèamh, agus aréir sin thug Dia caochladh comas do'n anam a chum gach òirdhearcas a tha ànnta sin a thuiginn. Ciod a b'fheàrrd sinn luibhean cùbhraidi, mur b'ur-rainn sinn an cùbhraidheachd 'fhaireachadh ? Ciod a b'fheàrrd sinn càinnt, no ceòl, mur bitheadh clàisteachd againn ? Ciod an taitneas a ghabhamaid ann am biadh 'us deoch, mur faigheamaid b'as orra ? Mar sin, matà, ciod am maith a dheanadh uile ghàdir nèimh dhuiun, no ciod an tlachd a ghabhamaid ann an àrd iomlanachd Dhé féin, na'm bitheamaid a dh-easbhuidh aignidhean a' ghràidh agus a' ghàirdeachais ? Agus ciod an neart, no idir a' mhìlseachd a's urrainn thusa 'fhaotuinn ann am meòrachadh air an t-sìorruidheachd, 'nuair nach 'eil thu idir ag oibreachadh aignidhleán sin d'anama, leis am féumar a' mhìlseachd agus an neart a ta ann an nithibh sìorruidh aithneachadh leat ? Is è mearachd mòr Chriosduidhean iad a bhi 'smuaineachadh nach 'eil ni sam-bith anns a' mhèdrachadh so ach obair na tuigse agus na cuimhne,—obair a dh-fhaodas gach balachan-sgoil' a dheanamh, no iadsan leis am fuathach na nithe air am bheil iad a' smuaineachadh Mar sin chithear gu'm bheil na's mò ri dheanamh na lom chuimhneachadh agus lom smuaineachadh air nèamh. Tha iomadh obair ànn air am féumar, cha n-è mhàin làmh no cas, ach a' cholruinn uile a làn-oibreachadh ; agus dìreach mar sin, féumar an t-anam uile a chleachdadh ris a' mhèdrachadh nèamhaidh.

Tha aignidhean a' pheacaich cho maith ri 'thugse suidhichte air an t-saoghal, agus fuaighte ri iodholaibh, agus air tuiteam air falbh o Dhia ; ach ann an céum a theàrnaidh, féumaidh aignidhean a' pheacaich cho maith ri 'thugse a bhi air an làn-philleadh a dh-ionnsuidh Dhé. Agus mar bha'n t-anam uile air a lionadh roimhe

leis a' pheacadh. féumaidh an t-anam uile 'bhi air a lionadh anis le Dia. Faic iomradh Dhaibhidh air an duine bheannaithe, "Tha tlachd" an duine sin "ann an lagh an Tighearna, agus smuainichidh (no meòraichidh) e air a lagh-san a là agus a dh'oidhche." *Salm 1. 2.*

Is meòrachadh suidhichte agus cùramach è so. Is ùrnuigh stòlda, no shocrach a nithear, an uair a shuidhicheas neach e-féin gu léir air an dleasanais so ; agus is ùrnuigh ghoirid, no chabhagach a nithear, an uair a chuireas neach achanaich ghoirid, ghrad suas ann am mionaid a dh-ionnsuidh Dhé. air an àm a's mò a chabhag le gnothaichean eile. Mar-an-céudna, is meòrachadh socrach a ni sinn, an uair a bheir sinn sinn-féin gu h-iomlan do'n obair mhaith so, agus is meòrachadh caochlaideach a ni sinn an uair a ghleidheas sinn smuaintean maith mu Dhia ann ar cridheachan, ameasg ghnothaichean eile. Agus mar nithear ùrnuigh air amaibh suidhichte, gu cunbalach mar dhleasanais, no air uairibh, no air àm sònruichte, mar sin fòs nithear meòrachadh. Anis is maith meòrachadh a dh-fhaodas a bhi air a mheasgachadh le gnothaichean cumanta, no air a dheanamh mar ghairmeas làithean àraighe ort, ach is feàrr gu mòr a dheanamh gach là gu seasmhach, mar dhleasanais cunbalach, mar nithear ùrnuigh, éisdeachd, agus léughadh nan Sgriobtuir air gach là ; agus na measgaich cùisean eile maille ris an obair so, na's mò na mheasgaicheas tu iad maille ri ùrnuigh, no dleasanais naomh eile.

Bithidh am meòrachadh so air d'fhois shìorruiòh. Cha n-eilear idir ag iarraidh ort gach medrachadh ceart eile a leigeil dhiòt. Ach a chionn gur è nèamh a's àrd-inbhiche luach, gu cìnnteach is è àit a's feàrr is fhìach dhuinn medrachadh air. Is è 'n ni sin a's sona a ni sinn an uair a gheibhear è, a's aoibhnich' a ni sinn an uair a mheòraichear air. Is iomadh meòrachadh eile a ta ann. Tha iad cho lionmhòr ri ruinn nan Sgriobtuir, no ri crèutairibh an domhain, no ri freasdalaibh àraighe ann an riaghladh an t-saoghal. Ach is céum ani meòrachadh so gu "sliabh Shioin,"—gluasad o rioghachdan an t-saoghal so gu rioghachd nan naomh ;

o'n thalamh gu nèamh ; o thim gu sìorruidheachd. Is è so sràid-imeachd a' chridhe air a' ghréin, air a' ghealach, agus air na réultaibh ann an gàradh 's am pàrras Dhé. Faodar nèamh a shaoiltinn fad-ás, ach is luath-chasach spioradan ; "ma's ann 's a' choluinn, no ás a' choluinn," is luath, grad an céum gu nèamh. Na bith-eadh eagal ort, cosmhuil ri sluagh an t-saoghal, gu'n cuir na smuaintean sin á do chìall thu. Thoir an aire, is ann gu nèamh, 'us cha n-ann gu ifrinn, a thàtar a' comhairleachadh dhuit gluasad. Is è gairdeachas, 'us cha n-è bròn, a thàtar a' comhairleachadh dhuit a chleachdad. Cha n-eilear a' sparradh idir ort amharc air cuspairibh suarach, tàireil ach amhàin air glòir àrd-aoibhnich nan naomh, agus air òirdhearcas do-labhairt Dhé na glòire, agus air na gathaibh soluis a tha nis a' sruthadh amach o ghnùis a Mhic. Am buairear duine le smuaineachadh gu ceart air a shonas féin ? Am buairear crétairean truagh le smuaineachadh air tròcair ? Am buairear am pròsanach le sùil a thoirt roi-làimh air a shaorsa féin ? Am buairear daoine bochda le smuaineachadh air teachd dlùth air saoibhreas agus onoir dhoibh-féin ? Is ann a shaoileamaid gur ann bu dòcha duine ciàllach a bhi air a bhuaireadh le smuaineachadh air a bhith beò anns an t-saoghal thruagh so, agus air fantuinn ann am bochduinn 's 'an easlaint, ameasg nan aingidh gun chìall, na le smuaineachadh air a bhith beò gu bràth maille ri Criod ann an sonas na glòire. "Ach a ta gliocas air a fireanachadh le a cloinn uile."

Lùc. 7. 35. Cha n-eil nàmhaid aig eòlas ach na h-aineolaich. Cha n-abair neach aon fhocal an aghaidh an rathaid nèamhaidh so, ach iadsan do nach b'aithne riagh è, no iadsan nach do choisich riagh air. Is mò m' eagal do thaobh na muinntir a gheibhearr ag aontachadh leis, na do thaobh nan innleachd agus nan argumaid a thogar 'n a aghaidh.

I. Theirear focal anis air an *àm* a's freagarraiche airson a' mhèdrachaidh nèamhaidh so. Matà, bitheadh an *t-àm* so—suidhichte, bidheanta, deadh-thràthail.

1 Thoir *àm* *suidhichte* do'n mhèdrachadh so. Seall ri buannachd na h-oibre, agus air eagal tuiteam ann am

baoth-chreidimh,* feuch nach saoil thu gu'm bheil diadhachd air-bith anns an àm fèin. Is callaid, no balla-dòn do dbleasanais, àm suidhichte. Is teàrmunn è fòs an aghaidh iomadh buairidh agus dearmaid. Is lionimhor iadsan aig nach 'eil an ùin 'n an làimh fèin, agus an lorg sin cha n-urrainn iad uair a shuidheachadh, agus tha mòran eile cho bochd as nach ceadaich easbhuidhean an crannchuir dhoibh an t-saorsa so a ghabhail. Ach bitheadh muinntir mar sin gu caithriseach ag ath-cheannach na h-aimsir, agus a' glacadh gach mionaid a's urrainn iad, agus a' deanamh greim air gách fàth-chothrom a thuiteas amach, gu h-àraid, cuimhnicheadh iad meòrachadh goirid a dheanamh maille ri ùrnuigh, 'nuair a bhitheas iad air ceànn an gairmean laghail, no ri obair. Ach cuimhnicheadh iadsan uile aig am bheil an tìm 'n an làimh fèin, agus iadsan a dh-fhaodas, ma's àill leo, uair a' mhedrachaидh a ghlacadh gach là, an dleasanais so a dheanamh air àm suidhichte. Ma nithear obair gach là gu riaghailteach air a h-àm fèin, is ànn a's feàrr a gheibh sinn comas agus eòlas air ùin a dheadh-ghnàthachadh, agus air ar dleasanais a choimhlionadh gu ceart.

2. Bitheadh am meòrachadh so *bidheanta* cho maith ri suidhichte. Ach cia tric is còir dhà 'bhith, sin ni nach urrainnear a ràdh, a chionn nach ionann cor, no crannchur do na h-uile dhaoinibh. Ach tha è soilleir o theagascg an Sgriobtuir gur còir a dheanamh tric. Tha'n Sgriobtuir a' labhairt air "smuaineachadh (no meòrachadh) a là agns a dh' oidhche." Air an aobhar sin, is còir do gach eridhe meòrachadh air Dia gach là, do réir an tomhais anns an ceadaich ùin dhà. Faodaidh cuid, iadsan a' smò cothroin, a bhi na's bidheanta ris an dleasanais so, na cuid eile, ach chan-eil neach sam-bith ànn nach fhaod beagan ùine,—beagan mhionaidean,—a bhualeachadh air gach là, geda b'ann aig obair an ach-

* Is è Baoth-chreidimh no saobh-chreidimh (*superstition*), a bhi 'creidsinn ann an ùi nach 'eil idir ànn, mar tha buitseachd, taibhsean 'us giseagan eile gun bhrigh, gun chomas, anns am bi crétairean aineolaich a' creidsinn. Is è aineolas 'us eagal a bhitheas a' toirt air muinntir creidsinn ann an nithibh faoin mar sin, cumhachd nach 'eil idir ann, no aig nach 'eil bonn air-bith, ach stamh na h-inntinn aineolaich.—Easlar.

aidh, no 'nuair a dh-imichear air an t-sliabh, no 'nuair a shedlar air a' chuan. Tha meòrachadh bidheanta air-leth féumail. Fàgaidh è an t-anam eòlach air Dia, agus bheir è misneachd dhà gu labhairt ris. Faic dithis dhaoine tuigseach a bhitheas gu bidheanta ann an cuideachd a chéile, fàsaidh iad fiòr eòlach air a chéile; meudaichidh an gràdh d' a chéile; bithidh taitneas aca ann an comunn a chéile, agus làn mhisneachd gu labhairt ri 'cheile. Aréir sin, màtà, is è crìoch àraid an dleasanais so ar n-eòlas air Dia, agus ar co-chomunn ris a mheudachadh. Ach ma's ainmig a mheòräicheas tu air Dia, is beag eòlas a gheibh thu air. Is coigreach dhà thn fathast. 'Nuair a mhothaicheas neach a mhòr fhéum air Dia, agus a dh-iarras è cobhair o Dhia air uair a théinn, is mòr a mhisneachd air an là sin gu dhol a dh-ionnsuidh an Dé sin air am bheil è eòlach, agus a's aithne dhà gu maith. "O moladh do Dhia!" arsa Criosduidh a' chridbe nèamhaidh, "is aithne dhomh-sa cait, agus cò dh-ionnsuidh a théid mì. Is iomadh uair a chaighd mis' air an t-sligh sin roimhe so. Is è so mo Dhia ris an robh mo chonaltradh gach là, agus so an t-sligh air am b' àbhaist dhomh gluasad gach la. Is maith is aithne do Dhia mise, agus tha mis' eòlach air-san.

Air an làimh eile, cia mòr an t-uamhas, am buair-eas agus a' mhì-mhisneachd a ghlacas an t-anam, 'nuair a dh-éignichear è air uair a théinn gu léum a dh-ionnsuidh Dhé, ag ràdh le caoidh, "Och mise! cha n-fhios domh cait an téid mì! Cha deachadh mì riamh a dh-ionnsuidh Dhé. Cha n-aithne dhomh an t-sligh sin. Cha n-eil eòlas agam air cùirt nèimh. Cha n-aithne do m' anam an Dia sin ris am féum mi labhairt, agus tha eagal òrm nach gabb è rium." Ach an uair a thigear gu uchd a' bhàis, agus a dh-fhéumar seasamh gun dàil an làthair Dhè, agus dùil aig neach ri dhol astigh do 'n fhois shìorruidh, sin an uair air am faicear agus air am fairichear gu soilleir, taitneach mòr thoradh agus mòr aoibhneas a' mheòrachaидh nèamhaidh, agus a their gach fear-meòrachaидh dileas, "Tha mis' anis a' dol a dh-ionnsuidh an àite sin anns an robh céum 'us mìann mo chridhe gach là roimhe so. Tha

mis' a' dol a dh-ionnsuidh an àite sin o'n d'fhuair mì gu tric blasad air taitneas mòr. Tha m' anam a' dol a dh-ionnsuidh Dhé a's tric a choinnich è air uair a' mheòrachaidh. Is tric a bha mo chridhe air nèamh roimhe so, agus a bhlaibh è air a' mhìlseachd ath-bheothachaidh sin a gheibhear ann am medrachadh air Dia; agus ma bha mo shùilean air an soillseachadh cho mòr, agus mo spiorad air 'ùrachadh cho mòr, 'nuair nach d'fhuair mì ach blasad air a' mhìlseachd sin, cia mòr m'aoibhneas agus mo shonas, 'nuair a bhithreas mis' a' beathachadh air gu saor gun sgur!" Air an làimh eile cia grathail do neach a smuaineachadh agus a ràdh, "Féumaidh mì bàsachadh agus mì gun fhios agam càit am bheil mì 'dol, a dhol o àit air am bheil mì eòlach gu àit nach aithne dhomhl, agus air nach 'eil eòlas idir agam!" Is uamhasach, ann an tomhas nach gabh innseadh, smuaintean an duine sin a gheibhear aineolach air Dia agus air nèamh, aig uair a bhàis. Chan-eil teagamh nach 'eil eagal a' bhàis air a dheanamh searbh do dhaoine diadhaidh féin, le dearmad air an dleasanais so. Uime sin, bitheadh gach Criostuidh a' medrachadh gu bidheanta air Dia.

Mar meudaicheas an obair so d'eòlas air Dia, meudaichidh i fòs do sgil air an dleasanais féin. Nach slaodach, clearbach a chuireas daoine an làmhan ri obair nach 'eil iad a' cleachdadhbh ach ainmig! Ach an obair ris am bheil daoine air an cleachdadhbh gu bidheanta, fàsaidh an cridheachan eòlach oirre, agus bithidh i socrach, taitneach dhoibh. A' bhéinn a bha duilich dhuit a dhìreadh, agus a thug air d'anail bualadh luath air d'uchd, a' cheud uair a choisich thu suas gu 'mullach, fàsaidh i na's phasa dhuit a dhìreadh, mar a's eòlaich' a dh-fhàsas tu air an rathad a threòraicheas suas thu. Agus an dleasanais a gheibhear duilich a' cheud uair a dh-fheuchar ris, fàsaidh è socrach, taitneach an déigh dhuit thu-féin a chleachdadhbh ris gu tric.

Gleidhidh tu mar-an-ceudna am blàs cridhe agus a' bheatha nèamhliadh a fhuair thu cheana. Mur ith thu biadh ach amhàin aon uair fad dhà, no trì làithean, falbhaidh do neart cho luath 's a thig è. Ma gheibh thu fagus do Chriosd tre mheòrachadh naomh, agus ma

bhlàthaichear do chridhe le éibhleig a' ghràidh, guí teachd d'a ionnsuidh ach ainmig an déigh sin, is goirid gus am fàs thu cho fuar 's a bha thu roimhe. Oir cuimhnich, is obair spioradail,—obair nach fàiltich nàdur truaillidh, a ta agad ri dheanamh. Is cìnnteach gu'm faod cleachdadh dhleasanais, gu h-àraid ùrnuigh uaigneach, mòrau a dheanamh chum d'anam a chumail shuas ; ach 's a' chuid a's mò, is è medrachadh beatha nan dleasanais eile, agus is è sealladh de nèamh beatha do mheòrachaideh.

Ròghnaich fòs ian t-àm a's deadh-thràthaire. Is maiseach, maith na h-uile nithe 'n an àm féin. Mur bi d'àm deadh-thràthail, faodaidh tu toradh do shaothair a chàll, d'obair a dheanamh an-shocrach agus do dhleasanais a thionndadh gu peacadh dhuit-féin. Faodaidh nach bi an uair a bhitheas deadh-thràthail do aon neach, deadh-thràthail do neach eile. Féumaidh seirbhisich 'us cosnaich an t-àm sin a ghabhail a's feàrr a cheadaicheas an gnothaicilean eile dhoibh. Ach faodaidh tu, ma's àill leat, an dleasanais so a dheanamh ann an tomhas maith air ceànn d'oibre aimsireil, air turus, no 'nuair a tha thu sìnte air do leabaidh mu'n caidil thu 's an oidhche. Iadsan a dh-fhaodas uair sambith de 'n là 'għabbail, deanadh iad àm suidhichte de 'n uair sin air am mò 'għeibh iad an spioradan air am beothachadh, agus air an deanamh freagarrach airson meòrachaideh. Is è 'm feasgar, o dhol fodha na gréine, anns a' għloġanaich, an t-àm a's freagarraich' a fħuair mi-féin riamh. Dh'ainmich mì so do bhrigh gu'm b'è sin àm medrachaidh duine 'bu ghlice agus a b'fhearr na mise ; oir tha è sgrlobhta, "Chaidh Isaac amach a bheachd-smuaineachadh 's an fhaiche *air feasgar.*" Gen. 24. 63. Tha là an Tighearna anabarrach freagarrach airson an dleasanais so. Ciod an t-àm a's freagarraiche gu medrachadh air fois, na là sin na fois' a tha cho soilleir a' sàmhachadh amach ar foise siorruidh ? Gu cìnnteach is airidh an dleasanais àrd-spioradail so air cui'd de'n là sin a's còir a chaitheamh uile ri dleasanais spioradail. Nach i so àrd obair na sàbaid Criodail, agus an obair a's feàrr a fhreagras do'n là sin a shuidhich Dia le òrdugh cho soilleir, teànn a chuin fois a għabbail air o

oibribh aimsireil? Ciod án t-àm a's freagarraiche gu labhairt ris an Tighearn na là an Tighearna? Ciod an là a's freagarraiche do 'nchridhe gu éirigh suas gu nèamh, na 'n là sin air an d'éirich an Tighearn suas o'n talamh, an déigh dhà buaidh-chaithream a dheanamh gu làn thairis air a' bhàs agus ifrin?

Is è 'm fonn ìnninn a's freagarraiche airson fìor Chriosduidh. a hhi, mar bha Èdin, "anns an Spiorad air là an Tighearna." *Taisb.* 1. 10. Agus ciod a's feàrr a threòraicheas sinn a dh-ionnsuidh an aoibhneis so anns an Spiorad, na fhaicinn gu spioradail gu'm bheil ar glòir a' teachd fagus? Smuainichlibh air so, sibhse do'n abhaist là an Tighearn' a chaitheamh amhàin ri aoradh follaiseach, gun mhionaid idir dheth a bhuileachadh air dleasanás uaigneach; tha sibh a' deanamh mòr chroin air bhur n-anamaibh féin, le bhi air an là naomh sin a' deanamh dearmaid air dleasanás spioradail a' mhèdrachaïdh. Agus sibhse fòs a bhitheas a' caitheamh na h-ùine ri diomhanas agus ri còmhchradh amaideach air là an Tighearna, na'm b'aithne dhuibh cho luachmhor 's a tha dleasanás a' mhèdrachadh so, cha n-iarradh sibh fearas-chuideachd eile ach è; bu ghoirid leibh an là sin a's fhaide 'chaitheamh ris, agus bu duilich leibh 'nuair a ghiorraichteadh bhur toil-ìnninn le ni sam-bith eile. Anis, a Chriosduidhean, faigheadh nèamh àit na's mò ann bhur làithibh-sàbaid; seadh, nèamh anns am faigh sibh-féin gu goirid bhur sàbaid shìorruidh. Gnàth-aichibh bhur sàbaidean mar chéuman soilleir a tha nis a' treòrachadh gu glòir, gus an coisich sibh seachad orra gu léir, agus an ruig sibh bhur ceànn-uidhe. Gu h-àraig sibhse, a tha bochd ann 'ur crannchur, agus an lorg sin, nach urrainn uairean meòrachaïdh 'fhaotuinn, ach gànn air làithibh eile na seachduin, cuimhnichibh féum maith a dheanamh de là na sàbaid. 'Nuair a gheibh hhur coluinnean fois o oibribh aimsireil, iarradh bhur spioradan an déigh na fois' a ta o Dhia.

A bhàrr air uairean freagarrach, cunbalach air gach là, agus gu h-àraig air là an Tighearna, gheibhear fòs uairean comharraichte eile airson meòrachaïdh nèamh-aidh. Is iad na h-uairean sin an leithid so:—

'Nuair a bhlàthaicheas Dia do spiorad gu pait le

éibhleig bhèò bho shuas, sin uair àraidh air am faod thusa dìreadh suas le mòr shaorsa,—saorsa na's mò na gheibhear air amaihb eile. Is beag an t-saothair a chuireas do chridhe air obair air uair mar sin, geda dh-fhaodadh tu air uairibh eile saothair air bheag féum a dheanamh. Thoir fainear oiteagan blàth an Spioraid, agus ciamar a tha Spiorad Chriosd a' gluasad do-spioraid féin. "As éugmhais Chriosd cha'n urrainn sinn aon ni a dheanamh." Air an aobhar sin, bith-eamaid a' deanamh na h-oibre maith am feadh a tha Chriosd a' cuideachadh leinn. Thugamaid an aire nach faighear sinn amach á sligh ar dleasanais, no 'n ar cadal, 'nuair a thig è. 'Nuair a gheibh an Spiorad do chridhe, mar fhuaire è Peadar, ann am priosan, agus ann an iarunn, agus a bhuaileas è thu, ag ràdh, "Eirich gu-grad, agus lean mise;" bi cìnnteach gu'n éirich thu air an uair sin, agus gu'n lean thu è, agus chì thu do "cheanglaichean a' tuiteam" dhìot, agus "fosglaidh na dorsan" uile dhuit, agus bithidh tu aig nèamh mu'n fhios duit.

So dhuit àm comharrachaichte eile airson a' mhèòr-achaiddh nèamhaidh, agus is è sin an uair a bhitheas tu fo thrioblaid, a' fulang, air do shàrachadh, no air do-bhuaireadh. Cuin a dh-òlamaid ar deoch-ùrachaïdh ach air uairibh ar faniachaïdh? Ciod an t-àm a's freagarraiche gu gluasad gu nèamh, na 'n uair sin air nach fhaighear aou oisinn de'n talamh anns am faod sinn a bhi bed le sòlas idir? no cuin bu chòir dhuinn ar smuaintean a thogail suas, ach air an uair sin air nach faighear ni sam-bith a bhos, ach pìan 'us bròn? Càit an tigeadh do choluman Noah a bhi, ach anns an àire, 'nuair a bha 'n talamh uile còmhdaichte leis na garbhuisgeachan, agus nach b'urrainn è fois 'fhaotuinn do-bhònn a choise? Cò air bu chòir dhuinn smuaineachadh, ach air tigh ar n-Athar, 'nuair nach faighear eadhon plaoisg an t-saoghail a chum ar beathachadh? Gu-cìnnteach is ànn a chum do thoirt d'a ionnsuidh féin a tha Dia a' ceadachadh do thrioblaid thus' a bhualadh. Is sona dhuit-sa, matà, a dhuine bhochd, ma's è so féum a ni thu dhe do bhochduinn, agus is sona dhuits' a dhuine thinn, ma dh-oibricheas tu do thinneas a chum na cricheadh.

céudna! Is è 'n t-àm deadh-thràthail gu teicheadh gu "tìr a' gheallaidh," an uair sin air am meudaichear ar n-uallaichean tròm anns an Eiphit, agus air am faigh sinn ar fàsgadh gu goirt anns an fhàsach chruaidh.

Anis, a léughadair, na'm b'aithne dhuit mar dh-ùr-aicheas sealladh dùraclidach air glòir thu ann am builsgean do thrioblaid agus do bhròin, is ànn gu mòr bu lugha d'eagal ás na trioblaidibh neo-lochdach sin, agus is ànn bu mhò do dhéigh air an iocshlaint sin a dh-ath-bheothaicheas agus a chumas suas thu. "Ann an lòn-mhoireachd mo smuaintean an taobh a stigh dhiom," arsa Daibhidh, "thug do chomhfhurtachd-sòlas do m'anam." *Salm 94. 19.* "Tha mi a' measadh," arsa Pòl, "nach airidh fulangais na h-aimsir a ta làthair a bhi air an coimhmeas ris a' ghàdir a dh-fhoillsichear annainn." *Ròm. 8. 18.* "Uime sin cha-n'eil sinn a' fannachadh, ach ged thruaillear ar duine o'n leth muigh, gidheadh tha an duine o'n leth stigh air ath-nuadhachadh o là gu là. Oir a ta ar n-àmhghar eutrom, nach 'eil ach rè sealain, ag oibreachadh dhuinne trom-chudthrom glòire a ta ni's ro anabharraich agus siormhaireanuach; air dhuinn bhi ag amharc cha-n ann air na nithibh a tha r'am faicinn, ach air na nithibh nach 'eil r'am faicinn: oir tha na nithe a chithear, aimsireil; ach tha na nithe nach faicear, siorruidh." *2 Cor. 4. 16-18.*

Agus is àm eile a ta gu h-àraig freagarrach airson an dleasanais nèamhaidh so, an uair a thig teachd-airean Dhé h-ugainn le gairm a' bhàis. Cuin bu chòir dhuinn a bhi glé thric a' lionadh ar n-anamanan le smuaintibh taitneach, creidmheach mu'n bheatha ri teachd, ach an uair a chì sinn a' bheatha so gu ìre bhig air falbh? Càit am faighear muinntir a's mò féum air aoibhneas neartachaidh na daoine ri uchd a' bhàis, agus càit an téidear a dh-iarraidh sòlais aig uair a' bhàis, ach a dh-ionnsuidh ar n-aoibhneis shìorruidh? Gheibhean taitneas nèamhaidh na's mìlse, 'nuair nach 'eil è air a mheasgachadh le ni talmhaidli sam-bith, mar sin gheibh an Crioduidh gu tric taitneas na's mìlse aig uair a' bhàis na fhuair è riamh roimhe sin. Nach bu mhòr, taitneach na beannachdan fàistinneach a bha aig Isaac agus Iacob d'am mic, aig uair am bàis! Cia nèamhaidh

an t-òran, agus cia naomh am beannachadh leis an do chriochnaich Maois cuairt a bheatha air an talamh! Nach bu nèamhaidh a' chomhairle agus an ùrnuigh a fhuair na deisciobuil o'n Tighearn. 'nuair a bha è.'dol a dhealachadh riutha! Nuair a 'bha Pòl anis gu bhi air 'fobradh,' nach bu nèamhaidh a' chomhairle agus an earail a thug è do na Philipianaich, do Thimoteus, agus do sheanairibh Ephesuis! Nach b'fhasgus air nèamh Eòin ann an eilean Phatmois, goirid mu'n robh è air a thogail suas! Is è fònn coitchionn nan naomh a bhi na's nèamhaidh, air an uair sin a's fhaisge iad air nèamh.

Ma chì thus', a léughadair, uair do bhàis a' teachd dlùth dhuit, O càit an tigeadh dhuit do chridhe 'shuidheachadh 's an uair sin, ach air Criosd? Nach bu chòir dhuit 'fhaicinn 'n a sheasamh ri d'thaobh agus labhairt ris, 'g a fbàilteachadh mar d'Athair. do Chòmpañach, do Léigh, do Charaid? Nach bu chòir dhuit, mar gu'm b'eadh, na h-ainglean 'fhaicinn 'g ad' chuairteachadh, agus a' feitheamh chum an t-seirbhise mu-dheireadh a dheanamh airson d'anama, eadhon na h-ainglean sin a ghiùlain le taitneas anam Lasuruis "gu uchd Abrahaim," is taitneach an obair leo thus' a thoirt a dh-ionnsuidh na h-onoire sin. Anihaire air do thinneas agus air do phìan mar dh'amhaire Iacob air carbadaibh Iòseiph, agus ath-bheothaicheadh do spiorad 's an taobh-stigh dhìot, agus abair "Is leòr e, tha" Criosd "fathast beò;" agus "do bhrìgh gu'm bheil esan beò bithidh mise beò mar an céudna!" *Eò.* 14. 19. Am bheil féum agad air an deoch-ùrachaiddh a's feàrr? An sin gheibh thu deoch shòlais a's feàrr na's urrainn an saoghal a thabhairt; an sin gheibh thu làn aoibhneas nèimh, chì thu Dia agus Criosd, agus gheibh thu uile shonas nan daoine beannaichte. Tha na beannachdan milis sin air an taigse dhuit le làimh Chriosd, dh'ullaich è air nèamh iad, sgrìobh è còir dhuit orra ann an gcallaidhean an t-soisgeil; amhàin sìn amach làmh a'chreidimh, agus glac iad, agus beathaich d'anam orra; dean gàirdeachas agus mair beò. Tha'n Tighearn ag ràdh riut, mar thuirt è ri Eliah, "Eirich, ith; oir tha 'n turus mòr air do shon."

1 Ri. 19. 7. Agus 'ged nach 'eil do thurus fada, thà làthach anns an t-sligh: air an aobhar sin, góill do ghuth an Tighearna, éirich agus ith, "agus ann an neart a' bhìdh sin" faodaidh tu 'dhol gu "sliabh Dhé," agus, cosmhuil ri Maois, bàs 'fhaotuinn 's an t-sliabh d'an téid thu suas'; agus a ràdh le Simeon diadhaidh. "A nis, a Thighearna, a ta thu 'leigeadh do d'sheirbhiseach siubhal an sìth; oir chunnaic mo shùilean (sùilcan mo chreidimh) do shlàinte." *Lùc.* 2. 29, 30.

II. Do thaobh *an àite* sin a's freagarraiche airson meòrachaidh nèamhaidh, is leòr a ràdh gur è àit uaig-neach a's iomchuidh air a shon. 'Nuair a bhitheas sinn ris an obair so, is mòr féum ar spioradan air gach cobhair, agus air a bhi dealaichte bbo gach ni a dh-fhaodadh ar meòrachadh a bhacadh. Tha Criod a' teagasg dhuinn, 'nuair a ni sinn ùrnuigh uaig-neach, imeachd a steach d'ar seòmar, agus an dorus a dhùnadh, chum gu'm faic ar n-Athair nèamhaidh sinn an uaignidheas'. *Mata* 6. 6. Mar sin, matà, is còir dhuinn meòrachadh air sonas nèamhaidh. Nach tric a chaidh Criod férin a thaobh gu béinn, no gu fasach, no gu è àit uaig-neach eile, a mheòrachadh agus a dheanamh ùrnuigh; mar sin a' fàgail eisimpleir againn-ne, chum gu'n leanainaid è anns a' chùis so, mar ann an cùisibh maithi eile! Sin anis mar thig dhuit meòrachadh socrach, cùramach a dheanamh air d'am suidhichte. Ach na dì-chuimhnich am meòrachadh goirid a dh-fhaodar a dheanamh air uairibh eile gu tric ameasg do ghnothaichean aimsireil. Anis air uair shuidhichte do mheòrachaidh, matà, fàg cuideachd gach uile neach, cadhon cuideachd dhaoine diadhaidh, chum gu'm faigh thu car iùine cuideachd chiùin do Thighearna. Mur urrainn sgoilear, aig nach 'eil ach amhàin ri innleachd a chiùin agus a chuimhne oibreachadh air nithibh timeil, a leasan ionnsuchadh le sìth ameasg cuideachd, ciamar a b'urrainn thusa, ann an cuideachd, uile bhuaidhean d'anama oibreachadh le meòrachadh air Dia a tha cho àrd seach an saoghal so agus gach nì a gheibhear ànn. Na leanamaid idir naigheas nam baoth-chreidmheach; ach bitheamaid gu tric ann an uaigheas ris a' mheòrachadh sin a dh-àraicheas fior

dhiadhachd anns an anam. Is ainmig a ghreibheur, anns an Sgriobtuir, Dia a' labhairt e-féin no le 'ainglibh ri aon air-bith de na faidhean, no de na naoimh ameasg cuideachd eile, ach is tric a gheibhear Dia agus 'ainglean 'g am foillseachadh féin dhoibh sin 'us iad leo-féin.

2. Ach rōghnaich thusa dhuit-féin àit air-bith a's feàrr a chòrdas ri do spiorad; ma's ànn astigh, no 'muigh. "Chaidh Isaac amach a bheachd-smuaineachadh, (no a mheòrachadh) 's an fhaiche :" agus creideam gu'n lean mòran eisimpleir Isaac, 'nuair a cheadaicheas an aimsir dhoibh. Bu tric ar Tighearn ri ùrnuiigh ann an lios uaigneach. "agus b'aithne do Iùdas," 'nuair a thàinig è chum a bhrath, "an t-àit" 's am faighteadh è; agus geda thug Criod a dheisciobuil leis a dh-ionnsuidh an àite sin, chaidh è astar beag natha. chum ùrnuiigh uaig-neach a dheanamh : agus ged nach 'eil meòrachadh air a làn ainmchachadh, cha n-eil teagamh nach robh è ri meòrachadh maille ri ùrnuiigh; oir is ann fo mheòrachadh géur air an fhulangas agus air a' bhàs a bhanis a' dlùthachadh air. a thubhaint è. "Tha m'anam ro bhrònach, eadhon gu bàs." *Marc.* 14. 34. Agus mar a rōghnaich Criod àit uaigneach, air-leth anns am b'abhaist dà 'bhi ris an dleasanas so, is còir dhuinn-ne sin a dheanamh mar-an-céudua. Rōghnaich è àit uaig-neach gus an deachaidh è gu taobh air falbh o chuid-eachd nan deisciobul aige-féin, agus féumaidh sinne an t-eisimpleir sin a dh'fhàg è againn a leantuinn. Bu domhain, tröm meòrachadh Criod seach a bhriathran ; a chridhe agus 'anam anis air am bua'adh le smuaintibh drùighteach, géur, agus mar sin féumar meòrachadh a dheanamh leinn-ne. Ach cha b'ionann idir cuspair meòrachaидh do Criod agus dhuinn-ne. Mheòraich Criod air na fulangasaibh tröm sin a thoill peacaidhean dhaoine, 'us corruch 'Athar a' bualadh tre 'anam uile, ach is è 'tha againn-ne ri meòrachadh air a' ghlòir a cheannaich Criod dhuinn, chum gu'm bi ar smuaintean air an togail, ar n-aignidhean air an ath-bheothachadh agus ar n-anamanan air an sàr-lionadh le gràdh an Athar agus le aoibhneas an Spioraid.

III. Bheirear an ath chomhairle mu ullachadh do chridhe airson a' mheòrachaïdh so. Tha moran aig

fönn, no mèinn do chridhe ri dheanamh anns an obair so, ma's maith leat i soirbheachadh leat. 'Nuair nach robh ni sam-bith ann an cridhe an duine a chuireadh doilgheas air an Spiorad, bu taitneach air an là sin an t ionad-còmhnuidh leis a' Chruthaidhear è. Cha d'fhàg Dia an t-àit-còmhnuidh a bha aige-féin àinn air tùs, gus an d'fhuadaich an duine air falbh ás è le brosnachadh olc. Cha robh sgàth, no saidealtas anns a' chridhe gus an d'fhàs è peacach, agus 'n a thòll ro ghràineil le Dia gu taitneas a ghabhail ànn. Agus na'n robh an cridhe so air 'aiseag anis a dh-ionnsuidh na staide neo-chiont-aich anns an robh è roimhe, philleadh Dia air báll d'a ionnsuidh a ghabhail còmhnuidh ànn arist. Seadh, geda chaidh cridhe an duine cho fad air seachran o Dhia, gidheadh tha Dia ag iarraidh seilbh air fathast, agus aréir an tomhais anns am faighear è air a għlanadh o 'ana-miċċaibh. air a chàramh agus air 'ath-nuadhachadh leis an Spiorad, agus air a dheanamh maiseach arist le iomhrigh Dhé; aidichidh Dia fathast è mar a chuid féin. Foillsichidh Criosd e-féin dà, agus gabhaidh an Spiorad è mar theampull agus mar chòmhnuidh dhà-féin. Is ànn aréir an tomhais anns deasaichear an cridhe chum conaltradh ri Dia, a għeibh è, mara's trice, Dia a mhealtuinn, no co-chomunn ris ann an dleasanas a' mheòrachaيدh. Air an aobhar sin matà, "leis gach uile dhīchioll gléidh do chridhe; oir ás a sin tha sruthan na beatha." *Gnàth.* 4. 23. Thoir fainear gu h-àraid gach seòladh a leanas :—

1. Faigh do chridhe a dhealachadh o'n t-saoghal air uair do mhèdrachaيدh, cho maith 's a għabbaς deānamh. Tilg amach ás gach uile smuain mu do ghnothaichean, do thrioblaidean, do thoil-inntinn eile, seadh, gach smuain a dh-fhaodas àit a thogail air taobb-stigh d'anama. Bitheadh do chridhe cho salamh de gach ni eile 's a għabbaς deānamh, a chum a bhi air a dheanamh na's comasaiche gu bhi air a lìonadh le smuaintibh glan mu thimchioll Dhé. Geda rachadh agad air dleasanas o'n leth-muigh a dheanamh le cuid de do chridhe 'shocrachadh air, bi làn chìnnteach nach urrainnear an dleasanas naomh so a dheanamh le sòlas, a dh-easbhuidh d'uile chridhe; oir seasaidh smuaintean

eile eadar d'anam agus Dia, agus bithidh do shealladh dheth air a dheanamh dorch leo, amhuil mar dhorch-aicheas neòil dhubh gnùis na gréine. 'Nuair a théid thu suas gu béinn a' mhèdrachaidh, is cosmhuil thu ri duine sànnach 'us càrn òir air a chur 'n a làthair. maille ri cead na's àill leis a ghabhail dheth, agus a dh-fhalbas a' caoidh nach b'urrainn è tuilleadh a thoirt leis de'n mhiotait luachmhor a ghabhadh faotuinn a nasgaidh: mar sin matà, gheibh thusa uiread de Dhia 'us de ghlòir agus a's urrainn do chridhe cumhang a chumail, gun ni sam-bith ach gānn gu seilbh a bhacadh dhuit air tuilleadh 'us tuilleadh, ach mi-chomas agus cuingead do spioraid féin. An sin their do chridhe, "O b'fheàrr gu'm b'urrainn mo thugse agus m' aignidhean tuilleadh a chumail! O na'n robh mise na's freagarraiche, na'n robh mo chridhe na's ullaichte n̄ tha è, bu nèamh dhomh an t-àit so! ' Gu cìnnteach tha an Tighearn 's an àit so, agus cha robh fios agam air. 'Tha'n sliabh so làn do charbadaibh teine' ach tha mo shùilean-sa cho dùinte as nach n-urrainn mì am faicinn. O na focail ghràidh a tha aig Criod' ri labhairt! O iongantas a' ghràidh sin a tha aige ri fhoillseachadh, ach air mo shonsa-sa, cha n-urrainn mì an giùlain fathast! Tha nèamh ullamh air mo shon-sa. ach cha n'-eil mo chridhe-sa ullamh airson nèimh!"

2. Uime sin, a léughadair, air dhuit 'fhaicinn gur ann an uair a chuireas tu do chridhe ann am fònn maith airson do dleasanais, a gheibh thu Dia a mheal-tuinn anns a' mhèdrachadh so, iarr anis è le d'anam uile.—iarr è anis a' mheòrachadh so, ma dh-iarras tu gu bràth è. Na tilg Criod 'anns a' phrasaich 's an stàpull, mar gu'm bitheadh aoidhean na's feàrr agad airson nan seòmar sgìamhach. Abair ri d' uile ghnothaichean agus ri d'uile smuaintean saoghalta, mar thubhairt Criod ri 'dheisciobluibh, "Suidhibh-se an so, gus an téid mise a dheanamh ùrnuigh an sud," no mar thubhairt Abraham ri 'sheirbhisich. 'nuair a bha è 'dol a dh-iobradh a mhic, Isaac, "Fanaibh-se an so, agus théid mise gu ruige sud, agus ni mì aoradh, agus thig mi a rìs d'ur n-ionnsuidh." Mar thilg na sagartàn rìgh Usiah amach ás an teampull, 'nuair a ghabh è air-féin

tùis a losgadh, air dhoibh a' mhùir 'fhaicinn air; mar sin, tilg-sa mach á teampull do chridhe gach smuain nach 'eil taitneach do Dhia.

3. Bi cìnnteach gu'n tòisich thu air an obair so le làn chùram agus mòr stòldachd cridhe agus inntinn. Cha n-'eil faoin obair idir ann an nithibh naomh 'Naomhaichear Dia annta-san a thig am fagus dha.' *Leibh.* 10. 3. Is fior tharbhach an dleasanais spioradail, dirdheire so, ag àrdachadh an anama, 'nuair a chuaictear è gu cùramach, ceart; ach is fior chunnartach a dbeanamh gu mi-chùramach, no le leth-taobh do chridhe. Saothraich thusa, uime sin, a chum làn mhothachadh 'fhaotuinn air làthaireachd Dhé, agus air a mhòrachd do-mheasraichte. Mur faodadh a'bhan-rìgh Ester teachd am fagus do'n rìgh, gus 'an sineadh è mach an t-slat-dir rioghail;' smuainich thusa, matà, cia mòr an t-urraim leis an còir dhuit-sa teachd am fagus Dhà-san a rinn na saoghal le focal a bheòil, a ta nis a' cumail suas na talmhaian mar le bois a làimh', a ta 'cumail na gréine, na gealaiche agus nan réult 'n an àit agus 'n an ustar àillidh féin, agus a' suidheachadh chròchan na mara mòire, feargaich'. Cuimhnich, is ànn ri Dia a tha thus' a' dol a labhairt; roimh-san crithidh an talamh, agus criothnaichidh deamhnan; agus is goirid gus am ficum thusa agus uile luchd-àiteachaidh an t-saoghal seasamh an làthair caithir a bhreitheanais, far an toirear breth air na h-uile dhaoine mu dheireadh. Hò smuainich! agus abair, "an sin, gheibh mise làn mhothachadh beò air a mhòrachd. An sin, dùisgear suas mo spiorad tromsanacb, agus tilgear air falbh m' eas-urram. Carson nach bitheadh m' anam air a għluasad agus air a lioniadh an diugh le beò bheachd air a mhòrachd, agus le eagħ urramach roimh 'ainm?"

4. Saothraich fòs a chum meud, luachmhòrachd agus òirdhearcas na h-oibre so, ris am bheil thu nis, a lànthuigsinn. Na'n robh thu nis a' tagair airson do bheatha 'an làthair breitheimh aimsireil, is dùrachdach a smuainicheadh tu air a' chuis, ged is neo-ni sin ann an coimeas ris an dleasanais so. Ged robh thu ri obair cho mòr 's a bha aig Daibhidh 'nuair a chaighd è mach a chogadh ri Goliah, a chum sonas rioghachd a dhòn

le 'làimh, bu neo-ni an obair sin ìnnte-féin ann an coimeas ris an dleasanais so. Abair gu'n robh thu nis a' dol a ghleacadh mar a rinn Iacob, no 'dh-faicinn an t-seallaiddh a chunnaic an triùir dheisciobul air "béinn a' chruth-atharrachaiddh," nach stòlda, dùrachdach, urramach a ghluaiseadh agus a shealladh tu ! Na'n robh eadhon aingeal o nèamh gu do choinneachadh ann an àit agus air uair do mhèdrachaiddh, cia mòr am fiamh leis am bitheadh tu air do lìonadh 1 Smuainich, matà, cia stòlda. dùrachdach am fonn cridhe leis an tig dhuit an Tighearn féin a choinneachadh, agus cia mòr an-stòldachd, an dùrachd agus am fiamh leis an tig dhuit labhairt ris gach là ! Smuainich fòs air deadh thoradh na h-oibre so. Ma shoirbhicheas i leat, agus carson nach soirbhicheadh i leat-sa cho maith ri neach eile ? bheir i 'stigh 'an làthair Dhé thu, tòisichidh i do ghlòir siorruidh air thalamh, bheir i dhuit a bhi bed ann an staid na's àirde agus na's taitniche na muinnir eile, àrdaichidh i thu gus an ath chéum do onoir nan aingeal féin, agus bithidh tu beò 'us gheibh thu bàs le aoibhneas. Is mòr do dhuais, uime sin bitheadh d'ullachadh aréir do dhuais. Cha n-eil idir beatha cho beannaichte agus cho aoibhneach aig neach air thalamh 's a gheibh-ear aca-san a ta èdlach air a' chonaltradh nèamhaidh so. Cha n-eil aoibhneas nan uile dhaoin' eile, ach mar chluith na cloinne bige, mar ghàire nan amadan, no mar bhruadar an duine thinn mu shlàint. Ge-b'e neach a dh-oibricheas airson nèimhl, sin amhàin an neach a bhuanneicheas. Agus ge-b'e neach a dhear-madas nèamh, sin amhàin an neach a chailleas. Cia tric, dian, dùrachdach, matà, is còir-do'n obair nèamh-aidh sin a bhi air a deanamh leis gach Crioduidh !

CAIBDEIL XIV.

Mar nithear Meòrachadh Nèamhaidh le Smuaineachadh, leis na h-Aignidhean, le Féin-labhairt, agus Ur-nuigh.—(Faic CAIB. XVI.)

Air dhuit do chridhe 'fhaotuinn air a ghléusadh, tòisicheamaid anis air a' cheòl. Air dhuit càil 'fhaotuinn thig anis a dh-ionnsuidh na cuilm', agus 'sàsaich

d' anam le smior agus saill'. ‘Thig, oir a ta na h-uile nithe ullamh.’ Mata 22. 4. Tha nèamh, agus Criod, agus glòir anabarrach mòr romhad. Na diùlt an cuireadh so. Na tòisich idir ri leisgeulan a ghabhail. Co-air-bith thu, bi saoibhir no bochd, biodh do chòmh-nuidh ann an tigh-déirce, ann an ospadal, anns na rathadaibh mòra, no anns na gàraidhean, is è mo chomisean-sa, ma's urrainnear idir, do “cho-éigneachadh gu teachd a steach;” agus “is beannaichte esan a dh'itheas aran ann an rioghachd Dhé!” Tha 'm mana sgaoilte mu thimchioll do bhutha, gluais amach, tionsail leat è, thoir dhachaидh è, agus beathaich air. Ach seòlam dhuit anis ciamar a ghnàthaicheas tu do Smuaineachadh agus d'Aignidhean, d'Fhéin-labhairt agus d'Urnuigh chum na crìche so.

I. Is è *Smuaineachadh* an instrumaid mhòr leis am bheil an obair nèamhaidh so air a cur air aghaidh. Ach féumaidh an smuaineachadh so a bhi air a dheanamh gu toileach agus cha n-ānu idir eignichte. Smuainichidh cuid gu mi-thoileach, mar nì na h-aingidh, 'nuair a dh-éignicheas Dia iad 'gu smuaineachadh air am peacaidhean fèin, agus a chuireas è an òrdugh iad fa chomhair an sùilean.' *Salm* 50. 21, 22. Mar sin, smuainichidh an sluagh mallaichte, gun eifeachd dhoibh anis, air òirdhearcas Chriod air an d'rinn iad dìmeas roimhe so; agus air an aoibhneas shiòrruidh a chàill iad le'n amaideachd. Is mòr cumhachd an smuaineachaidh a chum na h-aignidhean a għluasad, agus a chum nithe maith a theannachadh air a' chridhe; mar chithear o'n teagascg àraig a leanas.

1. Foslgaidh *Smuaineachadh*, mar gu'm b'eadh, an dorus eadar an ceànn agus an cridhe. 'Nuair a għabbha an tuigs' astigh an fhìrinn, taisgidh i suas i anns a' chuimhne, agus giùlainidh smuaineachadh an fhìrinn ás a' chuimhne, 'dh-ionnsuidh nan aignidhean. Cia mòr an t-òirdhearcas a għeibh teadh ann am mòr ionnsuchadh agus ann am mòr edlas, na'n robh rathad réidh air 'fħosgladh dhoibh eadar an ceànn agus an cridhe, agus na h-aignidhean 's an tuigs' a' co-fħreagenta d'a chéile! 'Am bidheantas, is è 'n sgoilear a's feàrr, esan aig am bheil tuigsc ghlan, ealamh, shoilleir,

dhònach. Ach gu tric is è 'n Criosduidh a's feàrr, esan aig am bheil tuigse fìor dhomhain agus fìor chaidreach, agus anns am faigh an fhìrinn rathad réidh, cha n-ànn amhàin o'n chluais a dh-ionnsuidh ua h-eanchainn, ach o'n chluais a dh-ionnsuidh a' chridhc. Agus ged is è an Spiorad Naomh a ni an obair shlàinteil air a' chridhc, is è do chuid-sa dhì an dorus 'fhosgladh dhà le smuaineachadh air a chumhachd.

2. Feuchaidh *Smuaineachadh* do na h-aignidhean na nithe sin a's mò luach. Cha toir an cuspair a's taitniche toil-ìnnntinn air-bith, am far nach fhaicear è, agus cha dean an sgéul a's aoibhniche deargadh sam-bith air an fhear nach cluinn è. Ach bheir smuaincachadh sealladh dhuinn air na nitibhb sin a bha ás ar sealladh roimhe, agus giùlainidh è iad gu sùil agus cluais an anama. Nach drùighteach na cuspairean Criosd agus glòir? Nach oibricheadh iad gu h-ióngantach air an anam na'n robh iad air àm faicinn gu soilleir, agus ar tuigse 'g an gabhail astigh ann an tomhas car-freagar-rach ri'n luach? Is è smuaineachadh orra sin a nochdas dhuinn iad. Is è smuaineachadh sùil-ghloine, no gloine-bheachdachaidh a' Chriosduidh, leis am faic a chridhe an rathad uile bho'n talamh gu nèamh.

3. Fòs nochdaidh *Smuaineachadh* na nithe sin a's mò luach dhuinn air an dòigh a's drùichtiche. Réusan-aichidh è gach cùis gu dìreach ris a' chridhe féin. 'Nuair a bheir an creidmheach a chridhe gu smuaineachadh nèamhaidh, nach lìonmhòr argunaid a bhuaileas air a chridhe 's an uair sin mu Dhia agus mu Chriosd, mu gach aon de bhuaidhean iomlan Dhé, mu'n staid anns an robh agus anns am bheil sinn, mu na geallaidean, mu fhlangais agus mu thoil-ìnnntinnibh na h-aimsir a ta làthair, mu nèamh agus ifrinn! Nochdaidh na h-uile nithe maith iad-féin dhuinn a chum ar gàird-eachas a inheudachadh, agus is è smuaineachadh an làmh leis an deanar greim orra. Bheir è dearbhadh an déigh dearbhaidh dhuit, dùisgidh è suas do ghaird-eachas, agus nì è aobhar do ghàirdcachais làn shoilleir dhuit, a' fosgladh suas agus a' socrachadh gach ceiste, gus an tosdaicheadh gach eagal, teagamh agus gearan. Ma dh-éisdeas sinn ri réusanachadh duine eile, gun

fhios cìnnteach againn ciod an rùn leis am bheil è 'labhairt, no co dliubh a b'aille leis ar cur ceart, no dochair, nach mò na sin bu chòir dhuinn éisdeachd ri guth ar réusanachaiddh féin, 'us làn fhios againn air rùn ar cridhe féin! Ni-h-eadh, ach fad air thoisearch air sin uile, nach bu chòir dhuinn géilleadh gu toileach do réusanachadh Dhìa, agus sinn cìnnteach nach dean è ar mealladh agus nach urrainnear e-féin a mhealladh! Anis is è smuaineachadh an dòigh air an léughar agus air an aithrisear arist 's arist réusanachadh Dhé, leis a' chridhe. Is iomadh aobhar teànn a bha aig "a' mhac struidheil" gu réusanachadh ri 'chridhe féin mu philleadh dhachaidh gu "tigh 'athar;" mar sin féumaidh sinne réusanachadh ris na h-aignidhean againn a chum an greasad dhachaidh gu àit-còmhnuuidh slorruidh ar n-Athar nèamhaidh.

4. Ardaichidh *Smuaineachadh* réusan an duine 'dh-ionnsuidh a làn uighdarrais féin. Cuidichidh è chum a shaoradh o dhaorsa nan ceud-fadh, no nan ana-niànn, agus suidhichìdh è réusan arist mar rìgh air an anam. Fhad 's a bhitheas réusan 'n a thosd, gn tric is iochdar-an gun sgoinn è, agus riaghlaidh na càilean feòlmhor aréir an toil féin, 'nuair a gheibh iad esan 'n a chadal. Ach dùisgidh smuaineachadh ar réusan, agus an sin mosglaidh è suas gu grad, cosmhuil ri Samson, a' briseadh dheth 's a' bualadh sìos uile cheanglaichean agus uile mhealltaireachd na feòla. Nach beag neart a chuireas an leòmhan dheth 'fhad 's a bhitheas è 'n a chadal? Ciod è rìgh seach duine eile, 'nuair a thilgear sìos a bhàrr na caithreach è? 'Nuair a thogar suas réusan spioradal an duine; cha n-ann le gairm, no càil na fcòla, ach le meòrachadh nèamhaidh, tuigidh è ciod è sin aoibhneas nèamhaidh. Ardaichidh smuaineachadh cuspairean ar creidiadh ann ar sùilibh, a 'comhar-rachadh amach dhuinn cho suarach 's a tha cuspairean nan càil feòlmhor, ann an coimeas ri nithibh nèamhaidh. Is iad na daoine sin a's lugh a smuaineachadh a's mò feòlmhorachd. Is furasda agus is ro thric le daoine peacachadh an aghaidh eòlais, ach is ainmig a gheibh-ear neach a ni dìmeas air smuaineachadh dùrachdach, stòlda, dìan, leanmuinneach a chridhe féin.

5. Bheir *Smuaineachadh* air réusan fàs làidir, gnìomhach, cumhachdach. Bha è roimhe mar uisge-tàmh, ach anis mar shruth làidir, bras a sguabas sìos gach ni leis 'n a chéum grad. Bha è roimhe mar chloich sinte 's an t-sruth, ach is clach è nis air a tilgeil le "crànn-tabhuill" Dhaibhaidh, leis am buailear Goliah an ascreidimh ann an "clàr 'éudain." Mairidh daoine aingidh cho aingidh 's a bha iad riamh, gus an tòisich iad air an réusan oibreachadh gu gnìomhach, glic; agus mar sin is gànn sòlas dhaoine diadhaidh, fhad 's a bhithreas an réusan agus an creidimh 'n an cadal, gus an dùisgear suas iad, agus an gairmear iad gu féum le obair a' mheòrachaидh so. Nach liomhor eagal, bròn 'us aoibhneas a thogar annainn le bruadarraig na h-oidhche! Ach cia mòr a's feàrr na sin a dhrùighear òirnn le meòrachadh glan, càramach.

6. Mairidh agus leanaidh *Smuaineachadh*, ma's àill leat, air an ohair réusantaich so. Cumaidh meòrachadh réusan agus creidimh aig an obair féin, agus séididh è an teine, gus an las è gu soilleir, làn. Is beag teas a chuirear air duine le beagan chéuman a dheanamh, ach ma choisicheas è gu luath fad uair no dhà, faodaidh è fàs blàth; agus mar sin cha n-fhaigh ar n-aignidhean an togail suas, no teas spioradail air-bith ann an smuaintibh goirid, cabhagach an dràst 's arist mu nèamh, ach bheir meòrachadh air ar smuaintean leantuinu gun stad, gus am fàs ar eridheachan blàth. Mar sin chì thu gu'm lheil làmh chomasach aig smuaineachadh a chum an t-anam a thogail suas gu mòr, àrd ann an obair a' mheòrachaïdh nèamhaidh.

II. Faiceamaid anis ciamar a dh-oibricheas gach aon fa-leth de *na h-aignidhean* ann an cur air aghaidh na h-oibre nèamhaidh so. Is ànn le smuaineachadh a ghairmeas sinn an toiseach air a' chuimhne, agus a bheirear áisde na fìrinnean nèamhaidh sin air am bheil sinn a' dol a mheòrachadh 's an àm, mar tha gràdh neo-chriochnach Dhé ann an Criod, geallaidhean na beatha maireannaich, ionradh air glòir nan naomh, agus an aiseirigh, &c. Bheir sin iad an déigh sin a dh-ionnsuidh ar tuigse, ag iarraidh oirre beachdachadh orra gu socrach, sealladh soilleir, làn a ghabhail dhiubh agus

'fhaicinn gu cothromach cho iomlan 's a tha ar sonas nèamhaidh, gun eisdeachd air-bith a thoirt do chàil, no do ghuth na feòla; mar sin a' moladh an Tighearn' ann ar cridhe, gus an lìonar sinn le iongantas agus aoibhneas naomh.

Ach cha n-è mhàin ar tuigse, no ar comas breith-neachaidh an nì àraig a dh-fhéumas sinn oibreachadh, ach ar creidimh anns an fhùrinn leis am bheil ar fois shìorruidh air a deanamh cìnnteach dhuinn; seadh araon ann am fìrinн nan geallaidhean, ann ar comh-roinn féin ànnta agus ann ar còir orra. Na'n creideamaid da rìreadh, agus gu daingean gu'm bheil glòir cho mòr ànn, agus gu'm faiceadh ar sùilean è ann am beagan làithean, O cia làdir, dìan am miann a thogadh è annainn! Cia iongantach am inothachadh a bheireadh è dhuinn air a bheatha ghìòrmhoir ri teachd! Cia mòr an gràdh 's an fhadachd a dhùisgeadh è suas 's an taobh-stigh dhùinn! O mar bheothaicheadh è gach aigneadh! O mar mheudaicheadh aoibhneas annainn fo dhearbh-bheachd air ar còir air fois! Ach cha dean gràdh 'us aoibhneas aon chéum annainn, 'nuair a stadas creidimh. Is ànn le creidimh a dh-fhéumar an dùsgadh, agus an treòrachadh air aghaidh. Air an aobhar sin, oibrich do chreidimh gach là, faiceadh è cho làn, cho saor 's a tha'n gealladh; faiceadh è Dia a' siòr-chuir-eadh nan uile gus an gcalladh a ghabhail; faiceadh è rùn gràsmhor Chriosd, dearbhadh air gràdh agus air dilseachd Chriosd; faiceadh è Chriosd a' coimhlionadh a gheallaidh anns gach ni, agus faiceadh è dearbhadh air gràdh Chriosd annainn-féin. Càraich na nithe sin uile fo shùil do chreidimh, agus smuainich cia mòr an dearbhadh iad air deadh thoil Dhé do thaobh ar slàinte; agus mar dh-fhaodar, an uair a thuigear iad gu ceart, béul an as-creidimh a dhùnadh leo. Mar sin, matà, 'nuair a bhreithnicheas do thuigse, agus a chì do chreidimh an fhùrinn leis am bheil sonas a' Chriosduidh air a dheanamh làn-chìnnteach dhà, faodaidh d' aignidhean a bhi air an beothachadh suas le obair a' mhèdrachaidh nèamhaidh: Gu h-àraig a h-aignidhean so, eadhon,—*Gràdh—Miann—Dòchas—Misneachd* no *Dànochd*—agus *Gàirdeachas*.

1. Is è *Gràdh* a' cheud aigneadh a dhùisgear ann an obair a' mheòrachaiddh nèamhaiddh. Is è maitheas cuspair an aignidh so. So anis, a Chriosduidh, a' chuid; e de d'obair a dh-ath-bheothaicheas d'anam. Rach a dh-ionnsuidh do chuimhne, do thugse, agus do chreidimh, agus faigh ànta sin òirdhearcas d'fhois'. Nochd an t-òirdhearcas sin do aigneadh do ghràidh, agus an déigh sin, gheibh thu thu-féin, mar gu'm b'eadh, ann an saoghal eile. Labhair amach, agus éisidh gràdh. Amhàin foillsich an ni so dhà, agus chì gràdh è. Is dàll gràdh brùideil an t-saoghail, ach is ro ghéur-shuilcach an gràdh diadhaidh. Deanadh do chreidimh greim air do chridhe, agus feuch dhà an aitreabh ghreadhnach, àluinn anns am bi d'ait-còmhnuiddh siorruidh, agus na neamhnuidean glòrmhor a tha ann an tigh d'Athar, eadhon na h-àitean-còmhnuiddh a dh'ullaich Criosd, agus iomadh onoir a rioghachd. Treòraicheadh do chreidimh do chridhe gu làthair Dhé, agus air dhuit a thoirt cho faisg air agus is urrainn thu, abair ris "Feuch Aosda nan làithean, an Tighearn Iehòbhah, d'an ainm IS MI. Is è so an Tì a rinn na saoghail le focal a bheòil, a tha nis a' cumail suas na talmhainn, a' riaghadh nan cinneach, ag òrduchaadh gach ciuse, a' ceànnsachadh a naimhdean, a' casgadh thònn atmhor, bécach a' chuain, a' stiùradh nan gaotlì's nan stoirm, agus a' toirt air a' ghréin a réis a ruith, agus air na réultaibh an cùrsan féin aithneachadh;— So an Tì a ghràdhaich thus' o shiorruidheachd, a dheilbh thu anns a' bhroinn, a thug dhuit an t-anam so, a thug amach á broinn do mhàthar thu, a dh'fheuch an solus dhuit, agus a shuidhich thu mar aon de na crèutaircan a's àirde gliocas air thalamh;—So an Tì a thug tuigse dhuit, a sgeadaich thu le tiodhlacaibh a ghràidh, a tha nis a' gleidheadh do bheatha agus do shòlais uile dhuit, agus 'ga d' eadar-dhealachadh uatha'-san a's suaraiche agus a's truaighe ameasg dhaoine. An so tha cuspair airidh air do ghràdh! An so thigeadh dhuit do chridhe 'dhòrtadh amach ann an gràdh! An so cha n-urrainn thu gràdhachadh ro mhòr! So an Tighearn a bheannaich thu le 'thiodhlacaibh, a' dheas-

aich bòrd dhuit am fianuis do nàimhdean, agus a thug air do chupan cur thairis'! So an Tì a tha na h-ainglean agus na naoimh a' sìor-mholadh, agus a dh-àrd-mholar gu brath le feachd glòrmhor nèimh!" Mar sin meòr-aicheadh do chridhe air cumhachd, air maitheas agus air cliù Dhé. Fosgail do chridhe agus feuch dhà iomadh òirdhearcas an Tighearna, gus an tòisich teine naomh a' ghràidh ri lasadh 's an taobh-stigh dhìot.

Mur faigh thu do ghràdh a' lasadh fathast, treòraich do chridhe céum na's fhaide, agus feuch tuilleadh dhà, feuch dhà Mac an Dé bheò, d'an ainm "Iongantach, Comhairliche, an Dia cumhachdach, an t-Athair siorruidh, Prionnsa na sìthe." Feuch dhà "Rìgh nan naomh" air caithir rioghail a ghlòire, "an Ceud neach agus an neach Deireannach; an Tì a ta, agus a bha, agus a ta ri teachd; an Tì a ta bed, agus a bha marbh, agus feuch, tha è bed gu bràth;" an Tì a rinn do shìth le fuil a chruinn-chéusaidh, agus a dh'ullaich àit na sìthe dhuit maille ris-féin. So am Fear-sitheachaидh mòr,—sin a dhreuchd. Is ì a rioghachd-san, rioghachd na sìthe,—a shoisgeul, deadh sgèul na sìthe,—a ghuth riut-sa nis, guth na sìthe. Thig am fagus dà, matà, agus amhairec air. Nach cluinn thu nis a ghuth? An Ti a thuirt ri Tómas, Thig am fagus, agus faic "aileadh nan tairngean, agus cuir do mheur" anns na lotaibh air ino thaobh; sin an Tì a ta nis a' gairm ort-sa, agus ag ràdh 'Thig am fagus, agus faic an Tighearn do Shlànughear, agus na bi mi-chreideach, ach creideach: Sìth dhuit; na biodh eagal ort, is é mi-féin a ta ann'. Amhairec air gu maith. Nach aithne dhuit è? 'So an caraid a's dìlse na bràthair.'

Sin an Tì a thog suas thu á slochd na h-ifrinn, a dh'atharraich bìnn do dhìtidh, a ghiùlain am mallachd 'bu chòir dhuit-féin a ghiùlain, a dh'aisig dhuit na beannachdan a chàill thu, a cheannaich dhuit an crùn glòire sin a shealbhaicheas tu gu sìorruidh. Agus nach aithne dhuit è fathast? Chaidh a làmhan a tholladh, chaidh a cheànn, a chridhe 's a thaobh a tholladh, a chum gu'n aithnicheadh tus' è do ghnàth leis na lotaibh sin. Nach cuimhne leat an uair a fhuair è thu sinte 'n.a d' fhuil, agus a ghabh è truas dhìot,

agus a cheangail è suas do chréuchdan. agus a thog è dhachaидh thu, ag ràdh riut, Mair bed? An do dhì-chuimhnich thu gu'n do lot sè e-féin, a chum do lotan-sa 'shlànachadh, agus gu'n do dhòirt è 'fhuil féin a chum casgadh a chur air dòrtadh d'fholasa?

Mur aithnich thu è air a ghnùis, air a ghuth, air a làimh, faodaidh tu 'aithneachadh air a chridhe,—an eridhe sin aige-san cho iochdmhor ri anamaibh,—sin a chridhe-san. Is è gràdh 'us iochd dà shéula chomharraichte a chridhe. So an Tì a ròghnaich do bheatha-sa air thoiseach air a bheatha féin; a tha nis a' tagair air do shon le luach 'fholas féin an làthair 'Athar, agus a' deanamh gnàth eadar-ghuidhe air do shon an sin. Mur fuiligeadh an Tì so, nach mòr a dh-fhéumadh tus' 'fhlolang? Cha robh ach céum beag eadar thusa agus ifrinn, 'nuair a léum è stigh 'n a d'ait agus a ghiùlain è na huillean tròm, goirt ud a hha 'dol a thuiteam ortsa. Nach leòr an connadh sin, matà, chum do ghràdh a bheothachadh agus a chumail leò? Nach 'eil do chridhe plosgach a' stad an so a chuin e-féin éutromachadh agus thusa, cosmhuil ri Iòseph, ag iarraidh àite anns an guil thu? No nach 'eil dedir do ghràidh anis a' sileadh sìos air an duilleig so? Gabh air d'aghaidh, matà, oir is farsuing achadh a' ghràidh. Is è faicinn agus gràdhachadh an obair shìorruidh a bhitheas agad, agus is geal is fhìach dhuit meòrachadh air an obair sin an diugh.

Nach tric a fhuair an Tighearn thusa, mar fhuair è Hàgar, a' suidhe, agus a' guil, agus thu fo eagal gu'n robh d'anam càillte, agus a dh'fhosgail è tobar sòlais dhuit, agus do shùilean a chum an tobar sin 'fhaicinn! Nach tric a fhuair è thu, 'us tu cosmhuil ri Eliah, ag iarraidh bàsachadh amach á do thruaighe, agus a dheasaich è bòrd air do shon, agus a thug è fuasgladhi dhuit, 'nuair nach rohh ach beag dùil agad ris, agus a chuir è thu gu 'obair fèin leis an robh thu air d'ùrachadh agus air do mhisneachadh! Nach tric, 'us tu mar bha seirbhiseach an fhàidh ag éigheachd amach, 'Mo thruaigh! cionnus a ni sinn, tha armait 'g ar cuairteachadh;' a dh'fosgail é do shùilean a dh-fhaicinn gur lionmhoire iadsan a tba leat na iadsan a tha 'n a d'

aghaidh ! Nach tric, 'us tu coltach ri Idna, frionasach, crosd' agus sgìth dhe do bheatha, a thuirt è riut gu mìn, blàth, "Am maith a thig dhuit fearg a bhi ort," no gearan a dheanamh a'm' aghaidh-sa ? Nach tric a chuir è thus' a dheanamh faire, ùrnuigh, aithreachais, agus a dh-oibhreachadh do chreidimh, agus an déigh dhà pilleadh do d'ionnsuidh a fhuair è thu a'd' chadal, agus gidheadh chòmhdaich è do lag-chuis le falluinn gràidh, gu caomh a' togair air do shon gu'm "bheil an spiorad togarach ach a ta'n fhéil anmhuinn ! An urrainn do chridhe 'bhi fuar, 'nuair a smuainicheas tu air sin ? An urrainn è 'bhi 'n a thosd, 'nuair a chuimnicheas è air an iochd neo-chriochnach sin ?

Mar so, a léughadair, labhair thus' air maitheas mòr Chriosd ri do chridhe féin. Mar so tagair ri d'anam fuar, gus am faod thu 'ràdh le Daibhidh, "Dh'fhàs mo chridhe teth 'an taobh a stigh dhòm ; 'nuair a bha mì a' beachd-smuaineachadh, las an teine." Mur mosgail sin do ghràdh, tha uile òirdhearcas eile Chriosd agad gu meòrachadh air maille ri sid,—a thròcairean àraid dhuit-féin, a dhàimh mhilis, dhlùth riut, agus sonas do chòmhnuidh sìorruidh maille ris-féin. Ach air a h-uile cor, cum iad sìn teànn, dlùth ri do chridhe. Buin ris mar bhuin Criosd ri Peadar, 'nuair a dh'fharraid è dheth trì chuairt, "An toigh leat mise ?" gus an robh Peadar "doilich," agus a' freagairt. "A Thighearna tha fhios agad gur toigh leam thu !". Mar sin, matà, dean-sa do chridhe duilich, agus nàirich amach ás a chadal fuar è, gus am faod thu 'ràdh gu fìor, taitneach, "Tha fios agam, agus tha fios aig mo Thighearn, gur toigh leam è."

2. Is è *Mìann* an ath aigneadh a ta ri għluasad ann am meòrachadh nèamhaidh. Is cuspair dhà maitheas a chithear fad no goirid uainn, no air nach d'ràinig neach fathast. Ma's teth do ghràdh, cha bhi do mhiann fuar. Smuainich agad-féin "Ciod a chunnaic mì ? O glòir do-mheasraichte ! O maise bħarraichte ! O cia sona sibħse, anamana, a ta nis a' mealtuinn an t-sonais għlormhoir air nèamh ! a ta nis a' faicinn mise agus glòir nèimh, mìle cuairt na's soilleire na chunn-acas riamh iad leinn-nc, a ta fathast astar uatha

Cia taitneach bhur staid-se seach mo staid-sa ! Mis' ag 'g am faicinn tre neulaibh dorch ! O cia àrd, cia sona sibhse seach mise : mis' ag osnaich, agus sibhse nis a' séinn, gu h-aoibhneach, àit. Mis' a' peàcachadh, agus sibhse a' toileachadh Dhé. Is cùis truais mise, coltach ri Iob, no ri Lasarus, ach tha sibhse foirfe, gun ghaoid air-bith ! Mise air mo ribeadh ann an gràdh an t-saoghal, agus sibhse air bhur slugadh suas ann an gràdh Dhé ! Agaibh-se cha n'-eil, mar gheibhear agam-sa, eagal no cùram. Cha ghuil sibh 'an uaigneas, cha n-fhannaich sibh le caoidh, no bròn gu bràth ; tha bhur 'dèdir uile air an tiormachadh air falbh o bhur sùilibh.' O nach sona, nach anabarrach sona na h-anamanan sibhse l'

"Óch mise ! an fhedil pheacach so m'ait-còmhnuidh fathast, 'us mo bhràithrean agus mo chòmpanaich a' gabhail còmhnuidh shuas maille rì Dia ! Is fbada mis' an so bho 'n cuideachd agus o'n àrd thoil-inntinn ! Is bochd, lag mo smuaintean mu Dhia ! Is fuar m' aignidhean dhà ! Nach beag a gheibhear agam-sa de'n bheatha, de'n ghràdh agus de'n ghàirdeachas làn sin leis am bheil na naoimh gach mionaid air an deanamh aoibhneach, ait air nèamh ! Nach goirid a mhaires mo sholus beag air an t-sonas mhòr sin, oir gu tric teichidh è uam, 'ga m' fhàgail ann an tiugh dhorchadas ! An dràst 's àrist tuitidh sradag shoilleir, bhed air mo chridhe, amhaircidh mì oirre, agus dubhar ás i, no bàthaidh mo chridhe fuar i ! Ach tha solus aig na naoimh air nèamh ann an solus an Tighearna, agus ðlaidh iad á tobar an aoibhneis an còmhnuidh ! Anns a' bheatha bhochd so gheibhear sinn a' buaireadh a chéile, gach aon ri carraig, cònsachadh 'us aimhreit ri aon eile, ach shuas air nèamh cha n'-eil ach aon chridhe, aon ghuth 'us aon ghràdh aig na h-uile 'us iad gu léir aon-inntinneach, agus Alelùia nèamhaidh anns gach béul 'g a shéinn gu ceòlmhor, réidh gach uair. O cia mòr a' chuilm a fhuair mo chreidimh, ach cia mòr a' ghort a ta air mo spiorad ! O anamana beannaichte ! cha n-fhaod mì, cha dàna dhomh farmad a ghabhail ruibh, O cha ghabh idir ; is feàrr leam mòr ghàirdeachas a dheanamh ann bhur sonas, agus a bhi toilichte le smuaineachadh gu taitneach airan làshona sin air an gabharastigh mise do bhur cuid-

eachd! Cha n-è mo mhìann àit aoin dibh a ghabhail, ach is è mo mhìann a bhi cho sona 's a tha sibh,—mo mhìann a bhi maille ribh. Cuime 'dh-fhanas, a ghuileas, a dh-fheitheas mì an so? Dh'fhalbh mo Thighearn. Dh'fhàg è an talamh so, agus chaidh è stigh d'a ghlòir. Dh'fhalbh mo bhràithrean; tha mo chàirdean air nèamh, mo thigh, mo dhòchas agus m' uile chuid an sin. Am feadh a blitheas mise astar cho fada bho mo Dhia, na gabh iongantas ciod a bhitheas a' tighinn rium, ma chluinnear mì ri gearan anis. Ma dh'ìarr Mìcah aineolach an déigh 'iodhoil, nach ìarr m'anam-sa gu dian a dh-ionnsuidh an Dé bheò? Mur bitheadh dòchas agam ri àrd thoil-inntinn, rachainn g' am fholach féin anns an fhàsach, agus laidhinn sìos ag ulartaich ann an àit fàsail, dorch air-chor-eigin, a' caitheainh mo làithean ri miannachadh gun fhéumi. Ach romham-sa tha tìr na fois', agus dhomh-sa tha tìr 'us fois shona air an gealltuinn, agus maille riutha sin àrd ghlòir gus an àrdaichear suas mì. Tha m' anam anis a' teannadh dlùth air m' fhois; is beag nach 'eil è aice cheana. Air an aobhar sin, gràdhaichidh agus miànnachidh mì, amhaireidh agus ìarraidh mì, agus bithidh mis' ag ùrnuigh. Cia fhad a Thighearna? cia fhad a dh-fhàgas tu an t-anam so ri plosgartaich 'us osnaich, gus am fosgail thu an dorus gu glòir dhà-san a tha nis a' feitheamh 's a' miannachadh a bhi maille riut?"

Mar sin, a Chriosduidh, ìarradh do smuaintean suas, gus am bi miànn air d' anam, mar bha air Daibhidh ag ràdh, "O gu'n tugadh fear-éigin dhomh deoch uisge o thobar Bhet-lehem!" 2 Sam. 23. 15. Agus gus am faod thu 'ràdh, mar thuirt è uair eile, "Bha mi'n geall air do shlàinte, a Thighearna." Agus mar chuir màthair agus bràithrean Chriosd fios d'a ionnsuidh, 'nuair nach b'urrainn iad teachd am fagus dà le dòmhlabhdh an t-sluaigh, ag ràdh, "Tha do mhàthair agus do bhràithre 'n an seasamh a muigh ag ìarraidh d'fhaicinn;" mar sin ruigeadh do mhìann-sa Criod, agus aidichidh è thu, oir thubhairt è, "Is iad mo mhàthair agus mo bhràithrean iadsan a dh'éisdeas ri focal Dhé, agus a ni e." Lùc. 8. 20, 21.

3. Is è *Dòchas* aigneadh eile a ta ri oibreachadh ann

am meòrachadh nèamhaidh. Cuidichidh è gu mòr a chum an t-anam a chumail suas fo thrioblaid ; misnichidh è sinn anns gach éiginn, no cruaidh chàs ; neartaicbidh è agus ni è seasmhach sinn fo na deuchainnibh a's gedire béum ; beothaichidh è sinn anns gach dleasanas. Is è dòchas am fìor ìnneal leis am bheil uile chuibh-leachan na h-inntinn air an gluasad. Cò a chreideadh, cò a dheanadh cruaidh spàирн airson nèimh mur bith-eadh dòchas aige ri dhol do nèamh? Cò a dheanadh ùrnuigh, 'mur bitheadh dòchas aige gu'n eisd Dia ris? Ma bhàsaicheas do dhòchas, bàsaichidh do dhleasanas, bàsaichidh d'oidhirp, bàsaichidh do ghàirdeachas agus bàsaichidh d'anam. Agus mur bi do dhòchas ag obair, ach 'n a chadal, is beag nach 'eil è marbh cheana, no tha è anns an ath chéum do bhàsachadh. Hò! cum beò è.

Air an aobbar sin, a Chriosduidh, 'nuair a bhitheas tus a' togail suas d'aignidhean eile gu nèamh, tog àrd do dhòchas. Smuainich mar so, agus réusanaich mar so ri do chridhe féin, "Carson nach bitheadh dòchas earbsach, sòlasach, làidir agam-sa, agus m'anam ann an làmhan Slànuigheir cho iochdmhor? agus Dia cho fìalaidh a' rìaghladh 's a' buileachadh na rioghachd? Am facas riamh è air dòigh sam-bith mi-thoileach maith a dheanamh dhomh, no toileach mo sgrios? Nach do mhionnaich è 'nach 'eil tlachd air-bith aige ann am bàs an tì a bhàsaicheas, ach gu'm fheàrr leis è aithreachas a dheanamh agus a bhi beò?' Nach 'eil gach ni a rinn è rium a' dearbhadh sin dhomh? Nach d'innis è mo chunnart dhomh, 'nuair nach robh eagal cunnairt òrm, a chionn gu'm àill leis mo theàrnadh? Nach d'innis è dhomh cait am bheil mo shonas, 'nuair nach robh sùim idir agam-féin dhà, a chionn gu'm b'àiill leis mo dheanamh sona? Nach tric a tharruing è mì d'a ionnsuidh féin agus a dh-ionnsuidh Chriosd, 'nuair a bha mis' a' seasamh air m'ais? Nach robh a Spioraid a' sìor-iarr-aidh mo chridhe? Agus an deanadh è sin uile air mo shon, na'm b'àiill leis mis' a bhi càillte? Na'n robh m'anam ann an làmhan mo nàimhdean fulteach, an sin bu bheag m' aobhar dòchais ri teàrnadh; seadh, na'n robh è gu léir 'an earbsa rium-féin, dheanadh m'fheòil agus m'amaideas a sgrios. Ach an tig dhomh-sa 'bhi

an-earbsach mu Dhia, mar bhithinn mu naimhdibh agus umam-féin? Gu cìnnteach cha tig.

“Nach tigeadh dhomh dòchas a bhi agam, na'n gealladh duine còir dhomh ni àraig a bha 'n a chomas a dheanamh air mo shon? Agus nach còir dhomh dòchas* a bhi agam 'us co-cheangal agus focal Dhé agam? Is fior, nach d'fhuair sinn làn shealladh air glòir fathast; cha n-fhaca sinn ionad-còmhnuidh siormuidh nan naomh fathast, ach nach cìnntiche gealladh Dhé na ar sealladh-ne? Is ann le dòchas 'us cha n-ann le sealladh a dh-fhéumas sinn a bhi air ar teàrnadh, agus 'dòchas a chithear cha dòchas è: oir an ni a ta duine 'faicinn, c'arson a bhios dòchas aige ris? Ach ma tha dòchas againn ris an ni nach 'eil sinn a' faicinn, feithidh sinn gu foighidneach ris.' *Ròm.* 8. 24, 25. Bha nàir òrm airson mo dhòchas a chur ann an gairdean feòla, no ann an duine, ach cha 'nàraich an dòchas' a chuirear ann an gealladh Dhé. *Ròm.* 5. 5. An uair a's truime mo shàrachadh agus a's mò mò théinn their mì, “Is e an Tighearn mo chuibhrionn, tha m'anam ag ràdh; uime sin cuiridh mi mo dhòchas ann. Is maith an Tighearn dhoibh-sa an dh'fheitheas air, do'n anam a dh'iarras e. Is maith bhi ann an dòchas, agus feitheamh gu fòil ri slàinte an Tighearna. Oir cha tilg an Tighearn uaith gu bràth; ach ged bheir e aobhar bròin, gidheadh ni e iochd a réir lìonmhoireachd a thròcairean.” *Tuir.* 3. 24-32. Ged dh-fhannaichinn, ged bhàsaichinn, fathast bithidh dòchas agam; oir 'bithidh dòchas aig an fhìrean 'n a bhàs.' *Gnàth.* 14. 32. Ged laidhinn sios ann an duslach dorchadais, eadhon an sin 'gabhairidh m'fheòil fois ann an dòcas.' *Salm* 16. 9. Agus an uair nach bi aobhar gairdeachais air-bith eile aig m'fleoile, fathast ni mì greim teànn air 'gairdeachas an dòchais gu daingean gus a' chrìoch.' *Eabh.* 3. 6. Oir 'bithidh dùil (no dòchas) naín firean 'n a aobhar aoibhneis.' *Gnàth.* 10. 28.

“Gu dearbh na'n robh agam-féin ri ceartas Dhé a riàrachadh, cha bhitheadh dòchas idir agam. Ach

Dòchas: dùil, no fiughair ri ni a ta neach a' miannachadh; muinighin ann am maith ri teachd —EADAR

'thug Criod a steach dòchas a's feàrr, tre 'in bheil sinn a' teachd am fagus do Dhia.' *Eabh.* 7. 19. No na'm b'ann ri crèutair lag—crèutair air-bith—a bha mo ghnothach, bu bheag an dòchas dhomh sin; oir cionnus a b'urrainn è mo chorp a thogail suas o'n duslach, agus m'àrdachadh os-ceànn na gréine? Ach ciod è sin anu an coimeas ris a' Ghàirdean uile-chumhachdach a rinn nèamh agus talamh amach á neo-ni? Nach urrainn an Gàirdean sin a thog Criod o na mairbh, mis'a thogail: agus nach urrainn an Tì a ghlòraich an Ceànn, na buill a ghlòrachadh mar-an-céudna? Gun teagamh, 'le fuil a' choimhcheangail, cuiridh Dia amach a phriosanaich ás an t-slochd anus nach 'eil uisge sam-bith; air an aobhar sin, 'pillidh mise chum an daingnich, mar phriosanach an dòchais.'" *Sech.* 9. 11, 12.

4. Is è *Misneachd* no *Dànochd* aigneadh eile, a dh-fhéumar oibreachadh ann am meòrachadh nèamhaidh. Tredraigheadh an t-aigneadh so an eridhe gu deadh rùn, agus criochnaigheadh è ann an gnìomh. An déigh dhuit do ghràdh, do mhànn agus do dhòchas a dhùsgadh suas, gabh air d'aghaidh, a' smuaineachadh agad-féin mar so, "An gabh Dia da rìreadh còmhnuidh maille ri daoine? An ruig dòchas air glòir cho mòr? Carson, matà, nach 'eil mise nis a' deanamh greim air a' ghildir sin? Càit am bheil spionnadha mo chridhe? càit am bheil neart suilbhìr, dòchasach mo spioraid? Carson nach 'eil mis' a' 'crioslaghadh leasraidh m' inntinn?' 1 *Pead.* 1. 13. Carson nach 'eil mis' a' casgadh mo naimhdean,—an fheadòil 's a feachd,—air gach taobh dhòm, agus gu fearail a' briseadh tre gach cùis-bhacaidh? Ciod a chuireadh stad, sgàth, no eagal òrm? Nach 'eil Dia leam? nach 'eil Criod leam anns an obair so? Agus ma tha 'Dia agus Criod leam cò 'dh'fheudas a bhi a'm' aghaidh?' *Ròm.* 8. 31. Ann an obair a' pheacaidh is beag nach cuidich na h-uile nithe leinn. cha n-'eil ach amhàin Dia agus a sheirbhisich 'n ar n-aghaidh anns an obair sin. Ach ann mo chéum-sa gu nèamh, is beag nach 'eil na h-uile nithe ag oibreachadh a'm' aghaidh, gidheadh tha Dia leam; agus an lorg sin théid an obair leam gu comasach, taitneach!

"Am buail mì air an obair so ann mo neart féin?

Nach ann le neart Chriosd, mo Thighearn, a ghabhas ì deanamh dhomh? Agus nach 'urrainn mì na h-uile nithe a dheanamh tre Chriosd a neartaicheas mì.' *Philip.* 4. 13. An d'fhairtlich nàmhuid riamh air Criosd? Gu dearbh is iomadh nàmhuid a thug ionnsuidh gharbh air, ach cò a thug buaidh air? Carson, matà, a gheibhear m'fheòil a'slor-ghearan gu'm bheil an obair duilich, cruaidh? Am bheil nì sam-bith ro chruaidh air an Uile-chumhachdach? Nach fhaod Peadar imeachd gu dàna air an fhairge, 'nuair a bheir Criosd comas dhà? Ma thòisicheas è air dol fodha, an ànn o easbhuidh neirt ann an Criosd, no bho lughad a chàreidimh féin? Nach maith is airidh mis' air mo thilgeil do ifrinn, ma leigeas mì le bagairtean bàsmhor m'iomain do'n àit sin? Nach airidh mì air mo dhùnadh amach á nèamh, ma leigeas mì le eagal na droch theanga mo chumail anis o obair an àite sin? Ciod! geda b'athair, no màthair, fear-pòsda, no bean, no abair, mo charaid a's feàrr 's an t-saoghal, ma's fhìach an leithid càirdean a ghairm dhiubh, a mhealladh m' anam gu àit nam mallachd, nach bu chòir dhomh iad sin agus gach uile chréutair, a chumadh mì bho Criosd, a thréig-sinn? Ma thuiteas mì fo chorruich Dhé, an urrainn càirdeas dhaoine mo thogail, no sòlas a thoirt do m'anam mallaichte? Am bi mis' a' geilleadh do thoil dhaoine agus le sin a' cruadhachadh mo chridhe féin an aghaidh an Tighearna? Iarradh iad òrm air an glùinibh, ach so am fear leis nach fhiù iad, nach tréig gu bràth a chéum nèamhaidh féin air an son, agus nach eisd idir ri'n guth meallaidh. Bitheadh iad sodalach, no gruamach; géuraicheadh iad an teangaidh 's an claidheamh a'm' aghaidh, béumadh iad mì mar is àill leo, ach ann an neart Chriosd, seasaidh mise mach 'n an aghaidh, dùlanaichidh mì iad agus amhaircidh mì orra mar dhuslach: geda thairgeadh iad onoir, eadhon rioghachd-an dhomh, chum ino mhealladh, cha b' fhearr leam iad na inneir na talmhainn. O thusa m' fhois bheann-aichte! O thus' a staid ghlòrmhor! cò a reiceadh tu air faoin dhòchas, faileas agus sgleò? cò a thréigeadh do chéum le guth meallaidh, no eagail? Cò nach deanadh cruaidh spàирн, agus cogadh, agus faire, agus ruith

'us léum, agus sin le 'ainneart,' eadhon gu bàs, a chum d'fhaotuinn? Cò ach amhàin iadsan aig nach 'eil eòlas ort, agus nach 'eil a' creidsinn ann do ghlòir."

5. Is è *Gàirdeachas* an t-aigneadh mu-dheireadh a ta ri oibreachadh ann am meòrachadh nèamhaidh. Tha gràdh, miann, dòchas agus misneachd a' co-oibreachadh uile chum ar gàirdeachas a thogail. Gu nàdurrach is miànnach, taitneach leis gach duine gàirdeachas a dheanamh, agus tha fios aig na h-uile nach urrainn neach a bhi sona gun ghàirdeachas. Is è mo dhòchas, uime sin, a léughadair, nach ruigear a leas mòran a ràdh riut a chum d'aomadh an déigh ni sambith a ni do bheatha taitneach dhuit. Anis, matà, ma's duine thu aig am bheil làn dearbhadh annad-féin gur brùideil, diombuan taitneas na feòla, agus gur ànn o nèamh a gheibhear gàirdeachas làn, làidir, maireannach, cha n-eil féum cho mòr agad air do chomhairleachadh an so, agus air an aobhar sin, tòisichear anis air do sheòladh. Ma rinn thu d'obair eile gu maith roimhe so, fhuair thu sealladh air d'fhois, tha thu nis a' creid-sinn innte; tha dearbhadh agad air a h-dìrdhearcas; tha thu air tuiteam ann an gaol oirre; tha fadachd ort 'n a déigh; tha dòchas agad rithe; agus tha thu le làn mhisneachd a' cur romhad a dhol tre gach cunnart a chum a faotuinn. Ach am bheil obair idir aig gàird-eachas an so? Is taitneach leinn am maith a ta againn. Is è am maith a ta làthair cuspair a' ghàirdcachais; agus their thusa, "Mo thruaigh mise! tha mì gun ghàirdeachas òrm." Ach smuainich car beag agad-féin, "Nach dad idir còir sgriobhte bho Dhia? Nach aobhar gàirdeachais a gheallaidhean neo-mhearrachdach? Nach dad idir a bhi beò gach là ann an dòchas ri dhol asteach do'n rioghachd? Nach làn aobhar gàirdeachais do-labhairt dhomh mo dhearrbh-bheachd gu'm bi mì air mo ghlòrachadh an déigh so? Nach taitneach do oighre rioghachd smuaineachadh air an onoir sin a gheibh è 'an dùin ghoirid, ged nach 'eil è an diugh na's àirde na seirbhiseach? Nach 'eil araon àithn 'us eisimpleir againn gu gàirdeachas a dheanamh 'an dòchas glòire Dhé." *Ròm. 5. 2 : Caib. 12. 12.*

An so anis, a léughadair, gairm air do chridhe aon

uair fathast, agus tog suas è gu mullach na beinne sìn a's àirde. 'Nochd dhà rioghachd Chriosd agus a glòir,' agus abair ris, 'So uile bheir do Thighearn dhuits' a chreid ànn, agus a bha 'deanamh aoraidh dhà.' 'Is è deadh thoil an Athar an rioghachd so a thoirt dhuit.' *Lùc.* 12. 32. Nach fhaic thu nis a' ghlòir longantach a ta os do chionn? So uile d'oighreachd féin. Is leats' an crùn sin. Is leat-sa na taitneasa sin, a' chuideachd sin, an t-àit maiseach sin; is leat-sa iad sin uile; a chionn gur le Criosd thusa, agus gur leat-sa Criosd. 'Nuair a bha thu air d'aonadh ris, bu leat na nithe sin uile maille ris.'

Mar sin, treòraich do chridhe 'dh-ionnsuidh "tìr a' gheallaidh." Feuch dhà nis na beànn tan taitneach, na glinn thorach. Feuch dhà na "bagaidean dhearcan" a chruinnich thu, chum a dhearbhadh air gur tìr bheann-aichte sin "a' sruthadh le" nithibh a's feàrr na "bainne agus mil." Rach astigh air geataibh a' "bhaile naoimh," imich tre shràidibh na h-lerusaleim Nuaidh.

'Cuairtich Sion, agus rach m'a timchioll, àireamh a tùir; thoir an aire d'a balla làidir, comharrach a lùchairtean, chum gu'n cuir thu an céill e do d'anam.'

Salm 48. 12, 13. 'Nach 'eil glòir Dhé aig a' bhaile sin, agus nach 'eil a shoillse cosmuil ri cloich ro luach-mhoir, mar chloich iaspis, soilleir mar chriostal? Faic dà bhunait dheug a bhalla, agus annta-san ainmean dà abstol deug an Uain. Agus tha a bhalla air a thogail do chloich iaspis; is òr fior ghlan am baile, cosmuil ri gloine shoilleir; agus tha bunaitean balla a' bhaile air an deanamh sgìamhach leis gach uile ghnè chlocha luachmhor. Agus an dà gheata dheug, is dà neamhnuid dheug iad, agus is neamhnuid gach aon gheata fa leth, agus is òr fior ghlan sràid a' bhaile, mar ghloine shoilleir.

Cha n-eil teampull ann, oir is e 'n Tighearn Dia uile-chumhachdach, agus an t-Uan a's teampull dà. Agus cha n-eil feum aig a' bhaile air a' ghréin, no air a' ghealaich a dhealrachadh ànn: oir shoillsich glòir Dhé e, agus is e an t-Uan a's solus dà; agus gluaisidh cinnich na muinntir sin a shaorar 'n a sholus. Tha na briathran so dileas agus firinneach. Agus chuir an Tighearn, Dia nam fàidhean naomha, 'aingeal féin, ag-

us a Mhac féin a nochdad d'a sheirbhisich na nithe sin a's éigin tachairt gu h-aithghearr.' *Taisb.* 21. 11-24: *Caib.* 22. 6.

Abair anis ri sin uile, "Sin d'fhois O m'anam ! Agus is è 'n t-àit siu do chòmhnuidh shìorruidh. ' Deanadh mic Shioin aoibhneas, deanadli nigheana Ierusaleim gàirdeachas ; oir is mòr an Tighearn, agus is ro airidh air cliù è ann am baile ar Dé, ann an sliabh a naomhachd ; sgìamhach 'n a shuidheachadh, aoibhneas na talmhainn uile, is e sliabh Shioin. Aithnichear Dia 'n a lùchaintibh mar theàrmunn.'" *Salm* 48. 11, 1-3.

Fathast gabh air d'aghaidh. An t-anam a ghràdh-aicheas, dìridh è suas gu bidheanta, agus ruithidh è gn h-eòlach tre shràidibh na h-Ierusaleim nèamhaidh, a' faicinn nan aithrichean agus nam fàidhean. a' failteachadh nan abstol, ag amharc le iongantas air armaitibh nam martarach ; mar sin, treòraich thusa do chridhe bho shràid gu sràid ; thoir astigh cò do lùchaint an "lìgh inhòir ;" treòraich è, mar gu'm b'eadh, bho sheòmar gu seòmar. Abair ris, "Aui so gabhaidh mise còmhnuidh. An so bithidh mise bed. An so molaidh mise. An so gràdh-aichiidh mise agus gràdh-aichear mì. Gu goirid, is mise aon de'n luchd-ciùil nèamhaidh ; an sin bithidh mì ua's eòlaiche air a' cheòl, eadhon cèòl a' mholaidh nèamhaidh. Gabhaidh mì m'ait ameasg na cuideachda beannaichte so, agus togaidh mo ghuth an t-dran cèòlmhor, bìnna maille riutha. An sin tiormaichear air falbh mo dheòir uile. Tionndaidhear m'osnaich gu fonn eile. Atharraichear mo bhothan creadha gu bhi mar an lùchaint so. Nithean luideagan mo phriosain cosmhuil ris na trusganaibh àluinn sin. Cuiridh mì dhòm au fhedil shalach so, agus cuirear umam corp spioradail, glan, sgìamhach mar a' ghrìan : oir an sin 'chaidh na ceud nithe thairis.' *Taisb.* 21. 24. 'Innsear nithe glòrmhor ort-sa, a chaithir Dhé.' *Salm* 87. 3.

"Nuair a sheallas mì suas ris an àit ghìòrmhor so, is otrach agus toll dubh an talamh ann ino shùilibh. O ciod è duine lag air a phìanadh, ri osnaich, a' bàsachadh 's a' grodadh sìos do'n uaigh, ann an coimeas ri aon de na naoimh àrd-aoibhneach, dhealrach sin ! An

sin 'òlaidh mi á amhainn nan sòlas, 's a sruthain a' deanamh caithir Dhé ait.' *Salm* 36. 8. : agus 46. 4.

"Bhuineadh do Israel, 'us iad fo dhaorsainn an lagha, seirbhis a deanamh do'n Tighearn le gàirdeachas, agus subhachas cridhe, airson pailteis nan uile nithe.' *Deut.* 28. 47. Agus nach dean mise seirbhis dhà le gàirdcachas agus subhachas cridhe, airson pailteis na glòire? 'Ma ghabh naoimh 'us iad fo ghéur-leanmhuinn, le luath-ghàir ri creachadh am maoin,' (*Eabh.* 10. 34,) nach gabh mise le gàirdeachas làn aiseag nan uile nithe dhomh? Nach bu là iomraideach 'an là air an d'fhuair na h-Iudhaich fois o'n naimhdibh,' a chionn gu'n 'd'iompaicheadh è dhoibh o thuirse gu aoibhneas agus o bhròn gu àm maith?' *Est.* 9. 22. Ach O! cia mòr an là sin do m'anam-sa, 'nuair a dh-atharraicheadh è gu fois fada nan cian na's mò na sin! 'Nuair a chunuaic na druidhean (daoine glice) an réult,' a threòraich iad a dh-ionnsuidh Chriosd, 'rinn iad gàirdeachas le h-aoibhneas ro mhòr.' *Mata* 2. 10. Ach nach mis' a ni an gàirdeachas gu h-aithghearr, 'us mì 'faicinn Chriosd, 'réult dhealrach na maidne!' *Taisb.* 22. 16.

"Dh'imich na deisciobuil o'n uaigh le mòr ghàirdeachas', 'nuair a chual' iad gu'n robh an Tighearn 'air eirigh o na mairbh.' *Mata* 28. 7, 8. Ach cia mòr mo ghàirdeachas-sa, 'nuair a chì mì mo Thighearn a' righeachadh ann an glòir, agus mi-féin air m'àrdachadh gu co-chomunn beannaichte maille ris gu bràth? An sin gheibh mì 'maise 'an àit luaithe, oladh aoibhneis 'an àit bròin, éididh mholaidh an àit spioraid airsneil; agus 'nithear' Sion 'n a h-dìrdhearcas sìorruidh, 'n a h-aobhar gàirdeachais feadh lìnn nan lìnn.' *Isà.* 61. 3 : *Caib.* 60. 15. Carson, matà, nach 'eil mis' ag eirigh suas o'n duslach, agus a' sgur de gach gearan? Carson nach 'eil mì nis a' pronnadh smuaintean diomhain fo mo chosaibh, agus a' beathachadh air sòlsasaibh na glòire, a chithear mar so roi-làimh? Carson nach gàirdeachas gun sgur mo bheatha, agus carson nach 'eil Slànuighear nèimh an còmhnuidh air mo spiorad?"

Anis, a léughadair, ceadaich dhomh ainmeachadh dhuit, nach ruigear a leas na h-aignidhean sin oibreachadh anns a' cheart òrdugh 's am bheil iad air an

sgrìobhadh sìos an so, ni mò a ruigear a leis an oibreachadh uile còmhla. Air uairibh faodaidh féum a bhi agad air aon de d'aignidhean a dhùsgadh gu obair, na's mò nà aon eile, no faodaidh aon a bhi na's beothaile na 'chuid eile dhiubh; mur bi do chothrom ach goirid, faodar aon aigneadh oibreachadh an diugh, agus fear eile am màireach, a' dol thairis orra mar sin, a lìon fear 'us fear, mar cheadaicheas do chranncur, agus mar shèdas do ghliocas dhuit.

Faodaidh tu, ma's àill leat, aignidhean eile, a bhàrr orra sid oibreachadh,—aignidhean car-measgaichte do-nach ionann idir 'us dhoibh-san a chaidh ainmeachadh roimhe so. Is iad sin *Fuath* do'n pheacadh a dh-iarradh an t-aoibhneas neo-bhàsmhor ud a ghearradh amach á d'anain. *Eagal diadhaidh* gu'm mi-ghnàthaich thu do thròcairean uair air-bith. *Nàire dhiadhaidh* agus *bròn* airson gu'n d'rinn thu am mi-ghnàthachadh cho tric. *Fior aithreachas glan*. *Féin-dhìombadh*. *Amharus* air do chridhe fein. *Truas* ris a' inhuinntir sin a tha ann an cunnart an t-aoibhneas sìorruidh ud a chàll. (Faic CAIB. IX.)

III. Bheirear anis fainear mar chuirear medrachadh nèamhaidh air aghaidh le *Féin-labhairt* agus *Urnuigh*. Ged is ànn le smuaineachadh a nithear a' chuid a's mò de'n obair so, cha n-eil è cho dualach dhà deargadh air a' chridhe leis-féin 'n a aonar. Anns a' chùis so tha medrachadh coltach ri searmonachadh leis am mìnichear an fhìrinn, agus leis an teagaisgear do dleasanais dhuit, ach is ain mig a dheargas sin air a' chridhe, gus an cluinear *co-chur* beò, drùighteach na searmoin, a' labhairt gu dìreach, dileas, dìan, drùighteach ris a' choguis; agus sin gu h-àraig 'nuair a dh-iarrar gu dùrachdàcli bean-nachd Dhé air co-chur na searmoin.

1. Is è *Féin-labhairt*, labhairt ri do chridhe fein—tagair na cùise gu dìreach, dileas, teànn ri do chridhe; oir féumaidh tu air àm do mheòrachaiddh do chridhe fein a làn-bheothachadh. Féumaidh tu 'dhol ann an deasbuid chùramach, dhùrachdach ris. Labhair agus tagair ris gu drùighteach, dlùth, agus gluais è leis gach argumaid làidir a's cumhachdaiche buaidh. Mar sin chleachd "daoine naomha Dhé" labhairt ri'n cridhe fein anns

gach linn de'n t-saoghal. Mar so gheibhear Daibhidh a' labhairt ris-féin :—

“ O m'anam, c'uim' a leagadh thu,
Le diobhail misnich sìos ?
Is c'uim' am bheil thu'n taobh stigh dhiom
Fo aimheal is fo sgùis ?
Cuir dòchas daingean ann an Dia :
Oir molam e a ghnàth,
O 's e a's slàinte do mo ghnùis,
Is e mo Dhia gu bràth.”—*Salm 42. 11.*

Faic arìst cho maiseach, drùighteach 's a gheibhear an Rìgh diadhaidh sin a' tagair ri 'anam féin leis na briathraibh milis so :—

“ O m'anam, beannaich thusa nis
An Dia Iehobhah mòr :
Moladh gach ni an taobh stigh dhiom
'Ainm naomha mar is còir.
O m'anam, beannaich féin a nis
Iehobhah mòr do Dhia
Na dì-chuimhnich na tiodhlacan

A dhèðnuich dhuit an Triath.”—*Salm 103. 1-5.*

Is còir an fhéin-labhairt so a dheanamh aréir gach aoin fath-leth de aignidhean an anama, agus aréir gach suidheachaidh anns am bi neach. Le féin-labhairt tha neach a' searmonachadh dhà-féin : Is searmonaiche maith gach maighstear maith. no dcadh athair teaghlaich d'a theaghlaich féin ; mar sin is searmonaiche maith gach deadh Chriosduidh d'a anam féin. Uime sin, ceart mar labhras gach ministear dileas ris an t-sluagh, buinidh do gach Chriosduidh oidhirp a thoirt air labhairt ri 'chridhe féin. Thoir fainear na briathràn, agus an dòigh theagaig leis an fheàrr a rànnsaichear an cridhe, agus a dheargar air fo shearmonachadh drùighteach, no dìreach mar a làimhsicheas ministear fìrinneach cridheachan an t-sluaigh, a' rùsgadh am peacaidhean doibh, a' feuchainn an cunnairt doibh 'gan soillseachadh agus 'g an cronachadh, 'gam misneachadh agus 'g an treòrachadh a dh-ionnsuidh Chriosd le teagasg na fìrinn ; làimhsich agus treòraich thusa do chridhe mar-an-céudna. Dean sin air uair do mhèdrachaидh nèamhaidh. Mìnich dhuit-féin na cùisean air

am bheil thu nis a' meòrachadh. Daingnich do chreidimh ànnta leis an Sgriochtuir. Co-chuir riut-féin iad aréir na fìrinn agus mar tha d' fhéum féin ag larraidh. Cha leisgeul idir dhuit a ràdh nach 'eil thu comasach air an dleasanach so a dheanamh. An d'fheuch thu ris, arìst 's arìst? Na abair gu bràtb nach 'eil thu comasach air a dheanamh, gus am feuch thu ris gu tric, dùrachdach; agus ma dh-fheuchas tu ris gu deònach, ann an ainm Dhé, agus ann an neart a Spioraid, bi cìnnteach gu'n téid agad air. Nach 'eil Dia féin ag àithneadh dhuit na Sgriobtuirean a "theagasc do d'chloinn, agus lahhairt orra 'nuair a shuidheas tu ann do thigh, agus an uair a dh'imicheas tu air an t-slighe, agus an uair a luidheas tu sìos, agus an nair a dh'éireas tu suas?" *Deut. 6. 7.* Agus ma dh-fhéumas tu beagan comais a bhi agad a chum do chlànn a theagasc, cia mòr na's mò na sin a chum thu-féin a theagasc: agus ma's urrainn thu labhairt air nithibh na diadhachd ri muinntir eile, carson nach labhradh tu orra ri do chridhe féin mar-an-céudna?

2. Fòs neartaichear meòrachadh nèamhaidh gu mòr le labhairt ri Dia ann an ùrnugh, mar nithear le tagair ruinn-féin ann am féin-labhairt. Faodar ùrnugh ghoirid, luath a dheanamh gu maith maille ri meòrachadh, no meòrachadh a mheasgachadh le ùrnughean goirid, beothail. Is iùrnugh cuid mhaith de dhleasanach a' mheòrachaidh. Nach tric a gheibhearr Daibhidh anns an aon Salm, air aon uair a' tagair ri 'anam féin, agus air uair eile ri Dia. Tha 'n t-Abstol ag larraidh òirnn "labhairt ruinn-féin ann an salmaibh, ann an laoidhibh agus ann an dànaibh spioradail." *Eph. 5. 19.* Agus gu cìnnteach is còir dhuinn labhairt ri Dia ànnta sin. Cumaidh sin làthaireachd Dhé ann an sùil an anama, agus treòraichidh è gu mòr a chum a hheothachadh agus a thogail suas. Is è Dia féin cuspair a's àirde air an urrainnear smuaineachadh, agus le beachdachadh air le lahhairt agus tagair ris, àrdaichear an t-anam agus misnichearr na h-aignidhean na's mò na nithear le medrachadh air dòigh sam-hith eile. Geda dh-fhaodas nach deanar ach beag drùigheadh air ar cridheachan fhad 's a bhitheas sinn a'tagair na cùise ruinn-féin,

gidheadh cho luath 's thòisicheas sinn air labhairt ri Dia féin faodar ar bualach le fìamh agus cùram naomh, agus faodaidh naomhachd agus mòdrachd an Tì ris am bheil sinn a' labhairt, a thoirt araon air an fhocal agus air a bhrìgh deargadh gu domhain, tarbhach air a' chridhe.

Tha sinn a' léughadh gu'n "deachaidh Isaac amach a bheachd-smuaineachadh 's an fhaiche." Anns a' Bhìobull Eabhrach tha 'm focal sin. a chaith eadar-theangachadh gu "beachd-smuaineachadh," a' cìallachadh ùrnuigh a dheanamh, cho maith ri meòrachadh. Is è meòrachadh mar sin le cuideachadh féin-labhairt agus ùrnuigh,—aon uair a' tagair ri ar cridheachan féin, agus uair eile a' tagair ri Dia,—an céum a's àirde, do réir mo bheachd féin, a's urrainn sinn a ghabhail anns an obair nèamhaidh so. Na abair idir gur leòr ùrnuigh a dheanamh a dh-easbhuidh meòrachaidh, oir cuimhnich, is dà dhleasanais àraig iad, agus féumar an deanamh le 'chéile. 'Tha mòr fhéum againn orra le 'chéile, agus ma dhear-madas sinn aon diubh, ni sinn cron dirnn-féin. A bhàrr air sin, le 'm measgachadh gheibhearr iad, coltach ri ceòl, na's taitniche leinn, oir cuiridh aon diubh beatha, treoir agus fonn milis anns an aon eile. Agus is còir dhuinn labhairt ruinn-féin ann am meòrachadh, mu 'n labhair sinn ri Dia ann an ùrnuigh. Mur toirear a' cheart aire do'n òrdugh so 'n a àm fèin, labhraidih daoine ri Dia le urram 'us togradh na's lugha, na labhradh iad ri aingeal, na'm faicteadh aingeal leo, no ri breithreamh, na'n robh lad a' tagair ris airson am beatha. Is àrd-luachmhòr agus cudthromach labhairt ri Dia nèimh ann an ùrnuigh, seach na tha mòran a' saoiltinn.

CAIBDEIL XV.

Medòrachadh Néamhaidh air a chuideachadh le Nithibh faicsinneach, agus air a dhòn an aghaidh a' Chridhe sheachranach.

Is ì nis a' chuid a's dorra de mheòrachadh nèamhaidh, beachd beò, ceart mu nithibh nèamhaidh a làn-chumail air a' chridhe. Is fhusa smuaineachadh air nèamh

féin fad là, na 'bhi beothail agus togarach ann ar smuaintibh mu nèamh, aon chairteal na h-uaire. Is neo-iomlan ar creidimh, oir cha n-eil sinn air ar n-ath-nuadhachadh fathast ach ann an cuid, agus tha aige ri cogadh an aghaidh an t-saoghal cheannaircich, ach aùr dhà 'bhi spioradail tha è ullamh gu fannachadh agus crìonadh, mur beothaichear agus mur misnichear è an còmhnuidh. Is làdir cumhachd nan càil talmhaidh air an neartachadh leis an fheòil. Is nàdurrach an cumhachd sin, agus mairidh è cho fad's a mhaireas nàdur féin. Is fhada uainn cuspairean a' chreidimh, ach is fagus cuspairean nan càil. Feumaidh sinn a dhol cho fad ás ri nèamh a dh-iarraidh aoibhneis. Cha n-eil è idir cho furasda dhuinn aoibhneas a dheanamh ann an nì nach fhaca sinn riamh, no duine sam-bith a chunnaic è, guin sealladh againn air ach amhàin gealladh anns a' Bhìobull, ri aoibhneas a dheanamh ann an ni a ta sinn a' faicinn agus a ta againn. Anis, matà, is è cuid de ghliocas spioradail nithe faicsinneach, no cuspairean nan càil a ghairm astigh a chum ar cuid-eachadh ann ar turus a dh-ionnsuidh Dhé; agus is maith an gnothach, ma gheibhear càirdean a dheanamh de na naimhdibh cumanta sin, agus instrumaidean a dheanamh dhiubh-san a chum ar togail a dh-ionnsuidh Dhé, a tha cho tric 'g ar tarruing air falbh uaith. Carson a thug Dia dhuinn ar càilean (*senses*) nàdurrach agus an cuspairean nàdurrach, ach a chum e-féin a mholadh leo? Carson a tha 'n Spiorad Naomh ag innseadh glòir na h-Ieruseleim Nuaidh ann am briathraibh a tha taitneach eadhon do'n fheòil féin? An ànn a chum gu'n saoileamaid gur ànn de neamhnuidean 'us òr a tha nèamh air a dheanamh? no gu'm bheil naoimh 'us ainglean ag itheadh agus og òl? Cha n-ànn idir, ach a chum ar cuideachadh gu nithe nèamhaidh a thuigsinn 's a bhreithneachadh, aréir ar comais, le nithibh talmhaidh a ta dhuinn mar ghloine leis am faicear iad an diugh ann an tomhas beag, gus an tig an là aoibhneach sin air an ruigear iad, agus air am faicear iad gu h-iomlan 'g an làn-mhealtuinn. Agus a bhàrr air sin, faodar meòrachadh nèamhaidh a chuideachadh le nithibh faicsinneach.

I. A chum meòrachadh nèamhaidh a chuideachadh le nithibh faicsinneach, comhairlicheam,—Iomadh Sàmh-ladh làidir a thogail o nithibh a chithear, agus Cuspairean nan càil a choimeas ri cuspairibh a' chreidimh.

1. Smuainich air an aoibhneas a ta shuas, mar gheibh thu è air 'ainmeachadh gu làn dhuit anns an Sgriobtuir; 's an déigh sin, ìslitch do smuaintean gu crìochaibh nan càil nàdurrach. Meudaichear gràdh agus aoibhneas le còmpanas 'us eòlas càirdeil. 'Nuair a dh-oidhirpicheas sinn air smuaineachadh air Dia agus glòir, gun bheachdachadh orra, mar tha na Sgriobtuirean 'g am foillseachadh dhuinn, caillidh sinn ar sealladh orra, agus fàgar sinn gun ni sam-bith againn air an socraich sinn ar smuaintean. Cuiridh sinn fada uainn àd, agus bithidh ar smuaintean gun ghreim ac' orra, agus sinn-féin ullamh gu ràdh, "Is neo-ni dhuinn-ne na nithe àrd a ta shuas." Is beag gràdh a ghinear ann an neach le smuaineachadh amhàin air Dia agus glòir, mar chuspairean a ta ro àrd os-ceànn na's urraiun sinn a bhreithneachadh, agus is beag aoibhneas a ghinear le smuaineachadh nach ruig ar gràdh idir orra. Air an aobhar sin, na cuir Criod na's fhaide uait na chuir se e-féin uait, air eagal gu'n càill thu do shealladh air nithibh diadhaidh. Ach smuainich air Criod mar tha è air a ghlòrachadh ann ar nàdur-ne; oirghabh è nàdur an duine air-féin. Smuainich air na naoimh ghlòraichte, mar dhaoine air an deanamh foirfe. Abair gur còmp-anach thu-féin do Èdin, an diadhair, a' beachdachadh air an "Ierusalem Nuadh," no air a' bhaile nèamhaidb, ag amharc air na rìgh-chaithrichibh, air a' mhòrachd ghlòrmhoir, air an armait nèamhaidh, air a' ghreadh-nachas dhealrach a chunnaic è. Abair gur còmpanach-turuis dhà thu-féin a' dol leis gus an rioghachd nèamhaidh, agus gu'm faca tu na naoimh uile 'n an "trusganaibh geala, agus pailm aca 'n an làmhaibh," agus gu'n cuala tu "drain Mhaois agus an Uain." Na'm faca agus na'n cuala tu na nithe sin da rìreadh, nach bu mhòr d'àrd aoibhneas! Matà, mar a's mò agus mar a's dùr-achdaich' a shaoileas tu annad-féin gu'm faca tu àd, is ànn a's àird e'thogar suas do chridhe le meòrachadh orra.

Na dean, coltach ris na Pàpanaich, na nithe glòrmhor

sin a riochdachadh dhuit-féin ann an dealbhan, no iomhaighean, ach faigh an dealbh a tharruing cho làn, cho beò, cho soilleir agus is urrainn thu, air clàr do chridhe le medrachadh air an Sgriobtuir anns am bheil iad air an sgrìobhadh, gus am faod thu 'ràdh, "Thar leam gu'm bbeil agam boillsgeadh de ghlòir! Thar leam gu'n cluinn mì iolach an aoibhneis agus a' mholaidh, gu'm bheil mì nis a' faicinn Abrahim agus Dhaibhidh, Pheadair agus Phòil maille ris na naoimh àrd-aoibhneach eile ann an glòir! Thar leam gu'm faicear leam Mac Dhé anis a' dealradh anns na 'neulaibh,' agus an saoghal a' seasamh an 'làthair caithir a bhreitheanais, a chum am binn 'fhaotuinn; agus gu'n cluinn mì an Tighearn ag ràdh ris na naoimh, 'Thigibh, a dhaoine beannaichte m'Athar-sa;' agus 'g am faicinn a' dol astigh le gàirdeachas 'do aoibhneas an Tighearna!' Air uairibh, ni eadhon mò bhruadar air na nithibh sin mòr dhùrigheadh òrm, ach cia mòr na's mò na sin bu chòir dhoibh dhùrigheadh òrm, 'nuair a smuainicheas mì orra do réir na firinn! Ciod a theirinn na'm faca mì na nithe do-labhait ud a chunnaic Pòl! No, an sealladh ud a fhuair Stephen, 'nuair a chunnaic è 'nèamh fosgailte, agus Criod 'n a shuidhe air deas làimh Dhé!' Is cìnnteach bu bheag aige an fhras chlach leis an robh è air a ghoirt-bhualadh, an déigh an t-sealaидh ud! *Gníomh. 7. 55-59.* Ciod a theirinn na'm faca mì, mar chunnaic Micaiah, 'an Tighearn 'n a shuidhe air a rìgh-chaithir, agus uile shlòigh nan nèamh 'n an seasamh air a làimh dheis, agus air a làimh chlì!' (1 Rì. 22. 19.) Sin nithe àrd, glòrmhor a chunnaic sluagh sin Dhé, agus is goirid gus am faic mise mòran na's mò na chunnaic na daoine maith sin, mu'n robh iad air am fuasgladh o phriosan na fedla, o'n éigin dhomh-sa 'bhi air m' fhuasgladh mar iadsan." Air an dòigh so, chithear mar dhùisgear agus mar thogar suas ar n-aignidhean anns an obair nèamhaidh so, 'nuair a ghabhar sàmhlaadh soilleir, làidir air an staid bheannachte ri teachd, o nithibh faicsinneach, no bho cbàilibh a' chuirp, oir tha 'n Spiorad Naomh a' labhairt ruinn, air an dòigh sin, gu tric anns na Sgriobtuiribh.

2. Is i nis an ath dhòigh air am faodar an obair

nèamhaidh so a chuideachadh le nithibh faicsinneach, sàmhladh, no coimeas a tharruing eadar cuspairean nan càil agus cuspairean a' chreidimh. Mar so, faodaidh tu réusanachadh ri do chridhe féin eadar taitneas truaillidh dhaoine feòlmhor air thalamh, agus an taitneas glan, aoibhneach a ta air nèamh. Abair annad-féin, "An taitneach leis a' pheacach a bhi beò ann an aingidheachd? Agus nach taitneach leam-sa 'bhi beò maille ri Dia? Am bheil tlachd cho mòr aig a' mhisgeadair ann an cupan salach na dibhe làidir, ionnus nach toir eagal a bhi mallaichte gu bràth air a thréigsinn? An fheàrr leis an druisear, no le strìopadair dealachadh ri cuid, cliù, creideas agus slàint, na ri 'thaitneas-brùideil? Ma gheibh droch dhaoine taitneas cho mòr air an t-sligh gu ifrinn, cia mòr seach sin taitneas nan naomh air nèamh? Ma tha tlachd cho mòr aig an duine shànntach ann an saoibhreas, aig an duine 'mhìannaicheas glòir tìmeil, ann an àit àrd, cumhachd 'us onoir, cia mòr seach sin tlachd nan naomh ann an ionmhas sìorruidh, agus ann an onoir nèamhaidh, agus anns an ionad ghlòrmhor sin far an àrdaichead sinn os-ceànn gach uachdaranaichd agus cumhachd, agus an deanar sinn 'n ar còmpanaich ghlòrmhor do Chriosd? Nach taitneach le daoine sòghmhor an cleasachd féin a leantuinn o mhaduinn gu feasgar, no an là's an oidhche 'chaitheamh ri cluith air chairtean 'us òisnean! Ach O! cia taitneach seach sin an toil-inntinn a gheibhean againn-ne, 'nuair a ruigeas sinn ar fois, a' faicinn gnùis an Dé bheò, 's a' moladh Dhé, agus an Uain!"

Sàmhlaich fòs an taitneas a ta shuas, ri taitneasaibh laghail, ceart, measarra nan càil. Abair riut-féin, "Nach milis dhomh blasad air biadh, 'nuair a bhitheas mì acrach; gu h-àraig, mar a thuirt Isaac, 'Biadh blasda, mar is ionmuinn leam,' 'us mì 'g a ghabhail ann am measarrachd a chum mo chorpa bheathachadh! Ach cia mòr seach sin an taitneas a gheibh m'anam ann am beathachadh air 'Criosd, an t-aran beò,' agus ann an 'itheadh maille ris aig a bhòrd 'n a rioghachd!' Bu mhilis le Esau 'a' mhìas bhrochain ud, agus is daor a cheannaich è i, 'nuair a reic è a chòir-bhreithe air a son;' ach O! cia milis, luachmhor dhomh-sa am biadh

nach teirig gu bràth ! Cia taitneach deoch òl an uair bhitheas neach tioram, tartmhòr, seadh a' bàsachadh le tart ; bu leòr è gu 'neart Shamsoin fèin ath-bheoth-acbadh !' O cia taitneach do m'anam-sa 'òl á tobar nan uisgeachan beò ; oir ge b'e neach a dh'òlas ás an tobar sin, cha bhi tart gu bràth air !' Cia taitneach, cùbhraidiheadh ghlan do'n t-sròin ! ceòl binn do'n chluais ! seal-ladhl bòidheach do'n t-sùil ! Ach cia taitneach seach sin, cùbhraidiheadh mhilis na h-olaith luachmhoir a ta air a dòrtadh air ceànn ar Slànuigheir ghlòraichte, agus a dhòirtear air cìnn nan naomh uile, agus a lìonas nèamh uile le fàile cùbhraidih ! Cia taitneach ceòl nan 'armailt nèamhaidh !' Cia taitneach a gheibhear na nithe sàr-mhaiseach a ta shuas ! Cia glòrmhor an 'aitreabh nach do thogadh le làmhaibh dhaoine,' an tigh anns am bheil Dia fèin a' gabhail còmhnuidh, gach sràid 'us sealladh àluinn ann am baile Dhia, agus am pàrras nèamhaidh !'

Sàmhlaich fòs an taitneas a ta shuas, ris gach taitneas a gheibhear ann an eòlas nàdurrach. Is àrd taitneas an eòlais nàdurrach seach taitneas nan cail, ach cia àrd seach sin taitneas nèimhl ! Abair, matà, "Nach bu mhòr an t-aoibhneas agus an taitneas leis an robh an sgoilear mòr, ainmeil, Archimèdes,* air a lìonadh 'nuair a fhuair è mach meur eòlais,—eòlas air tomhas cian astar nan réult,—air nach robh fios aig daoine riamh roimh linn a' chàileadair mhòdir sin ! Geda bha a luchddùcha aineolach gu tric a' bagairt a chur gu bàs 'nuair a thòisich è air teagastg an eòlais ùir so mu nach eual' iad riamh, b'fheàrr leis am bàs 'f'halang na dealachadh ri solus an eòlais, no sgur de mhedrachadh air ! Agus nach còir dhomh-sa 'bhi air mo lìonadh le taitneas na glòire, agus a bhi toileach caochladh ás an t-saoghal so, le ùir mhedrachadh mu nèamh air m'anam, agus fios agam gu'm bi mo thaitneas air a dheanamh iomlan an déagh mo bhàis ; ach bhàsaich taitneas Archimèdeis maille ris-féin. Is mòr an taitneas a bhi 'rànnsachadh nithe folaithe nàduir, agus dìomhaireachd an ealantais

* *Archimèdes*: Ard sgoilear, agus spéuradair ionnsuichte, barraichte de mhuianntir Shiracuis ann an Sicilia. Bha é ann mu dhà cheud bliadhna roimh theachd ar Slànuigheir.—EADAR.

agus an èdlais 'fhaotuinn amach ; gu h-àraid an nair a gheibhear amach nì nuadh mu nach eualas riamh ! Ach cia luachmhor, àrd seach sin eòlas air Dia agus air Criod ! Is suarach, brùideil taitneas dhaoine feòlmhor ann an coimeas ris a' mhaise sin a chithear ann an ionnsuchadh glan dhaoine ; ach O ! cia maiseach gnùis Dhé ! 'Nuair a gheihh sinn leabhar ùr, féumail, leanaidh sinn air a léughadh le taitneas a là 's a dh'oïdhche 'g a ròghnachadh, ach beag, air thoiseach air biadh, deoch 'us cadal ! Ach O ! cia mòr an taitneas a gheibhear air deas làimh Dhé, far am faigh sinn fios air na h-uile nithibh ann am mionaid !'

Sàmhlaich fòs an taitneas a ta shuas, ri taitneasaibh na héusachd agus nan aignidhean nàdurrail. Bu mhòr taitneas iomadh aoin de na Pàganaich mheasarra ann an riaghaitibh 'us ann an cleachdadh dleasanach nan deadh-bhéus. Cha bu duine ceart, onorach leo, ach amhàin am fear a hha air a riaghlaigh le subhaile nam béis, cha n-ānn o eagal peanais, ach a chionn gur ionmhuiinn, maith an t-subhaile sin innte-féin. Bàrd-luachmhor leo subhaile na héusachd. Aréir am beachd-san is ānn ambàin o leantuinn na suhhailce sin a b'urrainn duine ruigheachd air àrd shonas. Ahair, matà, "Cia mòr an t-dìrdhearcas a gheibhear ann an iomlanachd nèamhaidh a' Chriosduidh, agus ann an iomlanachd neo-chruthaichte sin Dhé a hhitheas sinn a' faicinn ! Nach mòr an taitneas a gheibhear ann an oilreachadh a' ghràidh nàdurraich féin, ma's gràdh cloinne, gràdh phàrantan, gràdh chòmpanach, no chàirdean edlach, dileas è ! Nach dubhaint Daibhidh ri Ionatan, 'B'iongantach do ghràdh dhomh-sa, a' toirt barrachd air gràdh nam ban ?' Nach robh 'anam Ionatain ceangailte ri anam Dhaibhidh, 'g a ghràdhachadh mar 'anam féin ?' Nach 'b'ionmhuinn, air dòigh àraidh, le Criod aon deisciobul do'm h'abhaist luidhe air 'uchd ?' Anis, matà, ma gheibhear taitneas cho mòr ann an càirdeas dlùtb, dileas ameasg dhaoine, cia mòr seach sin an taitneas a gheihhear ann an càirdeas an Ti a's Airde, agus ann an làn eòlas air cuideachd Criod, agus ann an gràdh fiòr hhlàth nan naomh air nèamh ! Gu cìnnteach, gheibhear an càirdeas sin na's treise agus

na's dìlse, agus na cuspairean sin na's gràdhaiche agus na's taitniche, na chunniacas riamh fo'n ghréin ; agus bheir araon sinne do'n Athair agus do'n Mbac, ar Dia agus ar Slànnighear, agus gu h-àraid iadsan dhuinn-ne, gràdh fada nan cian na's mò na b'aithne dhuinn riàmh anns a' bheatha so. Ma bha neart aon aingil cho mòr as gu'm b'urrainn è feachd a sgrios, bitidh, do réir sin, gràdh nan spiorad làidir mar-an-céudna, ionnuis gu'n gràdhaich sinne mìle cuairt na's teotha agus na's càirdeile an déigh so, na's urrainn sinn a dheanamh an diugh. Is do-mheasraicht' uile bhuidhean agus oibre Dhé, mar sin tha'n gràdh so ; gràdhaichidh è sinne ann an tomhas neo-chriochnach os-ceànn a' ghràidh a's coimhlionta 'bheirear dhà leinn-ne. Cia mòr, iongantach, matà, an gràdh sin a bheirear taobh air thaobh !

Sàmhlaich fòs òirdhearcas nèimh ri oibribh glòrmhor sin a' chruthachaidh a ta ar suileari a' faicinn anis. Ciod an gliocas, ciod an cumhachd, ciod am maitheas a ta foilsichte ànnta ! Ciamar a chithear mòdrachd a' Chruthaidheir a' dealrachadh ann an aitreibh mhòir an t-saoghal so ! "Tha gniomharan an Tighearna mòr ; rànnsaichear àd leo-san uile aig am bheil tlachd ànnta." Cia mòr an sgil dhiadhaidh a chithear ann an cumadh chorpa dhaoine agus ainmhidhean ! Cia mòr an t-òirdhearcas a chithear anns gach luibh ! Faic àilleachd nam fliùraichean ! Iomadh féum nan luibhean, nam measan, agus nam mèinn ! Na h-iongantais lìon-mhor sin a gheibhean anns an talamh agus ameasg a luchd-àiteachaidh ; cuan mòr nan uisgeachan, a' lìonadh 's a' traoghadh ; an t-earrach 's am foghar, an sàmhradh 's an geamhradh a' teachd gu riaghailteach, gach aon diubh 'n a àm fèin ! Abair anis, "Nach làn na nithe sin uile de luachmhòrachd dhòmhair,—nithe air an òrduchadh gu bhi 'n an seirbhisich do dhaoine peacach. Ach O ! cia maiseach an t-àit sin anns am bheil Dia fèin a' gabhail còmhnuidh,—an t-àit a dh'ullaich è airson nam firean air an deanamh fairfe maille ri Criod ! Cia iongantach glòir gach réult a's lugha ! Nach mòr, dealrach am bàll a' ghealach ud ; agus nach àillidh gach réult ! Cia do-mheasraichte glòir na gréine ! Ach ànnta sin uilc cha n'-eil ach neo-

ni ann an coimeas ri glòir nèimh. Dubhar ás a' ghrian ud, cha n'-eil innse ach dorchadas ann an coimeas ri tigh m'Athar-sa. Bithidh mi-féin cho glòrmhor ris a' ghréin ud. Cha n'-eil anns an talamh so uile ach stòl-coise m'Athar. Is neo-ni an tairneanach ann an coimeas ri guth uamhasach Dhé. Cha n'-eil ann an séideadh garbh nan gaoth sin ach anail a bheòil. Ma's iongantach a bhi nis 'a' cur uisge, agus a' tabhairt air a' ghréin éirigh air na fireanaibh, agus air na neo-fhireanaibh,' cia iongantach, cia glòrmhor seach sin a' ghrian sin nach dealraich air aon sam-bith ach air naoimh 'us ainglibh !'

Sàmhlaich fös an toil-ìnn-tinn a ta shuas ri iongantas-aibh an fhreasdail ann an gleidheadh na h-Eaglais, agus ann an riaghladh an t-saoghail. Nachb' fhòr iongantach an sealladh leinn na'm faiceamaid 'an fhairge 'seasamh mar bhalla air an làimh dheis agus air an làimh chlì, agus an talamh tioram, soilleir anns a' mheadhon, agus sluagh Israel a' dol annull tioram, sàbhailt, agus Phàraoh agus 'armait air am bàthadh ? no na'm faiceamaid deich plàighean na h-Eiphit ? no a' charraig a' spùtdh amach uisge mar amhuinn ? no am mana agus na gearra-goirt air am frasadh anuas o nèamh ? no an talamh a' fosgladh agus a' slugadh siòs nan aingidh ? Ach chì sinne nithe gu mòr a's mò na iad sin ; chì sinn iomadh sealladh a's iongantaiche agus a's taitniche na sin, anns nach bi fuil, no fearg air a measgadh, agus cha ghlaodh sinn amach, mar a rinn "daoine Bhet-semeis," ag ràdh "Cò is urrainn seasamh an làthair an Tighearna Dé naoimh so ?" 1 Sam. 6. 20. Nach b'iongantach a' ghrian 'fhaicinn a' seasamh anns an iarmailt,' no 'an dubhar air uairead-air gréine Ahais a' dol air ais deich céumanna !' Ach chì sinne là air nach bi grìan ann ni's mò ; no bithidh sinn gu bràth a' faicinn na gréine sin anns am bheil dealradh buan, neo-chriochnach. Nach bu chumhachdach sinn, nach b'iongantach ar beatha, na'm faigh-eadh ar n-ùrnughean tiormachd, no uisg, no teine bho néamh a chum ar naimhdean a mhilleadh, 'nuair a b' àill leinn, mar fhuair Eliah ; no na'm b'urrainn sinn marbh a thoirt beò arist, mar a rinn Eliah ; no éucail.

ean a leigheas le mòrbhail, agus gach seòrsa càinain a labhairt, mar a rinn na h-Abstoil! Och l' is neo-ni na nithe iongantach sin uile ann an coimeas ris na h-iog-antasaibh àrd a chì 's a gheibh sinne maile ri Dia: agus is maiteas agus gràdh iad uile. Nithear sinn-féin 'n ar culaidh-iongantais na's mòrbhailiche na aon diubh sin. Thogadh suas Iònáh an déigh dhà 'bhi trì-làithean air 'adhlacadh ann am broinn an éisg mhòir; ach togar suas sinne an déigh dhuinn a bhi iomadh bliadhna 'grodadh anns an duslach, agus àrdaichead na cuirp dhuslaich so againn gu glòir na gréine, glòir a mhaireas tre 'n t-sìorruidheachd. Ma bheir sinn fainear freasdail chumanta; mar tha gluasad na gréine; an làn-mara; seasamh na talmhainn; an talamh air 'uisgeachadh mar lios; riaghlaadh an t-saoghail aingidh, aimlisgich, agus iomadh freasdal eile, gu cìnnteach, is maith a dh-fhaodar a ràdh, "Is iongantach iad sin uile." Ach ciod iad sin do Shion Dhé, do shealladh air Mòdrachd Dhé, agus do'n òrdugh àrd anns am bheil na slàigh nèamhaidh.

Cuir riutha sin anis na freasdail àraid sin a thachair dhuit-féin ann an cuairt do bheatha, agus sàmhlaich iad ris na tròcairibh a bhitheas agad shuas. Cuimhnich air do thròcairean ann an làithibh d'òige, d'aois agus do neirt, air do shocair agus d'an-shocair, air d'fhortan agus do mhì-fhortan, air gach àit agus dàimh fa-leth, agus an uair a nì thu sin gu ceart, nach maith a thig dhuit a ràdh, Is òirdheirc, do-àireamh, saoiohir, mòr, taitneach iad? Nach bu taitneach dhuit, 'nuair a dh'fhuasgail Dia do theagamhan, a dh'fhuadaich è air falbh d'eagal, a chaisg è an an-shocair anns an tilgeadh do chomhairle féin thu, a dh'ëutromaich è do phian, a shlànaich è d'easlaint, agus a thog è snas arìst thu, mar gu'm b'ann, o'n bhàs agus o'n uaigh! Abair, matà, "Cia taitneach, luachmhor na nithe sin uile! bu truagh dhomh mo bheatha gach là 'us uair a dh-easbhuidh orra. Nach àrd a thog freasdal Dhé air thalamh mì, nach 'd'rinn a chaoimhneas mòr mì?' Ach O! cia milis a gheibh mis' a làthaireachd ghlòrmhor! Cia àrd a dh-àrdaicheas a ghràdh sìorruidh mì! Cia mòr mo staid ann an co-chomunn ri inòdrachd Dhé! Is lionmhor,

priseil mo thròcairean ann an cuairt mo thuruis, agus mo chogaidh air thalamh; ach O! faic mo ghlòir, 'nuair i thig mo chaithream, agus a ruigeas mì mo dhachaидh bhuan! Is iomadh tròcair a tha Dia a' buileachadh òrm, ged is peacach mì, ach féuch! ciod a bhuilicheas è orm fatbast, 'nuair a làn-ghlanar mì o gach peacadh, agus a bhitheas m'ait agam ameasg nan naomh foirfichte! Is mòr a th'agam an diugh, geda tha mì astar cho fada bho Dhia, ach cia mòr mo chuid 's mo ghldir, 'nuair a sheasas mì dlùth dhà gu bràth an làthair a righ-chaitbreach air nèamlí!"

Sàmhlaich fòs an t-aoibhneas a ta shuas, ris na sòlasaibh a gheibhear a bhos ann an òrduighean an t-soisgeil. Nach tobar fosgailte dhuit am Biobull a' siòr-sruthadh le sòlasaibh, gach là 'us oidhche? Nach freagarrach, sòlasach na geallaidean a thàinig gu d'inntinn, a' toirt dhuit a ràdh le Daibhidh, "Mur biodh gu'm b'e do lagh mo thlachd, an sin gheibhinn bàs a'm' àmhgar." *Salm 119. 92.* Smuainich, matà, "Ma tha focal Dhé cho làn sòlais, nach tobar a' cur thairis le sòlas Dia féin! Ma tha litrichean Dhé cho sòlasach, cia inòr an sòlas glòir a làthaireachd! Ma tha an gealladh cho milis cia milis a choimhlionadh! Nach sòlasach dhuinn tiomnadhar Tighearna agus ar còir-sgrìobht' air an oighreach, ach O! cia sòlasach ar seilbh air an oighreachd féin!" A bhàrr air sin, abair, "Nach bu taitneach dhomh-sa fòs am focal air a shearmonachadh! 'Nuair a shuidh mì fo shearmonaiche nèamhaidh 'us è 'rànnisachadh, a' gluasad 's a' sìtheachadh a' chridhe, nach tric a bha mo chridhe féin air bhlàthachadh leis an teagast! Thar leam gur beag nach d'fhuair mì mi-féin ann an nèamh! Nach tric a chaïdh mì 'dh-ionnsuidh na h-éisdeachd agus mo spiorad trioblaideach, brònach, agus a phìll mì dhachaïdh aoibhneach! Nach tric a chaïdh mì fo theagamh a dh-ionnsuidh na h-éisd-eachd, agus a chuir Dia dhachaïdh mì le dearbh-bheachd agam air a ghràdh ann an Criod! Nach iomadh deoch-ùrachaidh a fhuair mì chum mo mhisneachadh anns gach 'còmhrag!' Ma dhealraich aghaidh Mhaoris air dòigh cho glòrmhor, O! cia glòrmhor gnùis Dhé! · Is maiseach cosan an teachdair a ta 'g éigheachd sìthe,

teachdair an deadh sgéil a ta 'g éigheachd slàinte ;' ach O ! cia maiseach gnùis 'Prionnsa na Sìthe !' Ma gheibhear an 't-ionmhas' so cho luachmhor 'ann an soithichibh credha ;' cia luachmhor an t-ionmhas sin à ta taisgte suas dhomh air nèamh ! Is beannaichte na sùilean a chì na nitbe glòrmhor a chithear an sin, agus na cluasan a chluinneas na nithe a chluinnear an sin An sin cluinnidh mì Eliah, Isàiah, Ieremiah, Eòin, Peadar, Pòl, cha n-ānn a' searmonachadh do eascairdean, ann an pròsan, fo ghéur-leanmuinn agus fo thàir, ach le àrd aoibhneas a' moladh an Tì a thog suas iad gu onoir agus glòir."

Abair fòs " Cia mòr an t-aobhar aoibhneis dhomh an diugh, gu'n éisdear ri m'ùrnuaigh, gu'm faod mì 'dhol uair sam-bith a dh-ionnsuidh Dhé, mo chùis 'fhosgladh dhà, agus m' anam a thaomadh amach 'n a lâthair, mar dheanainn do mo charaid a's dilse ! Ach O ! m' aoibhneas do-labhairt, 'nuair a gheibh mì gach beannachd gun 'larraidh, agus a dh-fhuadaichear fada uam gach uireasbhuidh agus truaighe, agus a bhitheas Dia fèin agam, mar chuibhrionn agus mar oighreachd m' anama.' " Agus do thaobh suipeir an Tighearna, " Cia mòr an t-sochair 's an onoir dhomh comas suidhe sios aig a bhòrd, a chum a chùmhant a shéulachadh dhomh an sin ! Ach cha n-eil anus gach beothachadh agus sòlas dhiubh sin ach eàrlas cìnnteach air na h-àrd shòlasaibh ri teachd. O ! cia mòr an t-eadar-dhealachadh a bhith-eas eadar suipeir dheireannach Chriosd air thalamb, agus suipeir-bàinnse an Uain air an là mhòr ! Is iad na nèamhan glòrmhor is sedmar dhà air an là sin, armaitean nan aingeal agus nan naomh, a luchd-frithealaidh àluinn. Cha bhi lùdas, no aoidh neo-ullaichte an sin. Cha bhi ann ach na creidmhich iriosal a' suidhe sios maille ri Chriosd, agus is è làn ghràdhachadh agus làn ghàirdeachas taobh air thaobh a's cuilm dhoibh." Abair riut-féin mu cho-chomunn nan naomh, " Cia taitneach a bhi bed maille ri Chriosduidhean tuigseach, nèamhaidh ! Gheibhear Daibhidh ag ràdh mu 'n timchioll, 'Tha mo thlachd uile annta' sin. O nach taitneach, aoibhneach a' chuideachd a gheibh mise shuas ! Na'm faca mì Iob, geda b'ānn 'n a shìneadh air an òtrach, bu

ghlan an sgàthan foighidin è! ach nach maiseach 'fhaicinn ann an glòir! Nach bu taitneach Pòl agus Silas a chluinntinn a' séinn 's an casan teànn-cheangailte anns na cip! Nach taitniche na sin an cluinntinn a' séinn molaidh air nèamh! Nach bu bhinn an cèl a rinn Daibhidh air a chlàrsaich féin! ach nach ceòlmhoire gu mòr, am fear-ciùil binn sin a chluinntinn ameasg an luchd-ciùil nèamhaidh! Ciod nach tugainn airson saor chòmhradh fad aon uair' ri Pòl, cho luath 's a thàinig è nuas o'n 'treas nèamh!' Ach is goirid gus am faic agus an sealbhaich mi-féin na nithe sin uile."

Aon uair fathast, smuainich air moladh Dhé maille ris na naoimh, "Ciod a theorinn na'n robh mì maille ris na buachailean ud, a chunnaic agus a chuala 'cuid-eachd mhòr do armaitibh nèimh a' moladh Dhé, agus ag ràdh, 'Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh agus air talamh sìth, deadh ghean do dhaoinibh!' Ach chì agus cluinnidh mì nithe na's glòrmhoire. Bu shona leam mì-féin, na'n cuala mì Criod a' tabhairt buidheachais d'a Athair! Ach cia sona mì, 'nuair a chluinneas mì Criod 'g a m' éigheachd beannaichte! Bu mhòr an t-aoibhneas a bha ann an Ierusalem aig 'toirt na h-àirce air a h-ais,' agus aig 'ath-thogail an teampuill;' ach cia mòr an t-aoibhneas a bhitheas anns an 'Ierusalem Nuadh!' Réubadh an talamh le fuaim an t-sluaigh a' deanamh mòr ghàirdeachais, an uair a bhathas a' crùadh Sholaimh! Ach cia aoibhneach, àrd an iolach a bheirear, an uair a chithear Rìgh na h-Eaglais a' teachd! Ma 'shéinn réulta na maidne cuideachd, agus ma rinn uile mhic Dhé gàirdeachas, 'nuair a leigeadh bunaitean na talmhainn;' cia aoibhneach an t-òran a sheinnear, 'nuair a stéidhichear agus a chriochnaichear saoghal na glòire, 'nuair a shuidhichear a' chlach-mhullaich, agus a bhitheas 'am baile naomh air a sgéadachadh mar bhean-bàinnse, eadhon bean an Uain'!"

Sàmhlaich an t-aoibhneas a bhitheas agad air nèamh, ris an aoibhncas a fhuair na naoimh gu tric 'n an sligh gu nèamh, agus 'n an roimh-bhlàs air. An d'fhoillsich Dia c-féin riamh, air àm air-bith, ann an tomhas beag. no mòr. do aon air-bith de na naoimh, ach àm air an robh aoibhneas an eridheachan aréir an taisbeanaidh a

thugadh dhoihh? Faic mòr aoibhneas Pheadair shuas air "beinn a' chruth-atharrachaидh!" "A Thighearn," ars' e-féin, "is maith dhuinne 'bhi an so; deanamaid trì pàilliunna an so: aon dhuit-se; agus aon do Mhaois. agus aon do Elias." Mata 17. 4. Mar gu'n abradh è, "Ho! na rachamaid sìos arist ameasg na gràisge géur-leanmhuinnich ud. Na pilleamaid tuilleadh gu staid cho suarach, trioblaideach. Nach fheàrr dhuinn fantuinn shuas an so féin, far am bheil sinn anis? Nach i so cuideachd a's feàrr, agus toil-inntinn a's mìlse?" Ciamar a bha Pòl air a thogail suas leis an t-sealladh a fhuair è? Ciamar a dhealraich aghaidh Mhaois an déigh dhà lahhairt ri Dia air sliabh Shinail! Bu roimh-bhläs sònruichte gach sealladh dhiuhh sin, ach is beag iad ann an coimeas ris an t-sealladh uile-bheannaichte. Nach tric a léugh 's a chuala sinn mu naoimh a hba, aig uair am bàis, cho làn aoibhneis 's a b'urrainn an cridheachan a chumail; agus air a' cheart uair air an robh an cuirp air an fàsgadh le tinneas 'us pìan ro chruaidh, bha sealladh cho mòr de nèamh aig an spiorad-aibh, ionnus gu'm bu mhò gu mòr an gàirdeachas na 'm bròn! Cia glòrmhor aon sradag de'n t-solus so do'n anam fo àmhgar tròm, ach cia mòr, làn ghlòir féin! O! nach bu làdir aoibhneas nam martarach anns na lasraichean B'fhuil 'us fedil na cuirp aca-san cho maith ris na cuirp agaínn-féin. Ciod, matà, ach cumbachd òirdheirc, iongantach a rinn an spioradan a lònadh le aoibhneas cho inòr, 's an uair air an robh an cuirp a' losgadh!

Abair annad-féin, a léughadair, "Gu cìnnteach, is è roimh-bhläs iongantach air g!òir a rinn lasraichean an teine cho socrach, agus 'rìgh dubh nan uamhas' cho taitneach do na martarach dhiadhaidh ud. Ciod è, inatà, ghlòir féin! Cia beannaichte fois nan naomh! An déigh do Phòl smuaineachadh air an fhois so, bha è 'togarach air siubhal, agus a bhi maille ri Criod,' ag ràdh, 'is e so a's ro fheàrr.' Agus mar-an-céudna their na naoimh uile nach bi iad ceart gu bràth, gus am faigh iad bàs agus an ruig iad am fois! Am fàiltich am martarach, *Saunders*, an crànn-losgaidh, ag éigheachd amach, 'Fàilt air mo bhàs! agus nach fàiltich mise na's tàitniche mo shonas, ag éigheachd, 'Fàilt air mo

chrùn?' Am·pòg a'n martarach, *Bradford*, an connadh leis an robh e-féin gu bhi nis air a losgadh? agus nach pòg mise mo Shlànuighear? Am bi aoibhneas air bann-mhartaraich bhochd eile, a cas a chur ann an tòll nan ceap anns an robh casan a' mhartaraich, *Mr. Philpot*, air an teannachadh gu oruaidh roimpe; agus nach bi aoibhneas òrm-sa gu'm bi m'anam beò gu bràth ann an àit na glòire sin gus an deachaидh Criod agus na h-Abstoil romham? Am fàiltich muinntir eile teine agus connadh, prìosan 'us fògradh, fanaid agus sgiùrsadh searbh, an-iochdmhor, na's mò na dh-fhàilticheas mise Criod agus glòir! Nar leigeadh Dia."

Sàmhlaich glòir na rìoghachd nèamhaidh, ri glòir na h-eaglais air an talamh, agus ri glòir Chriod ann an staid irioslachaidh. Nach mòr an t-dìrdhearcas a ta ann am fulangas Chriod airson pheacach; ach cia mòr dìrdhearcas Chriod air 'àrdaohadh air deas làimh 'Athar! Is mòr àilleachd na h-eaglais an so, eadhon fo bhuaireadh a peacaidh agus fo shàrachadh a naimhdean; ach cia mòr a h-àilleachd 'nuair a thig "Pòsadh an Uain!" Nach b'iongantach Mac Dhé ann an "cruth seirbhisich" air thalamh! Faic è air a bhreith ann an stàpull, 'us réult a' dealradh os à cheànn, 's a' treòdrachadh choigreach a dheanamh aoraidh dhà, 'us è sinte ann am prasaich fhuair an eich; armailtean nèimh le 'n dranaibh ceòlmhor, binn a' moladh uair a bhreith! Faic è, 'us è fathast 'n a leanabh, a' deasboireachd ris an àrd luchd-teagaisg anns an teampull! Faic arist è, an déigh dhà tòiseachadh air a dhreuchd, a' tionndadh uisge gu fion, a' beathachadh mhiltean le beagan bhuilinnean agus dà iasg bheag, a' glanadh nan lobhar, a' slànachadh an t-sluagh thinn, a' neartachadh nam bacach, a' toirt léirsinn do na doill agus a' toirt bed nam marbh! Cia iongantach è, matà, 'n a ghlòir nèamhaidh! Ma bha 'leithid 'a ghearradh air géugaibh, a leithid a sgaoileadh air faluinnibh a sgeadachadh na slighe, agus gach béal ag éigheachd Hosanna, 'nuair a bha Criod a' marcachd air asal astigh do Ierusalem, ciod a their 's a nì sluagh 'nuair a thig è 'n a ghlòir air a chuairt-eachadh le 'ainglibh!

Is è thubhairt an sluagh a chuala Criod a' searmon ·

achadh, soisgeil na rioghachd, " Cha do labhair duine riainh mar an duine so ; " ach is è their iadsan a chì a mhòrachd 'n a rioghachd, " Cha n-fhascas riamh glòir cosmhul ris a' ghloir so." Ma " thuit " a naimhdean " air an lär " 'nnair a thàinig iad g'a ghlacadh ; ma " chriothnaich an talamh," ma " réubadh brat-roinn an teampuill," ma " dhorchaicheadh a' ghrìan," ma " sgoilteadh na creagan," ma " dh' eirich cuirp nan naomh ás na h-uaighibh," agus ma dh' aidich an luchd-coimhid air dhoibh na nithe uamhasach sin 'fhaicinn air uair a bhàis, " Gu firinneach b'e so Mac Dhé ; " O ! cia mòr an là sin air an eirich na mairbh nile gu seasamh 'n a làthair : air an là sin, " Aon uair eile fathast, crathaidh e cha-n e an talamh amhàin, ach nèamh mar an ceudna ; " air an là sin, spionar a' ghrìan ud ás na spéuraibh, agus fàgar i-féin 's a glòir dorch gu bràth ; air an là sin, aidichidh gach teangaidh esan mar Thighearn agus mar Rìgh ! Ma chàill am bàs agus an uaigh an cumhachd, an déigh dhà eirigh arist, ma " charuich aingeal a' chlach" air falbh " o dhorus" na h-uaighe, a' cur " eagail air an luchd-coimhid" gus an deachaidh " iad 'an riochd mairbh," agus ag iarraidh orra 'dhol agus " innseadh d'a dheisciobluibh gu'n d'cirich Iosa o na mairbh," agus ma chaidh è suas air nèamh fo'n sùil, cia mòr an cumhachd, an neart agus a ghloir a ta aige nis, agus a bhitheas againn-ne gu bràth maille ris !

'Nuair dh' eirich Criosd suas gu glòir, thug è cumhachd do àireamh bheag, do iasgairean agus do phàill-iunnaich (*tent-makers*) bhochd, na bacaich, na doill agus na h-easlaintich a leigheas, priosain 'fhosgladh, na h-aingidh a sgrios, na mairbh a dhùsgadh, agus iongantas a chur air an naimhdean. Ach O ! cia iongantach an saoghal sin anns an dean gach aon oibrean a's mò na iad sin ! Nach cumhachdach searmonachadh an t-soisgeil a' rànnsachadh ainach dìomhaireachd a' chridhe, ag irioslachadh nam peacach uaibhreach, a' taiseachadh a' chridhe chruaidh, 's a' toirt air na h-aingidh criothnachadh : Seadh, a' toirt air ' daoine an droch leabhraichean a losgadh, am fearann a reic agus teachd leis an luach 'g a leigeil sios aig cosaibh an t-searmonaiche ; seadh,

ag iompachadh mhìltean, agus "a' cur an t-saoghalil bun os ceànn;" seadh, ma bheir teagasg an t-soisgeil air gach seòrsa sluaigh o'n phrìosanach gu-ruig am breitheamh air a' chaithir-cheartais, o'n bhaigear gu-ruig am prionnsa, criothnachadh; ma tha an cumhachd agus an onoir so aig Criod agus aig na naoimh air là an irioslachaidh, agus air àm òrduichte am fulaingais agus am maslaidh air thalamh, cia mòr, matà, an làn chumhachd, an làn onoir, agus an làn àrdachadh ann an rioghachd na glòire!

Sàmhlaich an t-atharrachadh glòrmhor a thig ort mu-dheireadh, ris an atharrachadh ghràsmhor sin a dh'oibrich an Spiorad air do chridhe anns a' bheatha so. Is luachmhoire am fìor ghràine gràis a's lugha 'ta annad na saoibhreas nan Innseachan. Cha n-eil tog-radh, no osnadh a bheir do chridhe an déigh Chriosd, nach luachmhoire dhuit na uile rioghachdan an t-saoghalil so. Is è nàdur ath-nuadhaichte, fior 'iomhaigh Dhé; Criod a' gabail còmhnuidh annainn; agus Spiorad Dhé a' fantuinn annainn.' Is gath soluis è bho ghnùis Dhia; siol Dhé a' fantuinn annainn, aon mhaise chòir, cheart, réusantach an anama: ag àrdachadh an duine os-ceànn gach uaisleachd, 'g a ullachadh a chum tlachd a Chruthaidheir a thuigsinn, chum a thoil a dheanamh, agus a dhol astigh d'a ghàdir. Ma tha an "gràine" so "de shiol mustaird" cho luachmhor, cia luachmhor "craobh na beatha, a tha ann a'n meadhon pàrrais Dhé!" Ma's luachmhor sradag de'n bheatha spioradail nach dean ach cogadh an agbaidh truaillidh-eachd, agus beagan miann 'us osnaich a lasadh anns an anam, cia glòrmhor tobar na beatha sin! Ma theirear gu'm bheil sinn cosmuil ri Dia, 'nuair a dh-ìslichear sios sinn, agus a leònar, agus dh-atharraicheadh ar eridheachan le fìor aithreachas agus tròm bhròn airson peacaidh, is cìnnteach gu'm bi sinn fada nan cian na's coltaiche ri Dia, 'nuair nach bi peacadh idir annainn. Nach maiseach gràdh 'us déigh air nèamh; ach Q! cia maiseach nèamh féin! Nach milis an t-aoibhneas a gheibhear an diugh anns na chì, na chluinneas agus na chreideas sinn mu ghàdir nèimh; ach cia mòr, milis an t-aoibhneas, làn sheilbh air a' ghàdir sin! Cia aoibh-

neachlì an Criosduidh 'nuair a gheibh è a chridhe 'blàth-achadh, a' taiseachadh 's a' leaghadh sìos le bròn fo sinuaineachadh air a pheacadh agus air a mhi-thàingeal achd. Bheir eadhon am bròn sin féin gàirdeachas dhà O, matà, ciod an gàirdeachas a gheibhear, an uair a chì, agus a ghràdh-aicheas, agus a nì sinn aoibhneas, agus a mholas sinn anns an tomhas a's àirde foirfeachd !

Smuainich annad-féin, "Cia prisceil an t-atharrachadh dhomh-sa 'bhi air mo thoirt o'n staid thruaillidh anns an d'rugadh mì, agus ris an robh mì fuaithe le cleachd adh, 'us mìle pcacadh air mo cheànn; agus na'n do bhàsaich mì anns an staid sin, bha mì mallaichte gu sìorruidh ! O nach iongantach m'atbarrachadh gràsmhor, mì nis air m'fhìreanachadh o na ciontaibb uamhasach sin uile, agus air mo shaoradh o na plàigh-ean oilteil sin uile, agus air mo dheanamh 'n a m' oighre air nèamh ! Nach tric a ghlaodh mis' amach 'us mì gu tàingeil a' smuaineachadh air là m'ath-ghineamhuinn, O mo mhìle beannachd air an là sin ! gu-ma beannaichte mo Thighearn, gu'm faca mis' an là sin ! Agus nach éigh mì mach air nèamh, O nis a shìorruidh-eachd bheannaichte ! agus gu-ma beannaichte mo Tighearn a thug mise gu ruige so ! Nach d'rinn na h-ainglean gàirdeachas airson m'iompachaidd ! Is cìnnteach gu'n dean iad comh-ghàirdeachas maille rium airson mo shonais agus mo shlàinte. Cha n-eil ann an gràs ach sradag bheag a thionailear suas ás an luath, sradag a ta còmhdaichte le fedil o shùil an t-saoghal, agus air uairibh folaithe le truaillidheachd o mo shùil féin, ach cha bhi mo ghlòir sìorruidh neulach, no còmhdaichte le ni sam-bith. Cha chuirear mo 'sholus fo shoitheacb, ach air sliabh, eadhon sliabh Shioin, sliabh Dbé.' "

Aon uair fathast, sàmblaich an t-aoibhneas a gheibh thu shuas, ris gach roimh-bблs a thug an Spiorad dhuit air, anns a' bheatba so. Nach d'fhoillsich Dia e-féin gu comharrachte air uairibh do d'anam, a' dòrtadh sileig' ghlòir air ? Nach robh thu ullamh gu ràdh, "O b'fheàrr gu'm faigheadh m'anam sin an còmhnuidh !" Nach do ghlaodh thu riagh amach leis a' mhartarach an déigh dhà feitheamh fada le caoidh, "Thàinig è, Tbàinig è!"

Nach do mhothaich thu fo shearmino shoilleir, bhed inu nèamh, no fo mhèdrachadh uaigheach mu 'n staid nèamhaidh, do spiorad tröm, fànn ag ath-bheothachadh, do chridhe cröm fo sprochd a' suas-thogail a chinn, agus solus nèimh a' dealradh air d'auam? Abair anis annad-féin, "Nach beag an t-eàrlas sin ann an cuimeas ris an làn oighreachd! Och! cha n'-eil anns an t-solus iongantach, aoibhneach so uile ach coinneal a' lasadh o nèamh, a chum mis' a threòrachadh tre'n t-saoghal dhorch so suas gu àit na glòire nèamhaidh. Maghlaodh daoine diadhaidh. 'nuair a bha iad air an sàr-lionadh le aoibhneas nèamhaidh, 'Stad a Thighearna, gu leòr, gu leòr; cha n-urrainn mì tuilleadh a ghiùlain!' cia làn, matà, an t-aoibhneas a gheibh mis' air nèamh, 'nuair a bhitheas m' anam cho comasach air Dia 'fhaicinn agus a mhealtuinn; agus geda bhitheas an solus an sin mìle cuairt na's mò na solus na gréine, is urrainn mo shùilean amharc air le àrd aoibhneas gu bràth.' No, mur d'fhuair thusa fathast roimh-bhlàs dhiubh sin air nèamh, (oir cha d'fhuair a h-uile creidmheach è,) oibrich gu maith gach taitneas agus gealladh nèamhaidh a tha nis agad, a chum gu'n tuig thu na's feàrr na gheibh agus na mhothaicheas tu an déigh so.

II. Comharraicheadh amach anis ciamar dh-fhaodar meòrachadh nèamhaidh a dhòn o chridhe seachranach. Is à nis d'obair àraig an so, do chunnart 'fhaicinn gu soilleir, agus treòraichidh sin thu gu leigheas freagarach air do chunnart. Is è do cridhe féin an cnap-bacaidh a's miosa 'gheibhear ag oibreachadh an aghaidh do mheòrachaидh nèamhaidh. Anns a' chridhe gheibhear —Mì-thoil do'n dleasanais so,—no Faoin obair,—no Ruith air falbh gu tric a dh-ionnsuidh nithe eile,—no Grad sgur de'n dleasanais mu'n ceart a thòisichear air. Ma's luachmhòr leat idir sòlas a' mheòrachaïdh so, féumaidh tu na h-uile chunnartach sin a sheachnadh gu cùramach, agus éirigh suas 'n an aghaidh gu duineil, firinneach, dùrachdach, dìan.

1. Gheibh thu do chridhe *mì-thoileach* tòiseachadh air an obair so; cha n'-eil obair eile 's an t-saoghal air am mì-thoiliche leis a' chridhe tòiseachadh na à so. O nach iomadh leisgeul a ghabhas è! Nach iomadh rathad

seachnaidh a gheibh è mach! Nach iomadh dàil 'us teagamh 'us màirneal a nì è, eadhon an uair a tha è dearbhte gur ceart an obair ì so! Their è riut "Cò aig tha fhios an dleasanas so idir? no ma bhuineas an dleasanas so do mhuinnitir eile, cò is urrainn a ràdh gu'm buin è dhuit-se?" Their è riut, "So obair mhinistearan aig nach 'eil tuilleadh ri dheanamh, no obair do mhuinnitir aig am bheil pailteas ùine 'n an làimh féin, ni nach 'eil agad-sa." Ma's ministear thu their è riut, "Is è 'm medrachadh nèambaidh so dleasanas a' phobuill. Is leòr dhuit-sa medrachadh amhàin a chum iadsan a theagasg, agus meòraicheadh iadsan air na chluinneas iad." Mar gu'm b'è do dhleasanas amhàin am biadh a dheasachadh dhoibh, a roinn orra, agus iad-féin amhàin 'itheadh, a mhearbhadh agus a bhi beò air gun thu-féin blasad air aon chriomaig dheth. Mur bac sin thu, gheibh do chridhe leisgeul làidir eile. Labhraidh è riut air obair eile, no curidh è thu air dleasanas àraig eile, oir is feàrr leis dleasanas air-bith eile na'n dleasanas so. Theagamh gu'n abair è riut,

Tha dleasanais eile na's mò na so agad ri dheanamh; air an aobhar sin, féumar am medrachadh so 'fhàgail gun deanamh gus ani faighear ùin dhà. Is iad dleasanais fhollaiseach a's féumaile, is è searmoinean ullachadh agus an searmonachadh a chum anamanan a theàrnadh, a's àirde gairm dhuit na'm medrachadh uaigneach so." Mar gu'n abradh è nach 'eil ùin agad gu cùram a ghabhail mu shlàint d'anama féin, 'nuair a bhitheas tu nis ag ullachadh airson anamanan muinntir eile, no gu'm bheil do ghràdh do mhuinnitir eile cho mòr as gu'm faod, no gu'm féum thu do shonas sìorruidh féin a dhearmad air an son; no gu'm faod do theagasg a bhi freagarrach, féumail, tarbhach do shluagh eile, ged nach dearbhadh tu thu-féin idir leis an teagasg a bheir thu dhoibh. Gun teagamh is è nèamh solus a's feàrr a chum ar coinneal a lasadh leis, agus leabhar a's feàrr is fhìach do gach searmonaiche ionnsuchadh, agus na'n ionnsuicheadh ministearan an leabhar sin gu pailt, gheibhteadh tuilleadh choinnlean nèamhaidh,—tuilleadh shearmoinean nèamhaidh,—anns an eaglais. An uair a gheibhear ar n-ionnsuchadh diadhaidh, agus ar

spioradan diadhaidh, bithidh ar searmonachadh diadhaidh mar-an-céudna, agus an sin ach ni h-ānu gu sin, faodar a ràdh gur diadhairean sinn da rìreadh.

Ach theagamh nach abair do chridhe, an dràst, aon fhocal báll-dìreach an aghaidh an dleasanais so. gidheadh cuiridh è dàil anns an obair là an déigh là, a' slor-ghealltuinn tòiseachadh oirre, an diugh 's am màireach, ach fathast a' seasamh air ais uaipe; no mudheireadh, diùltaidh è thu häll-dìreach, agus labhraidh a *mhì-thoil* an aghaidh do réusain. Is ànn mu thimchioll a' chridhe 'thatar ag ràdh so uile, cho fad 's a gheibhear feòlmhor è; oir tha fios againn, cho fad 's a gheibhear spioradail è, gu'n abair e-féin gur ì so ohair a's milse leis 's an t-saoghal.

Ciod a nithear ris anis, matà? An dean thu è nis, ma dh-ìnnsear dhuit? Ciod a dheanadh tu ri cùis eile de'n t-seòrsa so? "Ciod a dheanainn ri seirbhiseach nach dean obair? no ri each nach coisich leam? An cum mi suas iad amhàin gu amharc orra?" Matà, buin gu fìrinneach, teànn, dileas ri do chridhe féin. Na leig leis a thoil féin a ghahail, ach gairm gu 'ohair è. Na gabh diùltadh idir dheth. Cronaich è. Smachdaich è airson a *mhì-thoil*. Dean ainneart air. Nach 'eil cumhachd agad thairis air do smuaintibh féin? Nach 'eil comas meòrachaidh air 'fhàgail dhuit gu saor fo do thoil féin an so? Is cìnnteach, ma fhuair thu nàdur nuadh, gu'n tug Dia dhuit, maille ri sin, tomhas comais air do smuaintean féin a cheànnsachadh. An tràill thu rìst do d' nàdur truaillidh? Cleachd d'ùghdarris gun dàil. Gairni astigh Spiorad Chriosd chum do chuid-eachadh. Cha robh esan riamh agus cha n-'eil è mì-thoileach a làmh a chur ri obair cho maith. Cha diùlt è idir a chobhair dhuit ann an aobhar cho cliùiteach, ceart. Ahair ris, "a Thighearna, thug thu dhomh réusan a chum mo smuaintean agus m'aignidhean a a stiùradh 's a riaghlaidh. Is ànn uait-féin a fhuair mise m'ùghdarris thairis orra, agus feuch, tha iad anis a' diùltadh ùmhlachd a thabhairt do d'ùghdarris féin. Dh'àithn thu dhomh an gairm gu ohair a' mhèòrachaidh nèamhaidh, ach bhreab iad a'in' aghaidh, rag-dhiùlt iad an dleasauas. Cuidich mis', a Thighearna, chum a

t-ùghdarras a thug thu dhomh a gnàthachadh gu glic. Ho! cuir anuas do Spiorad chum gun deanar leis gu h-éifeachdach an cridhe so éigneachadh gu làn ùmh-lachd a thoirt do d'áithn, agus gu'm bi do thoil-sa air a deananh leis." An déigh sin chì thu gu'n géill do chridhe gu taitneach, gu'm fuadaichear air falbh a *mhì-thoil*, agus gu'n dcan è obair a' mheòraohaidh nèamhaidh gu h-ùmhal, toileach, suilbhir.

2. Gabh an aire nach leig thu le do chridhe do mhealladh le *faoin obair*, no d'ùin luachmhòr a chaithreamh ri dìomhanas, 'nuair bu chòdir dhà 'bhi ri meòrachadh glan, taitneach, éifeachdach. Theagamh, 'nuair a gheibh thu uair gu meòrachadh, gu'n leig do chridhe seachad ì, mu'n tòisich è le dùrachd shuidhichte air an obair. Tha dleasanais a dheanamh, mar sin gu mi-chùramach, leisg, mar nach deanamaid idir è; agus millidh è air mòran, cho maith ri dearmad dleasanais. An so, matà, bitheadh do shùil a ghnàth air do chridhe, dean faire thairis air. Is feàrr dhuit seal tuinn air meud 'us buaidh, 'us luach an dleasanais a nithear na ris an iin a chaithear ris. 'Nuair a chì thu obair air a deanamh le do sheirbhiseach, faodaidh tu innseadh co dhiubh a bha, no nach è dìchiollach ris an obair a thug thu dhà. Fedraich dhìot-féin, "Cia lian de m'aignidhean a ta nis air an làn-oibreachadh? (Faic CAIB. XIV.—Ear II.) Am bheil mì nis na's fhaisg' air nèamh?" Na abair idir, "Tha mo chridhe-sa clo faoin, dìomhain, is feàrr dhomh leigeil leis." Ma ni thu sin, fuadaichidh tu gach ùmh-lachd spioradail air falbh uait-féin. Cuimhnich cha n-eil na cridheachan a's feàrr air an naomhachadh ach amhàin ann an cuid, agus an lorg sin, diùltaidh iad cho fad 's a gheibhear feòlmhor iad. Ach gu-ma feàrr leat-sa ceart-smuaineachadh air do nàdur truaillidh féin; agus a' cheart aire 'thoirt nach fhaod togradh peacach air-bith àithn Dhé a thilgeil seachad, agus nach leisgeul aon pheacadh airson peacaidh eile; agus gu'n d'òrduich Dia meadhonan a chum ar n-aignidhean a dhùsgadh gu smuaineachadh air-féin; agus is meadhon fior shònruichte, fior éifeachdach réusanachadh ruinn-féin, agus smuaineachadh annaiun-féin air dleasanais a' mhèdrachaидh nèamhaidh, a chum ar gràdh a bheoth-

achadh agus a mheudachadh. Air an aobhar sin, lean thusa air an dleasanas so gus am blàthraighean do chridhe le gràdh do Dhia, ceart mar a leanadh tu air thu-féin a gharadh aig an teine 'us tu fuar, gus am fàsadh tu blàth. Oibrich gu dlùth, dileas, dìchiollach, gus am beothraighean do ghràdh's an déigh sin, co-éignichidh gràdh thu gu do dhleasanas a dheanamh gu taitneach, suilbhír, pailt.

3. Gheibh thu do chridhe air uairibh a' léum air falbh o do mheòrachadh nèamhaidh, gu nithibh eile. Seallaidh è nùll 's anàll ri iomadh ni eile, coltach ri seirbhiseach mi-chùramach, sgaomach a thogas a cheànn de 'obair gu labhairt ris gach neach a ghabhas seachad. 'Nuair nach hu chòdir ni sam-hith eile 'bhi agad air d'ìnntinn ach nèamh féin, bithidh do chridhe nis a' smuaineachadh air do ghairm, no air do thrioblaidibh, no air d'uireasbhuidh, no air gach cun, no craoibh, no àit a chithear leat. Cha n-eil leigheas air an t-seachran so ach an leigheas a chaideh ainmeachadh cheana, eadhon faire agus ainnear, no ceànnnsachadh. Abair ri do chridhe, "Dè so l'an tainig mis' an so leat a smuaineachadh air mo ghnothach saoghalta, air muinntir, air àitean, air naigheachdan, no air diomhanas, no air ni sam-bith ach nèamh, air am feothas? 'Nach urrainn thu faire a dheanamh aon uair? Am b'aill leat an saoghal so 'fhàgail agus còmhnuidh a ghabhail maille ri Criod gu bràth air nèamh, agus nach builich thu 'aon uair' air còmhnuidh maille ri Criod ann am meòrachadh? An è sin do ghràdh do d'charaid? Nach mò na sin, do ghràdh do Chriosd agus do d'ionad-còmhnuidh siorruidh, beannaichte?" Is fuitteach, lonach eunlaith do smuaintean seachranach; ma leigeas tu leo uair do mhèdrachaiddh nèamhaidh a shlugadh suas, sluigidh iad suas heatha agus aoibhneas do smuaintean. Air an aobhar sin, ruaig air falbh o d'io-bairt iad, agus cum do chridhe gu teànn air an obair.

4. Is dòigh eile air an dean do chridhe do mhealladh, an obair mheòrachaiddh a ghrad-chriochnachadh mu'n ceart a thòisicheas ì annad. Faodaidh tu sin aithneachadh gu soilleir aig dleasanais eile. Nach tric, aig d'ùrnuigh uaignich, a gheibh thu do chridhe a' cur

cabhaig' ort, a dìan-iarraidh ort a gearradh goirid agus sgur dhì? Mar sin, matà, aig do mhèòrachadh nèamhaidh, bithidh do chridhe sgìth de'n obair, agus caisgidh è do chéum nèamhaidh, mu'n ceart a bhìlathaichear thu. Ach smachdaich thusa do chridhe ann an ainm Dhé, thoir gu làu ùmhachd è, agus na fag obair cho mòr leth-dheante. Abair ris, "A chridhe amaidich! ag iarraidh déirce car àine, agus falbh mu'm faigh thu ì, nach obair chàillte dhuit sin? Ma stadas tu mu'n ruig thu do cheann-uidhe, nach bi do thurus diomhain? Thàinig thu an so fo dhòchas sealladh 'fhaotuinn de 'n ghlòir a shealbhaicheas tu mar oighreachd, agus an stad thu faisg air mullach an t-sléibh, agus an t-ionndaidh thu air d'ais mu'n gabh thu sealladh air? Thàinig thu an so 'an dòchas labhairt ri Dia, agus am falbh thu mu'm faic thu è? Thàinig thu chum thu-féin ionnlad ann an sruthaibh an t-sòlais, agus a chum na crìche sin, chuir thu dhìot rùsg do smuaítean talmhaidh, agus am pìll thu air falbh anis gun bheantuinn ach amhàin ri bruaich na h-aimhne bed? Thàinig thus' an so 'a ghabhail beachd' air 'tìr a' gheallaidh,' na falbh, matà, gus am faigh thu 'aon bhagaid fhìon-dhearcan' a dh-fheuchas tu do d'bhràithribh, chum am misneachadh Faiceadh iad, le aoibhneas do chridhe, gu'n do bhlaisthu air an fhìon; faiceadh iad o shuilbhireachd do ghnùis' gu'n robh thu air d'ùngadh leis an ola; faiceadh iad o chiùineachd do nàduir agus o mhìlseachd do bhriathran, gu'n robh thu air do bheathachadh leis a' 'bhainne' agus leis a' 'mhil.' Is teine nèamhaidh so a leaghlas do chridhe reòta, a ghlanas è, agus a ni spioradail è, ma gheibh è ùin gu oibreachadh air d'aignidhean." Mar sin, lean air an obair, gus am faighean rud-eigin a dheanamh, gus am bi do ghràsan air an oibreachadh, d'aignidhean air an dùsgadh, agus d'anam air a bhèò-ùrachadh leis na taitneasaibh a ta shuas; no, mur ruig thu air na nithibh sin uile, aig aon àm, thoireadh sin ort an iarraidh na's dùrachdaiche air àm eile. "Is beannaichte an t-òglach sin, a gheibh a Tighearn, ri àm dha teachd, a' deanamh mar sin." Mata 24. 46.

CAIBDEIL XVI.

*Còmhradh Diadhaidh a' Mheòrachaidh Nèamhaidh, no
Meòrachadh nèamhaidh air a dheanamh, no air a
chleachdad; agus an obair air a comh-dhùnadh.*

Agus anis, a léughadair, bi gach là ag oibreachadh do ghràis air a lughad, araon air meòrachadh agus ùrnuigh aréir nan seòladh a thugadh dhuit anns na CAIBDEILIBH roimhe so. Teich air falbh gu àit uaig-neach air-chor-eigin, air an àm a's feàrr a fhreagras dhuit, a' tilgeil uait d'uile smuaintean talmhaidh, cho stòlda, cho bed-dhùrachdach, iriosal 's a ghabhas dean-amh, agus seall suas gu nèamh, a' cuimhneachadh an sin air d'fhois shìorruidh. Ionn suich cho cìnnteach 'us cho dìrdheirc 's a tha d'fhois. Eireadh d'anam suas o nthibh faicsinneach gu nthibh brìghmhòr a' chreidimh, a' sàmhachadh nan aoibhneas nèamhaidh ris na h-aoibh-neasaibh aimsireil, uair mu seach ri grad ùrnuigh agus fèin-labhairt, no 'g an deanamh ameasg a ohéile, a' tag-air do clùis gu h-iriosal ri Dia, agus gu làn-dhùrachdach ri do chridhe fèin,—a' sìor-thagar mar sin, gus an lìonar do chridhe le sealladh beò, blàth, aoibhneach air nthibh nèamhaidh, gus nach clödan talmhaidh thu, na's fhaide, ach deàrsadh nèamhaidh, gus am faighear thus' am peacach dearmadach, a ghràdhachadh an saoghal, anis a' gràdhachadh Dhé gu beò, blàth, gus am bi an gealtair air a thionndadh gu Criosduidh tréun, dileas, rùnach gun eagal; gus an atharraicheadh do bhròn agus do mhulad gun fhéum, gu làn aoibhneas. A dh'aon fhocal, gus an tagair thu do chridhe bho thalamh gu nèamh; o chuideachd thalamhaidh gu gluasad maille ri Dia, agus gus am faod thu do chridhe, 'us è aoibhneach, a shineadh anis air d'fhois, mar ann an uchd Chriosd, agus do mheòrachadh a' labhairt air d'fhois shìorruidh, aréir an t-seòlaidh a bheirear dhuit anis, a chum do chuideachadh. Meòraich agus labhair riut-fèin mar so:—

“O m'fhois! Cia milis d'fhuaim 'us d'ainm! Is cèdliùinn thu do mo chluais! Deoch-ùrachaidh mo

chridhe, a' taomadh air mo spiorad, agus a' ruith tre uile chuislibh m'anama! M'fhois! cha n-è fois cloiche air an talamh, no fois a'chuirp so anns an uaigh, no idir an fhois a dh-iarras an saoghal feòlmhor. O m' fhois bheannaichte! 'nuair nach 'sguir sinn a là no dh'oidhche, a ràdh, is Naomh, Naomh, Naomh an Tighearn Dia Uile-chumhachdach. 'Nuair a gheibh sinn fois o'n pheacadh, ach cha n-ānn o aoradh; o fhulangas agus o bhròn, ach cha n-ānn o aoibhneas! O mo là beannaichte! 'nuair a gheibh mise fois maille ri Dia! 'nuair a ghabhas mì tāmh ann an uchd mo Thighearna! 'nuair a gheibh mì fois ann an aithneachadh, ann an gràdhachadh, ann an deanamh gàirdeachais, ann am moladh, 'nuair a bhitheas m'anam agus mo chorp iomlan a'làn-mhealtuinn Dhé uile choimhlionta! 'nuair a làn-ghràdhachear mise le Dia, neach a's gràdh féin, agus a ghabhas è fois 'n a ghràdh dhomh-sa, mar ghabhas mise fois ann mo ghràdh dhà-san, agus a ni è gàirdeachas thairis òrm le aoibhneas, agus gàirdeachas thairis òrm le ceòl, agus a ni mise gàirdeachas ànn-san!

"Cia fagus an là fior bheannaichte, fior aoibhneach sin! Tha è 'teachd gu grad. 'An tì a ta ri teachd, thig è, agus cha dean è moille'. Ged shaoilear gu'm bheil mo Thighearn a'cur dàil 'n a theachd, fathast tamull beag, agus bithidh è an so. Nach goirid beagan cheudan bhliadhachan an déigh dhoibh a dhol seachad? Cia cìnnteach a chithear a chomharradh! Cia grad a ghlacas è an saoghal mi-chùramach, eadhon 'mar thig an dealanach o'n àird an ear, agus a dhealraicheas e gus an àird an iar,' bithidh teachd mo Thighearna'. Thar leamn gu'n cluinn mi nis fead a thrompaid! Thar leam gu'm faic mì nis 'e 'teachd le neulaibh,' air a chuaireachadh le 'ainglibh, ann am mòrachd agus ann an glòir!

O pheacacha gun chùram! Ciod a ni sibh anis? Càit am folaithe sibh sibh-féin? Ciod a dh-fholaicheas sibh? Dh'fhalbh na beànnan. Chaidh na nèamhan agus an talamh, a bh'ann, seachd. Sgrios an teine millteach na h-uile nithe ach sibh-féin, a dh-fhéumas a bhi mar chonnadh gu bràth. O na'n gabhadh sibh losgadh ás cho luath ris an talamh; agus leaghadh ás

mar rinn na nèamhan ! Ah ! is diomhain an iarrtas sin anis ! B'è an t-Uan fèin bhur Caraïd ; ghràdh-aicheadh è sibh ; threòraicheadh è sihh, agus anis shaoradh è sibh ; ach cha b'aill leibhs' è roimhe so, agus anis tha è ro anmoch. Tha è ro anmoch éigheachd, 'a Thighearn,' a Thighearna' ; ro anmoch, ro anmoch, a dhuine ! Cuime 'sheallas tu mu-n-cuairet ? Cò is urrainn do theàrnadh ? Càit an ruith thu ? Cò is urrainn do dhìon ? O thrughain, sgrios thu thu-féin !

" Anis, a dhaoine naomh, beannaichte, a chreid 's a ghéill ! So crìoch bhur creidimh agus bhur foighidin. So an t-àit a dh'ìarr sibh, so an onoir ris an dh'fheith sibh. An aithreachas dhuibh anis gach sàrachadh, gach bròn, gach trioblaid a dh'fhuilig sihh, agus gach fèin-aicheadh 'us céum naomh a rinn sibh ? Am bheil dedir bhur n-aithreachais anis searbh no milis ? Faicibh ma Breitheamh 'us fiamh-ghàir' air ruibh ! gràdh 'n a ghnùis ! na tiodalan, Fear-saoraidh. Còmanach, Ceànn, sgrìobhete air 'aoduinn a's gràdh-aich' agus a's dealraiche snuadh. Eisd ! ghairm è sibh, ag iarraidh oirbh seasamh an so 'air a làimh dheis.' Na bitheadh eagal òirbh, oir sin an t-àit àrd anns an 'cuirear a chaoraich fèin'. O cia aoibhneach an fhàilt ! 'Thighibh, a dhaoine beannaichte m'Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rìoghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaite an domhain.' Gabhaidh è air làimh sihh, tha 'n dorus fosgailte, is leis-féin an rìoghachd, agus uime sin, is ì bhur cuid-sa : sin bhùr n-àit an lathair a rìgh-chaithreach ! Gahhaidh an t-Athair ruibh mar chéile sgìamhach a Mhic, agus failtichidh è sibh gu crùn na glòire. Ciod-air-hith cho neo-airidh sihh, féumar hhur crùnad. So an ni a chnuasaich saor ghràs teàrnaidh, so rùn a' ghràidh shìorruidh. O ghràis bheannaichte ! O ghràidh bheannaichte ! O mar dh-éireas gràdh 'us gàirdeachas ! Ach cha n-urrainn mise càinnt a chur air, cha n-urrainn mis' a mheasrachadh. 'Is ro iongantach an t-eòlas so air mo shon : tha e àrd ; cha ruig mi air.'

" So an t-aoibhneas sin a chaidh cheannach le bròn, so an crùn a chaidh cheannach leis a' chrànn-chéusaidh. Ghuil ino Thighearn, chum gu'n tiormaichteadh mo dheòir-sa nis air falbh. Dh'fhuilich è, chum gu'n

deannainn-sa gàirdeachas anis. Chaidh a threigsinn, chum nach tréigteadh mis' anis. Bhàsaich è roimhe so, chum gu'm mairinn-sa bed anis. O thus' a shaor thròcair, a's urrainn truaghan cho suarach àrdachadh! A nasgaidh thu dhomh-sa, ged bu daor thu do Chriosd! Is è saor ghràs a ròghnaich mise, 'nuair a dh'fhàgadh miltean. Mo chòmpanaich 's a' pheacadh a' losgadh ann an ifrinn 'us mise ri gairdeachas an so ann am fois! Mise bed an so maille ris na naoimh sin uile! O cia sòlasach mo choinneamh ri mo sheànn luchd-eòlais,— iadsan a bha tric ag ùrnuigh leam, a' guil leam agus a' fulang maille rium, agus a labhair rium gu tric air an là 's air an àit so! Chi mi cha h'urrainn an uaigh hhur cumail innse. An gràdh sin a shaor mise, shaor è sibhse mar-an-céudna.

" Cha chosmhuij so ris na bothanaibh creadha, na prìosanaibh, na tighean-còmhnuidh truagh anns an robh sinn air thalamh. Cha chosmhuij an guth aoibhneis so ris na seànn ghearaanaibh, na cneadaibh 's an osnaich a bh'againn. Cha chosmhuij am moladh hìnn so ris an fhanaid agus ris a' chàineadh, no ris na mionnan agus na mallachdan a chuala sinn air thalamh. Cha chosmhuij na cuirp so ris na cuirp a hh'againn, no na h-anamanan so ris na h-anamaibh a bh'againn, no a' bheatha so ris a' bheatha bh'againn. Chuir sinn dhìnn an t-àit, an staid, an t-aodach, na smuaintean, a' chàinnt agus a' chuideachd sin a hh'againn. Roimhe, bu lag, suarach iomadh aon de na naoimh, cho uaibhreach, frionasach, as gu tric gur gànn a dh-aithnicheadh neach ciod an gràs a bha aige: ach cia glòrmhor anis gach aon de na naoimh,—gach aon bu shuardha dhiubh roimhe! Càit anis am bheil an corp peacaidh leis an robh iad-féin 'us muinntir eile mu-n-cuairt doibh gu tric air an sgìtheachadh? Càit anis am bheil na barailean caochlaideach sin, na h-ainmean tàireil sin, na roinnean feargach sin, na h-inntinnean brosnaichte, gach sealladh coimheach 'us dìteadh neo-charranxtach leis an robh sinn air ar huaireadh roimhe? Cha n'-eil againn anis ach aon Bharail, aon ainm, aon chridhe, aon tigh agus aon ghlòir. O cia milis an réite! 'Aonaidh bheannaichte! Cha n'-eil anis amaideachd annainn ni's mò, no aineolas a chuireas

eas-onoir air an t-soisgeul. Cha deanar ni's mò tuireadh airson fulang nan naomh, no airson sàrachadh na h-eaglais. Cha deanar caoidh thairis air fulang chàird-ean, cha deanar guil aig leabaidh am bàis, agus cha silear dedir aig an uaigh. Cha n-fhaigh thu gu bràth do bhuaireadh aon uair eile le Sàtan, leis an t-saoghal, no le d'fheòil féin. Tha do thinneas, do phian 'us do bhròn air an leigheas gu léir. Cha luchdaich do chorp thu ni's mò le anmhuiinneachd agus sgùs. Cha bhi agad ni's mò ceànn, no eridhe goirt, acras no tart, cadal no saothair. Dh'fhalbh iad sin uile nait gu bràth !

"O nach cumhachdach an t-atharrachadb so ! Mìnis air m' àrdachadh o'n òtrach gu caithir rioghail ; o chuideachd nam peacach géur-leanmhuinneach gu comunn molaidh nan naomh ! Bho chorp truaillidh gu corp a 'dhealraicheas mar shoilleireachd nan spéur ! Bho mhothachadh air feirg Dhé, gu Dia a làn-mhealtuinn ann an gràdh ! Bho m' uile theagamhan agus m' eagalan, a dh-ionnsuidh na h-oighreachd a dh-fhuadaicheas gach teagamh fada uam ! Bho m' uile smuaintean namhasach air a' bhàs, a dh-ionnsuidh na beatha aoibhnich so ! O m' atharrachadh beannaichte ! Soraidh leat anis a pheacaidh, agus a bhròin, agus a bhàis gu bràth ! Soraidh le mo chridhe creagach, uaibhreach, mì-chreideach ! Soraidh le mo chridhe collaidh, talmhaidh, feòlmhor, agus fàilt anis air mo nàdur fìor naomh, fìor nèamhaidh ! Soraidh leat 'aithreachais, a chreidimh, agus a dhòchais ; agus fàilt ort-féin a gbràidh, a ghàirdeachais agus a mholaidh ! Bithidh agam anis foghar torach gun treabhadh, gun chur, gun chlìathadh ! Bithidh m' aoibhneas gun searmonachadh, gun ghealladh ! na h-uile nithe agam báll-dìreach o ghàndis Dhé féin ! Is iomadb measgadh a gheibhear anns an t-sruth, ach is aoibhneas glan a gheibhear anns an tobar féin. An so cuairtichear mì leis an t-siorriudheachd, agus bithidh mì beò gu bràth, ag àrd-mholadh an Tighearna ! Cha n-fhàs m'aoduinn preasach, cha n-fhàs m'fhalt liath ; oir cuiridh 'an corp truaillidh so neo-thruaillidheachd uime,' agus cuiridh 'an corp bàsmhor so neo-bhàsmhorachd uime,' agus 'sluigear suas am bàs le buaidh ! O bhàis, c'ait am bheil' anis 'do ghàth ! O uaigh, c'ait am bheil' anis 'do

bhuidh ! Cha ruith là m' aonta de'n bheatha so gu bràth ! Cha chuirear dragh òrm ni's mò le smuaintibh air uamhas a' bhàis ! Cha n-fhuardaichear m' aoibhneas le eagal a chàll ! An déigh do iomadh, iomadh, iomadh mìle linn a dhol seachad, cha bhi mo ghlòir ach a tòiseachadh ; agus an déigh do iomadh ceud mìle linn tuilleadh gabhail seachad, cha n-fhaisge crìoch mo ghlòire. Is àrd ghrian gach là, is foghar gach mìos, is gàirdeachas gach bliadhna, is làn-aois neartmhòr, aoibhneach gach linn, agus is aon siorruidheachd so uile ! O shiorruidheachd bheannaichte ! glòir mo glòir' ! iomlanachd m'iomlanachd !

" Ah ! nis, a chridhe lùnnndaich, thromsanaich, nach mäll, fuar a gheibhear thus' a' smuaineachadh air là d'ath-bheothachaidd so ! An fheàrr leat suidhe slos anns a' phöll, na gluasad ann an lùchait Dhé ? Am bheil thu nis a' cuimhneachadh air do ghnothach aimsireil, no 'smuaineachadh air d' ana-mìann, air do thaitneas talmhaidh, no air do chòmpanaich aighearach ? An fheàrr a bhi bhos an so, na shuas maille ri Dia ? Cò cuideachd a's feàrr ? Cò taitneas a's mò ? Tiugainn, tiugainn ; uam do leisgeul, uam do dhàil. Tha Dia anis ag àithneadh dhomh-sa, agus tha mis' anis ag àithneadh dhuit-sa. Tog ort, matà, crioslaich suas do leasrach. Dìrich an sliabh. Seall mu-n-cuairt duit le creidimh agus cùram. Na seall air d'ais air sligh an fhàsaich, mur ànn gu smuaineachadh cho glòrmhor, maireannach 's a tha an rioghachd a ta shuas, agus gu thuigsinn na's feàrr cho taitneach 's a tha à seach fasach sin na h-ulartaich. , Sid shuas glòir d'Athar ! Sid, O m'anam ! an t-àit gus an giùlainear thusa, 'nuair a dhealaicheas tu ris a' chorp so ; agus an déigh do chumhachd do Thighearna an corp so a thogail suas o'n uaigh, agus thu-féin 'us esan aonadh arist ri 'chéile, bitidh sibh,—m' anam agus mo chorp,—beò gu bràth maille ri Dia. An sid chithear an 'Ierusalem Nuadh' ghlòrmhor, na geatachan neamhnuideach, na bunaitean neamhnuideach, na sràidean òir, agus an t-ùrlar òir a's soilleire dreach. Cha bhi féum an sid air a' ghréin ud a tha nis a' soillseachadh an t-saoghail so ; dealraichidh tu-féin cho soilleir ris a ghréin ud. Is è Dia féin a'

ghrìan, agus is è Criosd féin an solus an sid, agus 'n a sholus gheibh thusa solus.

O m'anam! am bheil thus' 'a' eur 'an amharus gealladh Dhé le mì-chreidimh?' Is mòr m'amharus ort. Na'n do chreid thu gu làn anns a' ghealladh, bhiodh tu air do liornadh leis na's mò na tha thu. Nach 'eil è agad fo làimh-sgrìobhaidh, fo shéula agus fo fhocal Dé? An urrainn Dia bréug a dheanamh? An urrainn an Tì, a's è an fhìrinn féin, a bhi bréugach? Carson a ghealladh è dhuit na's mò na 's àill leis a choimhlionadh? An fheàrrd Dia thus' a mhealladb le brosgul? Na bu dàna dhuit an Dia glic, cumhachdach, fìrinneach a choireachadh. Nach iomadh gealladh a bha air a choimhlionadb dhuit ann an gnìomh d'iompachaidh! An abair thu gu'n tig focal meallaidh o Dhia? O thus', a chridhe thruaigh an as-creidimh! Nach tug Dia dhuit gealladh air fois, agus an diùlt thu è? Faodaidh do shùilean, do chluasan, agus do chàilean uile do mhealladh, ach cha dean gealladh Dbé do mhealladh. Is cìnntiche dhuit gealladh Dhé, sgrìobhte 'n a fhocal, na ged chitheadh tu è le do shùilibh, no ged làimhsich-eadh tu è le do làmhan. An cìnnteach thu gur bed thu, no gur è so an talamh air am bheil thu a'd' sheasamh, no gu'm bheil do sbùilean a' faicinn na gréine? Cho cìnnteach sin tha uile ghlòir so nan naomh; cho cìnnteach sin bithidh mise na's àirde na réultan nan spéur ud, agus bed gu bràth anns a' bhaile naomh, agus seinnidh mì cliù m'Fhear-saoraidh gu h-aoibhneach, ait; mur bi mì air mo dhùnadh amach le mo 'dhroch cridhe mì-creidimh' so, a' toirt òrm imeachd air falbh o n Dia bhed.

"Agus am bheil an fhois so cho milis 'us cho cìnnteach sid? Ciod, matà, is cìall do mhi-chùram an t-saoghal? An aithne dboibh ciod a tha iad a' dearmad? An eul' iad riagh mu 'timechioll, no 'm bheil iad 'n an cadal, no marbh? An aithne dhoibh gu'm bheil an crùn rompa, 'us iad-féin gun aon chéum 'n a dhéigh, no fathast a' ruith air diomhanas? Nach gòrach iad a' stad 's a' tional cho dìan air an t-slig, 'us iad a' greasad gu luath gu saoghal eile, agus an sonas siorruidh ann am mòr chunnart. Na'n robh aon

srad réusain aca, cha reiceadh iad ani fois air faoin obair, cha reiceadh iad an glòir air dìomhanasaibh saoghalta, no idir nèamh air taitneasaibh peacach. A dhaoine truagh! O na'n tugadh sibh fainear bhur cunnart, an sin bu shuarach leibh gach greim meallaidh dhiubh sin? Gu-ma beannaichte gu bràth an gràdh sin a shaor mise o'n dorchas mhealltach so?

"Thig na's faisge fathast, O m'anam! le do ghràdh a's dùrachdaiche céum. So dhuit gnothach air an oibrich è, rud-eigin a's fhiach dhuit a ghràdhachadh. O faic an àilleachd a chithear an so! Nach 'eil gach maise 's an t-saoghal cruinn an so! Nach mì-dhreach gach àilleachd eile! Am féumar do ghairm anis gu sin a ghràdhachadh. So dhuit anis cuilm mhilis air a sgaoileadh fo do shùilibh do uile chumhachdan d'anama; agus am féumar iarráidh ort beathachadh oirre? Agus nach urrainn thu an Dia sin, an Criod sin, a' ghildir sin a ghràdhachadh, a ta cho fior airidh air gràdh ann an tomhas gun tomhas,—gu neo-chriochnach? Gràdh-aichidh tu do charaid, a chionn gu'm bheil gràdh aige dhuit, agus nach 'eil gràdh do charaid cosmhuil ri gràdh Chriosd? Cha n-urrainn guil, ful, no fulang do caraid, socair a thabhairt duit, no do dhèdir 'us do bhàs fein a chasgadh, ach tha àrd chumhachd slànnachaidh nach diobair a chaoidh, anns na deòir agus anns an fhuil a thuit o phearsa do Thighearna.

"O m'anam! ma's airidh gràdh, agus ma ghuinear gràdh le gràdh, cia do-mheasraichte an gràdh a ta rounhad an so! Taom amach uile stòras d'aignidhean an so, ach is ro bheag iad uile. Hò! nach rohh tuillleadh ann! Hò! nach rohh è mìle cuairt na's mò! Fritheil Dhà-san an toiseach, a fhritheil dhuits' an toiseach. Faigheadh E ceud-ghin agus neart d'anama, a thug a neart agus a bheatha fein ann an gràdh air do shon-sa. O m'anam, an gràdhaich thu dìrdhearcas? Sid agad tir an t-soluis! So tir an dorchasais. Sid agad na réultan a' boillsgeadh, a' ghealach a' dealradh, agus a' ghrìan a' deàrsadh; ach is beag iad sin uile, cha n-eil iad ach mar lòchrain an crochadh air taobh-muigh tigh d'Athar, a chum do shligh a shoillseachadh dhuit, fhad 's a hhitheas tu ag imeachd tre 'n t-saoghal

dhorch so : ach is beag is aithne dhuit an sonas agus a' ghìlòir a ta air a thaobh-stigh ! An gràdhaich thu freagarrachd ? Cò is freagarraiche na Criod ? A dhiadhachd agus a dhaonnachd, a lànachd agus a nasgaidheachd, a dheònachd agus a sheasmhachd, iad sin uile a' sìor-éigheachd gur è caraid a's freagarraiche. Ciòd is freagarraiche airson do thruaighe na tròcair ? Ciòd is freagarraiche airson do pheacaidh agus do thruaillidheachd na onoir 'us ionlanachd na naomhachd ? Ciòd an t-àit a's freagarraiche air do shon na nèamh ? Am bheil an saoghal so ag còrdadh ri do mhiann ? Nach 'eil gu leòr agad deth ? No, an gràdhaich thu buanuachd agus dlùth dhàimh ? Càit am faigh thu buannachd a's feàrr na gheibhear air nèamh, no dàimh a's dlùithe na gheibhear an sin.

" An gràdhaich thu fear-eòlais ? " Ged nach fhaca do shùil do Thighearn riamh, chuala tu a ghuth, fhuair thu gu tric a bheannachd, agus bha thu bed 'n a uchd. Theagaing è dhuit edlas ort-féin agus air-féin ; dh'fhosgal è dhuit a' cheud uinneag sin tre 'm faca tu an rathad glan astigh do nèamh. An dì-chuimhnich thu 'nuair a bha do chridhe mi-chùramach, agus a dhùisg è dhuit e ; cruaidh agus a thaisich è dhuit e ; fuar, agus a bhlàthach è dhuit è ; rag, agus a thug è air géilleadh ; ann an sìth ris a' pheacadh, agus a għluais è gu cogadh ; slàn, agus a bhris è dhuit è, 'g a shlànachadh arìst ? An dì-chuimhnich thu na h-uairean air an d'fhuair è fo dheòir thu, ag éisdeachd ri d'osnaich agus ri d'acain uaignich, a' fàgail nan uile nithe, 's a' teachd a thoirt sòlais dhuit ; 'g a do għlacadh, mar gu'm b'ānn, 'n-a ghàirdeanaibh agus ag ràdh, 'Anam bhochd, ciòd a tha 'cur ort ? Am bhcili thu ri guil, an déigh dhomh-sa guil cho mòr air do shon ? Biodh deadh mhisneachd agad ; is slàint agus cha bhàs do lotan ; is mise-féin, leis nach àill do chron, a rinn iad ; geda leigeas mì ruith le d'fhuil, cha leig mì idir ruith le do bheatha.' Is cuimhne leam a ghuth. Cia min, ciùin, socrach a thog è suas mì ! Cia cùramach a cheangail è mo lotan !

" Thar leam gu'n cluinn mì è fathast ag ràdh, 'A pheacaich bhochd, ged is mi-chaoimhneil a bhuin thusa riùm-sa, agus geda thilg thu air falbh uait mì, fathast

cha bhuin mise mar sin riut-sa. Geda cluir thusa suarach mi-féin agus mo thròcairean, fathast is leat-sa mise agus mo thròcairean uile. Ciod a b'áill leat mis' a thoirt duit? Agus ciod a tha dh-easbhuidh ort, nach urrainn mis' a thoirt duit? Ma's taitneach leat nì sam-bith a ta agam, gheibh thu è. An gabhadh tu maiheanas? Matà. maithidh mì dhuit gu saor d'fhiachan uile. An gabhadh tu gràs agus sìth? Matà, gheibh thu iad sin le chéile. An gabhadh tu mi-féin? Féuch, is leat-sa mise—do Charaid, do Thighearn, do Bhràthair, do Chòmpañach, agus do Cheànn. An gabhadh tu an t-Athair? Bheir mise d'a ionnsuidh thu, agus bithidh è agad, annam-sa agus tromliam-sa.'

"B'iad sin focail ath-bheothachaидh mo Thighearna. Ach an déigh sin, an uair a chuir mise teagamh 'n a ghràdh, is cuimhne leam fathast na h-argumaidean làidir a labhair è rium agus a bhuadhaich air gach teagamh, ag ràdh, 'O pheacaich, am bheil thu fathast ann an teagamh an déigh dhomh-sa uiread a dheanamh chum mo ghràdh a dhearbhadh dhuit? Nach robh mì fada, fada 'g am' thairgse féin 's a' taigse mo ghràidh dhuit, agus am bheil thu fathast fo theagamh nach 'eil mì toileach a bhi leat? Nach daor a dhearbh mì dhuit gu'm bheil gràdh agam dhuit? Nach creid thu am fulangas searbh sin a thug mo ghràdh dhuit òrm. Nach 'eil mì anns an t-soisgeul mar leòmhan an aghaidh do naimhdean, agus mar uan dhuit-sa, agus nach fhìach leat mo chaoimhneas blàth agus mo nàdur mìn? Na'm àill leam do bhàs, carson a dh-fhuiligin 's a dheanainn uiread a chum thus' a chumail bed? An robh féum agam air d'iarraidh cho liosda; agus air do leantuinn cho foighidneach? Carson a tha thu nis ag innseadh d'uireasbhuidh dhomh? Nach 'eil gu leòr agam air mo shon féin agus air do shon-sa? Cuime 'dh-innseas tu do neo-airidheachd dhomh? oir na'n robh thu-féin airidh, cait an rohh d'fhéum air m'airidheachd-sa? An tug mì riamh cuireadh, no teàrnadh do mhuinntir airidh agus fhìreanta, no am bheil an leithid sin air thalamh? Am bheil thu gun ni sam-bith agad? am bheil thu càillte agus truagh, gun chuideachadh agus tu uirhheasach? Am bheil thu nis a' creidsinn gur Slànuighear

uile-fhoghainteach mise, agus an àill leat mo ghabhail? Feuch! is leat-sa mì, gabh mì; ma tha thusa toileach, tha mise toileach; agus cha n-urrainn peacadh, no Sàtan ar pòsadh a bhriseadh.'

"Sin, O sin na focail bheannaichte a labhair Spiorad an Tighearna rium anns an t-soisgeul, gas an tug è òrm mi-féin a thilgeil sìos aig a chosaibh, agus eigeachd amach, 'Mo Shlànuighear, agus mo Thighearna, bhris thu, dh'ath-bheothaich thu mo chridhe; thug thu buaidh air, choisinn thu è; gabh è; is leat è; ma thoilicheas a leithid de chridhe thu, gabh è; mur toilich, dean è mar a b'àill leat è 'bhith.' Mar sin, O m'anam! faodaidh tu cuimhneachadh air a' chòmhradh mhilis, edlach, shaor a bha agad ri Chriosd; uime sin, ma ghinear gràdh le eòlas taitneach air neach, dòirt aniamh do chridhe do Chriosd. Is e-féin a sheas aig leabaidh do 'thinneis iarganaich'; is e-féin a lughdaich do phàian; is e-féin a dh'ùraich thu 'us tu sgìth; is e-féin a dh'fhuadaich air falbh d'eagal. B'ullamh riamh è gu do fhreagairt, 'nuair a ghairm thu air gu dùrachdach; choinnich è riut ann an àitibh follaiseach agus uaigneach; fhuaradh leat è anns a' choimhthionail, ann do thigh, ann do shèòmar, anns an achadh, ann m faire na h-oidhche, agus ann an iomadh cunnart mhòr.

"Ma tharruingear gràdh le fìalachd agus iochd, is mòr, ann an tomhas gun tomhas, m'fhiachan-sa do ghràdh Chriosd! Gach tròcair ann an cuairt mo bheatha, gach àit anns an robh mo chòmhnuidh, gach cuideachd 'us neach air an robh mì edlach, gach seirbhis, obair agus dàimh, gach cor anns an robh mì agus gach atharrachadh tre 'n deachaidh mì riamh—tha làd sin uile nis ag innseadh dhomh, gur maiteas a' sìor-sruthadh an tobar. O Thighearna, is mòr an gràdh a ta agam ri phàidheadh dhuit! Agus tha m'fhiachan a' sìor-mheudachadh gach là! Ciamar a bheirinn-sa gràdh arist airson gràidh cho mòr! Ach an dàna dhomh smuaineachadh air thus a phàidheadh, no air do ghràdh-sa ath-dhioladh le moghradh féin? Am pàidh mo sgillinn bhochd-sa thusa airson nam mèinn dir a thug thu dhomh? Am pàidh m'larrtas ainmig d'fhìalachd nach sguir? Mo chuid-sa, neo-ni, ma tha cuid agam,

airson do chuid-sa a ta neo-chriochnach? An dàna dhomh-sa strì riut-sa ann an obair gràidh; no mo shradag fhànn a chur a strì ri Gréin a' ghràidh. An urrainn mise gràdhachadh cho àrd, cho domhain, cho leathann, cho fada, ri Gràdh féin; cho mòr ris an Tì a rinn mì, agus a rinn mo ghràdh, agus a thug dhomh am beagan gràidh a ta agam? Cha mhac-samhuil mise dhuit ann an oibríbh cumhachdach, no ann an cruthachadh, no ann an gleidheadh, no ann an riaghladh an t-saoghal, ni mò is mac-samhuil mì dhuit ann an gràdh. Cha n-eadh, cha n-eadh, a Thighearna, ach géilleam dhuit-sa, oir thug thu bnaidh òrm. O bhuaidh bheannaichte! Gabh air d'aghairt gu buadh-mhor, agus buadhaich fathast, a' deanamh buaidh-chaithream ann an gràdh. Eighidh prìosanach a' ghràidh do bhuaidh, 'nuair a threòraicheas tu mì le àrd chaithream o'n talamh gu nèamh, o bhàs gu beatha, o bhreithcanas gu do rìgh-chaithir. An sin, aidichidh mi-féin, agus gach uile neach a chì è, gu'n tug thu buaidh, agus their na h-uile, 'Feuch cionnus a ghràdh-aich se è!'

"Ach bitheadh mo ghràdh-sa sìnte fo do ghràdh-sa; oir ged nach mì do choimeas, is mì do phrìosanach air mo shaoradh leat. Nach toir mì gràdh idir, a chionn nach urrainn mo ghràdh eirigh gu meud do ghràidh-sa? Hò! nach mise b'urrainn a ràdh gu bed-chridheach, 'Is toigh leam thu,' eadhon mar is toigh leam mì-féin, 'us mo charaid! Ged nach urrainn mì ràdh, mar thuirt an t-Abstol, 'Tha fios agàd gur toigh leam thu,' gi-dheadh is urrainn mì 'radh, a Thighearna, tha fios agad gur è mo mhiann do ghràdhachadh. Tha fearg òrm ri mo chridhe, nach 'eil gràdh na's mò aige dhuit; cronaichidh mì è, ach cha téid è am feothas; réusanaichidh mì ris, agus bu bhuidhe leam 'aomadh leam, ach cha n-fhaigh mì gluasad ànn; buailidh agus suathlaidh mì è le òrduighean an t-soisgeil, ach fathast, cha n-fhaigh mì blàth è 's an taobh-stigh dhòin. Anam neo-airidh! nach 'eil do shùil anis air an aon chuspair a's àillidh a ta ànn? Nach fhaic thu nis glòir anabarrach aoibh-neach nan naomh? Agus nach gràdh-aich thu? Nach anam réusanta thu, agus nach tigeadh do d' réusan innseadh dhuit gur toll dubh an talamh so, ann an coimeas

ri glòir nèimh? Nach spiorad thu-féin, agus nach bu chòir dhuit Dia a ghràdhachadh, oir is Spiorad Dia, agus is e-féin Athair nan Spiorad? Cuime 'ghràdh-aich-eas tu do chriadh bhàsmhor cho mòr, agus nach gràdh-aich thu glòir nèamhaidh na's mò? An gràdh-aich thu 'nuair a ruigeas tu shuas? 'nuair a thogas an Tighearn do chorp ás an uaigh, agus a bheir è ort dealradh mar a' ghrian ann an glòir fad saoghal nan saoghal; an gràdh-aich thu air an là sin? Nach coinneamh luchd-gràidh an t-àit sin gus an togar suas thu? Nach staid gràidh a' bheatha an sin? Nach i sin là-bàinnse mòr an Ùain? Nach obair gràidh, an obair an sin, far am faigh anamnan an lònadh le gràdh maille ri Criod? Matà, O m'anam, tòisich air an obair an so! Bi tìnn le gràdh anis a chum a bhi slàn le gràdh an sid. Cum thu-féin anis ann an gràdh Dhé, agus na leig le beatha, no bàs, no ni sam-bith do sgaradh uait, agus gleidhear thu ann an lànachd a' ghràidh gu bràth; agus cha lughdaichear, cha searbhaichear do thoil-inntinn le ni sam-bith; oir dh'ullaich an Tighearn baile gràidh agus àit chum a ghràdh a thaomadh air a shluagh taghte, agus iadsan a bheir gràdh d'a ainm, còmhnaichidh iad ànn.

"Dùisg, dùisg, matà, O m'anam chadalaich! Is miréusanach cadal fo sholus a' ghràis, agus is miosa na sin cadal fo dhlùth-theachd soluis na glòire. Thig amach anis, mo spiorad tròm, reòta agus do Thighearn ag larraidh ort gàirdeachas a dheanamh arist 's arist. Laidh thu fada gu leòr ann am priosan na fedla, far an robh Sàtan 'n a dhorsair dhuit, cùraman 'n an iarrunn ort, eagalan 'n an sgìùrsaran dhuit, aran agus uisg àmh-ghair 'n am biadh dhuit, far am b'e bròn do thig-còmhnuidh, do pheacaidhean agus do naimhdean a' deanamh do leapa dhuit, agus do chridhe mì-chreideach na dorsan agus na cruinn-dùnaidh a bha 'g ad' cumail astigh. Tha Aingeal a' cho-cheangail a' gairm ort anis, a' bualach aig do dhorus anis, agus ag iarrайдh ort eirigh anis agus a leantuiun. Eirich, O m'anam! agus freagair agus lean è gu suilbhír, agus teichidh do cheanglaichean agus do għlasan air falbh gu léir. Lean an t-Ùan ge-b'e taobh a théid è. An tigeadh dhuit eagal a bhi ort Fear-treorachaidd a leantuinn? An

urrainn a' Ghràian do threòrachadh gu àit dorchadais ? An treòraich an Tì sin gu bàs thu, a bhàsaich, agus a tha bed, chum thus' a shaoradh o'n bhàs ? Lean è gu luath agus nochdaidh è pàrras Dhé dhuit. Bheir è dhuit sealladh de'n 'Ierusalem Nuadh,' agus blasad air 'craoibh na beatha.' Thig amach, mo spiorad fuar, fànn, agus cuir dhiot d'éideadh geomhraidh ; feuchadh d'éideadh aoibhneis agus molaidh gu'm bheil d'earrach air teachd, agus mar tha do shòlas anis ùrail, gòrm, nach fhada gus am bi thu-féin geal, abuich airson an fboghair ; agus an sin gairmear thu gu buain, gu tional, agus gu seilbh a ghabhail. Ach an tig dhomhlàdail a chur 'n am aoibhneas, agus a shìneadh uam gus an là sin ? Nach còir do aoibhneas an earraich a dhol roimh aoibhneas an fhoghair ? Nach fbìach tiodal mu'm faighear làn sheilbh air ? Nach àirde staid an oighre na staid tàrlaid ?

"Theagaisg mo Thighearn dhomhlàdail a' gairdeachas a dheanamh ann an dòchas a ghàidhre féin ; agus ciamar a chì mi a ghàidh tre bhàllachan prìosain ; oir an uair a nithear 'géur-leanmhùinn òrm airson na còrach,' thin e-féin ag àithneadh dhomhlàdail a' gairdeachas a dheanamh agus a bhi ro shubhach, a chionn gur mòr mo dhuais air nèamh.' Tha fios agam gu'm b'aill leis mo ghàird-eachas a bhi na's mò na mo bhròn, agus tha fios agam, ged is mòr a thlachd anns an anam a ta 'iriosal, briste, brùite,' gur mo na sin a thlachd anns an anam aig am bheil tlachd ànn-féin. Nach do dheasaich mo Thighearn bòrd dhomhlàdail anns an fhàsach, agus nach do chòmhdaich è dhomhlàdail le geallaidean air glòdir sìorruidh, 'us biadh ainglean romham air ? Nach tric, dùracdhach, fìal a chuireadh dhomhlàdail gu suidhe sìos aig a bhòrd, agus itheadh gun sòradh ? Nach do bhuilich è òrm, chum na crìche sin, réusan, ciàll, creidimh agus nàdur aoibhneach, agus am faod è 'bhith nach b'aill leis mis' a bhi aoibhneach ? Nach 'eil è nis ag àithneadh dhuit 'tlachd a ghabhail anns an Tighearn' agus a' gealltuinn 'iarraitas do chridhe thabhairt duit ?' Nach 'eil è nis ag ràdh rint, 'Dean gairdeachas a ghnàth ;' seadh, séinn gu h-ait, agus dean iolach ait ? Carson, matà, a bhithinn-sa fo lag mhisneachd ? Tha mo Dhia toileach, na'n robh mise toileach. Tha tlachd aige ann mo

thlachd-sa. Is àill leis mis' a bhi fagus dà gach là 'us uair, agus a bhì do ghnath anns gach gnothach a' creidsinn ànn, a' medrachadh air, agus air mo lìonadh le smuaintibh milis, bed air a mhaitheas. O m' obair bheannaichte, freagarrach do mhic Dhé! Ach, O Thigearna, ged is mòr a' chuilm ud a chuir thu romham, is beag ì dhomh-sa gus an cuirear acras òrm. Chuir thusa biadh milis, blasda nèimh romham, ach mo chreach! tha mise cho dàll as nach fhaic mì è, cho tìnn, fànn as nach fhaigh mì blàs milis air, cho meilichte, fuar, rag as nach sìn mì mach làmh d'a ionnsuidh. Air an aobhar sin, a Thigearna, iarram gu h-iriosal an gràs àraig so uait, mar dh'fhosgail thu nèamh dhomh le d'fhocal, fosgail mo shùilean, chum gu'm faic mì è, agus mo chridhe gu tlachd a ghabhail àun; air-neo cha bhi nèamh 'n a nèamh dhomh-sa. O thus', a Spioraid na beatha, séid air do ghràsaibh féin annam-sa. Gabh air làimh mì. Tog suas o'n talamh mì, chum gu'm faic mì a' ghàdir sin a dh'ullaich thu airson na mùinntir aig am bheil gràdh dhuit!

"Teichibh uam anis, sibhs' a chùraman agus eagalan a bha 'buaireadh m'anama, agus teich thus', a bhròin, a bha gu tric a' ciùrradh mo chridhe. Hò! Teichibh uam car ùine; leigibh dhomh car tamuill; seasainbh air ais; fanaibh shìos an so, gus an téid mise suas agus am faic mì m'fhois. Ged nach 'eil mise fior eòlach air an rathad, is còlach Criod air. Sin an t-àit-còmhnuidh sìorruidh a bha riamh aige mar Dhia glòrmhor. Sín an t-àit gus an tug è a chorpa glòraichte fein. Bì obair Criod an t-àit sin a cheannach. Is ì obair Criod an t-àit sin ullachadh, agus mise ullachadh air a shon, agus mo thoirt d'a ionnsuidh. Thug Dia sìorruidh na fìrinn gealladh dhoimh,—gcalladh séulaichte le séula agus le focal Dhé,—ma chreideas mì, agus is mì a chreideas 'ann an Criod, nach sgriosar mì, ach gu'm bi a' bheatha shìorruidh agam.' Is goirid an ùin gus an togar m'anam a dh-ionnsuidh an àite naoimh sin, agus cha n-fhada gus an lean mo chorpa è. Agus am faod mo theangaidh a ràdh, Is cìnnteach, cha n-fhada gus am bi mise bed maille ri Dia, agus nach léum mo chridhe nis le aoibhneas 's an taobh-stigh dhòm? Am

faod mì sin a ràdh tre chreidimh, agus nach fhaod mì a ràdh le aoibhneas? Ah! thus' a chreidimh, is soilleir dhomh anis do laigse! Ach geda dheanadh mì-chreidimh mo sholus dorch, agus mo bheatha tròm, agus m' aoibhneas a mhùchadh, cba n-urrainn è buaidh a thoirt òrm, no idir mo sgrios. Geda ghabhadh è fàrmad ri mo shòlasaibh uile, fathast, ge b'oile leis, gheibh mise criomag 'us criomag shòlais an so: ach nach bu mbòr, làn, pailt mo shòlas, mur beanadh làmh a' mhì-chreidimh rium idir! an sin dhealraicheadh solus aoibhneach nèimh air mo chridhe, agus is beag nach bithinn cho eòlach air nèamh 's a tha mì air an talamh. Tiugainn, matà, O m'anam, dùn do chluasan, 'nuair a chluinneas tu càinnt 'us fuaim aineolach an as-creidimh. Faodaidh tu gach argumaid, a chluinnear 'n a bhéul, a fhreagairt agus a chur 'n a tosd, no mur téid agad air sin a dheanamh, dean a saltairt fo do chasan gun dàil. Tiugainn, tiugainn, O m'anam! na seas idir ag amharc air an uaigh sin, a' tionndadh nan cnàmhan tioram sin, no idir a' léughadh do leasain anis anns an duslach; oir is goirid gus an dubhar amach na litrichean sin. Ach tog suas do cheànn gu h-àrd, amhairc anis gu nèamh, agus faic d'ainm ann an litrichibh dir, 'sgriobhta o tboiseach an t-saoghail ann an leabhar beatha an Uain a chaideh 'mharbhadh.'

" Ciod a theireadh tu na'n tigeadh aingeal a dh-ìnn-seadh dhuitanis, gu'm bheil àit-còmhnuidh air' ullachadh dbuit air nèamh, agus gur leats' è gu bràth gun teagamh air-bith, nach b'aoibhneach leat an teachdaireachd sin? Agus an cuir thu suarach focal a' gheallaidh a thugadh dhuit leis an Spiorad, agus eadhon le Mac Dhé fein? Abair anis gu'm faca tu carbad teine a' teachd anuas o nèamh a chum thus' a thogail suas ànn, mar thogadh suas Eliah, nach b'aoibhneach leat sin? Ach nach 'eil thu air do dbeanamh làn-chìnnteach le do Thighearn, gu'n robh anam Lasuruis air a ghiùlain le cuideachd ainglean gu uchd Abrahaim, ls è sin ri radh, gu onoir 'us glòir nèimh? Nach aighreach a chithear am misgeadair ameasg nan cuach rapach, agns nach sùnnach a shluig-eas an geòcair a ghreim reamhar, làn, agus carson nach bithinn-sa aighreach, sùnnach aoibhneach, ait 'us mì

air mo rathad dìreach gu nèamh? An taitneach leam biadh 'us deoch, 'nuair a bhitheas acras agus tart òrm? an taitneach leam imeachd air sràidibh breagha, ann an liosaibh òrdail, grìnn, agus còmhnuidh a ghabhail ann an tigh goireasach? An taitueach nithe böidheach do mo sbùilean, an taitneach ceòl binn do mo chluasan, agus am mol mì fàile cùbhraidi? agus nach gabh mì tlachd 'us taitneas ann an smuaineachadh roimh-làimh air sonas nèamhaidh?

"Faigheam mo làithean a chaitheamh, a' cruinneachadh eòlais gu milis, toilichte ameasg mo chuid leabhraillean, an sin, theirinn soraidh leat a shaoghail, agus ghabhainn truas ris na daoine mòra, saoibhir sin do nach aithne an sonas so. Ach cia mòr mo shonas air nèamh, far am bi m'eòlas iomlan! Thàinig bànn-rìgh Shéba bho àitibh iomallach na talmhainn a dh-éisdeachd ri gliocas Sholaimh, agus a dh-fhaicinn a ghlòire, ach cia suilbhir bu chòir dhomh-sa nis a dhol o'n talamh gu nèamh a dh-fhaicinn glòir an Rìgh shiòrruidh, agus a mhealtuinn a' ghliocais a's àirde; oir ann an coimeas ri sin, is amadain 'us amhlairean na fir a's ionnsuichte air thalamh? Ciod na'n deanadh Dia àrd iompair dhòm thairis air an talamh uile: ciod na'm b'urrainn mì beànntau atharrachadh, éucailean a shlànachadh le m'fhocal, no le bàrr mo mheòir, no deamhain a thilgeil amach, nach tigeadh dhomh aoibhneas a dhéanamh aon an cumhachd 's ann an onoir cho mòr sin? agus nach dean mì aoibhneas gu'm bheil m'ainm sgriobhta ann an nèamh?

"An so gabhaidh mì taitneas ann mo phàrantaidh agus ann mo chàirdean dileas, gaolach uile: nach bu taitneach leam iomairt mo ghràidh, 'nuair a leig mì ris è do mo charaid! Ach O! cia taitneach a bhi bed gu bràth ann an gràdh maireannach Dhé! 'Feuch, cia maith agus cia taitneach an ni do bhràithribh còmhnuidh a gabhail cuideachd ann an aonachd! Cia taitneach teaghlaich, fear-pòsda agus a bhean, pàrantan 'us clànn, maighstearan 'us seirbhisich 'fhaicinn bed agus a' deanamh gach nì d'a chéile ann an gràdh! cia taitneach bailc 'fhaicinn bed ann an gràdh, gun fhàrmad, gun trod, gun chònsachadh, gun

chòmhstri, gun aimhreit, eas-aontachd, no roinn, ach gach neach a' gràdhachadh a eòimhearsnaich mar e-féin, gach aon ag iarraidh tuilleadh 'us tuilleadh a dheanamh airson aoin eile, agus a'stri cò a's mo gràdh do mhuinnitir eile ; cia sona, cia taitneach an sealladh sin ! O, matà, cia sona seach sin an teaghlaich a bhitheas air nèamlì, agus luchd-àiteachaidh sìtheil na h-Ierusalem Nuaidh, far nach 'eil roinn, no eas-aonachd, no mì-run, no fuath, no càirdeas cealgach, no aon fhocal mì-chaoimhneil, no sealladh, no smuain feargach, ach na h-uile 'n an aon ann an Criod, neach a's aon maille ris an Athair, agus na h-uile bed ann an gràdh an Ti a's gràdh féin ! An sin, cha mhò beatha na gràdh an anama. Cia fagus an sin a bhitheas m' anam do Dhia, 'nuair a ghràdhhaicheas mì è cho toileach, cho taitneach, cho làdir gun sgur ! Ah ! thus' a chridhe thruaigh, as-creidmhich, a smuainicheas air là, air obair agus air beatha cho nìor so, le aoibhneas cho beag, iosal, fànn ! Ach bitidh mo thoil-ìnntinn na's aoibhniche an déigh so !

" Cia taitneach dhomh-sa nis oibre mòra ach iosal sin a' chruthachaideh 'fhaicinn agus ionnsuchadh ! Nach maiseach an aitreabh an talamh so air am bheil mo chòmhnuidh an dràst ; an t-ùrlar air a sgeadachadh le luibhean, fliùraichean agus craobhan, agus air 'uisgeachadh le tobraichean agus aimhnichean, an iarmailt àrd os mo cheànn, air a sgaoileadh amach cho farsuing, iongantach, àillidh ! Nach lòn-mhor iongantas a chithear anns a' ghréin, anns a' ghealaich agus anns na réultairbh, anns na cuantaibh agus anns na gaothaibh ! Nach mòr, iongantach an tigh sin a dh'ullaich Dia airson chréutairean truaillidh, airson anamanan ceangailte ann am priosan ; iomadh mìle iongantas air am buileachadh air a naimhdean ! Ach O ! cia mòr an tigh-còmhnuidh àrd sin a dheasaich è airson a shluagh féin,—a chlànn ionmuinn, ghràdhach féin ! Cia mòr glòir na h-Ierusalem Nuaidh seach glòir nan uile chréutairean a chithear an diugh ! Eirich, matà, O m' anam, tog suas do smuaintean, bitheadh do smuaintean air a' ghlòir sin ! smuainich cia mòr, cia àrd, cia taitneach glòir nèimh seach dìrdhearcas na talmhainn ! Na bitheadh eagal ort

a dhol amach ás a' chorp so, agus amach ás an t-saoghal so; oir is beannaichte d'imrich, is beannaichte d'ath-arrachadh; ach abair mar thuirt aon roimhe aig uair a bhàis, 'Tha mì nis aoibhneach, léumaidh mì le aoibh-neas; oir thàinig m'uair, an uair air am faic mì IEHOBHAN uile-chumhachdach aghaidh ri aghaidh; roimhe so chunnaic mi le tlachd a mhòrachd ann an obair a làmhan, mhol mì a mhaiteas, dh'iar 'us mhiann-aich mì è gu dìan tre chreidimh, agus anis bithidh mì maille ris ann an glöir!'

"Nach iongantach fös iomadh obair an fhreasdail! Cia taitneach an Dia mòr 'fhaicinn a' gabhail càraim de na naoimh—beagan chréutairean iriosal—luchd-ùrnuigh air an cur suarach leis an t-saoghal, ach air an teàrnadh agus air an àrdachadh le Dia! Nach taitneach dhomh cuimhneachadh air na tròcairean milis, mais-each, àraid a nochd è dhomh-féin ann an cuairt mo bheatha! Nach tric a dh'éisd è ri m'ùrnuigh, a chruinn-ich è mo dheòir, agus a dh'fhuasgail è m'anam o thrioblaid! Nach tric a thubhairt mo Thighearn rium, 'Biodh deadh mhisneachd agad!' Nach mòr an neart dhomh gach fiosrachadh dhiubh sin, nach soilleir gach dearbhadh dhiubh sin air gràdh m'Athar, do mo chridhe fìamhaidh, mì-chreideach! Ach O! cia beannaichte an là sin air am faigh mì gach uile thròcair, tròcair iomlan agus làn mhealtuinn Dhé na tròcair! Air an là sin seasaidh mì air an tràigh mhòir, a' sealltuinn air m'ais air na fairgibh fiadhaich, atmhor, buaireasach tre 'n tainig mì gu sàbhailt; air an là sin seallaидh mì air m'ais air gach pìan 'us bròn, air gach eagal 'us déur, 'us mì nis a' mealtuinn na gloire sin 'bu chrioch dhoibh sid uile! O na'n robh aon bhoinne de chreidimh bed agam maille ris na sinuaintibh sin, cia nèamhaidh an cridhe 'bhith-eadh agam 's an taobh-stigh dhòm! Ach is miannach leam a ràdh, 'A ta mì 'creidsinn, a Thighearna; cuidich thusa le mo mhì-chreidimh.'

"Cia milis, O m'anam, òrduinighean an t-soisgeil dhuit! Nach bu taitneach ùrnuigh, moladh agus searimonach-adh nèamhaidh, agus cuideachd nan naomh dhuit, a' faicinn an 'Tighearn' a' cur ris an eaglais an dream a thèaruinear!" Ach cha n-urrainn mo chridhe nis

ruigheachd air an aoibhneas sin a bhitheas agam, 'nuair a chì mì an eaglais fhoirfichte air nèamh, agus a ghabhar astigh mì do'n teampull nèamhaидh, a mholadh an Tighearna gu bràth maille ri armaitibh nèimh. Bu mhìlse le Iob focal an Tighearna na biadh a bhedil; bu mhìlse le Daibhidh è na eadhon a' mhil agus a' chìrmheala; b'àrd aoibhneas agus gairdeachas è do chridhe Ieremiah; ach cia beannaichte an là sin air an dean sinn làn aoibhneas ann an Tighearn an t-saoghail so, gun fhéum tuilleadh air àithn, no air gealladh sgriobhte, no idir air leabhar a léughadh; oir chì sinn na h-uile nithe ann an gnùis ghìormhoir Dhé! 'Ghabh' an sluagh, a chuala Criod a' labhairt air an talamh, 'iongantas ri 'ghliocas agus ri 'fhreagraibh, agus ris na briathraibh gràsmhor a thàinig amach ás a bhéul;' ach cia mòr an t-iongantas a bhuaileas mise, 'nuair a chì mì a mhòdrachd gu làn shoilleir!

"An toir sùil ris a' ghloir so air muinntir eile fàilt a chur air anshocair a' chruinn-chéusaيدh agus fuasgladh a dhiùltadh, agus nach toir dòchas na glòire òrm-sa giùlain car tamuill gu suilbhir le trioblaidibh beaga? An dean sùil ri glòir na lasraichean milis do na martarach dhiadhaيدh, agus nach dean an dòchas céudna mo bheatha, no mo thinneas, no mo bhàs nàdurrach, milis dhòmh-sa? Nach ànn 's an aon bhaile nèamhaيدh a bhitheas iadsan agus mise beò? Nach ionann Dia agus Criod agus crùn 'us glòir dhòmh-sa agus dhoibh-san? Carson, matà, a gheibhear mo shùil cho dorch, mo chridhe cho marbh, mo ghnùis fo sprochd? Nach d'fhuair mì cheana roimh-bhlàs beag air a' ghìdir ud, agus cia taitneach è seach na h-uile nithe talmhaيدh, ach O! cia taitneach a gheibh mì mo shonas iomlan air nèamh!

"Cia maiseach gràsan an Spioraid, ged nach ruigear orra an so ach ann an tomhas neo-iomlan! Ach is beag iad sin ann an coimeas ris an staid iomlain gus an àrdaichead m'anam an déigh mo bhàis! Nach bu shona mo bheatha air thalamh na'm urrainn mì Dia a ghràdhachadh cho mòr 's a b'áill leam; na'm bu ghràdh mì uile, a' gràdhachadh do ghnàth! O m'anam! ciod nach tugadh tu airson a leithid de bheatha? O nach

robh agam eòlas air Dia agus air 'fhocal, cho mòr 's a tha mì nis a' mìannachadh ! O nach mis' a b'urrainn earbsa làn a chur ann an Dia air uair gach téinn, 'g a leantuinn cho beò-dhùrrachdach 's a chuireas mì mo làmh ri dleasanais air-bith, 'g a mhìannachadh an còmhnuidh, mar thaitneas milis m'anama ; an sin cha ghabhainn farmad ri toil-ìnn-tinn, onoir, no glòir an t-saoghal. Ach, O m'anam ! is goirid gus am bi thusa ann an staid uile bheannaichte anns am faigh thu sòlas fada nan cùan na's mò na 's urrainn thu iarrайдh anis, ag oibreachadh d'uile bhuaidhean naomh le àrd aoibhneas 'an dlùth làthair Dhé séin, 'g a fhaicinn gu soilleir, agus cha n-ānn gu dorch, fada naith, mar tha thu an dràst !

" Nach òirdheirc Eaglais Chriosd an diugh seach aon anam gràsmhor air-bith, ged is iomadh peacadh, àmh-ghar, 'us géur-leanmhuinn fo 'm bheil i nis a' fulang ? Ach cia glan an Eaglais, 'nuair a làn-chruinnichear agus a làn-ghlòrraichear ; 'nuair a dh-éireas i suas o 'ghleànn nan déur' gu 'Sliabh Shioin ;' 'nuair nach peacaich agus nach fuilig i ni's mò ! Is dorchadas agus mi-dhreach glòir na seànn Icrusaleim ann an coimeas ri glòir na h-Ierusalem Nuaidh. An sin togaidh sinn iolach àrd, aoibhneach, ait a' faicinn cho glòrmhor 's a tha ar teampull nèamhaidh, 's a' cuimhneachadh cho bochd, suarach 's a bha 'n eaglais air thalamh !

" Ach, mo chreach ! cia mòr mo sheachran 'us mo chàll ameasg mo smuaineachaidh. Shaoil leam fad na h-ùine so gu'n robh mo chridhe bochd a' dol leam, ach tha mì 'faicinn nach robh c. Is beag beatha 'gheibhearr ann an smuaintibh 's ann am briathraibh falamh a dh-easbhuidh aignidhean. (Faic CAIB. XIV.—EAR. II.) Cha n-fhaigh Dia, no mi-fcín taitneas ànta. Càit an robh thus', a chridhe neo-airidh, fhad 's a bha mis' a' fosgladh nan ionmhas sìorruidh ud dhuit ? Nach 'eil làir ort anis á do ghearan air easbhuidh sòlais, agus á do thalach air Dia airson do lionadh le bròn, an déagh dhà gu diomhain taitneas ainglean a thairgse dhuit ? Carson nach do lean thu mis' anis gu cùramach, dlùth, agus gheibhleadh tu d'ath-bheothachadh, léumadh tu le

aoibhneas, agus dhì-chuimhnicheadh tu do phian 'us do bhròn. Nach beag a shaoil leam gu'n' robh mo chridhe cho leisg air gàirdeachas a dheanamh ?

" Ach, a Thighearna, dh'ullaich thusa làn aoibhneas dhomh air nèamh. Air an aobhar sin, cuidich leam gu bhi gach uair 'g a ìarraidh gus am faigh mì è ; agus meudaich mo mhiann 'us m'fhadachd 'n a dhéigh, 'nuair nach urrainn mì gàirdeachas a dheanamh, mar a b'àill leam. O m'anam ! is aithne dhuit, tre bhuillibh do bhròin, nach d'ràinig thu d'fhois fathast. Cuin a ruigeas mì an caladh ciùin, sàbhailt sin anns nach 'eil stoirm, no gaoth, no tònn, no cunnart ? an t-àit anns nach bi mì sgìth gu bràth, agus anns nach bi agam là no oidhche gun fhois ! An sin, cha bhi mo bheatha air a measgachadh le dòchas agus eagal, le aoibhneas agus bròn, agus cha bhi m'fhedil agus mo spiorad a' cogadh ri'chéile 's an taobh-stigh dhòm ; cha bhi còmhrag gun sgur eadar creidimh agus mi-chreidimh, eadar irioslachd agus uabhar. Hò ! cuin a gheibh mì thairis air gach eagal, gach cùram 'us doilgheas a tha nis ciùrradh m'anama ? Cuin a gheibh mì mach ás an fhedil so, a tha nis a'milleadh, a'mealladh agus a' ribeadh m'anama ? Cuiu a thréigeas mì an corp truaillidh so, an saoghal dlonihain, dràghail, buaireasach so ? Och 'us Och ! féumar fantuinn agus eaglais 'us aobhar Chriosd 'fhaicinn air an luasgadh le cònspoid dhaoine, air an deanamh 'n an seirbhisich mharsantachd le daoine chum am buannachd thìmeil féin a mheudachadh, no air am maslachadh le barailibh mealltach, faoin ! Aoh cha n-eil aon srad de'n aimhreit sin anns an 'Ierusalem nèamhaidh.' An sin gheibh mì spioradan foirfichte nan naomh a'còrdadh gu h-aon-inntinneach, dileas, réidh, agus le làn ùmhachd a' moladh an Rìgh shiòruidh. O cia mòr a b'fheàrr dhomh a bhi a'm' 'dhorsair' an sin, seach a bhi a'm' àrd uachdar an t-saoghal bhuaireasach so uile ! Cuime nach 'eil mì na's sgìthe de'n sgìos so ? Carson a tha mì cho ro thric a' dì-chuimhneachadh m'àite-tàimh ?

" Suas, matà, O m'anam, tog suas do mhiann gu bed-dhùrrachdach ! Na fuirich idir gus am miannaich an fhedil so 'dhol suas leat. Na bitheadh idir dùil agad

gu'n tuig cail na feòla cò è sin do chuspair beannaichte, no gu'n innis i dhuit ciod a's feàrr dhuit a mhiannachadh. Nach marbh do mhiann an déigh fois? Nach 'eil thu air do choireachadh le mi-thaingealachd 'us amaideachd ghràineil do nàduir? Nach daor an luach a phàidh Criosd airson d'fhois', agus nach cuir thusa tuilleadh meas oirre? Nach deachaидh è suas romhad a dh-ullachadh aite-còmhnuidh glilòrmhoir air do shon, a thruaghain! agus an leisg leats' a dhol a ghabhail còmhnuidh ànn? Nach 'eil Tighearn na glòire nis ag iarraidh do chuideachd-sa, agus nach iarr thus' a chuideachd-san? Am féumar an talamh a dheanamh mar ifrinn féin dhuit, mu'm fàs thu toileach dealachadh ris, agus còmhnuidh a ghabhail maille ri Dia?

"O m'anam! amhaire air a' chréutair a's àillidh, no air an staid a's taitniche, agus innis dhomh càit am b'aill leat a bhith, ach maille ri Dia? Is éire thröm bochduinn; is ribe saoibhreas; is mì-thaitneach easlaint; is neo-chìnnteach slàint; 'bruthaidh' an saoghal coimheach 'do shàil;' gonaidh an saoghal miedalach, fiamh-ghàireach thu gu do chridhe. Mar a's mo dh-iarrar's a ghràdhaishear an saoghal leat, is ànn a's mò dh-fhàsas do chron agus do chunnart; agus mur faodar an saoghal a ghràdhachadh, carson a dh-iarramaid è? Ma mholar thu, gu tric is plàigh dhuit oiteag a' mholaidh. Ma chùl-chàinear thu, no rra bhuinlear riut gu mì-chaoimhneil, an airidh gréidheadh mar sin air do ghràdh? Ma tha gach gnothach a' soirbheachadh leat gu pailt, agus ma's fheàrr leat do chàirdean diadbaidh na 'bhi beò maille ri Dia, is mithich do Dhia an toirt uait. Ma fhuair thu d'obair-ionnsuchaidh milis, nach d'fhuair thu searbh i mar-an-céudna? Ciod is fhìach na nithe sin a's feàrr a chithear no 'gheibhearr ann an cuairt ghoirid na beatha so ann an coimeas ri co-chomunn sìorruidh ri Dia na fìrinne? Bu taitneas do chàirdean dhuit; ach nach bu dràgh 'us bròn dhuit iad cuideachd? Tha iad bàigheil, ach nach 'eil iad peacach cuideachd? Tha iad caoimhneil, ach nach aithghearr a ghabhas iad fearg? Tha iad iriosal, ach mo chreach! cia àrdanach iad cuideachd! Is milis an deadh-ghean agus is féumal an tabhartas; ach nach searbh an truaillidheachd, nach

cronail an gaoidean? Agus an duilich leat am fàgail agus a dhol a dh-ionnsuidh do Dhia?

“O m’ anam! seall suas os-ceànn an t-saoghal so—saoghal nan iomadh bròn! Thus’ a bha cho fada air do bhualadh le slait ghoirt na trioblaid, nach do thuig thu fathast na’s feàrr ciod a tha na buillean sin a’ cìallachadh? Nach b’i crioch gach buille do għreasad air falbh à so? Nach ’eil a guth, mar an guth a thubhairt ri Eliah, ‘Ciod è do ghnothuch an so?’ Nach ’eil do Thighearn ag innseadh dhuit ‘Anns an t-saoghal bithidh àmhgar agaibh,’ ach ‘annam-sa bithidh sìth agaibh?’ Ah! mo Thighearn gràdhach, is mis’ a tha nis a’ mothachadh brigh d’fhocail; tha è sgriobhte ‘n am’ fħedil agus geàrrte air mo chnàmhan. Tha thus’ ag iarraidih mo chridhe; do shlat a’ greasad; còrd mìn, blàth do għraidih a’ tarruing; agus sin uile chum mis’ a thoirt h-ugad-féin. Ach, a Thighearna, an fhiach dhuit eridhe cho neo-airidh a għabbail? Dean airidh è, agus is leat è. Gabh h-ugad-féin è, agus gabh mise leis. Gluaisidh an clōdan so, ach cha n-éirich è suas, gus am beothaichear è. Mar naoidhean lag ann an uchd a mhàthar, seallaidh è suas riut, a’ sìneadh amach a làmhan agus a’ miannachadh gu’n togadh tusa suas è. Ged nach urrainn mis’ a ràdh, ‘Tha m’anam a’ miannachadh le déigh ort;’ gidheadh is urrainn mì ràdh, Is è mo mħiann eridhe glan air a lionadh le déigh ort. ‘Is togarach an spiorad, ach is anmhuinn an fħedil.’ Eiġidh ino spiorad, ‘Thigeadh do rioghachd,’ no thigeam-sa gù do rioghachd, ach tha eagħal air an fħedil gu’n eisd thu ri m’ürnuigh agus gu’n gabħ thu mì air m’fħocal. O gu-ma beanaichte do għräs a bheir air mo thruaillidheachd i-féin a inharbhadh, oir is eagħal dhoinh m’eagħlan, agus is bròn dhomh mo bhròn, agus is fhada leam gus am meudaichear mo mħiann, agus mar sin tha mì air mosħarrachadh le lughad mo mħiann, agus tha sin a’ meudachadh mo sgios, agus a’ toirt òrm a ràdh le osnaich, Hò! b’fheàrr gu’n roħb mì aig m’fhois.

“Gu dearbh, a Thighearna, tha m’anam ann an cruaidh chàs, air a ‘theannachadh,’ agus cha n-aithne dhomh ciod a’s feàrr dhomh iarraidih; ach is aithne

dhuit-sa ciod a's feàrr a thabhairt dhomh. Is è 'siubhal agus a bhi maille ri Criosd a's ro fheàrr.' Ach chithear 'fèumail fantuinn 's an fheadil.' Tha fios agad nach 'eil mì idir sgìth dhe d'obair, ach tha mì sgìth peacaидh agus bròin. Tha mì toileach fantuinn fhad 's a bheir thus' obair dhomh an so, agus gach obair a thug thu dhomh a dheanamh gun dàil; ach, guidheam ort, na fàg an so mì na's thaide, an déigh do'n obair sin a bhi seachad; agus fhad 's a dh-fhéumas mì fantuinn an so, bitheam a' dol am feothas, agus a' dìreadh suas. Dean mise na's feàrr agus tog leat mì, 'nuair is feàrr mì. Cha dàna dhomh a bhi mì-fhoighidneach agus iarraidh ort mo làithean a ghearradh ás; agus mo thrusadh air falbh 'us mì neo-ullamh; ni mò a b' àill leam fantuinn an déigh do m'obair a bhi deante, a' peacachadh an so, 'nuair a tha mo bhràithrean a' deanamh àrd ghàirdeachais air nèamh. An durrag bhochd so air a bruthadh, 'nuair a tha na réultan ud a' dealradh ann an iarmait na glòire. Ach fathast is mise do leanabh-sa cho maith riutha-san: is è Criosd mo Cheànn-sa cho maith ri 'n Ceànn-san; carson, inatà, 'tha astar cho inòr eadar-ainn?' Ach is cothromach do shlighean-sa: is clànn sinne gu léir, ach is mis' an struidhear airidh air m'ait anns an tìr a ta fada uait gu bhi beò air 'na plaoisg,' 'nuair tha iadsan 'a ghnàth maille riut,' agus a' meal-tuinn do ghlòire. Bha iadsan aon uair mar tba mis' anis agus is goirid gus am bi mise mar tha iad-féin anis. B'nosal an staid mu'n d'ràinig iad an staid a's airde. Is goirt a dh'fhuilic iad mu'n robh iad air an deanamh 'n an rìghrean. 'Thàinig iad á h-àmhghar mòr' ach tha iad anis 'an làthair rìgh-chaithreach Dhé;' agus nach bi mise toilichte teachd a dh-ionnsuidh do chrùin-sa mar thàinig iadsan, agus 'dl de 'n cupan-san' mu'n 'suidh mì sìos maille riutha anns an rìoghachd?'

"Anis, a Thighearna, tha mise toileach feitheamh ri d'uair, agus falbh air do shligh, mar sin àrdaichidh tu mise fòs air d'àm maith féin; agus bheir thu mì a dh-ionnsuidh do shabhail, 'nuair a chì thu abuich mì. An diugh miannaichidh mì, ach cha ghearin mì; creididh agus iarraidh mì, ach cha dean mì cabhag pheacach. Is àill-leam feitheamh riut, ach cha n-àill

leam idir thus' a chàll ; agus an uair a chì thusa mì ro thoilichte 'dh-easbhuidh do làthaireachd, an sin beothaich mo mhiann fànn, agus séid suas sradag fhuar mo ghràidh ; agus na fag mì, gus an urrainn mì eigeachd amach le fìrinn, ' Mar thogras am fiadh chum nan sruth uisge, mar sin tha m'anam a' togairt a'd' ionnsuidh-sa, a Dhé. Tha tart air m'anam chum Dhé, chum an Dé bheò : c'uin a thig mi agus a nochdar mi am fianuis Dhé ? Tha mo chaithe-beatha air nèamh, an t-ionad ás am bheil dùil agam ris an t-Shlànuighear. Tha in' aignidhean suidhichte air na nithibh a ta shuas, far am bheil Criod 'n a shuidhe, agus anns am bheil mo bheatha folaithe. Gluaisidh mì aréir creidimh, agus cha-n ànn aréir seallaidh ; a' ròghnachadh a bhi air choigrich (air falbh) ás a' choluinn, agus a bhi làth-air maille ris an Tighearn.'

" Ciod an tlachd a tha aig an t-saoghal bhochd so aniam-sa ? agus ciod an ni àillidh a gheibhear ànn gu mo ghràdh a mhealladh air falbh o mo Dhia, no gu mi féin a dheanamh mì-thoileach falbh ás ? Thar leam, an uair a smuainicheas mì air an t-saoghal so gu cùramach, gur 'fàsach ulartaich' è, agus gur uile-bheistean fiadhaich mòran de 'luchd-àiteachaidh. Is duaichnidh leam a mhaise gu léir, agus bàthaidh mì gach sògh a gheibhear ànn le déòir bheag an aithreachais, no sgiotaidh mì air falbh è le anail m'osnaich. Hò ! na ceadaich do'n fheòil so m'anam a mhealladh gus a' bheatha bhochd, sgìth so a ròghnachadh air thoiseach air an àrd aoibhneas a ta timchioll do rìgh-chaithreach ! Agus ged nach 'eil am bàs féin taitneach do chàil mo nàduir, gidheadh deanadh do ghràs féin do ghlòir cho soilleir, taitneach dhomh, ionnus gu'm bi eadhon 'rìgh nan uamhas' 'n a theachdair aoibhneis dhomh. Na bitheadh m'anam air a thilgeil amach le ainneart. na cailleadh è idir a thigh-còmhnuidh buan an aghaidh a thoile ; ach tarruing è h-ugad-féin le cumhachd diomh-air do ghràidh, mar tharruingeas grìan-theas an earr-aich crètairean snàigeach amach á cùiltibh fuar, dorch a' gheamhraidh : coinnich è air leth na slighe, agus talaidh h-ugad-féin è, inar tharruingeas a' chlach-iùil an t-iarunn, agus mar tharruingeas an lasair mhòr

an lasair bheag! Sgiot, matà, na neòil sin a ta nis a folach do ghràidh uam; no tog air falbh na 'lannan' nach leig le mo shùil do ghnùis 'fhaicinn; oir cha n-urainn ni sam-bith eile, ach na gathan soluis a thig o do ghnùis féin, agus roimh-bhlàs air do shlàint mhòir, a thoirt air m'anam a ràdh le firinn, 'Anis leig do d'sheirbhiseach siubhal 'an sìth.'

"Ach, a Thighearna, cha leòr idir do thròcairean cumanta an so. Is obair mhòr i so, agus an lorg sin féumaidh i cuideachadh mòr 'fhaotuinn. O tionndaidh gach eagal dhiubh sin gu miann làdir, agus eagal bàsachadh gu làn mhìann an déigh ort-féin! Fhad's a bhitheas mi air falbh uait, bitheadh m'anam ag osnaich cho dian, 's a bhitheas mo chorp ann an easlaint! Ma tha tuilleadh àine agam ri chaitheamh air thalamh, ceadaich dhomh a bhi beò annad-féin, mar aon amach ás an t-saoghal, mar bha mi air uairibh beò ás d'eas-bhuidh anns an t-saoghal! Fhad's a bhitheas smuain agam gu smuaineachadh, na dì-chuimhnicheam thusa; no teangaidh a ghluaiseas, labhradh i ort-sa le taitneas, no deò-anail a shéideas, plosgadh i an déigh ort-sa; no glùin a lùbas, lùbadh i gach là dhuit-sa; agus an uair a ghlaisear mi air leabaidh na h-easlainte, 'ni thusa mo leabaidh dhomh, cùnntaidh tu àireamh mo phìantan, agus cuiridh tu mo dhèdir ann do shearraig féin.'

"Mhiannaich m'fheòil nithe a bha fuathach, gràineil le m'anam, ach anis miannaicheadh m'anam an là sin is fuathach le m'fheòil. Bitheadh aoibhneas air m'anam a' feitheamh gu falbh, na's mò na bròn mo chàirdean, 'nuair a thig uair an dealachaidh! An sin 'faigheam-sa bàs an fhìrein, agus bitheadh mo chrìoch dheireannach cosmhuil r'a chìch-san,' eadhon mo thogail a dh-ionnsuidh na glòire sin air nach tig crìoch gu bràth! An sin giùlaineadh cuideachd ainglean m'anam gu spioradaibh nam fìrean foirfichte agus leanam mo chàirdean a fhuair bàs romham 'ann an Criod,' agus an uair a bhitheas mo chàirdean, a dh-fhàgas mi a'm' dhéigh, brònach agus a' guil os-ceànn m'uaighe, gabhadh mo spiorad tàmh ann am fois maille riuts', a Thighearna! agus an uair a bhitheas mo chorp a' grodadh anns an dorch, bitheadh m'anam ann an 'oighreachd nan naomh

's an t-solis l' O Thus a ta nis ag àireamh fhuiltein mo chinn, gabh àireamh nan uile làithean a laidheas mo chorp anns an duslach ; agus Thus' a 'sgriobhas sìos mo bhuill ann do leabhar,' cum cùntas air mo chnàmh-an sgiotach !

"O mo Shlànuigheir, greas air là do theachd arìst : cuir amach d'ainglean, agus séideadh an trompaid uamhasach, aoibhneach sin ! Na cuir dàil ann do theachd, air eagal gu'n càill na daoine bed an dòchas : na cuir dàil, air eagal gu'm fàs an talamh mar ifrinn, agus gu'm brisear d'eaglais gu duslach le roinnibh truagh : na cuir dàil, air eagal gu'm faigh do naimhdean fàth an aghaidh do thréud, agus air eagal gu'm buadh-aich uabhar, cealgairreachd, feòlmhorachd agus mi-chreidimh an aghaidh d'iarmaid bhig, agus gu'n roinn iad d'oighreachd uile 'n am measg féin, agus an uair a thig thusa, nach fhaigh thu creidimh air an talamh ; na cuir dàil, air eagal gu'n dean an uaigh uaill ás a buaidh, agus air dhì ceannaire ionnsuchadh o làimh a h-aoidh, gu'n diùlt i do chuid dhligheach féin a thabhairt suas dhuit ! O greas air là mòr sin na h-aiseirigh, 'nuair a bheir Thu-féin àithn a dhol amach, agus nach fhaighear aon air-bith a' diùltadh d'òrduigh ! 'nuair a 'bheir an fhairge agus an talamh suas am prìosanaich, agus a dhùisgeas na h-uile a ta 'n an eadal anns an uaigh, agus a dh-éireas na mairbh ann an Criosd air tìs ; 'nuair a thig an siol, a chuirear anis truaillidh, amach neo-thruaillidh ! 'nuair a bheir na h-uaighean. anns nach robh ach grodadh 'us duslach, suas réultan 'us grìana glòrmhor ! Is dàna dhòmh-sa matà, mo chairbh a shìneadh sìos anns an duslach 'g a h-earbse, cha n-ànn ris an uaigh, ach riuts', a Thighearna ; agus uime sin gabhaidh m'fheòil fois ann au dòchas, gus an tog thus' i suas a mhealtuinn na foise sìorruidh. Pill, O Thighearna, cia fhad ? O thigeadh do rioghachd ! Tha do bhean-nuadh-phòsda chìanail ag ràdh, Thig loir tha do spiorad féin 's an thaobh-stigh dhì ag ràdh, Thig ; agus 'g a teagast mar so gu ùrnuigh a dheanamh 'le osnaibh do-labhairt !' Seadh, tha 'n cruthachadh uile ag ràdh, Thig ; 'a' feitheamh gu bhi air a shaoradh o dhaorsa na truaillidheachd, gu saorsa

ghlòrmhoir cloinne Dhé.' Thubhairt Thu-féin, 'Gu deimhin a ta mi a' teachd 'an aithghearr. Amen. Seadh, thig, a Thighearn' Iosa!'"

AN COMH-DHUNADH.

Mar sin, a léughadair, thug mise dhuit mo chomhairle—a' chomhairle 'b'fheàrr a bha agam—a chun do threòrachadh gu caithe-beatha nèamhaidh a dhlu-lean-tuinn. Mur urrainn thu meòrachadh mar sid, gu dòigheil, làn air aon àm, dean è mar is urrainn thu; ach bi cìnnteach gu'n dean thu è gu stòlda, dùrachdach, bidheanta. Fàs eòlach air an obair nèamhaidh so, agus, aréir do thomhas edlais air an obair so, bithidh d'eòlas air Dia. Bithidh do ghàirdeachas spioradail, comasach, maireannach, ma's è Dia cuspair do ghàird-eachais, no ma's beannaichte cuspair do ghàirdeachas, bi cìnnteach gur beannaichte fòs do ghàirdeachas; agus bithidh sòlas agad rè do bheatha, agus air uair do bhàis 'nuair nach bi agad saoibhreas, no slàint, no taitneas air-bith 's an t-saoghal so, no cuideachadh air-bith o charaid, o mhiniestar, no bho leabhar; seadh, an uair a bhitheas na h-uile nithe air an àicheadh dhuit, no air an gearradh uait, faodaidh tu sòlas làidir, làn, cìnnteach a bhi agad. Bithidh do ghràsan cumhachdach, beothail, buadhach; agus is neart dhuit gach aon là an t-aoibhneas a tharruingear o nèamh le meòrachadh. Bithidh tu mar neach a' seasamh air mullach beinne 'ta glé àrd, agus a' sealltuinn sìos air an t-saoghal, mar gu'm bitheadh è uile fodha; chithear leis achaidhean 'us coilltean 'us bailtean mòra amhàin mar chaim-einibh. Is suarach leat na h-uile nithe tìmeil a chithear shìos an so. Cha mhò leat na priounsachan a's àirde staid na fionnain-fhèòdir. Chì thu an saoghal cablagach-buaireasach, conasach, sanntach, cho beag, suarach ri tòrr sheangan. Cha n-eagal leat maoidheadh dhaoine; cha bhi thu air do mhealladh, no air do bhuaireadh le onoir an t-saoghail; cha bhi cumhachd crònail, no neart aig mealltaireachd a' pheacaidh thairis ort; agus cha bhi àmhghar anis cho goirt duit, oir chàill àmhghar 'us bròn an gath de do thaobh-sa. Is ñnn anis a chì 's

a dh-aithnicheas tu gach tròcair na's feàrr na rinn thu riamh. Is ànn anis a 'chì 's a bhlaiseas tu gur maith 's gur milis Dia.' Is ànn anis a chì thu fo làimh Dhé, co dhiubh a tha no nach 'eil thu gu glie a' ròghnachadh na beatha beannaichte so, agus co dhiubh a bhitheas, no nach bi mo shaothair-sa air do shon, tarbhach no càillte dhuit. Ma bhitheas i càillte tre do leisg-sa, is tus' a chailleas, agus a's mò gu mor do chàll-sa na mo chàll-sa anns a' chùis so. O dhuine! cò air is còir dhuit smuaineachadh ach air Dia agus nèamh? Nach 'eil thu cheana gu ire bhig amach ás an t-saoghal so. Nach fhaic thu gach là anam an so 's an sid air a ghairm amach ás a' chorp, le aon ghalar no le galar eile, agus nach fhaod do ghairm-sa 'bhi nis faisg ort? Nach 'eil an uaigh 's a béal fosgait' a' feitheamh gu do shlugadh sìos? Nach dean durragan bréun na h-ùire cuilm dhoibh-féin air do cheànn 's air do chridhe? Ma bhuaileas do chuisle beagan uairean fatbast, ma tharruingeas tu d'anail beagan ùine na's fhaide mu'n tarruing thu an deò mu-dheireadh; ma gheibh thu beagan cadail fathast ann an tìr nam bed, mu'n caidil thu anns an duslach! Och, nach goirid an dàil sin an uair a théid i seachad! Nach beag nach 'eil do mhionaidean seachad cheana! Nach goirid gus am faic thu do ghloine air ruith amach,—do mhionaid dheireannach air ruith,—agus gus an abair thu riut-féin, "Och dh'f halbh mo bheatha! Dh'f halbh mo là! Cha till è tuilleadh! Cha n-eil romham anis ach nèamh no ifrinn!" Càit, matà, an tigeadh do d' chridhe 'bhith anis, ach air nèamh. Na'm b'aithne dhuit cia uamhasach an nì teagamh a bhi aig neach mu nèamh aig uair a bhàis, dhùisgeadh sin suas thu. Agus ciod eile ach dubh theagamh a gheibhear aig an duine sin nach do smuainich riamh roimhe gu cùramach, cìnnteach, tric mu nèamh?

Faodaidh cuid a ràdh, "Cha n-fhiach dhuinn ùin 'us dràgh cho mòr a ghabhai lì ri smuaineachadh air meud an aoibhneis a ta shuas, a chum sinn-féin a dheanamh cìnnteach ás, tha fios againn gu'm bheil è mòr, agus faodaidh sinn 'fhaotuinn cho maith ri feedhain eile.'" Ach tha na daoine sin, a their sin, a' diùltadh ùmblachd

a thabhairt do àithn shoilleir Dhé, a ta nis ag ràdh bitheadh "bhur caithe-beatha air nèamh," agus "suidhichibh bhur n-aigne air na nithibh a ta shuas;" agus tha iad a' deanamh am beatha féin truagh le bhi 'diùltadh nan taitneas a dh'òrduich Dia dhoibh. Ach bu bheag sin mur bitheadh tuilleadh uile 'n a lorg : ach faic gach crón 'us aimhleas lìonmhòr, tròm eile a thig le dearmad air taitneasaibh a' mhèdrachaидh nèamhaidh ! Fuaraidh-idh, no bàthaidh an dearmad so gràdh Dhé ann an anam an duine, bheir è air nach gabh è taitneas ann an smuaineachadh, no ann an labhairt mu Dia, no ann an deanamh seirbhis dhà ; àraichidh è droch bheachd mu shlighibh agus mu òrduighean Dé ; ginidh è cridhe fedlmhor, sòghmhòr, a' fàgail an duine gun neart, gun sòlas fo chumhachd gach àmhghair 'us buairidh, 'g a ullachadh gu tuiteam air falbh gu léir gu céum dorch na h-ain-diadhachd, agus fòs 'g a lìonadh le uamhas am bàs a choinneachadh, agus le mì-thoil dealachadh ris an t-saoghal so. Oir cò a rachadh gu Dia, no gu àit anns nach 'eil tlachd aige ? Cò 'dh-fhàgadh taitneas na beatha so gu toileach mur bitheadh taitneas na's feàrr aige ann an àit air-bith eile ? Na'mi b'e mulad, eagal 'us bròn na céuman a bha air an cur romhad an so, bu réusanach dhuit an diùltadh. Ach féumaidh tu taitneas nèamhaidh 'fhaotuinn, no 'bhi gun taitneas maireannach idir. Is àill le Dia thus' a bhi 'gluasad gach là maille ris-féin, agus thu 'bhi gun sgur ag òl sòlais ás an tobar shìorruidh ; ach mur àill leat-sa, fuilid do chàll ; agus an uair a chì thu am bàs a' bualadh ort, iarr sòlas, ma gheibhearr è bho nì sam-bith eile ; agus faic an seas do shòlas fedlmhor dhuit air an là bhrònach sin. An sin cuinichnidh do choguis, ge b'oilean leat, gu'n deachaidh do chomhairleachadh gu tric gu sòlas fior dìrdheirc iarraidh,—sòlas a neartaicheadh tu gu làn air uair do bhàis, agus a mhaireadh dhuit tre àlaibh na bith-bhuantachd.

Sibhse nis aig am bheil bhur cridheachan air an togail suas de na nithibh a ta bhos an so, is è mo dhòchas gu'n cuir sibh mòr mheas air a' bheatha nèamhaidh so, agus gu'n coisich sibh, aon uair air gach là, 'dh-ionnsuidh na h-Ierusalem Nuaidh. Is è Dia bhur gràdh

agus bhur miann; bu bhuidhe leibh tuilleadh eòlais a bhi agaibh air hhur Slànuighear. Tha fios agam gur duilich leibh nach 'eil bhur cridheachan na's fhaisg' air; tha fios agam gur duilich leibh nach 'eil bhur gràdh dhà na's blàithe, agus bhur tlachd ànn na's mò. Hò! matà, cleachdaibh beatha mhilis a' mhèdrachaiddh so air bhur fois nèamhaidh. So anis a' bhéinn air am faod àirc thōnn-luaisgte bhur n-anamanan fois a ghabhail. Faiceadh an saoghal o bhur caithe-heatha nèamhaidh gu'm bheil rud-eigin na's mò na barailean 'us deasboir-eachd, no Iabhairt mu dbleasanasaibh an leth-muigh, ann bhur creidimh-se. Ma chithear an Criosduidh gu bràth 'n a choltas ceart féin, a' gluasad aréir nam fìrinnean a tha è 'creidsinn 's ag aideachadh, is ànn an uair a gheibhear è gu beothail, dìchiollach, dùrachdach ri dleasanas a' mhèdrachaiddh nèamhaidh.

Mar chaidh Maois suas, mu'n d'fhuair è bàs, gu sliabh Nèbo, a ghabhail seallaiddh air tir Chanàain; mar sin théid an Criosduidh suas gu sliabh a' mhèdrachaiddh, agus tre chreidimh, gabhaidd è sealladh air 'fhois. Beachdaichidh è air na h-àitihh-còmhnuidh glòrmhor, ag ràdh, "Innsear gu maith nithe glòrmhor ort-sa, a chaithir Dhé." Cluinnidh è, mar gu'm b'eadh, ceòl binn an luchd-ciùil nèamhaidh, agus their è, "Is sona an sluagh a tha 's an staid so: is sona an sluagh d'an Dia an Tighearn!" Amhaircidh è air an luchd-còmhnuidh ghlòraichte, a ta shuas, agus their è, "Is sona thu, O Israeil; cò 'tha cosmhuil riut, O shluagh a shaoradh leis an Tighearn, sgiath do chòmhnaidh, agus neach a's è claidheamh do mhòrachd!" 'Nuair a dh-amhairceas è air an Tighearn féin, glòir an t-sluaigne naoimh, cromaidh è sìos, maille ri càch, a dheanamh aoraidh dhà-san a tha bed gu saoghal nan saoghal, agus their è, "Is naomh, naomh, naomh an Tighearn Dia Uile-chumhachdach, a bha, agus a ta, agus a ta ri teachd! Is airidh thusa, a Thighearna, air glòir, agus urram, agus cumhachd 'fhaotuinn!" 'Nuair a dh-amhairceas è air an t-Slànuighear ghlòraichte, cuiridh è Amen ris an òran nuadhl sin, ag ràdh, "Moladh, agus urram, agus glòir, agus cumhachd gu'n robh dhà-san a ta 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu

saoghal nan saoghal : do bhrìgh gu'n do mharbhadh thu, agus gu'n do shaor thu sinne do Dhia le d'fhuil féin, ás gach uile thréibh, agus theangaidh, agus shluagh, agus chinneach ; agus gu'n d'rinn thu rìghrean dhinn agus sagairt do ar Dia !” ‘Nuair a sheallas è air ais air fàsach an t-saoghal so, moladh è na naoimh dhileas, chreideach, fhoighidneach air an tric a rinneadh dìmeas ; gabhaidh è truas ri sluagh aineolach, gòrach, reasgach, truagh an t-saoghal ; agus their è uime-fein, mar thuirt Peadar, “ Is maith a bhi an so ;” no mar thuirt Asaph, “ Is maith dhomh-sa teachd dlùth do Dia ; oir feuch, sgriosar iadsan a théid fad uait.” Mar dh'fhosgail Dàniel, ann an tìr a bhraighdeanais, uinneag a shedmair gach là ri Ierusalem, geda b'fhada uaith am baile mòr sin, ‘nuair a chaidh è 'dheanamh ùrnuigh ri Dia, “ trì uairean anns an là,” mar sin faodaidh anam a' chreidmhich a ta nis ann am prìosan na fedla, amharc ris an “ Ierusalem a ta shuas.” Agus mar bha Pòl maille ris na Colòsianaich, faodaidh an creidmheach a bhi maille ris na spioradaibh glòraichte, ‘ Geda tha è uatha 's an fheòil, gidheadh maille riutha 's an spiorad, a' deanamh gàirdeachais agus a' faicinn an òrduigh nèamhaidh.’ Agus mar sheinneas an uiseag gu milis, ceòlmhor, bìnn, ‘nuair a's àird’ a dh-éireas i suas anns an spéur, agus a thig grad thosd oirre, cho luath 's a laidheas i slos air an talamh ; mar sin bithidh fonn an anama taitneach, nèamhaidh, fhad 's a chumas è a shùil air Dia le meòrachadh. Mo chreach ! is ro ghoirid a dh-fhanas sinn shuas, ach a' laidhe slos arist, 's a' dì-chuimhneachadh a' chiùil !

Ach, “ O thusa, a Dhia na tròcair agus Athair nan Spiorad, is tu-féin tobar a' glàridh agus tha cuan sòlais annad, tarruing suas h-ugad-féin na cridheachan tròm, cadalach sin, agus cum fo do làimh féin iad, gus an deanar glan, spioradail iad. Soirbhich gu pailt le oidhrip lag do sheirbhisich. Treòraich iadsan, a léúghas teagast an leabhair so, gu tlachd a ghabhail ann an cleachdadh a' mhèòrachaидh nèamhaidh, an obair a's feàrr de gach obair ! Hò ! na leig do anam do sheirbhisich a bhi aineolach air an aoibhneas mhòr a tha è 'mìneachadh do mhuinn tireile, ach cum mì, gach là 'bhith-

eas mì air thalamh, a' sìor iarraidh li-ugad-féin, a' sior-chreidsiùn annad, agus a' sìor-ghluasad maille riut ann an gràdh ! Agus an uair a thig thu, saightear mis' a' deanamh mar sin ; cha n-ānn a' riàrachadh na feòla, no ri cadal le mo lòchran neo-dheasaichte, ach a' seitheamh le beò mhiann ri teachd mo Thighearna ! Thoir orrasan, a léughas briathran nèamhaidh an leabhair so, an gabhail, cha n-ānn mar thoradh mo smuaineachaidh-sa, ach mar phlosgartaich mo bhèd dhòchais agus mo ghràidh, ionnus, na'n robh mo chridhie fosgailte fo'n suilibh, gu'm faiceadh iad an sin gach focal a labhair mì, air a làn-sgrìobhadh air clàr mo cridhe le gath-soluis o ghnùis Chriosd ; gun dìomhanas, gun ana-miann, gun àrdan ànn, 'nuair a sheargas focail na beatha so. Agus inar sin nach éirich an teagasg so mar fhianuis a'm' aghaidh, ach a' teachd o chridhe an sgrìobhadair, gu'm bi è, le do ghràs, air a dheanamh éifeachdach do chridhe an léughadair, agus mar sin air a dheanamh 'n a shlànuighear beatha dhuinn le 'chéile !' AMEN.

**GLOIR DO DHIA ANNS NA II-ARDAIBH, AGUS AIR
THALAMH SITH, DEADH-GHEAN
DO DHAOINIBH.**

A' CHRIOCÉ.

LIST OF GAELIC BOOKS

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART, 64 South Bridge,
EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation
or for private distribution.

	s.	d.
Alleine's Alarm, 18mo, cloth,	1	6
Alleine's Saint's Pocket-Book, cloth,	1	0
An Lochran : Dialogues regarding the Church, 12mo,	0	6
Andrew Dunn, an Irish Catholic, 12mo, sewed,	0	3
Assurance of Salvation, 18mo, sewed,	0	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth,	1	6
Baxter's Saint's Everlasting Rest, cloth, ...	3	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, sewed,	0	3
Bible in Gaelic, 8vo, strongly bound in calf, ...	7	6
Do. 4to edition of 1816, calf, ...	36	0
Bible Stories, with 24 Wood-Cuts,	0	4
Blair's Elegy on Mr Kennedy of Redcastle, sewed,	0	4
Boston's Fourfold State, 12mo, cloth,	4	0

64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

	s.	d.
Boston's Crook in the Lot,	1	6
Brooks' Apples of Gold, 18mo, cloth,	1	6
Bonar's Christ is All, 18mo, sewed.	0	3
Buchannan (Dugald) of Rannoch's Life and Conversion, with his Hymns, cloth,	2	0
... Hymns, separately, sewed,	0	3
... Do. translated by a Missionary, sewed,	0	6
Bunyan's Come and Welcome, cloth,	2	0
... World to Come, or Visions from Hell, cloth,	1	6
... Grace Abounding, cloth,	2	0
... Pilgrim's Progress (<i>three parts</i>), cloth,	2	6
... Water of Life, cloth,	1	0
... Sighs from Hell, cloth,	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, cloth, ...	1	0
... Holy War, 18mo, cloth,	2	6
Burder's Village Sermons, 18mo, cloth, ...	1	6
Campbell's (J. F.) Popular Tales of the West Highlands, plates, 4 vols.	32	0
Campbell (Donald) on the Language, Poetry, and Music of the Highland Clans, royal 8vo, cloth, with Music,	7	6
Caraid a' Pheacaich : The Sinner's Friend, sewed,	0	3
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Mother's, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Shorter, with Proofs,	0	1½
... Brown's Shorter, for Young Children,	0	1
Confession of Faith, fcap. 8vo, cloth,	2	6
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, cloth,	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, cloth,	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, cloth, ...	1	6
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, sewed, ...	0	2
English Poems, with Gaelic Translations, ar- ranged on opposite pages, 12mo, sewed,	1	6
Flavel's Token for Mourners, 18mo, cloth, ...	1	0


Gaelic Books Sold by MacLachlan & Stewart.

	s.	d.
Fletcher's New Birth, and Cobbin's Call, 18mo,	0	3
Forbes' Gaelic and English Grammar, 12mo,	4	0
... Baptism and the Lord's Supper, ...	0	4
Gaelic Tracts, 58 different kinds, sorted, for ...	2	6
Do. bound in 2 vols., cloth, each ...	2	0
Gaelic Dictionary, by the Highland Society, 2 vols., 4to, cloth, £12, 12s. for	70	0
Grant's (Rev. D.) Duty of Children to Love and Seek Christ, 18mo, cloth,	1	6
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, cloth, ...	1	6
Guthrie's The Christian's Saving Interest, cloth,	2	0
History of Animals named in the Bible, ...	0	9
History of Joseph, sewed,	0	4
Innes's Instruction to Young Enquirers, 18mo,	0	6
James' Anxious Inquirer, 12mo,	1	0
Long Geal : The White Ship ; a Spiritual Poem, 12mo,	0	4
M'Alpine's Gaelic and English Dictionary, 12mo, cloth,	9	0
... English and Gaelic, separately,	5	0
... Gaelic and English, separately,	5	0
... Gaelic Grammar, 12mo, cloth,	1	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
... The Catholic or Universal Church,	0	6
... Poems and Songs, 12mo, sewed,	0	6
M'Farlane's Manual of Devotion, 12mo, cloth, 3s. 6d., for	2	0
... Life of Joseph, 18mo, cloth, ...	1	6
M'Intyre's Poems and Songs, 18mo, cloth, ...	2	0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, 8vo, cl.	10	6
M'Lauchlan's (Rev. Thos.) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael, fc. 8vo, cloth, ...	2	6
M'Gregor's (Rev. Dr) Hymns, 18mo, cloth, ...	0	8
Macdonald's (Dr) Gaelic Poems, 18mo, cloth,	2	6

	s.	d.
Macdonald's Hymns, 18mo, sewed,	0	2
Mackenzie's (John) Gaelic Melodist, 32mo, ...	0	4
Macleod's (Dr Norman) Sermon, Spiritual Warfare, 18mo,	0	2
MacEachen's Gaelic Vocabulary, 32mo, sheep,	4	0
Matheson's Gaelic Psalmody, cloth,	1	0
Muir's (Dr) Sabbath Lessons, by Forbes, sewed,	0	4½
Munro's Treoiriche, or First Book for Schools,	0	6
... Gaelic Grammar, 18mo, bound, ...	4	0
... Gaelic Primer, and Vocabulary, 12mo,	2	0
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, sewed,	0	6
Prayers and Admonitions (series of six, large type) in packets of 2 dozen, sorted, ...	0	6
Psalm Book, 18mo, bound,	1	0
Do. Gaelic and English,	1	6
Sixteen Short Sermons, 12mo, sewed,	0	2
Sum of Saving Knowledge, 12mo, sewed, ...	0	4
The Doctrine and Manner of the Church of Rome,	0	3
The Dairyman's Daughter, 12mo, sewed, ...	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, 18mo, sewed,	0	4
Tosd ! bi Samhach : Peace ! be still. By Rev. J. C. Ryle,	0	4
Watts' Divine Songs, with Cuts,	0	2
Whitfield's Sermons, 18mo, sewed,	1	0
Willison's Sacramental Catechism, 12mo, sewed, ...	0	8

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,
VARIOUS BINDINGS AND SIZES.

64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.



Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart,

	s.	d.
Hall's (Newman) Come to Jesus,	0	6
Harp of Caledonia, Gaelic Songs, 32mo; sewed,	0	3
History of Animals Named in the Bible,	0	6
History of Prince Charles, feap. 8vo, cloth,	3	0
Ditto ditto cheap edition, sewed, ...	1	6
Jacobite Songs, with Portrait of Prince Charles,	1	0
James' Anxious Enquirer, 12mo, sewed,	1	0
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, cloth,	1	6
Joseph, History of, 18mo, sewed,	0	4
Laoidean Eadar-Theangaichte o'n Blieurla, 12mo. cl.	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy Scriptures, by Forbes, 18mo,	0	4
M'Alpine's Gaelic Grammar, 12mo, cloth,	1	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo, ... The Catholic or Universal Church,	4	0
MacColl's Mountain Minstrel, English Edition,	1	6
Maedonald's (Mae Mhaistir Alistir) Gaelic Songs,	2	0
Macdonald's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, cloth,	2	6
... Waters of Jordan, 18mo, sewed, ...	0	2
M'Farlane's Manual of Devotion, 12mo, bound,	2	0
M'Gregor's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, cloth,	0	8
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with an English Translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo,	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language (in English),	1	6
Maekay's (Rob Donn) Songs and Poems, 18mo,	2	6
Maekenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, cloth,	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, rl. 8vo. ...	12	0
... Gaelic Melodist, 32mo,	0	4
Macleod, Rev. Dr., Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, sewed, 1s. for	0	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael (in English), feap, 8vo, cloth,	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian (in English), 8vo,	0	6
Macneill's Neniae, and other Poems, cloth, ...	2	0

Gaelic Books Sold by Maelaehlan and Stewart,

	s.	d.
Maepherson's "Duanaire," a New Collection of Songs, &c., never before published, 18mo, cl.	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, 8vo, cloth,	6	0
Mountain Songster, Collection of Original and Selected Gaelic Songs,	0	6
Munro's Gaelic Grammar, 18mo, bound,	4	0
... Gaelic Primer and Vocabular, 12mo, ...	2	0
... Selection of Gaelic Songs, 32mo,	0	4
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, cloth,	3	0
Ossian and the Clyde: Fingal in Ireland, Osear in Iceland, by Dr H. Waddell,	12	6
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, sewed,	0	6
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maeecoll, 12mo,	1	6
Prayers and Admonitions, (series of six, large type,) in packets of 2 dozen, sorted,	0	6
Psalm Book, (General Assembly's Version), large type, 18mo, bound, gilt edges,	2	6
Do. do. 18mo, cloth,	1	0
Do. Smith's or Ross's, large type, 18mo, bd.	2	0
Do. Gaelic and English, on one page, ...	1	6
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, cloth,	1	6
Sinner's (The) Friend, 12mo, sewed,	0	3
Sixteen Short Sermons, 12mo, sewed,	0	2
Smith's (Dr) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram,	2	6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, sewed	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, 18mo, sewed, 0	2	
Willison's Sacramental Catechism, 12mo, sewed,	0	8
<hr/>		
New Testament for Schools, 12mo, bound,	1	0
Job to Ecclesiastes, (for the use of Schools),	0	2
Proverbs of Solomon, do. do.	0	2

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,

AT VARIOUS PRICES.

